faith, Col. ii. 7. as of other things, so in [illegible] this great Article of the Christian Religion)? are come up "unto all riches of the full assurance of derstanding, to the acknowledgment of the myste God, and of the Father and of Christ," as the Ap speaks? Col. ii. 2. I could most heartily wish that it thus with you, and with all who do profess that they lieve Christ to be the Son of God, but I fear it is no Now, my brethren, that I may the better excite yo labour after a full and firm assent unto it, consider that special-reason or end why a great part of the New-T ment was written, was this, that you might believe be confirmed in your belief of this very thing: John 31. "But these are written, that ye might believe, Jesus is the Christ, the Son of God, and that belie ye might have life through his Name." You may serve concerning this Evangelist St. John, as of all other Evangelists he was most inspired in the revea of Christ's divine Sonship, so he was also most insp in the pressing of men to believe it and in the setting of the weightiness of the belief of it: 1 John ii. "Whosoever denieth the Son the same hath not the ther, but he that acknowledgeth the Son, hath the Fa also: 1 John iv. 15. Whosoever shall confess that J is the Son of God, God dwelleth in him, and he in G 1 John v. 5. Who is he that overcometh the world, he that believeth that Jesus is the Son of God?" W a mighty stress did this great Apostle lay upon it! how doth it concern all upon the Considerations down by him, to live under a steady belief of Chr being the Son of God! Indeed this is the Foundat Truth; Christ himself is the personal foundation, this Truth, not exclusively but eminently, is the trinal foundation: to both of which that famous an

NF. 741.U.7.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

EISEMPLEIR

SHOILLEIR CEASNNUIGHE

AIR

LEABHAR AITH-GHEARR nan CEIST,

CHUM

Foghlum a thabhairt do 'n dream ata óg, agus ain-eolach.

Leis an Urramach

Mr EOIN WILLISON,

Minifteir an t Soifgeul ann DUINDEA.

Eidear-theangaichte gu GAIDHILC ALBANNACH,

Air fon leas coitcheann

TEAGHLUICHIBH agus SCOILIBH.

Cum gu daingean fambla firinneach nan briathra fallain, 2 TIM. I. 13.

DUNEADAIN:

CLO'-BHUAILT LE EOIN REID.

M DCC LXXIII.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
16 JAN 1969

Unto the Right Honourable

The EARL of KINNOUL,

Preſident of the General Court;

The Rev. JOHN ERSKINE, D. D.

Preſes of the Committee of Directors;

And the other Honourable and Reverend Members of,

The Society in Scotland for propagating Chriſtian Knowledge:

The following Tranſlation of

The late Reverend and Pious Mr JOHN WILLISON's *Example of plain Catechiſing on the Shorter Catechiſm*,

IS,

In token of Gratitude for the Honourable Society's generous Encouragement of the Work,

Moſt reſpectfully dedicated

By

Their moſt humble,

Moſt obedient, and

Moſt obliged Servant,

THE TRANSLATOR.

RABHADH.

MAR ata tomhas eigin dò eòlas air bunchair a chreidimh chriosluidh priomh-fheumail chum slainte, agus ajn eólas air na nithe sin a' cur anamaibh a' mugha; Ata e soilleir gu bu nós le eaglais De ann 'sgach linn, bhi ag ceasnuchadh an luchd eisteachd, thaobh gu do mhothaigh iad an doigh so ro fhreagrach a cho'-pairteach' an eolais sin. Do bhri' nach 'eil mineachadh air bith aguinn air leabhar anhgearr nan ceist, (am foir-cheadal ro oidheirc sin) ann gaidhlig albannaich, mheas me, gu 'm feadadh an teidir theangach' a leanas, trid beannuchadh Dhe, bhi co'-stadhach do 'n dream nach d' fhuair eólas air a ghall bheurladh, chum an staid bhrónach am bheil iad thaobh naduir; agus sligheanna slainte shiorraidh trid fear saoruidh a shoilleireacha' dhoibh; maille re sealladh soilleir air gach dleasdanas; ata dligheach do Dhia, agus do dhuine: Chuir an cuideachadh a fhuair me, 'n chuideachd urramach ata chum eólas crioslaidh a sgaoileadh feadh Gaidhealtachd, agus Eileana na h Alba am chomas an leabhar so a reic na saoire na b' urradh me air doidh eile a dheanadh, agus be mo rún, gu'm bithidh a mheadhais d' an aithne a leaghadh, agus ag nach 'eile tuigse iomchuidh air a bheurladh, curamach air eólas a ghabhail air na nithe a bhuineas d' an slainte; Gu sonruighte, gu 'm bithidh clann óg ag foghlum an leabhair so ann an sgoilibh, chum a leaghadh gu tric d' am parantaibh, aig nach roibh am fàth ata acasan air eólas fhaghail, agus mar an ceadna gu 'm bithidh ceann-airdibh teaghluchaibh, agus parantaibh ga leaghadh do 'n dream ata fuidh 'n-ughdarras, gu sonruighte air laithe Sábaid, chum bhi comasach an cunntas a thabhairt suas faidheoidh le gairdeachas, agus chum a bhinn sholasach sin fhaghail, "Bha thusa firinneanach ann am beagan, "cuiridh mise os ceann mhórain thu; rachsasteach ann "an aoibhneas do Thighearna."

EISEMPLEIR

SHOILLER CEASNUIGHE

AIR

Leabhar Aithghearr nan Ceist, chum foghlum a thabhairt do'n dream ata óg, agus ain eolach.

Ceist I. *CREUD is crioch araid do'n duine?*

Freagradh. Is crioch araid do 'n duine, Dia a ghlorachadh, agus a'mhealtain gu suthain.

C. *Creud ata thu ag tuigsin mu chrioch araid duine?*.

F. A ni sonruighte bu choir do dhuine chur roimhe, agus a bhi na rún thaobh a ghluasachd ann san t'saoghol, agus air am bi se 'g amharc mar a chrioch mhór m'an do chruthaighe é.

C. *Ciod é a chrioch mhór agus araid sin?*

F. Ann san fhreagradh a ta i air a sgaoileadh amach gu da phairt; a chrioch as ro airde bhi toirt gloir do Dhia, agus an dara crioch bhi ga mhealtain-sin gu suthain.

C. *Am fead duine ni air bith a chur re gloir nadurra Dhe?*

F. Cha 'n fhead; oir mar ata sin neó-chriochnach, cha 'n fheadar ni air bith a chur ria.

C. *Cionnas ma 'ta a dh' fheadas sinne Dia a ghloracha?*

F. Le bhi ag taisbean amach a ghloir-sin ann am fe'nais an t saoghail.

C. *Cionnas a dh' feadar linn sin a dheanamh?*

F. Le bhi ag aid, eathadh buaidhibh Dhe, le

bhi toirt urram dh'a agus ag earbsa ris ; bi toirt buidheachais dh'a le'r billibh, agus ag riaghluchadh ar caithe beatha do reir fhocail sin, Sal. 50. 23.

C. *Cionnas ata sin a' toirt gloir do Dhia le bhi 'g aidmheil ar peacaidh mar 'ta e ann, Josh. 7. 19.*

F. Do bhri' le bhi deanadh so, gu bheil sinn ag aidmheil gu bheil Dia neo'chriochnach ann colas agus nach feadar diomhaireachd air bith fholach uaithe, agus mar an ceadna ann an ceartas ge do thionsgain é r 'ar cronachadh air son ar peacaidh-ne.

C. *C' ar son bu choir dhuinn gloir Dhe bhi mar chrioch araid againn ?*

F. Do bhri' gu bheil sinn fuidh iomad commain ro mhór do Dhia, oir 's eisean ar cruthai'-fhear uile chumhachdach, ar fear coimhead gráisimhór, agus ar fear saoruidh trocaireach.

C. *C' uin' a bhios sinn ag ith agus ag ól chum gloir Dhe mar 'ta 'n t absiol ag seoladh, 1 Cor. 10. 31. ?*

F. 'N uair a bhitheas sin ag deanamh so ann umhlachd do aithne Dhe, chum ar beatha agus ar flainte a choimhid, air chor as gu 'm bi sinn comasach air onoir agus seirbheis a thabhairt do Dhia air thalamh.

C. *Nach fead creatuirean eile gloir Dhe a thaisbean co mhaith ris an duine ?*

F. Feadaidh, 'ta na neamhaidh ga dheanamh, Sal. 19. 1. Mar ataid a nochdadh gloir a ghliocais, agus a cumhachd air doigh fhulangach, leis na nithe 'ta ra 'm faicsin ionnta ; ach cha 'n fheadar Dia a ghloruchá air mhodh deanadach ach le creaturibh reasonta.

C. *Am bheil gach aon duine ag deanamh an crioch araid do bhi toirt gloir do Dhia ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ata mórán daoin' an aite bhi toirt gloir do Dhia, gu truadh ag toirt easonoir dh'a.

C.

C. *Co iad ſin ?*

F. Iad-ſan ata dío-chuimhneachadh Dhe, no eaſumhal d'a lagh-ſan.

C. *Co iad ata ag diſ'-chuimhneachadh Dhe ?*

F. Iadſan nach 'eil a' deanamh urnaigh re Dia, no á toirt buidheachaís dh' a air ſon a thiodhlacaibh, agus an dream ata fuar-chrabhach na adhradh, agus nach 'eil a' cuimhneach fhocail ſin.

C. *Ciod a thig riuſan nach cuimhneich Dia ?*

F. Ata é air a radh gu pillfear gu hifrionn iad, Sal. 9. 17.

C. *Ann d' rinn Dia gach aon ni chum a ghloir fein ?* F. Rinn.

C. *Mar dean daoine an crioch araid dheth ſo, an caill Dia a chrioch a bh' aige nan deanamh ?*

F. Cha chaill, oir mar bi Dia air a ghlorachadh leóſan, gabhaidh é gloir dh' a fein orra, eadhon, bithidh a cheartas air a ghlorachadh ann nan ſgrioſadh.

C. *Nach 'eil é laghail do dhaoine criocha as ifeadh na gloir Dhe a chur rom' pa, mar ata duine bhi dicheallach na eallain, chum na criche ſo gún deanadh e deaſucha' air a ſhon fein agus air ſon a theaghluich ?*

F. Ata, ach 's eigin dhuinn' na criochaibh ſin as ifleadh a chur romhain an geill do chrich araid an duine, eadhon gloir Dhe.

C. *Nach 'eil ſinn a meadacha ar ſonais fein le bhi ag deanamh ar crioch araid do ghloir Dhe ?*

F. Ata, agus uime ſin, ata bhi toirt gloir do Dhia, agus bhi 'ga mhealtain gu ſuthain ar an ceangal r'a cheile ann fan fhreagra.

C. *An eigin dhuinn dicheal a dheanamh alr Dia a ghlóruchadh air talamh ; mu b' aill ſinn a mhealtuin air neamh ?* F. 'S eigin.

C. *Am bheil ſinne comaſach dh'inn fein air Dia a ghloruchá ?*

F. Cha 'n 'eil, dh' fhag an ceud ſeachran neóchomaſach ſinn ; ach trid Chriſt agus á ghraiſ-

ſin, ſeadaidh ſinn bhi air ar neartuchadh ann cail eigin chum ſo a dheanamh.

C. *Creud e' bhi ag mealtain Dhe ?*

F. Bhi ag ſealbhachadh gràdh agus deagh ghean De, no bhi air ar beannughadh le a latharachd h ràſmhôr-ſin.

C. *An bheil fior ſhonnas an duine a' co'-ſheaſamh an ſo ?* *F.* Ata.

C. *Nach fead duine Dia a mhealtain mar ſo air thalamh ?*

F. Feadaidh ; ata latharachd ghràſmhôr an Tighearna ann an cail eigin aig na naoimh air thalamh ann a orduighean fein, ach mealaidh iad é air doigh eille air neamh.

C. *Ciod an t eider-dhealuch' ata eidear an doidh air am bheil ſinn ag mealtain Dhe air thalamh, agus an doidh ſin air an ſealbhaich ſinn é air neamh ?*

F. Ata an co'-chomunn ata aguinn re Dia air thalamh ro ghaoirid agus neo'-iomlan ; ach air neamh bithidh è bioth-bhuan, iomlan, agus neo'-mheadhonach, 'ſan ann ſin a chi na naoimh é mar ata é, " Agus bitbidh iad coſmhuil ris an " Tighearna, agus gu brath maille ris", 1 Eoin 3. 2. 1 Theſſ. 4. 17.

C. *C' ar ſon ata ar 'n ard ſhonnas ag co'-ſheaſamh ann Dia a mhealtain ?*

F. Do bhri' gur hé Dia à maith a's mó, agus gubheil énéo-chriochnach ann 's gachbuaidh ghlormhôr, 's eiſean amhain a ſhaſuigheas tograibh neo'-laithilteach an anama neo'-bhàſmhôr : 's eiſean an cuibh-roinn ata freagrach do 'n nadurra ata ſpioradail agus buan mhairtheanach, Sal. 73. 26.

C. *Cionnas a rigeas ſinne air Dia a mhealtain ?*

F. 'S eigin dhuinne gabhail re Crioſt an t eidir-mheadhonear, beatha a chreidimh a bhi aguinn, agus ſinn feinn aich-ſheun, dicheall a dheanamh air ar croidhe agus ar beatha a bhi fiorghlan, agus bhi gu tric a' gnathacha' urnaigh agus buidheachais.

C.

C. *Creud i a chrioch araid ata daoin'aingidh a cur rompa ?*

F. Bhi ag ſaſuchad'h an ain-miannaibh feol-mhôr, agus bhi mealtain na nithe as fearr' ata 'n ſaoghal ag freaſdal.

C. *Am fead na nithe maith ſaoghalt' a bhitheas ſin a' mealtain ar deenamh ſonnah ?*

F. Cha 'n fhead ; oir, mar nach 'eil iad freagrach do iartas an anama, mar an ceadna, ata iad ro ghaorid agus neo'-chinnteach a thoirt toil inntin-iomlan ſeachad.

C. *Am fead droch dhaoine duil a bhi aca re Dia a mhealtain ſan aith bheatha ?*

F. Cha 'n fhead ; oir 's eigin dhoibh-ſin a mhealas Dia na dhiaidh ſo, bhi air an deaſucha fa chomhair an ſan t ſaoghal ſo.

C. *Co iad an dream ata iomchuidh air Dia a mhealtain ?*

F. Iadſan a ta air an naomhachadh.

C. *Ciod a thig riuſan ata teachd gacirid air Dia a mhealtain air neamh ?*

F. Bithidh an cuibh roinn ann ifrinn maille re cealgoiribh agus neo'-chreidmhich.

C. *C' uin' bu choir do dhuine tôiſeach' air ſmuaintech' gu durachdach air a chrich araid ?*

F. Ann an laith oige, Eccl. 12. 1.

C. *Nach fead ſinn dâil a chuir ann gu am iomchuidh ann diaidh laimh ?*

F. Cha 'n fhead, oir cha 'n 'eil am air bith co iomcchuidh ; agus teadaidh an t am a bhios ſinne cur romhain gun teachd gu brath, do bhri' gu' m bheil am bàs a' teachd air moran gu hobain, Luc. 12. 29.

C. *C' uin' a dh' fheadas ſinn crioch a chuir air bhi toirt gloir do Dhia ?*

F. Cha 'n fhead am feaſt.

C. *A meaſar ſin gu brath mar leatrom ?*

F. Cha mheaſar, oir 's é tlachd gach anama

ghrafail bhi deanamh toil De, agus uime fin, deirir mu 'n ionad as mó fonas, " Ann fin bheir " a fhearbhanta feibhis dh a'," Sal. 40. 8. Taif. 22. 2.

Ceift II. *Creud an riaghailt a thug Dia dhuinne d' ar teagafg chum 's gu feadamaid eifean a ghlórucha' agus a mealtain?*

F. Is e focal Dhe ata air a chur fios ann an fgriobtuir an t Sein Tiomna agus an Tiomna Nuadh, amhain is rioghail dhuinne d'ar teagafg chum 's gu feadamaid eifean a ghlorucha' agus a mhealtain.

C. *Cionnas ata cheift fo air a ceangal ris a cheift ata air thoifeach orra?*

F. Mar ata cheud cheift a' nochda crioch ar cruthachaidh, ata cheift fo ag comhar' thach' na riaghail no meadhon leis an rig finn air a chrich fin, eadhon na fgriobtuire.

C. *C' ar fon a deir finn fgriobtuir re focal De?*

F. A deir finn fgriobtuir no fgriobha ro ainmeil re focal De; do bhri' gur h iad na fgriobtuiribh an fgriobha as fearr agus as mó feum ata fan t faoghal.

C. *C' ar fon a deirir focal De ris na fgriobhaidh fin?*

F. Do bhri' gun do labhair Dia fein iad, no gu'n d' thug é aithne do dhaoinibh an fgriobhadh.

C. *Nach deirir am focal re Crioft mar an ceadna?*

F. Deirir; ach fe Crioft focal nadurra Dhe, ach fe am Biobul focal fgriobhta Dhe.

C. *C' ar fon a deirir am focal re Crioft?*

F. Do bhri' gur h é Crioft fior iomhaidh an athar, mar ata ar briathrai'ne nan iomhaidh air ar croidheachaibh.

C. *Thaobh gu raibh am Biobul air chuid as mo' air a labhairt, no air a fgriobha le daoinibh, nach 'eil*

é na's iomchuidh focal daoine na foeal De a radh ris ?

F. Cha 'n 'eil ; oir ge do labhradh, agus ge do sgriobha' le daoinibh naomh é, rinn iad so, cha 'n ann do reir an toil no 'n gliocais fein, ach mar bha iad air an seoladh agus air am brosduchadh chuige sin leis an Spiorad naomh, 2 Pead. 2. 21.

C. *Co a thoiseich air na sgriobtuir naomh a sgriobha ?* *F.* Maois.

C. *Co a chuid dhiubh a sgriobh eisean ?*

F. Na cuig leabhraichean as toiseicheidh, eadhon, Gin. Himtheachd, no Exodus, Lebhiticus, Aireamh, agus Aithris an lagh. no Deuteronomy.

C. *Creud iad na nithe sonruighte 'ta ann sa cheud leabhar dhiubh sinn ?*

F. Seanachas air crutha hadh an t saoghail, tuiteam an duine, an sgrios a thainig air an t saoghal leis an tuil, agus iomad ni sonruight' eile thaobh na h eaglais ois cionn da mhile bliadh-a m' an d' rugadh Maois.

C. *Mar roibh sgriobha' air bith ann roimh am Mhaois, cionnas a dh' fheadadh eisean cinnt fhaghail air sirinn na nithe sin ?*

F. Le taisbean o neamh, co mhaith as le beul theagasg dhaoine.

C. *C'ar son a dh' aithn' Dia fhocal a bhi air a sgriobhadh ?*

F. Chum 's gu'm bithidh riaghailt' shuight' agus chinnteach aig eaglais fein, thaobh creideamh, agus gniomhartha ann 'sgach linn re teachd, agus nach bithidh iad air am mealladh le beul theagasg neo'-chinnteach.

C. *Cionnas a dh' fheadadh an eaglais seasamh air marthainn, agus an creideamh bhi air a choimhid fiorghlan uine co fhada roimh am Mhaois, 'n uair nach raibh focal sgriobht' ann ?*

F. Do bhri' gu raibh an eaglais air a druide suas ann am beagan teaghlaichibh, do thaobh

beatha

beatha fhada na m priomh aithreacha diadhaidh, agus coi'-lion taisbean a bha Dia a' toirt dhoibh air fein ann am bruadair, agus aiflingibh, agus le ardghuthaibh, agus mar an ceadna le bhi cur Ainglibh d' an ionnsuidh.

C. *Cionnas ata thu co'-duchadh gur h iad na sgriobtuir focal De, agus gu raibh iad air an sgriobha' le deachdadh o neamh?*

F. Le naomhachd na nithe ata ionnta, neamhachd am briathraibh, coi'-sheirm gach cuid dhiubh r'a cheile, eifeachd an teagaisg air an anam, coi'-lion miorbhuile a dh'oibreacha chum an dearbha', agus fulangas aoibhneach na mairtireach air an son.

C. *Nach'eil ni eigin eile 'ta na's mô eifeachd a chur impidh oirne thaobh diadhachd nan sgriobtur na na nithe sin uile?*

F. Ge d' tha iad sin diongmhalt' a thoileacha dhaoine riasunta, agus chur tosd air an dream ata cur nan aghaidh; gidheadh 'f é spiorad Dhe amhain ag toirt sia'-nais leis na sgriobtuire air ar croidheachaibh, a dh' fheadas sinne dhaingneach' chum a chreidsin gur iad da rireadh focal Dhe, Eoin 16. 13.

C. *Cionnas ata na sgriobtuir air an roinn?*

F. Na'n da chuid, eadhon, sgriobtuir an t sein-tiomna, agus an tiomna nuadh.

C. *C'ar son a deirir tiomna riu?*

F. Do bhri' gu bheil iad, a' coimhid toil De thaobh slainte pheacairean, mar bha i air a foillsicheadh, agus air a daingneachadh le Crioft am fear tinmnuidh, agus deirir ris an toil so tiomna no' coi'-cheangal.

C. *Am bheil da thiomna, n o da choi' cheangal ridir dhealuight' ann sgriobtuiribh an t sein tiomna agus an tiomna nuaidh?*

F. Cha'n 'eil, oir ataid mar aon ag cur amach an aon choi'-cheangal ann am brigh, agus suim, thaobh gu bheil sinn ag faicsin gur h é an aon

Eidir

Eidir mheadhoinear agus an aon ſlighe chum ſlainte tre creidimh ann ſan, ata air an comh-arthach' amach ionnta mar aon. Ach do bhri' gu bheil na h uiread atharrach' ann ſan doigh air am bheil an coi'-cheangal air a fhrithealadh, ata é air eider dhealughadh gu ſein tiomna, agus tiomna nuadh, no gu ſean agus nuadh coi'-cheangal nan grás.

C. *C'ar ſon a deirir an ſein tiomna ris na ſgriobtuiribh ata ann ſa cheud chuid do' n Bhiobul?*

F. Do bhri gu bheil aguinn' annta freaſdal De ann ſan t ſein aimſir thaobh coi'-cheangal nan grás, m'an d' thainig Crioſt ann ſan fheoil, a bha le móran deaſghna', faí' dearachd, coſamhluichdibh, agus iobairtibd a' reimh-chiallucha' a Mheſſiah bha re teachd.

C. *C'ar ſon a deirir an tiomna nuadh re ſgriobtuir na cuid dheireannach do'n Bhiobul?*

F. Do bhri' gu bheil iad ag foillſeachadh nuadh fhreaſdal De ann ſa choí'-cheangal trid Chrioſt, a thainig ann ſan fheoil, a choí'-lionadh ſamhlui' ean agus coſamhlachdan an t ſeintiomnuidh, agus a dh' orducha' adhraidh bu ſpioradaile 'n an aite, agus a thaiſbean' a ghraís ni bu ſhoilleireadh agus na b' fhairſinge do 'n t ſaoghal.

C. *Cionnas a dh' fheadadh a cheud chuid do' n Bhiobul fearta tiomnuidh bhi ann, 'n uair nach raibh é air a dhaingneacha' le bás an Tiomnuidh-fhir?*

F. Bha é air a dhaingneacha' le bás Chrioſt ann an coſamhlachd leis na h iobairte a chuireadh gu bás, agus d'a thaobh ſo deirir re Crioſt, " An " t uan a mharbhadh o thoiſeach an t ſaoghail." Agus air bhi do ſhochairibh an t'ſein tiomnuidh air an deanamh thairis do na creidmhich ann earbſa re bás an Tiomnui' fhir a bha da-rireadh re tachairt, agus a bha air a roi'-chialluchadh leis na h iobairte ſo, do bha iad air an deanamh foghainteach dhoibhſin ann lorg an creidimh.

C. *Am*

C. *Am bheil fgriobtuir an tfein tiomnaidh nan tuid d'ar riaghailtne?*

F. Ata ; oir ataid a' labhairt móran air Crioft agus air a fhoifgeul, ata lagh na modhafia' ionnta, agus ata iad air an toirt a fteach gu tric ann fan tiomna nuadh, Matt. 22. 29. Eoin 5. 39. Gniomh. 17. 11. Rom. 15. 4. 1 Cor. 10. 6. Eabh. 4. 2. Gal. 3. 8.

C. *Am bheil na fgriobhui'-ean ata ann an leabhraichean an Apocripha gu bhi air an leaghadh, agus r'an gabhail mar fhocal De ?*

F. Cha 'n 'eil, oir ge d' thafu iad feumail mar ata móran do fgriobhui'-ean eile dhaoine, gidheadh cha'n aon chuid do'n fgriobtur naomh iad, do bhri' gu faic finn nach raibh iad air an fgriobha' ann an ceud chanamhuin an t fein tiomnaidh, no le haon do na faidhibh a bha air an feóladh le Dia, ach ann diaidh linn Mhalachi a neach bu deireannaiche dhuibh, ni mo ghabh na h Judhaich (d' raibh bríathra De o fhein air an tabhaírt) riu, mar aon chuid d' an riaghail fin.

C. *Am bheil ughdarras nan fgriobtur ann earbfa re teifteas na h Eaglais ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ata 'n Eaglais i fein air a togbhail air na fgriobtuiribh mar a bunait', agus ata i le a teagafg gu bhi air a feachain leo fan.

C. *Am bheil ni air bith r'a ghabhail mar raighail d'ar teagafg ann fan tflighe chum fonais ach na fgriobtuir naomha ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir, ni bheil ar riofun fein r'a gabhail, mar ata na Di chreidmhich ag radh, no beul-theagafg neo'-fgriobhta mar ata na Papanaich ag radh, no an folus ann taobh ftigh, no an fpiorad as eagmhuis nan fgriobtur, mar ata na Crith-chreidmhich, agus luchd bar'ail mhealta a' cur rompa, Ifa. 8. 20. Gal. 6. 16. 1 Eoin 4. 1. 6.

C. *C'ar fon nach 'eil folus nadurra no ar riafunt fein*

fein diongmhulta g' ar feoladh ann fan t fligbe chum fonais ?

F. Do bhrigh ge d' tha iad a' teagafg dhuinn gu bheil Dia ann, agus gur coír adhradh thoirt dh' a fan ; gidheadh cha'n fhead iad obair iongantach na faorfa trid Iofa Crioft a fhoilleireach dhuinne.

C. *Ach am bheil focal De leor fhoilleir, agus lan iomlan chum bhi na raighail dhuinne ?*

F. Coid air bith cunnuil ata na Papanaich a' cur air, a thoirt a fteach am beul theafgafg, agus orduighe a Phapa, gidheadh ata focal De na riaghail leoir fhoílleir agus choi' lionta, mar ata comhairle Dhe gu h iomlan ann, thaobh gach aon ni is feumail dhuinn eolas a bhi aguinn orra no chreidfin chum gloir Dhe, agus flaint ar 'n anama a chur air ann aghaidh. Agus ata fo aguínn' ann am briathraibh foilleir direach, na feadar an tarruing uatha, air doigh fo thuigfin do'n dream as anmhuinne, agus as lugha eolas, 2 Tim. 3. 15. 16. 17. Sal. 19. 7. 8. 9. Sal. 119. 105. 130.

C. *Am bheil ma'ta toil fhoillfighte De do 'n thaoghal gu h uile ann fan fgriobtur ?* *F.* Ata.

C. *Am bheil finn gu ni air bith a chreidfin ach na bheil fgriobht' aguinn' ann am focal De ?*

F. Ata iomad ni, ge nach'eil iad co fheumail chum flainte.

C. *Am bhoil focal De r' a thoirt fai dear mar raighail d'ar 'n adhradh co mhaith is d'ar creidimh ?*

F. Ata.

C. *Nach' eil é laghail dhuinn' cuid do innlichdibh ciatfach a chur re adhradh Dhe, mar 'ata combartha chroin cheufaidh ann Baifte, glun lubadh aig fuipeir an Tighearna, Streachda do'n Altair, an t organ ann am molaidh,* &c. ?

F. Cha 'n 'eil ; cha choir am pine as lugha chur ris a a phalluinn, ach an ni a dh' orduigh Dia fein, Eabh. 8. 5.

C. *Creud*

C. *Creud ata 'n t Abſtol ag radh ris na h innlichdibh, agus na co chuir ſin?*

F. " Ceud thoiſeach uir-eaſbui' each, agus adhradh fein thoile, Gal. 4. 9. Col. 2. 23.

C. *Creud a deir Dia riu ſan ata cur na nithe ſin r'a adhradh ſin?*

F. Deir é riu mar a dubhairt ſe ris na h Judhaich, Iſa. 1. 12. " Co 'ta 'g iarraidh na nithe ſo o " bhur laimh."

C. *Ciod a' meas bu choir dhuinn' a bhi aguinn' do na ſgriobtuiribh?*

F. Bu choir dhuinn a' meas na trocair, agus na ſochair mhór, gu bheil toil De air a foillſeachadh ionnta mar ſholus g' ar ſtiuradh ann ſan tſlighe chum neamh; agus uime ſin, bu choir dhuinn mór ghrádh a bhi aguinn orra, agus bhi gan gnathacha' gach la.

C. *Nach'eil iad ann ſtaid ro thruadh ata a's eagmhuis nan ſgriobtuire?*

F. Ata; oir, " Far nach'eil taiſbein theid am " Pobull a' mugha," Sean. 29. 18.

C. *An teaſairg am ſocal neach air bhith gun chongnamh an Spioraid?* F. Cha teaſairg.

C. *Ciod a thig riuſan aig am bheil am focal, agus gidheadh 'ta deanadh di-mheas air?*

F. " Bithidh iad air an ſgrioſadh," Sean. 13. 13.

Ceiſt III. *Creud ata nà ſgriobtuire gu h araid ag teagaſg?*

F. Ata na ſgriobtuire gu h araid ag teagaſg gach ni is coir do'n duin' a chreidſin mu thimchioll Dhe, agus an dleaſdanas ata Dia ag iarruidh air an duine.

C. *Creud iad an da leaſén mhór ata na ſgriobtuir ag teagaſg dhuine?*

F. Ata na ſgrobtuir ag teagaſg dhuinne. 1 Na

firinnibh

firinnibh a's eigin dhuinn' a chreidfin. 2. Na dleafdanais is eigin dhuinn' a choi'-lionadh.

C. *C'ar fon ata creidimh air a cuir air thoifeach air umhlachd?*

F. Do bhri' gur hann o'n fhir chreidimh ata 'n umhalchd threimh-dhireach a' fruthá, agus cha'n fhead dleafdanas air bith a bhi air a dheanamh gu taitneach a's eagmhuis, Eabh. 11. 6.

C. *Creud ata na fgriobtuire a' teagafg dhuinn' a chreidfin mu thimchioll Dhe?*

F. Na tri nithe fo, 1. Gu bheil Dia ann. 2. Creud é Dia. 3. Ciod ata Dia á deanamh. Agus uime fin, bu choir dhuinn' bhi 'g oirpeachadh fás ann an eólas air bith, nadur, agus oibridh De.

C. *Nach bu chóir dhuinn' air thús dicheall a dheanamh chun bhi air ar focruchadh gu daingean ann fan fhirimi fo, gu bheil Dia ann?*

F. Bu ch[illegible]r.

C. *Creud iad na nithe 'ta ag dearbha gu bheil Dia ann?*

F. Ata fo foilleir, cha'n é 'mhain o'n bhiobul, ach mar an ceadna o fholus naduir, o oibribh a chruthaich eadhon, bith nan neamhaidh, na talmhain, agus na faraige, le coi'-lion creatuir ata ionnta, ordu' maifeach agus gluafachd nan foillfe neamhaidh, traoghadh agus lionadh riaghailteach na fai'ge, cruth agus dreach iongantach an duine thaobh cuirp agus anama, na miorbhuile a chuaidh oibreachadh na fai'dearachd a choi'-lionadh, aontachadh gach rioghachd do'n fhirinn fo, coguis an duine fein, ata 'g a dhiteadh'n uair a bhios e' ciontach agus a' gabhail a leithfgeil 'n tra bhios e neo'-chiontach: ata iad fin uile gu leoir fhoilleir 'a nochdadh gu bheil Dia ann, mar adbhar nair' agus maflaidh do gach neach leis am b' aill an fhirinn fo chuir ann teagamh.

C. *Ciod a deir finn riufan 'ta ag fmuaintaghach nach' eil Dia ann?*

F. Deir finn luchd Dia fheanaidh riu.

C. *Ciod ata Spiorad De ag radh riu?*

F. Amaidain.

C. *C'ar fon a deirir amaidain riu?*

F. Do bhri' gu 'm bheil an ni ataid ag fmuaiteachadh ann aghaidh breanuchadh riafunt' an anama fein, agus ann aghaidh bar'ail chiotcheangach duine glic agus riaghailteach, agus mar an ceadna ann aghaidh teifteis gach creatuir; do bhri' gu bheil bith agus gliocas De r' an faicfin gu foilleir ann 's gach ni air an focruigh finn ar fuilean, mar ata, ean, cuileag, craobh, luibh, agus gach feornuin do 'n fheur.

Ceift IV. *Creud e Dia?*

F. Dia is Spiorad o, ata neo'-chriochnach, bioth-bhuan, neo'-chaochlach ann a bhith, a ghliocas, a chumhachd, a naomhachd, a cheartas, a mhaitheas, agus fhirinn.

C. *Am bheil é 'n comas creatuire cunntas iomlan a thabairt air Dia?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Nach 'eil gach uile bhreathnuch' 'ta aguinne mu nadur na diadhachd ro neo'-iomlan?* *F.* Ata.

C. *Cionnas ata iad mar fin?*

F. Do bhridh air bhi do nadur Dhe fpioradail, agus neo'-chriochnach, gu bheil fe air ardachadh co mhor o 's ar ceann-ne is nach feadar a nochadh le cainnt, no fhaicfin le ciatfadha, no a thogbhail le tuigfe dhaoinibh, Job 11. 7. 8 9.

C. *Creud a ghne fhubftaint ata an Dia?*

F. Dia is Spiorad, e Eoin 4. 24.

C. *Creud é Spiorad?*

F. Bith neo-fhaicfineach, aig am bheil tuigfe agus toil, gun chorp no buill chorporra, Luc. 22. 30.

C. *Nach 'eil aingle agus anama dhasine nan Spiorada mar an ceadna?* *F.* Ata.

C.

C. *Ciod an t eider-dhealuch' ata eider Dia agus na ſpioradaibh ſin?*

F. Cha 'n 'eil ann 'ta ſin ach ſpiorada criochnach, air an cruthachadh le Dia, agus ann * taic ris-ſin; ach ata Dia na Spiorad neo'-chriochnach, neo'-chruthaighte, agus neo'-cheangailte ri ni, no neach, an ti a rinn gach aon ni do reir a thoile fein.

C. *Ma 'ta Dia 'na ſpiorad, coinnas ata na ſgriobture ag ainmeachadh gnuis, ſuilean, chuaſan, beul, lamhan, agus † cotchaibh corporra eile air?*

F. Cha 'n 'eil iad ſin r'an gabhail ann feagh dìreach, ach mar bhriathraibh ſamhluch thaobh Dhe: oir nan labhradh Dia ruinne ann a chaint fein, agus cunntas a thoirt dhuinn' air fein, mar ata é da rireadh, cha b'urra' ſinn a thuigſin; uime ſin, is toileach leis labhairt air fein do reir nós dhaoine, ann aontachadh r' ar laigs-ne aig nach fead brea'-nugha' bhi air buaidhibh, agus oibrìdh na Diadhachd, gun an leithidibh ſin do ſgailibh agus do chofamhlachdaibh: air an adhbhar ſin 's eigin dhuiun' na buill chorporra ſin uile a thuigſin air doidh ſpioradail.

C. *Ciod a bu chóir dhiunn a thuigſin leo?*

F. Le gnúis De, tuigear foillſeachadh a dheadhghean-ſin; le a ſhuilibh, uile leirſineachd, agus a fhreaſdal furachair; le chluaſaibh, gu bheil e ealamh a dh'eiſteachd ar 'n urnaigh-ne, le a bheul, foillſicheadh a thoile; le a laimh no ghairdein, romheud a chumhachd, le chroidhe, ‡ neo'-mheangalachd a ghraidh; le innidh no chom, a mhór thruacantas; le a chofaibh, uile latharachd no uil' ionadachd.

C. *Ma 's Spiorad Dia, cionnas a deirir gu 'n do chruthaiche an duine do reir iomhaidh Dhe?*

F. Cha raibh iomhaidh Dhe ſan duine a' co'-fheaſamh ann an cofamhluchd chorporra air bith, ach ann am buidhibh ſpioradail, agus oirdheirc an

* Crochta † buill ‡ treibhdhireachd

anama, thaobh gur Spiorad neo' fhaicfineach, neo'-bhásmhór, lan eolais, fireantachd agus naomhachd é.

C. *Am bheil e laghail Dia ata na Spiorad a chur amach fuidh iomhaidh cósamhluchd air bith, mar ata na Papanaich ag cur rompa mar chuideachadh ann adhradh?*

F. Cha 'n 'eil; oir mar ata e neo'-chomasach do neach air bith so a dheanamh, ata e no oirp' ro pheacach, do bhri' gu bheil na cosamhlachda' suarach sin, 'nan dimeas ann barr' air mórdhachd neo'-chriochnaeh an De ghlórmhor, agus nan tarcuis fhoiller air a lagh-fin, ata gu teann ag toirmeasg á leithid sin do gnathachadh, Deut. 4. 15. 16. Isa. 40. 18. Gniomh. 17. 19.

C. *Cionnas ata Dia air a chuir amach dhuinn' ann an leabhar nan ceist?*

F. Leis na nithe sin a bhuineas d'a nadur, no na h oirdheirce a chi sinn ainmicht air ann sna sgriobtuiribh, d'an goirthear gu coitchinn a bhuaidhibh.

C. *Cionnas ata buaidhibh Dhe air an roinn?*

F. Nan da ghne; eadhon, buaidhibh neo'-rann phartuichte, agus buaidhibh rann-phartuichte.

C. *Creud siad na buaidhibh neo-rann-phartuichte ata air an ainmeachadh san sheagradh?*

F. An tri sin, eadhon, a neo'-chriochnachd, a bioth-bhuantachd, agus a neo'chaochlachd.

C. *C' ar son a deirir buaidhean neo'-rann-phartuighte riu sin?*

F. Do bhri' nach feadar an co'partucha' re creatuir air bith, agus ni mo 'ta gne do chosamhluchd riu r' an faghail ann 's na creatuiribh.

C. *Creud iad buaidhean De 'ta rann-phartuichte?*

F. An t sea sin, eadon, a ghliocas, a chumhachd, a naomhachd, a cheartas, mhaitheas, agus fhirinn.

C. *C'ar son a deirir buaidhean rann-phartuichte riu sin?*

F.

F. Do bhri' gu bheil cail-eigin do lag chosamhluchd riu r'an faicsin ann cuid do chreutairibh, mar ata ann duine maith agus ann ainglibh; agus uaithe so, deirir gu bheil iad glic, naomh, ceart, agus maith.

C. *Cid é bhi neo chriochnach?*

F. Bhi gun tomhas, crioch, no laithilt air bith.

C. *Creud an doigh ar an abrar gu bheil Dia neo'-chriochnach?*

F. 1. Thaobh a naduir, a mhordhachd, agus a ghloir, agus uime sin, ata 'se fada thar tomhas, do-rannsuighe, agus thar tuigse. 2. Ata é neo'-chriochnach ann a ghliocas, a chumhachd, agus uile bhuaidhibh eil 'a nadur; cha 'n fheadar crioch air bith a chur riu. 3. Thaobh aite, do bhri' gu bheil é uile-lathaireach, agus neo'-chriochnuighte le ait' air bith. 4. Thaobh buanachd, do bhri' gu bheil e bith-bhuan, agus neo' chriochnaighte le aimisir air bith.

C. *Ciod ata thu a' tuigsin le siorui'-eachd Dhe?*

F. Gu bheil é gun tús, gun chrioch, ni nach fead creatuir air bith a ghabhail dh'a fein: oir ge nach 'eil deire aig ainglibh, agus aig anamaibh dhaoinibh, gidheadh bha toiseach aca; ach an Dia a chruthaich iad, ata eisean o Bhioth-bhuantachd gu Bioth-bhuantachd.

C. *Ciod ata thu tuigsin le Dia bhi neo'chaochlach?*

F. Gu bheil é do ghná air an aon doigh, gun mhuathadh, no atharracha air bith, air buaidhean a naduir, agus a chomhairlibh, agus a runaibh, no thaobh a ghráidh agus a dheadh-ghean d' a luchd muintir fein, Sal. 102. 27. Isa. 46. 10. Rom. 11. 22. Seam. 1. 17.

C. *Ma 'ta Dia neo'-chaochlach, cionnas ata na sgriobtuir a' cur aithreachas a's a leath, mar ata 'n Jer. 18. 8. agus ionadaib eile?*

F. Cha 'n 'eil so air a labhairt ann seadh direach, ach an an seadh coimeisgte. Ata Dia ann

fo a' labhairt air fein do reir nôs dhaoine, do bhri' g' bheil e deanamh a cheart ni a ni daoine 'n uair a ghabhas iad aithrechas, agus a' dh' atharraicheas iad an inntinibh; ata é a g' atharrach' raighailt choitchinn a fhreafdail, gun atharrach' air bith' na chomhairle. Oir dod air bith muthadh a chi' 'na fhreafdal o 'n leiththear muigh, ata fo air gach doigh do reir reimh-eolas neo' thulteamach, agus a thoil neo' chaochlach; agus cha'n'eil é cialluchadh atharrach' air bith inntin an Dia, mar ata é ann an daoinibh.

C. *Creud ata air a chialluchadh le gliocas De?*

F. A bhuaidh nadur, leis am bheil eolas iomlan aig' air gach aon ni, agus leis am bheil é gu feolta ag riaghluchadh na huile nithe g' an crich iomchuidh chum a ghloir fein.

C. *C' ait 'am bheil an taifbein a's ro fhoilleire air gliocas Dhe r' a fhaicfin?*

F. Ata gliocas De a' dealradh mar aon ann an oibribh a chruthaich agus a fhreafdail; ach ata an dealradh a's foilleireadh 'ta aguinn dheth ann an innleachd na flainte trid Iofa Crioft, air doidh ata mar aon ag toirt dioladh do cheartas ann fmachduchadh a pheacaidh, agus ag arducha' trócair ann teafairgin a pheacaich, Sal. 104. 24. Col. 2. 3.

C. *Creud é cumhachd Dhé?*

F. A bhuaidh nadurra fin ann Dia, leis am bheil e uile-chumhachdach, no comafach air gach aon ni a dheanamh is aill leis a bhi deanta, Gin. 17. 1. Jer. 32. 17.

C. *Ata finn ag leaghadh mu Dhia nach fead é breug a dheanamh, aithreachas a ghabhail, no é fein aich-fheun: uime fin, cionnas ata 'na chomas gach aon ni a dheanamh?*

F. Cha chufboire cumhachd na nithe fin, agus bhithidh an deanamh ann aghaidh nadur naomh agus firinn De, agus nan agradh air neo-iomlanachd agus laigfe, is cha b'ann air cumhachd.

C.

C. *C' ait' am bheil cumhachd Dhe air fhoillſicheadh ?*

F. Ann cruthachadh an t ſaoghail le fhocal, agus ann conbhail ſuas gach ni 'ta ann, ann an ceaunſuchadh cunmhachd ifrinn lé bás Chrioſt, ann oibreachadh miorbhuile, ann togbhail na marbh chum beatha, ann iompuchadh pheacach, ann bhi ag coimhid eaglais fein, agus ann bhi cur coſg air a naimhde, Rom. 1. 20. Eabh. 1. 3. 1 Cor. 1. 24. Eph. 1. 19. Mat. 16. 18.

C. *Creud i naomhachd Dhe ?*

F. A bhuaidh nadur ſin, leis am bheil é fiorghlan gu neó-chriochnach, agus ſaor o gach aingidheachd, a' toirt gràidh do fhireantachd, agus gràin do gach uile pheacadh, agus truaill'eachd, Hab. 1. 13.

C. *Cionnas ata naomhachd Dhe, agus fhuath do 'n pheacadh air an taiſbeanadh ?*

F. Ann an reachdaibh naomh agus fiorghlan a dheanamh, le bhi toirt miſneich do dhaoin' ann an umhlachd a thoirt dhoibh ; le bhi bagradh agus a' ſmachduchadh à pheacaidh ann aghaidh a reachd : Agus gu ſonruighte ann a mhac fioruidh a chuir a ghabhail ar naduir-ne air fein, agus a ghabhail comhnuidh ann, gu bhi 'na eiſempleir dhuinn' air naomhachd ; agus mar an ceadna a bháſuchadh chum gach peac' agus truaill'-eachd a thoirt air falbh, agus chum naomhachd iomlan a choſnadh air ar ſonainn, Rom. 7. 12. 1 Theſſ. 4. 3. Eph. 5. 25. 26. 27.

C. *Creud e ceartas De ?*

F. Co' throm iomlan a naduir, 'ta ag tarruing a thoil gus an ni ta co' thromach agus ceart, agus a toirt luidheachd do gach duine, agus a buintein ann ceartas r'a chreatuiribh gu leir.

C. *Ciod iad na nithe ann-ſam bheil ceartas De air fhoillſicheadh ?*

F. Ann bhi cur breitheanais ua-bhaſach air daoin' air ſon peacaidh ann ſan t ſaoghal ſo, ann dioghaltas

dioghaltas fiorruidh a chuir ann gniomh air na haingidh ann ifrinn, agus ann duais a thabhairt do na fireanaibh air ſga' fireantachd Chrioſt, Rom. 2. 5. 6. &c. 2 Theſſ. 1. 7. 8. 9. 2 Tim. 4. 8.

C. *Creud an co'-duchá air a cheartas is mó' thug Dia do'n t ſaoghal riamh ?*

F. Ann an dortadh 'mach ſoithighe a chorruigh air a mhac fein, 'n uair a ſheas é mar urras air ar ſoinne ; agus ann an dioladh iomlan iarruidh uaithe-ſin air ſon ain fhiach peacaidh nan daoine taghta gu leir gun an ni bu lugha a mhatha dh'a, Iſ. 53. 4. Rom. 3. 25. 25. Rom. 8. 32.

C. *Am bheil ceartas neo'-chriochnach Dhe ag cur bacadh air a thrócair ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir trid eider-mheadhoin' earachd Chrioſt, ata é ag taiſbein a thrócair ; agus a mhaitheis neo'-chriochnach do 'n t ſaoghail co mhaith r' a cheartas.

C. *C' ait am bheil maitheas agus trocair Dhe air am foillſicheadh ?*

G. Ann ar coimhid o la gu la, ann ám freaſdal do uir-eaſbhuidh a chreatuiribh gu leir, ann an caomhnadh a naimhde, agus gu haraid ann an Crioſt a chuir chum bhiodh na fhear urrais dhoibh, agus ann bhi tairgſe ſlainte trid-ſin, gu ſonruighte, le bhi logha an cionta, agus 'g an naomhachadh, agus ann gloir ſhiorruidh a thabhairt do na huile a chreideas ann ſan.

C. *Creud i firinn De ?*

F. A bhuaidh nadurra ſin, ata do ghna' 'g a tharruing gu bhi * neo'-mheangail agus fior ann ſan ni adeir ſe, agus ann bhi ſeaſmhach ann coi' lionadh fhocail.

C. *C' ait' am bheil firinn agus tairiſneachd Dhe air am foillſicheadh ?*

F. Ann coi' lionadh gach fai'-dearachd ata ſgriobht ann a fhocal, ann a bhagraibh ann aghaidh a pheacaidh chuir ann gniomh, agus ann a gheallaibh a dheanamh 'mach da luchd muintir fein.

* treibh dhireach C.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eidear na buaidhibh fin, Gliocas, Cumhachd, Naomhachd, Ceartas, Maitheas, agus Firinn, a bhuineas do Dhia, agus iad-fin a chi finn ann ainglibh no an daoinibh?*

F. Air bhi do na buaidhibh finn ann Dia thaobh naduir, 'ta iad neo'-chriochnach, bioth-bhuan, agus neo'-chaoch lui'-each ann fan: Ach an tomhas criochnach do na buaidhibh fin, a chi finn ann creatuiribh ata iad air an co'-partuichadh' riu le Dia, agus buailteach do atharrachadh.

Ceift V. *Ann bheil tuille Dee ann ach a haon?*

F. Ni bhell ach a h aon amhain, an Dia beo agus fior.

C. *Creud an doigh air an abrar aon re Dia?*

F. Is aon Dia, 1. Ann aghaidh gach meafgadh, air bhiodh d' a nadur fior ghlan as eagmhuis gach meafgadh. 2. Ann aghaidh aireamh, air bhiodh dh' a na aon ann an aireamh, gun aon air bith eile cofmhuil ris.

C. *C' ar fon a deirir re Dia an t aon Dia amhain?*

F. A nochdadh ge 'ta cuid eile ta giulan ainm Dee ann fan t faoghal, gidheadh ni bheil ni no neach da rireadh na Dhia, ach eifean amhain 1 Cor. 8. 4. 5. 6.

C. *C' ar fon a deirir ris an aon Dia fo, an Dia beo?*

F. Chum eidir-dhealuch' o iodholaibh marbh nan Cinneach, agus a' nochdadh gu bheil gach beatha, nadurra, fpioradail, agus fhiorruidh ann; agus uaithe-fin amhain mar an ceud ughdar, Sal. 115. 4. 5. Eoin 5. 26. 1 Tim. 6. 13.

C. *C' ar fon a deirir am fior Dhia ris?*

F. Chum eidir-dhealuch' o gach Dia breige 'ta air an t faoghal, Jer. 10. 11. 16.

C. *Co iad-fin ata 'n fgriobtur ag ainmeacha ta giulan*

giulan ainm Dhe, thuilleadh air 'an fhior Dhia ?

F. Chi linn gun abrar Dee re moran, mar ata Jodhoil nan cinneach, an diabhol an Ana-Crioft, agus riaghlui'-fheara, 1 Cor. 8. 5. 2 Cor. 4. 4. 2 Theff. 2. 4. Sal. 82. 6.

C. *C' ar fon a deirir Dee re Jodhoil nan cinneach?*

F. Cha 'n é gu bheil ni air bith do fhior dhiadh. achd annta, ach do bhri' gu bheil an luchd adhraidh ata air am mealladh ag fmuainteachadh gur Dee iad, agus 'ga meas mar lin.

C. *Am fead a h aon do na Dee fin a' meafg nan cinneach fearthuinn a thabhairt ?*

F. Cha 'n fhead, Jer. 14. 22.

C. *Ann fead iad faoghal a chruthachadh no an croidhe fhiofrachadh ?*

F. Cha 'n fhead, Jer. 10. 11.

C. *Cionnas a deirir Dia ris an Diabhul ?*

F. Deirir Dia an t faoghail ris, do bhri' gu bheil é riaghluchadh thar an t fluagh neo'-iompoichte, ata é gu h eagorach ag agradh urram diadhaidh dh 'a fein, agus ata é da rireadh é faghail adhraidh ann iomad aite 'meafg nan cinneach, 2 Cor. 4. 4. Deut. 32. 17. Taif. 9. 20.

C. *Cionnas a deirir Dia ris an Ana-crioft ?*

F. Thaobh gu bheil é gu h eacorach a gabhail dh 'a fein an ainm, an urram, agus an onoir a bhuineas do Dhia amhain, 2 Theff. 2. 4.

C. *Cionnas a deirir Dee re uachdranaibh ?*

F. Cha 'n ann gu dualach, ach thaobh rannpartuiche ; do bhri' gur iad fa-uachdarain De air thalamh, a riaghluchadh ceartais do dhaoin' eile. Sal. 82. 6.

C, *Nach 'eil cuid ag deanamh an Dia do 'n t faoghal ?*

F. Ata, agus uaith' fo deirir re daoinibh fanntach luchd iodhol adhraidh.

C. *C' ar fon a deirir fin riu ?*

F. Do bhri' gu bheil iad á focruchadh an croidhe air an t faoghal ni as mo na air Dia.

C.

C. *Nach 'el cuid a' deanamh Dia d' am broun ?*

F. Ata, Phil. 3. 19.

C. *Cionnas ata iad ciontach air an doidh so ?*

F. Le bhi n' as curamaich a riarach agus a thoileach am bronn na thoilleacha' Dhe.

C. *Cionnas ata thu co'-duchadh nach 'eil ach aon Dia ann, agus gun tuilleadh ?*

F. O'n sgriobtur naomh, ata gu tric ag innseadh so, mar ata, Deut. 6. 4. Mal. 2. 10. Mat. 19. 17. 1 Cor. 8. 4. 6. 2. O riasunt, oir thaobh gur bith Dia ata neo'-chriochnach, uile chumhachdach, ois-cionn gach ni, agus lan iomlan, agus mar an ceadna ceud ughdar gach aon ni, is eigin do riasunt aontachadh gun teagamh le so, neach fead ach aon Dia a bhi ann gun tuille, agus nach fead ach a h aon amhain bhi neo'-chriochnach, agus ceud ughdarach.

C. *Co iad ata cur suas iomad dee dhoibh fein ?*

F. Ata na Paganaich, agus na Papanaich mar aon, do bhri' gu bheil iad da rireadh toirt adhraidh, agus a deanamh urnaigh re cuid eile thuilleadh air an aon fhior Dhia, mar so 'ta na Papanaich a' deanamh do naoimh, agus a dh' ainglibh.

C. *Ach nach feadar agairt air luchd aidmheil a chreidimh aith leasuighte gu bheil iad a' deanamh iomad Dee dhoibh fein ?*

F. Feadar ; or ge 'taid ag aidmheil gabhail ris an aon fhior Dhia, agus adhradh dh' a san, gidheadh ata moran ag cur suas iodhoil nan croidhe, agus curamach a thoirt seirbhis do nithe eile, agus gan toileachadh ni as mo na Dia, Esec. 14. 3. Phil. 3. 19.

C. *Creud ata * fiachaicht 'oirne 'n uair nach toir duoin' eile adhradh agus seirbhis do 'n aon fhior Dhia?*

F. Bu choir dhuinn le Joshua a chur romhain, agus a radh, " Bheir sinn' agus ar cuideachd seir-" bhis do 'n Tighearna," Josh. 24. 15.

C. *Am bheil duin' air bith a' toirt seirbhis do Dhia a nasgaidh ?*

* dh' fhiachaibh

F.

F. Cha 'n 'eil; oir ata é toirt corouin gloir mar dhuais d' a fhearbhanta treibh-dhireach uile, Taif. 2. 10.

Ceift VI. *Cia lion pearfa 'ta fan Diadhachd?*

F. Ataid tri pearfa fan Diadhachd, an t Athair a' Mac, agus an Spiorad naomh; agus an triuir fin is aon Dia iad, ionann nadur' coi' mheas ann cumhachd agus ann gloir.

C. *Creud ata air a chialluchadh leis an Diadhachd?*

F. An nadur Diadhaidh.

C. *Ann bheil am focal fo Diadhachd fan fgriobtur?*

F. Ata, Gniomh. 17. 29. "Cho bu choir dhuinn a fhaoilfin gu bheil an Diadhachd cofmhuil re h or, no re h airgiod."

C. *Am bheil tri nadurean fai leith ana fan diadhachd?*

F. Cha 'n 'eil, ach tri pearfa amhain an fan aon nadur dhiadhaidh.

C. *Cionnas ata thu co' duchadh gu bheil tri pearfa fan diadhachd?*

F. 1. O na briathraibh foilleir fin, 1 Eoin 3. 7. "Oir ata triuir a' deanamh fia-'nais air neamh, an t Athair, am Focal, agus an fpiorad naomh: Agus an triuir fin is aon iad." 2. O ordughadh a bhaifte, Mat. 28. 19. "Uime fin im-ichibhfe agus teagaifgibh gach uile chinneach, 'g am baifteadh ann ainm an Athair, a Mhic, agus an Spioraid naoimh:" 3. O 'n bheannuchadh abftolach, 2 Cor. 13. 13. "Gras an Tighearna Jofa Crioft, agus gradh Dhe, agus co'-chomunn an Spioraid naoimh, gu roibh maille ruibh uil'. Amen."

C. *Ciod do bhar' ail m' an dearbha' fin, air an trionaid ata air a thabhairt o bhaifte Chrioft aig Jordan?*

F. Ata

F. Ata é fior fhoilleir : oir ann fin, ata an t Athair air a thaifbeanadh le guth o neamh, a' Mac le a latharachd chorpora air thalamh, agus an Spioradh naomh le tuirling a nuas mar cholman air-fin.

C. *Ma 'ta chuis mar fo, am bheil an t Athair na Dhia, a' Mac na Dhia, agus an Spiorad naomh na Dhia ?*

F. Ata, is Dia gach aon fa leith dhiubh.

C. *Nach dean fin tri Dee ?*

F. Cha dean ; ni bheil ann fna tri pearfaidh fin ach aon Dia; do bhri' gu bheil an' aon nadur diadhachd ann fgach aon do 'n triuir.

C. *Creud ata thu cialuchadh le pearfa ann fan diadhachd ?*

F. Nadur na diadhachd ag buanachadh ann am bith eider-dhealuighte, agus air a chomharthach' le buaidhibh pearfonta eagfamhail.

C. *Creud iad buaidhibh pearfonta eider-dhealuighte nan tri pearfaidh ann fan diadhachd ?*

F. Buinidh do 'n Athair a' Mac a ghineamhuin, agus an Spiorad naomh a chuir amach ; buinidh do 'n Mhac bhi air a ghineamhuin leis an Athair, agus an Spiorad naomh a chuir amach : buinidh do'n Spiorad naomh teachd, no frutha o'n Athair agus o 'n Mhac, ata fo uile foilleir o na fgriobtuiribh fin, Sal. 2. 7. Eabh. 1. 5. 6. 7. 8. Eoin 1. 14. 18. Eoin 15. 26. Gal. 4. 9.

C. *Ann bheil aon do na pearfaidh fin air thoifeach air aon eile thaobh cúrs' aimfir ?*

F. Cha 'n eil, oir ata iad uil' ann coimeas fiorrui'-eachd.

C. *Am bheil aon air thoifeach air aon eile thaobh inbhe no cumhachd ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ata iad uil' ann coi' meas cumhachd agus gloir.

C. *C' ar fon ma feadh ata iad air an ainmechadh ann fan ordu' fo, an t Athair, a' Mac, agus, an Spiorad naomh ?*

F. A chialluch' an ordu' agus an oibreachadh ata aca' 'na measg fein : ata 'n t Athair am bith agus ag oibreachadh uaithe fein ; ata Mac am bith agus ag oibreachadh o 'n Athair, ata 'n Spiorad naomh am bith agus ag oibreachadh o 'n Athair agus o 'n Mhac, Eoin 5. 19. Eoin 16. 14.

C. *Co do na tri pearsaidh so a chruthaich an saoghal ?*

F. Rinn gach aon dhuibh é, mar ata soilleir o na sgriobtuiribh ata 'g ainmeachadh oibridh á chruthaich air gach aon do 'n triuir, Gin. 1. 1. 26. Is. 42. 5. Eabh. 1. 2. Eoin 1. 3. Col. 1. 16. Job 33. 4. Sai. 33. 6. Is. 40. 12. 13.

C. *Co do na tri pearsaidh a rinneadh na dhuine ?*

F. A Mac, neach is é an dara pearsa do 'n Trionaid ghlòr mhòr ; agus o 'n àm a ghabh é nadur an duin' air fein, deirir on Tighearn' Josa Criost ris.

C. *Cionnas ata é air a nochda' gu bheil Criost a Mac na Dhia ann coimeas ris an Athair ?*

F. O na sgriobtuiribh, ann sam faic sinn na ceart ainmibh, tiodàilibh, buaidhibh, oibribh, adhradh, agus onoir air an toirt do 'n Mhac, ata air an toirt do 'n Athair.

C. *Creud iad na hainmibh, agus na tiodail nadurra sin ata air an tabhairt do 'n Mhac ann coimeas ris an Athair ?*

F. Eadhon iad sin as airde agus is glormhora, mar ata, Dia, an Tighearna, Dia na 'm faidhibh, Righ nan righ, agus Tighearna nan tighearna, an Dia mòr, an Dia cumhachdach, an Dia fior, an Dia glic amhain, Dia ois ceann gach uile beannuighte gu siorruidh. Agus mar an ceadna deirir Jehobhah ris, ainm sonruighte neo'rann-phartuighte, an fior Dhia amhain. Mar ata na sgriobtuir á leanas ag dearbhadh, Eoin 1. 1. 1 Tim. 3. 16. Tais. 22. 6. Tais. 19. 16. Tit. 2. 13. Isa. 9. 6. 1 Eoin 5. 20. Jude 25. Rom. 9. 5. Sach. 2. 10. Jer. 33. 6. Sal. 83. 18.

C.

C. *Creud iad na buaidhibh diadhachd ata air an toirt do'n Mhac ann coimeas ris an Athair ?*

F. Ata na ſgriobtuir naomh ag dearbha gu bheil é biothbhuan, uile'-chumhachdach, uile-leirſinneach, uile lathaireach, neo' chriochnach, ann naomhachd, ceartas, maitheas agus firinn, mar chi ſinn, Mic. 5. 2, Eabh. 7. 3. Eabh. 13. 8. Taiſ. 1. 8. Eoin 2. 24. 25. Eoin 21. 17. Taiſ. 2. 23. Matth. 18. 20. Iſ. 6. 3. Taiſ. 3. 8. 2 Tim. 4. 8. Eph. 3. 19. Taiſ. 1. 5.

C. *Creud iad na h oibridh diadhaidh ata ainmichte air Criſt ata co' duchadh gur h é am fior Dhia ?*

F. Ata na ſgriobtuir naomh a' luadh cruthachadh an t ſaoghail ris, coimhid agus conbhail ſuas gach aon ni, oibreachadh miorbhuile le chumhachd fein, bhi logha cionta, bhi 'g oibreachadh creidimh agus aithreachais, bhi ag aith-bheothachi an anama, bhi foillſicheadh na h inntin, bhi tabhairt an Spioraid, bhi togbhail na marbh ann ſan la dheireannach, bhi toirt breith air an t ſaoghal, agus beatha ſhorraidh, Eoin 1. 3. 10. Col. 1. 16. 17. Eabh. 1. 3. Marc. 5. 41. Marc. 1. 5. Eabh. 12. 2. Gniomh. 5. 31. Eoin 5. 21. 25. 28. 29. Luc. 24. 25. Eoin 20. 22. Gniomh 2. 33. 2 Tim. 4. 8.

C. *Creud an t adhradh agus an onoir ata air an tabhairt do Chriſt a' Mac, ata co'-dughadh gur eiſean am fior Dhia ?*

F. Ata ſinn ag faicſin a cheart adhradh agus urram diadhaidh 'g an toirt dh' a, 'ta air an toirt do 'n Athair, mar aon le ainglibh, agus le daoinibh mar an ceadna 'ta é 'na chuſboir creidimh, urnaigh agus molaidh, ata na ſcramainte air an coiſreigadh 'na ainm-ſin ann coimeas ris an Athair, mar chi ſinn ann ſna ſgriobtuiribh ſin, Eabh. 1. 6. Mat. 8. 2. Mat. 14. 13. Eoin 14. 1. Gniomh. 7. 59. 60. 1 Cor. 1. 2. Gniomh. 9. 14. Taiſ. 5. 12, 13. Mat. 28. 19. Gniomh. 19. 5.

C. *Nuch i toil fhoilleir an Athar gun d' thugadh gach uile dhaoine onoir do'n Mhac, amhail is mar do'n Athair.*

F. 'Si, Eoin 5. 22. 23.

C. *Nach 'eil Dia an t Athair ag radh a chomhnanach, no a cho'-choimeas re Josa Crioft?*

F. Ata, Sach. 13. 7.

C. *Nach do mheas Crioft é fein ann coi'meas ris an Athair?*

F. Mheas; oir ata é air a radh, Phil. 2. 6. "Cha do mheas é mar reubuinn é fein bhi coi'-ionunn re Dia."

C. *Ma'ta a' mac na Dhia ann coi'-meas ris an Athair, cionnas ata Crioft ag radh, "Is mo m' Athair na mise? Eoin. 14. 28.*

F. Cha 'n eil Crioft ann fin a' labhairt thaobh naduir a dhiadhachd; oir ann san t seagh sin, is coi'-ionunn cisean agus an t Athair ann a' mordhachd: Agus uime sin, a deir se, "Mise agus m' Athair is aon sinn," agus cha 'n fhead é bhi air atharrach; do bhi' gur h i an aon diadhachd mhor agus neo'-chriochnach is nadur neo'-sgathrail, dhoibh mar aon. Ach ann san ait' air am bheil, a chunnuil, mar ata an co-theagasg ag nochdadh, 'ta Crioft á labhairt air oifig eider-mheadhonearachd, chum an d'orduigh an t Athair é, agus ann san t seagh so, is easean searbhanta an Athar.

C. *Nach 'eil é ro mhi-riosunta daoine bhi ag radh is og cur romta gu bheil a' mac ni as lugha inmhe na 'n tathair?*

F. Ata; oir thairneagh so gu bhi cur suas tuilleadh is aon Dia, agus gu da chusboir adhraidh, an dara h aon n' as airde nan aon eile; O'i bar, do reir na barail so, cha bhithidh Crioft na Dhia ann an seagh direach; oir ata iochdranachd, no bhi suidhrughdarras ann aghaidh bi eanugh' iomchuidh thaobh na diadhachd.

C. *Cionnas ata é sgilleir gur h ó an Spiorad*

naomh

naomh Dia ann coi'-meas inmhe ris an Athair, agus ris a mhac ?

F. Leis na ceart riasunaibh ata co'-dachadah diadhachd a mhic; oir ata na ceart bhuaidhean, ainme, oibridh, adhradh agus onoir air an toirt do 'n Spiorad naomh ata air an tabhairt do 'n Athair agus do 'n Mhac; deirir Dia ris, Jehobhah; ata é bliothbhuan, uile-leirsinneach, uile láthaireach, chruthaigh é 'n saoghal, dhealbh agus dh' uimigh é nadur na daonnachd ann Crioft gu miorbhuileach, shoillsigh é na faidhean, agus na h abstoil; 'ta e 'g aith-bheothachadh na marbh, ag aith-ghinin, agus ag naomhachadh a luchd muintir fein; agus ata é na chusboir air gach adhradh diadhaidh, agus urnaigh, agus ata na sacramainte air an coisrea'gadh na ainm. Mar dhearbha' air a so uile faic, Gniomh. 5. 3. 4. Esec. 3. 24. 26. Eabh. 9. 14. 1 Cor. 2. 10. Luc. 4. 18. 2 Pheac. 1. 21. Rom. 8. 13. Eoin 3. 6. 2 Theff. 2. 13. Laoidh. 4. 16. 2 Cor. 13. 14. Matth. 28. 19.

C. *Nach 'eil sinn ag faghail tiodhlacadh agus fochairibh fa leith o na pearsaidh glormhor so ?*

F. Ata; dhealbh an t Athair ar saorsa, agus chuir é am fear saoraidh amach; ghabh a' Mac an obair o 's laimh, agus thainig é d' ar saoradh; agus ata an Spiorad naomh ag co-chur na saorsa ruinne.

C. *Nach bu chóir dhuinn gloir fai leith a theirt do gach aon do 'n triuir bheannuighte ?*

F. Bu chóir; agus bithidh so mar obair aig an dream a shaorar maille ris na h aingeal gu siorruidh, Taif. 1. 4. 5. 6. Taif. 4. 8. &c. Taif. 5. 9. &c.

C. *Cionnas ata sinn re adhradh theirt do aon Dia fuidh thri pearsaidh ?*

F. Ata sinn re adhradh thoirt do Dhia ann an Crioft a' mac trid an spiorad. 'S eigin iarruidh air an Athair ann ainm a mhic, agus le congnamh

an ſpioraid naoimh, Eoin 16. 23. Eph. 5. 20. Jude 20.

C. *Am feadadh ſolus nadur gu bràth colas a thabhairt air an teagaſg m' an trionaid?*

F. Cha 'n fheadadh, agus bu chòir dh 'a ſo ar lionadh le buidheachas air ſon ſolus an fhoillſicheadh.

C. *Am feadar an run diomhair ſo, A O N ann T R I, agus T R I an A O N, a thoghbhail le rioſun dhaoinibh?*

F. Cha 'n fheadar; oir cha 'n 'eil é 'n comas breanugh' anmhunn dhaoine nithe diomhair Dhe a thomhas: ach bu chòir dhuinn an rûn diomhair mór ſo a chreidſin, le urram, agus onoir, thaobh gu bheil an co'-duchadh as ſoilltireadh agus is cinntigh' aguinn am focal De air Trionaid pearſaibh ann aonachd naduir.

C. *Am bheil ni air bith ann ſa chreidimh Chriosduidh ann aghaidh rioſuin?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Nach 'eil iomad ni ann o 's ceann breanugh 'ar rioſuin ne?* *F.* Ata.

C. *An còir cúl a chur ris gach ni nach fead ar rioſunt cunntas a thoirt m' an timchioll?*

F. Cha chòir; oir air an doigh ſo, ſheanamaid gach aon do bhuaidhibh nadurra Dhe, oir ata iad ſin uile gu neo'-chriochnach o 's ceann ar ſmuaintеachadh; os bar, ſheanamaid gu bheil anamaibh neo'-beàſmhor aguinn, agus iomad ni eile ſan t ſaoghal, nach 'eil ann comas d' ar riaſun an rannſugh' amach, mar 'ta gluaſachd na gaoithe; agus na fairge, &c.

C. *Creud a bhar' ail a bhios aguinn m' an dreamata 'g aich-ſheun na trionaid, no cur cúl re diadhachd a Mhic, agus an Spioraid naoimh?*

F. Gur luchd Dia-bheum iad, ata 'g altrom meaſachd ro mhilteach, thaobh gu bheil iad 'a cur ann aghaidh firinne mór agus buncharach De, ata co fhoillſir air am foillſicheadh na fhocal.

Ceiſt

Ceiſt VII. *Creud iad orduighe Dhe?*

F. Is iad orduighe Dhe, a rún ſiorruidh, do reir comhairle a thoile, leis an d' orduich ſe ro'-laimh, chum a ghloire fein, gach ni thig gu crich.

C. *Creud ata thu ag tuigſin le orduighe Dhe?*

F. A rúnaibh agus orduighe ſiorruidh, thaobh na nithe a tharlas ann ám, agus gu bioth-bhuantachd.

C. *An raibh orduighe De gu leir air an dealbh o o bhio'-bhuantachd?*

F. Bha.

C. *Am bheil Dia a' rúnacha' ni air bith 'ta 'g eirigh ſuas as úr re h ám, ach na reamh-orduigh é?*

F. Cha 'n 'eil, Gniomh. 15. 14. Iſa. 46. 10.

C. *Nach 'eil ni air bith a'tarladh ann ám, ach do reir nan orduighe ſin?*

F. Cha 'n 'eil, Eph. 1. 11.

C. *Nach b'e bhi deanamh ughdar a' pheacadh do Dhia, bhi ag radh gu d' orduich é gniomhartha peacach?*

F. Bu Dia-bheum gu deimhin bhi ag radh gu d' orduigh Dia am peacadh chuir ann gniomh; ach cha 'n 'eil é mar ſo, bhi ag radh gu bheil é ag ceadughadh gniomhartha peacach agus 'gan riaghlughadh chum a rúnaibh glormhor fein.

C. *Cionnas ata é foilleir gu fead Dia lamh naomh mar ſo a bhi aige mu ghniomhartha peacach dhaoine?*

F. O eiſempleir no dha ann ſna ſgriobtuir, gu ſonruighte ann an, Gniomh. 2. 3. Far am bheil Peadar gu teann ag agairt air na h Judhaich an lamh a bha aca ann ceaſadh Chrioſt, agus gidheadh, ann ſan ám ſin fein ata é ag radh, gu roibh é air a thoirt ſuas chum na criche ſo le comhairle ſhuidhighte, agus reamh-ordugh Dhe. Faic mar an ceadna, Gniomh. 4. 27. 28. Far am faic ſinn, nach roibh an rún a bh'aig Dia o ſhiorrui'-eachd ann bás Chrioſt,

Chriosd, agus ann sa mhaith bu mho' thoirt m' an cuairt do 'n chinneadh dhaoin', air dorgh air bith a' gabhail leith-sgeul nan Judhach air son an lamh aingidh a bha aca ann san ghniomh so; do bhri' gu 'n do shruth é o dhroch rún annta-san, agus gu b' é an gniomh agus an obair shaor fein é.

C. *Ciod a chomhairle' bh' aig Dia ann roimh-ordughadh gach uile ni?*

F. Bha comhairle' a thoile fein, do bhi a reir gliocas neo'-chriochnach, agus an riosuin a b' airde, Eph. 1. 11. Isa. 49. 13.

C. *Creud a chrioch chum an d' orduigh Dia gach aoin ni?*

F. Chum a ghloire fein, Rom. 11. 56.

C. *Co d'a bhuaidhibh a bha é cur roimhe ghlorucha' le so?*

F. A ghliocas, a chumhachd, a naomhachd, a cheartas, a mhaitheis, agus fhirinn.

C. *Am fead ni air bith tarladh ann ám chum ordugha' Dhe atharrachadh?* F. Cha 'n fhead.

C. *Cionnas ata é foilleir gu bheil ordugha Dhe neo'-chaoch lach?*

F. Do bhri' gu 'm bithidh caochladh a' cur anmhuinneachd as a leth-sin, mar nach faiceadh é ro'-laimh gach bacadh agus grabadh a dh' fheadadh teachd san t slighe d' a runaibh-sin.

C. *Am bheil coi'-lion atharrach' is ata tarladh ann ám, mar bha, Dia a cruth ach' an t saoghail, agus 'g a sgrios airis, ag radh gu bheil atharrach' air bith ann an comhairle no orduighe Dhe?*

F. Cha 'n 'eil; oir roimh-orduich Dia o shiorruí'-eachd le chomhairle neo'-chaochlui'-each gach atharrach dhiubh sin.

C. *Am bheil neo'-chaochlui'-each d orduighe Dhe a toirt air falbh saor thoil a chreatuire riojanta ann coi'-lionadh an gniomhartha?*

F. Cha 'n 'eil; ach na aite sin ata é 'g an daingneachadh, do bhri' gu d' orduigh Dia a fhaibh fein a thoirt gu crich, air dóigh a fhreagradh do nadur

nadur agus faorſadh an duine, mar dheanadach ſaor, gan bhacadh air bith air a thoil, thaobh gu b' fhuras do eolas neo'-chriochnach fhaicſin roi'-laimh, cionnas a bhithidh a thoil agus a rún ag aomadh ann ſgach atharracha ſtaid.

C. *Nach 'eil iomad ni neo'-chinnteach a' tarladh ſan t ſaoghal thaobh * teagmhuis?*

F. Cha 'n 'eil; oir ge 'ta iomad ni teagmhuiſeach thaobh dara adhbharra; no meadhona ag tarladh ann taobh muigh no ann taobh thall d' an rún; gidheadh cha 'n 'eil dadum a tarladh gu tagbhail, no gu teagmhuiſeach thaobh Dhe, ata roi'-laimh ag faicſin, agus ag ſtiuradh gach ni thig gu crich.

C. *Nach do reamh-orduighe Dia cuid eigin chum beatha ſhiorruidh?*

F. Ata ſo air a chuir ann ceil gu ſoilleir ſan ſgriobtur, Ep. 1. 4 5. 6. 2 Theſſ. 2. 13.

C. *Am bu roi' ſhealladh air an creidimh, aithreachas, no deadh ſibridh a b' adhbhar do 'n ordugh ſo?*

F. Cha b' eadh; ſan ata iad ſin amhain ag ſrutha uaithe, oir dh' orduigh Dia iad ſin uile mar mheadhona feumail chum beatha ſhiorruidh, mar ata é ſoilleir o na ſgriobtuir a rio'-ainmicheadh, Eph. 1. 4. 5. 6. 2 Theſſ. 2. 3. agus o Ghniom. 13. 48. "Thagh é ſinn chum 'gu 'm bitheamaid "naomha," cha 'n ann do bhri' gu bheil ſinn naomha.

C. *Ciod a b' abhar do thagh ordugh Dhe ma 'ta?*

F. Cha raibh abhar air bith, ach a dheadh thoil, agus a ſhaor ghrádh, Rom. 9. 11. 12. 18. Cha 'n 'eil abhar uaill aig duin' air bith; oir chuaidh Dia ſeachad air aon neach, agus roghnuigh é neach eile, do reir a thoil fein, agus a rún árd-Thighearnail.

Ceiſt VIII. *Cionnas ata Dia a' cur orduighe ann gniomh?*

* Tapoig F.

F. Ata Dia a' cur orduighe ann gniomh ann oibridh a chruthaich, agus a fhreasdail.

C. *Ciod ata thu 'tuigsin le Dia bhi a cur orduighe ann gniomh?*

F. E' bhi toirt gu crich na nithe sin a reamhorduigh se.

C. *Am bheil orduighe De ar an toirt gu crich ann a oibribh san t saoghal so?*

F. Ata.

C. *Creud iad oibridh sin De?*

F. Oibridh a chruthaich agus a fhreasdail.

C. *An iad sin 'uil oibridh De, a dh' orduighe é thoirt gu crich?*

F. S' iad.

C. *Nach 'eil ebair na saorsa na cuid do oibridh Dhe dh' orduigh é o shiorrui'-eachd?*

F. Ata, ach 'ta i filteadh steach ann an oibridh freasdail De; agus gu deimhin, 'si obair saoruidh pheacach chailte a chuid as glormhora do fhreasdal *De* thaobh dhaoine.

C. *Creud an t atharrach' ata eider an doidh air am bheil Dia ag cur oibridh a chruthaigh agus oibribh a fhreasdail ann gniomh?*

F. Chuir é obair chruthaich ann gniomh ann sea laith, ach ata é buanachadh ag cuir oibridh a fhreasdail ann gniomh; an dara h aon as eagmhuis meadhona, ach an aon eile gu coitcheann le meadhona'.

C. *Nach 'eil móran do orduighe De ra 'n cuir unn gniomh na dhiaith so?*

F. Ata; ach bithidh iad uil' air an coi'-lionadh ann san riaghail an d' orduigh Dia iad, Is. 46. 10. Taif. 1. 1. Taif. 22. 6. Rom. 11. 25. 26.

Ceist IX. *Creud is obair chruthaigh ann?*

F.

F. Is i obair an cruthaich, Dia do dheanamh nan uile nithe do neimh-ni, le focal a chumchachd, am feadh 'f e laithe, agus iad uile ro mhaith.

C. *Creud é ni a chruthachadh ?*

F. Ni eigin a dheanamh do neimh-ni, agus mar an ceadna, ni a dheanamh do ni eile bha air gach doidh neo'-iomchuidh air a fhon, mar a deirir cruthacha' re corp an duine dheanamh do dhuflach na talmhain.

C. *Co é cruthai' fhear gach uile ni ?*

F. Dia.

C. *Cia dheth a rinn Dia gach aon ni ?*

F. Do neimh-ni.

C. *Cionnas a dh' fheadas fin a bhi', do bhri gu d' rinneadh an duine do dhuflach na talmhain ?*

F. Do bhri' gu 'n d' rinn Dia an duflach fin do neimh-ni.

C. *Am bheil é 'n comas neach air bith 'eil, ach Dia ni a chruthachadh no dheanamh do neimh-ni ?*

F. Ni bheil ; cha 'n urradh duine no aingeal an ni as lugha a chruthachadh.

C. *Nach fead aingeal beo' chreatuir a chruthachadh ?*

F. Cha 'n fhead, urrad na cuileoig.

C. *Am fead aingeal ni air bith a philleadh gu neimh ni ?*

F. Ch 'n fhead.

C. *Am bheil fo ann comas Dhe ?*

F. Ata, feadaidh e 'n faoghal gu leir a philleadh gu neimh-ni co mhaith a's a chruthaich fe é.

C. *An d' rinn Dia feum do ainglibh mar mheadhaona ann an obair a chruthaiche ?*

F. Cha' d' rinn.

C. *Creud na meadhona ma 'ta leis an d' rinn Dia na h uile nithe ?*

F.

F. Le focal a chumhachd ; " Labhair Dia agus " rinneadh é, Sal. 33. 9.

C. *Creud am focal cumhachd d' an d' rinn é feum ?*

F. Am focal ſin ann Gin. 1. BITHEADH 'E, mar ſo, Bithidh ſolus, bithidh ſpearan, agus an leithid ſin.

C. *Creud an uin' ann ſan d' rinn Dia na huile nithe?*

F. Ann ſea laithe.

C. *Nach feadadh Dia an deanamh ann uine bu lugha ?* *F.* Dh' fheadadh.

C. *C' ar ſon ma ſeadh a ghabh é uine co fhada 'g an deanamh ?*

F. A thoirt beachd ni bu ſhoilleireadh dhuinn' air ordú a chruthaiche, agus a chur eiſempleir fa'r comhair a dh' oibreach ſea laith, agus a ghabhail fois air an t ſeachdamh la.

C. *Creud an ſlaid ſan d' rinn Dia gach uile nithe air thús ?*

F. Rinn Dia gach uile nithe air thús ro-mhaith, Gin. 1. 31.

C. *Ciod an ſeagh ata aig' na focail ſo,* Uile ro-mhaith ?

F. Nach raibh ni air bith a rinneadh air a' mill-eadh ann ſan deanamh ; gu raibh iad gu leir freag-rach do rûn a chrûthai'-fhir, agus gu raibh iad iomchuidh a thaiſbeanadh a ghloir-ſin.

C. *Ma 'ta oibridh De uile ro-mhaith, co d' an obair am peacadh, ata co ro olc ?*

F. Cha 'n é h aon do oibribh Dhe am peacadh ; ach obair an Diabhoil amhain, agus obair an duine chuaidh bhuaireadh leis-ſin.

C. *Co d' an obair na diabhuil, no co á rinn iad?*

F. Rinn Dia Aingle foillſe dhiubh, ach rinn iad diabhoil dhiubh fein.

C. *C' uin' a chruthaighe na h ainglibh ?*

F. Gu cinnteach ann uine nan ſea laithe 'ta air an ainmeachadh le Maois ; oir ata é air innſeadh

dhuinn

dhuinn " Gu'n do chuir Dia crioch air obair cruth " achaidh nan neamhadh le 'n floigh ann san àm sin," Gin. 2. 1. 2. agus ata so a' gabhail a steach nan aingeal; ris an abrar gu soilleir sluagh nan neamhadh, Luc. 2. 13. Agus 's i bar'-ail moran gu'n do chruthaicheadh iad air a cheud la, maille ris na neamhaidh a 's airde.

C. *C' ar son nach roibh Maois ni bu shoilleireadh, agus na bu mhionaidiche mu chruthachadh nan aingeal?*

F. Do bhri' gu b' e a run sonruighte seanachas a thabhairt air an eaglais, agus a chead thus o chruthachadh an t saoghail, agus mheas é gu bu leoir chum na bha na run, gun ni air bith a thoirt dhuinn, ach cunntas gaoirid air a chruthach' fhaicfinneach do nach buineadh na a h aingeal.

C. *Creud a chrioch m' an d' rinn Dia an saoghal?*

F. Rinn an Tighearna na h uile nithe air a shon fein, agus chum gloir a bhuaidhibh a thaisbean amach, Sean. 16. 4.

C. *Co do bhuaidhibh Dhe as dealraicheadh Gloir ann oibridh a chruthaiche?*

F. A chumhachd a ghliocas, agus a mhaitheas.

C. *Cionnas ata gloir a chumhachd ag dealradh ann deanamh an t saoghail?*

F. Ann an tabhairt gach uile nithe air ball amach as bolg na neimh-ne le a lom fhocal, Rom. 1. 20.

C. *Cionnas ata gloir gliocas De ag dealradh ann so?*

F. Ann an lionmhorachd iongantach nan creatuire, agus ann or'u' maiseach agus coi'-sheirm gach uile nithe; an sealladh thug air an t salmodair ghaodhach amach, Sal. 104. " O Thighearna " cia lionmhor t oibridh ann gliocas rinn thu iad " gu leir."

C. *Cionnas ata maitheas De air a thaisbean ann sa chruthachadh?*

F. Ann deafachadh áite comhnuidh co ghoireafach air fon an duine m' an d' thug é bith dh' a, agus ann deanamh nan creatuire freafdalach dha', Sal. 8. 3. 4. &c. Sal. 33. 5.

C. *Co an la do 'n chruthachadh air an d' thug Dia air an t folus dealradh ?*

F. Air a cheud la.

C. *An roibh a ghrian, a ghealach, agus na reulta air an deanamh air a cheud la ?*

F. Cha raibh iad air an deanamh gu 'n uig an ceathramh la.

C. *Cionnas a dh' fheadadh folus bhi ann m' an d' rinneadh a' ghrian ?*

F. B' urras do 'n mhór chruthai-fhear folus dealrach a dhealbh, agus a thoirt m' an cuairt a fhoillfícheadh an t faoghail ann fna ceud tri laithe, agus na dhiadh fin, an folus fin a fhuicheach' ann fa ghrein, ann fa ghealaich, agus ann fna reultaibh, 'n uair a chruthaich é iad.

C. *C' uin a chruthaighe an tiafg ?*

F. Air a chuigeadh la.

C. *C' nin' a chruthaighe an duine ?*

F. Air an t feathadh la.

C. *Cicd a rinn Dia air an t feachdamh la ?*

F. Ghabh é fois o uil' oibribh, agus naomhaich é mar fhabaid é.

C. *An raibh Dia fgith le obair 'n uair a ghabh e fois na diaidh ?*

F. Cha raibh ; " Ni bheil cruthai-fhear crioch-" aibh na talmhain ag * lagachadh, ni mo' ata é " fgith," Isa. 40. 28.

C. *Creud a thuigear ma fiadh, le Dia bhi a' gabhail fois, no tamh ?*

F. Gu do fguir é d' a obair.

C. *Creud ata Dia a' teagafg dhuinne leis an eifempleir fo ?*

F. Sgur do fhaothair na feachd-uin, agus an feachdamh cuid d' ar 'n aimfir a choimhid naomh do 'n Tighearna.

‡ fannachadh C.

C. *Nach 'eil e foilleir o thuigs agus riofan amhail is mar o 'n fgriobtur, nach roibh ann faoghail ann o fhiorruidheachd, ach gu do chruthaicheadh é o cheann beagan do mhilte bliadhna, do reir a chunnatais ata Maois ag tabhairt?*

F. Ata fo leoir fhoilleir, thaobh nach fad an uin' o na fhuaradh feol air ealainibh, o na thoifich bailte, o na fhocruicheadh ftátaibh, agus o na fgriobhadh feanachas, oir cha 'n 'eil a h aon dhiubh fin co fhean ris an ám ata Maois a' toirt fuas thaobh a chruthachaidh. Os bar ata na beantaidh, agus na glinn ata finn ag faicfin, nan co'-duchadh foilleir nach roibh an talamh o fhiorrui'-eachd, oir thaobh gu bheil an tuifge do ghna' ag toirt a nuas cuid do'n talamh o na h airdibh, am bithidh a chuid bu lugha air a thoirt a nuas ann a' mile bliadhna, 's cinnteach gu'm bithidh na beantaidh gu h iomlan air an leagail ann carfa bliadhnaidh neo' chriochnach, air achd is nach bithidh airde air bith r'a fhaicfin anois.

C. *Nach bithid é buineach dhuinne bhi gu tric a' fmuainteach air a chruthachadh mhaifeach agus iorgantach fo?*

F. Bhitheadh ; dheanadh é fuarrach 'n ar fuilibh fein finn, dhuifgeadh é mothach' urramach, agus meas mor air cumhachd agus mordhalachd Dhe ionnaine, dh' iompoiche é finn a thoirt fuath do 'n pheacadh 'ta deanamh na h urrad do mhiriaghail ann fa chruthachadh mhaifeach fo, neartuicheadh é finn ann ar dochas a chuir ann an cumhachd, agus maitheas ar cruthai'-fhear ann 'fgach cás.

Ceift X. *Cionnas do chruthaigh Dia an duine?*

F. Do chruthaigh Dia an duine, fear agus bean do reir iomhaidh fein, ann colas

fireantachd, agus naomhachd, le uachdranachd ois ceann nan creatuire.

C. *Co an creatuir as urramaich air thalamh ?*

F. An duine.

C. *C' ar fon ma 'ta, a rinneadh ann diaidh gach uile chreatuir eil é ?*

F. Do bhri' gu 'm facadh Dia iomchuidh an saoghal a deanamh mar thigh, deas agus sgeudaichte air a shon, m'an do cruthaich é 'n duine chum aiteachadh.

C. *Ciod a ghne chreatuir an duine ?*

F. Bith air a dheanamh suas do anam, agus do chorp, air a chruthach na fhear agus na mhnaoi.

C. *Cia lion duine chruthaich Dia air thús ?*

F. Aon duine agus aon bhean a mhain.

C. *Creud an da ni d' am bheil an duin' air a dheanamh suas ?*

F. Do anam, agus do chorp.

C. *Creud é anam an duine ?*

F. Is spiorad riasunta neo'-fhaicsinneach, agus neo'-bhasmhor é, leis am bheil an duin' ag deanamh gach gniomh beothail agus tuigseach ann am beatha le gluasachd, le tuigse, agus le toil.

C. *Cionnas a rinneadh anam an duine ?*

F. Chuir Dia anail na beatha ann, agus dh' fhas é na anam beo.

C. *Co dheth a rinneadh corp an duine ?*

F. Rinneadh corp Adhamh do dhuslach na talmhain, agus rinneadh Eubha do asna a taobh Adhaimh.

C. *Am fead an corp bhi beo as eagmhuis an anama ?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Ann fead an t anam bhi beo as eagmhuis a chuirp ?*

F. Feadaidh.

C. *Co an iomhaidh a rinn Dia an duine ?" a reir ?*

F. Iomhaidh fein.

C.

C. *An ann an corp an duinne, no ann coſamhlachd corporradh air bith a bha ſo?*

F. Cha b' ann, ach ann anam an duine, ni ata na-ſpiorad air a ſgeudughadh le cumhachdaibh nadurra, agus le beuſaibh modhanail, ata giulan cail eigin do choſamhlachd r' a chruthai' fhear.

C. *Cionnas ata 'n t-anam coſmhuil re Dia ann a chumhahdaibh nadurra?*

F. Mar ata é na ſpiorad neo'-bhâſmhor ſgeudaighte le tuigſe, le toil, agus * meoghair.

C. *Cionnas a bha 'n duine coſmhuil re Dia ann am buaidhibh moralta no beuſach?*

F. Ann a eôlas, fhireantachd, a naomhachd, agus uachdranachd oif-cionn nan creatuire.

C. *Creud an' t eôlas leis an roibh an duin' air a ſgenduchadh ann a chead chruthachadh?*

F. Bha eolas ro mhor aig' air Dia, air a lagh agus a thoil, air oibribh, agus air a chreatuiribh, agus a chuid ſin dhiubh a bha air thalamh b' aithne dh 'a gu maith cionnas a dheanadh e feum dhiubh, agus a riaghluiche é iad. Agus mar chomharth' air eôlas thug e ainme do gach beo chreatuir iomchuidh air an nadurra air a cheud ſealladh dhiubh, Gin. 2. 19. 20.

C. *Creud an fhireantachd ſin a bh' aig' ad duine na cheud chruthachadh?*

F. Bha toil cho'-thromach agus cheart aige, bha 'g a aomadh gu ceartas a dheanamh r' a cho'-chreatuire uile.

C. *C' ait' an roibh naomhachd an duine ag coſheaſamh?*

F. Ann am fior-ghloin an anama, le uile bhuadhibh, a bha 'g a aomadh gu fuath a thoirt do 'n pheacadh, gu grâdh a thoirt do 'n ni bha glan agus taitneach do Dhia, agus ann dicheall a dheanamh air a chroidhe, agus a bheatha gu h iomlan a riaghluchadh do reir a naomh-lagh-ſan.

C. *Nach roibh an naomhachd nadurr ſo, ag deanamh an duine iomchuidh air co-chomunn re Dia,*

* cuimnne

agus 'g a neartuchadh chum an lagh a choimhid gu hiomlan? F. Bha.

C. *Nach b' i naomhachd a chuid a b' airde do iomhaidh Dhe ann fan duine?*

F. B' i; agus 's i naomhachd oirdheirceachd an duine gach àm, agus ann 's gach ftaid, air neamh, no air thalamh, thaobh gur ann le fo ata é cofmhuil re Dia.

C. *Nach 'eil eólas ag deanamh an duine fgiamhach mar an ceadna?*

F. Ata gu mór; ma bhios naomhachd na cho'-chuideachd, ach ata eolas as eagmhuis naomhachd, na chofamhlachd air an diabhol n' as mo na oir Dia, Gin. 3. 1. Gniomh. 13. 10.

C. *An raibh an uachdranachd fin a bh' aig' an duine air thús ois cionn nan creatuire na chuid do iomhaidh Dhe air fin?*

F. Bha; oir le fo bha é 'n cofamhlachd Dhe ann a ughdarras, agus na riaghluchadh.

C. *Creud an uachdranachd a bh' aig' an duine air thús ois-cion nan creatuire?*

F. An t ughdaras fin a fhuair è thar iafg na fairge, eanlaith an aidheir, beathaiche na talmhain; le cumhachd 'g an riaghluch', a dheanamh feum dhiubh, agus chum an gnathachadh a reir a thoil, oir bha iad uile fa ordu' fin.

C. *Nach do chaill an duine ann an cuid mhór an uachdranachd fo anois?*

F. Chaill: oir thaobh a chuid as mó do na creatuiribh ata iad nan ua'-bhás do 'n duine, no eifean na ua'-bhas dhoibh fin, agus 'fe fo cuid do thoradh feirbh a pheacaidh, oir do bhridh gu d' rinn an duine ceannairc ann aghaidh Dhe, cha 'n iongantach ge do bhitheas na creatuire ceannairceach, agus eaf-umhal dh' a fan.

Ceift XI. *Creud iad oibridh freafdail De?*

F. Is iad oibridh freafdail De gu bheil

fe

ſe ag coimhead agus ag riaghluchadh nan uile chreatuiribh, le 'e n uile ghniomhartha, gu ro-naomh, gu ro ghlic, agus gu rochumhachdach.

C. *Cionnas ata thu co' duchadh gu bheil freaſdal De ag riaghluch' au t ſaoghail?*

F. Ata ſo ſoilleir o aithris nan ſgriobtur, agus o choi'-lionadh direach fai-dearachd nan ſgriobturibh, agus mar an ceadna, o nithe nadurra ata ſoilleir do na h uile, mar ata gluaſachd chinnteach laitheil agus bhliadh-nail na greine, 'ta ag toirt m' an cuairt atharrach' riaghuilteach la agus oidhche, agus ſeaſonaibh na bliadhna fa leith chum freaſdal dhuinn' ann an nithe feumail agus gaoi eaſach na beatha ſo, mar an ceadna, traogha agus lionadh riaghuilteach na fairge, an cúram anbar'ach ata ann 'ſ gach beo chreatuir, rioſunta, mothachail, agus luis bheo, a chonbhail ſuas an gne fein; oſbar, ata iomad ni iongantach r' am faicſin ata ag tarladh, agus ata leigeil ris dhuinn', gu bheil freaſdal glic ann ata ag riaghlucha' ann t ſaoghail.

C. *Creud iad cuſboire freaſdail De, no na nithe ſin mu am bheil é air a thaiſbeanadh?*

F. Ata é ag righeachd air uile chreatuiribh, le 'n uile ghniomhartha, Sal. 103. 19. Eoin 15. 5. Gniomh. 17. 28.

C. *Am bheil freaſdal De ag righeachd air na creatuiribh as ſuaraiche co mhaith ris na creatuiribh as airde?*

F. Ata; cha 'n 'eil ni air bith co ard is gu bheil e 'n taobh a mach d' a chumachd, agus cha 'n 'eil ni air bith co ſhuarach is nach toir é fai dear é, oir mar ata eiſean ag riaghluch' ann an armailte neamh, mar an ceadna ata é gabhail cúram do na fiachaibh fein, do na gealbhoinn, do 'n

fheur,

fheur, agus do fholt ar cinn, Dan. 4. 35. Mat. 10. 29. 30. Mat. 6. 30. Luc. 12. 24.

C. *Ma 'ta Dia a gabhail curam do na creatuiribh fuarach ſin, nach mó gu mór a ghabhas é curam da' luchd muintir fein ?*

F. 'S mó.

C. *Creud iad gniomhadh De mu thimchioll a chreatuiribh ; agus an gniomhartha ſin ?*

F. An dias ſin gu h araid, eadhon, an coimhead, agus an riaghluchadh.

C. *Cionnas ata é ag coimhead a chreatuiribh ?*

F. Le bhi 'g an conbhail ſuas ann am bith, bhi 'g an teaſairgin o gach olc, agus ag deaſuchadh lóin dhoibh, Eabh. 1. 3. Sal. 119. 91. Sal. 145. 15. 16.

C. *Nach maireadh na creatuirihh ann am bith gun Dia a bhi 'g an conbhail ſuas ?*

F. Cha mhaireadh, thuiteadh iad fios gu neimhni airis a's eagmhuis ſo ; agus air an doidh ſo, 'ta am freaſdal mar ghna' chruthachadh, Gniomh. 17. 28.

C. *Nach feadadh creatuire mar 'ta na h ainglibh maireachduin beo as eagmhuis freaſdal De ?*

F. Cha 'n fheadadh, ni as mo na cuileog, na creatuir air bith eile.

C. *Cionnas ata Dia ag riaghluchadh uile chreatuire agus an gniomhartha ?*

F. Le bhi 'g an ſdiuradh chum an criochaibh ſonruighte, do reir an nadurra, ag toirt nithe gu crich leo-ſan do reir a thoile ; agus le bhi 'g ardriaghluchadh an gniomhartha gu leir chum a ghloire fein, Sal. 147. 15. 16. &c. Scan. 1. 16. 9. 33.

C. *Nach 'eil Dia air uairibh toirt air a' chreatuiribh bhi gluaſachd ann aghaidh an cúrſa, agus an cumhachd nadurra ?*

F. Ata n' uair is aill leis bhi cur moirbhuile ann gniomh, mar 'ta bhi ag ſgaruichdain nan uiſg'

as

as a cheile, bhi toirt air iarunn ſnamh, bhi cur coſg air cumhachd teine, agus air corruigh leomh an.

C. *Am bheil freaſdal De ag righeachd air uile ghniomhartha dhaoine ?*

F. Ata é ag righeachd orr' uile, ma 's maith, no olc, nadurra, beuſach, no teagmhuſach iad, Gniomh. 17. 28. Eoin 15. 5. Exod. 21. 12. 13.

C. *Creud an lamh ata aig freaſdal De mu thimchoill gniomhartha peacach ?*

F. Ata lamh naomh aig' ann na ceuduchadh, ann an laithilt agus coſg a chur orra, agus nan ſdiuradh gu criocha glic agus naomh 'n taobh thall do run an luch deanaidh.

C. *Cionnas ata Dia ag ceaduchadh do dhaoinibh tuiteam ann am peacadh ?*

F. Ata é 'na cheart bhreitheanas 'g an fagail, no 'g an toirt ſuas gu ainmianna an criodheachan fein, agus gu buaireadh an aidhbhearſoir, Sal. 81. 11. 12.

C. *C' ar ſon ata Dia ag ceaduch' a pheacaidh 'a uair ata é na chomas a bhacadh ?*

F. Ann ſo ata é ag deanamh mar bhreitheamh naomh agus co'-thromach ; 'n uair a bhios daoine ag dinltadh a ghairm fin, agus ag deanamh dimeas air an t ſolus, ata é gu ceart-bhreitheach 'g an cronachadh, le bhi 'gan fagail dhoibh fein. Ach gidheadh ata é coi'-meaſg a cheartais le moran trocair agus gliocais, oir le ſo, ata ſe nochdadh do dhaoinibh mead an uilc ata nan criodhe chum mothachadh thoirt dhoibh, agus an irioſlachadh, agus a leigeil ſ haicſin dhoibh cia iongantach a bheir é a ghloir fein agus maith na h eaglais gu crich as na nithe as meaſa, 2 Chron. 32. 31. Neh. 9. 28.

C. *Am fead thu ſo a ſhoilleiricheadh, le eiſempleiribh o 'n ſgriobtur ?*

F. Feadaidh ; ata é ſoilleir cha 'n ann amhain o bhrath agus o cheaſadh Chrioſt a dh' ainmighe

air

air an t feachdamh ceift, ach mar an ceadna, ann reic Joſeph do 'n Eipht. Bu chron a bha ann rún na dream a rinn é, ach thug Dia m' an cuairt air ſon maith é, Gin. 50. 20.

C. *Co iad mu am bheil freaſdal Dhe gu ſonruighte air a thaiſteanadh?*

F. M' an eaglais, agus na h uile ta nam fior chreidmhich, 'n uair nach 'eil aig cach ach freaſdal coitchinn De re amharc ris, ata freaſdal ſonruighte agus athaireil aca-ſan r 'a earbſa ris, do bhri' gu do gheall é gu co'-oibrigh na h uile uithe chum maithe dhoibh, Rom. 8. 28.

C. *Creud iad na buaidhibh ata ann gniomhartha freaſdal De?*

F. Ata tri air an ainmeachadh ann ſan fhreagradh; 1. Ata iad ro-naomh, gun ſal, no truaill'eachd. 2. Ata iad ro-ghlic, gun mhearachd air bith. 3. Ataid ro-chumhachdach, cha'n fheadar am bacadh, no cuir nan aghaidh, Sal. 145. 17. Rom. 11. 33. Dan. 4. 35.

C. *Ma 'ta Dia a' riaghluchadh an t ſaoghail co ro-ghlic, cionnas ata é ag ſulang d' a luchd muintir bhi fa amhghar, agus d' a naimhde foir bheachadh?*

F. Ata gliocas De a air a ghloruchadh le ſo, oir cia cám air bith a bhitheas na nithe ſin ſan amharc, ata iad gu glic air an riaghluchadh chum ſlaint a phobuill fein a chuir air aghaidh; agus chum ſgrios a naimhde.

C. *Nach 'eile moran le 'n deanadas ag aich-ſheun freaſdal De?*

F. Ata; mar 'ta an droing nach eil a' gabhail comhairle Dhe ann nan gnothaichibh, no 'g iarruidh a bheannuchadh orra; agus iadſan ata toirt tuilleadh cliu do dhara abhara na do Dhia air ſon an ſoirbheas: agus iadſan ata mi-fhoighidneach fuidh thrioploid, an-earbſach a Dia nan teanndach, no gabhail ſcoladh neo'-laghail chuin righeachd

righeachd air na nithe bhios a dh' eaſ-bhuidh orra.

C. *Creud am meas bu choir dhuinne altrom air freaſdal De?*

F. Bu chóir dhuinn freaſdal De a chur air ar crann le urnaigh ann ar gnothaichibh gu leir, agus earbſa r 'a chúram: bu choir dhuinn ceimibh a fhreaſdail a thoirt fai-near gu h urramach, agus geill iriofal a thoirt d 'a orduchà-ſan.

C. *Nach bu choir dhuinn' comharth' a chur air ceimibh graſail freaſdail De d' ar taoibhne?*

F. Bu choir.

C. *Creud iad ſin bu choir dhuinn a chomharthach gu ſonruighte?*

F. Iad ſin a leanas, eadhon, curam a fhreaſdail ann ar coimhead ann ſa bhroinn, agus o 'n bhroinn, ann am faire dheanamh oirne 'n ar naoi'-eantachd lag, ann ar crannchar a theilgeil far am bheil ſolus an t ſoiſgeul, an aite bhi 'meaſg neo'-chreidmheich, oilean diadhaidh agus deadh eiſempleiribh a luidheaſach oirn', bhi toirt orduighean beothail agus freaſdail dhuinn d' ar duſgadh chum pilleadh re Dia; bhi ag coimhead ar beatha co fhada 'meaſg gach eaſlaint, cunntart, agus * ſpuirlin; agus ann ar conbhail e iomad rib agus buaireadh chum peacaidh.

Ceiſt XII. *Creud an gniomh araid freaſdail a rinn Dia do thaobh an duine ſan ſtaid ann do chruthaiche e?*

F. Ann t an do chruthaich Dia an duine, do rinn ſe co'-cheangal beatha ris, ag iarruidh umhlachd iomlan air mar chuimhnant; agus ag toirmeaſg dh 'a ni air bith ithe do chraoibh eolais maith agus uile faoi phein a bhàs.

* tubaiſt

C.

C. *Ciod a' rinn Dia ris an duine n' uar a chruthaich é ?*

F. Rinn é coi'-cheangal ris.

C. *Ciod ata thu tuigsin le coi'-cheangal ?*

F. Ni air an aontaigh dias ann coi'-reite r 'a cheile.

C. *Cia lion coi'-cheangal a rinn Dia ris an duine ?*

F. Dias, eadon, coi' cheangal nan gniomh, agus coi'-cheangal nan gràs.

C. *Co dhiubh sin a rinn Dia re Adhamh air thus ?*

F. Choi'-cheangal nan gniomh, ris an abrar san fhreagradh coi'cheangal na beatha.

C. *C' ar son a deirir co'-cheangal oibridh, agus coi'-cheangal beatha ris ?*

F. Deirir coi'-cheangal oibridh ris o ni bha é cur mar chumhnant air an duine, agus deirir coi'-cheangal beatha ris, o 'n ghealladh, no an duais a bha é tabhairt.

C. *Cionnas ata é soilleir gu roibh Dia agus Adhamh da rireadh ann coi'-cheangail r 'a cheile ?*

F. Uaithe so, gu roibh Dia ag iarruidh umhlachd d' a thoil air Adhamh, ag gealtain beatha dh 'a ann lorg umhlachd, agus ag bagradh bais ann lorg-eas-umhlachd, agus do bhri' gu d' rinneadh Adhamh do reir iomhaidh Dhe, dh' aontaigh é gun teagamh le toil a chruthai'-fhir 'n uair a chuaidh foillsicheadh dh' a air thús.

C. *An roibh ni sonruight mar cumhnant ann sa coi'-cheangal so ?*

F. Bha, eadhon, oibridh, no umhlach do thoil De.

C. *Creud ata thu cialluchadh le cumhnant ann an coi'-cheangal ?*

F. Iartas, no aithne shonruighte trid a coi'-lionadh d' am bheil na fochaire ata air an gealtain ann sa choi'-cheangal air an tabhairt.

C.

C. *Ciod a ghne umhlachd a bha 'n coi'-cheangal ſo 'g iarruidh ?*

F. Umhlachd iomlan do thoil De gu h uile.

C. *C' uin' a dh' ſheadar umhlachd a mheas iomlan ?*

F. Ata i mar ſo, 'n uair a bhuanaicheas duin' ann deanamh gach aon ni 'ta Dia ag iarruidh, gun teachd gaoirid ann ni air bith, ann nadur no doigh, ann ard rún, no chrioch a bhios aige.

C. *An roibh deagh-ghean air bith ann an coi'-cheangal nan oibridh? ?*

F. Bha, bu mhór an deadh-ghean gu d' aontaigh Dia an duine ghabhail ann coi'-cheangal ris fein, agus do gheall é coi'-lion duais luachmhór a thoirt miſneich dh 'a na umhlachd, ni a bha gu cinnteach mar fhiacha air le a chruthachadh, ge nach rachadh ni air bith a ghealtain dh'a.

C. *Creud an duais a chuaidh gheal'ain do umhlachd an duine ann ſa choi'-cheangal ſo ?*

F. Beatha.

C. *Creud a ghne beatha a bh' ann ?*

F. Beatha nadurra, ſpioradail agus ſhiorruidh, bha beatha nadurra agus ſpioradoil a bh' aig ann, air an toirt dh'a na chruthachadh, chum bhi air am buanachadh dh'a; agus ann am iomchuidh, bha é gu bhi air aiſeag chum beatha ſhiorruidh air neamh gun bhaſachadh.

C. *Creud an cunntas is urra' thú a thabhairt air na tri gne beatha ſo ?*

F. Ata bheatha nadurra ag co' ſheaſamh ann ceangail an anama agus a chuirp; a bheatha ſpiora dail an ceangal an anama re Dia; agus a bheatha ſhiorruidh ann an ſonas an anama agus a chuirp ann am ſoilifícheadh neo'-mheadhonach, agus ann la 'n mhealtain Dhe air neamh gu bráth.

C. *An roibh an coi'-cheangal ſo air a dheanamh re Adhamh air aſhon fein amhain ?*

F. Cha roibh; rinneadh ris é, cha 'n ann a-

 mhain

mhain air a shón fein ach mar an ceadna air son a shliochd gu leir.

C. *An roibh gu leoir do neart, agus do ghrâs air an toirt do Adhamh air thús chum iartais a choi'-cheangal a choi'-lionadh ?*

F. Bha.

C. *An roibh an coi'-cheangal so 'g iarruidh umh lachd do lagh na modhanna gu h iomlan.*

F. Bha.

C. *C' ait' an roibh an lagh so air a sgriobhadh ?*

F. Air croidheachaibh ar ceud sinnsir.

C. *Nach roibh ni eigin eile bha Dia ag iarruidh mar dh' fheuchain air an umhlachd-san ann ?*

F. Bha, eadhon, nach ithe iad do chraoibh eolais maith agus uile.

C. *C' ar son a bhac Dia a chraobh so dhoibh ?*

F. Mar dh' fheuchain air an geill, agus air an umhlachd d' an uachdaran ard Thighearnail, o 'n roibh an uile shochairibh ; agus d' an teagasg, nach roibh an ard shonas ag co-sheasamh ann an nithe aimsireil a mhealtain, ach ann deagh-ghean an Thighearna, agus bu choir dhoibh a thoil agus a rún san a mhiannughadh thar gach solas corporra air bith.

C. *An roibh feart no buaidh air bith ann sa chraoibh so a dheanamh daoine fiosrach no glic ?*

F. Cha roibh dada, ge do mheall an diabhol iad leis a bhuaireadh so.

C. *Car son ma seadh a dein ir craobh eolais mhaith agus uile ria ?*

F. Bha i air a h ainmeachadh mar so, a thoirt cinnt dhoibh nan ithe iad do 'n mheas so, gu mo thaig e iad o 'm fiosrach bronach fein a' maith a chailleadh iad, agus an t' olc a thairneagh iad orra fein, agus air an sliochd.

C. *Creud a' maith a bha aca r' a chall ?*

F. Iomhadh agus deagh-ghean De mar aon.

C. *Creud an t'olc r bha re teachd orra ?*

F. Fearg agus malluchadh Dhe.

C.

C. *An roibh am paineachas air a nochdadh gu foilleir dhoibh 'n uair a rinneadh an coi'-sheangal riu?*

F. Bha, oir a dubhairt Dia, " Ann san la a dh'itheas thu gheibh thu bás gu deimhin."

C. *Ciod a ghne báis leis an do bhagair Dia iad?*

F. Bás aimsireil, spioradail, agus siorruidh ag co'-fhreagradh do 'n bheatha a ghealladh.

C. *Creud an cunntas is urra' thu a thabhairt air na tri gne báis sin?*

F. Ata bàs aimsireil ag co-sheasamh ann sgarachdain an anama o 'n chorp, am bás spioradail ann sgarachduin an anama o Dhia, agus ann an call iomhaidh sin; agus am bàs siorruidh ann sgarachduin ann anama agus a chuirp mar aon o Luthaireacad shólasach Dhe gu bràth.

C. *'N do bhásaich Adhamh air doidh aimsireil a cheart la a dh' ith e meas?*

F. Cha do bhàsaich, oir bha é béo gus an roibh é naoidh ceud agus deich bliadhn' 'ar fhichid a dh' aois.

C. *Cionnas ma 'ta bha bagradh Dhe air a choi'-lionadh?*

F. Air an la ann d' ith é, bhàsaich é air doidh spioradail, agus dh' fhas é buailteach do bhás aimsireil, agus siorrudh.

C. *Creud a thuigear leis na briathraibh sin, bhásaich é air doigh spioradail?*

F. Tuigear leó gu do chaill Adhamh iomhaidh agus deadh ghean De, gu d' fhàs é bàsmhor, agus buailteach do gach amhghar sa bheatha so, agus do phiantaidh ifrinn na dhiaidh so.

C. *C' ar son nach do chuireadh a bhinn gu lion-lan ann gniomh san am?*

F. Ata abhar aguinn a chreidsin gu roibh é ann a theasairgin o 'n bhàs shorruidh trid eidermheadhoinearachd Chriosd; agus air sga' nan daoine taghta bha re sruth uaithe, fhuair é dail

o 'n bhàs aimfireil car feal, ach thug am peacadh buille bàis dh 'a, leis an d' eug é faidheoidh.

C. *Nach fead finn móran do chron a pheacaidh fhaicfin ann fa bhagradh ua' bhàfach fo?*

F. Feadaidh ; oir is olc am peacadh 'ta ag toirt fonas aimfireil, fpioradail, agus fiorruidh o 'n duine, agus 'g a chur fuidh gach truaighe dhiu' fin.

C. *An roibh áit 'ann fa choi'-cheangal fo, air fon eider mheadhoinear no urras ?*

F. Cha roibh ; oir bha é 'g iarruidh umhlachd, no fulangas pearfonta, o gach duin' air a fhon fein.

C. *Nach robhadh é re aithreachas o pheacaich, agus oirpeachadh treibh-dhireach air umhlachd, ge do bhitheadh iad neo'-fhoirfe ?*

F. Cha ghabhadh ; oir bha é 'g iarruidh umhlachd iomlan gu neo'fhuafgailte, agus a' toirt b nne feirge air a chiontach air fon na cionta bu lugha, gun dochas trocair air bith ann lorg aithreachais ?

C. *Nach bu choir do gach creilmheach mór bhuidheachas a thoirt do Dhia, nach 'eil iad fuidh 'n choi'-cheangal fo ?*

F. Bu choir.

C. *Nach eil ftaid neo'-chreidmhich brónach ata buanachadh fuidh 'n coi'-cheangal fo ?*

F. Ata.

Ceift XIII. *An d' fhan ar ceud finnfir ann fan ftaid ann do chruthaiche iad?*

F. Air bhi d' ar ceud finnfir air am fagail gu faorfa an toile fein, do thuiteadair o 'n ftaid ann do chruthaiche iad, le peacadh ann aghaidh Dhe.

C. *Creud an ftaid an roibh ar ceud finnfir' air an cruthachadh ?*

F.

F. Aun an ſtaid neo'-chiontais, agus mor ſhonais.

C. *Creud an ni ann ſan roibh an ſonas a' coſheaſamh ?*

F. Bha iad ſaor o gach peac' agus truaighie, agus bha iad a' mealtain co-chomann ro bhlaſta re Dia.

C. *Cionnas a thuit iad o 'n ſtaid ſo ?*

F. Le peacachadh an aghaidh Dhe.

C. *Nach roibh iad air an deanamh foirfe do reir iomhaidh Dhe ? Agus cionnas a do' fheadadh iad peacachadh ?*

F. Ge 'do bha iad air an deanamh foirfe, gidheadh cha roibh iad air an daingneach' ann ſan ſtaid ſo, coſmhuil ris na h ainglibh taghta, ach air an cruthachadh caochlui'-each, agus air am fagail gu ſaors' an toile fein.

C. *An roibh iad air an cruthachadh le toil no rún gu peacadh ?*

F. Cha roibh.

C. *Creud ata thu ciallach' leis an t ſaor thoil' chum an d' f hagadh an duine ?*

F. Nach d' rinneadh ain-neart air bith orra, ach gu roibh ſaor thoil aca, a roghnughadh, no dhiultadh maith no uilc.

C. *Nach roibh gu leoir do ſhaorſa nan toil, agus do neart aca thoirt umhlachd do Dhia ann ſgach aon ni, agus a ſheaſamh ann aghaidh gach uile bhuaireadh chum peacaidh ?*

F. Bha nan deanadh iad feum iomchuidh dheth, mar bha nan comas ; ach air bhi d' an ſóras 'nan laimh fein, as eagmhuis gráis daingnicheadh o Dhia, dh' fheadadh iad mar an ceadna tuiteam nam b' aill leo'.

C. *Air ſuiteam do 'n duine, am bheil an t ſaor thoil ſin aige chum an ni 'ta maith, a bh' aig Adhamh air thús ?*

F. Cha 'n 'eil ; ge 'ta cail-eigin do ſhaorſa gu nithe 'ta maith air doidh nadurra no beuſach, ra-

fhaicfin ann daoine neo'-iompoichte, ni as mò ann cuid agus ni as ludha ann cuid eile, gidheadh cha'n 'eil faorfa air bith nan toil gu nithe atà maith air doidh fpioradail, air bith dhoibh, " marbh " ann ea ceartaibh agus am peacadh," Eph. 2. 1.

C. *Am bheil an dream atà iompoichte à feaghail an t faor thoil fin chum maith a bh' aig' Adhamh ?*

F. Cha'n 'eil gu h iomlan an fa bheatha fo, gè 'ta iad ag nigheachd orra ann an deagh thomhas, ach do bhri' nach eil iad amhain, ach air an ath-nuadhach' ann cuid, agus gu bheil iomhaidh Dhe neo'-iomlan ionnta air thalamh, cha 'n 'eil an toil gu h uile gus an ni 'ta maith, oir ata do ghna' meafga' ann-ta-fan do dún chum uile.

C. *Creud an t faor thoil ata aig na naoimh air neamh ?*

F. Ata faor thoil aca 'mhain chum an ni 'ta maith, agus fin ann an tomhas iomlan ; agus trid feartaibh grais daingnicheadh, cha 'n fhead iad ni air bith olc a mhiannuchadh.

C. *Creud ata r 'a thuiglin le Dia a dh' fhagail ar ceud finnfir gu faorfa an toile fein ?*

F. Gu do cheaduigh e dhoibh an roghain a ghabhail 'n uair a bha maith agus olc nan comas, gun nuadh leafachach grais a toirt dhoibh a chonbhail an toil o aontachadh le buaireadh chum peacaich.

C. *C' ar fon nach d' thug é nuadh-leafachadh dhoibh ?*

F. Do bhri' nach roibh e ceangailt air fo a dheanadh, agus gu roibh runaibh ghlormhor aige r 'n toirt a fteach le a chonbhail uatha.

C. *Creud am buaireadh bh' aig' ar ceud finnfiribh chum peacachadh ann aghaidh Dhe ?*

F. 1. Bhuair an Diobhal a bhean chum ithe do 'n mheas thoirmifgte : Agus 2. Bhrofduigh e ife gu Adhamh a bhuaireadh a dheanamh an ni cheadna.

C.

C. *Am feadadh an diabhol ain-neart air bith a ghnath-acha ann na 'm buaireadh chum peacaidh ?*

F. Cha 'n fheadadh, b' e na uile bha na' chomas, am buaireadh chuige fo air doigh chealgaich.

C. *Ciod an feol a ghabh é air fo a dheanadh ?*

F. Rinn é feum do nathair, agus labhair é mach aiſte, nochd é dhoibh gu roibh a' meas ion-mhiannuiche, agus chuir é 'n ceil dhoibh gu 'm bithidh iad glic mar Dhia le ithe dheth, agus gu rachadh iad as o 'n pheanas a bhagradh, thug é ionnſuidh air Eubha 'n uair a bha i na h aonar, agus rinn é feum dh' iſe a bhuaireadh a fir.

C. *Nach ann air a ſhon ſo, ata Crioſt ag radh ris ann an diabhoil Breagoire, agus Moirt-fhear o thoiſeach ?*

F. 'S ann, oir b' ann le breugaibh, agus le cealgoireachd a mhuirt é ar ceud ſinnſiribh agus an ſliochd.

C. *Nach bu pheac' ua' bhaſach dhoibh an diabhol a chreidſin ni bu mhó na Dia ?*

F. B' eadh ; agus ata ſliochd Adhamh do ghna' ullamh chum eiſempleir a leantain air an doidh ſo.

C. *Ciod a thigeadh ris na daoine as fearr anois nam fagadh Dia dhoibh fein iad, agus do bhuaireadh an aidhbhearfoir ?*

F. Rachadh iad a' mugha gun teagamh thaobh gu do chaill ſinn ar neart trid an leagaidh, cha 'n 'eil duin' air thalamh a' righeachd air foirſeachd Adhaimh ann grás ; oir ata gna' thruaill'-eachd air a meaſgadh ann ſan neach as fearr.

C. *Nach bu choir dhuinn bhi re gna' urnaigh re Dia gun ar fagail gu ſaorſadh ar toile fein ?*

F. Bu choir ; oir mar roibh naomhachd iomlan as eagmhuis nuadh chongnamh agus gráſ daing| nicheadh o Dhia, nan dion o thuiteam gu tur, mar ata e foilleir o eiſempleir nan ainglibh, agus ar ceud ſinnſiribh ; bhitheamaid air ar ſgrios gun

teagamh.

teagamh nam fagadh Dia dhuinn fein finn, ata fag agus truailleadh.

C. *Nach 'eil na creidmhich tearuinte 'nios o leithid fin do leagadh?*

F. Ata, ge nach ann dhoibh fein a bhearthar a chliu, ach do ghealladh grafmhor De tri Jofa Crioft.

C. *Creud iad na criocha glic, agus grâfmhor a bh' aig Dia ann ceuduch tuifle Adhamh?*

F. Bha é cur roimhe a ghliocas neo'-chriochnach, a cheartas, agus a mhaitheas a ghlorughadh, le peacaich do 'n chinnidh dhaon' a fhaoradh trid urras a fholair é fein dhoibh.

Ceift XIV. *Creud a peacadh?*

F. A fe am peacadh eafbhuidh aontachadh le lagh Dhe, no brifeadh an lagha fin.

C. *Creud ata thu cialluchadh le lagh Dhe?*

F. Na h aitheantaibh, no na reachdaibh a thug Dia do 'n duine chum a ghiulan a riaghluchadh.

C. *C' ait' am bheil an lagh fo air a fgriobhadh?*

F. Bha é air thús gu foilleir air a fgriobhadh air croidhe Adhaimh, ach trid an leagaidh, d' fhas an fgriobha fo dorcha, agus uime fin, fgriobh Dia gu leoir fhoilleir dhuinn é ann a fhocal fein.

C. *Cia lion gne do reachdaibh a fgriobh Dia ann a fhocal?*

F. Tri; eadhon lagh na coir-cheartas, lagh nan deafghná, agus lagh na modhana.

C. *Creud e lagh na coir cheartais?*

F. Na nithe a bhuineadh do riaghail nan Judhaich, ann an gnothaiche faoghalta, leis nach roibh riochdaibh eil air an ceangail na b' fhaide na bha iad air an fleigh-each' air co' throm, no ceartas modhanail.

C. *Creud e lagh nan deafgnath?*

F.

F. Na ſtatuin a bhuineadh do adhradh nan Judh ach, mar bha 'n iobairte, ionalada, agus gniomhartha crabhach eile, bha roi', chialluchadh Chrioſt agus a ſhochairibh-ſin, agus ata 'nois air an coi'lionadh, agus air an toirt air falbh le teachd Crioſt.

C. *Creud é lagh na modhana?*

F. Na nithe ſin ata mar riaghaili d' ar beaſaibh, agus d' ar gniomhartha, agus ata gu h aithghearr air an cur ſios le Dia fein, ann fna deich aitheanta.

C. *Am bu choir do na h úile dhaoine coſamhlachd ris an lagh ſo cirpeachadh?*

F. B' eadh; oir 'ta gach eas-bhuidh dheth na pheacadh.

C. *Creud ata thu tuigſin le coſamhlachd ris an lagh?*

F. Bhi coſmhuil ris an ni 'ta é 'g iarruidh oirne.

C. *Ciod a ghne choſamhluchd re lagh Dhe is coir a bhi ann aine?*

F. Coſamhlachd mar aon o 'n leath ſligh ann ar croidhe agus ann ar ſmuaintibh, agus ann ſan leath 'mach, ann ar briathraibh agus 'n ar gniomhartha, agus ma bhios eaſbhuidh na cead chuid dhiu' fin oir ne 'ta ſinn ciontach am peacadh cia direach air bith a bhios a chuid eile.

C. *Creud is ciall do bhriſeadh an lagh?*

F. 'S e ſin bhi dol thar nan criocha ſin a ſhocruich Dia dhuinn le lagh, no bhi deanamh nan nithe ſin ata na aghaidh.

C. *C' ar ſon ata na briathra ſin mar aon air an gnathachadh a chomharthach 'a pheacaidh, eadhon, eas-bhuidh aontacha' leis an lagh, agus briſeadh an lagha?*

F. Ata cheud aon dhiu' ſin a' gabhail a ſteach peacadh gin, ata na eas-bhuidh aontachadh thaobh naduir, agus peacadh dearmaid ata na eas-bhuidh aontachadh beatha re lagh Dhe. Ata 'n dara haon air a ghnathach' a ghabhail a ſteach peacaidh deanadais, thaobh ſmuainteadh, briathra, no gniomhartha.

C.

C. *Nach 'eil am peacadh na olc ro mhór, ata ag brifeadh an reachd ata ro naomh, ceart, agus maith?*

F. Ata.

C. *Creud iad na nithe fin ann fam bheil mór ua'-bhas an uilc fo r' am faicfin?*

F. Ann ta fin; eadhon, gu bheil fe ag tilgeadh uachdranachd Dhe air cul, ag deanamh di-meas air a chumhachd, ag toirt oil-bheum d' a naomh-achd, ag cur doilghios air a fpiorad, ag cur iomh-aidh Dhe as an anam, agus a toirt fgrios air.

C. *Co an fgáthan ann fam bheil olc a pheacaidh r' a fhaicfin air an doidh as foilleireadh?*

F. Chi finn móran do olc a pheacaidh ann an fgáthan naomhachd De, agus ro mhóran dheth ann an fgáthan do'-ruinn ifrinn, ach ni as mó ann an fgáthan fulangas agus bás Chrioft.

C. *Am fead finne gu brath an ea-coir ata 'n peacadh a' deanamh air naomh-lagh De aith-leafach-adh?*

F. Cha 'n fhead; ach thug Crioft ar 'n urraf-ne lan dioladh air fon peacaibh na h uile a chreid-eas ann fan.

Ceift XV. *Creud am peacach leis an do thuit ar ceud finnfir o 'n ftaid ann do chruth-aiche iad?*

F. Do b'e am peacadh leis an do thuit ar ceud finnfir o 'n ftaid ann do chruthaiche iad gu d' ith iad am meas toirmifgte.

C. *C' ar fon a thoirmeifg Dia a' méas fo ith?*

F. A nochdadh uachdranachd oif-cionn ann duine, agus mar dh' fheuchain air umhlachd an duine do thoil agus ughdarras a chruthair: fhir ann coimhid aithne nach roibh é faicfin riofun air bith air a fon ach lóm thoil a Thighearna.

C. *An roibh lochd air bith ann fa mheas fo ithe, mar toirmeifge Dia é?*

F.

F. Cha roibh.

C. *An roibh ar ceud ſinnſir ciontach am peacadh air bith m' an d' ith iad do 'n mheas ?*

F. Bha; pheacaich iad ann eiſteachd a thoirt do'n diabhol, agus na chreidſin m' an d' ith iad.

C. *C' ar ſon ma 'ta a deirir re ith do 'n mheas an ceud pheacadh ?*

F. Do bhri' gu 'm b'é ſo an ceud pheacadh air a chriochnachadh, mar ata é air a labhairt le Seamas 1. 14. 15.

C. *Co bha 'n toiſeach ann ſa pheacadh ?*

F. Bha a' bhean.

C. *An roibh ar ceud ſinnſir ciontach am peacadh ro mhór le ithe do 'n mheas thoirmiſgte ?*

F. Air iomad doidh, b'e ſo am peacadh b' ua'-bhaſaich chuaidh chuir riamh ann gniomh.

C. *Cionnas ata ſin air a nochda ?*

F. Do bhri' gu b' aingidheachd é ann ſan roibh móran do pheacaibh oilteil am fochair a cheile, mar bha, bhi cur cul re ughdarras an cruthai'-fhir, neo'-thaingealachd air ſon a mhór mhaitheis, bhi 'g iarruidh coi meas inmhe re Dia, bhi creidſin an diabhoil air thoiſeach air Dia, bhi gabhail leis na cheannairc, bhi 'g am murtadh fein, agus an fliochd gu leir; agus do bhi ann co'-chuideachd na ciontaſo uile, na nithe a b' ua'-bhaſaich 'ga h ann-tromach' air an cualàs riamh iomradh.

C. *Creud na nithe bha 'g a h ann-tromachadh ?*

F. Chuir iad am peacadh ſo ann gniomh air ball ann diaidh an cruthachaidh do reir iomhaidh Dhe, 'n uair nach roibh truaill'-iachd air bith ionnta 'g an tarruing 'g a' ionnſuidh, no buaireadh o 'n leith 'mach, ach ni a dh' fheadadh iad feaſamh na aghaidh, Seagh bha iad ciontach ann am Parras, ann lathair Dhia, agus ann ſan ait' ann roibh iad o cheann ghaoirid air an gabhail ann coi'-cheangal re Dia, b'aithne dhoibh gu maith na fochairibh glormhor a bha ceangailt re coimhead a cho'-

chcagail

cheagail ſo, agus an truaighe thigeadh orra ann lorg a bhriſeadh ; os bar, pheacaich iad an-a aghaidh an t ſoluis bu dealſruighe, agus ſoillſicheadh Spiorad De bu mhó bh' aig' duine riamh : Agus uime ſin, cha bu choir dhuinn ſimuainteach air a pheacadh ſo, gun uamhunn.

C. *Nach'eil é 'g ann tromach' am peacadh gu do ghabh iad an danadas corruigh a chur air an Dia mhór air ſon buaireadh co ſhuarach re beagan meas ?*

F. Ata.

C. *Creud an dorus air an d' fhuair am peacadh ſteach do chroidheachaibh ar ceud ſinnſir ?*

F. Dorus nan ſúl, Gin. 3. 6. Bha " meas taitneach do 'n t ſuil."

C. *Nach bu choir dhuinn fheghlum uaithe ſo, faire chur air an dorus ſo, chum 's nach fuigheadh am peacadh dol a ſteach air ?*

F. Bu choir.

C. *Nach'eil eiſempleir nan naomh aguinn a rinn ſo ?*

F. Ata Job aguinn mar eiſempleir a rinn coi'-cheangal r' a ſhuilibh, agus Daibhi a rinn urnaigh gu 'm pilleadh Dia a ſhuilibh o amharc air diomhaineas, Job 31. 1. Sal. 119. 37.

Ceiſt XVI. *An do thuit an cinneadh daonna uil' ann ceud pheacadh Adhamh ?*

F. O do bhi an coi'-cheangal air a dheanamh re Adhamh, ni 'mhain air a ſhon fein ach air ſon a ſhliochd ; uime ſin, an cinneadh daonna uile do thainig a nuas uaithe tre ginealach gnathaichte, do pheacaich iad ann ſan, agus do thuiteadar maille ris ann a cheud ſeacharan.

C. *An raibh coi'-cheangal nan gniomh air a dheanadh re h Adhamh air a ſhon fein amhain ?*

F.

F. Cha roibh; bha é air a dheanamh ris air fon a fhliochd mar an ceadna.

C. *Creud ata thu tuigsin le fliochd Adhamh?*

F. A chlann no ghineil a bha gu teachd na dheigh gu deireadh an t saoghail.

C. *Am bheil sinne air ar gabhail a steach ann sa choi'-cheangal so, 'ta lathair anois dhu' air sea mile bliadhna an diaidh a dheanamh?*

F. Ata; do bhri' gur h ann do Jarmad Adhaimh ata sinn.

C. *Cionnas a dh' fheadadh an coi'-cheangal bhi air a dheanamh ruinne aig' nach roibh bith san am sin?*

F. Bha bith aguinn thoabh fearta ann leasraidh Adhaimh; agus rinn eisean ceangal re Dia, cha'n ann mar neach aon-fhilt, ach mar cheann feadhna' agus fear ionaid a fhliochd gu h uile; agus mar so, rinneadh an coi'-cheangal re h Adhamh ann ar 'n ainm-ne.

C. *An ann da thaobh so a deirir gu 'n do pheacaich sinn ann san, agus gu thuit sinn mailie ris?*

F. 'S ann, do reir, Rom. 5. 12.

C. *Cionnas a thainig Adhamh gu bhi na cheann agus na fhear ionaid ann sa cho'-cheangal?*

F. Dh' orduigh Dia é.

C. *Cionnas a dh' fheadadh Adhamh a mheas mar fhear ionaid air ar soin-ne; 'n uair nach d' aontaich sinn riamh le so?*

F. Am b' urra sinn bhi lathair dh' aontaichemid le roghain co cho'-thromach, b' e Adhamh ar ceann nadurra, agus ar 'n Athair gradhach, rinneadh é do reir Jomhaidh Dhe, le cumhachd leor fhoghainteach a thoirt umhlachd dh' a, agus do bhri' gu b' iso toil De, 'ta é ceangailt oirne aontachadh le so mar lagh naomh agus co'-thromach. Os bar ata deagh bharrantas air a so, o nos dhaoin' ann an coi'-cheanguil, ata paranta ag feasamh air son an cloinne gun bhreith, ann a' malairtibh, ann reic fearainn, ann gabhail ainfhiach,

&c. agus c'ar ſon ma 'ta nach roibh é co'-thromach do Adhamh ſeaſamh air ar ſoin-ne ann an coi'-cheangal re Dia.

C. *Am bheil é co'-thromach gu deanadh paranta coi'-cheangail air ſon an cloinne leis am feud iad bhi air an taruiug gu cionn, agus truaighe, agus mar ſin bhi ag fulang air ſon an ni nach do chur iad riamh ann gniomh?*

F. Ma ni duine coi' cheangal air a ſhon fein, agus a ſhliochd ann an ni 'ta co'-thromach, agus dligheach, 's i breith dhaoine gu bheil a chlann fuidh cheangal: mar ata ann geill a thoirt do righ; ata ceannairc an Athar gu co'-thromach ag tuiteam air a ſhliochd, ag * ſorbadh na fola gu leir, agus a' call na h oighreachd, agus ma 'ta ſo air a mheas co'-thromach a' meaſg dhaoine, c' ar ſon nach 'eil é co' thromach mar an ceadna eidear Dia agus duine.

C. *An roibh é ceart ar 'n jonmhus a chur nan lamhan-ſan a rinn feum co olc dheth?*

F. Dh' fheadadh iad feum a b' fhearr a dheanamh dheth nam b' aill leo, agus cha 'n fheadar a mheas gu 'm bithidh a h aon d' an ſliochd 'n an lamhan a b' fhearr, ni mo 'ta adhbhar gearain aguinné, ris am bheil an cúl ſleamhnach' o Dhia, agus an droch dheanadas ag taitneadh, mar 'ta ſinn ag dearbha' le bhi ag leanntain ceimibh Adhaimh 'n a chionta.

C. *N' an ſeaſamh Adhamh, nach bitheamaid ſona lh maille ris?*

F. Bhitheagh, agus uime ſin, do bhri' gu do thuit é 'ta é co'-thromach gu 'm bitheamaid ann truaighe maille ris.

C. *Am bheil co' pairt aguinne le Adhamh na pheacaidh uile?*

F. Cha 'n 'eil, ach na cheud pheacadh 'mhain.

C. *C' ar ſon 'n a cheud pheacadh 'mhain?*

F. Do bhri' gu do fheis é ann ſin air ſon uile

* truailleadh

ghineil,

ghineil, mar cheann coi'-cheangail; ach ann diaidh dh'a an coi'-cheangal a bhriſeadh, cha deach' earbſa ris tuilleadh mar fhear ionaid, ach bha é air a mheas mar phearſa' aon-fheilt' ann a ghniomhartha air a ſhon fein amhain.

C. *Nach'eil é co cho' thromach ceud pheacadh Adhamh agradh air a ſhliochd chum an diteadh, a's ata é ſireantachd Chriſt a mheas dhuinn chum ar teaſairgin?*

F. Ata é co'-thromachach air an aon doigh, do bhri' gu roibh na coi'-cheangail air an deanamh mar aon ris a' cheud, agus ris an dara h Adhamh ann ar 'n ainm-ne, Rom. 5. 18. 19.

C. *C' uin' ata peacadh Adhaimh'g a mheas air a ſhliochd?*

F. Co luath 's a bhios bith ac' a, agus a ſheaſas iad ann daimh re Adhamh.

C. *Ma thruail agus ma ſgrios aon pheacadh an cinneadh daoin' uile air an doigh ſo, nach ion duinn amharc air a pheacadh mar an ni is cilteile air thalamh?*

F. 'S eadh, agus a ſheachna' n' a bu churamaich' na ſheachnamaid a' phlaigh.

C. *Nach bu choir d' ar truagh thuiteam leis a' cheud Adhamh, ar broſduchadh a dh' iarraidh leaſachadh le Crioſt an darra h Adhamh?*

F. B' eadh, thigeadh dhuinn gun fhois a ghabhail gus am fuigheamaid fin, chum as mar ghiulain ſinne Jomhaidh an Adhaimh thalmhaidh gu 'n d'thigeamaid chum Jomhaidh an Adhaimh neamhaidh a ghiulan, agus gu bitheamaid air ar gabhaill a ſteach faidheoidh maille ris.

C. *An roibh a h aon riamh do ſhliochd Adhamh facr d' a cheud pheaca-fan?*

F. Cha roibh a h aon, ach Joſa Crioſt amhain.

C. *An roibh Crioſt do ſhliochd Adhaimh?*

F. Bha.

C. *Cionnas ata dearbha' air a ſin?*

F. Do bhri' gur b' eiſean ſiol na mna, agus gu

rpibh a chorp aig' o Mhuire neach a thainig o Adhamh.

C. *Ma thainig Crioſt anuas o Adhamh cionnas a dh' fheadadh é peac Adhaimh a ſheachnadh?*

F. Thearain é o 'n pheacadh, do bhri' nach d'thainig e o Adhamh do reir gineileach gnathaicht ach air doigh iongantach.

C. *Creud i an doigh ſin?*

F. Bha e air a ghineamhuin le cumhachd an Spioraid naomh ann am broinn oighe as eagmhuis peacaidh.

C. *C' ar ſon a bha Crioſt air a ghineamhuin air an doigh iongantaich ſo?*

F. Chum 's gu bithidh é air a choimhead ſaor o chiont agus o thruaill' eachd peacaidh.

C. *An roibh ſo leor fhoghainteach 'g a choimhid ſaor dheth?*

F. Bha, do bhri' gu do naomhaidh an Spiorad naomh le cumhachd neo'-chriochnach, agus gu do choimhid é ſiorghlan gun ſmal urrad do * thabhachd na h oighe is a bha feamail a dhealbh cuirp ar ſlanui'-fhir.

C. *Am bheil a chuid eile de'n chinneadh dhaoin air an truailleadh le peacadh Adhamh?*

F. Ata; agus naoidheanna co mhaith re càch eile.

C. *Am bheil gach aon duine co chiontach agus co pheacach r' a cheile ann lathair Dhe?*

F. Ata iad uile mar ſin thaobh naduir, ach cha 'n 'eil thaobh deanadas.

C. *Ciornas ata 'n t eidir-dhealach' ſo tachairt thaobh deanadais?*

F. Do bhri' gu bheil cuid ni as mò air am fagail le Dia, agus cuid ni as mò anns comain ſaor ghràs na dream eile, 1 Cor. 4. 7.

Ceiſt XVII. *Creud an ſtaid an d' thug an leagadh ud an cinneadh daonna?*

* brigh.

F.

F. Do thug an leagadh ud an cinneadh daonna gu ſtaid peacaidh agus truaighe.

C. Co do ſhliochd Adhamh bha air an tabhairt gu ſtaid peacaidh leis an leagadh ud?

F. An cinneadh daon' uile ach Joſa Crioſt amhain.

C. An d' thug an leagadh an cinneadh daonna gu ſtaid peacaidh 'mhain?

F. Thug é gu ſtaid truaighe iad mar an ceadna.

C. Am fead duine bhi 'n ſtaid 'n peacaidh gun bhi 'n ſtaid truaighe?

F. Cha 'n fhead, oir 'ta 'n dara h aon a' leanntain an aon eile do ghna', oir 's eigin gu 'm bi truaighe ann co-chuideachd a' pheacaidh gu neo'-ſgarthail.

C. An roibh a leithid ſin do leagadh riamh is a thachair do 'n cheud duine?

F. Cha roibh.

C. Cionnas ſin?

F. Do bhri' gu 'n do thuit urrad daoine maille ris, agus ſin o airde ſonais gu doimhne truaighe.

C. An roibh Adhamh comaſach air é ſein a thogbhail ann diaidh dh'a tuiteam gus an ſtaid ann roibh é roimhe?

F. Cha roibh.

C. C' ar ſon ſin?

F. Do bhri' gu roibh Adhamh agus a ſhliochd air an lot', agus air an anmhunnacha' co mhór leis an leagadh thruagh ud, a's nach b' urra' iad dadum a dheanadh chum iad fein a thogbhail, ach b' eigin dhoibh luidhe ann ſan ſtaid thruagh ſin, gus an toiſeicheadh trocair Dhia chum an cuideachadh.

C. Nach 'eil ſinn air ar ſalachadh co mhaith is air ar laguchadh leis an leagadh?

F. Ata, is coſmhuil é gu bhe leagadh a ghealihadh duine thuite ann an ſlochd a' meaſg chlochadh agus lathaich, a lota agus a ſhalaicheadh mar aon é.

Ceiſt.

Ceist XVIII. *Creud e peacadh na ſtaid ſin ann do thuit an duine?*

E. Trid an leagaidh ud ata 'n duine faoi chionta cheud pheacaidh Adhamh, faoi eas-bhuidh na cheud fhireantachd, faoi thruaill'-eachd a naduir gu h iomlan (d' an goirthear gu coitheann peacadh gin) agus faoi gach uile pheacadh gniomh ata gintain uathe ſin.

C. *Creud iad an dà oìc ſin ata air an ainmeachadh ann ſan fhreagra 'ta deanamh fuas peacadh ar ſtaid chailte?*

F. Is iad ſin peacadh gin agus peacadh gniomh.

C. *Creud iad na h uilc ſin d' am bheil am peacadh gin air a dheanamh fuas?*

F. An triur ſin, eadhon, cionta ceud pheacaidh Adhamh, eaſbhuidh na ceud fhireantachd, agus truaili'eachd ar naduir gu h iomlan.

C. *Creud ata thu cialluchadh le cionta ceud pheacaidh Adhamh?*

F. Gu'm bheil ſinn buailteach do fheirg no do ſmachduchadh air ſon peacaidh Adhamh.

C. *Cionnas ata chionta ſin ag luidhe oirn' e?*

F. Le bhi ag meas peacadh Adhamh oirn 'e do bhri gu do fheas é 'n ar 'n ionad ann an coi'-cheangal nan oibridh, ni a bhris é.

C. *Ciod é as feagh do eas-bhuidh na ceud fhireantachd faoi 'm bheil ſinn anios trid an leagaidh?*

F. Ata é cialluchadh gu do chaill ſion an treibhdheireachd iomlan, an fhior-ghlain agus an naomhachd a chuaidh' ſhuidh each ann an nadur an duine na cheud chruthachadh, ann ſan roibh Jomhaidh Dhe air an anam ag co' fheaſamh.

C. *Cionnas a chaill ſinn' a' cheud fhireantachd ſo, no jomhaidh De air ar 'n anamaibh?*

F. Ata Dia air a bhroſduchadh gus a' conbhail uainne,

uainne, mar cheart dioghaltas air fon tuiteam Adhamh.

C. *Am bheil é deanadh ughd ar a pheacaidh do Dhia bhi ag radh gu 'm bheil 's é a' conbhail na ceud fhireantachd uainne ?*

F. Ni bheil ; oir cha 'n 'eil é ceangailt air Dia an ni fin a thoirt air a h ais a chaill finn le 'r coire fein, ach is co' thromach dh'a dhiultadh mar fmachduchadh air fon ceud pheacadh Adhamh. Ata é fiachaicht oirn a bhi aguinn, ach cha 'n 'eil é ceangailt air fin a toirt feachad.

C. *Nach 'eil eas' bhuidh na ceud fhireantachd, ag deanamh an roid do thruaill'-eachd an naduir gu hiomlan ?* *F.* Ata.

C. *Creud ata thu cialluchadh le truaill'-eachd an naduir gu hiomlan ?*

F. Gu bheil buaidhean an anama, agus buill a chuirp gu leir, air an forbadh, air an falachadh, agus air an trualleadh leis, a pheaca' o 'n bhroinn.

C. *Cia mar 'ta truaill'-eachd ar naduir' g a nochdadh fein ?*

F. Ann ar 'n anmhuinneachd, agus ann ar naimhdeas do ni 'ta maith ; agus ann bhi lubadh gu toileach leis an ni 'ta olc.

C. *Cia a chuid d' ar nadurra 'ta 'n truaill' eachd fo ag forbadh ?*

F. Ar nadur gu h iomlan, gach mothachd agus ball d' ar cuirp, agus gach cumhachd agus buaidh d' ar 'n anamanna, eadhon, ar tuigfe, ar toil, ar coguis, ar meoghair, ar ciatfadha, agus ar fmuaintaidh.

C. *Cionnas ata ar mothachaibh agus ar buill chorporra air an truailleadh leis a' pheacadh gin ?*

F. Ata iad anios air fas nan armaibh ea-corach gu hullamh, Rom. 6. 13.

C. *Cionnas ata 'n inntin air a truailleadh leis ?*

F. Ata i air a dalladh, agus ann dorchadas co mhór is nach 'eil mothach aice air nithe fioradail.

C. *Cionnas ata 'n toil air a truailleadh ?*

F.

F. ata i air fas fiar agus crofanta, do-aomadh gu maith, agus togarach chum uilc.

C. *Cionnas ata choguis air a thruailleadh?*

F. Ata i air fas codalach, marbh, claon, agus neo'-threibh-dhireach; cha 'n 'eil i a' coi'-lionadh a h oifig gu ceart, le bhi a toirt rabhaidh, a tagradh, agus a' labhairt air fon De mar bu choir do fhear-ionaid a dheanamh; ach a ta i 'n dara cuid toftach no fail'-neach.

C. *Cionnas ata mheoghair air a truailleadh?*

F. Ata i air fás anmhunn, agus cealgach, ata i ullamh a dhio-chuimhneach an ni 'ta maith, agus feumail dhuinn, agus a chuimhneach an ni 'ta olc, diomhain agus neo' tharbhach dhuinn.

C. *Cionnas ata na ciafadha air an truailleadh?*

F. Ataid air dol gu mi rioghail gu truaigh agus thaobh nadurra fuidhichte air cufboire docharach, is ionmhuinn leinn an ni bu choir dhuinn fhuathachadh, agus 'ta fuath aguinn air na nithe bu choir dhuinn a ghràdhachadh, ata fin re gairdeachas mu adhbhar ar bròin, agus re bròn mu adhbhar ar gairdeachais.

C. *Cionnas ata fmuainteadh a' chroidhe air an truailleadh?*

F. Cha 'n 'eil Dia ann ar fmuainteadh, ach ataid ullamh chum ruidh air diomhaineas an tfaoghail, no air cufboire peacach.

C. *Cionnas ata 'n truaill'-eachd nadurra fo, ag frutha o Adhamh air a fhliochd? An ann o Dhia ata fo?*

F. Cha 'n 'eil fo o Dhia, 'ta na ughdar air naomhachd, agus fior-ghloin, is cha 'n ann air peacadh no truaill'-eachd air bith; ata Dia gu ceirt bhreitheach ag conbhail na ceud fhireantachd uainn' ach cha 'n eil fe a cur peacaidh no truaill'-eachd re h aon d' a chreatuire, ach ata i frutha d' ar 'n ionnfuidh tre ginealachd nadurra, Sal. 51. 5. Job 14. 4. Job 15. 14.

C.

C. *Cionnas 'ta 'm peacach gin ag frutha 'nuas tre ginealach nadurra?*

F. Le parantaibh peacach bhi gineamhuim clann pheacach cosmhuil riu fein; mar chi finn gu bheil lobhrachd nam paranta teachd air an cloinn, agus an ceannairc ag forbadh fola an iarmaid.

C. *Ge ta 'n corp air a thruailleadh leis an doigh so, cionnas a dh' fheadas an t anam bhi air a shalachadh nach 'eil air a ghintinn tre ginealach nadurra?*

F. Do bhri' gu 'm bheil aon-achd chairdeil, agus coi'-cheangal teann eidear an t anam agus an corp, agus air bhi do 'n anam as eagmhuis na ceud f hireantachd, 'n tra' theid a cheangal ris a' chorp thruailleadh, 'ta e air a thruailleadh mar an ceadna, mar dheoch a thruaillear leis an t soithcach an san cuirthear i. Ge 'ta 'n doigh air ann bheil am peacadh gin a teachd air an anam doi'-mhineicheadh, gidheadh, 'ta cinnt an ni so leor shoilleir.

C. *Cionnas ata cinnt an ni so a dhearbha?*

F. Le focal De, agus le 'r siosrachadh bronach fein.

C. *Cionnas 'ta focal De ag co'-duchadh so?*

F. O iomad ait' ann, mar 'ta iad sin ata 'g innseadh gu bheil sinn air ar dealbh agus air ar breith ann am peacadh, nach f headar ni glan a thoirt a's ni neo'-ghlan, an ni ata air a bhreith o'n f heoil is feoil é, gu bheil sinn marbh an ea ceartaibh, agus am peacaidh, agus gu bheil sinn ciontach o'n bhroin fein. Agus mar an ceadna, 'ta é air a radh mu Adhamh a rinneadh do reir Jomhaidh Dhe, ann diaidh dh 'a tuiteam, gu 'n do ghin se Mac ann a chosamhlachd fein, do reir Jomhaidh fein; mar dhearbha air so uile, faic na sgriobtuir shoilleir a leanas, Sal. 51. 5. Job 14. 4. Eoin 3. 6. Eph. 2. 1. Isa. 48. 8. Gin. 5. 3.

C. *Cionnas ata sirinn truaill'-eachd ar nadurra soilleir o ar sidreacha sein?*

F.

F. Do bhri' gu 'm fead gach duin' a mhothachadh gu bheil ann taobh ſtigh dheth eaſ-aontachd nadurra do 'n ni 'ta maith air doigh ſpioradail, agus claon thogradh thruagh chum an ni ta olc, gun teachd air iomad toradh ſeirbh eile dheth.

C. *Creud iad na nithe ſci bhe ſin 'ta teachd o 'n truaill'-eachd nadurra ſo?*

F. An leithide ſin; eadhon, dorchadas ar 'n-inntin, cruas ar croidhe, fuath air Dia, agus air maitheas, bhi ag ſocrachadh mianna an anama air cuſbaire dochrach, agus bhi tuiteam ann am peacaidh laitheil.

C. *Nach 'eil am peacadh gin agus an truaill'-eachd ſo, 'g ar deanamh mic-thaitneach do Dhia, agus toilteanach air ifrinn mu 'm bi ſinn ciontach am peacadh gniomh?*

F. Ata.

C. *Cionnas ata ſin air a nochda?*

F. Leis an da ni ſo; 1. Fior-ghloin neo'-chriochnach nadur Dhe, nach fead gun ghrain a ghabhail do pheacadh agus do thruaill'-eachd, gu ſonruichte do leithidh an naduir thruailleadh 'ta aguinné ann ſam bheil gach ſiol agus priomhthoiſeach gach gné pheacadh, a bha no bhitheas, air an cur ann gniomh air thalamh. 2. Leis gach truaighe, fulangas, agus bas fein a chi ſinn naoidheana ag fulang nach roibh ciontach riamh am peacadh gniomh, Rom. 5. 14.

C. *Nach 'eil é. rioſunt a ſmuainteach' gu 'm bi clann a ghinthear le parantaibh a bhios air an naomhachadh ſacr do thruaill'-eachd nadurra?*

F. Cha 'n 'eil, oir 'ta nadur' nan naoimh is fearr neo'-iomlan ann naomhachd, agus ag fantain truaillidh ann cuid agus ata 'n truaill'-eachd * nadurra dhoibh, ach ata gràs oiſ-cionn nadura agus † eachtranach, air a chur riu.

C, *Nach fead deadh dhaoine gràs aiſig d' an ſliochd?*

* dualach † neo'-dhualach

F.

F. Cha 'n fhead, oir 'ta é gu faor air a thabhairt le Dia do na 's aill leis.

C. *Nach eil é ceangailt orra bhi gu tric re urnaigh aor fon grás d' an fliochd?*

F. Ata; oir 'ta móran truaill'-eachd a' frutha air an fliochd d' an taobh fan.

C. *Am bheil cungaidh leigheis air bith air fon a pheacaidh agus na truaill'-eachd so?*

F. Ata, eadhon fuil agus fpiorad Chrioft, an dara h aon chum maitheamhnas cionta, agus an aon eile a dh' atharrach' ar naduir le obair na h aith-ghineamhain.

C. *Am bheil obair na h aith-ghineamhúin 'g a thoirt air falbh gu h iomlan fan bheatha fo?*

F. Cha 'n 'eil gu h iomlan, oir chi fin na daoin' as fear a' gearan fhád 's a bhios iad air thalamh, Rom. 7. 14. 15. 16. Seam. 3. 2. Seam. 4. 5.

C. *Ciod iad na hainmibh ta 'm peacadh gin á faghail fan fgriobtur?*

F. Deirir ris an fean duine, an fheol, ain-miann, agus peacadh o 'n leath ftigh, Rom. 6. 6. Rom. 8. 5. Seam. 1. 15, Rom. 7. 17.

C. *C' ar fon a deirir peacadh gin ris, is nach 'eil am focal fo ann fan fgriobtur?*

F. A chomarth' ach' tri nithe. 1. Gu bheil é ag frutha o Adhamh, ceud thoifeach a' chinneadh dhaoin. 2. Gu bheil é ann-aine o cheud thoifeach ár bith. 3. Gur é toifeach no bunachar gach peacaidh gniomha.

C. *Creud an t eidir-dhealuch, 'ta eidear peacadh gin, agus peacadh gniomh?*

F. Is é am peacadh gin peacadh inn-fhillte ar naduir' ne 'ta teachd a' dh' ionnfuidh 'n t faoghail leinn, ach 's e am peacadh gniomh an t olc fin ata finne deanamh, ann diaidh dhuinn teachd gu tuigfe agus riofuin.

C. *Creud ata thu cialluchadh le peacadh gniomh?*

F. Gach brifeadh ar lagh Dhe, ma fan le bhi ag dearmad an dleafdanais 'ta Dia ag iarruidh, no

cur

cur a pheacaidh an gniomh ata s é ag toirmeasg.

C. *Nach 'eil iomad gne do pheacaidh gniomh ann?*

F. Ata ro mhóran mar 'ta peacadh dearmaid, agus peacadh deanadais; peacadh aṅn aghaidh cheud chlair, agus ann aghaidh an dára clair do'n lagh, peacadh croidhe, agus beatha, peacadh briathra agus gniomhartha; peacadh thaobh annmhuinneachd, agus peacadh danadais.

C. *Cia uaithe 'ta na peacaidh gniomh so uil' ag frutha?*

F. O pheacadh gin, no truill-eachd nadurra.

C. *Nach 'eil é ni as cosmhuile gu bheil iad ag frutha o dhroch eisemplere a bhios sinn ag faicsin.*

F. Cha' n 'eil, oir chi sinn gu 'n do shruth murtadh a bhrathar ann an Cain o Chroidhe fein, agus cha b' ann o dhroch eisempleir air bith, do reir Matth. 15. 19.

C. *Cionnas 'ta peacadh na beatha ag fruth o 'n droch croidhe, no o nadur?*

F. Amhail is mar thig droch mheas o chraoibh thruaillte, agus sruthain neo'-ghlan a thobar falach.

Ceist XIX. *Creud i truaighe na staid sin ann do thuit an duine?*

F. Trid an leagaidh ud do chaill an cinneadh daonna uil' an co'-chomunn re Dia, ataid faoi fheirg agus mallacha' Dhe, mar sin ataid fa gach uile thruaighe san bheath-sa, faoi 'n bhás fein, agus faoi phiantaibh Ifrinn gu siorruidh.

C. *Creud iad tri cinn truaighe an duine trid an leagaidh 'ta air an co'mharth' ach ann san fhreagra?*

F. 1. An sonas a chaill sin leis. 2. Na h uile faoi

faoi 'm bheil sinn san àm. 3. Gach truaighe d' am bheil sin buailteach na dhiaidh so.

C. *Creud iad an truir sin ni às fonruighte?*

F. 'S é an sonas a chaill sinn co' chomunn re Dia, na h uile faoi 'm bheil sinn san ám, fearg agus malluchadh Dhia, agus uile amhghaire na beatha so: 's iad na truaighibh d' am bheil sinn buailteach na dhiaidh so an ceud agus an dara bàs.

C. *Nach do chaill an duine tuille sonais ach co-chomunn re Dia?*

F. Chaill é mar an ceadna Jomhaidh Dhe air anam; ach dh' ainmicheadh lo air a cheist rolaimh faoi eas-bhuidh na ceud f hireantachd, cir is ionán sin agus iomhaidh Dhe.

C. *Creud ata thu cialluchadh leis a cho-chumunn re Dia a chaill an duine le a thuiteam?*

F. An co-chompanas blasta, agus an t eolas a bh' aig' an duine ann bhi ag mealtain latharachd ghrasmhor agus co' fhurtachd Dhe ann an gàradh Eden.

C. *Creud an dearbha' ta aguinn gu roibh an duine 'mealtain co' chomunn co blasta re Dia ann sin m'an do thuit é?*

F. Uaithe so, nach roibh peacadh no cionta ann san am sin a bhacadh do 'n duine teachd a dh' ionnsuidh Dhia gu saor, no chur sgail air solus a ghnuis thaobh an duine; agus uime sin bha latharachd chairdeil a chruthai'-f hir aige do ghna. Bha Dia a labhairt gu daimheil ris, a' carnadh sochairean mór agus maith air, rinn é coi'-cheangal ris, thug é gach beo' creatuir 'g a ionnsuidh a thoirt umhlachd dh 'a agus a ghabhail ainme uaithe, Gin. 1. 28. 29. 30. Gin. 2. 15. 16. 19. 22.

C. *Cionnas a chail ar ceud sinnsir an co'-chomunn blasta so uile re Dia?*

F. Le peacachadh ann aghaidh Dhe, agus le briseadh a lagh naomha-sin.

C. *Nach 'eil call co'-chomuinn re Dia, 'n a truaighe ro mhór.*

F. Ata, oir do bhri' gu 'm bheil fonas neamh a' co'-fheafamh ann co'-chomunn re Dia, ard mhaith agus cuimh-roinn an anama; 's éigin gur e eafbhuidh fo an truaighe agus an calldach as mó, agus cime fin, ata é gu ceart air a chur air thoifeach air na truaighibh eile 'ta air an an ainmeachadh ann fan fhreagradh.

C. *Nach h é call fiorruidh co'-chommunn re Dia a' chuid as meafa do thruaighe na dream a theid a' mugha' ann Ifrinn?*

F. Is é; oir 'fe "Im-ichidh uam," a cheud fhocal do 'n bhinne 'n an aghaidh.

C. *Nach do threig an duine Dia, m' an d' thug Dia a latharachd ghraf-mhor uaithe-fin?*

F. Threig; ata é foilleir gu 'n do thuit an duin' o Dhia m' an do chaill é a cho'-chomunn ris.

C. *Cionnas ata dearbha aguinn gu do chaill ar ceud finnfire an co-chomunn re Dia ann diaidh dhoibh tuiteam?*

F. Le bhi 'g am folach fein o Dhia, agus ag teicheadh uaithe, 'n uair bu nós leo bhi re gairdeachas na lathair; agus le gruaim Dhe nan aghaidh 'g an tilgeadh 'mach a parras, agus a chur cloidheamh lafaradh a choimhead an doruis g 'a ionnfuidh, Gin. 3. 8. 17. 23. 24.

C. *Creud an dearbha 'ta aguinn gu do chaill fliochd Adhaimh uile mar an ceadna an co'-chomunn re Dia trid an leagaidh?*

F. Uaithe fo; gu bheil fuath aguinn thaobh naduir air Latharachd Dhe, agus air na meadhona chum righeachd air fin, mar 'ta fmuainteadh Diadhaidh, urnuigh, agus feitheamh air an fhocal, agus na facramainte.

C. *Nach mór an tolc an peacadh leis am bheil finn ag call fonas co ard re co'-chomunn re Dia?*

F. 'S mór.

C.

C. *Car ſin nach fead creatuire peacach co'-chomunn a bhi aca re Dia ?*

F. Do bhri' gur Dia naomh é agus n' as gloine roſca na gu feadar leis amharc air aingidheachd ; cha 'n fheadar leis amharc air peacadh far am bheil é air a cheuduchadh agus air tuinneachadh.

C. *Am bheil togradh air bith aig' peacaich neo'-iompoichte air co'-chomunn re Dia ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir 's fuathach leo ; agus as cuis eagail dhiobh latharachd an Tighearna : agus uime ſin, deir ſiad re Dia, Im'-ich uainne, Job 21. 14.

C. *C' ar ' ſon ata fuath aca air latharachd Dhe, agus air co'-chomunn ris ?*

F. Do bhri' gu bheil iad neo'-iompoichte agus feolmhor, ata 'n inntin fheolmhor na naimhdeas ann agaidh Dhe : agus air bith dhoibh mór chiontach, ata eagal orra roimh ghnuis am breitheamh, aig' am bheil cumhachd g' an diteadh.

C. *Mach 'eil aith-leaſuchadh air bith aguinn air a' cho'-chomunn ſo re Dia a chaill ſinn ann Adhamh ?*

F. Ata ; oir fhuair Dia 'mach ſlighe chum peacaich chaillt' a thoirt gu ſtaid co'-chomuinn ris fein airis.

C. *Ciod i an t ſlighe ſin ?*

F. Le Ioſa Crioſt orduch'a' agus a thabhairt gu bhi na fhear ſaoruidh ; chum ar cionta 'a thoirt air falbh, agus a chofnadh co'-chomuinn re Dia dhuinn trid fhola ſin, chum 's gu bithidh ſaor chomas aig' creidmhich teachd a dh' ionnſuidh caithir nan gràs ann ſo, agus a dh' ionnſuidh caithir na gloire ſan aith-bheatha.

C. *Nach bi co'-chomunn aig na creidmhich re Dia air neamh n' as blaſta, gu mór na bh' aig' Adhamh ann am parras ?*

F. Bithidh ; oir gheibh an creidmheach fo il'-ſicheadh n' as mó gu mór air gradh Dhe na bh' aig Adhamh, bithidh Dia aig gabhail comhnuidh ann

a nadur fein. agus bithidh é fuidhichte gu neo'-chaochluidheach ann an ſtaid bheanuighte gu ſioruich, Eph. 2. 5. 6.

C. *Nach 'eil ſinn faoi chomain neo'-chriochnach do Chriosd a chſain na chail Adhamh dhuinn ?*

F. Ata.

C. *C' ait am bheil co'-chomunn re Dia r 'a fhaghail ſan bheatha ſo ?*

F. Ann an gnathachadh na meadhona ſin a dh' orduigh Dia, eadhon, am focal, ſacramainte, urnaigh agus moladh.

C. *C' uin' a bhios co-chomunn aguinn re Dia na ordaighean fein ?*

F. 'N uair 'a dh' aontaicheas é cumhachd a ſpioraid a dhortadh 'mach air ar 'n anamanna eadhon, 'n uair a bhios ſinn a' faghail ſoluis, beatha neart, no co'-fhurtachd o Dhia; agus 'n tra' bhios ar creidimh, ar gradh, ar 'n aithreachas, agus ar tograbh ſpioradail air an tarruing amach agus ag oibreacha' gu beothail.

C. *Os barr air cho'-chomunn re Dia a chaill ſinn, nach 'eil ſinn mar an ceadna fuidh fheirg agus malluchadh Dhe trid an leagaidh ?*

F. Ata; oir 'ta ſinn uile thaobh nadur' 'n ar cloinn na feirge, agus fuidh mhalluchadh Dhe, mar chi ſinn gu foilleir, Eph. 2. 3. Gal. 3. 10.

C. *Creud ata air a chialluchadh le feirg Dhe ?*

F. Corruich, no ceart dioghaltas an Tighearna ann aghaidh a pheacaidh ag lofgadh gu dian, agus ata ullamh do ghna' a bhriſeadh 'mach ann am breitheanais uabhaſach ann aghaidh a pheacaich.

C. *Creud as ciall do mhalluchadh De ?*

F. Binne lagh an Tighearna, a' bagradh feirg agus breitheanais air a luchd briſidh.

C. *Am bheil na h uile dhaoine faoi fheirg agus malluchadh Dhe ?*

F. Ata co fhad' as ataid ann an ſtaid neo'-chreidimh: ach tre Iofa Criosd ata gach fior chreidmhich air an ſaoradh o fheirg agus o mhal-

luchadh

luchadh De agus ag mealtain a dheagh ghean, agus a bheannuighdh fin, 1 Theff. 1. 10. Gal. 3. 9.

C. *Nach 'eil iad-fan ata fuidh fheirg agus malluchadh Dhe, buailteach do gach gne thruaighe ?*

F. Ata ; agus gu fonruichte dhoibh fin ata air an ainmeachadh ann fan fhreagra, eadhon, gach aon truaighe fa bheatha fo, do 'n bhás fein, agus do phiantaidh ifrin gu fiorruidh.

C. *Creud iad truaighean na beatha fo, d' am bheil finn buailteach trid an leagaidh ?*

F. Is iomad fin, mar aon ann fan anam agus ann fa chorp.

C. *Creud iad truaighean an anama d' am bheil finn buailteach ?*

F. An leithidibh fin, eadhon, mi-chreidimh, daladh inntin, treun mhealladh, cruas croidhe, laigfe cuimhne, bruid a' pheacaidh agus an aidhbhearfoir, droch bhreathnucha', mianna graineil, fpaduchad, agus codal coguis no oilt agus ainearbfa, Rom. 11. 8. Eph. 4. 18. 19. 2 Theff. 2. 11. Rom. 2. 5. Rom. 1. 26. 27. 28. 2 Tim. 2. 26. Gin. 6. 5. 1 Tim. 4. 2. Ifa. 33. 14. Eabh. 18. 27.

C. *Creud iad na truaighean chorporra d' am bheil finn buailteach fan bheatha fo trid an leagaidh ?*

F. Amhghara agus triobloide, mar aon diomhair agus foilleafach, mar 'ta, eaflainte ann ar corpaibh, mafladh ann ar 'n ainmibh, failneacha' ann ar maoin, call cairdean, bochduinn, faruchadh, mealladh dochais, trom fhaothair agus obair, mar an ceadna, gaine, cloidheamh', plaighe, bruid, dibheirt, geur-leanmhuinn, agus an leithide fin, Deut. 28. 15. 16. 17. 18. 22. 30. 37. Gin. 3. 17. Eiec. 5. 17.

C. *'M bu choir do dhuinne beo bhi gearan air a thruaighe ?*

F. Cha b' eadh, oir 'ta iad gu ceart bhreitheach

air an legail air, agus ata pheacadh a' toiltin n' as meafa, Caoi. 3. 39.

C. *Creud iad na truaighean as meafa d' am bheil am peacadh 'g ar fagail buailteach ?*

F. Am bàs agus Ifrinn.

C. *Creud ata 'm bàs a' cialluch' ann fan fhreagra ?*

F. Sgarachduin an anama agus a chuirp o cheill aig crich ar beatha.

C. *An d' thug an leagadh am bàs air na huile dhaoin' a bha riamh air thalamh ?*

F. Trid an leagaidh ta' é air orduchadh do na h uile dhaoine bàs fhaghail aon uair, agus cha roibh neach riamh air a fhaoradh o 'n bhinn fin, ach Enoch agus Elias a bha air an tabhairt chum neamh, gun am bàs a bhlafa.

C. *An ionan, am bàs do na h aingidh agus do na daoine Diadhaidh ?*

F. Cha 'n ionan, oir is fmachduchadh do 'n dara h aon é, ach 's ionad glanaidh do 'n aon 'eil' é.

C. *Ciod é a ghné fmachduigheadh 'ta fan bhàs do na h aingidh ?*

F. 'S e righ na 'n ua'-bhas, no toifeach Ifrinn dhoibhfin é : Ata é na nathair le gath oilteil, no na theachdaire air a chur d' an glacadh, agus d' an giulan gu dòruinn, fhiorruidh.

C. *Nach 'eil am bàs na fmachduchadh do na daoine Diadhaidh mar na ceadna ?*

F. Cha 'n 'eil gu direach; oir ge do fe toradh a pheacaidh é, gidheadh 'ta nadur air atharracha' do na creidmhich trid Chrioft, agus ata ghath 'agus ua'-bhas air a chur air cul ; tuille fós, ata é tàs na charaid agus na fhearbhanta dhoibh, a fpionadh a pheacaidh freamh as bun, agus 'g an toirt dha-thigh chum righ an Athar.

C. *Nach 'eil am bàs a' cur crioch air truaighe na h uile dhaoine ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ge 'ta é cur crioch air uile

thruaighe

thruaighe nan dacine Diadhaidh, gidheadh ni bheil fe air achd, ach a toiseachadh truaighe nan aingidh.

C. *Creud iad na truaighibh d' am bheil iad buailteach ann diadh na beath so?*

F. Do phiantaidh Ifrinn gu siorruidh.

C. *Creud ata thu cialluchadh le Ifrinn?*

F. Ionad doghruinn, a dheasuich Dia air son Diabhla agus dhaoin aingidh, áit ann sam bi iad ann am peanas le sgrios siorruidh o lathair ann Tighearna, 2 Thess. 1. 9.

C. *Cread iad na nithe ann sam bheil piantaidh Ifrinn a' co'-sheasamh?*

F. Ann am pian callduich, agus am pian mothachaidh.

C. *Ciod an ni ris an abair thu pian calldaich ann ifrinn?*

F. Call neamh, maille re latharachd ghlormhor an Tighearna, agus co'-chuideachd nan naomh agus nan aingeal gu siorruidh ann sin, Mat. 25. 41. Sal. 16. 11. Luc. 13. 28.

C. *Ciod é ris an abair thu pian mothachaidh ann ifrinn?*

F. Na paintaidh agus an doghruinn ua'-bhasach a bhios an dream a theid a' mugha ag fulang ann sin, mar aon air an corpaibh agus air an anamaibh.

C. *Creud iad na piantaidh bhios air an corpaibh ann ifrinn?*

F. Bithidh iad air an tilgeadh ann an lochan a bhios a' losgadh le tein agus pronnasg, far am bi gul, caoidh, agus giosgan fhiacall, Mat. 13. 42. Taisi. 21. 8.

C. *C' ar son a deirir an dara bás ris na piantaidh sin? Taisi.* 21. 8.

F. Do bhri' gu 'm bi iad san a theid a' mugha do ghna' ann sin, mar gu b' eadh ann spairn a' bhais, ach bithidh eidir-dhealuch eidear am bás sin agus a' cheud bhás ann san ni so, gu 'm bi iad

do

do ghna'a báſachadh, ach nach bi é nan comas bàs fhaghail.

C. *Ciod iad na piantaidh bhios air an anam ann ifrinn ?*

F. Bithidh anamanna nan aingidh ann ſin, air ball fuidh bhualadh agus ſgiurſadh corruich Dhe, agus bithidh chnuimh nach báſaich gu bràth, 'gan lionadh le claoidh agus ua'-bhas, Eabh. 10. 31. Marc. 9. 44.

C. *Creud is ciall do 'n chnuimh nach báſuich ?*

F. A' choguis air a duſgadh, a bhios 'g am biorradh, 'g an reubadh, agus 'g an gathadh gu ſiorruidh.

C. *Cionnas a ni i ſin ?*

F. Le bhi 'g a maſluchadh air ſon am peacaidh chuaidh ſeachad, agus air ſon dimeas a dheanamh air a chuingaidh leighis a bha nan tairgſe, le bhi cur nan cuimhne mead an t ſonais a chaill iad, agus an truaighe tharruing iad orra fein le 'n amaideachd, agus ag ſiorr innſeadh dhoibh gu bheil tuille do'-ruinn ag teachd. Bithidh fearg Dhe ann ifrinn do ghna' na feirg re teachd, agus cha 'n fhead na ſmuainteadh ſo uil' air a' meuduchadh le coguis ain earbſach, gun an t anam ciontach a lionadh le amhghar ſearbh, agus le piantaibh co do'-ruinneach a bhios 'g am biorradh air doigh nach fhea dar a bhreathnuchadh ſan àm ſo, Luc. 16. 25. Eabh. 10. 26. 27. 29.

C. *Ciod a ghne feirg a bhios ann am fearg an Tighearna, a theid a dhortadh 'mach air na b aingidh ann ifrinn ?*

F. Deirir ria ann ſan ſgriobtur, corruich mhór, fearg, boill, agus dioghaltas, a bhios garg, chumachdach, nach fheadar cur na h aghaidh, do-fhulang, gun mheaſgadh, bioth-bhuan, agus nach muchar, agus deirir teine gu tric ria, an ni as ua'-bhaſaich' air bith, Sach. 7. 12. Taiſ. 6. 17. 2 Righ. 23. 26. Nah. 1. Sal. 90. 11. Sal. 76. 7. Eſec.

22. 14. Isa. 33. 14. Taiſ. 14. 10. Marc. 9. 43. 45. 46. &c. Eubh. 10. 30. 31.

C. *Cionnas ata é ſoilleir gu bi a chorruich a theid a dhortadh air an dream a theid a' mugha ann ifrinn co mhor agus co ua'-bhaſach.*

F. Do bhri' gu 'm bi i air a dortadh air gach cumhachd agus buaidh do 'n anam, agus air gach mothach, agus ball do 'n chorp; agus ata an tanam agus an corp mar aon air an deanadh fairſing agus neart mhor a gabhail, agus a ghiulan móran do 'n chorruich ſo; agus uime ſin, deirir riu, "ſoithiche na feirge air an ull'-uchadh chum ſgrioſaidh," Rom. 9. 22.

C. *C' ar ſon a deirir fearg gun mheaſgadh ria?*

F. Do bhri' nach 'eil trocair air bhith na co'-chuideachd, cha 'n 'eil co' mhothach no truaghas ga ghabhail dhiubh o laimh air bith, no a' cho'-ſhurtachd aś lugha a thoirt fois dhoibh, no barrant dochais 'g an conbhail ſuas, cha 'n 'eil tamh no clos aca la no dh' oidhiche, ach bithidh deatach am peine ag eirigh ſuas gu ſaoghal nan ſaoghal, Taiſ. 14. 10. 11. Marc. 9. 44. Luc. 16. 24. Eoin 3. 36.

C. *Cionnas ata é co' ſheaſamh re ceartas na haingidh ſmachduchadh le peanas ſiorruidh air ſon peacaidh aimſireil?*

F. Ata é co'-thromach, do bhri' gu bheil iad a' broſduchadh an De ſhiorruidh, agus ag deanamh dimeas air maitheas neo'-chriochnach, agus cha 'n fhead fulangas criochnach' na aimſireil dioladh gu brath air a ſhon. Ata é co' thromach do Dhia na h aingidh a ſmachduchadh co fhad' is ata é 'n a chomas, do bhri' gu bheil iad ſin a' peacachadh co fhad is ata é nan comas ſan, agus 'n uair nach urra' iad a chur ann gniomh n' as faide air thalamh, 'ta iad ag giulan am peacaidh leo gu h ifrinn, agus a' buanach' ann gu ſiorruidh ann ſin, leis am bheil iad a cur óla ris an laſair, agus ga conbhail a loſgadh gu brath.

C..

C. *Nach 'eil an fheirg fo co' ua'-bhafach as gu bheil i cur eagail air na Diabhla fein ?*

F. Ata; oir 'ta 'n t eagal ata orra d' a taobh a' toirt criothnach orra, agus bhi glaodhach amach re teachd am Breitheamh.

C. *An d' fhuiling Jofa Crioft mar dhuine an trom fhearg fa air fon nan daoine taghta ?*

F. Dh' fhuiling.

C. *Cionnas a bha é na chomas na bha dligheach dhoibh fin a ghiulan ?*

F. Chum a dhiadhachd fuas nadur na daonnachd faoi 'n fheirg fo.

C. *Nach d' oibrigh i gu h oilteil air fin 'n uair a bha é 'g a fulang ?*

F. Dh' oibrigh; thilg i ann fpairn ro uathbhafach é, thug i air fallas fola dhortadh mar bhraona mór, agus an t ard ghlaodh oilteil fin a leigeil, mo Dhia, mo Dhia, creud far threig thu mi.

C. *Nach tilg aon frad do 'n fheirg fo air tuiteam air a choguis, am peacach faoi ain-earbfa 'meafg gach co' fhurtachd fhaoghalt ?*

F. Tilgidh, mar 'ta eifempleiribh Chain, Judas, Spira, agus moran eil' ag dearbhadh.

C. *Am bheil peanas nan aingidh uil' ann ifrinn co' ionnann r' a cheile ?*

F. Cha 'n 'eil; oir ata ionada as mo' teas na cheil ann, do reir tomhas an cionta, Mat. 24. 51. Luc. 12. 47.

C. *Nach 'eil olc do-labhairt fa pheacadh' ta cur daoin' ann cunntart na feirg agus na truaighe fo ?*

F. Ata; feadaidh finn móran do dh' olc a pheacaidh fhaicfin ann an fgathan piantaidh ifrinn.

C. *Ciod é bu choir dhuinn' fhoghlum o theagafg nan fgriobtur thaobh na feirg re teachd ?*

F. Mór bhuidheachas a thoirt do Dhia a dhealbh flighe, agus a dheafuich flanui'-fhear d'ar faoradh, mar aon o 'n pheacadh agus o' ifrinn; agus ard mheas agus gradh a bhi aguinn

do

do Joſa Crioſt a ghabh an obair o's laimh gu toileach, agus a thainig a ghiulan ar peacaidh-ne, agus a dh fhulang na feirge ſo uil' air ar ſoinne, 2 Cor. 9. 15. 1 Theſſ. 1. 10. 1 Phead. 2. 7. 24. Eoin 1. 29.

Ceiſt XX. *An d' fhag Dia an cinneadh daonna uile do bhi caillte ann ſtaid peacaidh agus truaighe?*

F. Air tagha do Dhia d'a ghean maith fein, roimh thoiſeach an t ſaoghail, cuid eigin do na daoine chum na beatha ſuthain, do rinn ſe coi'-cheangal graſa reu, d' an ſaoradh o ſtaid an pheacaidh, agus na truaighe, agus d'an tabhairt gu ſtaid ſlainte trid fear ſaoruidh.

C. *Am bheil gach aon duine air am fagail gu dol a mugha' ann ſan ſtaid chum 'n do thuit iad?*

F. Cha 'n 'eil; moladh do Dhia a ſhollair cun gaidh leighis dhuinne.

C. *Am bheil Dia a' ſaoradh a' chinneadh dhaoin' uile o dhol a mugha nan ſtaid caillte?*

F. Cha 'n 'eil, ach cuid amhain.

C. *Co iad ſin?* *F.* Na daoine taghta.

C. *Co iad ſin ris an abair thu na daoine taghta?*

F. Iad ſan a roghnuigh Dia do ghineil caillte Adhamh.

C. *Ciod é an ui chum an do thagh Dia iad?*

F. Chum beatha ſhiorruidh.

C. *C' uin' a roghnuigh Dia an dream ſin?*

F. O uile bhioth-bhuantachd.

C. *Ciod a b' adhbhar do Dhia roghain a dheanamh air cuid, agus cuid eile leigeil ſeachad?*

F. A dheagh thoil fein amhain, Luc. 12. 32.

C. *An d' rinn Dia roghain air neach air bhith chum beath ſhiorruidh, e roimh eolas air a chreidimh agus a naomhachd?*

F.

F. Cha d' rinn ; Cha 'n iad fin adhbhair ach toraidh an roghnaicheadh ; oir thagh Dia a luchd muintir uile chum creidimh, agus naomhachd, mar na meadhona feumail chum flainte, Eph. 4. 5. 6.

C. *Nach bu choir dhuinn' ar tagha a rannfuchadh, agus fheuchainn le 'n leithid fin do thoraibh, eadhon, creidimh agus naomhachd ?*

F. B' eadh, 2 Pead. 1. 10. 2 Theff. 2. 15.

C. *Creud iad na comharthaidh foilleir eile leis an aithnigh finne mu roghnaigh Dia finn chum beatha fhiorruidh ?*

F. Mu roghnaigh finne Dia chum bhi na Dhia agus na chuimh-roinn dhuinne, agus mu thug finn' finn fein fuas dh' a fan, feadaidh finn bhi cinnteach gu 'n do roghnaich eifean finne ann toifeach ; oir ma 'ta gradh aguinn dh' a fan, fan do bhri' gur ghradhaich eifean finn ann toifeach, 1 Eoin 4. 19.

C. *Creud an doidh agus an t fligh leis am bheil Dia ag toirt nan daoine tagha chum ftaid flainté ?*

F. Ann an fligh coi' cheangail, agus trid fearfaoruidh.

C. *An ann le coi'-cheangal gniomh âta é 'g an fasradh ?*

F. Cha 'n ann, ach le coi'-cheangal grais.

C. *Creud is cial do choi'-cheangal nan grás ann fan fhreagra ?*

F. Feadar a ghabhail ann dara cuid, mu choi'-cheangal nan grás air a dheanamh re Crioft o bhioth bhuantachd ann ainm nan daoine taghta, agus ann fan t feagh fo, deirir gu tric ris coi'-cheangal na faorfa. No coi'-cheangal nan grás mar rinneadh ann am ris na daoine taght' iad fein é air dhoibh creidfin ann Crioft.

C. *Creud e an coi'-cheangal grais no faorfa fin a rinneadh re Crioft o bhio'-bhuantachd ?*

F. Is reite ghráfmhor é a rinneadh eidear Dia an t Athâir, agus Crioft mar an dara h Adhamh, agus fear ionaid, nan daoine taghta ; ann fan do

gheall

gheall Dia dh' air chumhnant eidir mheadhoin-fhearachd agus dioladh air an ſon, gu bithidh é gu glórmhor air a neartuchadh, agus gum fuigheadh é duais dh'a fein, agus grás is gloir d' a ſhliochd ſpioradail uile, agus ghabh Crioſt ſo gu h iomlan o's laimh, Iſa. 53. 10. 11. Sal. 89. 3. 4. 19. 20. &c. Eabh. 10. 5. 6. 7. &c.

C. *Cionnas a dh' fheadar coi'-cheangal grais a radh ris an choi' cheangal ſin a rinneadh re Crioſt, do bhri' gu roibh umhlachd iomlan do'n lagh air iarruidh ann?*

F. Bu choi'-cheangal grais é thaobh nan daoine taghta d'an roibh Crioſt na fhear ionaid, do bhri' ann ſan choi'-cheangal ſo, gu do leig Dia dheth bhi 'g iarruidh umhlachd phearſonta, agus gu bheil ſe gabhail re umhlachd an fhir urrais nan aite. Mar an ceadna, 'ta gach beannuchadh agus ni maith ata ann, gu ſaor agus gun luach air an tabhairt do na daoine taghta, air bhi dhoibh ſin air an gealltain air thus do Chrioſt ann ſa cho'-cheangal ſin, mar an ceann feadhna agus am fear ionaid, 2 Tim. 1. 19. Tit. 1. 2. Gal. 3. 16.

C. *Creud é coi'-cheangal nan grás, mar rinneadh ann ám ris na daoine taght' iad fein é?*

F. An coi'-cheangal a rinneadh re Crioſt air a chur ann gniomh, no air a cho' chur ris na daoine taghta, mar ni a bhuineas dhoibh fein gu neo'-mheadhonach; agus feadar a mhinicheadh mar ſo, eadhon cumhnant graſmhor Dhe ann Crioſt re peacaich thaghta, ann am bheil é ag tairgſe agus a toirt gealladh dhoibh air maitheamhnas cionta agus ſlainte, agus do na h uile 'ta 'g eiſteachd an t ſoiſgeil, air dhoibh creidſin ann an Joſa Crioſt a mhàc, Eoin 3. 36. Gniomh. 16. 31.

C. *C' uin' a chuaidh an coi'-cheangal ſo thairgſe do pheacaich chaillt' ann toiſeach?*

F. Air ball ann diaidh an leagaidh, d'ar-ceud ſinnſir ann ſa ghealladh mhór ſhoiſgeileach ſin,

" Bruighidh fliochd na mna ceann na natharach," Gin. 3. 15.

C. *Ann urra' thu a nochda' ciod é 'ta air a cheallachadh leis an ghealladh so?*

F. Le fiol na mna, 'ta Crioft air a chiallachadh, bha gu bhi air a bhreith le h oighe, leis an nathair ata 'n diabhal air a chialluchadh ris an deirir fo, air fon a cheilg-fheoltachd, le brifeadh a chinn fin ata r' a thuigfin gu roibh innleachd air a thilgeadh bon ois ceann. agus oibridh air an fgrios le Crioft.

C. *Creud iad na fochairean 'ta air an gealltain ann fa choi'-cheangal fo?*

F. Gach tiodhlac a chofain Crioft, mar 'ta foillficheadh, logha cionta, fith re Dia, faorfa o mhallach an lagha, naomhachadh, faor chomas dol. a dh' ionnfuidh Dhe, fdiuradh an fpiorad, buaidh air a bhas, ais-eirigh chum beatha, agus gloir fhiorruidh, Efec. 36. 25. &c. Eabh. 8. 10. &c. Eoin 3. 18. 36. Sal. 84. 11. 1 Cor. 15. 22. 57.

C. *Creud an cumhnant air am bheil finne faghail coir agus fealbh air na fochairibh ata air an gealladh?*

F. Creideamh ann an JOSA CRIOST, Gniomh. 16. 31.

C. *Am fead finn' an cumhnant fo choi'-lionadh, na creidfin dh' inn fein?*

F. Cha 'n fhead; ach chofain Jofa Crioft creidimh air ar foin' ne, agus mar an ceadna, 'ta é 'g a ghealltain dhuinn ann fan choi'-cheangal fo, Eoin 6. 37. Phil. 1. 29. Eph. 2. 7. 8. Rom. 8. 32.

C. *Cionnas ma 'ta dh' iarrar oirne mar chumhnant é?*

F. Ge 'ta creidimh air a chofnadh agus air a ghealltain mar aon, gidheadh 'ta Dia 'g a iarraidh do ghna' mar dhleafdanas uaith ne, chum ar 'n iriofiachadh, agus ar tairuing chum na meadhona a ghnathachadh, agus a dh' fhagail neo' chredmhich gun leithfgeil, agus a theagafg dhuinn an a' ordugh, is an riaghail ann fan toir é fochairean a choi'-cheangal fo feachad.

C.

C. *An ionann ait' ata aig' creidimh ann an coi'-cheangal nan grás, is a bh' aig umhlachd ann an coi'-cheangal nan oibridh ?*

F. Cha 'n ionann, oir bha umhlachd Adhaimh tre dh'a buanachadh ann, na cumhnant ann seadh direach, bha toirt coir dh'a air beatha, ni a dh' fheadadh é thagradh ann lathair Dhe, chum na criche fin, ach cha 'n fheadar so a radh ann creidimh, thaobh nach h e ar creidimh ne, ach fireantachd urrais Chriosd, 'ta a' toirt coir dhuinn air beatha shiorruidh, 'S e so, agus so amhain, am barrantas leis am fead peacach fireanachadh agradh ann an lathair Dhe.

C. *Am feadar ma 'ta cumhnant a radh re creidimh ann an coi'-cheangal nan grás ann seadh teann agus direach ?*

F. Cha 'n fheadar, ach ann seadh coithcheann, is é amhain a' mheadhon, no 'n lamh a cho' chuir fireantachd Chriosd ruinne, oir as eagmhuis so, cha 'n fhead sinn coir fhaghail air Criosd agus a shocharaibh fin. Deirir gu tric ris an fhireantachd leis am bheil sinn air ar saoradh, fireantachd a chreidimh, no fireantachd tre creidimh; a theagasg dhuinn, mar a's i fireantachd Chriosd amhain an cumhnant diolaidh leis am fead sinn ar fireanach' a thagradh, air an amhail cheadna 's é creidimh an lamh leis am bheil i air a cur ruinne, Eabh. 11. 6. 7. Rom. 4. 13. 16. Rom. 3. 22. 24. 26. &c. Rom. 9. 30. 32. Rom. 10. 4. 6.

C. *Creud an t eidirdhealach' 'ta eidear coi'-cheangal nan gniomh agus coi'-cheangal nan grás ?*

F. Ann san cheud choi'-cheangal do b'e an cumhnant leis an roibh duine gu bhi air fhireanachadh na-deagh ghniomhartha a dheanadh é fein; ach ann san dara coi'-cheangal, 's i fireantachd Chriosd ar 'n urras-ne amhain air a gabhail trid creidimh 'ta 'g ar fireanachadh; cha roibh urras ann san cheud choi'-cheangal gu fregradh air son Adhaimh ann coi'-lionadh na bha air iarraidh air

fin, ach ata Crioft ceanguilt ann fan dara coi'-cheangal air fon na bheil air iarruidh oirne.

C. *Nach'eil coi'-cheangal nan gras ag iarruidh umhlachd do lagh De, co mhaith re coi'-cheangal nan gniomh?*

F. Ata, ach cha 'n ann chum na criche ceadna, na air an doigh cheadna. Oir bha cheud choi'-cheangal ag iarruidh umhlachd mar chumhnant chum beatha fhaghail, ach ata 'n dara coi'-cheangal ag iarruidh umhlachd mar cho' duch' air ar creidimh, agus air-ar cofamhluchd re Crioft: Ata cheud aon dhiu' chum ar pearfaidh fhireamacha; an aon eile chum ar buidheachas air fon gradh faoruidh a thaifbean'; 'ta cheud aon ag iarruidh umhlachd iomlan 'n ar neart fein, ach ata 'n aon eil' a' gabhail r' ar 'n oirpe threimh-dhireach air umhlachd ann near t Chrioft, agus ag meas umhlachd iomlan fan dhuinne, chur dion air ar nanmhuinneach, chum maitheamhnas cionta, gras agus gloir fhaghail dhuinn.

C. *Nach feadar cumhnant a radh re aithreachas, gradh, fein-aith-fheun', agus naomhachd, co mhaith is re creideamh ann an coi'-cheangal nan gras, do bhri' gu 'm bheil iad air an iarruidh oirne?*

F. Ge 'taid fin air an iarruidh, gidheadh cha 'n 'eil an t ait' aca 'ta aig creidimh, thaobh gu bheil creidimh a' meafg nan grafa eile iomchuidh air doigh fhonruichte air greamachadh re, Crioft, agus a cho' chuir fhireantachd fan ruinne agus mar an ceadna chum fein fpeis a chur air cul, agus chum faor ghras De arduchadh, uime fin ata Dia a' cur onoir air creidimh o's gach gras eile, le bhi co tric ag ainmeachadh ar fireanachadh air, Rom. 3. 26. 27. Eoin 3. 16. 18. 36. Rom. 5. 1. Eph. 2. 8. 9. Eoin 6. 40. Rom. 4. 16. Phil. 3. 9. Luc. 7. 50. 1 Phead. 1. 5.

C. *Creud iad na h ainme 'ta coi'-cheangal nan gras a' faghail ann fna fgriobtuiribh?*

F.

F. Iad fin, eadhon, tiomnadh, coi'-cheangal fith, coi'-cheangal geallaidh, nuadh choi'-cheangal coi'-cheangal naomh, coi'-cheangal fiorruidh air a dheadh riaghluchadh agus cinnteach, Eabh. 9. 15. Isa. 54. 10. Eph. 2. 12. Eabh. 12. 24. Luc. 1. 72. 2 Sam. 23. 5.

C. *Am bheil am focal so coi'-cheangal nan grás ann fan sgriobtur?*

F. Ge nach 'eil am focal so aguinn ann am briathraibh foilleir, gidheadh ata é aguinn gu tric am briathra d'an ionann seagh, agus thaobh gur focal cud thromach é; ata é gu ro iomchuidh air ainmeachadh air a' choi'-cheangal so.

C. *C' ar son a deirir coi'-cheangal grais ris?*

F. A nochdadh, gu 'm b'e saor ghrás amhain, nó trocair agus maitheas Dhe 'n taobh thal d'ar toiltéanas fein, a bhrosduich é chum a dhealbh, gur h é saor ghrás amhain ata cur impidh air na daoinibh taghta a' ghreamuchadh ris, agus gu 'm b'e bhi 'g giarduchadh saor ghrás bu chrioch mhór dh'a, mar an ceadna, deirir coi'-cheangal grais ris, do bhri' gur h é creidimh fein ris an abrar an cumhnant ann, saor thiodhlac grasmhor Dhe dhuinne, co mhaith is a chuid eile do na sochairibh luach mhor ata air an gealltain ann. Eph. 2. 7. 8. 9. Tit. 3. 5. 6. 7. Eph. 1. 4. 5. 7. Rom. 11. 5. 6. 2 Tim. 1. 9. 10. Phil. 1. 29.

C. *C' ar son a deirir tiomnadh ris a' choi'-cheangal so?*

F. Do bhri' gu bheil gach sochair agus ni maith a ghealladh ann, gu saor air am fagail agus air an deanamh thairis do na daoine taghta, mar dhilibh air an deanamh cinnteach dhoibh le bás Chriosd an tiomuni' fhear, agus ann sa choi'-cheangal dh' fhag é grás aca chum an neartucha' ann coi'-lionadh gach dleasdanas ata air iarruidh orra.

C. *Ciod e an gealladh a's mó 'ta ann an coi'-cheangal nan grás?*

F. Ata coi'-cheangal nan gras gu h iomlan, leis gach t iodhlac ata ann, gu h aith ghearr aguinn' ann fa ghealladh mhôr choi'-lionta fin, " Bithidh " mi a' m' Dhia dhoibh, agus bithidh iadfan nam " pobull dhamh fa," Jer. 31. 33. Eabh. 8. 10. Ata tuilleadh ann fna briathraibh fo, Bithid mi a' m' Dhia dhoibh, na bhi ag fealbhachadh neamh agus na talmhuin mar aon.

C. *Cionnas a bhios fios aguinn ma 'ta coir aguinn' air a ghealladh fo ?*

F. Ma bha finn air ar neartuchadh a ghabhail re Dia mar ar Dia fein, agus ma thug finn finn fein fuas dh'a fan, feadaidh finn fealbh air a ghealladh fo agairt, do reir, Sach. 13. 9. 2 Cor. 8. 5.

C. *Am bheil coi'-cheangal nan grás air a dheanamh ris a' chinneadh dhacin' uile mar bha coi'-cheangal nan gniomh ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ge 'ta é air a' chur ann tairgfe na h uile 'ta 'g eifleachd an t foifgeil, gidheadh cha 'n eil é air a dheanamh da rireadh re neach air bhith ach riu fin ata greamachadh ris.

C. *Nach 'eil gairm agus barrantas aig' gach peacach, fiagh aig' an dream as meafa greamachadh ris a' choi'-cheangal fo ?*

F. Ata ; mar chi finn ann, Ifa. 56. 3. 4. 5. 6. &c. Marc. 16. 15. 16. Taif. 22. 19.

C. *An roibh neach air bith riamh air a fhaoradh air doigh air bith cile ach tre coi'-cheangal nan grás ?*

F. Cha roibh, Gniomh. 4 12. Gal, 2, 16.

C. *An roibh na creidmhich uile faoi 'n t feintimna' air an fuoradh trid an choi'-cheangail fo ?*

F. Bha ; oir chuaidh fhoillficheadh agus a thairgfe dhoibh ge nach b' ann air doigh co fhoillcir as 'ta aguinne.

C. *Co dhiu' bu choi'-cheangal gniomh, no grais a rinn Dir re cloinn Ifrael 'n tra' thug é mach as ann Eipht iad ?*

F. Ge fo bha an coi'-cheangal fin air a thabhairt air doigh lagha, agus air a mheafga le uamh uim

mhunn chum, am pobull fin irioſlachadh; gidheadh b' é cheart choi'-cheangal grais ann ſuim agus briogh a bha ann 's a 'ta air a thairgſe dhuinn ann ſan t ſoiſgeil; oir b' ionann eidir-mheadhoinfhear agus urras a bh' ann is ata aguinne, air a chialluchadh dhoibh le Maois agus na h iobairte; b' ionann, geallanna maitheamhnais cionta, gràis agus gloir trid fuil a' Mhiſiah, ris an roibh aithn' aca amharc tre creidimh faoi na ſamhluighean agus na h iobairte chum ſireanachadh agus ſlainte bha aca as ata aguinne, Sal. 2. 12. Iſ. 45. 22. Iſa. 42. 1. 2. 4. 5. 6. 7. Eſec. 11. 19. 20. Eſec. 36. 25. 26. 27. Exod. 12. 22. 23. Air. 23. 7. 8. Lebh. 1. 4. Exod. 24. 7. 8.

C. *Nach bu choir dhuinn mór bhuidheachas a thairt do 'n Tighearna le 'r 'n anamaibh, chionn gu bheil frithealadh aguinn' do choi'-cheangal nan gràs ata moran ni as ſpioradail, agus n' as ſoilleireadh na bhi' aig' ná creidmhich faoi 'n t ſeintiomna'?*

F. Bu choir.

C. *Creud an ſtaid as am bheil Dia a' tabhairt nan daoine taghta trid coi'-cheangal nan gràs?*

F. A' ſtaid pheacaidh agus truaighe.

C. *Am bheil na daoine taghta ann ſtaid peacaidh agus truaighe, co mhaith re cách, gus am bheil Dia gu trocaireach 'g an gabhail a ſt ach ann an cuing a choi'-cheangail fein?*

F. Ata; oir 'ta é air innſeadh dhuinn, 'n tra' 'ta Dia ag amharc orra le ſuil truacantais, agus a' deanamh coi'-cheangail riu gu 'm bheil é 'g an faghail ann an ſtaid ghraneil ag eabradh ann an fuil agus ſalachar, agus thaobh naduir nan cloinn na feirge eadhon mar chách, Eſec. 16. 5. 6. 8. Eph. 2. 1. 2. 3.

C. *Creud an ſtaid chum am bheil Dia 'g an tabhairt trid a' choi'-cheangal ſo?*

F. Chum ſtaid ſlainte.

C. *Creud i an ſtaid ſo?*

F. Is ſtaid thearuint i ann ſan fas agus am buanaich iad ann ſonas, gus an rig iad air ſonaslan agus iomlan ann ám iomchuidh.

C. *Cia trid am bheil é 'g an tabhairt chum na ſtaid ſlainte ſo?*

F. Trid fear ſaoraidh.

Ceiſt XXI. *Cia é is fear ſaoruidh do phobull taghta De?*

F. Is é is aon fhear-ſaoruidh do phobull taghta Dhe, An Tighearna Ioſa Crioſt amhain, neach air bhi dh' a na Mhac ſiorruidhe do Dhia do rinneadh é na dhuine; agus mar ſin ata ſe aig fantain na Dhia agus na dhuine, ann da nadur eider-dhealuighte, agus ann aon phearſuin am feaſt.

C. *Creud ata thu cialluchadh le fear-ſaoruidh?*

F. Neach a bhitheas a' tabhairt ciric chum dream eile fhuaſgladh o bhruid, no o dhaorſa, mar 'ta Crioſt a' deanamh thaobh pheacach thaghta.

C. *Cionnas ata é ſoilleir gu 'm bheil Crioſt na ſlearſaoruidh air an doigh ſo?*

F. Do bhri gu bheil é gu tric air ainmeachadh ma ſo ann ſna ſgriobtuir, agus uime ſin deirir gu d' thug é anam mar ciric air ſon móran, Job 19. 25. If. 54. 5. If. 60. 16. Jer. 50. 34. Matth. 20. 27.

C. *Am bheil pobull taghta De fein ann bruid thaobh naduir?* *F.* Ata.

C. *Creud a' ghne thraillealachd fui' 'm bheil iad?*

F. Is traillealachd ſpioradail i; ataid 'n am prioſuinnich ann an lamhan ceartais De; air an diteadh gu * gaintir ifrinn: mar an ceadna, ataid faoi bhruid agus nan traillean do 'n pheacadh agus do 'n diabhol.

* prioſun.

C.

C. *Coinnas ata Crioſt ag ſoiradh a luchd muintir o 'n traillealachd ſan ?*

F. An cuid le bhi 'g an ceannach le prís, agus ann cuid eile le buaidh no cumhachd.

C. *Cionnas ata Crioſt 'g an ſaoradh o lamhan ceartais De ?*

F. Cha 'n ann le h airgiod, no h òr, ach le fhuil phriſeil fein, 1 Phead. 1. 18. 19.

C. *Cionnas ata Crioſt a' ſaoradh a phobuil thaghta fein o bhruid an diabhuil agus a pheacaidh ?*

F. Le mhòr chumhachd, a thoirt buaidh air an naimhde, agus ag ceanſuchadh an anamaibh dh 'a fein, Eph. 4. 8. Col. 2. 15. Sal. 110. 3.

C. *Nach h é Crioſt an duin' a's treiſe 'ta toirt buaidh air an duine laidir, agus a' roinn a chreich ſin ?*

F. 'S é, Luc. 11. 21.

C. *Nach é Crioſt ata ag toirt a' s a phobuill o rib au diabhol aig' an roibh iad air am beo ghlacabh chum a thoile ?*

F. 'S é 2 Tim. 2. 26.

C. *Cionnas a bha na daoine taghta air an ſaoradh o pheacadh, agus o ifrinn, a dh' eug m' an do dhoirt Crioſt fhúil ?*

F. Trid fearta na reite bha eidear an t Athair agus a Mac o uile bhio'-bhuantachd; bha fearta fola Chrioſt dol air a hais gu n uig na creidmhich o thoiſeach an t ſaoghail, co mhaith as ata i ag righeachd air a h aghaidh chum nan creidmhich gu deire an t ſaoghail, amhail is mar ni fear urrais le bhann ata ag ſaoradh duinn' o phrioſun, fad a m' an diol é 'n t ain-fhiach.

C. *Am b' urra' aingle na daoine' a leithed ſo do fhear ſaoruidh a dheaſuchadh dhuinne ?*

F. Cha b' urra' no neach air bith eile ach an Dia 'ta neo'-chriochnach ann gliocas, b' e ghairdein fein a thug m' an cuairt an t ſlainte ſo, Iſa. 59. 16.

C.

C. *Creud an t ainm ata aig' ar fear faoruidh' ne?*

F. An TIGHEARN' IOSA CRIOST.

C. *C' ar fon a deirir an* TIGHEARNA *ris?*

F. Do bhri' gur eifean JEHOBHA mar ata é na Dhia, agus mar eider-mheadhoin-fhear chofain é le bhás ard-Thighearnas, agus uachdranás oifcionn gach aon ni air neamh agus air thalamh; Mat. 28. 18. Phil. 2. 8. 9. 10.

C. *C' ar fon an deirir* JOSA *ris?*

F. Do bhri' gu 'm bheil é faoradh a phobuill o 'm peacaidh, Matth. 1. 21. Is é as feagh do' n fhocal flanui'-fhear agus b' e fo an t ainm a fhuair é o' n aingel a thug fios a bhreith roimh laimh.

C. *Creud an ni ann fan pheacadh ata an t Josa glormhor fo ag faoradh a phobuill uaithe?*

F. Ata é 'g an faoradh o fhalachar agus o chumhachd an pheacaidh, mar an ceadna, o 'n chiont agus o 'n fmachduchadh, agus faidheoigh o bhith a' pheacaidh an taobh ftigh dhuibh.

C. *C' ar fon a deirir CRIOST ris?*

F. Do bhri' gu 'n d' ungadh le Dia é, is ionann do 'n fhocal ghreugach Crioft, is do 'n fhocal Eabhrach Meffiah, ata mar aon ag cialluchadh ungaidh.

C. *C' ar fon ata é ag faghail an ainm fo?*

F. Do bhri' gu roibh é air a choifreagadh gu tri oifige mar Eidir-mheadhoin-fhear, eadhon oifig Faidh, Sagairt, agus Righ, na h oifigibh chum an roibh daoin air ann cuir air leath gu crábhach faoi 'n lagh agus air an ungadh le h ola.

C. *An roibh Crioft air ungadh le h ôla chum nan oifigibh fin?*

F. Cha roibh, ach leis an fpiorad naomh thar tomhas, leis an roibh fé air a chuir air leth, ughdarras air a thabhairt dh'a, agus air a dheafuchadh gu coi'-lionta chum nan oifigibh fo chur an gniomh d'a eaglais, Sal. 45. 7. Eoin 3. 34.

C.

C. *Am bheil fear saoruidh air bhith eil' ann ach an Tighearna Josa Crioſt?*

F. Cha 'n 'eil, 'ſ eiſean amhain an aon fhear ſaoruidh.

C. *Ach, ge do 's é Crioſt an aon Eidir mheadhonfhear amhain chum ſaoruidh, nach fhead Eidirmheadhoin fhear a eile bhi ann air ſon eidear-ghuidhe?*

F. Cha 'n 'eil ann ſin ach eidir dhealuch' a dhealbh na Papanaich chum cuid do ghloir Chrioſt a roinn re ainglibh, agus re naoimh, mar ann ann obair an ſaorſa, gidheadh ann a eidearghuidhe. Ach mar is é Crioſt an aon fhear ſaoruidh 'mhain, as eiſean an aon fhear tagraidh amhain maille ris an Athair, oir ata fhuil luachmhor feumail chum bhi na ſteigh do 'n dara h aon co mhaith ris an aon eile.

C. *Co d' a Mac Crioſt?*

F. 'S e Mac De é.

C. *Nach 'eil cuid eile ris an abrar clann De ann ſan ſgribtur thuilleadh air Crioſt?*

F. Ata, chi ſinn gu 'n abrar clann De ri ainglibh, re Adhamh, ris na creidmhich, Job 38. 7. Luc. 3. 38. 1 Eoin 3. 1. agus ſin an dara cuid thaobh an cruthachaidh gu neo'-mheadhoineach le Dia, no thaobh an uchdmhacachd chum a theaghluighſin.

C. *Cionnas ma 'ta ata Crioſt na mhac do Dhia air doigh nach 'eil neach air bith eile?*

F. Is é Crioſt Mac De thaobh naduir, agus o uile bhio' bhuantachd, agus uime ſin deirir Mac ſiorruidh Dhe ris.

C. *C' ar ſon nach gabha 'th Dia neach bu lugha chum bhiodh na fhear ſaoruidh dhuinne?*

F. Chum 'ſ gu 'm bithidh gloir a cheartais air an taiſbean, agus ar ſaorſa' ne air a deanamh eiſeachdach, Cha 'n fheadadh ceartas neo'-chriochnach, bhi air a ghloruchadh le eiric chriochnach, uime ſin ata è air a rad, gu roibh fuil

Crioſt

Chrioſt air a dortadh chum fireantachd De fhoillſicheadh, Rom. 3. 25.

C. *Cia lion nadurra 'ta aig' Crioſt ?*

F. Dias eadhon, nadur Dhia, agus nadur an duine.

C. *Cia lion pearſa 'ta aige ?*

F. Aon phearſa.

C. *Am bheil an da nadur ſin ann Crioſt air a' meaſgadh 'n a cheile ?*

F. Cha 'n 'eil; ataid eidear-dhealuichte' gun mheaſgadh no truailleadh mar bha cuid do na fein * eiriceach ag cur rompa.

C. *Creud iad na ſein eiriceachd mu nadurra agus pearſa Chrioſt ata air am bacadh ann ſan fhearg-ra ?*

F. A 'ta ceithir ſaobh-bhar' aile ann a bha air an diteadh le ceithir comhairle coitcheann. 1. Arius agus a luchd-leanmhuin bha ag aich-ſheun ſiorrui'-eachd Chrioſt mar Dhia: agus uime ſin, ata é air a radh, gur Dia é agus ſin o uile bhioth-bhuantachd. 2. Dh' aich-ſheun Marcion agus a luchd-leanmhuin firinn naduir Chrioſt mar dhuine ag radh, nach roibh ann amhain ach coſ-amhlachd duine, ach ata am freagra ag innſeadh gu 'n d' fhas é 'n a dhuine, na fhir-dhuine. 3. B' aill le Eutychus agus le luch-leanmhain, an da nadur choi'-meaſgadh agus a thrualleadh, chum an deanamh 'n an aon, agus uime ſin, ata é air a radh gu bheil da nadur eider-dhealuight' aige. 4. Bha Neſtorius agus a luchd leanmhuin ag ſgarthadh da nadur Chrioſt, chum a dheanamh 'n a dha phearſa; uime ſin ata e air innſeadh gu 'm bheil an da nadur' air an aonacha air achd is nach 'eil iad ag deanamh ach aon phearſa.

C. *Am bheil Crioſt na fhior Dhia, coi'-ionann ſiorruidheachd, coi'-ionann, nadur', agus coi'-ionann inmhe ris an Athair ?*

F. Ata; mar 'ta é ſoilleir o na ſgriobtuiribh,

Eoin

* luchd mearachd

Eoin 10. 30. Phil. 2. 6. Faic fo air a cho'-duchadh gu coilionta ann am mineachdh na feathadh ceift.

C. *Cionnas ata thu ag dearbha' gu bheil Crioft na fhior dhuine co mhaith is na fhior Dhia?*

F. Ata na cot-chaibh nadurra aige 'ta deanamh fuas duine, eadhon fior chorp, agus Anam riofunta : bha é ocrach ; dh' ith agus dh'ol é, chodail é, bha à faoi fhallas, dh' fhuiling é, dhoirt fé fhuil, agus dh' eug é.

C. *An roibh na dhuin' ouile bhioth-bhuantach?*

F. Cha roibh.

C. *C' uin' a dh' fhas Crioft na dhuine?*

F. Ann ann iomlanachd na h aimfir 'n uair a bha an t flat rioghail air dealuchadh re Judah, ann fin bha corp air ull' uchadh dh' a, air bhi air a ghineamhuin am broinn na h oighe Muire agus air a bhreith lea air doigh iongantach, Gal. 4. 4. Eabh. 10. 5. Luc. 2. 1. 2. *&c.*

C. *Ciod an uine bha eidir teachd Chriof ann fan fheoil, agus a' cheud ghealleadh a fhuair ar ceud finnfir dheth?*

F. Mu thimchioll ceithir mile bliadhna.

C. *C' ar fon a chuir Dia dail ann an coi'-lionadh a ghealaidh co fhada?*

F. A thoirt mothachaidh do pheacaich chaillte air fearg Dhe ann aghaidh a' pheacaidh, agus air an ftaid thruagh chum an d' thug iad iad fein, agus nach roibh é 'nan comas iad fein a fhaoradh gu brath, agus mar an ceadna, a theagafg dhoibh feitheamh gu foighidneach air coi'-lionadh a chuid eile do ghealaibh Dhe da eaglais fin.

C. *Cio lion bliadhna o na thainig Crioft a dh'-ionnfuidh an t faoghail?*

F. Feadaidh finn fios a bhi aguinn air fin ann fan bhliana 'ta lathair noch as i 1773 oir 'f e fin doidh air am bheil na bliadhnaibh air an aireamh a' meafg nan Crioftuidhean, o na rinneadh Dia na dhuine.

C. *C' ar ſon a bha é ſeumail gu 'm bithidh ar fear-ſaoruidh-ne na fhior dhuine ?*

F. Chum 's gu 'm bithidh é na dhlu-charaid dhuinn', agus gu bithidh coir na ſaorſa air a cur na laimh ſin, agus gu bithidh é comaſach a dhortadh fhola agus a dh' fhulang bais ann ar 'n ionadne, oir as eagmhuis dorta' fola ni bheil maitheanas r'a fhaghail, Ruth 4. 3. 4. Eabh. 9. 22.

C. *C' ar ſon a bhi é ſeumail gu bhithidh ar fear ſaoruidh-ne na fhior Dhia ?*

F. A chonbhail ſuas nadur na daonnachd, agus 'g a choimhid ſin o thuiteam fuid fheirg Dhe agus fuidh chumhachd a bhàis, agus a dheanamh fhola, agus fhulangais leoir fhoghainteach agus eifeachdach chum dioladh thoirt do cheartas De, agus a chofnadh ſlainte dhuinn.

C. *Am bheil an da nadur' ann Crioſt 'g a dheanamh 'n a dha pearſa ?* *F.* Cha 'n 'eil.

C. *Cionnas nach fhead é gun bhi ach na aon phearſa, thaobh gu bheil é mar aon na Dhia agus na dhuine ?*

F. Le nadur na daonnachd bhiodh ag fantain ann am beatha ann aonachd ris an dara pearſa do 'n Trionaid ghlormhor.

C. *C' ar ſon a bha é ſeumail gu gabhadh an dara pearſa nadur na daonnachd air fein, air achd is nach bithidh ar fear ſaoruidh-ne ach na aon phearſa ?*

F. Chum 'ſ gu 'm bithidh fhulangais; air a mheas mar fhulangais a bha da rireadh na Dhia, ge nach roibh iad ach air nadur' na daonnachd, agus mar ſo gu 'm bithidh luach neo'-chriochnach ionnta a ſhaoradh an t ſaoghail chaillte.

C. *Creud a deirir ris an aonachd ſo ?*

F. Aonachd phearſonta ; ach is diombaireachd co mhor ſo as nach fead aingeal no daoin' a thuigſin.

C. *Cia fhad a mhairtheas an aonachd ſo ?*

F.

F. Gu fiorruidh.

C. *An bheil Crioſt ag fantuin na Dhia agus na dhuine do ghná air neamh ?*

F. Ata.

C. *Nach 'eil nadur' na daonachd gu mór air-ar-duchadh leis an aonacha phearſonta ſo ?*

F. Ata.

C. *Nach 'eil adhbhar aguinn a radh le iongantas a Thighearna, creud é an duine gu 'm bheil thu 'g a chuimhneach air an doigh ſo ?*

F. Ata; oir is iongantach am freaſdal bhi ag nochdadh urrad meas do 'n duine ann diaidh dh 'a tuiteam 'n uair a chuaidh é feachad air na h aingeal a thuit.

C. *Ma thog Crioſt ar nadur-ne co ard, nach bu choir dh'a ſo ar broſduchadh a ſheachnadh ainmianna bruideil, agus toil inntin fheolmhor leis am bheil ar nadur' air a ſhalachadh ?*

F. B' eadh.

C. *Nach bu choir dhuinn gu failbhear bhiodh ag deanamh, a' fulang, agus bhi air ar 'n iriofiachadh air ſon Chrioſt, a chrom co ioſal a's gu d' fhás é 'n a dhuine air ar ſein-ne ?*

F. B' eadh.

Ceiſt XXII. *Air bhi do Chrioſt na Mhac do Dhia, cionnas do rinneadh é na dhuinne ?*

F Do rinneadh Crioſt Mac Dhe na dhuine, le corp fior agus anam riofunta do ghabhail chuige fein; air bhiodh dho le cumhachd an Spiorad Naoimh air a ghabhail am broinn Muire no h Oighe, agus air a bhreith lea, gidheadh as eagmhuis peacaidh.

C. *Ann an gabhail ar naduir-ne, 'n do gha'b Crioſt air fein na cot chaibh nadurra uile bha feumai a dheanamh fuas duine ?*

F. Ghabh é, eadhon, fior chorp, agus anam riofunta.

C. *C' ar fon a deirir fior chorp ris?*

F. A nochdadh nach bu tannas cuirp a bha ann, no 'mhain cruitheachd agus cofamhlachd cuirp, mar bha cuid do na fean eiriceach a' cur romapa, ach gu 'n do ghabh é fior chorp do fhgoil agus do fhuil mar 'ta aguinne, Luc. 24. 39. Eabh. 2. 14.

C. *'N do fheafamh nadur no diadhachd aite anama do Chrioft?*

F. Cha do fheas' ge do bha cuid do luchd faobh bhar' ail ag teagafg fin. Ghabh é anam riofunta co maith re fior chorp. If. 53. 10. Matth. 26. 38.

C. *An d' thug Crioft a chorp no fheol o neamh?*

F. Cha d' thug; b' e fiol na mna é, Gin. 3. 15.

C. *An roibh breith Chrioft cofmhuil re breith dhaoine eile?*

F. Cha roibh; oir bha é air a bhreith le h Oighe as eagmhuis Athar talmhaidh, If. 7. 14. Mat. 26. 38.

C. *Cionnas a dh' fheadadh fin bith?*

F. Bha é air a ghineamhuin gu miorbhuileach le cumhachd an Spiorad Naoimh ann am broinn na h Oighe Muire, Luc. 1. 34. 35.

C. *Co an duthaich, treabh, no teaghlach o 'n a' thainig Crioft, mar bha é 'n a dhuine?*

F. Trid a mhathar Muire, thainig é do 'n chinneach Judhach, o threabh Judah, agus o theaghlach Dhaibhi, Luc. 1. 69.

C. *Ma bha mathair aig 'Crioft cionnas a bha Melchefedec mar chomharth' air, mar ata é air aithris gu roibh é gun Athair agus gun Mhathair, Eabh. 7. 3.?*

F. Do bhri' gu roibh Crioft gun Athair mar dhuine agus gun mhathair mar Dhia.

C. *C' ar fon a bha é air a ghineamhuin agus air a bhreith le h Oighe?*

F.

F. A choi'-lionadh fai'-dearachd nan ſgriobtuire ma thimchioll, chum a choimhid faor o pheacadh gin, ata teachd air. fliochd Adhaimh uile tre ginealachd nadurra.

C. *Cionnas a dh' fheadadh é bhi faor o pheacadh thaobh gu 'n d' rugadh le mnaoi pheacaich é?*

F. Do naomhaich an Spiorad Naomh gu miorbhuileach urrad do * thabhachd na h Oighe a's a a dhealbh corp Chrioſt, noch ris an abrar uime ſin, an ni naomh bha gu bhiadh air a bhreith leo, Luc. 1. 35.

C. *C' ar ſon a bha é feumail gu 'm bithidh Crioſt air a ghineamhain agus air a bhreith faor o pheacadh?*

F. Mar bithidh é gun ſmal no truaill'-eachd, air bhith, cha 'n fheadadh é bhi 'n a iobairt thaitneach do Dhia air ſon peacaidh: ni mo dh' fheadadh fhireantachd bhi' iomlan air doigh neo'-chriochnach, mar bha feumail chum a' meas do gach creidmhich air ſon faorſa, Lebh. 3. 1. 6. Jer. 23. 6. 2 Cor. 5. 21. Eabh. 7. 26. 27. Air. 28. 3. 1 Phead. 1. 19.

C. *Nach 'eil ſinn aig leoghadh gu 'n d' thainig Crioſt ann an coſamhlachd feoil pheacach? Rom. 8. 3.*

F. Ni bheil ſin ag cialluchadh gu roibh é darireadh air a thruailleadh le peacadh, ach amhain gu roibh é ann an coſamhlachd feoil pheacach, le co'-pairt a ghabhail do gach anmhunneachd ann ar nadur-ne 'ta teachd ann lorg a pheacaidh, ge 'ta iad neo'-lochdach ionnta fein.

C. *Creud iad na h anmhuinneachda neo'-lochdach ſin?*

F. Sgios, Codal, Gul, Brón, Fulangais, dortadh fola, Fallas, Bàs agus an leithidh ſin.

C. *Nach d' fhuiling Crioſt air ſon peacaidh?*

F. D' fhuiling; ach cha b' ann air ſon aon pheaca' ann fein; oir bha é air a lot' air ſon ar 'n

* ſubſtaint.

eacoir-ne, agus air a bhualadh air fon ar 'n aingidheachd-ne, Isa. 53. 5.

C. *Nach bu choir dhuinn' ar 'n uile dhicheall a dheanamh ann bhi cofnhuil re Crioft ar ceannard, agus co fhad a's ata é 'n ar comas bhi as eagmhuis a pheacaidh?*

F. Bu choir, 1 Phead. 2. 21. 22. 23. &c.

Ceift XXIII. *Cia iad na h oifigeadh 'ta Crioft ag cur ana gniomh mar ar fear faoruidhne?*

F. Ata Crioft mar ar fear faoruidh-ne ag cur ann gniomh oifigeadh Faidh, Sagairt, agus Riogh, mar aon ann ftaid iriofiaiche, agus arduiche.

C. *Nach deirir ris na tri oifigeadh fin oifige eidir mheadhoin fhearachd Chrioft?*

F. Deirir, oir as tri meanglain iad do oifig eidir-mheadhoin-earachd Chrioft, ann fam bheil é ann fgach aon fai-leth dhiu' ag coi'-lionadh na ghabh è o's laimh, le bhiodh ag feafamh eidir Dia agus finne, agus ag deanamh air fon De ruinne, agus air ar foin-ne re Dia.

C. *C' ar fon ata oifig eidir-mheadhoin-earachd Chrioft na tri meanglain?*

F. A fhreagradh air fon truaighibh a phobuill, ain-eolas, cionta, agus traillealachd, oir mar ata è na fhaidh 'ta è ag leigheis ar 'n ain-eolas-ne le theagafg neamhaidh, mar ata è na fhagairt ata è toirt dioladh air fon ar cionta le iobairt dh'e fein, agus mar ata è n a riogh 'ta è 'g ar faoradh o thraillealachd le chumhachd, agus 'g ar fuidheachadh fuidh dheadh riaghail fin.

C. *Creud ata thu cialluchadh le Crioft a bhi cur 'n an oifigeadh fo ann gniomh?*

F. Gu 'm bheil è coi'-lionadh gach ni a bhuineas gu fonruichte d'a a leithid fin do oifigibh,

C.

C. *'N do ghabh Crioſt na h oifige ſo air fein gun ghairm ?*

F. Cha do ghabh; bha é gu dligheach air a ghairm chum gach aon dhiu' leis an Athair, a chuir gach cumhachd agus breitheamhnas ann a laimh ſin; agus uime ſin, deirir CRIOST ann TIGHEARNA ris, Mat. 28. 18. Luc. 2. 26. Eoin 5. 27.

C. *Cionnas ata é ſoilleir o 'n ſgriobtur, gu bheil Crioſt air a ghairm, agus air orduchadh leis an Athair, chum bhi' na fhaidh, na ſhagairt, agus na riogh ?*

F. Ata ſo leoir ſhoilleir o na tri teagſa ſo-thiugſin a leanas, Gniomh. 3. 22. Eabh. 5. 6. Sal. 2. 6.

C. *An d' fhuair duine riamh an Onoir bhiodh air a ſgeuducha' leis na tri oifigibh ſo, faidh, ſagairt, agus riogh, ach an Dia dhuin' Chrioſt ?*

F. Cha d' fhuair; oir.ge do bha Melchiſedec na Righ, agus na Shagairt, gidheadh cha roibh é na Fhaidh; bha Daibhi na Righ agus na Fhaidh, gidheadh cha roibh é na Shagairt; bha Samuel na Shagairt agus na Fhaidh, gidheadh cha roibh é na Righ. Agus ata ſo nochda' dhuinne gu bheil na ſamhluighean, agus na ſgailibh ag teachd gaoirid gu mór air an ni 'ta air a chiallachadh leo.

C. *Nach h iad oifigeadh Chrioſt fai-leth am fior thobar o 'm bheil geallanna an nuadh choi'-cheangail gu leir ag frutha ?*

F. 'S iad; ata geallanna teagaiſg, foillſicheadh, agus ſdiuraidh ag frutha o oifig faidhdeorachd Chrioſt; ata geallanna maitheanais, ſith agus ſlanuchaidh a' frutha o oifig ſagairteachd ſin; agus ata geallanna fuaſglaidh, tearmunn, gràs agus gloir ag teachd o oifig rioghail ſin.

C. *Nach'eil na tri oifigeadh 'ta aig' Crioſt 'g a dheanamh na fhear cuidich roi'-iomchuidh, agus na chungaidh leighis iomlan air ſon gach doilghios leatrom agus feum faoi 'm bheil a luchd muintir ?* *F.* Ata.

C. *Am fead duine gabhail re Crioſt ann aon d' a oifigibh, agus gun ghabhail ris ann ſgach am dhiubh ?*

F.

F. Cha 'n fhead ; oir cha 'n 'eil ach cealgoirean ann ta fin, leis am b' aill oifigean Chriofi a fgaradh o cheile, agus gabhail ris ann an cuid dhiubh ; oir co air bith leis am b' aill tairbh fhaghail o aon do oifigibh Chriofi, 's eigin dh'a gabhail ris ann 'fgach aon dhiubh.

C. *Co an ftaid ann fam bheil Chriofi a' cur nan tri oifigean fo 'n gniomh ?*

F. Ata é 'g an cuir ann gniomh mar aon ann a ftaid iriofiachaidh, agus ann a ftaid arduchaidh.

C. *Creud ata thu ciallachadh leis an da ftaid fin Chriofi ?*

F. Le a ftaid iriofiachaidh, 'ta me tuigfin an doigh iofal, agus amhgharach ann fan roibh Criofi air thalamh ; agus le a ftaid arduchaidh, an inbhe ard, agus ghlormhor ann 's am bheil é 'noife air neamh.

C. *Cionnas a chuir Criofi oifigean gu leir ann gniomh ann a ftaid iriofiachaidh ?*

F. 1. Chuir é oifig Faidh ann gniomh le Mhinifireilеachd phearfonta air thalamh, agus le bhi cur amach a Dheifciobuil a theagafg an t faoghail ann an flighe na flainte. 2. Chuir é oifig Sagairt ann gniomh, ann é fein a thoirt fuas mar iobairt air a' chrann cheufaidh, agus ann bhi' re urnaigh air fon a luchd muintir. 3. Chuir é oifig Righ ann gniomh, le bhi' fgaoileadh a reachduibh feadh an t faoghail agus ann a minicheadh, ann glanadh an teampuill, agus ann a' marcachd le luath-ghaire gu h Jerufalem.

C. *Cionnas ata Criofi ag cur nan oifigeadh fin anois ann gniomh ann a ftaid arduchaidh ?*

F. Ata é cur oifig faidh ann gniomh, le bhiodh ag fgeuduch' agus a' cur amach a fhearbhanta a theagafg an t faoghail. 2. Ata é cur oifig fagairt ann gniomh, le bhi' deanamh eidear ghuidhe air fon a luchd muintir. 3. Ata é cur oifig righ ann' gniomh le bhi * fuagradh a reachdaibh, ag ceannfach a naimhde ; agus a riaghluch' eaglais fin.

* 'g cigheach C.

C. *Nach do chuir é h ann do na h oifigibh ſo 'n gniomh, m' un roibh é air irioſlachadh, agus airis air arduchadh ?*

F. Air bhiodh do Chrioſt air a ſgeuduchadh leis na tri oifigibh ſo trid fearta coi'-cheangail na ſaorſadh, thoiſeach é r' an cuir ann gniomh air ball ann diaidh an leagaidh, agus chuir é 'n gniomh iad co fhad as cheaduich an ſtaid an roibh é m' an d' rinneadh na dhuin é dh'a ſo a dheanamh.

Ceiſt XXIV. *Cionnas ata Crioſt ag cur oifig faidh ann gniomh?*

F. Ata Crioſt ag cur oifig faidh ann gniomh, ann toil De chum ar ſlanuiche fhoillſeacha' dhuinne le fhocal, agus le a Spiorad.

C. *Creud ata thu cialluchadh le faidh, agus le oifig ſin ?*

F. Aon d' an obair an dara cuid, bhiodh ag roimh-innſeadh nithe re teachd ; no bhi ag teagaſg toil De do pheacaich, agus a mineach' fhocail ſin dhoibh.

C. *Am bheil Crioſt 'n a fhaidh air gach doidh dhiu' ſin ?* *F.* Ata.

C. *Ciod ata ſinn a' leaghadh mu fhaidh-dairеachd Chrioſt, no thaobh a roi' innſeadh nithe re teachd ?*

C. Dh' inniſh é roi' laimh, gu' m brathadh Judas é, gu 'n aich-ſheunadh Peadar é, gu treagadh a Dheiſciobuil uil è, an doidh air am fulainge é 'm bás, gu 'n eirigh è air an treas la, ſgrioſadh baile agus teampuill Jeruſalem, a gheirleanmhuin a dheantadh air a Dheiſciobluibh, gairm na geintileach, &c. Mat. 26. 23. 31. 34. Mat. 20. 18. 19. Luc. 19. 44. Mat. 24. 2. Eoin 16. 2. Mat. 21. 42.

C. *Creud iad na nithe eile leis an do chuir Crioſt oifig faidheadoireachd ann gniomh ?*

F.

F. Rinn è ſo le mhiniſtrealachd phearſonta agus le bhi teagaſg toil De do pheacaich fhad 's a bha è air thalamh, agus le bhi cur amach Abſtola, agus an dream a thainig 'n an, diaidh d' an teagaſg, agus le bhiodh ag ſoillſich' inntinè luchd eiſteachd an an t ſoiſgeil le Spiorad, a thuigſin agus a ghabhail tlachd do nithe ſpioradail.

C. *Ciod am feum a bha air faidh co fhad' thar chách rè Joſa Crioſt a theagaſg toil De dhuinne ?*

F. Do bhri, an dorchadais thiugh, agus an doille thainig oirne leis a cheud leagadh : agus thaobh nach roibh neach air bhith ach eiſean a bha 'n uchd an Athar o uile bhio' bhuantachd comaſach air rùnaibh diomhair an t ſoiſgeil fhoillſicheadh dhuinne, Eoin 1. 18. Gniomh. 26. 18.

C. *An roibh Crioſt a' cur cìſig faidheadoireachd ſinn ann gniomh fuidh 'n t ſein tiomna' co mhaith is ſan 'n tiomna'-nuadh ?*

F. Bha ; oir bha bith aige m' an d' rinneadh na dhuin' è, agus theagaiſg è eaglais o ſhein.

C. *Cionnas ata ſin ſoilleir ?*

F. Leis an ſgriobtur naomha 'ta 'g innſeadh dhuinn' gu roibh Crioſt le a Spiorad ann am faidhean an t ſein-tiomnuidh ; gu do ſhearmonaich é ann an laithe Noah, do na ſpioradaibh 'ta 'n oiſe ann am prìoſun ; gu 'n do labhair è re Maois, agus re clann Iſrael ann ſan fhaſach, agus gu roibh é air a bhuaireadh leo ſan ann ſin, 1 Phead. 1. 11. 1 Phead. 3. 19. Gniomh. 7. 37. 38. 1 Cor. 10. 9.

C. *Creud iad na nithe ann s am bheil Crioſt a' toirt barr air gach faidh eile ?*

F. Do bhri gu 'r h e Crioſt a thug ughdarras dhoibh ſin uil', agus ann bhi ag teagaſg a' chroidhe co mhaith ris a' chluais, cha do theagaiſg faidh, riamh le urrad ughdarrais, cumhachd, gliocais, faothair, treimh-dhireachd, eadmhoraehd, agus truacantais re Crioſt : ni mo a dhaingnicheadh an teagaſg ſan le miorbhuile agus naomhachd beatha coſmhuil re Crioſt, Mat. 22. 16. 22. 34. 49. Luc.

4. 22. Mat. 7. 28. 29. Eoin 7. 46. Luc. 24. 32. 45. Eoin 15. 24. Eoin 8. 46.

C. *Creud iad na meadhona leis am bheil Crioſt ag teagaſg toil De dhuinne?*

F. Ata è 'g a dheanamh ſo le fhocal o 'n leath muigh ; agus le ſpiorad o 'n leath ſtigh.

C. *C' ar ſon a deirir focal Chrioſt ris na ſgriobtuire, Col.* 3. 16.

F. Ge do 's iad ſin focal an Athar agus an Spioraid naomh mar an ceadna, gidheadh 's è focal Chrioſt air doigh ſhonruight iad, do bhri' gu 'm bheil è labhairt leo mar eidir-mheadhoinfhear ann ainm Dhe ; agus a cur oifig faidh-eadoireachd ann gniomh chum eaglais fein a theagaſg.

C. *An ann le leaghadh an fhocail amhain ata Crioſt a' teagaſg eaglais ſin ?*

F. Ata è 'g a teagaſg mar an ceadna le ſearmonachadh agus le eiſteachd an fhocail, agus uime ſin, dh' orduigh è Aodhairibh chum na ſgriobtuire a mhinicheadh, agus le ſo a theagaſg na h eaglais gu deireadh an t ſaoghail, Mat. 28. 19. 20. Neh. 8. 8. Rom. 10. 14. 15. 16. 17. Sean. 8. 34.

C. *Am bheil am focal leoir fhoghainteach a theagaſg toil De dhuinn' a's eagmhuis an Spioraid?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ge 'ta na ſgriobtuir ann 'ta fein 'n an riaghail leoir fhoghainteach d' ar ſeoladh, gidheadh ata dorchadas, ar 'n inntin-ne co mhor as nach fhead ſinn firinneadh neamhaidh a thuigſin, no ghabhail air doidh ſhlainteil as eagmhuis ſoillſicheadh an Spioraid, 1 Cor. 2. 14.

C. *Cionnas ata 'n Spiorad ag teagaſg toil De dhuinne ?*

F. Ata 's è gar teagaſg ann ſan fhocal, agus leis an fhocal, ag toirt ſoluis o 'n leath ſtigh, ag ſgriobhadh a reachdaibh air ar 'n anamaibh agus ag cur dha-thigh firinne ſpioradail air a choguis.

C. *Creud iad na nithe ſonruichte 'ta ar faidh luach mhor a t' teagaſg do pheacaich le a Spiorad ?*

F.

F. An leithidibh ſin, eadhon, an t olc mór ata 's a pheacadh, truaill'-eachd bhrónach ár naduirne, an fhearg ua'-bhaſach ata ſinn ag toiltin, ar neo'-chomas air ſinn fein a theaſairgin, iomlanachd cumhachd ſlanuighe Chrioſt, oir dheirceachd an nuadh choi'-cheangail, am feum ata aguinn air fireantachd urrais Chrioſt, agus air oibreacha an Spiorad air an anama, maille re creidimh agus naomhachd.

C. *Nach 'eil an Spiorad leeir fhoghainteach a theagaſg 'n an nithe ſin dhuinn a's eagmhuis an fhocail?*

F. Gun teagamh dh' fheadadh é ſo a dheanamh le Spiorad as eagmhuis an fhocal nam b' aill leis; ach dh' [illegible]orduigh è 'm fhocal mar a mheadhon d'an dean è feum chum eaglais a theagaſg, Iſa. 8. 20. Rom. 5. 4.

C. *Creud an ſtaid ann 's am bheil iadſan aig' nach 'eil na ſgriobtuire a nochdadh toil De dhoibh?*

F. 'S eigin gu 'm bheil iad ann ſtaid chaillte, Sean. 29. 18.

C. *Nach fead ſolus naduir no ghrian, a ghealach, agus na reulta toil De fhoillſicheadh dhuinne?*

F. Cha 'n fhead; oir ge do dh' fheadas iad ſin cuid do nithe coitchinn thaobh Dhe a theagaſg dhuinne, gidheadh cha 'n fhead iad ſlighe na ſlainte trid Joſa Crioſt a theagaſg dhuinn.

C. *Co d' am bheil toil De air a teagaſg le fhocal agus le a ſpiorad ſin?*

F. Do gach fior chreidmheach.

C. *Nach eil eolas aig' daoin' eile air toil De comhaith riu ſin?*

F. Gé do dh' fheadas daoin' ann an ſtaid nadurra moran colais agus foillſicheadh coitchinn a bhi aca; gidheadh ni bheil neach air bhith a' faghail eolas ſlainteil air toil De ach na fior chreidmhich.

C. *Cionnas a bhios fios aguinn' m' ta an t eolas ſlainteil ſo air toil De aguinne?*

F.

F. Feadaidh finn a mhéas gu bheil é mar ſo, ma 't a é 'g ar 'n irioſlachadh fein, agus ag arduchadh Chrioſt; ma 'ta é ag fadadh teas ghradh 'n ar croidhe, ag atharrach an anma, agus ag aíth leaſach' ar beatha, agus ma' ta finn dicheallach ann bhi gluaſachd air gach doigh do reir ar ſoluis, Phil. 3. 8. 9. Eoin 13. 17. 2 Cor. 3. 18.

C. *Creud a thig riu ſin ata ain-eolach air Dia agus air a thoil, agus ta ag dearmh dmeas air na meadhona a dh' orduigh Dia chum eolas fhaghail?*

F. An ti a rinn iad cha dean é trocair orra; ach thig é ann teine laſarra a dheanamh dioghaltais air an droing aig' nach 'eil eólas air Dia, agus nach 'eil umhal do 'n t ſoiſgeil, Iſa. 27. 11. 1 Theſſ. 1. 8.

C. *Creud a ni an dream ata ain-eólach chum eólas fhaghail?*

F. 'S eigin dhoibh bhi ag leaghadh agus ag eiſteachd an fhocail, agus dol a dh' ionnſuidh Chrioſt an t ard fhaidh, agus fear teagaiſg na h eaglais, agus bhi glaodhach, ris, " O Thighearna " foſgail mo ſhuilean chum 's gu m faicin nithe " iongantach do lagha ſa," Sal. 119. 18.

Ceiſt XXV. *Cionnas ata Crioſt ag cur oifig ſaghairt ann gniomh?*

F. Ata Crioſt ag cur oifig Sagairt ann gniomh ann é fein do thabhairt ſuas aonuair na iobairt do dhioladh ceartas De; agus do dheanamh ar reitigh re Dia; agus ann gnath-eidir ghuidhe do dheanamh air ar ſoin'ne.

C. *Creud an da phairt do oifig ſagairteachd Chrioſt ata ann ſan fhreagra'?*

F. Iad ſin, eadhon, bhi' ag toirt ſuas iobairt, agus bhi ag deanamh eidir-ghuidhe air ar ſoin-ne.

C. *Creud ata thu cialluchadh le iobairt ?*

F. Is é an feagh 'ta aige ann fan fgriobtur, beocheartuir a mhaibhadh, agus oifrealadh do Dhia, a dheanamh reite air fon peacaidh.

C. *Creud é bhi ag deanamh reite air fon peacaidh ?*

F. 'S è fin, bhi' ag toirt diolaidh do cheartas De air a fhon, agus bhi' a' cur coíg air fheirg fin.

C. *Creud an iobairt a thug Crioft ar fagairt-ne fuas do Dhia air ar fon ?*

F. Thug è fein.

C. *Am b'e a chorp no anam a thug é fuas ?*

F. Thug è fuas a chorp agus anam mar aon air ar foin-ne, Eabh. 10. 10. Ifa. 53. 10.

C. *Creud ata bhi'g a thoirt fein fuas mar iobairt air ar foin-ne cialluchadh ?*

F. Bhiodh cur-fhulangais agus a bhàis ann lathair Dhia chum 's gu 'n gabhadh è riu, mar dhioladh iomlan air fon peacaibh nan daoine taghta.

C. *Cia tric a thug Crioft é fein fuas mar iobairt air ar foin-ne ?*

F. Aon uair amhain ; ge 'ta na papanaich gu ro mhi-riofunta a' cur rompa gu bheil iad fan'g a thoirt fuas gu tric ann nan iobairt neo'-fhuileach na h aifrion, agus le fo ag cur gach fagairt aifrionach ann coi meas re Crioft.

C. *C' ar fon nach fhead Crioft bhi air ofraileadh n' as trice na aon uair ?*

F. Do bhri' gu roibh aon iobairt fin dheth fein leor-fhoghainteach a dhioladh ceartais De ; agus cha 'n fhead neach air bhith eile Crioft ofraileadh ach è fein, ni mó dh' fheadas è bhiodh air ofraileadh a' ris gun fhulangas as úr, ni ta neo'-fheagrach r' a ftaid arduichte, faic, Eabh. 6. 25. 26. 28.

C. *Creud iad na criocha' m' an d' thug Crioft é fein fuas mar iobairt ?*

F.

F. Ata è air innſeadh dhuinn' ann ſan fhreagra' gu d' rinn è ſo a dhioladh ceartais air ſon ar peacaidh-ne agus chum ar deanamh reidh re Dia.

C. *Nach feadadh aingle no daoine iobairt a thabhairt a bhithidh leor-fhoghainteach a dhioladh ceartais De air ſon peacaidh?*

F. Cha 'n fheadadh.

C. *C' ar ſon ſin?*

F. Do bhri' nach bithidh luach neo'-chriochnach ann aon dioladh a b' urradh iad a thabhairt.

C. *An roibh ceartais De lan thollichte le iobairt Chriosd?*

F. Bha.

C. *Cionnas ata ſin ſoilleir?*

F. Le ard inbhe neo'-chriochnach na ti a thug è fein ſuas mar iobairt; le guth an Athar o neamh, a' ſoillſicheadh gu roibh a mhór thlachd ann ſan: leis na briathraibh a labhair Criosd fein air a' chrann cheuſaidh, ata è criochnaichtè; agus leis na comharthaidh glòr-mhor urram a chuir Dia air ann diaidh dh' a fulang, ann a thogbhail ſuas o na mairbh, ann a gabhail chum nan neamhaidh, agus ann a chur na ſhuidhe ſios air a dheas laimh.

C. *Ach c' ar ſon nach fheadadh Dia ar peacaidh a logha a's eagmhuis a leithid ſo do iobairt?*

F. Do bhri' gu roibh è feumail gu 'm bithidh a bhagradh co'-thromach ann an coi'-cheangal nan oibreadh air a choi'-lionadh ann ſmachduchadh a pheacaidh, agus gloir a cheartais air a taiſbean co mhaith re gloir a throcair.

C. *Creud an ſonas ata ag ſrutha cirne o'n dioladh thug Criosd do cheartas De?*

F. Ar reite re Dia.

C. *Creud é bhi reidh re Dia?*

F. 'S e ſin bhi ag dheanamh Dhia agus dhaoine 'n an cairdean, a bha nan naimhde roi' laimh.

C. *Cionnas ata 'n reite ſo air a toirt m' an cuairt?*

F. Le fuil Chriosd a bhi air a ſgaoileadh mar an luach a chofain ar ſith agus ar cairdeas re Dia,

d' am bheil ſinn air ar deanamh 'n or luchd co'-pairt, air gabhail dhuinne re Crioſt tri creidimh.

C. *Creud iad na ſochairibh a choiſean Crioſt le é fein a thoirt ſuas mar iobairt air ſon a phobuill?*

F. Gach tiodhlacadh feumail, aimſireil, ſpioradail, agus ſiorruidh, air achd as gu 'm bheil creidimh, aithreachas, iompuchadh, fireanachadh, agus naomhachadh, le uile ghraſaibh an ſpioraid, aran laitheil; co'-chomunn re Dia, agus beatha bhioth-bhuan air an coſnadh le Crioſt d'a luchd muintir ſin.

C. *Cia uaithe bha uiread eifeachd aig iobairt Crioſt?*

F. O nadur na Diadhachd, ris an roibh anam ſan agus a chorp co teann air an aonachadh, agus uime, ſin deirir r' a fhuil ſin, fuil De, Gniomh. 20. 28.

C. *Cionnas a dh' fheadadh fulangaſaibh aon duine dioladh air ſon peacaidh duin' eile?*

F. Le peacaidh dhaoin' eile bhi air an leagail air ſin, agus air a' meas dh' a.

C. *Cionnas a dh' fheadadh peacaidh agus lochdaibh dhaoine bhi air a' meas do Chriosſt, neach a bha, neo'-chiontach, aig' nach roibh lamh air bith ann 'ta?*

F. Le Crioſt a bhi air a dheanamh 'na urras air ſon pheacach, 'g a chur fein 'n an aite, agus gu toileach a' gabhail an cionf' air fein.

C. *Creud an fealladh 'ta 'n iobairt ſo ag toirt dhuinne do 'n pheacadh?*

F. Ata i nochda' naimhdeas agus nadur' uath mhor' a pheacaidh, 'n uair nach fheadadh ni b'u ludha na fuil iobairt Chrioſt air a chrann cheuſaidh dioladh dheanamh air a ſhon, no thabhairt air falbh.

C. *Am bheil iobairt Chrioſt co'-iomlan a thoileachadh ceartais De air ſon peucaidh, a's nach 'eil feum air bhith air tuilleadh dioladh uainne?*

F. Ata; agus uime ſin, 'ta gach dioladh papanach air ſon peacaidh, le peanaſaibh, * turaſachd,

* oilthireachd gniomhartha

gniomhartha deirceach, urnuighean agus * ionadh glanadh, diomhain agus ann-danadh.

C. *C' ar ſon 'ma ſeadh ata deadh oibridh, urnuigh aidmheil deura, amhghair, agus fulangaſa air an iarruidh air na creidmhich, agus air an orducha dhoibh?*

F. Ni h an chum dioladh air ſon peacaidh, ach chum Dia a ghlorachadh, chum obair na naomhachd a chuir air a h aghaidh, agus 'g an deanamh iomchuidh air ſon ſaoghail a's fearr.

C. *Co iad air ſon an d' thug Crioſt é fein ſuas mar iobairt?*

F. Air ſon nan daoine taghta, agus a mhead ſa ſa chreidis ann ſan, Iſa. 53. 11. Mat. 26. 28. Eoin 10. 15. 16. Eoin 17. 9. 19. 20. Gniomh. 20. 28.

C. *Nach 'eil ſinn ag leaghadh mar an ceadna gu do bhâſaich Crioſt air ſon na h uile, gu 'n do reitich é 'n ſaoghal re Dia, agus gur h é an iobairt reiteidh air ſon peacaidh an t ſaoghail gu leir, 2 Cor. 5. 15. 19. 1 Eoin 2. 2.?*

F. Ata, ach 'ta na briathra ſin r' an tuigſin mu na daoine taghta 'mhain: oir bu mhi-rioſunta bhi ag radh gu do dhoirt Crioſt fhuil air ſon na muintir ſin nach deanamh é urnaigh air an ſon, agus gu 'n d' thug è dioladh do cheartas air ſon moran a bha ann ifrinn m' ann d' fhuiling è.

C. *Cionnas a dh' fheadadh iobairt Chrioſt dioladh air ſon naoimh an t fein-tiomnuidh a bhâſaich m' an d' thug é iobairt ſeachd?*

F. Faic ſo air a threagra' roibh laimh air 21ſt Cheiſt, Mu eidear ghuidhe CHRIOST.

C. *Creud i an dara pairt do oifig ſagairteachd Cheiſt é*

F. E bhiodh re gna' eidear ghuidh' air ar ſoinne.

C. *Am buin ſo gu direach do oifig Chrioſt mar Shagairt?*

* purgadoireachd

F. Buinidh ; oir bha na ſagairtean faoi 'n lagh a' deanamh eidear-ghuidh' air ſon a phobuill, agus chum na criche ſin, a' giulan ſuil nan iobairt a ſteach o 'n ionadh ro naomha, agus 'g a crathadh air caithir na trocair.

C. *Ciod am feum ata air eidear-ghuidhe Chriſt ?*

F. Do bhri' gu bheil moran 'g ar caſaid, agus a' t agradh 'n ar 'n aghaidh : agus ata finn dh'inn fein granail agus neo'-airidh air teachd am fogus do Dhia ?

C. *Cionnas ata Crioſt a' deanamh eidear ghuidh' air ar ſoin-ne ?*

F. 'N uair a bha é air thalamh rinn é ſo le urnaigh iriofal agus athchuinge re Dia, ach anois air neamh ata e 'g dheanamh le bhiodh 'g a thaiſbean fein gu glormhor mar neach coitcheann ann ar 'n ainm-ne, agus ag nochdadh a dhioladh uile dhiongmhulta ann lathair caithir na gloir, ag iarruidh air Athair gabhail r' a fhuil ſin a's leath nan daoine taghta, chum 's gu bithidh iad uile, is gach aon dhuibh-fa leath, ann ám iomchuidh air an cur ann fealbh ann 's na ſochairean a chofain eifean, Eoin 17. 11. 17. 24. Eabh. 9. 12. 24. agus 12. 34.

C. *An i ſo an doigh air an abrar gu bheil fuil Chriſt a' labhairt ?*

F. 'S i.

C. *An ann air ſga' eider-ghuidh Chriſt ata ar dleaſdanais agus ar ſeirbheas anois taitneach do Dhia?*

F. 'S ann.

C. *Nach 'eil é air a radh, Rom.* 8. 26. " *Gu bheil an ſpiorad naomh a' deanamh eidear ghuidh air ar ſoin-ne,*" *cionnas 'ta ſin a' co' ſheaſamh re oifig Chriſt ?*

F. 'S i oifig Chrioſt bhiodh re eider-ghuidh' ann taobh 'muigh dh' inn le bhio' ag taiſbean fhola agus fhulangais, air ar ſoin-ne : 'S i obair an ſpioraidh bhio' re eidear-ghuidh ann taobh ſtigh dh'inn le bhio' ag broſduchadh ar tograidh, agus a

cur

cur argumainte 'n ar beul ann ar 'n urnuigh rs Dia.

C. *Nach do chuir Crioſt crioch air obair ſin mar ſhagairt 'n uair a bha é air a chrann cheuſaidh ?*

F. Chuir a thaobh diolaidh a thabhairt, ach ch 'a do chuir thaobh eider-ghuidhe a dheanamh ; bha cheud aon ann ſin air a criochnacha' gu coi'-lionta, ach ata 'n aon eile buan mhairtheanach.

C. *Nach ann o 'n dioladh thug Crioſt ata eidear-ghuidh' ag ſrutha ?*

F. S ann.

C. *Cia ſhad a mhairtheas eidear-ghuidh' Chrioſt ?*

F. Gu ſiorruidh, Sal. 110. 4. Eabh. 7. 25.

C. *Am biodh feum air bhith air eidear ghuidhe Chrioſt ann diaidh an lá dheireannaich 'n uair a bhios na daoine taghta uil' air an cruinneachadh dha thigh ?*

F. Bithidh, chum an coimhead gu ſiorruidh ann ſealbhachadh an t ſonuis chum am bheil iad air teachd.

C. *Am bheil Crioſt re eidear ghuidh' mhain air ſon a mheud is ata creidſin ſan ám ?*

F. Ata é ag deanamh eidear-ghuidhe air ſon nan daoine taghta gu leir, mar aon air ſon na droing ata ag creidſin, agus mar an ceadna air an ſon ſin ata fós chum creidſin, Eoin 17. 20.

C. *Creud iad na ſochairean ſa leath ata é 'g iarruidh air an ſon ?*

F. Air ſon na dream dhuibh ata neo'-iompoichte 'ta è ag tagradh grás iompuchaidh, creidimh, aithreachas, &c. agus air ſon a mhead ſa 'ta nan creidmhich 'ta è tagradh air ſon tuille grais agus naomhachd, maitheamhnas nan peacaidh as úr, coimhid o 'n olc ata ſan t ſaoghal, buan mhaireachduin ann grás, aonachd 'n a 'meaſg fein, agus coi'-lionadh gach geallaidh agus ni maith a choſain è dhoibh, m ar aon ann ſan ám ſo, agus na dhiaidh ſo.

C. *'N uair ata Crioſt a' guidhe air ſon a phobuill, gu' m bithidh iad air an coimhid o 'n olc ata ſan t ſaoghal,*

t facghal, Eoin 17. An é fin amhain an coimhead o gach uil' amhghar.

F. Cha 'n é.

C. *Nach 'eil triobluide air an naomhachadh nan cuid do na chofain Crioft dhoibh?*

F. Ata, agus air an adhbhar fin, cha 'n 'eil iad olc dhoibhfin ach maith.

C. *Creud an t olc ma feadh air am bheil Crioft a' labhairt?*

F. Olc a pheacaidh agus na feirge.

C. *Am bheil eidear-ghuidhe Chrioft gna' bhuadhach, agus a criochnachadh gu maith?*

F. Ata, oir ata an t Athair do ghna 'g a eifteachd Eoin 11. 42.

C. *Creud na riafona m' am bheil eidear-ghuidhe Chrioft co buadhach?*

F. Ard inbhe a phearfaidh agus iobairt fin, agus do bhri' nach 'eil è ag tagradh air fon ni air bith ach do reir toil De, agus air fgath na muintir fin ata an t Athair a' gradhacha' amhuil as mar 'ta è fein.

C. *Nach' eil Crioft gu neo'-chrichnach ni as cirdheirce na fear tagraidh air bhith air thalamh?*

F. Ata; oir cha 'n 'eil a h aon dhuibh co eolach, co buadhach, co fhaoithreach, co fhaor, agus co ullamh ris fin.

C. *Am fead fin feum a dheanamh do eider-mheadh oin-fhear a no luchd tagraidh air bith eile thuilleadh air Crioft?*

F. Cha 'n fhead, oir 'ta 'n fgribtur ag innfeadh dhuinn, nach 'eil ach aon eidir-mheadhoin-fhear eidear Dia & duine, an duin' Iofa Crioft, 1 Tim. 2. 5. 'S e Crioft an t aon eidear -mheadhoin fhear chum eidear ghuidh co mhaith as a chum faoraidh.

C. *C' ar fon nach fead nacimh no aingle bhiodh nan eidir-mheadhoin-fhear eidear Dia agus finne?*

F. Do bhri' nach 'eil feart air bhith aca leis an tagair iad ni mo 'ta fios aca air ar ftaidne, no air ar 'n umeafbhuidh, If. 63. 16.

C.

C. *Creud iad na nithe ann ſan d' thug ſagairteachd Chrioſt barr air ſagairteachd nan Leibhiteach ?*

F. Cha roibh iad ſin uile ach nan ſamhluighean agus nan ſgailean air Crioſt, 's eiſean an t ſuim iomlan : thug iad ſin ſuas iomad iobairt, agus moran do fhuil ainmhidhean, nach feadadh ceartas a dhioladh air ſon peacaidh, ach thug Crioſt ſuas aon iobairt amhain, eadhon, fhuil fein a thug lan dioladh ſeachad : An ſan t ſagairteachd Leibhiteach, bha eidir-dhealuch' do ghna 'eidear an ſagairt, an iobairt, agus an altair ; ach 's e Crioſt na aonar an ſagairt an iobairt, agus an altair.

C. *Cionnas is é Criſt an ſagairt, an iobairt, agus an altair ?*

F. B' è Crioſt 'n a phearſa fein an ſagairt a thug ſuas an ofrail a rinn dioladh air ſon a pheaeaidh, b'e nadur a dhaonnachd an iobairt, agus b'e nadur a Dhiadhachd an altair.

C. *Nach b' e an crann-ceuſaidh an altair air an roibh an iobairt air a h ofraileadh ?*

F. Feadar an altair a radh ris a' chrann cheuſaidh ann an ſeadh fairſing, thaobh gu 'm b'e a' ni faicſionach ris an roibh an iobairt air a ceangal, ach cha b' e air doidh air bhith an altair a naomhaich an ofrail, agus a rinn taitneach i chum na criche mór m' an roibh i air a toirt ſuas : b' e ſo amhain nadur Diadhachd Chrioſt.

C. *Cionnas a deirir re Chrioſt ſagairt do reir crdugh Mhelchiſedic, ni 's mó na do reir orduigh Aaron ?*

F. Do bhri' ge do bha iad mar aon 'n an ſamhluidhin air Crioſt, gidheadh bha Melchiſedec na ſhamhlugh, agus na choſamhluchd air ſin mar ſhagairt na bu diricheadh agus na bu bheothaileadh na cha Aaron, do bhri gu bheil è air a chur a mach n' as urramaich na Abraham, agus gu roibh è na righ co mhaith is na ſhagairt, gun neach airthoiſeach air, no na dhiadh ann a oifig,

agus

agus gu bheil a shinnsireachd agus a ghineal gu h iomlan air am folach, le sin a' cialluchadh ginealach shiorruidh agus buan mhairtheanach Chriosd.

C. *Creud a ni sinn chum sealbh chinnteach shaghail air iobairt agus eidear-ghuidh Chriosd an t ard shagairt glòir mhor so ?*

F. 1. Bitheamaid ag iarruidh mothach iomchuidh air ar truaighe as eugmhuis so, thaobh gu bheil sinn do ghna' buailteach do bhuile ceartais gun dioladh. 2. Bitheamaid a' creidsin nach 'eil iobairt air bith a dhiolas, no fuil air bith a ni ardion, ach fuil iobairt Chriosd. 3. Bitheamaid a g cur cul ris gach earbsa as sireantachd agus ar deanadas fein. 4. 'S eigin dhuinn aontachadh gu croidheil leis an innleachd ghlormhor a shaoradh pheacach tre feart agus eidear-ghuidh Chriosd ar 'n ard Shagairt-ne. 5. 'S eigin dhuinn an t ard Shaghairt so le fhuil a dhoirt è a ghabhail ann glacaibh ar creidimh, mar neach ata gu saor air a thairgse dhuinn ; agus ar slainte earbsa ris sin amhain. 6. Gabhail ris mar shagairt air a riogh-chaithir, agus sinn fein a thoirt suas d' a riaghail sin.

Ceist XXVI. *Cionnas ata Criosd ag cur oifig Riogh ann gniomh ?*

F. Ata Criosd ag cur oifig Riogh ann gniomh, le sinne do ceannsach a dh'a fein do riaghlach, agus do sheasamh, agus le cosg do chur air na huile as naimhde dh'a san agus dhuinne.

C. *Ciod a ghne rioghachd ata aig' Criosd ?*

F. Os barr air a rioghachd nadurra 'ta aige oiscionn an t saoghail mar Dhia coi-ionann ris an Athair ; ata aige mar an ceadna rioghachd eidearmneadhoin-fhearachd air a tabhairt dh'a mar

Immanuel

* Immanuel ann ſam bheil é ag riaghluchadh mar fhear ionaid an Athar, Sal. 2. 6. Gniomh. 2. 36.

C. *Creud i rioghachd eidear mheadhoin-fhearachd Chriſt ?*

F. An t ard chumhachd Tighearnail ata air a thoirt dh 'a mar eidear mheadhoin-fhear, agus ata ſo da fhillt'. 1. Rioghachd ſpioradail Chrioſt ann ſan eaglais agus ois a cheann. 2. Rioghachd a fhreaſdaill ois cionn, gach uile nithe air ſon maith na h eaglais.

C. *Ciod ata thu cialluchadh le rioghachd Spioradail Chriſt ?*

F. Rioghachd a ghrais, agus rioghachd a ghloir mar aon, no am briathra eile, an eaglais ann an ſtaid cogaidh agus fheuchain air thalamh, agus an eaglais ann an ſtaid bhuadhach air neamh, agus cha da rioghachd eidir-dhealuighte ſo, ach da ghne riaghail do n aon rioghachd ; air bhiodh dhoibh mar aon nan aon chorp coi'-cheangailte r' a cheile faoi 'n aon cheannard, ann ſam bheil Crioſt ag riaghluchadh o 's an ceann, mar aon air doigh ghràſmhor, agus air doigh ghlormhor.

C. *Creud ata thu cialluchadh le rioghachd freaſdail Chriſt ?*

F. An cumhachd rioghail ata air a thabhairt do Chrioſt, oiſcionn gach aon ni air neamh, air thalamh, agus ann ifrinn, leis am bheil é 'g an frithealadh agus 'g an riaghlachadh chum maith na h eaglais; mar ſo, 'ta é air a dheanamh na' Righ nan righ, agus na Righ nan rioghachd, co mhaith is na Righ nan naomh, Mat. 28. 18. Eph. 1. 22. Sean. 8. 15. 16. Taiſ. 15. 3. 4. agus 19. 15. 16.

C. *Co iad ata Crioſt ag Riaghlach cis an cionn le chumhachd Rioghail ?*

F. Oiſ-cionn a phobuill fein, agus oiſ-conn á naimhde mar aon.

* Dia maille ruinn

C.

C. *Am bheil é 'g an riaghluch' le cheil' air an gon doigh ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ata é cur amach gniomhartha eidir dhealuicht' a chumhachd m' an timchiol.

C. *Creud iad na gniomhartha eidir-dhealuichte sin ?*

F. Do thaobh a phobuill fein, ata é 'g an ceannsuchadh dh 'a fein, 'g an riaghluchadh, agus 'g an coimhead : do thaobh a naimhdibh 'ta e 'g am bacadh no 'g an cosg, agus a' toirt buaidh orra.

C. *Creud an staid am bheil Righ Shion a' faghail a phobuill agus a chuid iochdaran air thús ?*

F. Ann an staid naimhdeis agus ceannairc 'n a aghaidh sin.

C. *Am bheil iad ag striochdadh dh 'a le 'n toil fein ?*

F. Cha 'n 'eil ; 's eigin dh' a 'n ceannsach dh' a fein.

C. *Creud é sin, bhio' 'g an ceannsachadh ?*

F. Bhiodh ag toirt buaidh air an toil ; agus 'g an deanamh sin, a bha nan cloinn eas-umhlachd, toileach agus umhall ann an la chumhachd.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas sinne ma thainig la chumhachd Chriosd oirne g' ar deanamh 'n ar pobull toileach dh' a san ?*

F. Is comhartha' maith air a so, ma 'ta ar gradh do 'n pheaca' air atharracha' gu fuadh air, agus ma 'ta sinn gu treibh-dhireach a roghnuchadh na nithe sin a thoileicheas Dia agus cha 'n è sin amhain ann 's gach dleasdanas follasach o 'n leath 'muigh, ach mar an ceadna ionnta sin ata diomhair agus o 'n leath stigh.

C. *Am bheil Criosd ag fagail eaglais agus a luchd muintir air an cúram agus air an riaghail fein ann diaidh ab' a 'n ceannsacha ?*

F. Cha 'n 'eil ; ach cosmhuil re deagh righ 'ta é 'g an toirt faoi dheadh riaghail, agus ag buan-

achadh

achadh 'g an riaghluchadh air doigh ghrasmhor.

C. *Cionnas ata Crioft a' riaghluchadh a chuid iochdaran?*

F. 1. Ata é 'g an riaghluchadh o'n leith muigh le deadh reachdaibh a thoirt dhoibh, air an ceangal le geallaibh agus le bagraibh, agus ag orduchadh riaghlui'-fheara agus smachducha' 'n a eaglais chum a reachd a chonbhail suas. 2. Ata é 'g an riaghlucha' o 'n leith stigh le Spiorad ag sgriobhadh a reachd air an croidheachan, agus a' toirt air gach buaidh d' an anamaibh striochda' dh a.

C. *Creud ata Righ Shion a' deanamh air son a' chuid iochdaran thuilleadh air an riaghluchadh?*

F. Ata é 'g an coimhead mar an ceadna.

C. *Co uaithe 'ta é 'gan coimhead?*

F. O gach ni a dh' fheadas cron a dheanamh d' an anamaibh; agus co fhada a's ata é co'-sheasamh r 'a ghloir fein ata é mar an ceadna ag coimheid an corpaibh o gach namhad.

C. *Cionnas ata Crioft a' coimhead a luchd muintir?*

F. Ata é cur fál m' an timchiall, ata é gan folach fuidh a sgiathan, ata è re eidear ghuidh air an son, ata é toirt neart d' a phobull, 'ta é 'g an conbhail suas ann an staid nan gras, 'ta é bacadh, agus ag cur cosg air an naimhde.

C. *An ionann naimhde 'ta aig Crioft agus aig' a luchd muintir sin do ghna?*

F. 'S ionann.

C. *Cionnas ata sin a' tachairt?*

F. Thaobh na dlu' dhaimh ata eatorra, oir 's è Crioft an ceann, agus 's iad a luchd muintir na buill; air achd as gu 'm biodh co'-mhothach aig an dara h aon do gach ni a ni cron do 'n aon eile.

C. *Co iad naimhde Chrioft agus a luchd muintir sin?*

F. Am peacadh, an diabhol, agus an bás ris an abrar an namhad dheireannach.

C. *Cionnas ata Crioſt ag cur bacadh air a naimhde fein, agus naimhde a phobuill?*

F. Le bhio' cur laithilt air am boill, a' tilgeadh an droch innleachd bonn ois cionn, no g an ard riaghluchadh agus le bhio' toirt air am feirg fin a chliu fein a mheaduchadh, Taif. 2. 10. Sal. 76. 10.

C. *An ceaduich Crioſt d' a naimhde buaidh a thoirt faidheoidh?*

F. Cha cheaduich; oir bheir é ſgrios orr' uile fa dheire.

C. *C' uin' a bheir e buaidh orra?*

F. Rinne è ſo ann cuid ann a bhàs, agus ann a dhol ſuas air neamh, 'n uair a rinn é treoir-ghairdeachas o 's an ceann, agus a thug é bruid am braighdeanas, oir ann ſin dhio-armaich é iad do 'n reachd chumhachd a bha aca air na daoine taghta mar luchd cuir ceart dioghaltais ann gniomh, a 'ta é toirt ſgrios air moran duibh ſan t ſaoghal ſo le breitheamhnais ſonruichte, agus bheir é ſgrios ſierruidh orra uile 'n tra thig é ris.

C. *Nach 'eil eidir dhealuch' mor eidear an doidh air am bheil Crioſt ag ceannſach a phobuill fein, agus an doigh air am bheil é toirt buaidh air a naimhde?*

F. Ata; oir 'ta é toirt air an dara h aon ſtriochda gu toileach d' a ſhlait rioghail, ach ata é briſeadh an aon eile le ſlait iarruin.

C. *Nach 'eil Diabhla, agus droch dhaoine faoi cheannſal Chriſt co maith r 'a phobull fein?*

F. Ata; ach 'ta naimhde faoi cheannſal ſin d' an ain deoin, agus ann aghaidh an toile, ach ata luchd muintir fein ag ſtriochda dh' a gu faor thoileach.

C. *Nach eile ſinne fuidh iomad ceangal bhio' 'n ar 'n iochdarain thoileach do Chriſt?*

F. Ata; oir 's é as fearr coimhirne, 's é Maighiſtir

iſtir is fearr air bith ; oir a ta chuing ſin ſo ghiulan, agus ata dhuaiſibh ghlormhor.

C. *Am ſead neach air bith earbſa re Crioſt mar a ſhagairt, nach 'eil a toirt geill dh' a mar a Righ ?*

F. Cha 'n fhead ; oir an dream leis nach aill bhio' riaghluichte le a reachd ; cha 'n fhead iad earbſa re ſiorſadh trid fhuil ſin.

C. *Nach meas Crioſt mar a naimhde an dream a:a diultadh bhi umhall a' a lagh ſin ?*

F. Meaſaidh.

C. *Creud a deir an Righ riu ſan fa dheire ?*

F. " Thugaibh ann ſo na naimhde ud agam-" ſa, leis nach b' aill miſe bhi 'm righ os an " ceann, agus marbhaibh a' m' fhia'-nais iad," Luc. 19. 27.

Ceiſt XXVII. *Cia iad na nithe ann an roibh Crioſt air irioſlachadh ?*

F. Do bhi Crioſt air irioſlachadh ann a bhi air a bhreith, agus ſinn ann an ſtaid iſiol, air dheanamh fa 'n lage, ag dol fa gach truaighe na beatha ſo, fa fheirg Dhe, agus fa bhas malluicht' na croiche, ann a bhi air adhlacadh, agus ag fuireach fa chumhachd an bhais re ſeal.

C. *Creud ata thu ciallucha' le irioſlachd Chrioſt ?*

F. A theachd o ſtaid ard gu ſtaid iſiol.

C. *Creud am feum a bha air Crioſt a dheanamh ſo ?*

F. Chum mar ar fear urrais-'ne gu'm fuilinge eiſeam an ſmachduchadh a thoill ſinne.

C. *Creud iad na ceimcana eagſamhuil do irioſlachadh Chrioſt ata air an ainmecha' ann ſan ſ hreagra ?*

F. An triuir ſin gu hairid, eadhon, 1. Thaobh

a bhreith. 3. Thaobh a bheatha. 3. Thaobh a bhais.

C. *Cionnas a dh' iriosfaich Criosd é fein anna bhreith ?*

F. Ann a neach co ghlor mhor ris fin a bhi toileach comhnuidh ghabhail am feoil, agus bhi air a bhreith le mnaoi. 2. Ann aontachadh bhi air a bhreith ann staid co isiol.

C. *Nach bu mhor an ceim isleicheadh do Chriosd bhi air a dheanamh na dhuine ?*

F. B' eadh ; bu mho an ceim isllicheadh fo do Mhac fiorruidh Dhe, na ge d' fhasadh a ghrian na duslach, no aingeal na chnuimh.

C. *Creud i an staid isiol ann san d' aontaich Criosd bhi air a bhreith ?*

F. Rugadh é le mnaoi air bheag inbhe, ann am baile suarrach, agus ann an stapull nan each, agus b'i prasach nan ainmhidhean bu * chliabhan dh' a.

C. *Cionnas a dh' iriosfaich Criosd é fein ann a' bheatha ?*

F. Ata na nithe a bhuineas dh' a fo, air an ai-meachadh ann san fhreagra.: gu roibh è air a dheanamh faoi 'n lagh, gu 'n d' fhuiling è truaighibh na beatha so ; agus gu 'n d' fhuiling è fearg Dhe.

C. *Creud ata air a chialluchadh le Criosd a bhi air a dheanamh faoi 'n lagh ?*

F. 'S e fin, do reir a cheangail faoi 'n d' thainig è mar ar 'n urras-ne gu do chuir eifean é fein fuidh chuing lagh nan deas ghnath, agus na modhanan mar aon, agus gu do choi'-lion is gu d' thug é umhlachd iomlan dhoibh.

C. *Cionnas a chur Criosd é fein faoi lagh nan deas ghnath ?*

F. Ann aontachadh bhi air a thimchioll-ghearradh, bhi a' toirt ofraileadh suas, agus ag seitheamh air na h orduighean a bha air an aithne ann, agus chum a choi' lionadh gu h iomlan thug

* craidheal.

è suas

è fuas è fein mar iobairt air a chrann cheufaidh.

C. *Cionnas a chur Crioft é fein faoi lagh na modhanna?*

F. Rinn è fo mar ar 'n urras-'ne ann coi'-lionadh iartais an lagha fo, le umhlachd iomlan a bheatha naomha, agus dhiol é a bhagraibh le bhi giulan mallachadh agus paineachas an lagha, a thoill finne air fon a bhriifidh.

C. *Nach b' iongantach an ceim iflicheadh do 'n fhear-teachd-thabhairt fhiorruidh, bhi mar fo air a chuir fa lagh fein?*

F. B' eadh.

C. *Creud ata air a chialluchadh le truaighibh na beatha fuidh 'n d' thainig Crioft?*

F. S' lionmhor iad fin, agus ataid a gabhaill a fteach anmhuineadh coitcheann neo'-lochdach nadur na daonnachd a ghabh Crioft air fein, mar 'ta ocras, iotadh, fgitheas, goimh, codal, gul, agus an leithide fin. 2. Gach ionnfaidh, agus buaireadh a dh' fhuiling é o'n diabhol. 3. Bochduin agus uir-eafbhuidh o'n leith muigh. 4. Anchaint mafladh, agus geur leanmhuin an droch fhaoghail.

C. *C' ar fon a ghabh Crioft na truaighean fin uil air fein?*

F. Chum 's gun giulanadh è an ni a thoill finne, agus gu 'm bithidh an tuille co'-mhothach aige ruinne 'n ar triobloide.

C. *C' ar fon a dh' fhas eifean co bhochd a bha na Thighearn' air na h uile?*

F. Chum 's gu 'm bitheamaid faidhbhir trid a bhochduin' fe, agus a theagafg dhuinn bhi toichte le ftaid ifiol.

C. *Nach d' fhuiling Crioft triblaid air bith fan t fe ghal's ach na dh' fhuiling é o dhiabhla agus o dream dhaimhh?*

F. Dh' fhuiling, chuaidh è fuidh fheirg Dhe mar an ceadna, mar ata è fan fhreagra.

C. *Creud ata fin ag cialluchadh?*

F. Gu d' rinneadh Crioſt na chuſboir do dhiom agus do chorruich Dhe air ſon ar peacaidh ne, agus gu do mhothaich è an t uath bhás a bha ag frutha o 'n fheirg ſo, air anam co mhaith is air a chorp.

C. *An roibh Dia da rireadh an corruich re Crioſt, a mhac gradhach fein, neach a bha neo' chiontach air doidh iomlan?*

F. B' e Crioſt mar bha è ann fein, aon ghradh an Athar do ghna, ach mar bha e na urras air ar ſoin-ne, agus mar ghabh è ar peacaidh ne cuſboir feirg Dhe air fein, agus ris an roibh uallach na feirge ſo gu neo' ſgathrail air a cheangal, b' eigin dh' a 'n t uallach do-ghiulan ſo 'gabhail air fein, air doigh thar tomhas.

C. *Cionnas a nochd è mothach' a bh' aige dh' e ſo?*

F. Le bhi ag labhairt a mach m' an trioblóid anma, agu sa nimcheiſt chruaidh a bha roimh-thaalladh na cuis a cur air, le nadur na daonnachd a bhi ag ſeaſamh air ais ann am bhafachd do 'n chupan fheirbh ſin, agus ann urnuigh a dheanamh, am feadadh e bhith gu 'n rachadh è ſeachad air; leis an ghleachd ſpairneil ann roibh è, agus am fallas fola a dhoirt è gu braonach ag tuiteam air an talamh; agus ann a ghlaodhaich gu roibh anam ro bhronach eadhon gu bás, agus ann a ghearan gu do threig Dia é, Eoin 12. 27. Mat. 26. 38. 39. Luc. 22. 44. Mat. 27. 46.

C. *Nach ann da thachh ſo mar an ceadna a deir-ir gud rinneadh Crioſt na mhalluchadh air ar ſoinne, agus na dhuine brónach?*

F. 'S ann.

C. *An roibh creatuir criochnach air bhith comaſach air uallach feirg an ti ea-chumhachdaich a ghiulan?*

F. Cha roibh; agus cha b' urradh nadur daonnachd Chrioſt a giulan mar bhitheadh è ceangailte r' a Dhiadhachd, agus air a chonbail fuas leis.

C.

C. *Am fealadh an cupan ſeirbh ſo, dol ſeachad air Chioſt ar 'n urras-ne?*

F. Cha 'n fheadadh; oir cha roibh doidh air bhith 'eil air dioladh thoirt do cheartas De.

C. *Nach d' fhuair Crioſt eiſteachd ann ſan urnaigh a chuir é ſuas m' an chuis ſo?*

F. Fhuair; oir ata é air innſeadh dhuinn', Eabh. 5. 8. "Gu 'n d' eiſdeadh ris, thaobh an ni roimh an roibh eagal air."

C. *Cionnas a fhuair é eiſteachd 'n uair nach deachadh an cupan ſeachad air?*

F. Ann ſan leaſachadh neo'-ghnathaicht a fhuar nadurr' a dhaonnachd chum a neartuchadh ann a ól.

C. *An roibh é feumail gu 'm fuilingeadh Crioſt am bás ann diaidh na dh' fhulaing é roimh laimh?*

F. Bha, chum 's gu freagradh é bagraidh a cheud choi'-cheangail gu coi'-lionta, gu dioladh é ceartas De, agus gu daingnicheadh é 'n fhirinn le aiſ-eirigh.

C. *An roibh ar Tighearna gu mór air irioſlachadh ann a bhás?* F. Bha.

C. *Cionnas a bha é mar ſo?*

F. Thaobh na nithe a thachair roimh a bhàs, gne agus doidh an bháis fein, agus thaobh na nithe bha leantainn air.

C. *Cionnas a bha é air irioſlachadh ann ſna nithe bha air thoiſeach air a bhás?*

F. 1. Ann a bhi air a bhrath le Judas aon d' a dheiſciobuil fein. 2. Ann a bhi air a reic air luach re bheag. 3. Ann a bhi air a ghlacadh agus air a cheangal mar ghaduiche. 4. Ann a bhi air a threigſin le luchd leanmhuin uile. 5. Ann a bhi air aich-ſheanadh le Peadar na ciſteachd fein. Ann a bhi air a chaſaid leis n h Judhaich ann ea'-ceartibh o' 'n roibh é uile neo'-chiontach. 6. Ann a bhi air a bhualadh, air a ſheile agus le ſochaid ain iochdmhor air a ſgeuduchadh, agus air a chrunadh le droighein. 7. Ann a bhi air a

ſgiurſadh

ſgiurſadh agus air a dhiteadh le Pilate mar neach ro chronail. 8 Ann an giulan a chroinn cheuſaidh gus an ait' ann do chuireadh gu bás é.

C. *Cionnas a bha Crioſt air iriosſlachadh ann an gnè agus doidh a bhâis.*

F. Ann am fulang a' bhais air a chrann cheuſaidh, ni a bha na bhás malluichte, craiteach, fadalach, agus maſlach.

C. *Ciod a ghne bháis a bha ann am bás na croiche?*

F. Bás a bha air a ghnathacha' 'meaſg nan Romanach air ſon na daoine bu droch mhuinteadh, ann ſam bithidh duin' air a phianadh co mhór is gu feadadh iad a chnamhan aireamh, ann ſan roibh a choſaibh air an tairngnicheadh ris a' chuid a b' iſteadh do 'n chrann, agus a lamhan re crann tairſing, gu h ard ann ſam bitheadh é a' crocha' beo' na h urad do uairibh, agus a lotaibh do ghna' dol a' mead le chud-throm fein, agus fhuil ag ſrutha amach, gus am bàſaicheadh é ann cradh ro mhor.

C. *C' ar ſon a deirir bás maſlach ris?*

F. Do bhri' gu 'n roibh an neach a bha 'g a' fhulang air a chur amach lomnochd, agus air a mheas mar an ceannairc-each bu ghrainealaiche: Agus bha ar ſlanuiſhear beannuighte eidear dias dhiu' ſin, mar gu b' eiſean a neach bu mheaſa do 'n triuir.

C. *C' ar ſon a deirir bás malluichte ris?*

F. Do bhri gu 'n dubhairt Dia, Deut. 21. 'S malluichte gach neach a chrochar air crann, 's e ſin gu bheil é air a chuir amach fuidh an nair' agus a' mhaſladh as mo a dh' fheadar a dheanamh air duine, agus ata ſo 'g a nochdadh gu bi co mhor fuidh mhalluchadh De is a dh' fheadas ſmachduchadh follaſach air bith a dheanamh.

C. *Ciod è an gradh a thug air Crioſt an crann ceaſaidh fhulang, agus an naire chur an neo? fhuim?*

F. Gradh nach fheadar a thomhas, oir 'ta e dol thar gach uil' eolas, Eph. 3. 18. 19.

C.

C. Creud an ni bu chraiticheadh agus bu mhò iriosluchaid bha' ann' am bás Chriosd ?

F. Bhi air a threigsin le Dia ann san ám sin, mar ta an t ard ghlaodh uathbhasach a leig é air a chrann-cheusaidh a dearbha; " Mo Dhia, mo " Dhia, creud far threig thu me ?"

C. *C' ar son a bha Crioſt mar so air a threigsin ?*

F. A thoirt dearbha air mór dhiom an sighearna ann aghaidh a pheacaidh, agus a ghiulan smachducha na treigsin a thoil sinne gu siorruidh.

C. *'N do thachair ni air bith ann ám an dorchadais sin ann san do bhásaich Crioſt ?*

F. Thachair; thainig duibh-neul air a ghrein, chriothnaich an talamh, sgoilt na creagan agus brat roinn an tempuill, agus bha moran uaighean air am fosgladh; air achd as gu b' eigin do 'n chaiptin leis an luchd coimhead, a bha feitheamh air Crioſt aid'-icheadh gu 'r b' eisean mac De, Mat. 27. 51. 52. 53. 54.

C. *Nach 'eil na h argumainte as treasa aguinn o bhás Chriosd, chum fuath a thoirt do 'n pheacadh agus a threigsin ?*

F. Ata; oir an so àta sinn ag faicsin trocair neo'-chriochnach Dhe ann an lethid so do fhear urrais ar sholluar dhuinne; ata sinn ag faicsin corruich Dhe an aghaidh a' pheacaidh, mar an ni a's mo cron air thalamh, agus stoirm uathbhasach na feirge a bheir é air luchd deanamh an uilc.

C. *Creud iad na ceimibh iriosluchaidh bha ag leantain air bás Chriosd ?*

F. Ata dias ata air an ainmeachadh ann san fhreagra, 1. Bha é air adhlacadh. 2. Dh' fhan é faoi chumhachd a' bháis re seal.

C. *'M bu cheim isleicheadh romhor do Chriosd bhi air a chur san uaigh ?*

F. B' eadh gu deimhin; oir as isleachadh do dhuin' air bhith, bhi air a chur san aite ann san

eigin

cigin dh'a bhrathraibh agus a phuireachan a radh ris na cnuimhibh, ach bu mhò gu mor an t ifeachadh dh'a fan é, aig an roibh eochracha ifrinn agus a' bhás, é fein a bhi air a ghlasadh ann san uaigh.

C. *Nach roibh cuid do nithe ann e' chuideachd adhlacadh Chriosd a bha 'g a fleachadh?*

F. Bha.

C. *Creud iad sin?*

F. 1. Bha é air a dheanamh ann an cabhaig le beag cuideachd. 2. Cha b' iad sin a chairdibh, ach coigreich. 3. Cha roibh a chorp air a ghiulan as a thigh fein, no as tigh air bhith, ach o 'n chrann chrusaidh mhaslach. 4. Cha roibh é air a chuir na uaigh fein, ach ann uaigh duin' eile.

C. *Creud ata air a chialluchadh le Criosd a bhi ag fantain faoi chumhachd a' bhais?*

F. Gu d' fhan è ann an staid na marbh, agus gu roibh è 'na phriosunach aig' a bhás re seal.

C. *Cia ata toirt cumhachd do 'n bhás air duin air bhith?*

F. Am peacadh.

C. *Cionnas a dh' fheadadh am bás buaidh air lith a bhi aig' air Criosd, neach a bha saor do 'n pheacadh?*

F. Ge nach roibh peac' air bith ann fein, gidheadh rinneadh na pheacadh air ar son ne é; agus mar so ghlac am bàs mar a phriosunach é ann ar 'n ionaid-ne.

C. *Cionnas ma ta a dh' fheadas am bás buaidh a bhi aig' air na creidmhich?*

F. Cha 'n fhead am bàs an glacadh mar phriosunaich; ach ata è teachd orra mar mheadhoin chum fulgheol a' pheacaidh a ghlanadh gu h iomlan air falbh.

C. *Nach bu mhor an t urrusachadh do Thighearna na beatha bhi air a chuir faoi chumhachd a bhais re seal?*

F. B' eadh.

C.

C. *Cia'd an uin' a bha è san staid so?*

F. Gu 'n uig an treas la ann diaidh a bhais.

C. *Creud an samhlugh 'ta aguinn ann san sgriobtur air Criost a bhi san uoigh gus an treas la?*

F. Jonah a bha am broinn na muice-mara tri laithe, agus tri oidhche, Mat. 12. 40.

C. *C' ar son a dh' fhan Crioft co' fhad ann san staid so?*

F. A nochda gu roibh è da rireadh marbh.

C. *C' ar son nach feadadh am bás a chonbhail ni b' fhaide fuidh chumhachd?*

F. Do bhri' gu d' thug è lan dioladh do cheartas De air son peacaidh a luchd muintir fein, agus nach feadadh è truaill'-eachd fhaicfin san uaigh.

C. *C' ar son nach feadadh è truaill'-eachd-fhaicfin san uaigh?*

F. Do bhri' gu 'm b' eifean feircin naomh Dhe, agus gu roibh è fior o gach uile pheacadh.

C. *C' ait an deach' anam Chriost ann diaidh a' bháis?*

F. Ata finn a' leaghadh ann fua foifgeil gu do thiomn', è anam fuas ann lamhan an Athar, agus gu deach' è do pharras ionad an t fonais.

C. *Nach 'eil finn a' leaghadh ann fa Chreud gu deach' è fios do ifrinn?*

F. Ata; ach cha 'n è feagh nam briathra fin gu 'n deach' è fios do ifrinn ionad na doghruinn; ach 's ionann feagh do ifrinn agus do 'n uaigh ann fa cheud chaintin, agus feudar a thuigfin ann dara cuid, m' an chorp a bhi na luidhe ann fan uaigh, no mu phiantaidh ifrinn a dh' fhuiling è na anam.

Ceift XXVIII. *Cia iad na nithe ann roibh Crioft air arducha?*

F. Do bhi Crioft air arducha' ann aifeirigh o na mharbhaidh air an treas la, ann a dhol fuas air neamh, ann a fhuidhe air

deas

deas laimh Dhe an Athar, agus ann a theachd a thabhairt breitheamhnas air an t saoghal ann san la dheireannach.

C. *Ciod é a dh' fheadas sinn fhoghlum o ar duchadh Chriosd bhi ag leantain air iriosdachadh?*

F. Gu bu choir dhuinn giulan gu foighidneach le staid amhghair san t saoghal so, ann dochas gloir na h aith bheatha.

C. *Co do naduraibh Chriosd a bha air arduchadh?*

F. Do bhri' nach feadadh Criosd bhi air arduchadh thaobh nadur' a Dhiadhachd da rireadh, ach thaobh taisbein amhain; b' ann a thaobh nadurr' a dhaonnachd a bha eisean gu fior agus da rireadh air arduchadh.

C. *Creud iad ceimeana staid arduchaidh Chriosd?*

F. A cheithir sin, 1. Ais-eirigh. 2. A dhol suas air neamh. 3. Bhiodh na shuidhe air deaslaimh Dhe. 4. Bhiodh toirt breith air an t saoghal.

C. *C' uin' a dh' eirigh Criosd o na marbhaibh?*

F. Air an treas la.

C. *Co an la do 'n t seachduin air an roibh an la sin?*

F. Air a cheud la do 'n t seachduin, ris an abrar o 'n àm sin, la an Tighearna.

C. *Co an cumhachd leis an d' eirigh Criosd?*

F. Le chumhachd fein, & le cumhachd Athar.

C. *Ciod an doigh air an d' eirigh é?*

F. Dh' eirigh è le luath-ghair, le crioth-thalmhain, le ainglibh coimheadachd, chriothnaich an luchd coimhead le eagail, agus dh' fhas iad mar mhairbh, Mat. 28. 2. 3. 4.

C. *Cionnas ata ais-eirigh Chriosd air a dearbha' dhuinn?*

F. Le sia'-nais nan abstol a chunnairc è gu tric aon diaidh dh'a eirigh, agus a chual a dheadh theagasg, thaoibh an giulain o 'n ám sin, agus chum an tuilleadh dearbhaidh thoirt dhoibh, cheadaich

é

è dhoibh a chorp a laimſeachadh, agus bhi 'g ith' agus ag ol air mhodh cairdeil maille ris.

C. *Am facadh neach air bhith é 'n diaidh dh' a eirigh ach na h abſtoil?*

F Chunncas le moran eil' è do fheara agus do mhnai mar aon; agus 'ta 'n t abſtol Pol a' ſgriobhadh chum nan Corintianach ag radh gu 'm facas è le cuig ceud briathre ann aon uair, agus gu roibh a chuid bu mho dhuibh beo ſan àm ſin, 1 Cor. 15. 6.

C. *Ach cionnas a dh' fheadas ſinne bhi cinnteach gu bheil fia'-nais nan abſtol fior?*

F. Do bhri' gu bu daoine neo'-mheangail iad, agus cha 'n fheadadh iad tairbh air bhith ſhaoghalt a bhi aca ſan amharc annais-eirigh an Tighearn' fhoill-ſicheadh, ach na aite ſin, a' gheur-leanmhuin bu mhò o na h Judhaich, agus mar bithidh è cinnteach, cha deannadh iad roghaìn air Jeruſalem chum a ſgaoileadh air thús ann, agus ſin ann uine co ghaoirid ann diaidh a cheuſaſidh ann ſan aite ſin, gidheadh ſann ann ſa cheart aite ſin a thoiſich iad, agus ghabh na milte r' an teagaſg. Os barr dhaingnich Dia am fiadhnais o neamh, le gibht teangaidh a luidheaſach' orra, agus cumhachd chum gach gne do mhiorbhuile oibreacha.

C. *Creud am feum a bha air ais-eirigh Chriosd?*

F. A nochdadh gu 'm b' ieſean Mac Dhe, agus gu roibh ceartas lan thoilichte air ſon ar peacaidhne, agus a thoirt dearbhadh do gach creidmhich air an ais-eirigh ſin o na mairbh mar an ceadna.

C. *An d' eirigh Criosd leis a' cheart chorp a chuaidh cheuſadh?*

F. Dh' eirigh.

C. *Cionnas ata ſin ſoilleir?*

F. Le aileadh nan tairgnia na lamhan agus na chofaibh, agus le aileadh na ſleagh na thaobh, a nochd è d'a dheiſciobuil ann diaidh dh' a eirigh.

C. *An d' eirigh neach riamh o na mairbh ach Criosd?*

R Dh' eirigh, mar bha Lafarus, inghean Jairus agus cuid eigin eile.

C. *Creud an t eidir dhealuch' ata eidear ais-eirigh na droing fin agus ais-eirigh Chriſt ?*

F. Dh' eirigh iad fin mar dhaoinibh diomhar le cumhachd Dhe, ach dh' eirich Crioſt mar phearſa, coitchinn le chumhachd fein, mar mhór-cheannard agus fear ionaid na h eaglais, 'g a fireanachadh, agus a dhaingnicheadh firinn a gheallaibh gu leir.

C. *Cia fhada dh' fhan Crioſt maille r' a dheiſciobuil ann diaidh dh' a eirigh ?*

F. Da fhichid la.

C. *Cir ſon a dh' fhan é co fhada ?*

F. Chum 's nach bithidh teagamh air bith aca ma ais-eirigh, agus mar an ceadna, d' an teagaſg ann an nadur a rioghachd agus eaglais fin, agus d' an feoladh thaobh a riaghail.

Ma dhol ſuas CHRIOST.

C. *Creud é an dara ceim do arduchadh Chriſt ?*

F. A dhol ſuas air neamh.

C. *Cia an t ait' o 'n deach' é ſuas ?*

F. O ſhliabh nan oluidh.

C. *Creud an doigh air an roibh a dhol ſuas ?*

F. Air doigh fhollaſach, agus le luath gair le neal 'g a ghabhail, agus le ainglibh coimheadachd, a' toirt bruid am braighdeanas, agus a' toirt tiodhlacadh do dhaoinibh, Gniomh. 1. 9. 10. Sal. 68. 17. 18.

C. *Ciod a b' ebair dh'a ann ám dealaicheadh r' a dheiſciobuil ?*

F. Bha é 'g an beannuchadh le lamhan ann togbhail ſuas.

C. *Creud a chrioch m' an deachadh Crioſt ſuas air neamh ?*

F. Chum ſealbh a ghabhail air an rioghachd na ainm fein, agus ann ainm a luchd muintir gu leir, agus mar roimh theachdair chum ionada comhnuidh ul' uchadh dhoibh, agus mar am fear

leith

leith ſgeil chum an cuis a thagradh gu h eifeachdach.

C. *C' ait' am bheil Crioſt ànois a lathair air mhodh corporra ?*

F. Air neamh.

C. *Cia fhad a dh' fhanas é ann ſin ?*

F. Gus an d' thig è 'n dara h uair.

C. *Nach fheud ſinn duil a bhi aguinn r' a latharachd chorporra air thalamh gu 'n uig an t ám ſin ?*

F. Cha 'n fhead ; oir " 'S eigin do neamh a " ghabhail gu aimiſiribh aiſig nan uile nithe," Gniomh. 3. 21.

C. *Nach 'eil ſo na deadh argumaint ann aghaidh * nuadh bhriogbadh, no latharachd chorporra Chrioſt an ſan t ſacramaint ?*

F. Ata.

C. *Nach eil Crioſt a' gealltain a latharachd d' a luchd muintir air thalamh ?*

F. Ata ; ach cha 'n i a latharachd chorporra, ach a latharachd ſpioradail ata è gealltain dhoibh.

C. *Creud ata thu cialluchadh le latharachd ſpioradail Chrioſt ?*

F. A theachd a dh' ionnſuidh a phobuill le bhi ag dortadh a ſpiorad a nuas orra, chum an anamaibh aith-bheothachadh, agus an lionadh le gairdeachas.

C. *An deachadh neach air bith riamh air mhodh chorporra ſuas air neamh ach Crioſt ?*

F. Chuaidh Enoch, agus Elias ſuas mar an ceadna.

C. *Ciod an t eidir dhealuch a bha eidear an dol ſuas ſin, agus dol ſuas Crioſt ?*

F. Bha iadſan air an tabhairt ſuas, ach chuaidh Crioſt ſuas le chumhachd fein, chuaidh iad ſan ſuas mar dhaoinibh diomhair gun fhia'-naiſibh, ach chuaidh Crioſt ſuas mar phearſa coitchinn ann làthair móran fiadhnaiſean.

* *atharrach-briogh.*

C. *Creud iad na nithe mór ata dol fuas Chrioſt ag teagaſg dhuinne ?*

F. Bhiodh neamhaidh 'n ar 'n inntin, bhi ſocruchadh ar 'n aigneadh air na nithe ata ſhuas far am bheil Crioſt, agus a' togradh bhi maille ris, Col. 3. 1.

C. *Creud a cho-fhurtachd a dh' fheadas na creidmhich a tharruing o dhol fuas Chrioſt ?*

F. Feadaidh iad bhi cinnteach gu 'm bheil ionada comhnuidh ull uichte dhoibh, agus gu lean iad an ceann feadhna, feadaidh iad failte chairdeil a ghealtain dhoibh fein, do bhri' gu 'r h è an ti fhuair gach uile chumhachd air neamh an dlu'charaid ; agus gu bheil gach uile thruacantas Dhia agus dhuine mar aon ann ſan.

Mu ſhuidheadh CHRIOST aig deas-laimh DHE.

C. *Creud é an treas ceim do arduchadh Chrioſt ?*

F. E bhi na ſhuidhe air deas-laimh Dhe an t Athair, Eph. 1. 20.

C. *Am bheil lamh dheas agus chli aig Dia mar 'ta aguinne ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir as ſpiorad Dia aig' nach 'eil cot-chaibh corporra ; ach ata iomradh air a laimh dheas ann aontachadh le 'r mothacha anmhuinne amhain.

C. *Creud ata ſuidhe Chrioſt air deas laimh Dhe ag ciallachadh ?*

F. Gu 'm bheil é air arduchadh gus an ait' is mo onoir, cumhachd, agus urram air neamh, agus gach aon ni air a chuir fa cheannſal ſin, 1 Phead. 3 22.

F. Cia fhada ſhuidheas Crioſt ag deas-laimh an Athair ?

F. Gus am biodh an naimhde 'n an ſtól fuidh chaſaibh, Sal. 110. 1.

C.

C. *Co an namhad dheireannach a ſgrioſas é ?*

F. Am bás.

C. *C' uin' a bhios an namhad ſo air a ſgrios gu tur ?*

F. Ann ſan ais-eirigh choitchinn ; ann ſin bithidh bàsmhorachd air a ſhlugadh ſuas le beatha, 2 Cor. 5. 4.

C. *Cionnas ata ſinn a' leaghadh air uaireadh gu bheil Crioſt na ſhuidhe, agus ann ám eile gu bheil é na ſheaſamh air deas laimh Dhe ? Gniomh. 7. 56.*

F. Ata á bhi na ſhuidhe air ainmeachadh a nochdadh an t ſealbh ſhiorruidh ata aig' air an roighachd, agus é bhi na ſheaſamh a cialluchadh gu bheil é ullamh a chuir obair eidir-mheadhoinfhearachd ann gniomh, gu ſonruichte a chuideachadh leis na naoimh nan teinn, a thagradh an cuis, agus 'g an gabhail ann ám am bais, mar rinn é air Stephen, neach a chunnairc mar ſo è, Gniomh. 7. 56.

C. *Creud ata ſuidhe Chrioſt air deas-laimh Dhe a teagaſg dhuinne ?*

F. Gur eigin do gach ni tarladh gu maith do'n eaglais, do bhri' gu bheil meas co mór d' a caraid agus a fear tagraidh, agus gu bheil è riaghluchadh ois-ceann gach uile nithe, agus gur eigin gu 'm bi buill a chuirp ſin air an arduchadh ann ám iomchuidh thaobh gu 'm bheil an ceann air a thogbhail co ard.

Mu CHRIOST a bhiodh toirt breith air an t ſaoghal.

C. *Creud é an ceathramh ceim do arducha' Chrioſt ?*

F. A theachd a thoirt breith air an t ſaoghal ſan la dheireannach.

C. *Nach deirir dara teachd Chrioſt re ſo ?*

F. Deirir, Eabh. 9. 28.

C. *C' ar ſon a deirir ſo ris ?*

F. Do bhri' gu bheil ſinn a' leaghadh air da theachd chliuteach Chrioſt a dh' ionnſuidh an t ſaoghail, agus ſi ſo an dara h aon dhiubh.

C. *Creud i an aon eile dhuibh ?*

F. A theachd ann ſan fheoil.

C. *Nach 'eil eidir dhealuch' mòr eidear an do theachd ſin Chrioſt ?*

F. Ata; oir bha cheud aon dhiubh ann an ſtaid roi-ioſal, ach bithidh an dara h aon ann ſtaid arduighte ghlòr mhor.

C. *Am bheil ſinn a' leaghadh air teachd air bhith eile do Chrioſt ann ſna ſgriobtuiribh ?*

F. Ata ſinn ag leaghadh air a theachd le ſpiorad ann a orduighean; agus air a theachd ann an gniomhartha a fhreaſdail, a ſgrios an ana-Crioſt, agus a theaſairgin eaglais fein o a naimhde, Eoin 14. 18. 2 Theſſ. 2. 8.

C. *Creud i a' chrioch m' an d' thig Crioſt an dara h uair ?*

F. A thoirt breith air an t ſaoghal.

C. *Creud ata r' a thuigſin leis an t ſaoghal ?*

F. An cinneadh daoine gu leir, beo, agus marbh, beag agus mòr, maith agus olc, agus mar an ceudna na h aingle a thuit.

C. *Creud ata r' a thuigſin le Crioſt a bhi toirt breith air bheothaibh, agus air marbhaibh, mar ata é, 2 Tim. 4. 1. agus ann ionadaibh eile ?*

F. Gu tuirling Crioſt o neamh ann deire an t ſaoghail, a thoirt breith air na h uile a bhios beo ann ſin air thalamh, agus air nā bhios marbh ann ſan uaigh.

C. *Creud an co'-dochadh ata aguinn' gu 'm bi a leithid ſo do la breitheanais ann ?*

F. 1. Ata coguis gach duine 'g innſeadh ſo dh'a, le bhi 'g a lionadh le doilghios agus eagail taireis dh'a bhi cur uile ann gniomh; air an laimh, eile, 'ta toil inntin agus dochas aca ann lorg bhi deanamh maith. 2. Ata ceartas De ag iarruidh

gu

gu bithidh na h aingidh gu dligheach air an ſmachduchadh, agus na daoine Diadhaidh a' faghail duais ; nach 'eil a' tarladh ann ſa bheatha ſo. 3. Ata na ſgriobtuir naomh gu tric a' dearbhadh dhuinn gur eigin dhuinn' uile bhi air ar taiſbeiu ann lathair caithir breitheanais Chrioſt, Eoin 5. 28. 29. Gniomh. 17. 31. 2 Cor. 5. 10. 1 Theſſ. 4. 16. 17.

C. *Co a bhios na bhreitheamh ann ſan la ſin ?*

F. JOSA CRIOST.

C. *Nach h é Dia breitheamh gach aon neach, Eabh.* 12. 25. ?

F. 'S é agus 's é Crioſt an Dia ſin co ionnan ris an Athair agus ris an Spiorad naomh : Ach dh' orduigh Dia Joſa Crioſt mar dhuine gu bi na bhreitheamh faicſionach an t ſaoghail.

C. *C' ar ſon a chuaidh Crioſt arducha' chum na neithe ſo ?*

F. Chum 's gu 'm bithidh duais air a toirt dh'a air ſon umhlachd agus fhulangais, agus gu faiceadh gach ſuil am breitheamh ; agus le breith a thoirt air an duine le neach na nadurra fein, gu 'm bithidh co'-throm Dhe na bu ſhoilleireadh r' a ſhaicſin, ann ſan doigh air am bheil é buintean ris an duine.

C. *C' uin' a thig Crioſt a thoirt breith air an t ſaoghal ?*

F. Ann ſan la dheireannach.

C. *C' ar ſon a deirir an la deireannach ris ?*

F. Do bhri gu 'm biodh é na cho' dhunadh air a t ſaoghal, 'n uair a chuireas Dia crioch air a laithe le gach aon ni a ſgaoileadh as a cheile ; oir ann ſin, " Theid na neamhaidh thairis le toirm " mhoir, agus ann ſan leagh na duilidh le dian " theas, agus bithidh an talamh mar an ceadna " agus na h oibridh ata ann air an loſgadh ſuas," 2 Phead. 3. 10.

C. *Am bheil fios aig' duin' air bith air an ám ſhonruichte ann ſan d' thig Crioſt ?*

F.

F. Cha 'n 'eil, ge do dh' fheadas ſinn aithnich gu bheil é dluthacha' ruinn' leis na comharthaidh bha re tachairt riomh laimh. Ata na h abſtoil ag innſeadh gur iad aimſire an t ſoiſgeil faoi am bheil ſinne an aimſir dheireannach, agus gu bheil deireadh an domhain air teachd oirne, 1 Phead. 1. 20. Eoin 2. 18. 1 Cor. 10. 11.

C. *Nach 'eil cuid do nithe ſonruichte re tachairt ſan t ſaoghal roimh theachd an la ſin ?*

F. Ata, mar ta iompuchadh nan Judhaich, tuiteam ſios an Ana-crioſt, agus Mhahomet; agus mor leuduchadh na h eaglais am barrachd glainid.

C. *C' ar ſon ata Dia ag conbhail an ám ſhonruichte am follach uainne ?*

F. Chum ſuaimhneas feol mhor a bhacadh, agus chum 's gu 'm bitheamaid a' deaſuchadh air a ſhon, agus re faire gach aon la, agus chum bhi ullamh a radh do ghna', ſeadh thigſe Thighearna, doan deifir maon ghradh.

C. *Creud an doigh air an d'thig Crioſt air an la dheireannach ?*

F. 1. Thig é gu h obain agus gun duil ris; agus uime ſin, ata é air a chofamhlachadh re gaduiche a thig ann ſan oidhche. 2. Thig é le cumhachd agus mor ghloir: Oir ſgaoilidh na neamhaidh as a cheile, agus theid teine roimhe, agus tuirlinge é le gair mhor; agus le mor ſhluagh aingle, agus naomh 'n a cho' chuideachd, le guth an ard aingeal, agus le trompaid Dhe, ni a dhuiſgeas na mairbh, agus mar ſo ſuidheadh è air ard chaithir gheal, agus bithidh 'n ſaoghal gu leir air an cruineacheadh na lathair, 2 Theſſ. 5. 2. Mat. 25. 31. Sal. 50. 3. Jude 14. 2 Theſſ. 1. 7. 8. 1 Theſſ. 4. 16. Taiſ. 20. 11.

C. *C' ar ſon ata na ſgriobtuire co tric ag iomradh air teachd Chriſt chum breitheanais ?*

F. A chur an t ſaoghail as an teagamh d' a thaobh, gu ar broſduchadh chum gach dleaſdan-

as,

as, a chur eagail air daoine roimh 'n pheacadh, agus a thoirt mifneich do na naoimh faoi gach triobloid.

C. *Ciod é am feum mór ata air la breitheanais?*

F. A thoirt foillficheadh, foileimte air gloir buaidhibh Dhe; mar 'ta uile leirfineachd, ann nochdadh diomhaireachd croidheachan agus beatha dhaoine, a throcair anu an faoradh nan daoine taghta; agus a cheartas ann fmachduchadh nan aingidh.

C. *Creud an doigh air an toir Crioft breith air an t faoghal?*

F. Bheir é breith air an t faoghal an co' throm, agus bheir é luidheachd do gach neach do reir mar rinn è fan chorp, ma 's maith no olc é, Gniomh. 17. 31. 2 Cor. 5. 10.

C. *An eigin do na h uile dhaoine teachd chum breitheanais fan la fin, maith is olc, Crioftui'ean-agus iad' fan nach d' fhuair eolas air Crioft?*

F. 'S eigin.

C. *Nach fead euid bhiodh air am follach no air an dio'-chuimhneach' ann fan choi'-thional mhór fin?*

F. Cha 'n fhead, oir gheabh fuil uile leirfineach Dhe amach iad uile.

C. *Co a chuirear air laimh dheas a bhreitheamh, agus co a chuirear air a laimh chli ann la fin?*

F. Bithidh na fireanaich air an cuir air a laimh dheas, agus na h aingidh air a laimh chli.

C. *Creud an t eidir dhealuch' a bhics eidear breitheanas nam firean agus nan aingidh?*

F. Bithid na fireanaidh air an tabhairt gu breitheanas maitheamhnais no fuafglaidh, agus na h aingidh gu breitheanas diteadh; 'fi binn an dara h aon, thigibh a fhluagh ata beannuichte, ach is i binn an aon eile im'-ichibh uam a fhluagh malluichte, agus mar an ceadna theid breitheanas nam firean air thoifeach air breitheanas nan aingidh.

C. *Cionnas ata fios agad ar fin?*

F.

F. Ata na ſgriobtuire ag innſeadh dhuinn gu 'n eirigh na mairbh ann Crioſt air thús, agus air ball gu 'm bi iad air an togbhail ſuas ann comhdhail an Tighearna, ſan aidhear, gu 'n theid an cur air cathraibh rioghail, agus gu 'm biodh iad 'n an ſuidhe laimh re Crioſt ann an toirt breith air an t ſaoghal, 1 Theſſ. 4. 16. 17. Mat. 19. 28. 1 Cor. 6. 2. 3.

C. *Do bhri' gu 'm bheil na creidmhich ciontach ann iomad peacadh thaobh ſmuainteadh, agus gniomhartha, amhail is mar ata na h aingidh, cionnas nach 'eil iad air an diteadh maille riu ſan?*

F. Do bhri' gu 'm bheil am peacaidh uil' air an leagail air Joſa Crioſt, agus gu 'n d' thug eifean lan dioladh do cheartas De air an ſon.

C. *Co iad na peacaich as mo truaighe ann an la a bhreitheanais?*

F. Na Crioſtui'-ean aingidh, gu ſonrichte an dream a fhuar am fréaſdal bu ſhoilleireadh do ſholus an t ſoiſgeil, agus aig an roibh barrachd eolais air toil De na bha aig' cách, ach gidheadh a rinn dimeas air, agus a pheacaich na aghaidh.

C. *An toir Dia breith air na cinnich aig nach roibh an lagh no an ſoiſgeil riamh air a nochdadh dhoibh?*

F. Bheir é breith orra le lagh naduir, agus le breanachadh an coguis fein, Rom. 2. 12. 13. 14.

C. *Nach bi moran fia'-naiſean agus luchd coſaid a thig ann aghaidh nan aingidh ſan la ſin?*

F. Bithid: mar ata buaidhibh Dhe, eadhon, a throcair, fhoigh-idin, uile-leirſineachd, a mhaith-eas, a thiodhlacaidh a mhi-bhuilich iad; fuil Chrioſt air an do ſhaltair iad, an coguis fein a mhuch iad, agus bithidh an diabhol, agus an co'-chompanaich a bhuair gu peacadh iad an ſin 'g an diteadh, agus re fia'-nais 'n an aghaidh.

C. *Nach 'eil ſin ag leaghadh, Taiſ. 20. air leabh-raichean*

raichean a bhios air an fosgladh san la sin, creud iad sin ?

F. Ata sin air a labhairt do reir nós cuiruibh an t saoghail so, aig' am bheil leabhraichean air son riaghail breitheanais. Air an amhuil cheadna, ann san la sin, bith leabhar cuimhne, no uile leirsineachd Dhe air fhosgladh, an sam bheil uile ghniomhartha dhaoin' air an sgriobhadh. 2. Bithidh leabhar na coguis air fhosgladh a bheir comhduchadh soilleir air cionta luchd aingidheachd. 3. Bithidh leabhar an lagha air fhosgladh le uil' aitheantaibh, a bhagraibh, agus a mhalluchda' a chuir iad ann neo'-brigh. 4. Bithidh leabhar an t soisgeil air fhosgladh, leis gach gairm, tairgse, agus gealladh air an d' rinn iad dimeas, agus ni iad sinn uile ard dhiteadh ua'-bhasach ann aghaidh luchd aingidheachd.

C. *Creud iad na nithe a bheirthear chum breitheanais ?*

F. Uile smuainteadh, briathra agus gniomhartha dhaoine.

C. *Nach eigin cunntas a thabhairt ann san la sin, ann sgach focal diomhaoin ?*

F. 'S eigin, Mat. 12. 36.

C. *Nach bu choir dh' a so ar teagasg chum bhi faicilleach m' ar briathraibh agus ar smuainteadh gu leir ?* *F.* Bu choir.

C. *Nach d' thig moran ua'-mhuin ann lorg a bhreitheanais ?* *F.* Thig.

C. *Cionnas a thachras sin ?*

F. Do bhri gu 'n im'-ich na h aingidh ar ball chum peanas fiorruidh, agus na fireanaidh chum beatha mhairtheanaich, Mat. 25. 46.

C. *Cionnas a bhios binn a bhreitheamh air a cur ann gniomh ann aghaidh luchd aingidheachd ?*

F. Bithidh na diabhla luchd cur ceartais De ann gniomh, ag feitheamh agus deas chum na h aingidh a tharruing gu ionad na doghruinn.

C. *An d' theid breith a thoirt air ainglibh san la sin ?* *F.*

F. Theid, air na droch ainglibh.

C. *Cionnas a deirir, 1 Cor. 6. 3. gu 'n toir na naoimh breith air ainglibh?*

F. Do bhri' gu 'n aontaich iad leis a bhinn a bheir Crioſt orra, agus air a naimhdibh uile.

C. *Creud bu choir dhuinn fhoghlum o theachd Chrioſt chum breitheanais?*

F. Saothair a dheanamh air bhi deas do ghna' fa chomhair, cion a bhi aguinn air a theachd ſan; dichioll a dheanamh chum 's gu 'm fuighear leis-ſin ſinn ann ſith, bhi 'g oirpeachadh ar caithe beatha a bhi naomha agus diadhaidh, agus gun bhi ullamh gu breith obain a thoirt air ni no neach gu teachd an la ſin, Luc. 12. 40. 2 Tim. 4. 8. Tit. 2. 12. 13. 2 Phead. 3. 11. 14. 1 Cor. 4. 5.

Ceiſt XXIX. *Cionnas atamaid air 'n ar deanamh ann 'n ar luchd co'-pairt do 'n t ſaoirſe do choiſin Crioſt?*

F. Atamaid air 'n ar deaneamh ann 'n ar luchd co'-pairt do 'n r ſaoirſe do choiſin Crioſt leis an t ſaorſe ſin a chur ruinne gu h eifeachdach le a ſpiorad naomha ſan.

C. *Creud i oifig agus a obair ſhonruichte an Spioraid naoimh ann an obair ſaoraidh an duine?*

F. Bhi 'g a co'-chur re anamaibh nan daoine taghta.

C. *Nach 'eil lamh mhor chluiteach aig 'gach pearſa fa leith do 'n trionaid ghlormhor ann an obair ar ſaoraidh-ne?*

F. Ata; oir dhealbh an t Athair i, choſain a' Mac i, agus ata 'n Spiorad naomh 'g a co'-chur.

C. *Ciod a ta air a chiallucha' le obair na ſaorſadh?*

F. Bi ag teaſairgin pheacach chailte o pheacadh, o 'n diabhol, agus o fheirg Dhe.

C.

C. *Creud ata air a chialluchadh le coſnadh ar ſaorſaidh-ne ?*

F. Bhi 'g a ceannach le luach roi phriſeil.

C. *Co a chefain ar ſaorſaidh-ne ?*

F. Joſa Crioſt' Mac Dhe.

C. *Ciod an luach leis an do cheannaich ſe i ?*

F. Le fhuil phriſeil fein.

C. *Ciad é as ſeagh d' ar biodh air ar deanamh 'n ar luchd co'-pairt do 'n t ſaorſadh ſo ?*

F. Cuid no pairt a bhi aguinn do gach ſochair agus tairbh a bhuineas d' i.

C. *Creud iad na ſochairean ſin ?*

F. Maitheamhnas peacaidh, dion o chorruich, ſith re Dia, ſith coguis, nuadh nadur, gras naomhachaidh, an gath a thoirt a's a bhas, aiſeirigh chum beatha, agus gloir fhiorruigh.

C. *Creud ata air a chialluchadh le bhi co'-chur na ſaorſadh ruinne ?*

F. Bhi 'g a deanaimh thairis dhuinne, le bhi ag comhfgna' a ceud tús ann ar 'n anamanna, agus le fin bhi 'g ar toirt o cheim gu ceim chum ſealbh iomlan air na ſochairibh ſo, agus ata ſinn a toiſeachadh air an ſealbhachadh ann ar fireanachadh, agus ann ar naomhachadh ſan bheatha ſo, agus 'g an lan fhealbhachadh ann an gloir na h aith bheatha.

C. *Ann é an Spiorad naomh amhain a dh' fheadas an t ſaorſadh ſo a cho'-chur ruinne agus ar cur an ſealbh inn' te ?*

F. 'S è.

C. *C' ar ſon a deirir gu 'm bheil an Spiorad naomh ag co' chur na ſaorſadh ſo ruinne gu h eifeachdach ?*

F. A theagaſg dhuinn' gu bheil na dh' fheadar a dheanamh le meadhona, no le luchd teagaiſg neo'-eifeachdach, a cho chuir na ſaorſadh ruinne as eugmhuis oibreachadh an Spiorad naomh.

C. *Nach 'eil co'-chur na ſaorſa ſo leis an Spiorad*

co fheumail dhuinn a's a bha i bhi air cosnadh le Crioft? F. Ata.

C. *Creud an t cidir-dhealuch' ata eidear a cosnadh agus a' co chur?*

F. Is obair air a deanamh ann taobh 'muigh dh' inn a cheud aon dhuibh, ach is obair ann taobh ftigh dh' inn ann aon eile dhuibh.

Ceift XXX. *Cionnas ata an Spiorad ag cur ruinne na faoirfe fin do choifin Crioft?*

F. Ata an Spiorad ag cur ruinne na faoirfe fin do choifin Crioft, le creideamh oibreacha ionnain leis am bheil fe 'g ar coi'-cheangal re Crioft ann ar gairm eifeachdaich.

C. *Creud ata an Spiorad ag oibreachadh ionnainné chum an t faorfa' cheanuichte fo a chur ruinne?*

F. Creidimh.

C. *Nach 'eil é 'r ar comas an grás fo oibreachadh, no creidfin do' inn fein?*

F. Cha 'n eil.

C. *Nach h-é an creidimh gniomh an anam 'ta a' creidfin?*

F. 'S è, gidheadh ata 'n fgriobtur ag radh gur è tiodhlac Dhe é, agus obair a Spioraid fin ann taob ftigh dh' inn, Eph. 2. 8. Col. 2. 12.

C. *Nach é Spiorad De ughdar gach uile gràis?*

F. 'S é; agus uime fin, deirir Spiorad nan grás ris.

C. *Creud na meafgona d' am bheil é deanamh feum ann an creidimh oibreachadh ann ainmfi?*

F. Am focal, no miniftreleachd an t foifgeil, Rom. 10. 14. 17.

C. *Ciod a thig riu-fan aig 'nach 'eil an foifgeil? nach fead an Spiorad creidimh chum flainte oib. each' ann 'ta fan?*

F.

F. Cha 'n 'eil gealladh air bith aguinn gu dean é so.

C. *Creud am feum ata ann creidimh chum na fochairean a chosain Crioft a chur ruinne ?*

F. 'S e 'n creidimh an grás ata g' ar toirt a dh' ionnsuidh Chrioft, agus a maheadhoin leis am bheil sinn air ar 'n aonachadh ris.

C. *Creud é bhi air ar 'n aonachadh re Crioft ?*

F Bhi air ar ceangal ris-sin, agus air ar deanamh 'n ar 'n aon maille ris.

C. *An ann trid so ata fior sheilbh aig gach creidmhich air Crioft : agus coir air na chosain eisean ?* *F.* 'S ann.

C. *Ciod é an ghne cheangail ata eidear Crioft agus na creidmhich ?*

F. Is ceangal no aonachd spioradail é, ois cionn naduir, agus diomhair cruaidh r 'a shoilleireachadh le ni air bith air thalamh. Ata è ann cail eigin cosmhuil ris a' cheangal ata eidear am fear ain fhiach agus an t urras, thaobh gur ann trid a' cheangail so ata fireantachd, agus dioladh Chrioft air a meas do 'n chreidmhich, no cosmhuil ris a cheangal ata eidear an ceann agus na buill, no 'ta eidear am freamh agus na meanglain, thaobh gur an leis ata 'n Spiorad o Chrioft, ag toirt gach aith bheothacha' agus urachaidh grais do gach fior chreidmhich, 2 Cor. 5. 21. Col. 2. 19. Eoin 15. 5. 1 Cor. 6. 17.

C. *Nach 'eil na sgriobtuire ag radh gu bheil na creidmhich ann Crioft, agus Crioft ann sna creidmhich trid feartaidh a cheangail so ?*

F. Ata, Rom. 8. 1. 10. 2 Cor. 5. 17. agus 13. 5.

C. *Creud iad bainn a cheangail so eider Crioft agus na creidmhich ?*

F. Ata 'n Spiorad air taobh Chrioft a gabhail greim dh' inne; agus ata creidimh air ar taobhne ag greimeacha' re Crioft.

C. *Creud an tairb ata na creidmhich ag faghail trid a cheangail fo?*

F. Le fo ata co-mhothach' aca o Chriosd ann 'n am fulangasaibh, agus co-chomunn re Crioft ann a iomlanachd san, agus do bhri' gu bheil eisean beo, bithidh iadsan beo mar an ceadna.

C. *Am feadar an ceangal so sgaoileadh air doidh air bith?*

F. Cha 'n fheadar; oir ge ta 'm bas a sgaoileadh gach ceangail air thalamh cha sgaoil é so, oir ata dus nan creidmhich ann fin uaigh ceangailte re Crioft, mar ata an anamanna air neamh.

C. *Creud as eigin dhuinn' a dheanamh chum 's gu 'm bitheamaid air ar 'n aonachadh re Crioft?*

F. 'S eigin dhuinn fior mhothach'a bhi aguinn air ar truaighe a's eagmhuis Chriosd, cul a chuir re ar pheacaidh-ne ata 'g ar sgaradh o Chriosd, agus gabhail ris le beo chreidimh mar 'ta é air a thairgse ann san t soisgeil.

C. *Cionnas a rigeas sinn 'air creidimh an grás air-achaidhe so?*

F. Bitheamaid ag amharc air an Spiorad naomh, agus a gl.odhach ris chum so oibreacha' ann ainne.

C. *C' uin' ata 'n Spiorad a' deanamh so?*

F. Ann ar gairm eiseachdach.

Ceist XXXI. *Creud is guirm eiseachdach ann?*

F. Is gairm eiseachdach ann, obair spioraid De, leis am bheil se 'g ar fagail ris ionnain fein am peacaidh, agus truaighe, ag foillseacha ar 'n inntine ann eolas Chriosd, ag ath-nuadhachadh ar toile, agus eir a lorg sin 'g ar deanamh deonach agus cemasach air Josa Crioft' a dhlu'-ghabhail chugain,

chugain, mar ata ſe air a thairgſe dhuinn' gu ſaor ann ſan t ſoiſgeul.

C. *Nach ionann do ghairm eifeachdach, agus do ismpochadh is aith ghneamhuin ?*

F. 'S ionann.

C. *C' ar ſon a deirir gairm re air 'n iompocha ?*

F. Do bhri' gur h ann le guth no focal an Tighearna 'ta ſinn' air ar duſgadh o chodal a pheacaidh, air ar pilleadh o ar ſeachranaibh, agus air ar toirt dha-thigh g' a ionnſaidh fein.

C. *C' ar ſon a deirir gairm eifeachdach ria ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil eifeachd innte thoirt an anma dh' ionnſaidh Dhia, agus 'g a h eidir-dhealuch o ghairm an fhocail o 'n leith muigh, nach 'eil dh' i fein foghainteach a bhuadhach oirne, "oir, ata moran air an gairm ach beag air an "tagha," Mat. 22. 14.

C. *Creud ata thu ciallachadh le beag a bhi air an tagha ?*

F. Gur tearc iad ata air an taruing gu h eifeachdach a ghabhail ris a ghairm ſo.

C. *Co d' an obair a ghairm ſo?*

F. Is i obair Spioraid De i.

C. *C' ar ſon a deirir obair ria ?*

F. Do bhri' nach 'eil i air a criochnacha' uil' air thús ach air a toirt air a h aghaidh o cheim gu ceim.

C. *Creud iad ceimeana eag ſamhail obair an Spioraid ata air an ainmeacha' ann ſam fhreagra ?*

F. Ata, 1. Obair geur mhothachaidh. 2. Obair ſoillſicheadh. 3. Obair ath-nuadhachaidh.

C. *Creud an ſtaid o 'm bheil an t anam air a ghairm leis an obair ſo?*

F. O ſtaid peacaidh, dorchadais, naimhdeis, traillealachd, agus truaighe.

C. *Creud an ſtaid chum am bheil an t anam air a ghairm ?*

F. Chum ſtaid grais, ſoluis, ſith, ſaorſa, agus ſonais.

C. *Cia uaithe 'ta é tachairt gu bheil Dia a' gairm cuid agus a' leigeil cuid eile ſeachad?*

F. O dheadh rún agus o thoil fein, agus ni h ann o ſhiu'-eantas no maith air bith ann ta ſan.

C. *Creud na meadhona leis am bheil an Spiorad a' gairm dhaoine?*

F. Le guth agus miniſtreileachd an ſhocail gu hairid.

C. *Ann é guth an lagha no guth an t ſoiſgeil d' am bheil é deanamh feum ann ſan obair ſo?*

F. Ata é deneamh feum dhiubh mar aon; do 'n lagh chum ar truaighe a leigeil ris dhuinn, agus do'n t ſoiſgeil a nochdadh na cungaidh leigheis dhuinn'.

C. *Creud é a' cheud cheim a dh' obair an Spioraidh ann ar gairm eifeachdach?*

F. Mothachadh thabhairt dhuinn.

C. *Creud ata 'n Spiorad a' toirt mothachadh dhuinn' air?*

F. Ata è tairt mothachadh dhuinn' air ar peacaidh agus ar truaigh-ne, eadhon, air an ſtaid ſhalach agus thruagh ann ſan d' rugadh ſinn, agus ann ſam bheil ſinn ag fantain, gus am biodh atharrachadh gráſmhor air oibreachadh annaine.

C. *Ciod é an ni ann ſa pheacadh 'ta 'n Spiorad a 'toirt mothachadh dhuinn air?*

F. Ata é toirt mothachadh dhuinn; air an olc, a chroſantachd, a chionta, agus an truaillieachd ata ann, air an tobar o 'm bheil é ag ſrutha, air aireamh anntromachadh, agus a dhroch thoilteanas.

C. *Creud na mheadhona leis am bheil an Spiorad a' toirt dhaoine gus a gheur mhothachadh ſo do'n pheacadh?*

F. Le aitheantaibh agus le bagraibh an reachd, le ſlata ſmachduchaidh, agus le'n coguiſe fein.

C.

C. *Nach fead aon air bith dhuibh fin, mothachadh thoirt dhuinn, as eagmhuis an Spiorad ?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Nach b' i so aon do na criocha mór m' an deach' an Spiorad a chur amach ?*

F. B' i, Eoin 16. 8.

C. *Nach' eil fior iompuchadh air bith gun an geur mhaothacha' so dhol air a thoiseach air ?*

F. Cha 'n 'eil; oir, a's eagmhuis cail-eigin dh' e so, cha 'n fhaic finn ar feum air Crioft, ni mo thig finn 'g a ionnsaidh chum cuideach fhaghail.

C. *Ann ionnan tomhas ata aig gach neach ata air am fior iompocha' do 'n mhothacha' so ?*

F. Cha 'n ionnan, oir ata an tuile aig cuid, agus n' as ludha aig cuid eile do reir naomh thoil De.

C. *Creud an tomhas do 'n mhothacha' so 'ta feumail do na h uile 'ta iompoighte ?*

F. Ata urrad dh' e feumail is a leigeis ris do 'n duine a ftaid chailte, agus a bheir air meas a bhi aige do Chriost thar gach ni 'eile, agus bhi toileach dealuchadh ris gach aon ni air a fhon fin.

C. *Am bheil fior iompochadh do ghna' ag leantain air obair mothachaidh ?*

F. Cha 'n 'eil; oir cha tearc iad ata cofmhail re Judas, agus re Felix, aig' am bheil trom mhothacha' nach 'eil a' teachd gu feum air bith.

C. *Cionnas ata é tachairt gu bheil a' mothachadh 'ta aca fin a teachd gaoirid ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil iad ga mhuchadh, agus a' dol a dh' ionnfaidh an t faoghail, agus cha 'n ann a dh' ionnfuidh Chriost chum fois fhagail, ni mo ata gne cheart ann 'n am mothachadh fin.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eidear a mothachadh 'ta aig' daoin' ann ftaid naduir, agus an droing ata fior airighte ?*

F. Ata mothach' ata aig daoin' ann ftaid naduir

duir ag ſrutha o choguis nadurra, agus o eagal ifrinn, ach ann ſan dream eile, ta é ag ſrutha o oibreachadh an Spiorad, agus o ſhealladh do 'n olc ata ſan pheacadh, do mhaitheas De, agus do fhualangaſaibh Chrioſt. 2. Ata cheud chuid gu ſonruichte air ſon peacaidh graineil, agus follaſach; ach ata cuid eile righeachd peacaidh a chroidhe agus na nithe as diamhaire. 3. Ata mothach' ata aig daoin' ann ſtaid naduir air a leighis le nithe ſaoghalta, ach a' mothach' ata aig luchd fior aithreachais le fuil Chrioſt amhain.

C. *Creud é an dara ceim a dh' obair an Spioraid ann an gairm eifeachdach?*

F. Obair foillſicheadh thaobh na cungaidh leighis.

C. *Am bheil ar 'n inntine ann dorchadas air an doidh ſo thaobh naduir gus an foillſich an Spioradiad?*

F. Ata.

C. *Cia leis ata é ag foillſicheadh ar 'n inntine?*

F. Le eolas Chrioſt ar 'n urras-ne, agus ar ſanuigh-fhear amhain.

C. *Nach 'eil ain-eolas air Crioſt na chon-hartha brónach air neach a bhi as eagmhuis na gairm eifeachdaich ſo?*

F. Ata.

C. *Creud é an t' eolas air Crioſt, no an ſealladh dh' e ata 'm peacach a' faghail tré foillſicheadh an Spioraid?*

F. Ata é ag faghail eolas air oirdheirceis Chrioſt, anna phearſa, ann a oifigeadh, ann a fhireantachd, agus na iomlanachd air a dh' eaſuchadh do na peacaich ata creidſin; ata é ag faicſin gu bheil Crioſt uil' fhoghainteach agus lan chomaſach a ſhaoradh gu h iomlan, ata é faicſin gu bheil ſaidhbhreas Chrioſt iomchuidh air gach dnigh air ſon uir-eaſbhuidh an anma gu leir, agus gu bheil é toileach a theagaſg na h uile thig ga ionnſaidh chum furtachd fhaghail.

C.

C. *Creud iad na meadhona leis am bheil an Spiorad 'g ar foillsicheadh an eolas Chriosd ?*

F. Searmonachadh an fhocail gu coitcheann, Gniomh. 26. 17. 18. Rom. 10. 17.

C. *Nach 'eil an foisgeal agus an lagh mar aon feumail ann ar 'n iompochadh ?*

F. Ata, oir 'ta 'n lagh feumail chum ar 'n easlaint a leigeil ris dhuinn', agus an foisgeul chum eolas a thoirt dhuinn' air Criosd leigh an anma : 'Ta 'n lagh feumail mar an ceadna a thoirt mothachaidh dhuinn' air ar peacaidh-ne, agus an foisgeul g' ar treorachadh chum an t slanui-fhir.

C. *Nach fead inntine cuid do luchd eisteachd an t foisgeul, bhi ga mor air an foillsicheadh, gun bhi air an gairm gu h eifeachdach, no air an iompochadh ?*

F. Feadaidh ; oir bha moran foilleireachd aig Balaam, agus ata sinn ag leaghadh air cuid a bha aon uair air an foillsicheadh, gidheadh a chul-fleamhnuigh o Chriosd gu tur, Eabh. 6. 4. 6.

C. *Cionnas a bhios fios aguinn' am bheil an t eolas sin air Criosd ata sinne faghail, fior agus slaintueil ?*

F. Is comhartha maith air ar 'n eolas, ma bhios è 'g ar 'n irioslachadh faoi mhothachadh d'ar graineachd ; ma 'ta è ag fadadh leas ghradh ann ar 'n anamaibh do Chriosd, agus dian thogradh bhi cosmhuil ris, ma 'ta è 'g ar tarruing chum slaint ar 'n anama earbsa ris sin amhain, ma 'ta sinn a' toirt fuath do 'n pheacadh mar ar namhad a's mo, agus ag oirpeachadh eisean a tholleachadh ann 'f gach ni.

C. *Creud é an treas ceim a dh' obair an spioraid ann sa ghairm eifeachdaich ?*

F. Bhiodh 'g ath-nuadhacha' na toile.

C. *Creud ata thu ciallachadh leis an spiorad a bhi 'g ath-nuadhach toil an duine ?*

F. Bhi ag toirt toil nuadh agus so aomaidh dh' a le bhi cur rún agus fonn nuadh innte, a roghnachadh a mhaith, agus a dhiultadh an uile.

C.

C. *Am bheil an Spiorad leis an obair chumhachdach so air an toil, ag deanamh ain-neart air saor thoil an duine ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ata sé 'g a tarruing air doidh a choirdeas re a nadur, agus gu milis ag atharrach' a crosantachd agus a ceannairc gu umhlachd thoileach.

C. *Cionnas a dh' aithnicheas sinn am bheil ar croidhe, agus ar toil air an ath-nuadhachadh ?*

F. Feadaidh sinn fios a bhi aguinn air a so, le bhi gabhail re Crioft ann a uil' oifigeadh ; le roghain a dheanamh air a thoil agus a ghloir sin o's gach toil inntin shaoghalta ; le speis a bhi aguinn do'n mhaith a dh fhuathaigh sinn roimh so, agus le 'r fuath do 'n olc d' an roibh cion aguinn san aimsir a chuaidh seachad.

C. *Am bheil é nar comas sein ar toil ath nuadhachadh, no h atharrach' o olc gu maith ?*

F. Cha 'n 'eil ; ni bheil comas aguinne so a dheanamh, ni 's mo na 'ta aig an Ethiopianach a chraicean a mhalairt, no an leopard * a bhreice.

C. *Creud a ni sinn ma 'ta chum 's gu 'm bitheadh an t ath-arrachadh grásmhor so air oibreachadh iomnaine leis an Spiorad naomh ?*

F. 'S eigin dhuinn geur mhothachadh bhi aguinn air olc & truaighe a pheacaidh, feitheamh gu curamach air mheadhonaibh na slainte, amharc gu furachair re Dia trid Chrioft, bhi ag tagradh oibreachadh an spioraid air ar croidheachan, agus le cúram bhi gabhail r' a impidh 'n tra' thoiseachas é re oibreachadh.

C. *Creud a chrioch ata aig an Spiorad ann an obair mothachaidh, soillsicheadh, agus ath-nuadhachaidh ann an gairm eiseachdach ?*

F. Chum impidh chur oirne leó sin, agus chum ar neartuchadh a ghabhail re Crioft mar 'ta é gu saor air a thairgse dhuinn ann san t soisgeul.

C. *Creud ata aira chialluebadh leis an Spiorad a*

* a bhallaibh.

bhi

bhi cur impidh oirne, agus 'g ar neartuchadh a ghabhail re Josa Crioſt ?

F. E bhi ag buadhach' oirne 'g ar ſocruchadhair Crioſt, agus 'g ar deanamh comaſach agus toileach a ghabhail ris mar ar ſlanuigh-fhear, le bhi ag aontachadh leis na cumhnantaibh 'ta è cur mar comhair ann ſan t ſoiſgeul.

C. *Creud ata thu ciallachadh leis an t ſoiſgeul ?*

F. Sguel aoibheach ait' na ſlainte tridJoſa Crioſt, air a dheacadh le Dia do na faidhibh, agus do na h abſtolaibh, air a ſgriobhadh leo ſan, agus air a chraobh ſgaoileadh le theachdoiribh do pheacaich chailte chinneadh dhaoine.

C. *Creud iad na cumhnantaibh air am bheil Crioſt air thairgſe do pheacaich ann ſan t ſoiſgeul, chum 'ſ gu gabhadh iad ris ?*

F. Ata è air a thairgſe mar thiodhlac ſaor o neamh, 'n a uil' oifigeadh, mar fhaidh, mar ſhagairt, agus mar righ, agus 'feigin dhoibh gabhail ris do reir ſin.

C. *Creud ata air a chialluchadh le bhi dlu' ghabhail Chriſt, mar ata è gu ſaor air a thairgſe ann ſan t ſoiſgeul ?*

F. Gur eigin dhuinn' teachd a dh' ionnſuidh Chrioſt gun airgiod gun luach: eadhon, gu 'm biodh mothach' aguinn' gu bheil ſinn faoi eabhuidh gach ni 'ta maith ; agus nach 'eil buaidh no duais aguinn leis an ceannaich, no leis an coſain ſinn Crioſt, ach gur eigin dhuinn teachd aimbeartach agus le laimh fholamh, lan thoileach a ghabhail re Crioſt le uile ſhaidhbhreas ſin, chum ar ſgeuduchadh leis gach ni 'ta feumail dhuinne.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas ſinne ma ghabh ſinn re Crioſt, air an doigh ſo ?*

F. Le fein cheaſnuchadh dicheallach, gu ſonruichte ag feuchain am fead ſinn a radh, gu do ghabh ſinn re Crioſt, cha 'n ann amhain chum logha cionta, agus ſlainte ſhiorruidh, ach mar an ceadna chum naomhachadh agus nuadhachadh

beatha.

beatha, ag creidfin ann, agus ag earbfa ris, mar adhbhar cofnadh, agus tobar na naomhachd, co mhaith re fireanacha' agus gloruchadh.

C. *Am fead duin' air bhith gabhail re Crioft air an doidh fo gus am bi é air a dheanamh deonach agus commafach leis an Spiorad?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Nach 'eil fuath aguinn' thaobh nadurra air gabhail re tairgfe flannui' fhear?*

F. Ata; agus uime fin, 's eigin impidh chuir oirne chum fo a dheanamh.

C. *Nach 'eil finn as eagmhuis neart chum gabhail ris, co mhaith is 'ta finn neo'-dheonach?*

F. Ata, agus uime fin, 's eigin dhuinn bhi air ar neartuchadh chum gabhail ris.

C. *Nach fead riofona moralta, mar 'ta earailibh, bagraibh, agus geallaibh an fhocail impidh chuir air peacaich gabhail re Crioft?*

F. Cha 'n fhead iad fin dhuibh fein a dheanamh; ni 's mo na dh' fheadas gathan na greine folus a thoirt do dhuine a rugadh dall, no argumainte na mairbh a dhufgadh as an uaighe: Oir ata finne thaobh nadurra dall agus marbh ann am peacaidh.

C. *Am bheil an cumhachd ceadna ma 'ta feumail ann as 'n ath-nuadhachadh, agus ann ar 'n iompochadh is ata ann ar cruthachadh, agus ann ar 'n aiseirigh?* *F.* Ata.

Ceift XXXII. *Cia iad na fochaire ata an droing ata air an gairm gu heifeachdach ag faghail fan bheatha fo?*

F. Is iad na fochaire ata an doring fin ag faghail fan bheatha fo, fireanachadh, uchdmhacachd, agus naomhachad; agus gach nile fhochair ata aig fruthadh uatha fan bheatha fo.

C.

C. *Am bheil coir aig an dream ata air an gairm gu h eifeachdach air tiodhlacaibh agus ſochairibh ſonruighte ois ceann dhaoin' eilé?*

F. Ata.

C. *C' uin' ata na ſochairibh ſin air an co'-partuchadh riu?*

F. Ata cuid dhiubh aca ſa beatha ſo, agus a chuid eile ſan ath-bheatha: ata cuid aca ann laimh, ach moran ni as mó ann dochas.

C. *Creud iad na ſochairean, no an tairbh ataid ag faghail ſan beatha ſo?*

F. An triuir ſin gu h airid, eadhon, fireanachadh, uchdmhacachd, agus naomhachadh.

C. *Am bheil na h uile 'ta air an gairm gu h eifeachdadh air am fireanachach, air an uchdmhacacha, agus ain an naomhachadh le Dia ann ſan bheatha ſo?*

F. Ata.

C. *Creud as ſeagh do na briathraibh ſin fireanacha', uchd-mhacacha', agus naomhachadh?*

F. Gu bheil an dream ata 'g an faghail air an faoradh o chiont a' pheacaidh, gu bheil iad ag fas 'n an cloinn do Dhia, agus air an deanamh naomh.

C. *Am bheil naomhachadh na ſeadh na beannucha agus na ſochair ſhonruighte dhuinne, amhail is mar ata i na dleaſdanas fiachaicht oirne?*

F. Ata.

C. *Am bheil na tri ſochairean ſo ag teachd aonfhilt air an dream ata air an gairm gu h eifeachdach?*

C. Cha 'n 'eil; oir ata iomad ſochair eile an crochadh riu no ag frutha uatha; mar 'ta ſith coguis, dol a dh'-ionnſuidh Dhe le danadas, lan dearbhadh air a ghradh, freaſdal athaineil, fas ann gras, &c.

C. *Co iad ma 'ta an dream is mo ſonas ſan t ſaoghal ſo fein?*

F. Iadſan ata air an gairm gu h eifeachdach ; oir ata ſochaire aca ſan mòran ois cionn dhaoin' eile.

Ceiſt XXXIII. *Creud is fireanachadh ann?*

F. Is e fireanachadh gniomh ſaor ghraſa De, leis am bheil ſe ag maitheamh dhuinn' ar 'n uile pheacaidh, agus a' gabhail ruinne mar fhireanaibh ann a fhiadhnais fein, agus ſin amhain air ſon fireantachd Chriofi air a meas dhuinne, agus air a gabhail chugain le creideamh amhain.

C. *Am bheil am focal ſo, fireanachadh a ciallaichadh, neach a dheanamh co'-thromach no ionraic, le fireantachd o 'n leith ſtigh a cho'-pairteachadh ris, mar a tha naomhachadh a' ciallachadh duine dheanamh naomh air an doigh ſin?*

F. Cha 'n 'eil ; oir nam b'e ſin bu ſheadh dh'a, bhitheadh é 'n a amladh ag cur fireanachadh an aite naomhachadh, ni ann ſam bheil na Papanaich ciontach.

C. *Ciod e ma 'ta as fior ſheagh do 'n fhocal fireanachadh?*

F. Is focal è a bhuineas do lagh, air a ghabhail o ghnathachadh cuirtibh ceartais ameaſg dhaoine ; agus s é as ſeagh dh'a neach fhuaſgladh o chionta no ſmachducha', agus a thaiſbein ionraic agus neo'-chiontach.

C. *Co d' an gniomh am peacach fhireanachadh?*

F. Is é gniomh Dhe é ; oir 's è Dia ata fireanacha', Rom. 8. 33.

C. *Am bheil Dia a' fireanachadh nan daoine midhiadhaidh?*

F. Ata, Rom. 4. 5.

C. *Nach 'eil é air a ſgriobhadh, Sean* 17. 15. *An ti 'ta fireanachadh nan aingidh, is graineil le Dia é?*

an

an dean é fein an ni ſin d' am bheil é gabhail grain a neach eile ?

F. Ata Dia gu deimhin a' gabhail grain do bhi fuſgladh nan aingidh as eagmhuis dioladh fhaghail d'a cheartas, ach 'n tra 'ta Dia ag fireanachadh nan daoine mi-dhiadhaidh, ſan ann lorg dioladh iomlan bhi air a thabhairt d'a cheartas ata è 'g a dheanamh.

C. *An fead duine mi-dhiadhaidh air bith miſneach a g bhail naithe ſo, chum é fein a mheas ann aireamh nam fireanach ?*

F. Cha 'n fhead ; oir ge 'ta Dia a' fireanachadh na dream a bha mi-dhiadhaidh roimh laimh, gidheadh cha 'n 'eil a h aon dhiubh ſin ag buanacha' 'n am mi-dhiadhachd an diaidh am fireanachaidh, agus ata an dream ata ag buanacha' mar ſin a' taiſb, in gu foilleir nach roibh iad riamh air am fireanachadh, oir ata fireanachdh agus naomhachadh neo'-ſgathrail ?

C. *C' ar ſon is gniomh agus nach obair a deirir re fireanachadh ?*

F. Do bhri' gur ni é ta 'g chriochnachadh air ball, coſmhuil re obair' no fuagradh breitheamh, agus cha 'n obair é, ni a bhios air a toirt air a h aghaidh a chuid a chuid, mar ghairm' eifeachdach agus naomhachadh.

C. *Creud é ceud adhbhar a' ghniomh ſo ?*

F. Saor ghràs De, eadhon, a ghradh agus a dheadhean fin, as eagmhuis toilteanais a pheacaich, gun fhuigheantas no fearta air bith ann 'ta fein.

C. *Creud iad na nithe d' am bheil fireanachadh air a deanamh fuas ?*

F. Ata dias air an ainmeacha' ann ſan fhreagra, eadhon, ar peacaibh bhi air an logha le Dia, agus eifean a bhi gabhail r' ar pearſaidh. mar ionraiceann.

C. *Creud é adhbhar coſnadh ár fireantachad ?*

F. Fireantachd Chriofi amhain.

C. *Ann an air ſgath na fireantachd ſo ata Dia ag logha ar cionta, agus a' gabhail r' ar pearſaidh mar aon?* F. 'S ann.

C. *Creud ata thu cialluchadh le fireantachd Chriofi leis am bheil ſinn air ar fireanachadh?*

F. Cha 'n è fhireantachd, no cheartas nadurra mar Dhia, ata neo'-rann-phartuighte; ach fhireantachd urrais, a choi lion è ann ar 'n ionad ne mar Dhia-dhuin' agus eidir-mheadhoin-fhear, a dhioladh ceartais agus a dh' arduchadh lagh Dhe.

C, *Ciod é ann ſan roibh fireantachd urrais Chriofi ag co'-ſheaſamh?*

F. Ann a umhlachd thaoibh deanadais agus fulangais.

C. *Creud i umhlachd deanadais Chriofi?*

F. An umhlach iomlan a thug é do aitheantaibh an reachd, le bheatha naomha, 'ta air a meas do na creidmhich; thaobh, " Trid umhlachd an " aon duine ſo, gu bheil moran air an deanamh " nan fireanaibh," Rom. 5. 19.

C. *Creud i umhlachd fulangais Chriofi?*

F. Gu 'n d' fhuiling é paineachas an lagha bha dligheach dhuinne air ſon peacaidh, leis an d' thug è lan dioladh do cheartas De.

C. *Ma thug Criofi dioladh lan iomlan do cheartas De, air ſon ar peacaidh' ne, cionnas o deirir gu'm bheil ar fireanachadh o ſhaor ghràs?*

F. Ata an dias ſin gu ſar mhaith ag co'ſheaſamh 'r a cheile, do reir Rom. 3. 24. " Air dhoibh bhi " air am fireanachadh gu ſaor le a ghràs, tre an " t ſaorſa 'ta ann Joſa Criofi," ata è gu h iomlan ſaor dhuinne, do bhri' gu bheil Dia gu gràs-mhor a gabhail re fireantachd agus dioladh o ar 'n urraſaibh, ni a dh' fheadadh è iarraidh uainn' fein. Ata é ſaor, do bhri' gur h é Dia fein a fhreaſdal an t urras dhuinn' agus a leaſaich é chùm ar 'n ain fhiach ne a dhioladh, 'n uair nach roibh é 'n ar comas fein neach fhaghail a dheanamh ſo. Ata é ſaor do bhri' nach 'eil Dia ag iarruidh dadum

dadum oirne ach creidſin ann ſan fhear urrais, agus ata è gealtain an creidimh ſo thoirt dhuinne gu ſaor mar an ceadna, mar ſo ata ar fireanachadh gu h lomlan o ſhaor ghràs dhuinne.

C. *Cionnas ata fireantachd Chriosd air a meas dhuinne?*

F. Le Dia a bhi 'g a meas dhuinne, eadhon, 'g a cur as ar leith, mar gu coi'-lionamaid fireantachd fhoirfe ann ar pearſa fein dh'a.

C. *Cionnas ata é do reir, firinn, Dia bhi 'g ar meas' ne 'nar fireanaibh nach 'eil da rireadh mar ſo?*

F. Cha 'n 'eil é gar meas ne 'n ar fireanaibh mar ata ſinn annain fein, ach ann an Criosd ar 'n urras, neach ata na fhireantachd amhain am fiadhnais De; amhail mar fhear fiachaibh ann diaidh dh'a dioladh fhaghail o 'n urras, a bheir ſuas a chuntas do 'n fhear ain-fhiach, agus a mheaſas ſaor è do reir an reachd, 1 Cor. 1. 30. 2 Cor. 5. 21.

C. *An roibh na naoimh faoi 'n t ſein tionnadh air am fireanachadh le fireantachd Chriosd amhail as mar ata ſinne?*

F. Bha.

C. *Cionnas a dh' fheadadh ſin bhith thaobh gu 'n do bhaſaich iad m' un roibh fireantachd Chriosd air a coi'-lionadh?*

F. Chreid iad ann ſa Mhiſiah a ghealladh a bhare teachd gu bhi na iobairt air ſon peacaidh, a thoirt a ſteach fireantachd ſhiorruidh, agus ghabh Dia r' an creidimh ann ſan chum am fireanachadh.

C. *Cionnas ata é foilleir gu roibh iad ag earbſare Criosd chum am fireanachadh?*

F. Do bhri' gu bheil è air innſeadh dhuinn gu roibh an ſoiſgeul air a ſhearmonachadh dhoibh, gu fac iad na geallana fad o laimh, gu 'n do ghabh iad riu, gu failteach. Bha Criosd air a chuir amach dhoibh le' fai'-dearachdaibh o ſhein, le

ſamh-luighean agus iobairtean, agus mar ſo, bha iad ag amharc air Crioſt mar an t uan a mharbhadh o thoiſeach an t ſaoghail. Chuñnairc Abraham la Crioſt fad o laimh, bha fios aig Job gu roibh fhear ſaoruidh beo, ata Iſaiah ag roimh innfeadh gu 'n d thugadh Crioſt anam mar iobairt air ſon pheacaidh; agus ata é gairm gach duine dh' amharc air ſin chum ſlainte; agus ata é 'g a chomharthach 'mach mar an ti ann ſan roibh ar fireantachd agus ar neart, mar an ti ann ſam bithidh Iſrael air an teaſairgin agus an ſan deanadh iad uaill. Ata Jeremiah ag radh, an Tighearn ar fireantachd ris. Ata Daniel ag radh gu 'n deanadh é reite air ſon peacaidh, gu 'n d' thugadh é ſteach fireantachd ſhiorruidh; agus chum na criche ſo gu 'm bithidh a' Miſſiah air a chuir gu bás, Eabh. 4. 2. & 11. 13. Taiſ. 13. 8. Eoin 8. 56. Job 19. 25. Iſa. 53. 10. & 45. 22. 24. Jer. 23. 6. Dan. 9. 24. 26.

C. *Creud a mheadhoin leis am bheil ſinn a' gabhail re fireantachd Chrioſt agus 'g a cur ruinne?*

F. Le creidimh amhain, Rom. 3. 22.

C. *Am bheil creidimh g' ar fireanachadh mar 's e ar 'n obair no ar gniomh fein é?*

F. Cha 'n 'eil, ach amhain mar lamh no meadhon leis am bheil ſinn a' gabhail re fireantachd Chrioſt, agus 'g a cho' chur, agus 's é ſo fior adhbhar ar fireanaichaidh an lathair Dhe.

C. *C' ar ſon a b' aill le Dia gu 'm bithidh creidimh amhain na mheadhoin ar fireanachadh?*

F. Chum a nochdadh gur h ann o fhaor ghràs ata ar fireanachadh gu h iomlan, oir 's é nadur an fhior chreidimh é fein aich-ſhean agus an uileghloir a thoirt do Dhia, Rom. 4. 16.

C. *An ionann ſeadh do na briathraibh 'ta ag radh gu bheil ſinn air ar fireanachadh le fireantachd Chrioſt, agus do na briathraibh ata ag radh gu bheil ſinn air ar fireanachadh le creidimh?*

F. S ionann, 's i fireantachd Chrioſt a choſain ar ſaorſa, agus 's é creidimh a mheadhoin ata ga co'-chur.

C. *Am bheil ſinn air ar fireanachadh ann cuid le fireantachd Chrioſt, agus ann cuid eile le 'r fireantachd fein?*

F. Cha 'n 'eil; oir cha 'n fhead ſinn an ni as lugha d' ar maitheas fein a chuir re fireantachd Chrioſt ann ar fireanachadh, uime ſin ata ant abſtol Pol ag deimhineachadh dhuinne gu bheil ſinn air ar fireanachadh tre creidimh a's eagmhuis oibridh an lagha, Rom. 3. 28. Col. 2. 26.

C. *Cionnas ma 'ta ata 'n abſtol Seumas ag radh gu 'm fireanaichear duine le oibridh, agus ni h ann le creidimh amhain?*

F. Ata é foilleir o 'n choi'-theagaſg, nach 'eil Seumas ag labhairt air ar fireanachadh ann lathair Dhe, ach air fireanachadh duine agus a chreidimh ann lathair dhaoine: mar ſo, 'ta deagh oibribh ag nochda' ann lathair an t ſaoghail gu 'm bheil ſinn air ar fireannachadh, agus a' taiſbein gu bheil ar creidimh fior agus beothail, thaobh gur iad deadh oibribh fior thoradh a chreidimh, agus uime ſin, deir an t abſtol, nochdaidh miſe dhuitſe mo chreidimh le m' oibribh, agus rinneadh creidimh Abraham iomlan le oibribh, Seum. 2. 18. 22.

C. *C' ar ſon nach fead ſinn bhi air ar fireanachadh ann lathair Dhe le ar 'n oibribh fein?*

F. Do bhri' gu bheil an ſaoghal uile ciontach, agus ar 'n uil' oibribh neo'-iomlan ann lathair Dhia; agus ata eiſean na mhor cho'-throm ag iarruidh fireantachd iomlan.

C. *Am bheil ſcum air bhith ma 'ta ann deadh oibribh?*

F. Ge nach fead iad ar fireanachadh ann lathair Dhe, gidheadh ata iad ro fheumail chum Dia a ghloruchadh; agus a cho'-dughadh treibh-dhireachd ar creidimh; agus uime ſin, ata é air aithne

do

do gach creidmhich bhi curamach a choimhid deadh oibribh, Tit. 3. 8.

C. *Nach 'eil adhbhar aguinn' creidimh agu fireanachadh duine chuir an teagamh 'n uair nach faicear naomhachd agus deadh oibribh na lorg?*

F. Ata; oir leis a' cheart chreidimh leis am bheil duin' air fhireanachadh 'ta chroidhe air a ghlanadh, agus aithnichear feobhas na craoibh air a torradh, Gniomh. 15. 9. Mar. 7. 16. 17.

C. *C' uin' ata duine da rireadh air fhireanacha?*

F. Co luadh is a chreideas é gu fior ann an Josa Crioft.

C. *Nach do roimh-orduich Dia na daoine taghta fhireanachadh o bhioth-bhuantachd?*

F. Roimh-orduich; ach cha 'n fhead finn a tharruing uaithe fin, gu 'm bheil finn air ar fireanachadh o bhioth-bhuantachd; ni 's mo na gu roibh finn air ar cruthachadh o bhioth-bhuantachd, do bhri' gu do roimh-orduich Dia gu bitheamaid air ar cruthachadh; 's é na h uile a dh' fheadas finn a tharruing uaithe fo, gu 'm b' e rún gráfmhor an Tighearna [illegible] ar fireanachadh, agus gu roibh é re tachairt air ball taireis dhuinn' creidfin.

C. *Nach roibh na daoine taghta air am fireanachadh ann am báis no aifeirigh Chriofi, do bhri' gu bheil é air a radh, gu 'n d' thugadh thairis é air fon ar cionta-ne, agus gu do thogadh fuas é a-ris air fon ar fireanachadh?*

F. Bha iad air am fireanachadh ann fin thaobh fearta; ach cha roibh a thaoibh fealbh, oir gé do bha an t ain fhiach air a dhioladh ann fin gu coi'-lionta, gidheadh cha 'n 'eil coir aguinne da rireadh air an t faorfadh a chofain Crioft, gus am biodh i air a co' chur.

C. *Creud i a cheud chiud do fhireanacha?*

F. Bhi ag logha ar cionta-ne.

C. *Co aig' am bheil ughdarras peacaidh a logha?*

F. Aig Dia amhain, oir 's ann air fin ata am peacadh

peacadh ag deanamh eacoir, agus 's eiſean ard bhreitheamh an t ſaoghail gu leir, Iſ. 43. 25.

C. *Nach 'eil cumhachd aig luchd teagaiſg peacadh a logha, do bhri' gu bheil é air a radh riu ſan, ge b' é air bith d' am maith ſibh am peacaidh a' ta iad maithte dhoibh, Eoin* 20, 23. ?

F. Cha 'n 'eil an cumhachd ſin aca ſan ach air doigh mhiniſtreil, a thaiſbean o fhocal Dhe gu 'm bheil maitheamhnas peacaidh aig' gach neach ata re fior aithreachas agus creidimh; mar ſo cha 'n 'eil miniſteiridh ach amhain a' foillſicheadh gu bheil peacaidh air a maithe air cumhnant creidimh agus aithreachais.

C. *Nach 'eil cumhachd aig daoinibh diomhair peacadh a mhaithe? Do bhri' gu bheil Crioſt ag radh ris na h uile dhaoine, Mat.* 6. 14. *Mo mhaitheas ſibh an cionta do dhaoinibh, miaſidh bhur 'n Athair neamhaidh dhuibhſe mar an ceadna?*

F. Ata cumhachd aig daoinibh diomhair a mhain maitheamhnas a thabhairt ann ſan ea-coir a nithear orra fein; ach cha 'n 'eil cumhachd air bith aca maitheamhnas a thabhairt ann ſan eacoir ata 'm peacadh a deanamh air Dia.

C. *C' uin' ata Dia ag maithe am peacaidh do dhaoinibh?*

F. 'N uair a chreideas iad an Crioſt.

C. *Co dhiobh as gniomh ceartais na trocair maitheamhnas a thabhairt?*

F. Is gniomh ceartas agus trocair mar aon è.

C. *Cionnas ata ſin ſoilleir?*

F. 1. Is gniomh ceartais ann Dia maitheamhnas a thabhairt do gach peacach aithrighte 'ta cur re creidimh, do bhri' gu 'n d' thug Crioſt an urras ſin dhioladh ann ſan ain-fhiach, 1 Eoin 1. 9. 2. Is gniomh trocair è mar an ceadna, cha 'n é 'mhain gu 'n do ghabh Dia gu gráſmhor re dioladh o Chrioſt ar 'n urraſ-ne, ach gu do fhreaſdail è fein an t urras dhuinne.

C.

C. *Creud é an ni ann ſan pheacadh 'ta maitheamhnas a toirt air falbh ?*

F. A' chiont' ata ann.

C. *Creud é ſin ?*

F. Am peanas ata ſinn ag toillin.

C. *Am bheil maitheamhnas ag toirt air falbh droch thoilltineas a pheacaidh ?*

F. Cha 'n 'eil, oir ata peacaidh nan creidmhich ann 'ta fein ag toilltin iſ.inn mar ata peacaidh dhaoin' eile.

C. *Am bheil maitheamhnas ag toirt air falbh bith an pheacaidh as an anam gu h iomlan ?*

F. Cha 'n 'eil; oir chi ſinn truaill'-eachd a pheacaidh ag leantain ris an dream a fhuair maitheamhnas, Rom. 7.

C. *Am bheil gach neach ata faghail maitheamhnas ag righeachd air lan chinnt air a ſo ?*

F. Cha 'n 'eil; oir feadaidh duine maitheamhnas fhaghail o Dhia, agus gidheadh bhi faoi agartas coguis.

C. *'N uair ata Dia ag logha cionſ a luchd muintir, ann iad pecaidh a mhead 's a chuaidh ſeachad d' am beatha amhain dh' eug maithe ; no am bheil é mar an ceadna ag maithe nam peacaidh a chuireas iad ann gniomh na dhiaidh ſin ?*

F. Ata peacaidh a chuid a chuaidh ſeachd d' am beatha da ri readh air an logha, agus ata iad ag faghail coir air maitheamhnas ann 's na peacaidh ann ſan tuit iad ann diaidh laimh, ann lorg dhoibh fior chreidimh, agus aithreachas a chuir ann gniomh, ach cha 'n fheadar a radh gu 'm bheil peacadh air bith air a mhaithe gus an cuirthear ann gniomh é, agus gus an d' thig am peacach a dh' ionnſuidh fuil Chriſt chum maitheamhnas fhaghail ann.

C. *Nach 'eill diom aig Dia re peacaibh na dream ata air am fireanachadh ?*

F. Ata.

C.

C. *Ciod e a ghne fheirg ata é taiſbein nan aghaidh ?*

F. Cha 'n 'eil fearg dhioghaltach aige riu, mar ata aige re peacaidh luchd aingidheach, ach amhain diom Atharail, agus feadaidh ſlata ſmachdachaidh agus folach a ghnuis chardeil bhi nan co'-chuideachd ſo, nach fhead bhi air a h aiſig dhoibh a-ris gus an irioſlaich iad iad fein gu treimh-dhireach air ſon am peacaidh, ag athnuadhach' an creidimh agus an aithreachas, agus le urnaigh dhurachdach re Dia ag iarruidh maitheamhnais.

C. *Cionnas a bhios ſios aguinn' am bheil ar peacaidh air am maithe dhuinne ?*

F. Le 'r gradh do Chrioſt a choſain é, le 'r dian thogradh bhi coſmhuil ris, le 'r bròn, air ſon ar peacaidh leis an do lot' ſinn eiſean, le 'r 'n eagal ann an doilghios a chuir air Crioſt ſan aimſir re teachd, le treibh-dhireas ar croidhe agus le bhi ullamh a thoirt maitheamhnas do dhaoin' eile, Luc. 8. 47. Rom. 8. 1. Sal. 130. 4. Mat. 18. 35.

C. *Creud é an dara ni ann ar fireanachadh ?*

F. [illegible] gabhail ruinne mar ionracain ann a lathair ſin.

C. *Creud ata thu ciallachadh le ſin ?*

F. Gu 'm bheil Dia 'g ar meas mar fhireanaibh, agus 'g ar lan ſhaoradh o chionta, gu 'm bheil é gu cairdeil ag ceaduchadh dhuinn teachd na lathair, agus a' gabhail re ar peanſaidh agus re ar ſeirbheas air ſga' fireantachd Chrioſt ata cur dion orra mar aon.

Ceiſt XXXIV. *Creud is uchd mhachad ann ?*

F. Is i an uchd-mhacachd, gniomh ſaorghràſa De, leis am bheil ſinne air ar gabhail ann aireamh chloinne De, agus leis am bheil

bheil coir aguinn air gach uile shochairibh, agus urram a bhuineas dhoibh.

C. *Am focal sgriobtuir uchd-mhacachd?*

F. 'S eadh, Rom. 1. 25. Gal. 4. 4. Eph. 1. 5.

C. *Creud as seadh do 'n fhocal, no creud i uchd-mhacachd?*

F. A 'measg dhaoine ata è cialluchadh aon ata 'na choigreach a ghabhail a steach do theaghlach, a mheas mar Mhac, no Oighre, agus freasdal dh' a air an doigh sin. Mar so, 'n tra' ta Dia ag uchd-mhacach' nan caridmhich, ata è cialluchadh é bhi 'g an tabhairt sin a bha nan coigrich thaobh naduir a steach d' a theaghlach fein, agus bhi gabhail riu mar a mhic agus ingheana, agus a' toirt coir dhoibh air uile shochaire a chloinne sin.

C. *Cia lion gne chloinne 'ta air an ainmeachadh air Dia ann san sgriobtur?*

F. Tri; 'S e Josa Criost Mac Dhe trid gnealach shiorruidh, ann san aon nadur ris fein, Sal. 2. 7. 2. Deirir clann De re ainglibh agus re h Adhamh, do bhri gu 'n do chuireadh [illegible] neo'-mheadhonach le Dia iad Job 38. 7. Luc. 3. 38. 3. Ata na creidmhich nan cloinn dh' a trid uchd-mhacachd, Eoin 12. 1. 1 Eoin 1. 3. 1.

C. *Co d' an gniomh an uchd-mhachachd?*

F. 'S e gniomh Dhe i.

C. *C' ar son a deirir gniomh ria?*

F. Do bhri' gu bheil i air a deanamh re h aon uair.

C. *Ciod a ghne gniomh ata an so?*

F. Gniomh saor ghrais De.

C. *C' ar son a deirir sin ris?*

F. Do bhri' gu 'm bheil é gu h iomlan a srutha' o ghradh agus o dheadh ghean Dhe, peacaich do 'n chinneadh dhaoin' uchd-mhacacha' agus an gabhail a steach d' a theaghlach fein.

C. *Am bheil ni air bhith 'n as ion mhiannuighe*

ann

ann aon neach, na ata ann neach eile a 'bhroſluchadh Dhia chum uchd-mhacach g' a theaghlach fein ?

F. Cha 'n 'eil.

C. *Creud an ſtaid am bheil na peacaich m' am bheil Dia 'g an uchd-mhacach ?*

F. Ni bheil gliocas, no 'maiſe, no naomhachd, no ni maith air bith aca 'g an deanamh taitneach do Dhia, ach ataid dubh mar Ethiopianaich, nan cloinn feirge, n an coigrich do Dhia ; agus do theaghlach an Diabhoil, 'n uair ata è 'g an uchd-mhacach, agus 'g an toirt a ſteach d' a theaghlach fein.

C. *Nach iongantach an gràs agus an deadh-ghean ann Dia, cha 'n é 'mhain, maitheamhnas a thoirt do cheannairchibh co mhór, ach mar an ceadna, clann agus oighreachan a dheanamh dhiubh ?*

F. 'S eadh.

C. *Co d' am bheil Dia a' deonach' a ghràis ſo, an ann do na h uile dhaoine ?*

F. Cha 'n ann, ach dhoibh ſin amhain ata gabhail re Joſa Crioſt le creidimh, Eoin 1. 12. Gal. 3. 26.

C. *Nach 'eil coir aig cloinn uchd-mhacaichte Dhe air iomad ſochair oiſ-cionn dhaoin' eile ?*

F. Ata.

C. *Creud iad ſin ?*

F. Ata coimhead ; freaſdal, agus ſtiuradh atharail aca o Dhia, am feadh ſa bhios iad air thalamh ata è ceaduchadh dhoibh teachd g' a ionnſuidh mar an Athair, ata congnamh an Spiorad aca, agus eiſteachd 'n an urnuigh ; 'ſa na h aingibh ag frithealadh dhoibh is oighreachan do Dhia iad, agus co'-oighreachan maille re Crioſt, air oigh reachd neo'-thruailleadh.

C. *Nach 'eil dleaſdanais ſhonruight' mar fhiachа orra ſan ann lorg nan ſochairean mór agus luach mhór ſo ?* *F.* Ata.

C. *Creud iad na dleaſdanais ata fiachaicht' air cloinn uchdmhacaichte d' an Athair neambaidh ?*

F. Bu choir dhoibh gradh is urram a thoirt dh' a, a chomhairl' iarruidh ann 's gach aon ni, aontachadh le fmachduchadh atharail, bhi faoi eagal a dhiom', earbfa dheanamh as, agus iad fein a chuir air a churam.

C. *Creud na comharthaidh leis an aithnigh finn am bheil finn 'n ar cloinn uchd-mhacaight' aig Dia?*

F. Le 'n leithidibh fin, eadhon, ma 'ta finn cofmhail r' ar 'n Athair, ma 'ta finn ga ghradhachadh o 's gach ni eile, ma 'ta fuil aguinn r 'a ghloir do ghna', ma 'ta fpiorad na h uchd-mhacachd ionnain, an Spiorad fin a bhios a brofduchadh gu urnuigh, agus ag oirpeachadh naomhachd ann 's gach neach ann fam bheil é, Rom. 8. 14. Gal. 4. 6. 1 Eoin 2. 29.

C. *Creud iad na nithe ann fam bheil clann De cofmhail r' an athair-neamhaidh?*

F. Ann an naomhachd, ann trocair, ann a' maitheas agus co'-ftadh do na h uile, eadhon d' a naimhde.

C. *Nach 'eil clann uchd-mhacaig[illegible] uile nan cloinn dh' a fan mar an ceadna tre aith-ghneamhuin?*

F. Ata, oir ata iad uil' air an aith bhreith, agus a' faghail nuadh-nadurra, Eoin 1. 12.

Ceift XXXV. *Creud as naomhachadh ann?*

F. An naomhacha' is obair faor ghrafa De i; leis am bheil finn air an 'n ath nuadhach, ann fan duine gu h iomlan do reir iomhaidh Dhe, agus air ar deanamh comafach ni 's mo agus ni 's mo chum bafacha' do 'n pheacadh, agus chum bhith beo do fhireantachd.

C.

C. *Creud é ni, no neach a naomhachadh ?*

F. Ann an seagh nan sgriobtur ata é cialluchadh ni a choisreagadh do Dhia, no a ghlanadh o pheacadh, agus a dheanamh naomh.

C. *Nach 'eil fireanachadh agus naomhachadh neo'-sgathrail ?* *F.* Ata.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eatorra ?*

F. Is è fireanachadh gniomh De ann taobh muigh dh' inn, no bhinn fin leis am bheil é 'g ar saoradh o chionta a pheacaidh ; ach 's i naomhachadh obair Dhe ann taobh stigh dh' inn, 'g ar glanadh o shalachar a pheacaidh ; ata fireneachadh iomlan agus ann san aon tomhas ann 's gach creidmhich, agus air a chriochnacha' air ball ; ata naomhachadh neo'-iomlan agus ann an atharrachadh tomhais ann sa bheatha so, agus air a toirt air a'h aghaidh a chuid a chuid.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eidear aith-ghineamhuin agus naomhachadh ?*

F. Is i an aith-ghineamhuin ceud atharrachadh an naduir, le bhi cur siol gach gràis ann san anam, ann ar 'n iompochadh, no ar gairm eifeachdach, oir is ionann dhoibh sin ; ach 's i naomhachadh, buanachadh agus fás obair gràis ann sa chreidmhich trid a bheatha gu iomlan.

C. *Co d' an obair bhi 'g ar naomhachadh ?*

F. Is i obair an Spiorad naoimh i, 2 Theff. 2. 13. 1 Phead. i. 2.

C. *C' ar son nach h é gniomh ach obair a deirir re naomhachadh ?*

F. Do bhri' gu bheil i air a h oibreachadh agus air a toirt air a h aghaidh o cheim gu ceim.

C. *Nach fead sinn sinn fein a naomhacha' ?*

F. Cha 'n fhead ; oir cha 'n urradh sinn gras aith-bheothacha' no mheaduchadh, ni 's mo na dh' fheadas sinn a shuidheachadh air thus, feadaidh sinn ar salachadh fein, ach cha 'n 'eil è 'n ar comas sinn fein a ghlanadh.

C. *Nach fead fealladh d' ar gráfan ar 'n irioflachadh comhaith re fealladh d' ar peacaibh ?*

F. Feadaidh.

C. *Cionnas fin ?*

F. Feadaidh air peacaidh ar 'n irioflachadh, do bhri' gur h ann uainn' fein ata iad, agus ar gráfan do bhri' gu bheil gach ceim dhiubh air an tabhairt gu faor le Dia do 'n dream nach airidh orra.

C. *Creud i fior adhbhar ar naomhachaidh ?*

F. Fuil-Chriofl.

C. *Creud iad na meadhona leis am bheil an obair fo air a toirt air a h aghaidh ?*

F. Orduighean agus freafdal De, mar is aill leis am beannuchadh.

C. *Am bheil an duine gu h iomlan air a naomhacha ?* *F.* Ata.

C. *Creud ata thu cialluchadh leis an duine gu h iomlan ?*

F. Uile chumhachdaidh agus buaidhean an anma, agus mothachaibh agus buill a chuirp gu leir, ata an duine air a naomhachadh o 'n leith muigh, agus o 'n leith ftigh.

C. *Cionnas ata cumhachdaidh agus buaidhean an anma air an athnuadhacha' agus air an naomhacha ?*

F. Ata 'n Spiorad Naomh ag dortadh fruthaibh gràis air a chroidhe, ann fan tuigfe, ann fan toil, ann fa choguis, ann fa * mheoghair, agus ann a' mianna bh an anma gu leir, leis am bhell iad air an glanadh o 'n pheacadh, air an ath-nuadhachadh, air an deanamh naomh agus fpioradail, agus iomchuidh air doidh fhonruichte air umhlachd agus gleir a thoirt do Dhia.

C. *Cionnas ata mothachaibh agus buill a chuirp air an naomhachadh ?*

F. Le bhi 'g an atharracha gu feum naomha,

* chuimhne

'gan

'gan deanamh ſin a bha roimh laimh nan armaibh chum peacaidh, nan armaibh naomhachd; air achd as gu bheil an caithe beathá o 'n leith muigh air a riaghluchadh gu maith do reir focal De.

C. *Co an coſamhlachd ann ſam bheil an t atharrachadh 'ta air a dheanamh ann naomhacha' d' a reir?*

F. Do reir iomhaidh Dhe.

C. *Creud iad na nithe ann ſam bheil iomhaidh Dhe ag co' ſheaſamh?*

F. Ann bhi coſmhail re Dia, ann an naomhachd agus fior ghloin; ann am fuath do 'n pheacadh, agus an ſpeis do fhireantachd.

C. *Am bheil iomhaidh Dhe air a h aifig dhuinn' an tomhas iomlan ſan bheatha ſo?*

F. Cha 'n 'eil; oir ata obair na naomhachd neo'-iomlan ann 's na daoin' as fearr fhad ſa bhioſiad a bhos air thalamh.

C. *Cia leis ata thu co'-duchadh ſin?*

F. Leis an gheàrain is gna' leo a dheanamh air fuigheall a pheacaidh ionnta fein, ata conbhail ſuas gleachd ſpairneil gach la eidear an gráſan, agus an truaill'-eachd, agus uaithe ſo 'ta na dleaſdanais as fearr air a milleadh le peacadh.

C. *C' ar ſon ata Dia ag fagail truaill' eachd 'n a luchd muintir fhad ſa bhios iad air thalamh?*

F. 1. Chum an conbhail irioſal do gna' fuidh mhothacha' do mhead am peacaidh, agus am feum ata aca air fear ſaoruidh. 2. A theagaſg dhoibh gna' fheum a dheanamh do Chrioſt air ſon fireantachd agus neart. 3. Chum a chumhachd arduchadh ann an gràs lag a choimhead am buillſgean truaill'-eachd. 4. A thogbhail an croidheachan oiſ-cionn an t ſaoghail ſo, ann ſam bheil na h uiridh gleachd agus d' fheuchain aca, agus d' an lionadh le dian thogradh re neamh, ann ſan toir iad buaidh air gach truaill'-eachd, agus ann ſam biodh iad uile naomha gu ſiorruidh.

C. *Nach b' i naomhachadh iomlan gus an d' thig an t-ám ſin ?*

F. Cha bhi.

C. *Am bheil eider-dhealuch' naduir eidear naomhachadh, agus glóruchadh ?*

F. Cha 'n 'eil ; ach amhain ann an tomhas, 's é naomhachadh no grás, toiſeach na gloire, agus s i ſtaid na gloire gràs air a dheanamh iomlan.

C. *Cia lion cuid do naomhachadh 'ta air an ainmeachadh ann ſan fhreagra ?*

F. Dias, eadhon, bàſachadh do 'n pheacadh, agus teachd beo do 'n fhireantachd.

C. *Creud ata báſachadh do 'n pheacadh ag ciallachadh ?*

F. Cumhachd a pheacaidh bhi air a cheuſadh, agus a' fás lag ann ar 'n anamaibh.

C. *Creud na comharthaidh leis an aithnich ſinn ma' ta ſinn ag baſachadh do 'n pheacadh ?*

F. Ma 'ta ſinn ag baſachadh do 'n pheacadh bithidh ſinn a' gabhail fuath air, agus ag ſaothrachadh chum a ſgrios' gu tu[illegible]. 2. Bithidh ſinn curamach a ſheachnadh gach ni a dh' theadas ar truaill'-eachd fhada ſuas, agus a' cur coſg air ceud mhianna a pheacaidh ann taobh ſtigh dh' inn. 3. Bithidh ſinn re bròn ann lathair an Tighearna, 'n uair a mhothaicheas ſinn neart a pheacaidh, agus re urnaigh dhurachdach na aghaidh, agus 4. Bithidh ſinn a' deanamh feum do bhàs Chriofd chum am peacadh a chuir gu bás.

C. *Creud ata chuid eile do naomhachadh, ag ciallachudh, eadhon bhi ni 'ſ mo agus ni 'ſ mo teachd beo do fhireantachd ?*

F. Ceud tûs na beatha ſpioradail a bhi air a ſuidheachadh, agus ag fás ann ar 'n anamaibh, 'g ar broſduchadh thoirt umhlachd do thoil De ann 's gach aon ni ; agus a' toirt oirp' air dol air ar 'n aghaidh ann am fior naomhachd.

C. *Creud an t-eidir-dhealuch 'ata eidear deagh bheuſan*

bheuſan nan daoine neo'-iompoichte agus fior naomhach nan creidmhich ?

F. Ata cheud aon dhiubh ag frutha o nadur, agus a' deanamh cail eigin do atharrachadh air a bheatha, o 'n leith 'mach amhain, ach 's i an dara h aon torradh an Spioraid; agus ata i ag deanamh atharrachadh gráſmhor air a chroidhe ; ata cheud aon a' frutha o fhein ſpeis, agus ag tarruing gu fein ghloir, ach ata an aon eile ag teachd o ghradh do Dhia, agus a' treorachadh chum a ghloir ſin, ata cheud aon a' dearmad Chrioſt ; ach ata an aon eile ag earbſa r' a neart agus r' a fhireantachd ſan.

C. *Am bheil naomhacha' gu neo 'fhuaſgailte ſeumail ſa bheatha ſo, chum righeachd air ſlainte na dhiaidh ſo ?*

F. Ata ; oir ata é air a dheimhineacha' dhuinn Eabh. 12. 14. " As eagmhuis naomhachd nach " faic neach air bith an Tighearna, cha 'n fhead " duine mio-naomhadh co'-chomunn a bhi aige " ris an Dia ata uile naomha."

C. *Am fead daoine 'ta ciontach ann am peacaidh mór agus follaſach, bhi air an naomhachadh ?*

F. Feadaidh, oir ata 'n t abſtol Pol ann bhi ag labhairt air na peacaich b'u ghrainealadh, ag radh ris na Corinthianaich, " Agus mar ſin bha cuid " agaibhſe, ach ata ſibh air ar naomhachadh."

Ceiſt XXXVI. *Creud iad na ſochaire ata ann ſa beatha ſo ann a' co'-chuideachd, no ag ſruthadh o fhireanacha', o uchd-mhacachd, agus o naomhachadh ?*

F. Is iad na ſochaire ata ſan bheatha ſo, ann a co'-chuideachd no ag ſruthadh natha ſin, dearbh-beachd air gradh Dhe, ſioth-chaint coguis, aoibhneas ſan ſpiorad naomh, fas ann an gras, agus buan-mhaireachduin ann, gu teachd na criche deireannaich.

C.

C. *Cia lion fochair ata air an aimneachadh ann fan fhreagra' a bhuineas do fhireanacha', do uchdmhacach, agus do naomhachadh?*

F. Cuig.

C. *Cia a cheud aon dhiubh fin?*

F. Dearbh-beachd air gradh Dhe.

C. *Am bheil gradh fonruichte aig Dia do 'n dreing ata air am fireanachadh, ois cionn dhaoin' eile?*

F. Ata; oir 's iad cuſboirean fonruichte graidh Dhe iad.

C. *Am fead na creidmhich righeachd air lan dearbha air gradh Dhe ann fan bheatha fo?*

F. Feadaidh.

C. *Cionnas ata fin foilleir?*

F. O aithne Dhe ata ag ſparradh air gach creidmhich bhi 'g iarruidh ſo, agus o eiſempleir mhorain do na creidmhich a fhuar da rireadh eolas cinnteach, agus lan dearbha air gradh Dhe dhoibh, 2 Phead. 1. 10. Eabh. 6. 11. Rom. 5. 2. 3. Rom. 8. 16. 38. 39. 2 Cor. 5. 1. 1 Eoin 3. 14. 19. 21. 24. 1 Eoin 5. 13. Laoidh. 6. 3. Job 19. 25. 2 Tim. 1. 12.

C. *Am fead neach air bith righeachd air an lan dearbha ſo as eagmhuis foillſicheadh ſonruichte o Dhia?*

F. Feadaidh.

C. *Cionnas ata iad a' righeachd air?*

F. Air da dhoidh, 1. Le co'-duchadh foilleir rioſunta o fhocal De, eadhon, 'n uair a bheir iad fadear le dearbha o 'n leith ſtigh gu bheil na grà ſan ſin air an oibreacha ann an anamaibh air am bheil geallaibh ſonruicbte air gradh Dhe air an ceangal. 2. Le teiſteas Spioraid De, ag deanamh ſia'-nais le 'n Spiorad ſin gûr h iad clann De, 1 Eoin 2. 3. 1 Eoin 3. 14. 19. Rom. 8. 16.

C. *Creud na combarthaidh cinnteach leis an aithnich ſinn air fealbh air gradh Dhe?*

F. Le bhi gabhail re Crioſt mar ata é air a thairgſe ann ſan t ſoiſgeul, agus ag earbſa ris, le'r gradh.

gradh do .Chrioſt agus d' a luchd muintir ; le'r ſpeis do lagh Dhe, agus le 'r cúram ann a choimhid, le bhi cur ann aghaidh gach peacaidh, gu ſonruichte ar peacadh lionainn, le 'r dian thogradh ann diaidh naomhachd agus an leithid ſin, Marc. 16. 16. Eoin 1. 12. Sean. 8. 17. 1 Eoin 3. 14. Sal. 119. 165. Sal. 18. 23. 1 Eoin 3. 3. Phil. 3. 3. Sal. 119. 5. 6. 1 Phead. 2. 7.

C. *Ciod é ta thu ciallúchadh leis an Spiorad bhi ag deanamh fia'-nais le 'r Spiorad-ne ?*

F. E bhi ag dealradh air ar gráſan, agus 'g ar cuideachadh thoirt fai-near dhoibh, ann è bhiodh co' ſhineadh re ar ſpiorad-ne ann 's gach dearbha rioſunt' a thairneas ſinn o 'n fhocal, agus ann ar neartucha ann an co'-dhunadh gur ſinn clann De.

C. *Am bheil an dearbh-beachd ſo do fhior nadur a chreidimh, agus ann bheil gach creidmhich a' righeachd air ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir feadaidh cuid dhiubh bhi gluaſachd ann dorchadas, agus as eagmhus ſoluis, Iſa. 50. 10.

C. *Am bheil creidmhich air bith a' call a choir air gradh Dhe ?*

F. Cha 'n 'eil, oir cha 'n fhead ni air bhith an ſgaradh o ghradh Dhe ata ann Crioſt : ach feadaidh iad bhi a's eagmhuis mothach' agus dearbhbeachd air gradh Dhe.

C. *Cionnas ata luchd muintir Dhe ag call an dearbh beachd air a ghradh ſin ?*

F. Ata ſo ag teachd gu tric o mhi-chúram agus o dhearmad an dleaſdanais, agus o ann-danadas am peacachadh an aghaidh an ſoluis, agus ata Dia air uairibh air ſon rioſuna glic, agus naomha ag tarruing ſolus a ghnuis uapadh, 2 Phead. 1. 10. Laoidh. 5. 3. 6. Sal. 51. 8. 12. 14. Sal. 77. 7. 8. 9.

C. *C' ar ſon ata Dia ag tarruing air ais o luchd muintir,*

muintir, agus a' diultadh mothacha' air a ghradh dhoibh ?

F. Ata é ag deanamh ſo air uaireabh chum an irioſlachadh, agus a theagaſg dhoibh am beatha chaithe tre creidimh ni as mo na tre ſealbh ; agus uaithe ſo ata è ag tarladh gu tric gu 'm bheil cuid do na creidmhich a's lugha gràs ag faghail tuilleadh do latharachd ſo mhothaiche De, na iad ſan is neartmhora.

C. *Creud an t eidir-dhealuch ata eidir dearbh-beachd agus ann-danadas ?*

C. Ata fior dhearbh-beachd air gradh Dhe ag irioſlachadh an anama, agus 'g a dheanamh furachair ann aghaidh a pheacaidh, ach ata ann-danadas ag ſeideadh ſuas dhaoine, agus 'g an lionadh le neo'-chùram. Ata fior dhearbh-beachd toileach teachd a chum an t ſoluis a rannſuchadh no cuiſe, ach ata ann-danadas ag ſeachnadh an t ſoluis, Gal. 2. 20. 2 Cor. 7. 1. Sal. 39. 23. 24. Eoin 3. 20. 21.

C. *Nach bu choir do gach Criofuidh bhi ag dianruidh chum righeachd air lan dearbha air gradh Dhe, mar ni ann ſam bheil moran tairbh dhoibh ?*

F. Bu choir.

C. *Creud an tairbh ata aca le ſo ?*

F. Bheir é fois inntin dhoibh, fógruidh è eagal bàis, cuireadh é 'n croidhe am fairſingeachd le gradh agus le buidheachas do Dhia, agus bheir s é miſneach agus treoir dhoibh ann an ſlighe an dleaſdanais.

C. *Am bheil an lan dearbha' ſo ag buaireadh no ag aomadh dhaoine chum bhi dearmadach no neo'-fhaicealluch ?*

F. Cha 'n 'eil; ach na aite ſin, ata è 'g an aithbheothachadh, agus 'g an broſduchadh gu dicheall ann 's gach dleaſdanas.

Mu Shioth-chaint Coguis.

C. *Am bheil ſioth-chaint coguis na ſochair a bhuineas da*

do 'n dream ata air am fireanachadh, air an uchdmhacachadh, agus air an naomhachadh ?

F. Ata.

C. *Am bheil gach neach ata air a' naomhachadh a' gna' mhealtain na fochair fo ?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Ciod a dh' fheadas fo bhacadh, do bhri' gu 'm bheil Dia ag labhairt fith ris an dream fin, agus a' maitheamh 'n uile pheacaidh ?*

F. Is tric leis an droing d' am bheil Dia ag toirt maitheamhnas 'n an peacaidh, bhi 'n aghaidh maitheamhnas a thoirt dhoibh fein, agus ata neoil neo'-chreidimh agus buaireadh, air uairibh a' cur fgaile dorchadais air gach dearbha' a fhuair iad air an fith, agus ataid ag ath-thuiteam ann, gluafachd neo'-fhaiceallach, leis am fead an coguis bhi ann am moran mio-fhuaimhneas, Sal. 38. 3. 8. Ifa. 57. 2.

C. *Ciod a chuireas tofd air a choguis 'n uair a bhitheas i 'n triobluid no air a lot' ?*

F. Do bhri' gur i a choguis * fa'-uachdaran Dhe ao[illegible]dh' inn ; cha 'n fhead dadum tofd a chuir orra, ach an ni fin ata cur tofd air ceartas De, eadhon fuil Chriofl.

C. *Ciunnas ata fuil Chriofl a' cur tofd air a choguis ?*

F. Le bhi ag toirt ciont' agus cumhachd a pheacaidh air falbh uainne, agus le bhi togbhail fuas folus a ghnuis oirne.

C. *Am fead neo'-chreidmhich air bith fith coguis a bhi aige ?*

F. Feadaidh è fith mhealtach a bhi aige, ach s é an creidmheach ann Criofl amhain aig am biodh fior fhioth-chaint cogus, Luc. 11. 21. Rom. 5. 1.

C. *Cia uaithe 'ta fith nan neo'-chreidmhich a' fruitha ?*

* fear ionaid

F.

F. Ata i teachd ann cuid o chealgoirachd agus o * bhrionnal an croidhe fein ; agus ann cuid eile o 'n diabhol, ata mar dhuine laidir fa armaibh a' gleidheadh an tighe, Luc. 11. 21.

C. *Creud an t eidir dhealuch' ata eidear fith fhior agus fith bhreige na coguis ?*

F. Ata fior fhith coguis air a faghail ann an gnathachadh na mheadhona, mar ata orduighean an t foifgeul, urnaigh dhurachdach, croidhe brift' air fon peacaidh, gluafachd fhaiceallach, & naomhadh ann lathair Dhe ; ata i ag frutha o chreidimh ann Chrioft fear dheanamh na fith, agus ata i toirt air an duine bhi cúramach chum Dia a thoileachadh, agus bhi faoi eagal a dhiom a thoiltean, ach ni bheil fith bhreige, no ann danadas a' teachd air an doigh fo, ni mo 'ta na nithe fin na co'-chuideachd ; ach na aite fin, ata i air a fteigheach' ann am breanachadh diomhain, agus ata fuaimhneas feolmhor, dearmad air dleafdanais, agus gluafachd neo'-fhaicilleach 'n a co'-chuideachd, 2 Theff 3. 16. 1 Sam. 1. 12. 18. Ifa. 57. 17. Sal. 119. 165. Gal. 6. 16. Rom. 5. 1. 2. Taif 2. 17. Deut. 29. 19.

C. *Am bheil fith coguis a chreidmhich ag teachd is a' dol le fhith fin o 'n leith muigh ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir feadaidh mór thriobluid fhaoghalt a bhi air, 'n uair a bhitheas fith fholafach coguis aige trid Chrioft, Eoin 16.33. Hab. 3. 17. 18.

C. *Creud an doigh a's fearr a choimhead na fiothchaint fo o 'n leith fligh ?*

F. Le bhi deanamh gnath fheum do Chrioft ar fioth chaint-ne, le bhi dearcadh air fin gach la air fon fireantachd is neart, agus le gluafachd gu treibhdhireach do reir riaghail an t foifgeul, Eph. 2. 14. Gal. 6. 16.

C. *Am bheil fioth-chaint a chreidmhich re Dia ag atharrachadh do ghna' le fith a choguis fin ?*

F. Cha 'n 'eil,

* miodal

C.

C. *Cionnas ata ſioth-chaint a chreidmhich 'n a ſtaid ag ſeaſamh, 'n uair ata é call beachd air a ſhith?*

F. Do bhri' gu bheil coi'-cheangal De ſeaſmhach daingean, agus gu bheil eidear-ghuidhe Chrioſt re Dia air ſon a luchd muintir buadhach, agus buan mhaireanach.

Mu Aoibhneas ann ſan Spiorad Naomh.

C. *Creud ata thu cialluchadh le aoibhneas ann ſan Spiorad Naomh?*

F. An t aoibhneas ſpioradail, am fonn agus an gairdeachas, ata 'n Spiorad naomh ag oibreachadh ann am pobull De, 'n uair ata è foilleiricheadh dhoibh an coir air ſochairibh an nuadh-choi'-cheangail, no ag lui'-eaſachadh caoimhneas ſonruichte air anamaibh.

C. *C' ar ſon a deirir aoibhneas ann ſan Spiorad naomh ris an aoibhneas ſpioradail ſo?*

F. Do bhri' gur h e an Spiorad naomh ata ſuidheachadh, agus ag altrom an aoibhneas ſo ann ſan anam; agus uime ſin, deirir toradh an Spioraid ris, Gal. 5.

C. *Creud iad an nithe ſonruichte a' m bheil an gairdeachas ſo ag ſrutha?*

F. Ata é gu coitchinn ag ſrutha o fhior-mhothacha' air ar ſealbh air Crioſt, agus air ar ſaoradh trid fhireantachd ſan; no o a latharachd ghraſmhor maille ruinn, agus obair ſin annainne, o ſhoirbheachadh an t ſoiſgeul, no o dhuil chinnteach re ſonas neamhaidh, Sal. 150. 2. Iſa. 61. 10. Hab. 3. 18. Phil. 1. 25. Gniomh. 2. 46. 47. Gniomh. 8. 8. Sal. 51. 12. Rom. 5. 2.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eidear an t aoibhneas ſpioradail ſo agus aoibhneas an t ſaoghail?*

F. Ata 'n t aoibhneas ſpioradail fior ghlan, agus air a ſhuidheachadh gu domhain ann ſa chroidhe, ata è ag ull'-uchadh an anma fa chomhair gach dleaſdanas ſpioradail: ata è conbhail ſuas an

duine faoi gach triobloid o 'n leith 'mach: Ach ata aoibhneas an t saoghail truailleadh agus feolmhor, air a thonn luasgadh leis gach gaoth a sheideas 'n a aghaidh, fagaidh é 'n inntin faoi smuainteadh neo' shuaimhneach, ata ag deanamh neo'-iomchuidh air son gach dleasdanas naomha, agus searguidh s é as re àm báis.

C. *Ciod é an ni as mò cron do aoibhneas an fhior Chriosdaidh?*

F. Am peacadh, gu sonruichte 'n uair a ghabhas è an danadas a chuir ann gniomh ann aghaidh a sholuis, Sal. 51. 8.

C. *Nach fead ceatgoirean cail eigin do ghairdeachas diom-buan spioradail a bhi aca air uairibh?*

F. Feadaidh; oir bha so aig an luchd eisteachd ata air an coi meas ris an t shearann chlochach, agus aig luchd eisteachd Eoin, Mat. 13. 20. Eoin 5. 35.

C. *Creud an t eidir-dhealuch ata eidear fior aoibhneas spioradail nan creidmhich, agus gairdeachas diom-buan 'n ceatgoirean?*

F. Ata fior aoibhneas spioradail ag srutha o thursadh Diadhaidh, air son peacaidh, agus o chreidimh ann an Josa Criost; ata è 'g aomadh an duine gu bhi iriosal agus macant' 'n a inntin, a thoirt fuath do 'n pheacadh le uile chroidhe, a chuir ann aghaidh gach buaireadh le rún suidhsighte, agus a choi'lionadh gach dleasdanas le tuilleadh misnich: Ach do bhri' gu 'm bheil aoibhneas a chealgoir gu 'n fhior bhunachar no fealleadh ceart do Chriost, ata pheacadh ag fantain na lan neart, ata é air a sheideadh suas le fein speis, agus air ball 'g a fhagail co fheolmhor mhio-naomha as a bha è roimhe.

Mu Fhás ann an Grás.

C. *Ciod ata 'm fiacal sin grás ag cialluchadh?*

F.

F. Ata gràs air uairibh ag cialluchadh deadh-ghean De d' ar taoibh-ne, eadhon, a throcair agus a chaoimhneas do pheacaich trid Chriosd; agus 's ann leis a ghràs so ata sinn air ar tagha, air ar gairm, air ar fireanachadh, agus air ar saoradh, Rom. 11. 5. Gal. 1. 15. Rom. 3. 4. Eph. 2. 8. Air uairibh eile, 'ta grás ag cialluchadh deadh-obair Dhe ann taobh stigh dh'-ian, no na beusan gràsmhor ata é ag suidheachadh ann 's gach neach ata air am fireanachadh, mar 'ta aithreachas, creid-imh, gradh, &c. Leis am bheil iad air an naomh-achadh, agus air an deanamh iomchuidh fa chomh-air fonais bioth bhuan, 2 Phead. 3. 18. Seum. 4. 6. Gal. 3. 16. Eph. 4. 7. Eoin 1. 17. Agus san ann san t seagh so, 'ta grás r' a thuigsin ann san shreagradh.

C. *Ann é nadur an fhior ghrais a bhi fás ann san anam?*

F. 'S è.

C. *Cia ris ata 'n sgriobtur ag co'-meas fás a ghrais so?*

F. Re solus na maidin, ata ag fás ni as mo, agus ni as mo gu teachd an la iomlain, agus re siol an t sioladair a dh' fhafas suas agus a chinnis air doidh doi-ionnsadh, Sean. 4. 18. Marc. 4. 26. 27.

C. *C' ar son is eigin do 'n fhior ghrás fás uile?*

F. Do bhri' gur h è siol De, agus gu 'm bheil gach anam ann sam bheil á air a cheangal re Criosd; os' barr ata tomhas sonruichte air orduchadh gus an eigin do gach creidmhich fás a chuid a chuid chum an deanamh iomchuidh air son na h oighreachd neamhaidh, 1 Eoin 3. 2. Eoin. 15. 5. Eph. 4. 12. Col. 1. 12.

C. *C' uin' a dh' fheadar a radh gu 'm bheil an grás da rireadh a' fás ann sa chreidmheach?*

F. 'N uair ata é faghail ceimeana tomhais do nuadh neart, agus feadar so aithneach. 1. 'N uair a bhios é fás o 'n leith stigh, thaobh neo'-mheang-alachd agus aith-bheo'-alachd; No. 2. O 'n leith

muigh, thaobh toradh na naomhachd, ann an gniomhartha a bheatha : No. 3. 'N uair ata é fás fios thaobh fein fheanadh, agus gach fonn gràsmhor a' gabhail freamh ann fan anam : No. 4. 'N uair a bhios é dol fuas agus ag focruchadh a chroidhe air nithe fpioradail agus neamhaidh.

C. *Am bheil na creidmhich do ghna' a fás ann an grás ?*

F. Cha 'n 'eil ; ach ata rún cinneas agus togradh gu fás aca do ghnà.

C. *Nach fead fior ghrás dol air ais air uaireadh ?*

F. Feadaidh, oir ata creidmhich air uaribh ag treigfin an ceud ghraidh, agus ata na nithe maith ata luthair aca ullamh chum bàfachadh, Taif. 2. 4. agus 3. 2.

C. *Cionnas ata é tachairt gu bheil grás ag fás lag ann 's na creidmhich ?*

F. Ata è tarladh air uairibh o dhian bhuaireadh an diabhoil, ach gu coitchinn o dhi faire ann 'ta fein, o bhi dearmad feum a dheanamh do Chrioft, le bhi ag cur doilghios air an Spiorad, agus le bhi toirt fois do 'n pheacadh le 'm fios.

C. *Creud na comharthaidh coitchinn leis an aithnighear ma 'ta grás ag fás lag ?*

F. 1. Le call ciocrais fpioradail, agus tlachd ann ar dleafdanas. 2. Le call an fhuath fin do 'n pheacadh agus cóguis fhaicealiach mar chleachd iad. 3. Call miann agus togradh air fon foirbheachadh an t foifgeul. 4. Gradh do 'n t faoghal agus do nithe faoghalt' ag dol a' mead.

C. *Cionnas a dh' aith nicheas finn ma 'ta grás fior agus flainteil, ge do bhios é lag agus anmhunn ?*

F. Ciod air bith ait' am bheil fior ghràs, mothaichear am peacadh mar uallach, meafaidh an t anam Crioft roi'-phreifeil, bithidh fpeis d'a orduighean agus d' a luchd muinntir, agus bithidh iad

gu

gu durachdach ag iarruidh tuille gràis & naomhachd.

C. *Creud as feumail dhuinn a dheanamh chum an gràs ata lag agus a' feargadh thoirt gu fás agus cinneas ?*

F. 'S eigin dhuinn geur mhothach a bhi aguinn air an eaflaint ſpioradail, agus teachd a dh' ionnſaidh Chrioſt leigh an anma a dh'-fhaghail cuideachaidh ; bhi rannſuchadh ma 'ta ainmiann air bhith gun cheaſadh ann taobh ſtigh dh'inn, agus bhiodh 'g a ſpionadh freamh a's bonn ; bhi ag amharc' re Crioſt chum 's gu 'n dortadh é Spiorad agus a bheannuchadh air a * rioghalta fein, agus air a fhreafdala, bhi ag tagradh gu durachdach air geallaibh aith-bheothachaidh agus neartuchaidh, agus gu 'n d thigeadh é mar dhealt air Iſrael, Sal. 85. 6. Hoſ. 14. 4. 5. 6. Sal. 119. 25. 28.

C. *Am bheil buan-mhaircachduin ann gràs na ſochair a bhuineas do 'n dream ata air am fireanachadh ?*

F. Ata.

C. *Creud ara thu cialluchadh le buan-mhaircachduin an gràs ?*

F. Bhi ag fantuin do ghina' ann ſtaid nan gràs, agus ann an gnathachadh Diadhaidh gu 'n uig a chrioch.

C. *Am fead neach air bhith ata air ſhireanachadht uiteam gu tur o ſtaid nan gràs ?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Cionnas ata cinnt ag-ad air a ſin ?*

F. O neo'-chaochlui'-eachd Dhe, & o naduir a ghrais; oir " ata tiodhlacaidh agus gairm Dhe " gun aithreachas ;" agus bithidh gràs ann 's na creidmhich mar thobar uiſg' a' fruthadh ſuas chum na beatha mairtheanaich, Rom. 11. 29. Eoin 4. 14.

C. *Am bheil na h uile ata 'g aidmheil Chrioſt ag buanachadh 'n an aidmheil ?*

* orduighean

F. Cha 'n 'eil, oir ata sinn ag leaghadh air móran a thuit o 'n aidmheil, Eoin 6. 66.

C. *C' ar son nach 'eil luch aidmheil Chriosd gu leir a' buan-mhaireachduin ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil móran dhiubh nach 'eil air am freamhachadh ann neo'-mheangalachd; & is tric leosan a thoiseachas ann an cealgoireachd criochnachadh ann an cul sleamhnuchadh, Mat. 13. 20. 21. Sal. 87. 87.

C. *Nach fead dream ata ann staid nan grás tuiteam ann am peacaidh mór agus graineil ?*

F. Feadaidh.

C. *Nach 'eil eisempleire aguinn air a so ann san sgriobtur ?*

F. Ata, eadhon, Lot, Noah, Daibhi, agus Peadar aguinn mar eisempleiribh.

C. *C' ar son ata na h eisempleire sin aguinne ?*

C. G' ar teagasg gun earbsa dheanamh as arnear' fein, a sheachnadh gach buaireadh gu peacadh, chum gnath earbsa re Criost ar 'n urras-ne, agus gu 'n bhi ain-earbsach a trocair an Tighearna 'n uair a philleas sinn ris le fior aithreachas.

C. *Nach do thuit iad san a pheacaich co' ghraineil o staid na grás ?*

F. 1. Cha do thuit iad gu tur; oir ge do thuit iad o iomad ceim gràis, cha do thuit iad o staid nan grás gu h iomlan, ge do thainig iad gu beag creidimh a bhi aca, cha roibh iad as eagmhuis uile. 2. Cha do thuit iad gun aith-leasachadh, oir ge do chuaidh iad air seachran o Dhia car seal, gidheadh bha 'n aithreachas agus an aith-leasachadh air an deanamh cinnteach dhoibh.

C. *Nach 'eil móran aig am bheil deagh choslas car tamail ata cul sleamhnuchadh gu tur o Dhia faidheadh ?*

F. Ata; ach 'n uair a thuiteas neach gu tur o Dhia, agus gun aith-leasachadh; feadaidh sinn bhi cinnteach nach roibh è riamh da rireadh ann an neo'-mheangalachd do reir a choslais; bha è

naomh

naomh amhain thaobh aidmheil, ach cha roibh è gu fior agus da rireadh mar fin, 1 Eoin 2. 19.

C. *Nach 'eil é air a radh, Eoin 15. 2.* "*Gach* "*uile gheug ionnamſa nach 'eil a' giulan toraidh* "*bheireir air falbh i,*" *Nach 'eil ſin 'n a thuiteam o ſtaid nan grâs ?*

F. Cha roibh na geugan mìo-tharbhach ſinn anns an Crioſt tre creidimh, ach trid aidmheil amhain.

C. *Nach do thuit Adhamh agus Solamh o ſtaid nan grâs gu tur, agus gun aith leaſachadh ?*

F. Cha roibh gealladh buan ſheaſamh aig Adhamh, gidheadh ata è ro-choſlach gu roibh è air aith-leaſachadh le creidſin ann an Crioſt trid a gheallaidh a fhuair é gu ſaor o Dhia. Do thaobh Sholaimh ata adhbhair aguinn a chreidſin gu 'n roibh é air aith-leaſachadh gu fior aithreachas, 2 Sam 7. 14. 15.

C. *C' ar ſon ata coi'-lion comhairle agus gealladh air an toirt do na creidmhich ſan ſgriobtur mar fead iad tuiteam gu tur o ghrâs ?*

F. 'S iad na comhairlean agus na h earrailean ſinn cuid [illegible] mheadhona d' am bheil Dia ag deanamh feum chum an teaſairgin o thuiteam gun aith-leaſachadh.

C. *An ann do thaobh ſaor thoil agus neart ann ſna creidmhich fein, nach 'eil iad ag tuiteam faidheadh ?*

F. Cha 'n ann ; oir thuit Adhamh agus Aingil le, aig an roibh grâis na bu treiſe ; agus thuiteadh na creidmhich gu leir, mar bithidh iad air an conbhail ſuas le cumhachd as airde na ni air bith ionnta fein.

C. *Creud iad rioſuna ſonruichte buanmhaireachduin nan naomh ?*

F. Is iad ſin, coi'-cheangal neo'-chaoch'-lach Dhé, agus gradh taghaidh, gu 'm bheil iad air an colnadh le fuil Chrioſt, agus coi'-cheangailte ris ſin, gu 'm bheil eidear-ghuidhe ſin buadhach air an

an ſon, maille re cumhachd agus gealladh Dhe, Eoin 20. 11. 28. Luc. 22. 32. 1 Phead. 1. 5.

C. *Creud an gealladh 'ta aig na creidmhich air am buain-mhaireachduin ann ſtaid nan gràs gu 'n uig a chrioch?*

F. Os' barr air iomad gealladh eile, 'ta na briathra ſin aca, Jer. 32. 40. "Ni miſe coi'-cheangal "fiorruidh riu nach pill me uapadh o dheanamh "maith dhoibh: Ach cuiridh miſe m' eagal ann "nan croidheachan chum 's nach cul ſleamh-"nuich iad uamſa."

Ceiſt XXXVII. *Creud iad na ſochaire ata na creidmhich ag faghail o Chrioſt re ám báis?*

F. Ata anamanna nan creidmhich re h àm am bais, air an deanamh foirfe ann a' naomhachd, agus air ball ataid ag dol chum gloire, agus air bhith d' an corpaibh ſior cheangailte re Crioſt ni 'd comhnuidh ann nan uaighibh gu 'n uig an àir-eirigh.

C. *Am bheil na ſochaire ata na creidmhich ag faghail o Chriſt a' creichnachadh le 'm beatha?*

F. Cha 'n 'eil air doidh air bith, oir ataid ag faghail ſochairean moran ni as mo na bh' aca riamh re h ám bàis, agus ann diaidh ám bàis.

C. *Co ata thu ag tuigſin le creidmhich ann ſan aite ſo?*

F. Iad ſan ata aig toirt creideas do fhocal De, agus ata gabhail re Crioſt, agus 'g an ſocruchadh fein air ſin le 'n uile chroidhe chum ſlainte, mar ata é air a thairgſe do pheacaich chailte ann ſan t ſoiſgeul.

C. *An ann air anamaibh, no air corpaibh nan creidmhich ata Criſt a lui'-eaſacha' ſochaireadh re h ám láis?*

F.

F. Ata é 'g an lui'-eafacha' air an anamaibh agus air an corpaibh mar aon.

C. *Creud iad na fochaire ata air an deonachadh do anamaibh nan creidmhich re h am báis ?*

F. Ata dias air an ainmeachadh an fan fhreag ra ; 1. Ataid air an deanamh foirfe ann an naomh-achd. 2. Ataid air ball ag dol chum gloir.

C. *Am bheil gach aon chreidmhich ag righeachd air foirfeachd ann an naomhachd ?*

F. Ata.

C. *C' uin' ataid ag righeachd air a fo ?*

F. Aig am bàis.

C. *Nach fead neach air bhith righeachd air trid na beatha fo ?*

F. Cha 'n fhead.

C. *C' ar fon fin ?*

F. Do bhri' nach 'eil freamh a pheacaidh air a fpionadh gu h iomlan a's an anam gu 'n uig am bás.

C. *Connas ata fin foilleir ?*

F. Ata è foilleir mar aon o fhocal De, agus o ar fidreachadh fein. 1 Eoin 1. 8. Rom 7. 23. 24.

C. *C' ar fon a's eigin do gach creiemhich bhi air an deanamh foirfe ann au naomhachd ann am báis ?*

F. Do bhri' nach fead ni neo'-ghlan air bith dol a fteach air geataidh a nuaidh Jerufalem. Taif. 21. 27.

C. *Cionnas ata na creidmhich air an deanamh iomlan ann naomhachd re h âm báis ?*

F. Ata an grafaibh air an deanamh foirfe, agus ata freamh a' pheacaidh air a fpionadh as an na-dur, ni nach fead tachairt gus am biodh an tigh talmhaidh air a fgaoileadh.

C. *Am bheil anamanna nan creidmhich ag báf-achadh no codal maille re 'n corpaibh ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ataid ag fantuin beo, agus gniomhach ann an ftaid eidir-dhealuichte.

C.

C. *C' ait' an d' theid iad ann diaidh dhoibh an corp fhagail ?*

F. Chum gloire.

C. *Cia luadh a tharlas fo ann diaidh báis ?*

F. Air ball, gun dail air bith.

C. *Nach 'eil iad ag dol do phurgoidoireachd air an t ſlighe, chum an glanadh o'n pheacadh, agus d' an naomhachadh chum dol a ſteach do rioghachd neamh ?*

F. Cha 'n 'eil barrantas air bith o fhocal De, air ſon na breaſlaich Phapanaich ſin ; thaobh nach 'eil ionad glanaidh air bith ann ach fuil Chrioſt.

C. *Cionnas ata thu ag dearbha o 'n 'ſgriobtur gu bheil iad ag dol air ball chum gloire ?*

F. O na h ionadaibh ſin ata 'g innſeadh dhuinn gu roibh anam Laſarus air a ghiulan air ball leis na h ainglibh chum uchd Abraham ; gu 'n roibh an gadaich aithrichte air a ghloruchadh air ball, gu 'm bheil am bás na bhuannachd do na creidmhich, agus 'g an tabhairt an lathair an Tighearna : agus thug na nithe ſo uile air an abſtol am bás a roghnucha' chum 's gu 'm bitheadh é maille re Crioſt, Luc. 16. 22. Luc. 23. 43. 2 Cor. 5. 8. Phil. 1. 21. 23.

C. *Creud ata thu cialluchadh leis a ghloir chum am bheil na creidmhich ag dol air ball re h ám báis ?*

F. An lathaireachd neo'-mheadhonach an ſealladh agus an t ſealbh ataid air ball ag faghail air Dia ann diaidh am bás ; 's maith a dheadar a radh gu bheil na creidmhich ann ſin ag dol chum gloire, do bhridh gu 'm bheil iad ag dol chum ionad ghormhor, chum ſtaid ghlormhor, chum cuideachd ghlormhor, agus chum obair ghlormhoir.

C. *Creud i an ſtaid ghlormhor chum an d' theid na creidmhich an ám báis ?*

F. Theid iad gu ſtaid ſuaimhneis ſhiorruidh agus dluthais do Dhia, Eabh. 4. 9. Taiſ. 14, 13. 2 Cor. 5. 8.

C.

C. *Creud é an t ionad glormhor chum an d' theid iad ?*

F. Tigh an athar neamhaidh, ris an abrar luchairt an Righ ann ſan d' ull'-uigh Crioſt aite comhnuidh dhoibh, Sal. 45. 15. Eoin 14. 2.

C. *Có a chuideachd ghlor mhor a chum am bheil iad air an gabhail ?*

F. Chum co'-chuidheachd Dhia, Chrioſt, nan aingeal, agus ſpioradaibh nam firean air an deanamh foirfe, 2 Cor. 5. 8. Phil. 1. 21. 1 Theſſ. 4. 17. Eab. 12. 22. 23. 24.

C. *Creud i an obair ghlormhor ris am biodh iad ?*

F. Bithidh iad do ghna' ag toirt moluidh do Dhia le mór iongantas.

C. *Creud iad na nithe ann Dia bhios nan cuſboireean iongantais agus molaidh aca ?*

F. A bhuaidhibh glormhor, agus oibreadh iongantach, gu ſonruichte a ghradh gun choimeas ann an obair na ſaorſa, an run-diomhair ſin Dia air fhoillſicheadh ſan fheol, agus a' bàſachadh air air ſoin-, Taiſ. 1. 5. agns 4. 11. agus 5. 9. 12.

C. *Creud iad na ſochaire 'ta na creidmhich ag faghail o Chriſt thaobh an corpaibh ann ám báis ?*

F. Ata an corpaibh ag fantuin ann an coi'-cheagal re Crioſt an àm bàis, agus ataid a' gabhail comhnuidh ann an uaighibh mar leaba gu 'n uig an ais-eirigh, 1 Theſſ. 4. 15. Iſ. 57. 2.

C. *C' ar ſon ata na creidmhich ag faghail báis ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil é air orduchadh do dhaoinibh bás fhaghail aon uair, agus ata 'm bàs ag teachd air gach aon duine, do bhri' gu 'n do pheacaich iad uile, Eabh. 9. 27. Rom. 5 12.

C. *An bheil neach air bith air a ſhaoradh o 'n reachd bháis ſo ?*

F. Cha 'n 'eil, ach Enoch agus Elias, a bha air an aiſig chum neamh gun am bás a bhuſadh ; agus iadſan a bhitheas beo air thalamh 'n uair a thig

thig Crioſt chum bhreitheamhnais, 1 Cor. 15. 51. 1 Theſſ. 4. 15.

C. *An roibh am bás air erduchadh mar ſmachduchadh air ſon a pheacaidh?*

F. Bha, Rom. 6. 23.

C. *C' ar ſon ma ſeadh, ata na creidmhich ag faghail báis do bhri' gu bheil iad air an ſaoradh o uile ſmachduchadh a pheacaidh, le Crioſt a dh' fhulaing air an ſon?*

F Dh' fheadadh Crioſt am bás a chonbhail uapadh nam b' aill leis ſo a dheanamh; ach chunnairc é iomchuidh amhain le bhàs fein nadur a bhàis atharrachadh dhoíbhſin, agus gach ni bha mar ſmachduchadh ann a thoirt air falbh; mar ſo dh' atharraich è nadur gu h iomlan, 'g a thiondadh o bhi na namhaid gu bhi na chairid, o bhi na ſmachduchadh chum bhi na ionad glanaidh, no na mheadhon ſonruichte chum an deanamh foirfe ann an naomhachd, agus mar ionnlad o gach peacadh, agus ſan da thaobh ſo ata 'm bàs air ainmeachadh a' meaſg tiodhlacadh agus ſochairibh nan creidmhich, 1 Cor. 3. 22.

C. *Nach 'eil eidir dhealuch mó [illegible] bás nan creidmhich, agus bás nan neo'-chreidmhich?*

F. Ata, oir do 'n dara h aon ata ag ſrutha o ghradh Dhe, ach 's e ſmachducha a' pheacaidh do 'n aon 'eil 'e; do 'n dara h ann 's e ſearbhanta 'n Athar è 'g an toirt dha' thigh do thigh an Athar neamhaidh, ach do 'n aon eile 's e maor ceartais é d' an glacadh air ſon ain-fhiach oilteil a pheacaidh.

C. *Creud an t eidir dhealuch ata eidear an uaigh do na na creidmhich, agus do na neo'-chreidmhich?*

F. Ata an uaigh na leabaidh taimh do na creidmhich ann ſan codail iad ann Joſa Crioſt, agus ſan trid fearta a' cheangail ata gna' mhairthean eidear Crioſt agus iadſan, a theid an duſgadh air maidin na h ais-eirigh; ach ata 'n uaigh mar ghaintir do na neo' chreidmhich ann ſam biodh

an

an corpaibh air an coimhead gu la mór a bhreitheanais, agus o 'm biodh iad air an dusgadh le cumhachd Dhe am breitheamh uath-bhàsach.

C. *Cionnas a dh' fheadas aonachd no coi'-cheangal air bith bhi eidear neach-co ghlormhor re Crioft, agus ar corpaibh graineil fe 'n tra' bhios iad ag lobhtha ann san uaigh ?*

F. Do bhri' cha 'n é 'mhain gu 'm bheil an coi'-cheangal ata eidear Crioft agus na creidmhich aig righeachd air an dús agus an luaithre fin, ach gu fonruichte, do bhri' gu bheil ceangal teann diomhair eidear Crioft mar an ceann agus na creidmhich mar bhuill a chuirp dhiomhair fin, agus thaobh gur cuid do 'n chorp dhiomhair fo dus nan creidmhich, ata Crioft ag amharc orra mar ni 'ta 'n dlu' dhaimh dh'a fein.

C. *O 'ta 'm bás ag fgaoileadh a cheangail ata eidear an t anam agus an corp, c' ar fon nach 'eil é mar an ceadna a' fgaoileadh a cheangail ata eidear Crioft agus an corp ?*

F. Do bhri' nach feadar an ceangal diomhair ata eidear Crioft agus a luchd muintir a fgaoileadh air doidh an dith, air achd as nach fuaifgail am bàs fein é, mar ata é deanamh air gach ceangal agus daimh eile ; ach ata é air an doigh fo cofmhuil ris an aonachd Phearfonta 'ta eidear nadur na Diadhachd, agus nadur na daonachd ann an Jofa Crioft, oir, 'n uair a dh' fhuiling Crioft am bás, mhair an aonachd Phearfonta, do bhri' gu roibh nadur na Diadhachd ceangailte r' a anam air neamh, agus r' a chorp ann fan uaigh : mar fo, 'n uair a dh' eugas na creidmhich 'ta 'n ceangal diomhair fo gna' mhairthean, do bhri gu 'm bheil Crioft an ceann, coi'-cheangailte mar aon r' an anamaibh air neamh, agus r' an corpaibh nan luidheadh ann fan uaigh.

C. *Am bheil cuirp nan creidmhich uil' air an cuir an fan uaigh ?*

F. Cha 'n 'eil ann an feagh teann ; oir bha cuid

do na maintircich air an loſgadh gu luaithre ann ſan teine, bha cuide eile air an coſgradh le fiadhbheiſtibh, agus cuid air am bàthaidh ann ſan fhairge; ach ciod air bith ait' ann ſam bheil an corpaibh air an taſgaidh chum fás truailleadh, ata ſin mar uaighibh dhoibh ſin agus bheir Crioſt as iad.

C. *Ciod é an t adhbhar m' an abrar codal re bás nan chreidmhich?*

F. Do bhri', mar ata codal ag toirt fois agus taimh do 'n duine ſgith le obair agus ſaothair; mar an ceadna 'ta 'm bás a' tòirt fois agus clos do 'n chreidmheach ata ſgith le bhi cathachadh gu ſaothrach ann aghaidh a pheacaidh agus an diabhoil. Os barr ata am bás mar chodal do 'n creidmheach do bhri gu 'm biodh ſe air a dhuſgadh airis air maidin na h aiſeirigh, Sal. 17. 15. agus 49. 14.

C. *C' ar ſon a deirir leabaicheadh taimh re uaighibh nan creidmhich?*

F. Do bhri' gu 'm bheil iad a' gabhail taimh' o uil' amhghairibh agus ſaothair an t ſaoghail ſo, o gheur leanmhuin nan aingidh, o bhuaireadh an diabhuil, agus o oibreacha a pheacaidh.

C. *Cia fhad a dh' fhanas iad ann an uaighibh?*

F. Gu 'n uig an aiſ-eirigh.

Ceiſt XXXVII. *Creud iad na ſochaire 'ta na creidmhich ag faghail o Chrioſt ann ſan-aiſeirigh?*

F. Ann ſan aiſ-eirigh, air bhith do na creidmhich air an duſgadh as an uaighibh ann an gloir, bithidh iad air an aithneacha gu follas, agus air an deanamh uile bheannuichte ann an Dia a lan mhealtuin gu ſior-ruidhe.

C. *Creud ata air a chialluchadh leis an aiſ-eirigh ann ſan aite ſo?*

F.

F. Eirigh na marbh gu h uile o 'n uaighibh, beag agus mór, maith agus olc, a bha beo air thalamh ann 's gach linn do 'n t saoghal, o 'n cheud chruthachadh gu 'n uig an la deireannach, Gniomh. 24. 15. Taif. 21. 12.

C. *Creud an t eidir dhealluch ata eidear aif-eirigh agus cruthachadh?*

F. 'S è cruthachadh ni nuadh a dheanamh as an talamh aig nach roibh bith no * tabhachd roimh laimh; ach 's e aif-eirigh bhi ag togbhail a chuirp fin fein airis as a dhus ann fan roibh é.

C. *C' uin' a bhitheas an aif-eirigh choit-cheann fo?*

F. Air an la dheireannach, 'n uair a thig Crioft-chum breathanais.

C. *Cionnas ata thu co'duchalh cinnt agus firinn na h aif-eirigh?*

F. O uile chumhachd Dhe 'ta lgoir fhoghainteach chum na mairbh á thogbhail fuas; agus leis an fgriobtur naomh, ann fam bheil Dia gu foilleir ag innfeadh gu tog é fuas iad.

C. *Ciod a b' adhbhar do mhearachd nan Sadduiseach a bha ag aish-feun na h aifeirigh?*

F. Gu roibh iad ain-eolach air da bhunait' mhòr an teagaifg fo, eadhon, na fgriobtuiribh agus cumhachd Dhe, mar dh' innis Crioft doibh, Mat. 22. 29.

C. *Ciomas a dh' fheadadh iad bhi ain-eolach air teagafg na h ais-eirigh o fgriobtuiribh an t fein tiomnuidh, do bhri' gu bheil Job agus Daniel ag labhairt co-fhoilleir m' an chuis ruil? Job* 19. 26. 27. *Dan.* 12. 2.

F. Cha robh ach beag meas aig na Sadduiseach do chuid air bhith do na fgriobhaia fin, ach do chuig leabhraicheann Mhaois, agus bha iad a' fmuainteachadh nach roibh an cunntas bu ludha air ain aif-eirigh na air an aith-bheatha ionnta fan; ach cho'-duich ar flanui'-fheir a cheart ath-arachadh gu foilleir as na leabhraicheann fin fein,

leis an do chuir é nan tosd iad uile, Mat. 22. 31. 31. 32. &c. Marc. 12. 26. 27.

C. *Cionnas a ch'duich Criosd an aisd-eirigh, agus an aith bheatha o leabhraichean Mhaois ?*

F. O Exod. 3. 6. Am sam bheil Dia ag labhairt re Maois o 'n phreas, sad ann diaidh do Abraham, do Isaac, agus do Jacob bhi marbh, ag radh, Is mise Dia Abraham, Dia Isaac, agus Dia Jacob. 'Noisd thaobh nach 'eil é ag radh bu mhi an Dia ; ach 's mi an Dia san am ; ata ar Slanui'-fhear ag rioshunachadh uaithe so, cha 'n eisean Dia na marbh, ach Dia nam beo. Agus thaobh gu 'm bheil daimh a choi'-cheangail buan-sheasmhach, b' eigin gu roibh an anamaibh beo san am sin, agus mar an ceadna, gu 'm bithidh iad air an ceangal r' an corpaibh airis, ris am bheil togradh nadurra aca, chum 's gu 'm biodh iad air an deanamh sonadh gu siorruidh ann an Dia a lan mhealtain mar an Dia fein.

C. *Ach nach 'eil soillsicheadh moran n' as soilleir-e'dheadh aguinn air an aisd-eirigh o 'n Tiomna nuadh ?*

F. Ata ann iomad aite dheth.

C. *Ach cionnas a dh' fheadar a chreidsin gu biodh cu'rp na marbh air an togbhail airis chum an slaid ann san 'roibh iad ann dia dh dheibh del-fuidh coi'-lion at larrachaidh ?*

F. Cha bu choir a mheas air doigh air bhith mar ni do-chreidsin gu 'n dusgeadh Dia na mairbh : oir mu bha chumhachd san comasach air an t saoghal gu leir a dheanamh do neimh-ni, cho 'n fheadar a mheas mar ni cruaidh air sin ar corpaibh a thogbhail suas o 'n dus d' an roibh iad air an deanamh air thus, Gn'omh. 26. 8.

C. *Nach d' thug Dia iomad dearbha' agus ei'emplear dhuinn' air a chumhachd a thogbhail na marbh ?*

F. Thug, mar bha ann a' mac bain-trea'-ch Sarepta a thogbhuil le's an fhaigh Elijah, mac na

Shunamatich

Shunamatich le Elisha, Dorcas le Peadar, Eutichus le Pol, Os-barr, ais-eirigh Chrios fein, agus an h uile a thog eisean fhad sa bha é air thalamh, 1 Riogh 17. 2 Riogh 4. agus 13. Gniomh. 9. Gniomh. 20. Mat. 9. Eoin 11.

C. *Nach 'eil nadur agus buaidh neo'-chrisdhnach ceartais De ag iarruidh gu 'm bithidh aiseireigh ann?*

F. Ata; oir do bhri' gu 'n roibh cuirp nan aingidh gniomhach ann am peacaidh, ata é co'-thromach gu 'm bithidh co' pairt aca ann an smachduchadh air an son; agus tha obh gu 'n roibh cuirp nan creidmhich nan armaibh ann seirbheis De, ath é co'-thromach mar an ceadna, gu 'm bithidh iad ag co'-partuchadh ann san duais agus ann sa ghloir a luidh-easaichear orra.

C. *Nach 'eil cuid do riosanaibh sonruichte aguinn air son ais-eirigh corpaibh nan creidmhich?*

F. Ata; ais-eirigh Chrios ann ceann, agus nadur coi'-cheangail De ris na creidmhich nan riosana no nan argumainte cinnteach agus a lan thoilicheas.

C. *Am biodh na mairbh air an dusgadh leis na ceart chorpaibh a bh' aca 'n uair a bha iad beo?*

F. Bithidh.

C. *Cionnas ata thu co'dachadh sin?*

F. Do bhri' gu 'm b' iad na corpaibh sin, ceart armaibh Diadhachd, no ain-diadhachd, ata é co'-thromach gur iad sin, agus nach cuirp eile, a gheibh an duais no am peanas. Os barr, mar b' iad na ceart' chorpaibh a bh' aca roimhe a dh' eireadh, bhithidh é na nuadh chruthachadh, ann aite bhi 'n a aiseirigh. Ach ata Job ag cur na cuis a's an teagamh, le bhi ag deimhneacha dhuinn gur h iad na ceart chorpaibh sin a bhios ann; Job 19. 26. 27. " Agus ann diadh mo chraicuin ge " do sgriosfas na cnuimhibh mo chorp, gidheadh " ann a' m' fheoil chi mise Dia: neach a chi mi

" air mo ſhon fein, agus dearcaidh mo ſhuile air,
" agus cha 'n aon eile."

C. *Nach biodh atharrachadh air corpaibh nan creidmhich 'n tra' dhuiſgear ſuas iad, o 'n ſtaid ann ſam bheil iad ſan ám ſo ?*

F. Cha bhi thaobh tabhachd no naduir, ge do bhitheas atharracha' mor orra thaobh buaidhibh.

C. *Creud an t atharracha' buaidhean a bhios air corpaibh nan creidmhich ann ſan ais-eirigh ?*

F. Bha 'n cuirp ann ſa bheatha ſo anmhunn, eaſ-lainteach, truaillidh, agus bàſmhor, agus nan corpaibh graineil, mar bha iad gniomhach ann am moran peacaidh ; ach ann ſan ám ſin bhithidh iad nan corpaibh neartmhor, ſlan, fiorghlan, ſpioradail neo'-thruaillidh, neo'-bhâſmhor, agus maiſeach, Phil. 3. 21. 1 Cor. 15. 42. 43. 44 52. 53. 54.

C. *Cionnas a deirir gu bheil cuirp nan creidmhich air an duſgadh ſuas ann an gloir, agus air an deanamh coſmhuil-re corp glormhor Chrioſt ?*

F. Do bhri' gu 'm biodh co'-pairt aca ann a ghlór ſin, oir bithidh corp Chrioſt ag dealradh mar a ghrian, agus bithidh an cuirp ſin ag dealradh mar reulta ma thimchioll ſan, ach bithidh an gloir ſin uil' a' teachd o 'n dealradh bhios ann an Crioſt an ceann amhain.

C. *Nacd biodh eidir dhealuch mór eidear ais-eirigh na m fireanibh agus ais-eirigh nan aingidh ?*

F. Bithidh ; oir eirigh na naoimh chum beatha ſhiorruidh trid fearta ais-eirigh Chrioſt, agus an aonachd ris ſin, ach eirigh na h aingidh chum diteadh, trid fearta cumhachd agus ceartais De, a bheir o ghaintir chum breitheanais mar luchd doibheart iad. Eirigh na naoimh le gloir agus luath ghair, a meaſg aingle coimhideachd ; ach eiridh na h aingidh le oilt agus ball chrith, le móran midhreach agus uath bhâis nan gnuis mar dhaone bhios a dol chum binne teine ſhiorruidh.

C.

C. *Creud a mheadhon mhór leis an duiſgear na mairbh ann ſan la dheireannach?*

F. Le guth an ard-aingil, agus fuaim na trompaid dheireannaich, ni a bheir gairm co chumhachdach do na mairbh, nach fead aon neach a diultadh, ach ſ eigin dhoibh eiridh is teachd ann lathair a bhreitheamh.

C. *Nach biodh grad ſgarachduin air a dheanamh ann ſan la ſin eidear na h ionracain agus na h aingidh?*

E. Bithidh; oir biodh na h aingeal ſan àm ſin ag ſaothrachadh a ſgaradh nan firean o luch mighniomh, agus 'g an tional r' a cheile nan aon bhuidhean bheannuichte.

C. *Ciod a nithear ris na creidmhich ann ſin?*

F. Bithidh iad air an togbhail ſuas le cheile ann comh-dhail ann Tighearna ann ſna neulaibh.

C. *Creud iad na ſochairibh a bhios aig' na creidmhich ann lathair caithir breitheanais cis-cionn dhaoine' eile?*

F. Cuirfidh Crioſt air a laimh dheis iad, aithnichear gu follaſach agus lan ſhaorar iad leis, foillfichidh é choir ata aca air an oighreachd ghlormhor a chuaidh dheaſachadh dhoibh, agus bheir è cuireadh dhoibh ſealbh a ghabhail orra, bheir é an onoir dhoibh ſuidheadh mar luchd binn ann am breitheanas air ainglibh agus daoin' aingidh.

C. *Ciod ata thu cialluchadh leis na creidmhich a bhi air an aithneacha' gu follaſach le Crioſt air an la ſin?*

F. Gu gabh é riu gu follaſach mar an dream ata air an tagha agus air an ſaoradh leis.

C. *Có m' am bheil Crioſt ag radh gu 'n aithnich é mar a luchd muintir fein iad air an la ſin?*

F. Iad ſan ata gabhail re Crioſt, agus 'g a aidmhicheadh ſan àm ſo?

C. *Co iad a dh' aich ſheunas Crioſt air an la ſin?*

F. Iad ſan nach 'eil a' gabhail re Crioſt; agus at[illegible] a aich ſhean ſin anois, Mat. 10. 32. 33.

" Uime

" Uime sin ge b'e dh' aidmhicheas mise am fiadh-
" nais dhaoine aidmhichidh mis' eisean mar an
" ceadna am fiadhnais m' Athar ata air neamh.
" Ach b'e dh' aich-sheunas mise am fiadhnais
" dhaoine, aich-sheunaidh mis' eisean am fiadh-
" nais m' Athar ata air neamh."

C. *Creud ata thu cialluchadh leis na creidmhich a bhi air an lan shaoradh ann san la sin?*

F. Gu 'm biodh iad air am fireannachaidh gu follasach le Criost, agus air am fuasgladh o chiont am peacaidh uile; agus gu 'm biodh eisean 'g an toirt anios, agus 'g an glanadh gu soilleir o sganail agus o droch iomradh an t saoghail.

C. *Nach 'eil na creidmhich air an aithneach agus air an saoradh roimh 'n am so?*

F. Ata é 'g a dheanamh so san t saoghal so, 'n uair ata am peacaidh air an logha dhoibh, agus 'ta é toirt fios dhoibh air 'n uair ata 'n Spiorad naomh a' deanamh fia'-nais le 'n coguisibh fein, Rom. 8. 16. 33. 1 Eoin 3. 21.

C. *Ciod an t eidir dhealuch' ata eidear an doidh-air am bheil Criost ag aith neach' agus a' saoradh nan creidmhich san am so, agus an doidh air an dean é so aig caithir breitheanais?*

F. Ata so, 1. Thaobh foillsichidh; ata cheud aon dhiubh diomhair ann uchd a chreidmhich fein, ata an dara h aon follasach ann lathair dhaoin' agus aingeal. 2. Thaobh cinnt an duine fein 'm an chuis, oir feadaidh é cheud aon a chuir an teagamh, ach cha 'n fhead é teagamh air bith a bhi aige mu 'n dar li aon, oir as binn lagha i air a labhairt le beul a bhreitheamh air diodh ro-shonruichte.

C. *Ciod a tharlas ann lorg an aithnicheadh agus an lan shaoruidh so?*

F. Cuiridh è gu fiorruidh air cul gach teagamh agus eagal o anamaibh nan creidmhich, agus bithidh iad air an lionadh le aoibhneas dolabhairt, agus lan

fan do ghloir. Uime fin deirir àm an fhuaraiche dhoibh ris an la fin, Gniomh. 3. 19.

C. *Nach bu choir d' ar creidimh ann fan aithneach agus ann fan lan fhaoradh fo, ar deanamh mifnachail a ghabhail re Crioft ann a phearfa, ann a cifigibh, agus ann a fhirinnibh ann aghaidh gach cunntart?*

F. Bu choir.

C. *Cionnas a rigeas finn air an ais-eirigh fhona' agus air an lan fhaoradh fin, air an la dheireannach?*

F. 'S eigin dhuinn bhi faothracha' chum 's gu fuighear finn ann an Crioft, agus bhi fgeuduichte le fhireantachd fin, bhi fior leantain air fin agus air flighe na firinn, bhi ag ceufadh na feola, agus bhi 'g oirpeachadh naomhachd ann 's gach uile chaithe beatha.

F. 'N uair a bheir Crioft am breitheamh' mach binn fhaoruidh agus diteadh nach d' theid an cuir ann gniomh air ball?

F. Theid; oir ann diaidh an toirt amach, ata é air a chuir ris, Mat. 25. 46. " Gun im' ich na " h aingidh chum peanais fhiorruidh; ach na fir- " eanaidh chum na beatha mairtheanaich."

C. *Nach eigin do na h aingidh co' throm na binn a thig amach nan aghaidh aid' ichidh?*

F. 'S eigin, oir ann toirt amach na binne fo, ta Crioft a toirt dhoibh a cheart ni a bha iad a' 'roghnuchadh agus ag iarruidh roimh laimh.

C. *Cia é fin?*

F. Bhi fada o Dhia: agus mar a dubhairt iadfan re Dia ann fa bheatha fo, im'-ich uainne; mar fin deir eifean riu fan im-ichibh uamfa.

C. *Nach fuigh na naoimh fealbh air fonas air ball ann diaidh am binne?*

F. Gheibh.

C. *Creid an fonas a bhios aca ann diaidh do 'n bhreitheanas dol feachad?*

F.

F. Bithidh iad air an deanamh uile bheannuichte ann an Dia a lan mhealtuin gu fior ruidh.

C. *Ciod ata r' a thuigsin le bhi uile bheannuichte?*

F. Saorsadh iomlan o gach uil' olc, agus bhi lan mhealtain gach aon ni maith.

C. *Creud iad na h uilc o 'm biodh na creidmhich air an saor-fhuasgladh ann rioghachd na gloire?*

F. O gach gne pheacaidh, cionta no salachar, o gach togradh no buaireadh chum peacaidh, agus o uile thoradh searbh a pheacaidh, mar ata gearan, eagal, no gne air bith do thriobloid.

C. *C' uin' a bhios duin' a' mealtain gach aon ni maith?*

F. 'N uair a rigeas é air bhi ag lan mhealtain Dhe.

C. *Am fead sinn righeachd air a sin air á thalamh?*

F. Cha 'n fhead; oir ge 'ta luchd muintir Dhe 'g a mhealtain ann an tomhas eigin san t saoghal 'n uair a gheabh iad co'-chomunn maille ris, ann a orduighean fein; gidheadh 'ta lan mhealtain Dhe air a choimhead, agus air a thaisgidh fa chomhair rioghachd neamh na dhiadh so.

C. *Creud iad na nithe ann sam bheil lan mhealtain Dhe air neamh a' co'-sheasamh?*

F. 1. Ann bhi air an gabhail a steach chum a latharachd ghlormhor. 2. Ann an sealbhachadh a ghnuis le beachd súl gu neo'-mheadhonach. 3. Ann an lan dearbh-beachd agus mothach air a ghradh. 4. Ann bhi air an deanamh cosmhuil ris. 5. Ann an lan thlachd agus toil-inntin ann Dia, mar an cuimh roinn siorruidh.

C. *Am fead creatuir air bhith Dia a lán mhealtain?*

F. Cha 'n fhead creatuir air bhith Dia a lan mhealtain mar 'ta Dia 'g a mhealtain fein; ach bithidh na creidmhich 'g a mhealtain air neamh,

air

air doidh co' iomlan as a cheaduicheas an naduir dhoibh ſo a dheanamh.

C. *Cionnas a dh' fheadas duin' air bith gnuis De fhoicſin, thaobh gu 'm bheil é neo'-fhaicſionach?*

F. Ata é neo'-fhaicſionach do ſhuil a chuirp, ach ni bheil è mar ſo do ſhuilibh an anama.

C. *Cionnas a dh' fheadas creatuir air bith bhi coſmhuil re Dia ata neo'-chriochnach?*

F. Ata naomhachd agus ſior-ghloin a chreatuiribh rioſunta, nan ſamhla, agus 'n a coſamhlachd ann cail-eigin air naomhachd neo'-chriochnach Dhe.

C. *Cia fhad a bhios na creidmhich air am beannuchadh ann bhi a lan mhealtain Dhe air neamh?*

F. Ni h ann car laithe no bliadhnaidh, ach gu SIORRUIDH, agus 's e ſo an ni a dh' fhagas an ſonas ro bhlaſta ann ſan ionad ſin, gu 'm biodh é gun chrioch, agus gu biodh iad gu ſiorruidh maille ris an Tighearna.

C. *Cionnas a deirir gu 'm bi Dia na UILE ANN 'S GACH UILE?*

F. Ata è ag teaſgag na nithe ſin, 1. Gu 'm bi na naoimh air an lan dioladh ann ſin le Dia amhain. 2. Nach bi feum air bith air na nithe criochnach o 'm b' abhaiſt dhoibh co'-fhurtachd a tharruing. 3. Gu 'm bi gach ni bha toirt ſólais dhoibh roimh 'n àm ſin, air am faghail, agus air a' mealtain ann Dia air doidh choi'-lionta.

C. *Nach bi é mar ghna' obair aig na naoimh air neamh bhi toirt adhraidh, moladh, agus feirbheas do Dhia?*

F. Bithidh.

C. *Nach toir an adhradh, agus an feirbheas air neamh buaidh gu mór air an adhradh agus an t feirbheas as mo' iomlanachd air thalamh?*

F. Bheir, do bhri' nach bi meaſgadh peacach, ſeachran cealgoireachd, no neo'-iomlanachd ann nan adhradh air neamh. Ach bithidh iad ga

dheanamh

dheanamh leis an tlachd as mo, agus a buanmhaireachduin ann gun ſgios gun chlos gu ſiorruidh.

Ceiſt XXXIX. *Creud é an dleaſdanas ata Dia ag iarruidh air an duine?*

F. Is è ad dleaſdanas ata Dia ag iarruidh air an duine umhlachd d' a thoil ata air a foillſeachadh.

C. *Nach 'eil a cheiſt ſo a' toiſeacha' an dara cuid do leabhar nan ceiſt?*

F. Ata.

C. *Ciod é an t eidir-dhialuch' ata eidear a cheud agus an dara cuid do leabhar nan ceiſt?*

F. Ata cheud chuid ag labhairt mu na nithe a bhuineas do chreidimh, agus ciod as coir do 'n duine a chreidſin mu thimchioll Dhe: Ata 'n dara cuid a' laimhſeachadh na nithe a bhuineas d' ar gnathachadh, agus creid é ar dleaſdanas do Dhia.

C. *Nach h iad ſin an da ni mhór ata na ſgriobtuire gu h airid ag teagaſg?*

F. 'S iad, agus mar chuladh ſin a cheud aon, bu choir duinn an dara h aon a thoirt fainear mar an ceadna, oir 'ta ni eigin aig' an duin r' a dheanamh co mhaith is r' a chreidſin.

C. *Creud ata thu cialluchadh le dleaſdanas ann ſan aite ſo?*

F. An ni ſin ata dligheach do Dhia o 'n duine, no as coir do 'n duine a dheanamh do Dhia.

C. *Ciod ata thu cialluchadh le umhlachd?*

F. An duine bhi 'g aontachadh le toil De, ann 's gach ni ata è 'g iarruidh no ag toirmeaſg.

C. *Creud i riaghail ar dleaſdanais agus 'n ar 'n umhlachd ne?*

F. Toll fhoillſichte Dhe.

C.

C. *Creud ata thu cialluchadh le toil fhoillſichte De?*

F. A rún ata é a' taiſbean, agus a' toirt fios dhuinn' air ann ſna ſgriobtuiribh.

C. *C' ar ſon nach fhead* beul-oideas, no innleachda dhaoine bhi aguinn mar riaghail?*

F. Do bhri' gu 'm bheil Dia a' cur cul ris gach crabhadh thar tomhas, agus gach creidimh diomhain; ag radh, co 'ta 'g iarruidh nan nithe ſin aig bhur laimh ſe, Iſa. 1. 12.

C. *Am bheil toil air bith eil' aig Dia thuille air a thoil fhoillſighte?*

F. Ata, eadhon a thoil dhiomhair.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eidear toil fhoillſighte agus toil dhiomhair Dhe?*

F. Is i toil dhiomhair De, a chomhairle ſhioruidh agus orducha thaobh gach aon ni, nach biodh fios orra gus an d' thig iad gu crich, ach 's i toil fhoillſighte De na nithe 'ta é ag taiſbean agus a cur far comhair mar ar dleaſdanas, chum 's gu 'n cuireamaid ann gniomh agus gu leanamaid iad.

C. *Am bheil toil dhiomhair De na cuid air bith d' ar riaghail-ne?*

F. Cha 'n 'eil; oir buinidh nithe diomhair do 'n Tighearna ar Dia-ne, ach buineadh na nithe 'ta air am foillſicheadh dhuinne, agus d' ar cloinn Deut. 29. 29.

C. *Creud an t adhbhar mu 'm bheil ar 'n umhlachd agus ar ſeirbhis'-ne dligheach do Dhia?*

F. Do bhri' gur h é Dia ar cruthai'-fhear, ar fear coimhead, ar fear freaſdail, ar 'n ard Thighearna, agus ar reachd thabhartaidh.

C. *Am bheil umhlachd dligheach do neach air bith ach do Dhia?*

F. Ata, 's eigin do ſhearbhanta bhi umhal d' am maighiſdiribh, clann d' am parantaibh, & iochdarain d' an uachdarain, ach cha 'n ann air an

S doigh

* *beul-theagaſg*

doigh air am bheil é ceangailt orra umhlachd a thabhairt do Dhia.

C. *Creud an t eidir-dhealuch' ata eidear an umhlachd ata dligheach do Dhia, agus an umhlachd ata dligheach d' ar 'n uchdarain?*

F. 'S eigin dhuinn umhlachd a thoirt do Dhia air a fhon fein, agus thaobh ughdarrais ard Thigearnail fin, ach 's eigin dhuinn umhlachd a thoirt d' ar 'n uchdarain fhaoghalt, gu h airid do bhri' gu bheil Dia 'g a iarruidh oirne, agus do bhri' gu bheil an tiartas fin do reir a thoile fin.

C. *Creud is coir a dheanamh 'n uair a bhios aitheanta Dhia, agus aitheanta dhaoin' ann aghaidh a cheile?*

F. 'N uair a tharlas fin 's eigin dhuinn umhlachd a thoirt do Dhia thoileach air daoine, Gniomh 4. 19.

C. *Creud i a ghne umhlachd fin-a bhios taitneach do Dhia?*

F. 'S eigin dh'i bhi neo'-mheangail, buan, & iomlan; 's eigin dh'i fruthadh o dheadh bheafaibh, eadhon, o chroidhe nuadh, o chreidimh, o ghradh, do Dhia, agus do Jofa Crioft; 's eigin dhoibh criochan ceart a chur rompa, eadhon gloir Dhe a chuir air a h aghaidh.

C. *Am feud fi-n ni air bith a thoiltin aig laimh Dhe le 'r 'n-umhlachd?*

F. Cha 'n fheud, ach 's eigin dhuinn finn fein a mheas mar fhearbhanta mio-tharbhach ann diaidh dhuinn an ni as fearr ata 'n ar comas a dheanamh, ata na dleafdanais rs fearr as urradh finn a dheanamh neo'-iomlan, air achd is gur ann trid umhlachd Chrioft, agus cha 'n ann air fon ar 'n umhlachd fein a bhios finn air ar teafairgin.

C. *Ge 'ta chuis mor fo, nach h é ar dleafdanas umhlachd a thoirt do Dhia do reir ar comais?*

F. 'S e, do bhri gu bheil Dia 'g a iarruidh oirne.

C.

C. *Nach gabh Dia r' ar 'n umhlachd ma bhios i treimh-dhireach, ge tao bhios i neo'-iomlan?*

F. Gabhaidh, air ſgath diolaidh agus eidearghuidhe Chrioſt.

C. *Nach cuing do dhaoine bhi gna' cheangailte re umhlachd a thoirt do Dhia fad uile laithe am beatha?*

F. Cha 'n eadh; oir meaſaidh iad-ſin d' an aithne Dia, agus ata-a' toirt graidh dh' a a ſheirbheas ſin mar an t ſaorſa as mo, Sal. 119. 45.

C. *Am bi iad ſaor a ſheirbheas De air neamh?*

F. Cha bhi; oir ann ſan aite ſin ni a ſhearbhanta ſeirbhis dh' a agus meaſaidh iad ſo mar an ard ſhonas, Taiſ. 22. 3.

C. *Nach biodh eidir dhealich' mor eidear an t ſeirbheis a bheir iad dh'a air neamh, agus an t ſeirbhis ata iad ag toirt dh'a anois?*

F. Bithidh; oir ann ſin, ni iad ſeirbheas dh'a gun pheacadh no ſgios.

Ceiſt XL. *Creud i an riaghail umhlachd a thug Dia do 'n duin' air thoiſeach?*

F. Do bi an Riaghail umhlachd a thug Dia do'n duin' air a thoiſeach lagh na modhannaibh.

C. *Am bheil an duin' air ordachadh chum bhi faoi cheangail agus ſtiuradh lagha?*

F. Ata.

C. *C' ar ſon ſin?*

F. Do bhri' gu 'n d' rinneadh é le buaidhibh riofunta, air ſon ſeirbheas a chruthai'-fhir, nime ſin, 's eigin dh' a bhi freagarach do Dhia air ſon a ghniomhartha.

C. *Creud am feum ata 'ann an lagh do dhaoine?*

F. A nochda' dhoibh creud é peaca' agus dleaſdanas.

C. *Creud é an reachd a fhuair an duine an toiſeach?*

F. Lagh na modhanna.

C. Creud ata thu ciallucha' le lagh na modhanna?

F. An lagh fin ata na riaghail ghna'-fheafmhach, thaobh ar beafaibh agus ar giulan, an ni fin ata na thaifbean neo'-mhuiteach air toil De, thaoibh dleafdanais a cheartais, ata dligheach o gach aon duine do Dhia, agus d'a choimhearfnach, aon 's gach linn do 'n t faoghal, an lagh fin ata gu h aith-ghearr air a chur fios ann s na deich aitheantaibh.

C. C' ar fon a deirir lagh na modhanna ris?

F. Do bhri' gu bheil é 'n a riaghail buan mhairtheanach, chum ar beafaibh agus ar caithe beatha thaobh De agus dhaoine a riaghluchadh.

C. C' ar fon a deirir gu 'm b' e lagh na modhanna a cheud riaghail a thaifbeanadh do 'n duine 'n uair a bha na deich aitheanta air an tabhairt amhain air fliabh Shinai, cis-cionn da mhile bliadhna ann diaidh cruthachaidh an duine?

F. Ge 'ta chuis mar fo, gidheadh b'e lagh na modhanna a cheud riaghail, do bhri' gu roibh é fgriobht' air crodhe an duine 'n a cheud chruthachadh, air bhi dh'a air a dheanamh do reir iomhaidh Dhe.

C. Am bheil an lagh fo do ghna' ag fantuin fgriobht' air croidh an duine?

F. Ge 'ta 'n lagh fo gu bronach air fas dorcha tuid a cheud leagaidh, gidheadh, do bhri' gu bheil é ag freagradh do fholus naduir, 'ta cail-eigin do fhuigheil dheth ra fhaghail air croidheachan a chinnidh dhaoine gu leir.

C. Am bheil na Geintilich fuidh cheangal lagh na modhanna, aig nach 'eil na fgriobtuir a thoirt eolais dhoibh air?

F. Ata é ceangailt' air a chinneadh dhaoin' uile, do bhri' gu 'n d' fhuair an duine lan eolas air ann a cheud chruthachadh, agus fan le choire fein a chaill é 'n t eolas fo. Agus ge nach 'eil eolus nan fgriobtur aig na cinnich, gidheadh ata

urrad

urrad do lagh na modhanna air a thaisbean dhoibh le solus naduir, as ata leor shoghainteach chum am fagail gun leith sgeul air son an eas-umhlachd, Rom. 2. 14. 15.

C. *Ma 'ta lagh na modhana nadurra dhuinn, ciod am feum a bha air a sgriobhadh an sa Bhiobul?*

F. 1. Do bhri' gu do tharruing ceud thuiteam an duine dorchadas truagh air ar 'n anamaibh, agus gu do chuir è as do eolas an lagha so. 2. B'aill le Dia le so a nochdadh, gur eisean ughdar an lagha agus soluis naduir mar aon. 3. Chum an duine shagail ni bu lugha leith-sgeul.

C. *Am fead duine air bith righeachd air slainte le umhlachd do lagh na modhanna?*

F. Cha 'n shead.

C. *Am bheil é co'-thromach do Dhia umhlachd iomlan do 'n lagh so iarruidh 'n uair nach 'eil duin' air bhith comasach air a toirt seachad?*

F. Ata; oir feadaidh Dia le ceartas an ni sin iarruidh air am bheil coir aige, ge do chaill sinne so le 'r coire fein. Thug Dia do 'n duine ann a cheud chruthachadh cumhachd chum umhlachd iomlan a thoirt seachad, ach mhio-bhuileach è so: 'Nois ge nach bi am fear a bhios fuidh ainshiach comasach air a dhioladh, gidheadh cha 'n 'eil am fear agartais le sin a' call a choir air a chuid fein iarruidh.

C. *C' ar son ata 'n lagh air a thoirt do dhaoinibh, 'n uair nach sead neach air bhith beatha shaghail d'a thrid?*

F. Chum bhi na ghrabadh air a pheacadh, agus mar riaghail sireantachd, ach gu sonruichte bha 'n lagh air a thabhairt mar mhaighistir-sgoile g' ar treorachadh dh'ionnsuidh Criost, Gal. 3. 24.

C. *Cionnas ata 'n lagh na Mhaighistir sgoile g' ar treorachadh dh' ionnsuidh Chriost?*

F. Mar bhithis Maighistir-sgoile le bhagraibh & le slataibh ag brosduchadh scoilearain a bhios

dhi-theagaſg chum eolas fhoghlum air ſon a' maith fein ; mar ſin ata 'n lagh le thagraibh, le impidh, le bhagraibh, agus le mhallachdaidh ag duſgadh anamaibh neo'-mhothachail, gu ſealladh d' am peacaidh agus d'an cunntart, chum a's gu teichfidh iad a dh' ionnſuidh Chriosd air ſon fireantachd iomlan a fhreagradh iartais an lagha, agus d' an dion o mhallachadh.

C. *Am bheil an lagh a' treorachadh na h uile dhaoine dh' ionnſuidh Chriosd ?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Cioḋ am feum ata ſan lagh dhoibh ſin nach 'eil air an tabhairt a dh' ionnſuidh Criosd ?*

F. Ata è 'g am fagail gun leith ſgeul ma chuireas iad cul re Criosd, ann diaidh d' am peacaidh agus d'an cunntart bhi air am foillſicheadh dhoibh leis an lagh.

C. *Am bheil feum air bith ann ſan lagh do 'n dream ata air an umpochadh, agus air an tabhairt a dh' ionnſuidh Chriosd ?*

F. Ata è feumail dhoibh ſin, a nochda' cia mor ata iad ann comain Chriosd, a choi-lion an lagh agus a dh' fhuiling a mhallachadh air an ſon ; agus d' an tarruing gu caithe beatha naomh agus taingeal chum gloir Dhe : Ach gu ſonruichte 'ta 'n lagh air a thabhairt mar riaghail beatha, chum 's gu'n riaghluicheadh iad an coluadar d'a reir.

C. *Cionnas a dh' fheadas lagh na modhanna bhi no riaghail umhlachd faoi 'n t ſoiſgeul, do bhri gu 'm bheil è air a radh nach 'eil iad fuidh 'n lagh, ach fuidh ghras ?* Rom. 6. 14.

F. 'S é ſeagh nam briathra ſin, nach 'eil na creidmhich fuidh 'n lagh mar choi'-cheangal oibribh air bhi dhoibh air an ſaoradh o mhallachadh agus o chumhachd diteadh an reachd le Criosd an urras ſin, ach ge nach 'eil an lagh na choi'-cheangal dhoibh ſin leis am biodh iad air an ſaoradh, no air an diteadh ; gidheadh ata é gna' mhaireachduin mar riaghail, leis am bheil an croidhe agus

am

am beatha gu bhi air an riaghluchadh, Rom. 3. 31. Rom. 7. 7. 12. Tit. 2. 11. 12. 1 Cor. 9. 21.

C. *Cionnas a deirir gu 'r "* h e Crioſt crioch an "* lagha chum fireantachd dhuinue ?" *Rom.* 10 4.

F. Do bhri' gu bheil Crioſt ag freagradh na criche bh' aig an lagh an toiſeach fuidh 'n cheud choi'-cheangal, eadhon, a thoirt dhaoine gu umhlachd, no fireantachd iomlan chum an ſaoradh ; agus cha 'n 'eil ſo anois r' a faghail trid an lagha ; uime ſin 's eigin dhuinn a h iarruidh ann an Crioſt ann ſam bheil i r' a faghail, ata run agus crioch an reachd air an coſnadh le Crioſt, thaobh gu bheil eiſean ag freagradh do 'n creidmhich air ſon ceartais, fireantachd, agus ſaorſadh, ni a dheanadh an lagh dh'a nam b' urradh é choimhead gu h iomlan.

C. *Am bheil lagh na modhanna a' ſearmonachadh Chrioſt dhuinne ?*

F. Cha 'n 'eil ; ach ata Dia gu trocaireach a'-deanamh feum dhetlr mar ſpor 'g ar broſduchadh a theicheadh dh' ionnſuidh Chrioſt chum ſlainte.

C. *Cionnas ata e deanamh ſin ?*

F. Le bhi ag nochdadh do dhaoinibh gu 'n do ſgrios iad iad fein ; agus nach 'eil é 'n an comas iad fein a theafairgin ; agus mar ſo, ata é na Mhaighiſdir ſcoile, g' an toirt a dh' ionnſuidh Chrioſt mar chuaidh mhineachadh roimh laimh.

C. *Ciod e ma ſeadh 'ta ag ſearmonachadh agus a' teagaſg ſlighe na ſlainte gu ſoillein do dhaoine ?*

F. An ſoiſgeul.

C. *Creud ata thu ciallachadh leis an t ſoiſgeul ?*

F. Cuid air bhith do 'n t ſeun-tiomnadh no do 'n tiomnadh nuadh, 'ta toirt fios dhuinn air ſgeul aoibhein na ſlainte, no ag comharthach' mach na ſlighe g' a h ionnſuidh, oir 's e ſeadh an ſhocail ſoiſgeul, ſgeul aoibhneach no teachdaireachd mhaith.

C.

C. *Am bheil nuadhachd air bith ris an gabh peacach a gheabh mothach air a chunntart le urrad failte, agus a bheir fólas dh'a coſmhuil ris an ſgeulachd ata 'n ſoiſgeul a' tabhairt ?*

F. Cha 'n 'eil ſeanachas air bith co aoibhneach re teagaſg ſaor ghrais, no ſgeul co blaſta re ſgeul maitheamhnais cionta, ſlanui'-fhir agus ſlainte do na peacaich as mo.

C. *Am bheil an lagh agus an ſoiſgeul ann aghaidh a cheile ?*

F. Cha 'n 'eil ; ach ata 'n dara h aon ag treorachadh chum an aon eile, Gal. 3. 21. 1 Tim. 1. 9. 10. 11. Rom. 3. 31.

C. *An d' thug Dia Reachda air bith eile do dhaoinibh thuilleadh air lagh na modhannaibh ?*

F. Thug é mar an ceadna do na h Judhaich lagh na coir-cheartais, agus lagh nan deas-ghnath, a chuaidh mhineachadh roimh laimh air a cheathramh ceiſt deug.

Ceiſt XLI. *Cia an t ait' ann am bheil lagh na modhanna air a chur ſios gu h aithghearr iomlan ?*

F. Ata lagh na modhanna air a chur ſios gu h aithghearr iomlan ann 's na deich aitheanta.

C. *Creud ata thu cialluchadh leis an lagh a bhi air a chur ſios gu h aith-ghear iomlan ?*

F. Gu bheil ſuim aith-ghearr aguinn do lagh Dhe, no do lagh na modhannaibh, ata gu coi'-lionta ann ſa Bhiohul, ann ſna deich aitheantaibh : agus cha 'n 'eil ann s na deich aitheantaibh, ach ſuim ro aithghearr do lagh na modhannaibh, ge 'ta iad n an ſuim fior iomlan dheth.

C. *Cionnas ata an deich aitheanta air an roinn ?*

F. Ann an da chlar ; ata a cheud cheithir ann ſan cheud chlar, agus ata ar dleaſdanas do Dhia air

air a chur fios ann ta : ata na fea aitheanta as deireannaich' ann fan dara clar, agus ata ar dleafdanas d' ar coimhearfnach ionnta fan.

C. *Cionnas ata na Papanaich ag roinn nan aitheanta ?*

F. Ge nach urradh iad a dhiultadh gu bheil iad nan deich ann an aireamh, agus an deich fin air an roinn n an da chlar, thaobh gu 'm bheil na fgriobtuire co fhoilleir g' an innfeadh mar aon, Deut. 4. 13. Gidheadh cha 'n 'eil iad fan ach a cuir tri ann fa cheud chlar, agus feachd ann fan dara clar ; le fo a cur fgaile air an fodhol adhradh : oir bu mhaith leo an dara h aithne a chonbhail am follach, ata co teann n an aghaidh, le bhi cur rompa nach 'eil innte ach cuid do 'n cheud aithn', agus mar fo, ata iad ag meas na ceud agus an dara h aithne nan aon aithne. Agus chum 's gu 'm bithidh aireamh nan aitheanta aca ata iad ag roinn na deicheamh aithne na dias.

C. *Nach 'eil an gnathacha' fo ro mhi riofunta ?*

F. Ata ; do bhri' gu 'm bheil é 'n aghaidh feagh foilleir agus briathra nan aitheanta, oir ata é leoir fhoilleir gu bheil a cheud agus an dara h aithne eidir-dhealuichte, ata cheud aithne ag feoladh gu cuf-boir ceart ar 'n adhraidh, agus an dara h aithne chum flighe agus doidh cheart ar 'n adhraidh, agus m' an deicheamh aithne 'ta è ro fhoilleir o na briathraibh nach 'eil ach aon aithne ann ta, oir 'f é an crioch fhonruicht bhi ag toirmeafg do dhaoinibh bhi fanntacha' ni air bith a bhuineas d' an coimhearfnach, mar fo, nam bithidh i gus a roinn idir, bu choir a roinn air a chuid bu ludha gu fea aitheantaibh, no gu coi'-lion aithne fa 'ta do nithe a bhuineas d' ar coimhearfnach air an ainmeachadh innte.

C. *C' ait' an roibh na deich aitheanta air an tabhairt ann toifeach ?*

F.

F. Air fliabh Shinai.

C. *Ciod an doidh air an d' rinneadh ſo ?*

F. Leis a ghreadhnachas agus an uathbhas bu mhò, bha 'n fliabh air a dhunadh ſuas le fal, nach feadadh neach air bith beantain dh'a, bha na h aingeal a lathair ann, thainig gloir Dhe a nuas air doidh faicſineach ann an neol; bha tairneanach, tein aidhéir, agus fuaim trompaid ann, agus chuail iad guth an Tighearna, chriothnaich an fliabh, bha ball chrith air an t fluagh, agus bha Maois fein air chrith, agus fai dheoidh ſgriobh Dia le mheur fein na dheich aitheanta air do chlar cloicheadh.

C. *C' ar ſon a bha 'n lagh air a thabhairt air an doidh ſo ?*

F. A lionadh an t ſaoghail le ſmuainteadh urramach thaobh Dhe an reachd-thabhairtidh; agus a nochdadh a chunntart ata ann am briſeadh a lagh naomha ſin.

C. *Creud iad buaidhean an lagha ſo ?*

F. Ata è naomh, co'-thromach, maith, ſpioradail, agus ro fhairſing, Rom. 7. 12. 14. Sal. 119. 96.

C. *C' ar ſon a deirir lagh Spioradail ris ?*

F. Do bhri gu 'm bheil é righeachd ſmuainteadh agus fonn a chroidhe, co maith re gniomhartha na beatha agus an coluadar.

C. *C' ar ſon a deirir lagh ro fhairſing ris ?*

F. Do bhri' gu bheil an ſeagh ata aige gabhail moran a ſteach' ann am briathraibh aith-ghearr.

C. *Creud an doidh air am bheil an lagh co fhairſing ?*

F. Ata é mar ſo air iomad doidh; mar eiſempleir, 'n uair ata é ag toirmeaſg peacaidh air bith, ata è air an amhuil cheadna ag aithne an dleaſdanais ata na aghaidh ſin, agus an uair ata é ag aithne dleaſdanais air bith ata é mar an ceadna ag toirmeaſg a pheacadh ata na aghaidh, agus 'n tra' ta peacadh air a thoirmeaſg, ata gach fonn, to-

gradh

gradh agus miann d' a thaobh, gach ceim agus coſlas dheth, gach buaireadh, meadhon, briathra, agus gluaſachd ata 'g aomadh 'g a ionnſuidh air an toirmeaſg mar an ceadna, agus 'n uair ata dleaſdanas air bith air aithne ata gach fónn, run, agus togradh 'ta iomchuidh air a ſhon, maille ris gach meadhon agus congnamh chum a chuir air aghaidh air an aithne mar an ceadna.

C. *C' ar ſon a ſgriobh Dia an lagh air claraibh cloiche ?*

F. A theagaſg dhuinne gu 'm bheil è fior-cheangailt' oirne, agus gu bu choir dhuinne a ſgriobhadh ar claraibh ar croidheachan, no bhi guidhe air Dia ſo a dheanamh air ar ſoin-ne.

C. *Am feud duin' air bith righeachd air coſamhlachd ris an lagh naomha ſo, ann ſgach aon ni, thaobh croidhe, beatha agus gniomhartha ?*

F. Chan fhead.

C. *Nach 'eil ſin buailteach do mhalluchadh agus do dhiteadh an lagha mu bhriſeas ſinn é, no ma thig ſinn gaoirid ann ni air bith ?*

F. Ata.

C. *Cionnas a bhios ſinne air ar dion o 'n mhallucha' ſo ?*

F. Le bhi 'g amharc air Joſa Crioſt ar 'n urraſ-ne, agus air umhlachd iomlan agus fhireantachd ſan le creidimh chum freagradh air ar ſon.

Ceiſt XLII. *Creud is ſuim do na deich aitheantaibh ?*

F. Is i is ſuim do na deich aitheantaibh, an Tighearna ar Dia do ghradhacha' le 'r 'n uile chroidhe, le 'r 'n uil' anam, le 'r 'n uile neart, agus le 'r 'n uil' inntin, agus ar coimhearſnach a ghradhachadh mar ſinn fein.

C.

C. *Creud ata thu cialluchadh le ſuim nan aitheantaibh ?*

F. An tabhachd, no bhrighe ſhonruichte ata annta.

C. *Creud is ſuim do 'n cheud chlar do 'n lagh ?*

F. Gradh do Dhia.

C. *Creud is ſuim do 'n dara clar ?*

F. Gradh d' ar coimhearſnach.

C. *C' ar ſon ata 'n da chlar air an deanamh ſuas do ghradh do Dhia, agus d' ar coimhearſnach ?*

F. Do bhri' gur h ann o ghradh ata gach umhlachd cheart ag ſrutha ; oir, far am biodh fior ghradh do Dhia agus d' ar coimhearſnach, bithidh gach uile dhleaſdanas ata air an iarruidh ſan da chlar gu cinnteach ag leantain.

C. *Cionnas bu choir dhuinn' an Tighearna ghradhachadh ?*

F. Mar ar Dia-ne, agus le 'r 'n uile chroidhe, le 'r 'n uil' anam, le 'r 'n uile neart, agus le 'r 'n uil' inntin, Mat. 22. 37.

C. *Creud as ſeagh do bhi ag gradhachadh 'n Tighearna mar ar Dia-ne ?*

F. Gur eigin dhuinn roghain a dheanamh dh 'e mar ar Dia, agus ſinn fein a thoirt ſuas dh' a ſan.

C. *Creud as ſeagh do bhi gradhachadh an Tighearna le 'r 'n uile chroidhe, le 'r 'n uil' anam, le 'r 'n uile neart, agus le 'r 'n uil' inntin ?*

F. Ata é cialluchadh ar gradh do Dhia bhi neo'-mheangail, dian, beothail, agus oif cionn gach aon ni eile, gu bu choir dhuinn gradh agus umhlachd a thoirt dh' a le uile cumhachdaibh, agus le uile bhuaidhibh ar 'n anamaibh, agus ann taobh thall do gach ni ſaoghalt air bith.

C. *Creud iad na nithe ſin bu choir dhuinn an Tighearna ghradhachadh ois an cionn ?*

F. Oif-cionn gach aon ni ata ſinn a' mealtain air thalamh, mar ata, ar 'n airgiod, ar 'n oigh-

reachd

reachd ar fearann, ar tighean, ar clann, no ar cairdibh, ar faorfa, no ar beatha fein.

C. *Creud an t adhbhar ata aguinn air an Tighearna ghradhachadh oif-cionn gach aon ni eile ?*

F. Do bhri' gur eifean ughdar gach aon ni, gu 'm bheil oirdhearachd gu neo'-chriochnach oif-cionn gach ni 'ta aguinn, eadhon ar bith, ar 'n anamaibh, ar neart, ar cairdibh, agus gach aon ni eile.

C. *Nach 'eil é laghail do dhuine fpeis a thoirt d' a chairdean, agus do na nithe ata é a fealbhach air thalamh ?*

F. Ata, mar bi fpeis ann barrach aige dhiubh.

C. *Cionnas a dh' aithnicheas finn ma 'ta fpeis annbarr aguinn do nithe faoghalt ?*

F. Is comhartha gu bheil é mar fo, ma 'ta ar fmuainteadh m' an timchioll a cur fmuainteadh fpioradail a's ar 'n aire, agus an uair a gheabh iad ar ceud fmuainteadh air maidin, no ar fmuainteadh deireannach aig oidhche, no 'n uair a leanas fmuainteadh talmhaidh n' as faide na fmuainteadh fpioradail ruisne.

C. *Cionnas a dh' aithnighear ma 'ta ar' gradh do Dhia oif-cionn gach aon ni eile ?*

F. Bu comhartha maith air a fo nam b' urradh finn a radh, gu 'm bheil meas aguinn do dheadh-ghean De ni as mo na 'ta aguinn do dheadh-ghean creatuir air bith, agus gu bheil call a dheadh-ghean fin ag righeachd ar croidhe n' as faide na calldach faoghalt air bith, agus gu b' fhearr leinn diom an t faoghail gu leir a chofnadh na diom an Tighearna.

C. *Co 'ta r 'a thuigfin le 'r coimhearfnach a' an coir dhuinn gradh a thabhairt ?*

F. 'S é gach aon duin' ar coimhearfnach, agus uime fin bu choir dhuinn' deadh run a bhi aguinn do na h uile dhaoine.

C. *Creud ata thu cialluchadh le bhi gradhacha' ar coimhearfnaich mar finn fein ?*

F. Gu 'n tugamaid ſpeis do dhaoin' eile leis a cheart fhirinn agus neo'-mheangalachd graidh is ata aguinn dhuinn fein, no mar ata ar ſlanui'-fhear ga ſhoilleireachadh ann ſan riaghail roiphreiſeil ſin, Mat. 7. 12. Bu choir dhuinn bhi ullamh a dheanamh do dhaoin' eile mar a b' aill leinn iadſan a dheanamh dhuinne : agus gun an ni ſin a dheanamh air daoin' eile nach b' aill leinn iadſan a dheanamh oirne nam bithidh iad 'n ar ſtaidne, agus ſinne 'n an ſtaid ſin.

C. *'M bu choir dhuinn (do reir na riaghail ſo) fear ſladaidh a chaomhnadh do bhri' gu 'n deanadh eiſean mar ſin ris an dream a ſmachduicheadh é, no miſg fhear a ſhaſuchadh le deoch do bhri gu 'n tugadh eiſean dhuinn i nam bithidh é na chomas ?*

F. Cha 'n 'eil an riaghail r 'a tuigſin mu fhein-ſpeis thruailleadh agus mhio-noſach, ach mu fhein-ſpeis nadurra agus neo'-lochdach ; 's i ſo amhain bu choir a bhi na riaghail ſheaſmhach aguinn' do thaobh ar coimhearſnaich, ann bhi deanamh mar b' aill leinn daoin' eile dheanamh dhuinne, 's eigin d' ar gnior hartha bhi air an riaghluchadh le tuigſe m' an chuis, agus cha 'n ann le claonadh truailleadh gu peacadh no mionos.

C. *Am bheil é ceangailt' oirn uiread ſpeis a thoirt d' ar coimhearſnach fa bhios aguinn dhuinn fein ?*

F. Cha 'n 'eil, ach a cheart treimh-dhireachd graidh amhain.

C. *'M bu choir dhuinn gach uile dhaoin' a ghradhacha' air an aon doidh ?*

F. Cha b' eadh ; bu choir dhuinn gu deimhin gach u'le dhaoin' a ghradhachadh le deagh-run, ach na naomh amhain le mor thlachd, Sal. 16. 6.

C. *Nach 'eil moran ag briſeadh an reachd ſo, mu ghradh d' an coimhearſnach ?*

F. Ata, eadhon, iadſan ata cul-chaineadh an coimhearſnach,

coimhearſnach, a ghuidheas olc dhoibh, agus ata gabhail tlachd o 'n croidhe ann an cron.

Ceiſt XLIII. *Creud is reamh radh do na deich aitheantaibh.*

F. Ata reamh-radh nan deich aitheantaibh air a chur ſios ann s na briathraibhs, *Is miſe an Tighearna do Dhia, neach a thug thuſa as talamh na h Eiphte, agus as tigh na daoirſe?*

Ceiſt XLIV. *Creud ata reamh-radh nan deich aitheantuibh ag teagaſg dhuinne?*

F. Ata reamh-radh nan deich aitheantaibh ag teagaſg dhuinne, do bhri' gur é Dia is Tighearn' ann, agus gur è is Dia, agus is fear-ſaoruidh dhuinne, uime ſin gu bheil è dh' fhiacha oirne uil' aitheantaibh do choimhead.

C. *Creud ata thu ciallucahdh le reamh-radh?*

F. Ni eigin ata air a labhairt, no air a ſgriobha' roimh-laimh, chum ni eile thoirt a ſteach.

C. *Creud is adhbhar do reamh-radh nan deich aitheantaibh?*

F. A chuir cuid do rioſanaibh, agus do argumainte far comhair, chum coimhead nan aitheantaibh a ſparradh-oirne.

C. *C' ar ſon ata Dia a' deanamh feum do argumainte a chuir imſidh air dhaoinibh, chum umhlachd, is gur eiſean ard-uachdaran an t ſaoghail, neach a dh' fheadas gach aon ni is aill leis aithne?*

F. 1. A nochdadh gu bheil é 'g aontachd buintin ris an duine mar chreatuir rioſunta, do reir buaidhibh a naduir. 2. A theagaſg dhuinne gur i umhlachd do Dhia ar feirbhis rioſunta.

3. A Theagaſg dhuinn gu b' aill leis gu 'n d' thug adh a luchd muintir umhlachd dh' a gu toileach ſaor, agus le 'n roghain.

C. *Creud na h argumainte d' am bheil Dia ag deanamh feum ann ſan reamh-radh ſo a ſparradh umhlachd d' a lagh oirne?*

F. Ata tri ann; agus ata cheud aon air a tarruing o ard uachdranachd o 's ar cionn, ann ſna briathraibh ſin, *Is miſe do Thighearna*, ata an dara h aon air a tarruing o 'n daimh coi'-cheangail faoi 'm bheil è dhuinn, ann ſna briathraibh ſin, *Is miſe do Dhia ſa*, agus an treas aon, o 'n t ſaorſa dh' oibreich è air ar ſoin-ne ann ſna briathraibh ſin, *Thug miſe 'mach thu as talamh na h Eiphte, agus as tigh na daoirſe.*

C. *Cionnas a deirir m' an reamh-radh ſa, agus m' an na deich aitheanta, "Gu 'n do labhair Dia "na briathra ſo uile," Exod. 20. 1. Ann an amhan mar labhair é chuid eile do 'n Bhiobul a labhair é ſo?*

F. Cha 'n ann: oir ann an ionadaibh eile do 'n Bhiobull, labhair Dia amhain air doidh mheadhonach le beul na 'm faidhean ach bha na briathra ſo air an labhairt gu neo'-mheadhonach le Dia fein.

C. *Cionnas a deirir gu 'n do labhair Dia 'n uair nach 'eil beul, no teanga, no inneal labhairt aige?*

F. Cha 'n 'eil Dia a labhairt mar 'ta ſinne, ach is ſhurras dh' a ſan ata uile chumhachdach, guth a chruthachadh ann ſan aidhear, agus briathra ſoilleir a labhairt 'n uair is aill leis.

C. *Nach 'eil é ceangailt' oirne meas ſonruichte theirt do na briathraibh ſin do bhri' gu do labhair Dia fein iad?*

F. Ata; oir far am bheil beul aig Dia gu labhairt, bu choir dhuinne cluas a bhi aguinn chum eiſteachd, uime ſin, bitheamaid curamach a thoirt eiſteachd, d' a lagh ſan, mar a b' aill leinne gu 'n d' thugadh Dia eiſteachd d' ar 'n urnaighe ne.

C.

C. *Creud an cumhachd ata ſan argumaint ſin, is miſe ar Tighearna ſa, chum ar tarruing gu umhlachd?*

F. Ata i cialluchadh gur eiſean JEHOBHAH, an Dia bioth-bhuan, * gun a thaic re ni no neach, uil' fhoghainteach ann fein, neo'-chaochlach, ar cruthai' fhear uile chumhachdach, agus ar 'n ard uachdaran, aig am bheil bith ann agus uaithe fein, agus ata toirt bith do gach uile nithe; agus uime-ſin ata gach umhlachd dligheach dh' a uainne a chreatuiribh agus a chuid iochdaran.

C. *Creud an eifeachd ata ſan argumaint ſin, is miſe do Dhia ſa?*

F. Ata i cialluchadh gu do roghnuigh ſinn Dia mar ar Dia fein; agus gu 'n do ghabh è ruinne mar a luchd muintir, gu 'n do fhreaſdail è iomad trocair ſhonruichte dhuinne, agus uime ſin, bu choir d' ar daimh coi'-cheangal ris uil' aitheanta a dheanamh milis dhuinne, agus ar ceangal gu daingean ann umhlachd dhoibh.

C. *Nach 'eil an gealladh ſin do na creidmhich, bithidh miſe a' m' Dhia dhuibh, a' gabhail a ſteach ann, ſochairean a's mo, na ta ann aon ghealladh eile 'ta ann coi'-cheangal nan gràs?*

F. Ata; oir ata ann ſan ghealladh ſo, cha'n e 'mhain, bheir miſe maitheamhnas cionta dhuibh, bheir mi rioghachd neamh dhuibh; ach bheir mi mi fein dhuibh an Diadhachd uile, JEHOBHAH. Gach uile ni ata mi, agus gach ni ata agam, agus gach ni as urradh mi dheanamh is leibhſe iad, cha bhi mi 'mhain a' m' chairid, a' m' Athair a' m' fhear poſda dhuibh, ach bithidh mi a' m' Dhia dhuibh. Is leibhſe buaidhean na Diadhachd d' ar deanamh ſonah, ſeadh fos is leibhſe gach pearſa do 'n trionaid ghlòrmhor, a dhealbh, a chuir air a h aghaidh, agus a chriochnachadh obair ar ſlainte.

* neo-chrochta

C. Cionnas a ghrabh sinn coir agus sealbh air Dia mar ar Dia fein?

F. 'S eigin dhuinn gabhail ris an Tighearn' Josa Criosd, agus creidsin ann le 'r 'n uile chroidhe mar ar 'n eidir-mheadhoin-fhear a thug dioladh le bhàs air son na h uile chreideas ann, agus a chosain fith reite Dia, agus daimh coi'-cheangail ris mar an Dia fein.

C. Ciod an neart ata san argumaint' sin, Thug mise thu 'mach a's talamh na h Eiphte, chum sinne tharruing gu umhlachd, nach roibh riamh ann san Eiphte?

F. Ge nach roibh sinn ann san Eiphte thalmhaidh, gidheadh ata sinn uil' ann san Eiphte spioradail, faoi thraillealachd do 'n aidhbhearsoir, agus d' ar 'n ain-miannaibh fein; agus bha saor s' aimsireil clann Israel o 'n Eiphte 'n a samhlugh air ar saorsa spioradail o thraillealachd an diabhoil; mar so 'ta cheart neart ann sa chuladh bhrosduiche dhuinne bha innte do na h Judhaich.

C. C' ar son a bha saorsa chinn Israel o 'n Eiphte air a gnathacha' co tric mar argumaint chum an tarruing gu umhlachd?

F. Do bhri' gu roibh an Eiphte lan do Jodhol adhradh graineil, plaigh leis an roibh iadsan an cunntart bhi air an *forbadh; agus bha iadsan ann san ionad sin ag ofnuich faoi thraillealachd ain-iochdmhor, o 'n do fhaor Dia iad air doidh roi'-mhiorbhuileach.

C. C' ar son bu choir dhuinn a meas na trocair co mhor bhi air ar teasairgin o ionadaibh ata lan do Jodhol adhraidh?

F. Do bhri' gur peacadh milteach è, ata ag tarruing corruich mhor air daoinibh: Agus uime sin, bu choir do 'n trocair a tha 'bheanadh d' ar sinnsir ann 'n an saoradh o 'n Eiphte spioradail, eadhon, Jodhol adhradh na Roimh, ar tarruing

* truaillcadh

chum

chum umhlachd do Dhia, amhail as mar rinn teasairgin fluagh Israel an fliochdsan.

C. *Nach 'eil ceangail as treise air an droing sin ata air an saoradh le Criosd, o thraillealachd an diabhoil agus an ain mianna fein, gu umhlachd a thoirt d' a' aitheantaibh sin?*

F. Ata, Luc. 1. 74.

C. *Nach i traillealachd an diabhuil a's measa air bith?*

F. Is i, oir ata traillibh eil' ag osnaich faoi 'n traillealachd, agus is fada leo gus am fuigh iad fuasgladh, ach ata traillibh an diabhoil lan thoilichte le 'n staid, ata Ain-Tighearna eile ag riaghladh amhain air cuirp an traillibh, ach ata 'n diabhoil a' riaghluchadh air an anamaibh, agus air an uile bhuaidhean.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas sinne ma 'ta sinn air ar saoradh le Criosd o 'n traillealachd so?*

F. Bithidh è 'n a chomhartha maith air a so, ma bhios am fear saoradh priseil ann ar suilibh-ne, gu sonruichte ann a oifig rioghail, agus ma mhothaicheas sinn cumhachd a pheacaidh air a lughdachadh ann taobh stigh dh' inn, air-achd is nach 'eil an uchd namhad so ag deanamh gairdeachas tharuinn.

Ceist XLV. *Cai i an cheud aithne?*

F. Is i an cheud aithne, *Na biodh Dee eil' agad a' m' fhiadhnaise.*

Ceist XLVI. *Creud ata air iarruidh san cheud aithne?*

F. Ata an cheud aithne ag iarruidh oirne, aithneacha, agus aidmheil, gur é Dia amhain an fior Dhia, agus gur h é ar Diane é, agus sinne adhradh agus gloir do thabhairt dh' a da reir sin.

C.

C. *C' ar ſon ata ſo, agus a chuid eile do na h aitheantaibh do ghna', ag labhairt ann ſan aireamh aonſhilte THUSA, agus cha'n é SIBHSE ?*

F. Do bhri' gu b' aill le Dia gu 'n d' thugadh gach duine fai-leith an aire do na comhairlibh ata ann 'ta co ſhonruichte as ge do labhradh ris fein air ainm iad.

C. *Cionnas a deirir gu bheil a cheud aithn' ag iarruidh nithe oirne, 'n tra' nach 'eil i thaobh coſlais ach a' toirmeaſg amhain ?*

F. Do bhri' gu bheil è mar riaghail chum na h aitheanta a thuigſin gu ceart, 'n uair ata peacadh air a thoirmeaſg gu 'm bheil an dleaſdanas ata 'na aghaidh ſin air aithne ; agus 'n uair ata dleaſdanas air aithne, gu 'm bheil am peacadh ata na aghaidh ſin air a thoirmeaſg, agus ſan mar ſo a chi ſin an ſgriobtur ag ſoilleireachadh an lagh, Mat. 5. 21. 24. Eph. 4. 28. Iſa. 58. 13. Mat. 15. 4. 5. 6.

C. *Cia lion dleaſdanas ata cheud aithne 'g iarruidh gu h airid?*

F. Ceitheir ; 1. Eolas a bhi aguinn air Dia, 2. Dia aidmheil, 3. Adhradh thoirt do Dia, 4. Dia a ghloruchadh.

C. *Am bheil Dia ag aithne dhuinn' gu ſonruichte eolas a ghabhail air fein ?*

F. Ata, 1 Chron. 28. 9. " Agus thuſa mo mhac " Solamh gabh, eolas air Dia t Atharſa."

C. *Nach 'eil é ro chunntartach ar beatha a chaitheamh gun eolas air Dia ?*

F. Ata ; Jer. 10. 25. " Doirt amach do chor- " ruich air na cinnich aig nach 'eil eolas ort-ſa."

C. *Nach 'eil ain-eolas air Dia n' as mo cunntart do 'n dream aig am bheil an ſolus agus ata mealtain meadhona nan grás na do chach eile ?*

F. Ata, do bhri' gu 'm bheil iad gu n leith ſgeul air bith.

C. *Am bheil é leoir fhoghainteach fios a bhi aguinn gu bheil Dia ann ?*

F.

F. Cha 'n 'eil ; oir 's eigin dhuinn mar an ceadna fios a bhi aguinn' creud é Dia, agus creud iad oibridh,

C. *Creud iad na nithe do thaibh Dhe a's eigin dhuinn aithneach ?*

F. 'S eigin dhuinn dicheall a dheanamh air eolas fhaghail air Dia, 1. Ann aonachd a naduir. 2. Ann an trionad a phearsaibh. 3. Ann an iomlanachd a bhuaidhibh 4. Ann a oibribh cruthaich, freasdail, agus saorsa.

C. *Ciod a ghne eolais air Dia a's eigin dhuinn iarruidh ?*

F. Cha 'n 'eil eolas cinn air Dia foghainteach ; agus cha 'n 'eil eolas iomlan air sin ann ar comas : Ach 's e an t eolas sin air Dia ata air a dhearbha le deagh ghniomhartha, ata maothachadh an anama, a dh' irioslaicheas, agus a dh' atharraicheas sinn, bu choir dhuinn iarruidh agus saothrachadh chum righeachd air.

C. *Os barr air eolas a ghabhail air Dia, am bheil é fiachaicht' oirne mar an ceadna Dia aidmheil ?*

F. Ata ; Deut. 26. 17. " Dh' aidmhich thusa " air an la an diugh gur h è an Tighearna do " Dhia sa."

C. *Ciod é bu choir dhuinn aidmheil mu thimchioll Dhe ?*

F. Bu choir dhuinn aidmheil gur eisean amhain an Dia beo, fior ; gur è cusboir gach adhraidh Diadhaidh, bu choir dhuinn aid-icheadh ; gur easean cruthai' fhear, agus riaghlui' fhear an t saoghail, bu choir dhuinn earbsa dheanamh a's ann sgach aon ni ; aidmhicheadh mar ar reachdthabhartaidh, agus ar breitheamh d' am bheil sinn freagarach air son gach ceim d' ar gluasachd.

C. *Am bheil é leoir-fhoghainteach dhuinn aidicheadh gur é Dia am fior Dhia ?*

F. Cha 'n 'eil, mar aidmhich sin é, agus mar gabh sinn ris mar ar Dia-ne, agus mar toir sinn umhlachd dh'a d' ar reir sin.

C.

C. *Ciod ata air a chiallachadh le bhi 'g aidmheil Dhia mar ata Dia-ne ?*

F. 1. Ata é cialluchdh gu 'm bheil finn a' cuir cul ris gach Jodhol leis am b' aill bhi' 'n co choimeas ris fin. 2. Gu bheil finn ag roghnuchadh Dhia mar ar cuibh-roin agus ar 'n ard fhonas, agus an Dia d'an toir finn umhlachd agus a-thoilicheas finn oifcionn gach ni faoghalt' air bhith. 3. Gu bheil finn 'g ar coifreagadh fein dh' a ann an coi'-cheangal g' ar toirt fein fuas do 'n Tighearna, agus g' ar ceangeal ris. 4. Bhi 'g aidmheil Dhia agus flighe na firinn an lathair an t faoghail, an ni ris an abrar bhi 'g a aid-each ann lathair dhaoinibh, Mat. 10. 32. Eoin 12. 42. Rom. 10. 9. Eoin 4. 15. 1 Tim. 2. 10. agus 6. 12.

C. *Creud é an treas dleafdanas ata air iarruidh fan aithne fo ?*

F. Adhradh thoirt do Dhia, Mat. 4. 10. " Bheir thu adhradh do 'n Tighearna do Dhia, " agus dh'a fan na aonar do ni thu feirbhis."

C. *Cionnas is coir adhradh thoirt do Dhia ?*

F. Mar aon o 'n leith fligh, agus o 'n leith 'muigh.

C. *C' uin' ata finne toirt adhraidh do Dhia o 'n leith fligh ?*

F. 'N uair a bhios finn 'g a chuimhneachadh, 'g a ghradhachadh, a toirt mór mheas dh' a, 'g a mhiannuchadh, a' gabhail tlachd ann, ag toirt' urram & onoir dh' a, 'g a chreidfin, agus ag earbfa ris, is a cur ar dochais ann, Mal. 3. 16. Eccl. 12. 1. Deut. 6. 5. Sal. 71. 19. Mal. 1. 6. Ifa. 26. 4. 8. Sal. 130. 7. Sal. 37. 4.

C. *Cionnas ata finn a' toirt adhraidh do Dhia o 'n leith muigh ?*

F. Le bhi ag deanamh urnuigh ris, agus ag toirt molaidh dh' a, ag feitheamh air fhocal, agus a' gabhail nan facramainte.

C. *Creud é an ceathramh dleafdanas ata air iarruidh ann fan aithne fo ?*

F.

F. Bhi toirt gloir do Dhia.

C. Am bheil eidir dhealuch' air bith eidear adhradh agus gloir a thoirt do Dhia?

F. Ata; do bhri' gu bheil bhi ag glorachadh Dhia r' a gabhail ann feagh a's fairfingeadh na bhi ag toirt adhraidh dh' a, thaobh gu bheil è gabhail a fteach ann gach gne umhlachd d' a reachdaibh fin, agus gu 'm buin è do gach ceim d' ar caithe beatha, ata è mar fhiacha oirne Dia a ghloracha' cha 'n é 'mhain ann an gniomhartha a chrabhaidh; ach mar an ceadna ann ar gnothaiche laghail faoghalta; ann an ceannach, no reic, ann ith, no ol, no ge air bith a ni finn, bu choir dhuinn gach aon ni a dheanamh chum gloir Dhe, Sal. 50. 23. 1 Cor. 6. 20. 1 Cor. 10. 31.

C. Ciod é as feagh do na briathraibh fo, (do reir fin) ann fan fhreagradh?

F. Ata, iad a' cialluchadh gu bu choir dhuinn adhradh & gloir a thoirt do Dhia air doidh leis an taifbean finn da rireadh gu bheil eolas aguinn air, agus gu bheil finn 'g a ghabhail mar aon, mar am fior Dhia, agus ar Dia-ne.

C. C' ar fon ata bhi ag toirt adhraidh agus gloir do Dhia air an ceangal r' a cheile.

F. A theagafg dhuinn, nach coir dhuinn amhain adhradh thoirt do Dhia air mhodh crabhach, ach mar an ceadna gluafachd gu faiceallach, agus ar beatha a chaitheamh ann an naomhachd.

C. Ciod é ma bhitheas duine toirt adhraidh do Dhia, ach gidheadh a' buanachadh ann fligh a pheacaidh?

F. Cha 'n fhuidh é eifteachd 'n a urnuigh, ach bithidh è mar ghrain'-eilachd do 'n Tighearna, Sal. 66. 18. Sean. 28. 9.

C. Co é an neach a ghabhas Dia r' a urnuigh gu taitneach?

F. An duin' ata curamach 'n a ghluafachd, agus coguifeach 'n a uile fhlighe, Eoin 9. 31. " Ach " ata fhios aguinn nach eifd Dia re peacachaibh: " Ach

" Ach ma ta neach air bith a toirt adhraidh do " Dhia, agus a deanamh a thoile, rifean eifdidh " é."

C. *Am feadar a radh gu bheil finn a' ghlóruchadh Dhia, ar an doidh air am bheil eifean g' ar glorachne?*

F. Cha 'n fheadar ; oir ata finne a' glórucha Dhe air doigh labhrad amhain, ach ata Dia a' glorachadh dhaoin' air doidh ghniomhach, ata finne 'mhain a foillficheadh gloir Dhe, ach ata eifean 'g ar deanamh-ne glormhor.

C. *Cionnas ata finne gu ghloir Dhe fhoillfichead h?*

F. Le bhi ag nochda' oirdhearcachd & a bhuaidhibh glòrmhor, agus ag toirt onoir dh' a mar aon le 'r billibh agus le 'r beatha. Faic tuilleadh dh' e fo air a cheud cheift.

Ceift XLVII. *Creud ata air a thoirmeafg fan cheud aithne?*

F. Ata an cheud aithne ag toirmeafg, an Dia fior do fheanadh, no an t adhradh, agus an ghloir a dhlighear dh' a fan do leiginn tharruin, no an tabhairt d' aon neach eile

C. *Creud iad ata na peacaidh fonruichte ata air an toirmeafg ann fo?*

F. Ata cuig air an ainmeachadh ann fan fhreagra, 1. Bhi ag feanadh an fhior Dhia. 2. Gun bhi a' toirt adhraidh dh' a. 3. Gun bhi toirt gloir dh' a. 4. Bhi toirt an adhraidh a's dligheach dh' a fan do neach eile. 5. Bhi toirt a ghloir fin do neach eile.

C. *Co iad ata ciontach fan pheacadh fo, an Dia fior a fheanadh?*

F. 1. Luchd Dia aich-fheun, ata ag feanadh bith Dhe. 2. Di-chreidmhich, ata ag feanadh firin

firinn nan sgriobtur naomha, agus nach 'eil a' toirt creideas do na bheil Dia ag labhairt ann-ta. 3. Iadsan ata ag seanadh fior Dhiadhachd a Mhic, no 'n Spioraid naomh no ag cuir ann aghaidh teagasg na trionaid; mar ata na h Arianaich, na Socinianaich, no crith chreidmhich agus cuid eile. 4. Iadsan ata ag seanadh freasdal De ann riaghluchadh an t saoghail, agus ata ag toirt cliu na nithe 'ta tarladh do ni air bith eile.

C. *Cia-lion gne do luchd Dia aich-sheun ata ann?*

F. Tri, eadhon, 1. Luchd Dia sheunadh am barail. 2. Luchd Dia sheunadh thaobh fonn croidhe. 3. Luchd Dia sheunadh ann nan caithe beatha.

C. *Co iad sin ata nan luchd Dia aich sheun ann am bar'ail?*

F. Iadsan aig'am bheil é mar aidmheil nach 'eil Dia ann. Rinn cuid eigin so, agus chuireadh gu bàs air a shon iad. Ach ata solus naduir agus aontachadh gach duthaich air thalamh ag dearbha na firinn so mu bhith Dhe, air achd is nach 'eil è furas a chreidsin, cionnas a dh' fheadas neach air bith Dia a sheunadh ann am bar'ail, no neach a fhuair am breanuchadh sin air Dia ata thaobh nadurra air croidhe an duine chuir a's gu tur.

C. *Am bheil luchd Dia sheunadh ann ifrinn?*

F. Is peacadh so nach fhead bhi san aite sin, oir cha 'n 'eil diabhol air bith ciontach ann, Seum. 2. 19.

C. *Nach 'eil Dia sheanadh na pheacadh oilteil?*

F. Ata; oir as dorus fosgailte do gach neo'-dhiadhachd agus aingidheachd é, agus ata é cur as do dheadh riaghail feadh an t saoghail; oir air an doidh so dh' fheadadh daoine Mealtaireachd, Gaduidheachd, Reubainn, Murtadh, agus na nithe is graineileadh a dheanamh, & gidheadh bhi saor do pheacadh, no adhbhar eagal ann dialdh laimh.

C. *Co iad ata nan luchd Dia aich ſheun thaobh fónn croidhe?*

F. Iadſan leis am bu mhaith nach bithidh Dia ann, agus 's e ſo run croidhe gach duin' aingidh, Sal. 14. 1.

C. *C' ar ſon bu mhiann le daoin' aingidh nach bithidh Dia ann?*

F. Chum 's gu 'm bithidh iad ſaor o gach grabadh 'ta cur bacadh air an toil-inntin pheacach.

C. *Co iad ata nan luchd Dia aich ſheun na n caithe beatha?*

F. Na h uile ata gluaſachd mar nach bithidh Dia ann, Tit. 1. 16. " Ataid a' gabhail orra eolas " a bhi aca air Dia; ach ann oibribh 'ta fiad 'g a " aich ſheun a."

F. Nach 'eil moran do luchd Dia aich ſhean thaobh gniomhartha ſan t ſaoghal?

F. Ata.

C. *Co iad a dh' ſheadar a mheas mar ſo?*

F. 1. Iadſan ata dearmad adhradh Dhe. 2. An droing ata caithe am beatha ann cealgoireachd. 3. Iadſan ata toirt fois do pheacadh diomhair. 4. Iadſan ata re fochaid air na ſgriobtuir naomh, agus air daoine naomh. 5. Iadſan nach 'eil ag ſmuaintеacha air bás, no air breitheanas. 6. Iadſan ata tocruchadh an croidheachan gu leir air an t ſaoghal, no air nithe feolmhor.

C. *Creud é an dara peacadh ata air ainmeachadh ann ſan ſhreagra'?*

F. Gun bhi toirt adhraidh do Dhia.

C. *Co iad ata ciontach ſan pheacadh ſo, gun bhi toirt adhraidh do Dhia?*

F. Iadſan nach 'eil ag ſmuainteach air Dia, aig nach 'eil meas dh' e, na gradh dh' a, nach 'eil a creidſin ann, na toirt onoir dh' a, iadſan air nach 'eil eagalſan agus nach 'eil g an irioſlachadh fein ann a lathair, nach 'eil a' feitheamh air meadhona nan gràs, nach 'eil a deanamh urnaigh re Dia,

no

no a' toirt molaidh dh'a ann an coi'-th'onalaibh a phobuill, no nan Teaghlachaibh, na ann diomhaireachd.

C. *Creud é an treas peacadh ata air a thoirmeasg san aithne so?*

F. Gun bhi toirt gloir do Dhia.

C. *Co iad ata ciontach sin pheacadh so?*

F. 1. Iadsan ata dearmad eolas a gabhail air Dia, agus ata caitheamh am beath ann ain eolas air sin. 2. Iadsan ata dio'-chuimhneach' Dhe, no leis am fuathach bhi smuainteach air. 3. Iadsan nach 'eil a thoirt cliu no moladh do Dhia, & ata mio thaingeal dh'a. 4. Iadsan ata ag miannuchadh nan creatuire, agus a' gabhail tuille tlachd ann an nithe feolmhor na ann Dia. 5. Na h uile ata minaomha, agus mi-dhiadaidh nam beatha agus nan coluadar.

C. *Creud é an ceathramh peacadh ata air a thoirmeasg san aithne so?*

F. Iodhol-adhradh, no bhi toirt an adhraidh sin do neach eile 'ta dligheach do Dhia amhain.

C. *Cia lion gne Iodhol-adhraidh ata ann?*

F. Da ghne, 1. Iodhol-adhradh 'ta o 'n leith mach, agus follsach. 2. Iodhol-adradh diomhair nach 'eil co fhollasach.

C. *Co ata ciontach ann san Iodhol-adhradh fhollsach o 'n leith 'mach?*

F. 1. Na Paganaich, ata ag toirt adhraidh d' an dee Iodhol, do dheamhnaibh, agus do ghaisgich d' an d' rinn iad dee, do 'n ghrein, do 'n gheallaich, do na realta, do iomad gne fhiadh-bheistibh, &c. 2. Na Papanaich, ata ag toirt adhraidh do iomad ni air neamh, agus air thalamh, d' am bheil iad a' toirt adhraidh crabhach.

C. *Creud iad na dee sin air neamh d' am bheil na Papanaich a' deanamh adhradh?*

F. Ata iad a' toirt adraidh do ainglibh, do 'n oghe Muire, agus do naoimh ann diaidh am bás.

C. *Co iad na dee 'eil' air thalamh d' am bheil iad a' toirt adhraidh?*

F. Ata iad ag toirt adhraidh do 'n Phapa, do 'n aran ann an fuipeir an Tighearna, do dhealbh a' chroinn cheufaidh, do iomhaighibh, agus do chuimhneachain air na naoimh.

C. *Creud an co'-duchadh 'ta aguinn gu bheil na Papanaich a' toirt adhradh crabhach do na nithe fin?*

F. Ata fo foilleir o 'n gnathacha', agus o 'n leabhra'chean, oir ata iad ag togbhail eaglaife, agus altaire, agus ag ordughadh laithe feile a chuir onoir orra, ataid ag lubadh an glun ann urnaigh riu, ag lofgadh túis agus a' móideacha' dhoibh, ataid ag iarruidh fochaire uatha; agus a' cur an dochais agus an earbfa annta; mar eifempleir ataid a' toirt adhradh do 'n chrann cheufaidh, ag radh, "O chroinn cheufaidh naomh, ar dochas agus "ar 'n earbfa-ne 'mhain, meudaich do na naoimh "am fireantachd; agus tabhair grás agus maith-"eamhnas cionta do na peacaich."

C. *Ach c' ar fon nach fheadh finn adhradh thoirt do aingibh agus do naoimh?*

F. Is Iodhol adhradh bhi ag toirt adhraidh do chreatuir air bith, oir 'n uair ata daoin ag deanamh urnaigh riu, ataid a' toirt an onoir dhoibh, agus ag luadh 'n am buaidhibh riu a bhuineas do Dhia, mar ata uile chumhachd agus uile-leirfineachd. Agus ata Dia ag toirmeafg fo, mar ni ata ag toirt a ghloir fin do neach eile, agus ag innfeadh dhuinn, nach'eil fios aig na naoimh air neamh air ar 'n uir-cufbhuidh-ne; mar dhearbha air fo, Faic Mat. 4. 10. Gniomh. 10. 25. 26 Taif. 19. 10. Ifa. 42. 8. Ifa. 63. 18. Agus ma 's Iodhol-adhradh, bhi toirt feirbhe's do na naoimh air neamh, is mo gu mor bhi toi t adhraidh do chnamhan, do fhiacla, no do * iarfma nan naoimh air thalamh, mar ata na Papanaich a' deanamh. A fheachna' a leithid fo, dh'

* cuimhneachan

dh' adhlaic Dia corp Mhaois gu diomhair, chum 's nach d' thugadh neach air bith adhradh dh' a.

C. *Nach 'eil Iodhol-adhradh ann, ata n' as diomhaire agus neo'-fhollasach, ann sam bheil dream eile ciontach thuilleadh air Paganaich, agus Papanaich?*

F. Ata; oir 'ta gach duine feolmhor neo'-iompoichte ciontach ann, le bhi cur a chreatuir ann ait a chruthai-fhir, a' toirt gradh dh' a, agus a deanamh earbs' as, n' as mo na a Dia, oir ge air bith as mo gheibh d' ar gradh, no d' ar 'n earbsa, no d' ar 'n eagal, no d' ar smuainteadh, no d' ar 'n uin agus d' ar feirbheis, 's e sin da rireadh ar Dia ne, do bhri' gu 'm bheil sinn 'g a chuir ann aite Dhe, agus a toirt na h onoir agus a ghloir do 'n ni, no neach sin as dligheach do Dhia amhain.

C. *Creud iad na nithe sin ata daoine gu coitchinn a' cur suas ann aite Dhe?*

F. Is i fein speis an t Iodhol mór d' am bheil daoine gu coitchinn ag toirt geill, le bhi 'g an iarruidh fein ann 's gach nataid a' deanamh; agus ata an t iodhol so 'g a nochdadh fein air iomad doigh, mar ata fein-tairbh, fein-ghliocas, fein-cheartas, fein-chomas, fein-chreideas, agus fein-chliu. 2. 'S e an saoghal an Dia talmhaidh d' am bheil daoine saoghalt ag toirt geill; uime sin deirir luchd Iodhol adhràidh re daoine sanntach, agus Iodhol-adhradh re sannt. 3. 'S i ann broinn Dia na meisg fheara agus nan geocach, Phil. 3. 19. 4. Ata móran ag deanamh dee d' an cloinn, agus d' an luchd daimh. 5. Ata cuid eile cur daoine mór, agus uachdarain ann aite Dhe, le bhi 'g earbsa a gairdein feola, no toirt Tighearnas dhoibh air an creidimh, no air an coguis. 6. Deirir Dia an t saoghail ris an diabhol, 2 Cor. 4. 4. Uaithe so, chi sinn cia truadh ata Iodhol-adhradh ag buanachadh 'measg móran ata 'g aidmheil a chreidimh aith-leasuichte fein, agus a chuir cul ris a Phapanachd.

C. C'ar ſon a deirir Dia an t ſaoghal ris an diabhol?

F. Do bhri' gu bheil a chuid as mo do ſhluagh an t ſaoghail 'g a chuir an ait' an fhior Dhia. 1. Ata ſinn ag leaghadh agus a cluinntin, air móran do no h Indianaich gu 'm bheil iad ag toirt adhraidh follaſach dh' a, agus gu bheil è 'ga thaiſbein fein ann an cruth corporra dhoibh: Os barr, ſan le bhuaireadh 'ta 'n ſaoghal mi-chreidmheach ag ruidh chum gach gne aingidheachd. 2. Cia mór an t-adhradh an t urram agus an t ſeirbhis ata è faghail a' meaſg luchd aidmheil a chreidimh chrioſtaidh, le buitſichibh ata 'g an ceangal fein ris an diabhol, agus 'g an toirt ſuas dh' a; leoſan mar an ceadna, 'ta eur an comhairle re buitſichibh, agus re draoidhibh, agus leoſan ata deanamh feum do ghiſeagan, agus do dhraoidheachd; leoſan ata 'n an caint choitcheann a' guidheadh air an diabhol iad fein no daoin' eile thoirt leis, agus leis an dream ata 'g eiſteachd re buaireadh an diabhol n' as mo na re comhairl[illegible] Dhe.

C. *Creud é an cuigeadh peacadh 'ta air a thoirmeaſg ſan cheud aithne?*

F. A ghlon ata dligheach do Dhia a thabhairt do neach air bith eile.

C. *Co iad ata ciontach ann ſa pheacadh ſo?*

F. Cha 'n iadſan amhain mar chuala ſibh, ata toirt adhraidh crabhach do chreatuiribh ata ciontach ann; ach mar an ceadna, 'ta 'm peacadh ſo bhi toirt gloir Dhe do chach eile, r' a agairt orraſan ata ag toirt cliu na nithe 'ta tachairt, cha 'n ann do fhreaſdal De, ach do thapog ceanmhuin, no do dhara adhbhara' mhain, agus air an dream ata toirt cliu aon ni maith ataid ag faghail, agus an ſoirbheachadh nan gnothaichibh dhoibh fein, agus d' an treabhantas, do chreatuiribh, no d' am fortan agus mar an ceadna orra-ſan aig am bheil meas an barrach air pearſaibh dhaoine. 1 Sam 6.9. Deut.

Deut. 8. 17. Dan. 4. 30. Hab. 1. 16. Gniomh. 12. 22 23. Jude 16.

Ceist XLVIII. *Creud ata air na theagasg dhuinne gu sonruichte ann 's na briathraibh so san cheud aithne, (am fhiadhnaise)?*

F. Ata na briathraibh so san cheud aithne (am fhiadhnaise) ag teagasg dhuinne, gu bheil Dia do chi na h uile nithe ag tabhairt aire do 'n pheacadh so, eadhon Dia air bith eile do bhi aguinn, agus gu bheil se roi dhiom-bui'-eachd dheth.

C. *Creud an argumaint ata san aithne so 'g 'ar grabadh, agus g' ar conbhail o iodhol-adhradh?*

F. Bhi smuainteach' air uile leirsineachd Dhe, gu bheil am peacadh air a dheanamh 'n a lathair sin, aig am bheil fuath agus grain ro mhór dh'eth.

C. *Cionnas ata e soilleir gu bheil Dia ag faicsin gach aon ni?*

F. Do bhri' gu 'm bheil è uile-lathaireach, agus neo'chriochnach ann eolas, Sal. 139. 7. 8. &c. Jer. 23. 24. Sal. 147. 5.

C. *Creud iad na nithe ata Dia a' leirsin?*

F. Is leir dha gach ni chuaidh seachad, gach ni 'ta lathair gach ni 'ta re teachd, agus gach aon ni a dh' fheadas bith; 'S leir dha uile chreatuireadh le 'n uile smuainteadh, an uile bhriathra, agus an uile ghniomhartha.

C. *Am bheil Dia ag toirt faidear do iodhlo-adhradh gu sonruichte thar peacaidh eile?*

F. Ata.

C. *Cionnas ata sin air a nochdadh?*

F. Le coi'-lion chomhartha d' a dhiom is ata Dia ag taisbean 'n a aghaidh, mar aon ann am bagraibh, agus ann smachduchadh air a shon, Deut. 29. 24. 25. &c.

C.

C. *C' ar ſon ata Dia co diom-buí'-each do iodhol-adhradh?*

F. Do bhrí' nach fead an Dia 'ta eudmhor ma ghloir fein, gun a ghabhail mar eas-onoir mhór, bhi ag faicſin neach eile air a chur ſuas 'n a ionad-ſnn, agus air a righ-chaithir, agus ſo uile 'n a lathair agus na ſhealladh fein.

C. *Nach 'eil móran tarcuis 'g a dheanamh air buaidh uile leirſineachd Dhe ann ſan t ſaoghal?*

F. Ata; gu ſonruichte, le iodhol-adhradh, le cealgoireachd, agus peacaidh diomhair.

C. *Nach bu choir dhuinn feum a dheanamh do uile-learſineachd Dhe, chum gach aon pheacadh ſheachnadh?*

F. Bu choir.

Ceiſt XLIX. *Creud i an dara h aithne?*

F. Is i an dara h aithne, *Na dean dhuit fein iomhaigh ſhnoighte, no cſamblachd ni air bith ata ſhuas air neamh, no bhos air thalamh, no ſna h uiſgibh faoi thalamh, na geillſe dhoibh agus na dean ſeirbhis dhoibh, oir miſe an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor me, a leanas aingidheachd nan aithreacha air an cloinn, gu 'n uig an treas no 'n ceathramh ginealach, air an droing a dh' fhuathaicheas me, agus ag foillſeachadh trocair do mhiltibh do 'n droing a ghradhaicheas me, agus a choimhdeas m' aitheanta?*

Ceiſt L. *Creud ata air iarruidh ſan dara h aithne?*

F. Ata an dara h aithne 'g iarruidh gach uile ghne adhraidh, agus orduighe diadhaidh a dh' iarr Dia ann a fhocal, do gabh-

ail

ail chugain, do chonbhail, agus do choimhead gu glan iomlan.

C. *An ionann do 'n adhradh ta air aithne; agus do 'n iodhol-adhradh 'ta air a thoirmeasg ann san dara h aithne, is ata ann sa cheud aithne?*

F. Cha 'n ionann; oir ata cheud aithne g' ar seoladh chum cusboir ceart ann ar 'n adhradh; ach ata an dara h aithne g' ar stiuradh chum slighe agus mheadhona ceart ann ar 'n adhradh: ata cheud aithn' ag toirmeasg adhradh thoirt do dhee breige, agus an dara h aithne a' toirmeasg adhradh thoirt do 'n fhior Dhia air doidh bhreige, no le meadhonaibh nach d' orduigh é fein.

C. *An d' orduich Dia an t adhradh crabhach sin uile, agus na meadhona is na riaghulta sin uile, leis an aill leis amhain, adhradh agus seirbhis fhagail?*

F. Dh' orduich.

C. *C' ait' am bheil iad sin againn?*

F. Ann a fhocal fein.

C. *Creud iad na meadhona agus na h ordunnaisaidh adhraidh chrabhaich ata air an orduchadh dhuinne?*

F. 1. Urnaigh fhollasach, dhiomhair, agus uaigneach, Luc. 1. 10. Jer. 10. 25. Mat. 6. 6. 2. Bhi toirt buidheachas, agus ag seinn salmaibh, Eph. 5. 20. Is. 52. 8. Seam. 5. 13. 3. Bhi ag leaghadh, a searmonachadh, agus ag eisteachd an fhocal, Gniomh. 5. 21. 2 Tim. 4. 2. Gniomh. 10. 33. 4. Bhi ag frithealadh, agus a' gabhail sacramainte an bhaiste agus suipeir an Tighearna, Mat. 28. 19. 1 Cor. 11. 23. 24. 5. Bhi re trosgadh, Luc. 5. 35. 6. Bhi re mionnachadh air ainm an Tighearna 'n uair a ghairmear gu laghail chuige sinn, Deut. 6. 13. 7. Bhi ag moideachadh do 'n Tighearna, Sal. 76. 11. 8. Bhi ag teagasg cloinne agus shearbhanta, Gin. 10. 18. &c.

C.

C. *Creud ata Dia ag iarruidh oirne thaobh nan riaghailtibh fin uile ?*

F. Gu gabhamaid riu, gu 'n d' thugamaid faidear dhoibh, agus gu coimhidamaid iad gu glan iomlan.

C. *Ciod é fin, bhi 'g an gabhail, agus 'g an toirt faidear ?*

F. Meas mór a bhi againn dhiubh, feathamh orra, agus buanachadh gu * neo'-chorach nan gnathachadh.

C. *Creud é bhi ag coimhead nan riaghailtibh fin gu glan iomlan ?*

F. Bhi toirt gach oirp' as fearr ata 'n ar comas chum an coimhid faor o gach meafgadh truaillleadh do innleachdaibh dhaoine, chum 's nach bithidh ni air bith air a chur riu, no air a thoirt uapadh.

Ceift LI. *Creud ata 'n dara h aithne ag toirmeafg ?*

F. Ata an dara h aithne ag toirmeafg, adhradh do Dhia trid iomhaighean, no air mhodh air bith eile, nach 'eil orduicht' ann a fhocal fein.

C. *Creud é am peaacadh fonruichte 'ta air a thoirmeafg ann fan aithne fo ?*

F. Iodhol-adhradh ; no bhi toirt adhraidh do 'n fhior Dhia triod iomhaighean.

C. *Creud ata thu cialluchadh le iomhaigh ?*

F. Dealbh, cruitheachd, no cofamhlachd creatuir air bith, ata air neamh, no air thalamh, no ann fan fhairge.

C. *C' uin' a bhios duine ciontach ann adhradh theirt do Dhia trid iomhaighean ?*

F. 'N uair a bhitheas e a' dealbh iomhaigh, no cofamhlachd corporra air bith, agus 'g a cur fuas

* duingeon

'n

'n a lathair ann an adhradh ; mar ata na Papanaich ag deanamh ata cur a mach Dhia an t Athair faoi choſamhlachd ſean duine, agus Joſa Crioſt faoi choſamhlachd oganaich na uain, agus an Spiorad Naomh faoi choſamlachd colmain ; ni ata gu ſoilleir " na chaochladh air gloir Dhe, gu coſ- " amhlachd dhuinne thruaillidh, agus eanlaithe, " agus ainmhighidh ceithir choſath :" Ata 'n t abſtol 'g a dhiteadh ſo, Rom. 1. 23. Agus ata neach cionnach ann ſo, 'n uair ata breunachadh, no coſamhlachd feolmhor mu Dhia 'n a inntin ann àm adhraidh dh' a, mar gu 'm bithidh è coſmhuil re duine, no creatuir air bith eile.

C. *Nach fead iomhaigh no dealbh, chum amharc air ann âm urnaigh ar cuideachadh ann ar crabhadh mar a deir na Papanaich ?*

F. Cha 'n fhead ; ach 'na aite ſin ata 's e na bhacadh mór ann.

C. *Cionnas ata é 'n a bhacdh ann ar 'n adhradh ?*

F. Do bhri' gu bheil 's è 'g altrom ſmuainteadh ſuarrach agus feolmhor mu Dhia, neach ata na ſpiorad glormhor, agus gu neo'-chriochnach air arduchadh oiſ-cionn gach aon ni faicſineach agus talmhaidh. Ata é na eaſ-onoir agus na dhi-meas co mhór air mordhachd an De bheo, bhi 'g a chuir a mach faoi choſamhlachd marbh iomhaidh creatuir air bhith ; is ge do chuireamaid an Righ amach faoi choſamhlachd loſgain.

C. *Ach nach fead ſinn an leithid ſin do dhealbhaibh air Dia, no air Pearſaibh na Trionaid a bhiaguinn 'n ar fochair, ge nach teir ſinn adhradh dhoibh ?*

F. Cha 'n fhead, oir is grainealachd ſo, ata Dia a' toirmeaſg gu teann, Deut. 4. 15. 16. " Thugaibh faidear gu maith dhuibh fein, [oir " cha 'n fhaca ſibh coſamhlachd gne air bith air " an la ann do labhair an Tighearna ruibh ann " Horeb amach as builſgean an teine] air eagal

" gu 'n

" gu 'n truaill fibh fibh fein, agus gu dean fibh " iomhaidh fhnoighte cofamhlachd dealbh air " bith." &c. Agus o 's barr, cha 'n fheadar air doigh air bhith dealbh a dheanamh air fin ata neo'-chriochnach, fpioradail, agus neo'-f haicfineach; agus uime fin, ata 's è gu tric ag cur ceift, mar ata i ann Ifa. 40. 18. 25. agus 46. 5. " Cia " ris a chofamhluicheas fibh Dia ?" gu deimhin cha 'n 'eil cruitheachd creatuir air bhith, no marbh iomhaidh air bith a dh' fheadas bhi nan cofamhlachd iomchuidh air an Dia bheo.

C. *Nach fhead finn dealbh air Jofa Crioft a bhi aguinn, neach ata da reireadh na dhuinne ?*

F. Chan fhead; do bhri' 1. Nach fheadar dealbh air bhith a dheanamh air naduri' a Dhiadhachd, agus fe fo 'ta deanamh CRIOST dheth. 2. Cha d' thug é dealbh air bhith feachad air a chorp 'n uair a dh' fhag é 'n faoghal, no cuntas air bith air a chruitheachd, chum 's nach gabhadh neach air bith mifneach a tharruing a dhealbh fin. 3. Mar ata a chorp a nois air a ghlòrachadh, cha 'n fhead dealbhadair air bhith cofamhlachd a dheanamh dheth, nach biodh na dhimeas ro mhór air a phearfa glormhor fin. 4. Ma bhithis a leithid fo do chofamhlachd air a deanamh chum fónn crabhach a dhufgadh, 'ta e na bhrifeadh air an aithne fo, 'ta ag toirmeafg gach adhradh do Dhia trid iomhaidhean.

C. *C' ar fon ata na Papanaich a' fagail an dara haithn' mach as an * foirceadail agus an oifigibh coitcheann ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil i ag diteadh an iomhaidhibh, an eroinn cheufaidh, agus an gnathachadh iodhol-adhraidh air doigh fhonruichte.

C. *An fair é na Papanaich o iodhol-adhradh bhi ag radh gu 'm bheil iad amhain, a' toirt adhraidh do Dhia, no do Chrioft leo fin; ach nach 'eil iad a' toirt adhraidh do na dealbhaibh fin iad fein ?*

* leabhair' ceafnaighe

C.

F. Cha faor; oir ata an aithne ag toirmeaſg bhi ag cromadh, no lubadh ſios ann nan lathair, agus nan gabhadh ſo leithſgeul nam Papanach, bhithidh é mar an ceadna na leithſgeul do chloinn Iſrael ann an adhradh do 'n laogh óir; do bhri' gu 'n roibh é aca r'a radh gu b' e 'n run adhradh a thoirt do 'n Tighearna am fia'-nais an laoigh, Exod. 32. 4. 5.

C. *Am bheil peac' air bith eile air a thoirmeaſg ann ſan aithne ſo, thuilleadh air iodhol adhradh, no bhi toirt adhraidh do Dhia trid iomhaighean?*

F. Ata, eadhon, peacadh crabhaidh thar tomhas, no adhradh fein thoile.

C. *Creud ata thu ciallachadh le ſin?*

F. Daoin' a bhi gabhail an danadais, adhradh a thoirt do Dhia le meadhonaibh a dhealbh iad fein, agus le bhi cur innſeachaibh dhaoine re orduchadh Dhe, no bhi ag toirt adhradh, agus feirbhis do Dhia, air doigh air bith eile thuilleadh air na dh' aithn' è fein, no air an d' thug é barrantas ann a fhocal.

C. *Co iad ata ciontach ann ſa pheacadh ſo?*

F. Na h uile 'ta cur ſacramainte nuadh ris an da ſhacramaint' a dh' orduich Crioſt, no iadſan ata gnathachadh comhartha a chroinn cheufaidh ann am baiſteadh, no bhi dol air an glunaibh aig ſuipeir an Tighearna, bhi ag coimhead laithe feile; thuilleadh air la an Tighearna, bhi gnathachadh nan organ ann feinn nan ſalmaibh, bhi ag leaghadh leabhair ann an urnaigh, no ag cur ſuas altaraibh, no dealbh ni air bith ann ionadaibh adhraidh, no lubadh dhoibh, no lubadh ris an aird an ear, no re ainm Joſa, no an leithidibh ſin. Ata gach ni dhiubh ſin nan * ſaobh chreidimh ann adhradh Dhe, agus nan cumadoireachd dhaoine, air an cuir re orduchadh Dhe, gu 'n bharrantas air bith na fhocal fein, agus uime ſin, air an toirmeaſg ann ſan dara h aithne.

* crabhadh thar tomhas

C. *Ach c' ar ſon nach fead daoine glic, naomh, agus foghlomta an leithid ſin do nithe chur re orduchadh Dhe chum maiſe chuir air adhradh ſin?*

F. 1. Do bhri' gu bheil é air a thoirmeaſg gu ſoilleir (leis an Dia ata neo'-chriochnach ann gliocas, agus ann naomhachd, agus aig am bheil coir gun teagamh a dh' orduchadh na meadhona, agus an doigh air an coir adhradh thoirt dh' a) ni air bith a chuir ris na riaghulta a thug é ſeachad m' an chuis, Deut. 12. 30. 31. 32. 2. Ata é gu geur a' cronachadh na nithe ſin, ag radh adhradh fein thoile, agus ſaobh chreidimh riu, agus ag innſeadh nach roibh ach ſamhla gliocas annta, Col. 3. 23. Mat. 15. 9. Os barr ata è 'g amharc air mar oirp' ann-dana bhi coimeaſg na nithe ſin ris ſin, agus daoin' a bhi cur an innleachdaibh fein i' a orducha ſan, agus deir è re ſo, "Bhi cur ſuas "an tairſneachain re taobh a thairſnich ſin, agus "an urſannaibh laimh r' a urſannaibh ſin," agus ag radh gu bheil iad a' dol air ſtriopachas le 'n innleachdaibh, Eſec. 43. 8. Sal. 106. 39.

C. *C' ar ſon ata Dia ag cronachadh na nithe ſin, ann ſam bheil daoin' ag cur rompa gloir a thoirt dh' a ſan, agus maiſe chuir air adhradh?*

F. 1. Do bhri' gu bheil é 'g a mheas na mhór uaibhreachas daoin' a bhi gu h ann-dana gabhail orra fein ordughadh Dhe a leaſachadh, mar gu 'm bithidh iad na bu ghliceadh na eiſean. 2. Ann aite bhi cuir maiſe air adhradh Dhe leo ſinn, 's an ataid ag cur mi-dhreach air; oir 's é an nadur ſimpligh agus ſoilleir fein, a mhais' as mó a dh' fheadar a chuir air adhradh De, oir le bhi tarruing dealbh air ſcathan, cuirthear dorchadas air, agus millidh cealtrach dearſa cloiche buaidhach. 5. 'S e beannuchadh agus lathaireachd Dhe amhain, a dh' fheadas a riaghlaibh ſin a dheanamh tarbhach dhuinne: ach cha do gheall Dia riamh a bheannuchadh air innleachdaibh dhaoin' ach air orducha fein amhain, Mat. 28. 20.

C.

C. *Nach roibh deas ghnatha fcaghail eagfamhail aig na h Judhaich ann an adhradh faoi 'n lagh ?*

F. Bha ; ach bha iadfin air an orducha' le ughdarras Dhe fein, mar bha iad air an cuir air cul airis leis fin 'n tra' thainig Crioft, agus flighe adhraidh fhoilleir fhimpligh air a h orduchadh fuidh 'n t foifgeul. Agus cha 'n 'eil é cofmhuil air doigh air bith, gu 'n cuireadh Dia air cul na deas ghnathaibh a dh' orduich é fein, a reiteach na flighe do innleachdaibh dhaoine.

C. *Nach fead an eaglais cuid do dheas ghnathaibh orducha air fon deagh mhais agus ordu', do reir na h aithne fin ?* 1 *Cor.* 14. 40.

F. Cha 'n 'eil an taite fin a toirt barrantas do 'n eaglais ni nuadh-air bith a chuir-re adhradh Dhe, mar bhithidh deas ghnathaibh feaghail, ach a-mhain a chomhid agus a thoirt fai dear do na riaghailtibh a thug Dia dhuinn', le deagh riaghail agus ordu' gu maifeach, ann an aire thabhairt nach biodh mio-mhaife, no mio-riaghail air bith ann an adhradh Dhe, thaobh àm, no aite no an leithidibh fin, ni ata aithne Dhe 'ta ag orduchadh an adhraidh fein thaobh orign a gabhail a fteach, o'r as eagmhuis an leithid fin cha 'n t headadh i bhi air a coi'-lionadh.

C. *Am bheil peacadh air bith eile air a thoirmeafg leis an dara h aithne ?*

F. Ata : mar 'ta bhi 'gabhail leithfgeul, a toirt fpeis, no ag cur air aghaidh creidimh breige, no faoibhealachd ann an adhradh ; bhi ag dearmad, a' toirt di-meas, no ag bacadh fior adhradh De, no aon d' a riaghailtibh fin, bhi aig toirt mafluigh, no ag deanamh gear leanmhuin air an dream ata ag toirt adhraidh do Dhia do reir fhocail fein.

Ceift LII. *Creud iad na reafain ata ceangailte ris an dara h aithne ?*

F. Is iad na reafain ata ceangailte ris an

dara h aithne, ard-uachdranachd Dhe o 's ar cionn, an t feilbh choir ata aig ann aine, an gradh laft agus eud ata aige d' adhradh fein.

C. *Creud ata thu cialluchadh le riafain a bhi ceangailte re aithne?*

F. Argumaint air a cur ria, chum a coimhid a fparragh oirne.

C. *Cia lion do na rinfainibh fin ata ceangailte ris an aithne fo?*

F. Tri; 1. ard uchdranachd Dhe o 's ar cionn é. 2. An t feilbh-choir ata aig' ann-aine. 3. An t eud-ghradh ata aige d' a adhradh fein.

C. *Creud ata thu cialluchadh le ard-uchranachd Dhe o 's ar cionn' e?*

F. An cumhachd, agus an t ughdarras neo'-fhuafgailte 'ta aige o 's ar cionn, air achd a 's gu fead é gach ni as aill leis a dheanamh ruinne.

C. *Co na focail do 'n aithn' ann fam bheil an riafon fo aguinne?*

F. Ann 's na briathra fin, MISE AN TIGHEARNA.

C. *Creud as feagh do na briathraibh fin?*

F. Gur eifean is ard Tighearna o 's ar cionn 'e, agus gu 'm bheil coir aig' air gach reachd as aill leis a dheanamh m' a adhradh fein, agus gu bheil é mar fhiacha oirne mar iochdranaibh Dhe an aire a thabhairt do na reachdaibh fin, agus gu 'n adhradh a thoirt dh' a fan air doidh air bhith eile.

C. *Co na focail ann fam bheil an dara riafon aguinn?*

F. Ann fna briathraibh fin, DO DHIASA, Mife an Tighearna do Dhiafa.

C. *Creud as feagh do na briathraibh fin?*

F. Gu 'm bheil coir agus feilbh fhonruichte aig' Dhia annaine, buineadh finn dh' a thaobh cruthachaidh, faorfa, agus aidmheil, agus uime fin, bu choir dhuinn' leanturin gu teann r' ar Dia-

ne,

ne, agus r' a reachdaibh fin, agus gach iodhol adhradh, agus * faoibh-eolachd a fheachna' ata ag tarruing ar ar criodheachan fada o Dhia, Sal. 106. 19. 21.

C. *Co na focail do 'n aithne ann fam bheil an treas riafon aguinn' ?*

F. An fna briathraibh fin, IS DIA EADMHOR ME.

C. *Ciod as feagh do na briathraibh fin ?*

F. Gu bheil ead ro mhor, gradh laifte, no caomh cho mhothach aig Dia r 'a adhradh fein, agus gu bheil è ro dhiom-bui'-each do 'n dream ata 'g a thruailleach le bhi cur innleachda dhaoine ris, Exod. 34. 14. Sal. 106. 29.

C. *Creud iad na nithe ann fam bheil Dia ag nochdadh an gradh laifte, agus an t ead ata aige m' a adhradh fein ?*

F. Ann am bagradh luchd brifeadh na h aithne fo a fmachduchadh, mar dhream ata 'g a fhuathachadh gu 'n uig an treas na 'n ceathramh ginealach; agus le trocair fhoillfigheadh do mhilte do 'n droing a ghradhaicheas é agus a choimhdeas a reachd fan.

C. *Am bheil é co'-thromach do Dhia a chlann a fmachduchadh air fon peacaidh am paraintibh ?*

F. Ata; mu theid a chlann air an aghaidh ann am peacaidh am paraintaibh; ach ma threigeas iad am peacaidh-fin, cha 'n agair Dia air an fon iad, Efec. 18. 14. 17.

C. *Am bheil Dia ag meas dream air bith mar a luchd graidh, ach iadfan a cheimhdeas aitheanta ?*

F. Cha 'n 'eil, Eoin 14. 21.

C. *Nach 'eil na riafoin fo uile 'g ar ceangeal a thoirt fai dear le curam nach atharraich, agus nach cuir fin dadum ris na riaghailtibh a dh' orduich Dia na adhradh fein ?*

F. Ata.

C. *Am bh il deagh bharrantas aig dacinibh dol*

* crabhadh thar tomhas

faoi fhalangaifibh air fon eafaontachadh leis na nithe fin ata air an cur re adhradh Dhe?

F. Ata; mar 'ta e foilleir o Dheut. 12. 32. agus Deut. 4. 2. "Na cuiribh ni air bhith ris "an fhocal a dh' aithn' mife dhuibh."

Ceift LIII. *Cia i an treas aithne?*

F. Is i an treas aithne, *Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia ann diomhanas, oir ge b'e bheir ainm an diomhanas, cha mheas an Tighearna neimh-chiontach é?*

Ceift LIV. *Creud ata air iarruidh fan treas aithne?*

F. Ata an treas aithne 'g iarruidh, gnathachadh naomh agus urramach do dheanamh air ainmibh, tiodalaibh, buaidhibh, ordunnanfaibh, briathraibh, agus oibribh Dhe.

C. *Creud an doidh air cair dhuinn' ainm Dhe a ghnathachadh?*

F. Air doigh naomh agus urramach, eadhon, le bhi beachdachadh air a mhordhachd neochriochnach, agus air oirdheirceachd le irioſalachd, agus mór eagal.

C. *Creud ata r' a thuigfin le ainm Dhe ann fan aite fo?*

F. Ni air bith ata gu coitcheann air ainmeachadh air Dia, agus leis am bheil sè 'g a fhoillſeachadh fein dhuinne, mar dh' aithnighear duin' air ainm.

C. *Creud iad na nithe leis am am bheil Dia 'g a fhoillſeachadh fein dhuinne?*

F. An t ſea fin, eadhon, ainme fin, a thiodalaibh, a thuaidhibh, a ſaighaltibh, a bhriathraibh, agus oibribh.

C.

C. *Creud iad h ainmibh ata é faghail as coir dhuinn an gnathachadh gu h urramach?*

F. An leithidibh fin, eadhon JEHOBHAH, an TIGHEARNA, DIA, JAH, ATA MH, an t ATHAIR, a' MAC, JOSA CRIOST, an SPIORAD NAOMH, an SPIORAD.

C. *Creud iad tiodla Dhe, is coir dhuinn an gnathachadh gu h urramach?*

F. Is iad fin ainme gnathaicht' fin air an tarruing o oirdheircibhh fonruichte Dhe, mar ata Tighearna nan Sluagh, Righ nan Righ, Tighearna nan Tighearna, Athair na Soillfe, Ti naomh Ifrael, Cruthai' fhear criochaibh na talmhain, fear coimhid dhaoine, agus an leithidibh fin.

C. *Creud iad buaidhean Dhe is coir dhuinn an coimhid gu h urramach?*

F. A bhuaidhibh nadurra, leis am bheil é air ainmeachadh, agus air eidir-dhealuch' o a chreatuiribh uile, mar ata uile-chumhachd, uile lathaireachd, bioth-bhuantachd, neo'-chaochlui'-eachd, gliocas neo'-chriochnach, naomhachd neo'-chriochnach, maitheas, fireantachd, trocair, &c.

C. *C' ar fon a deirir buaidhibh Dhia riu fin?*

F. Do bhri gu bheil Dia 'g an agairt dh' a, fein mar na nithe nach buin do neach air bith eile.

C. *Creud iad ordunnaxfaidh, no riaghailtibh Dhe, as coir dhuinn an gnathachadh gu h urramach?*

F. Na facramaint, urnaigh, molladh, fearmonachadh, mionna, moid, croin-chuir, &c.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le focal Dhe ann fan fhreagra?*

F. Cha 'n é fhocal nadurra fin, ach fhocal fgriobhta, no ann Biobul.

C. *Creud ata r' a thuigfin le cibribh Dhe?*

F. Oibridh a chruthaich, an fhreafdail, agus na faorfa.

C. *C' uin a dh' fheadar a radh gu 'm bheil finn*

a'

a' gnathachadh ainme, tiodla, agus buaidhean Dhe, air doidh naomh agus urramach ?

F. 'N uair a bhios finn ag altrom fumainteadh eagalach, taingeal, agus gradhach m' an timchioll, agus an uair a bhios finn 'g an luadh le 'n billibh gu muirneach, gu meafarra, agus gu faiceallach.

C. *C' uin ata finn a' gnathachadh riaghailtean agus orduighean Dhe, air doidh naomh agus urramach ?*

F. 'N uair a bhios finn gu coguifeach ag feitheamh orra, ag oirpeachadh fonn irioful agus urramach croidhe ann an dlughachadh re Dia, agus dianthogradh a bhi aguinn ann diaidh co' chomunn ris 'n a uil' orduighean fein.

C. *C' uin' a bhios finn a' gnathachadh focal De air doidh naomh agus urramach ?*

F. 'N uair a bhios finn 'g a leaghadh le durachd, a toirt fai dear do mhordhachd Dhe ag labhairt ruinn ann, agus ag oirpeachadh umhlachd a thoirt do thoil naomh an Tighearna gu 'n * chaird an uair dh' fhoillfichear dhuinn i.

C. *C' uin a bhios finn a' gnathachadh oibridh Dhe, gu naomh agus gu h urramach ?*

F. 'N uair a bhios finn a' fmuainteachadh le tlachd air gloir Dhe ann an oibribh a chruthachaidh, agus a bhios meas urramach aguinn air ceimibh a fhreafdal, a giulan le foighidin le a fmachduchad-fan air fon peacaidh, a toirt buidheachais dh' a air fon a mhaitheis, gu fonruichte air fon an t flanui'-fhir Jofa Chrioft.

Ceift LV. *Creud ata 'n treas aithn' ag toirmeafg ?*

F. Ata 'n treas aithn' ag toirmeafg mionaomhachadh no mio-ghnathachadh air bith do dheanamh, air aon ni leis am bheil Dia 'g a fhoillficheadh fein.

* dail C.

C. C' uin' a bhios finn a' toirt ainm Dhia ann diomhaineas ?

F. 'N uair a bhios finn 'g a ghnathach gu neo'-urramach, gu faoidhbheal, no gu diomhaoin ; no 'n uair a bhios finn ag deanamh mio-ghnathachadh air ni air bith leis am bheil 's e 'g a fhoillseachadh fein dhuinn', mar ata ainmibh, a thiodolaibh, a bhuaidhibh, orduighean, *&c.*

C. Cionnas ata daoine ciontach ann a' mio-naomhachadh, no mio ghnathachadh a dheanamh air ainmibh tiodolaibh agus buaidhibh Dhe ?

F. Air iomad doidh, mar ata, 1. Mionnan breige ann lathair breitheamh 'n uair a ghairmear na fhiadhnais finn. 2. Le mallachadh, agus mionnachadh gu mio-naomha ann caint choitcheann. 3. Le dia-bheum no bhi ag labhairt' gu maslach air Dia. 4. Le bhi gnathachadh ainm ann draoidheachd. 5. Le bhi toirt adhraidh do Dhia ann an urnaigh, no buidheachas le inntin leath-chrabhach agus le neo'-churam. 6. Le bhi gnathachadh ainm Dhia gu neo'-urramach ann an coluadar coitcheann, a glaodhaich gun fuim air bith, O Dhia, O Thighearna, Dhia cuideach me, beannuich me, agus an leithidibh fin. 7. Le bhi ag luadh mionnain dhaoin' eile gun fuim air bith a ghabhail dhiubh. 8. Le bhi gabhail Dhia mar fhia'-nais gu h obain, &c.

C. Am bheil é laghail mionnachadh air ainm Dhia 'n uair a ghairmear thuige fin finn le ughdarras ?

F. Ata : ma bhios ar mionnan fior agus ceart, agus ma bhios mothachadh urramach, agus fiamh an Tighearna air ar croidhe chibh, 'n tra ni finn fo, Deut. 6. 13. Eabh. 6. 6.

C. Am bheil é laghail do dhuine mionnachadh air anam, air a chogais, air a chreidimh, no an leithdibh fin ?

F. Cha 'n 'eil ; oir mar a's creatuire iadfin, is lodhol-adhradh bhi mionnacha' orra, no bhi 'g an

cuir

cuir an aite Dhe, le bhi ag toirt an adhraidh, agus nam buaidhibh dhoibh a bhuineas do Dhia.

C. *Creud an t olc no am peacadh, ata ann a' mallachadh no am mionnacha' mio-naomha ?*

F. 1. Ata é 'n aghaidh aithn' an Tighearna ann san aite so, agus ann ionadaibh eile do 'n sgriobtur, mar ata Mat. 5. 34. Rom. 12. 14. 2. Is doidh obain é, air ard bhreitheamh neamh a ghabhail mar fhiadhnais ann an cuisibh faoin, ni air am bheil Dia ag amharc mar dhi-meas oilteil air ainm sin. 3. Ata è 'n a cho'-duchaidh bronach air croidhe neo-ghrasmhor, agus mhio-naomha : Uime sin ata 'n Tighearna 'g dheanamh na chomhartha eider-dhealuicht' eidear an t aingidh agus am firean, Sear. 9. 2. An neach a mhionn aicheas, agus an neach air am bi eagail mionnain.

C. *Am bheil Dia ag amharc air luchd mionnachaidh mio-naomha mar a naimhdibh ?*

F. Ata ; do reir Sal. 139. 20. Thug do naimhdibh t ainm ann diomhaoineas.

C. *Creud an cunntart ata ann 'a mionnachadh gu mio-naomha agus gu fealltach ?*

F. Buineadh an Tighearna riu-san mar a naimhdibh a mhionnaicheas air an doidh so, le a mhalluchadh-san a chuir air an tighean, Sach. 5. 3. 4. Agus bithidh a bhreitheanas uathbhasach 'g an dian ruagadh mar aon ann sa bheatha so, agus ann san aith-bheatha ; Oir le guth mordhalachd o shleabh Shinai bha na briathraibh so air an labhairt, " Cha mheas an Tighearna neo'-chiontach " eisean a bheir ainm-sin ann doimhaoineas."

C. *C' uin ata daoine ciontach ann an orduighean Dhe a mhio'-naomhachadh, no mhio'-ghnathachadh ?*

F. 'N uair a bhios iad ag feitheamh orra gu fuar-chrabhach, no le criodheachan marbh, agus seachranach. 2. 'N uair a bhios giulan neo'-urramach aca san am, le bruidhean, le gaireachdaich, no le codal.

C.

C. *Am feadar croinn a ghnathach ann an cluichibh mar ata cairde agus diſtean ?*

F. Cha 'n fheadar ; oir mar ata croinn ag cur cuiſibh fuidh raithe Dhe, chum crioch a chuir air nithe nach fheadadh a bhi air an criochnachadh air doigh air bith eile, bu choir an gnathachadh gu h urramach, Sean. 16. 33. agus 18. 18. Gniomh. 1. 26.

C. *Cionnas ata daoine mio'-naomhachadh, no mioghnathachadh focal De ?*

F. Le fanoid mhio-naomha air, no le bhi 'g a fhiaradh chum mearachd no gniomhartha peacach a chonbhail ſuas.

C. *Cionnas ata daoine mio'-naomhachadh, no mio'-ghnathachadh oibridh De ?*

F. Le bhi deanamh dimeas air oibribh ſin, le bhi gnathachadh a chreatuiribh gu neo-mheaſarradh, a ſhaſuchadh an ain-mianna, le mio-fhoighidin fuigh thriobloidibh, agus le neo'-thaingealachd air ſon a mhaitheis.

Ceiſt LVI. *Cia é an riaſan ata ceangailt' ris an treas aithne ?*

F. Is é an riaſan ata ceangailte ris an treas aithne, ge gu feadadh luchd brifeadh na h aithne ſo, dol ſaor o dhioghaltas do thaobh dhaoine, gidheadh cha 'n fhuiling an Tighearna ar Dia ne dhoibh dol as o cheart bhreitheamhnas fein.

C. *Creud i an argumaint leis am bheil an aithne ſo air a ſparradh oirne ?*

F. Ata i aguinn ann ſa bhagradh ua'bhaſach ſin, oir ch' a mheas an Tighearna neo'-chiontach iadſan a bheir ainm ſinn ann diomhaoineas.

C. *Ciod as ſeagh do 'n bhagradh ſo ?*

F. Ata é cialluchadh, ge do leigeis daoine luchd mionnachaidh agus an droing ata mio-naomha as,

gidheadh

gidheadh nach leig Dia dhoibh dol as gun dioghaltas mar dean iad aithreachas.

C. *Cionnas ata luchd brifidh na h aithue fo dol as o fmachduchadh thaobh dhaoine ?*

F. Ata fo ag tarladh ann cuid, do bhrigh nach fead lagh dhaoine righeachd air gach mio-naomhachadh air ainm an Tighearna, agus ann an cuid eile, do bhri' gu 'm bheil moran dhiubh fin bu choir an lagh a chuir ann gniomh orra fan ata mio-naomhachadh ainm an Tighearna, an dara cuid ciontach ann fan pheacadh fin iad fein, no na leithide eile, no gu bheil beag feagh aca do ghloir Dhe.

C. *Ge do leigeis dauin' as iad, ann leig Dia dhoibh dol as o dhioghaltas ?*

F. Cha leig, oir ge nach 'eil é 'g an fmachduchadh do ghna' ann fa bheatha fo, le builibh fonruichte, gidheadh ni è fo 'na àm fein, oir dubhairt an Tighearna nach meas è neo'-chiontach iad.

C. *An gleidh é mion chunntas air peacaidh luchd brifeadh na h aithne fo ?*

F. Gleidhidh, oir, ata mór mheas aige do ghloir ainme fein.

C. *C' uin' a bheir Dia breitheanas air luchd brifeadh na h aithne fo ?*

F. Ata é toirt breitheanas orra air uaireadh fa bheatha fo, do reir, Deut. 28. 58. 59. Sach. 5. 3. 4. Agus ata na Plaighibh fin air uairibh air an corpaibh, agus air uairibh eil' air an anamaibh, ach ciod air bith mar theid iad as o bhreitheanas aimfireil, ata breitheanas fiorruidh ag feitheamh orra, o nach fhead iad dol as, Rom. 2. 3. & 5. 6.

C. *Nach mór an amaideachd an danadas a ghabhail air lagh an Tighearna a bhrifeadh, do bhri' gu bheil é foighidneach, agus fad fhulangach am breitheamhnas a chuir ann gniomh air luchd deanaidh an uile ?* *F.* 'S eadh.

Ceift

Ceist LVII. *Creud i an ceathramh aithne?*

F. Is i an ceathramh aithne, *Cuimhneich la na sábaid a choimhead naomh; ann seachdamh laithe deant obair agus tuile shaothair, ach is e an seachdamh la, sábaid an Tighearna do Dhia; na dean aon obair san la sin, thu fein, no do mhac, no d' inghin, t oglach, no do bhanoglach, no t ainmhidhe, no do choigreach ata 'n taobh stigh do d' dhorsaibh; oir ann sea laithe do rinn an Tighearna neamh, agus talamh, an f hairge, agus gach ni ata ionnta, agus do ghabh se comhnuidh air an t seachdamh la; uime sin do bheannuigh an Tighearna la na sábaid, agus do naomhaich se e?*

Ceist LVIII. *Creud iarrar san cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh aithne 'g iarruidh, coimhid naomha do dheanamh do Dhia air na trathaibh suidhigidte do dh' orduich se ann a f hocal fein, gu sonruighte aon la iomlan do na seachd laithibh chum bhi na shábaid naomha dh' a fein.

C. *Creud ata thu cialluchadh le la sábaid?*

F. La chum tamh naomh a ghabhail, ann sam bheil daoine re sgur do ghnothaiche saoghalta, chum feitheamh air adhradh Dhe.

C. *Cia tric ata la na sábaid re bhi air a choimhid?*

F. Ata é re bhi air a choimhid do ghna' gach seachdamh la, na aon la, ann diaidh sea laithibh oibridh.

C. *An bheil an ceathramh aithne so deasghnath-*

ach, agus re a coimhid car ſeal, amhain fiachaight air na h Judhaich m' an d' thainig Crioſt ?

F. Cha 'n 'eil, is aithn' i 'ta * beaſach, agus buan-mhairtheanach, ceangailt' air gach uile dhaoinibh, Judhaich agus Geintiligh, gu deire an t ſaoghail.

C. *Cionnas ata thu co'-duchadh gu bheil an aithne ſo beuſach & buan ſheaſmhach ?*

F. 1. Do bhri' gu 'n roibh i air a h orducha' ann toiſeach ann am parras. 2. Do bhri' gu 'n roibh i air a ſgriobhadh le mear Dhe air clar cloiche, agus air a cuir ann ſan airc maille ris na naoidh aitheanta eile, ni nach d' rinneadh air aon do na riaghalta deaſghnathach. 3. Ata na riaſain agus na h argumainte leis am bheil an aithne, ſo air a ſparradh oirne beuſach agus buan-ſheaſmhach. 4. Bha na cinnich agus na coigrich nach roibh faoi lagh nan deaſghnath air an ceangal re coimhead na h aithne ſo, amhail is mar bha na h Judhaich, Iſa. 56. 4, 5, 6. Ata na faidhean fuidh 'n t ſean tiomnadh, agus Joſa Crioſt mar aon ag labhairt air coimhead na ſabaid mar dhleaſdanas a bha mar f hiacha air daoinibh fuidh 'n tiomnadh nuadh 'n uair a bha lagh nan deaſghnath air a chur air cul, Iſa. 56. 1, 2. 6. Ata coguiſe dhaoine do ghna' 'g an tagradh gu geur air ſon briſeadh na h aithne ſo, agus ata Dia gu tric 'ga leantainn le bhretheamhnas fein.

C. *Am bheil ſolus nadurra, agus deadh riaſuin ag ſparradh coimhid na ceathramh aithn' oirn', mar ata iad an naoiamh eile, no am bheil a h ughdarras o thaisbein ſhoilleir, agus o reachd daingean ?*

F. Ata ughdarras na h aithne uapadh mar aon; oir ata ſolus nadurra 'g iarruidh gu 'm bithidh, cuid iomchuidh d' ar 'n aimſir air a buileachadh air adhradh foilleaſach Dhe, agus bu choir dh' a ſo tachairt gu tric, agus gu 'm bithidh 'f e ann ſan aon am an ſgach aite, chum 'ſ nach cuireadh gnothaiche an dara duine grabadh air adhradh an duin' eile. A noiſe ſan aig Dia amhain ata fios,

* moralta.

ciod

ciod an cuibhroinn d' ar 'n aimſir, ata iomchuidh air feumaibh ar corpaibh agus ar 'n anamaibh fa leith, agus air ar ſtaid ne thaobh na beatha ſo, agus na h aith bheatha, agus dh' orduigh e 'na ghliocas le foillſeachadh ſoilleir, an ſeachdamh cuid d' ar 'n uine chum na criche ſo.

C. *Nach 'eil Dia aig taisbean meas ſonruighte do 'n aithne ſo, le comharthaidh airid oncir agus urram a chuir orra ois-cionn nan aitheantaibh eile?*

F. Ata; oir, 1. Mar ata i air a ſuidheachadh ann ſa cheud chlar, ata i ni as faide, agus air a ſparradh le tuilleadh do argumainte na h aon do chach eile. 2. Ata i air a labhairt mar aon le iartas, agus le toirmeaſg, (mar nach 'eil aon do na h aitheantaibh eile) oir cha 'n 'eil é a radh amhain, coimhid an t ſabaid gu naomha, ach mar an ceadna, na dean gne air bith a dh' obair air an la ſin. 3. Ata cuimhneachan ſonruighte air a roimhcheangal ria, nach 'eil ris a chuid eile do na h aitheanta, CUIMHNIÇH an t ſaboid, a choimhid naomha, mar gun abradh é feuch gu cuimhnich thu ſo, ciod air bith a dhio-chuimhneachas thu, na dio-chuimhnich ſo. 4. Ata i air a ſuidheachadh ann an meadhon nan aitheantaibh, mar ata 'n croidhe ann ſa chorp, chum gach ball dheth a bheothachadh, ata i air a cur ann deire a' cheud chloir, agus air ball roimh 'n dara clar, a nochdadh gu 'm bheil coimhead nan aitheanta gu leir ann cuid mhor air a cheangal re coimhid na h aithne ſo.

C. *Creud iad na crioch' mor m' an d' orduigh Dia ſaboid air an t ſaoghal?*

F. 1. Air ſon a ghloire fein, agus chum peacaich iompochadh ris fein, le ſearmonachadh an fhocail air an la ſin. 2. Chum ſmuainteadh ſpioradail agus neamhaidh altrom ann ar 'n anamaibh, bha fios aige gu maith gu 'm bithidh nithe feolmhor ullamh chum ar croidheachan fhagail

marbh, agus 'g an deanamh dio-chuimhneach air Dia, agus air nithe ſpioradail, agus uime ſin, chunnairc é iomchuidh ar gairm-ne ann ceann gach ſeachduin, o chusboire feolmhor chum cuimhneach air nithe neamhaidh, le bhi ag ſparradh oirne ſábaid a choimhead ni ata 'na coſamhlachd beothail air neamh, far am bi na naoimh do ghna' ag toirt cliu agus molaidh do Dhia, agus a' ſealbhachadh co'-chomuinn ris gun mheaſgadh air bith do ghnothaiche ſaoghalta.

C. *Cia mead do 'n la a dh' orduighe mar ſhábaid ata r' a choimhead naomh do 'n Tighearna?*

F. Ata aon la iomlan ann ſeachd; no ceithir uaireadh thar a fichid, o mheadhon oidhche gu meadhon oidhche, gu bhi air a choiſreagadh do 'n Tighearna, do bhri' gu 'm bheil é 'g agairt coir air an t ſeachdamh cuid d' ar 'n uine. Ata é fior gu bheil uin' air a luidheaſachadh air ſon ithe agus codail air la na ſábaid, co mhaith is air laithibh eile. thaobh gur oibribh eigin iad, oir cha 'n fhead finn dleaſdanais na ſábaid a choimhid a's an eagmhuis.

C. *Nach peacadh do dhaoinibh bhi teachd teann air an la ſo le 'n obair fein?*

F. 'S eadh; mar bu pheacadh do Ananias agus do Shapphira a' maoin choiſreicte a roinn re Dia, agus gun ach cuid a thoirt dh' a ſan; mar ſo a's peacadh dhuinne bhi ag roinn na h uine re Dia do thaobh a la naomha fein.

C. *Nach bu choir do gach aon la bhi mar ſhábaid do na crioſtuidhean?*

F. Ge do 'ſ coir do gach crioſduidh ſoirbhis a thoirt do Dhia gach aon la, gidheadh cha 'n fhead iad ſáboid a dheanamh do gach la, air ſon adraidh coitcheann an Tighearna; do bhri' gu bheil Dia 'g am gairm chum dleaſdanais eile m' an gnothaiche ſaoghalta, nach 'eil a' co'-ſheaſamh re obair na ſábaid. Agus ge 'ta é mar fhiacha oirne bhi naomha, agus crabhach gach am, gidheadh ata é

air

air aithne dhuinne ar 'n aidmheil a thaisbean le gniomhartha a' chrabhaidh o 'n leith 'mach ni as mo ann cuid do amaibh no cheile.

C. *Co d' am bheil an ceathramh aithne agus coimhid na ſábaid gu ſonruighte' air an tabhairt ?*

F. Do cheannardaibh teaghlachaibh, agus uachdarain eile ni 'ta an aithne fein ag labhairt, ni ata gu cinnteach a' gabhail riaghail-fheara a ſteach ann, oir feadar na briathraibh ſin, " ann taobh " ſtigh do d' gheataidh" a thuigſin mu ughdarras riaghail-f heara,gu ſonruighte mu gheataidh baille, agus m' an droing ata gabhail comhnuidh ann ta ſan, Neh. 13. 15, 19. Jer. 17. 24, 25.&c.

C. *C' ar ſon ata 'n aithne air a tabhairt dhoibhſin n' as ſonruighte ?*

F. Do bhri' gu 'm b' aill le Dia, cha 'n é 'mhain gu 'n coimhideadh iad fein i, ach gu 'm bithidh iad curamach chum 'ſ gu 'n coimhideadh na h uile ata fuidh 'n ughdarras i, mar rinn Nehemiah, Neh. 13. 15, 16, &c.

C. *C' ar ſon a chuir Dia am focal ſo, CUIMHNICH air thoiſeach air an aithne ſo?*

F. 1. A nochdadh a meas ſonruighte 'ta aig Dia dhi, mar ata i na gáradh dion do na h aitheantaibh eile. 2. Do bhri' gu 'm bithidh an Diabhol, agus a luchd muintir ag iarruidh cuimhne na h aithne ſo chuir as gu tur, am bithidh é 'na 'n comas ; agus gu 'm bithidh daoine dhiubh fein ullamh a dhi'-chuimhneach' dleaſdanais na ſábaid, thaobh nach 'eil ſolus nadurra 'g a ſparradh oirn' co daingean re cuid do chach. 3. Do bhri' gu 'm b' aill leis gu 'm bitheamaid gu tric ag ſmuainteachadh air oibribh a chruthaich agus na ſaorſa ; ſuim a chrabhaidh uile, na nithe air am bheil an la ſo ag toirt feallaidh dhuinn. 4. Do bhri' gu 'm b' aill leis ſinn a chuimhneach air an t ſábaid roimh laimh, chum ſ gu 'm bitheamaid g' ar deaſachadh fein air ſon a coimhead 'n uair a thig i.

C. *Ciod e an rioſon m' am bu choir dhuinn bhi deaſachadh fa chomhair na ſàboid roimh laimh?*

F. 1 Do bhri' gu bheil ſinn thaobh nadurra feolmhor, agus neo' iomchuidh air obair ſpioradail, agus air ar cuibreachadh le gnothaiche ſaoghalta trid na ſeachd-uin, ata roi'-churam feumail chum ar ſmuainteadh-ne a thogbhail o nithe talmhaidh, agus an deanamh iomchuidh air ſon gniomhartha agus ſochairean na ſàboid. 2. Do bhri' gu bheil Dia g' ar gairm am fogus dh' a ſan ata neo'-chriochnach ann an naomhachd air doigh ſhonruighte: Agus ata ſ e 'g iarruidh deasachaidh do reir eiſempleir an t ſalmadoir, Sal. 26. 6. "Glanaidh mi mo lamhan ann neo'-chiont-"as, agus cuairteacham t alair ſe o 'l highearn." 3. B' e ſo gnathachadh luchd muintir Dhe o ſhean, bhi' ag ull'-uchadh fa chomhair na ſàboid, air an la roi'-laimh, agus uime ſin, bu nós leo la deaſachaidh a radh ris, Lue. 23. 54.

C. *Creud an deaſachadh bu choir dhuinn a dheanamh fa chomhair na ſàbaid roi'-laimh?*

F. 1. Bu choir dhuinn bhi cuimhneacha' air crioch mhor na ſàbaid, le bhi teagaſg na dream a chuaidh earbſa r' ar curam mu thimchioll na criche ſo, agus ſgur d' ar gnothaicheadh ſaoghalta chum 'ſ gum bithidh uin aguinn air ſmuainteachadh air obair an la is faigſe; agus chum maitheamhnas ſ haghail ann an cionta na ſeachd-uin a chuaidh ſeachad, chum tachairt re Dia ann ſith air a la fein. 2. Bu choir dhuinn ar gnothaiche ſaoghalt' a riaghluchadh roi'-laimh, le gliocas agus roimh-ſhealladh chum 'ſ nach bithidh gnothaiche na ſàbaid air am bacadh leo.

C. *An d' orduigh Dia amaibh ſonruight' air bith eile re nan coimhead naomh do 'n Tighearna thuille air la na ſàbaid?*

F. Cha d' orduigh, ach * fleadhan, agus ſàbaideadh deaſghnathach nan Judhaich, nach roibh amhain

* feiſdibh.

amhain ach nan ſamhlugh air nithe chum teachd, agus ſguir iad 'n tra thainig Crioſt ; ach do bhri' gu bheil an aithne mu la na ſàbaid gach ſeachduin beaſach, ata i r' a coimhid do ghna, Col. 2. 16, 17. Gal. 4. 9, 10, 11. 1 Cor. 16. 1, 2.

C. *Am bheil é ceangailt' cirne bhi ag coimhid laithe feile ata daoin' eile toirt fai-dear, mar ata laithe air ſon breith, bais, agus dol ſuas Chrioſt, laithibh air an coiſ-reagadh do ainglibh, mar ata an fheil Micheil ; do 'n oighe Muire, mar ata an fheil bride, os barr air iomad la eile ata air an coiſreagadh do abſtailibh, agus do naoimh ?*

F. Ge 'ta daoine' ag cur ann ceill gu bheil na laithibh ſin a' meadachadh diadhachd, agus craibhaidh, gidheadh, cha 'n 'eil barrantas air bith aguinn o fhocal De air a h aon dhiubh a choimhid ; ach 'n a aite ſin, ata é 'g amharc mio-laghail bhi 'g a dheanamh ; oir 1. Ata Dia ag connſuchadh re daoinibh air ſon an inn leachdaibh fein a ghnathacha ann a adhradh ſan a chur air aghaidh, gun aithne no barrantas uaithe ſin n' an chuis, mar ata Deut. 12. 32. Iſa. 12. Jér. 7. 30. 2. Ata 'n t abſtol Pol ag diteadh nan Galatianach air ſon laithe feile a choimhead, Gal. 4. 10, 11. 3. Ata é na dhi meas air la 'n Tighearna a dh' orduigh Dia, agus na cheannairc ann aghaidh a chumhachd riaghluchaidh 'n tra bhios daoin' ag cur ſuas laithe a dh' orduigh iad fein, ann coimeas r' a la naomha ſan. mar 'ta 'n droing ata 'g an orduchadh ſin ag deanamh, le bhi bacadh do dhaoin' obair a dheanamh air na laithibh ſin. 4. Is Iodhol adhradh bhi ag coiſreagadh laithe chum onoir naomh agus aingeal, mar chuimhneachan air an gniomhartha, agus a ſgaoileadh an cliu ; oir 'ſann do Dhia amhain a bhuineas an onoir agus an t adhradh ſin.

C. *Nach roibh na laithibh ſin air an ordughadh o ſhean leis an eaglais, le ughdarras dain ainmeil agus naomha ?*

F.

F. B' adhradh fein-thoile dhoibh é, do bhri' nach roibh cumhachd no ughdarras air bith aca a dh' ordughadh nan laithibh feile fin, 1. Fuidh 'n lagh 'n uair a bha deafghnatha, agus feiftean 'gan gnathachadh, cha d' orduigh an eaglais a h aon dhiubh ach Dia fein. 2. Cha d' orduigh, agus cha roibh na h abftail a' coimhid an leithidibh fin do laithibh feile; cha 'n 'eil fmid aguinn 'n an fgriobh'-ain gu do choifreig iad la air fon breith, báis, no dol fuas Chrioft; no la air fon Stephen a cheud mhairtearach, no air fon Sheumais a mharbh Herod leis a chloidheamh; ata finn ag leaghadh gu roibh na h abftoil ag coimhead la na fábaid mar la naomh, gun luadh air la air bith eile. 3. Cha 'n 'eil fgriobhadh air bith mu na laithibh fin, ach ataid neo'-chinnteach, agus mar fin, cofmhuil re corp Mhaois am folach, chum 'f nach bithidh daoin' air am buaireadh g' a mio'-ghnathachadh gu faobh-chreidimh. 4. Cha 'n 'eil beannuchadh Dhia air na laithibh fin, oir ataid na m fáth air moran aingidheachd, agus neo'-dhiadhachd. 5. Ge do bhi coimhid nan laithibh fin na ni coi-dheas, no laghail ann toifeach: gidheadh do bhri' gu 'm bheil iad air an truailleadh le faoibh-ealachd, agus neo'-mheafarrachd, bu choir do gach duine fgur dhiubh.

C. Nach fead an eaglais laithe troifg agus buidheachais ordughadh?

F. Feadaidh; ma bhios deagh riofun air an fon, agus ata barrantas aig an eaglais o 'n fgriobtur fo a dheanamh, mar aon le aitheantaibh, agusle eifempleiribh, Joel 1. 14. & 2. 15. Efra 8. 21. Neh. 12. 27. *&c.* Dan 9. 3. Agus ata é foilleir gu roibh na laithibh fin gu maireachduin faoi 'n t foifgeul, Sach. 12. 11, 12. *&c.* Mat. 9. 15. Gniomh. 13. 2, 3. Gniomh. 14. 23. 1 Cor. 7. 5. 2 Cor. 11. 27. Os barr 'f é Dia le a fhreafdal ata gairm dhaoine chum troifg agus buidheachais; ata 'n

eaglais

eaglais amhain ag ainmeachadh nan laithibh iomchuidh chum ann coimhead.

Ceist LIX. *Cia an la do na feachd laithibh a dh' orduigh Dia bhi na Shaboid gach feachd-uin?*

F. O thoiseach an t saoghail a nuas gu 'n uig aiseirigh Chriosd, dh' orduigh Dia an seachda la chum bhi na shábaid gach seachd-uin; agus riamh o sin a leith. an ceud la do 'n t seachd-uin a dh' fhantainn, agus do ghnathacha gu deireadh an t saoghail, chum bhi na Shábaid do na Criostaidhean.

C. *Ann roibh an t Sábaid riamh air atharracha o aon la gu la eile?*

F. Bha e air atharracha' o 'n la bu deireannaiche gus an an cheud la do 'n t seachd-uin.

C. *Cia fhad' a bha 'n la bu deireannaiche no an seachdamh la do 'n t seachd-uin air a choimhead mar shábaid?*

F. O thoiseach an t saoghail gu 'n uig aiseirigh Chriosd, mu thimchioll ceithir mile bliadhna.

C. *Ma 'ta 'n ceathramh aithne beasach, cionnas a dh' fheadar an la bha air orduchadh innte mar Shábaid bhi air atharracha'?*

F. As ni a cheart lo do 'n t seachd uin a dh' fheadar atharrach, do bhri nach buin e do fhior nadurra na h aithne; agus cha 'n eil atharrachadh ag deanamh dadum ann aghaidh beasachd na ceathramh aithne, n' as mo na 'ta atharrachadh meadhona adhraidh fu dh 'n t soisgeul ag atharrachadh beasachd na dara h aithne.

C. *Cionnas ata é soilleir gu 'm feador a cheart la do 'n t seachd-uin a sgarachduin o fhior nadurra na h aithne?*

F.

F. Do bhri' nach 'eil a cheud chuid do 'n aithe ata na iartas, no chuid is deireannaiche 'ta na bheannughadh ag luadh air an t seachdamh la do 'n t seachd-uin : oir ata cheud aon dhuibh ag radh, cuimhnich la na Sáboid a choimhead noamh : agus an aon eile, uime sin bheannuigh an Tighearna la na Sáboid, agus naomhaich se é. Cha 'n 'eil é ag radh, cuimhnich an seachdamh la, no gu do bheannnigh é 'n seachdamh la, ach amhain an t Sábaid ; a theagasg dhuinn nach 'eil an seachdamh la an ann ordugh aimsir o 'n chruthachadh do fhior * thabhachd na h aithne, ach an seachdamh ann aireamh, agus gum feadadh an seachdamh ann ordugh bhi air atharrachadh, gu bheantain re béasachd na h aithne.

C. *C' ar son a dh' orduigh Dia an seachdamh la o 'n chruthachadh air thus mar Shábaid ?*

F. Do bhri' gu b' ann air an la sin a ghabh Dia fois o obair chruthachaidh ; agus uime sin b' aill leis gu 'n gabhadh daoine fois o 'n oibribh air an la sin, chum cuimhneach air oibribh fein.

C. *C' uin' a dh' orduigh Dia an t Sábaid air thus ?*

F. Air ball ann diaidh a chruthachaidh, 'n uair a bha Adhamh ann am parras, Gin 2. 3.

C. *Cia d'e am feum a bh' aig' Adhamh air Sábaid ann san aite, agus ann san staid neo'-lochdach sin ?*

F. Do bhri' nach roibh ann Adhamh ach creatuir criochnach, ge do bha é as eagmhuis peacaidh, agus bhithidh obair choitcheann ann an sgeuduchadh a ghâraidh na grabadh ann an cuid air adhradh foilleasach Dhe : uime sin, chunnairc é iomchuidh aon la ann seachd ordugha' dh'a, ann am bithidh comas saor aig air a shon.

C. *Co an t ughdarras leis an roibh la na Sábaid air atharrachadh ?*

F. Leis a' cheart ughdarras a dh' orduigh an t Sábaid ann toiseach eadhon, ughdarras Chriosd,

* nadur'.

neach

neach ata na fhior Dhia, agus na Thighearna na Sáboid; oir is ionnan é co dhiu a rinn Crioft é fein fo gu neo'-mheadhonach, no fheol é a chuid abftol chum a dheanamh, ach ata é foilleir, gu do choimhid na h abftolaibh a cheud la do 'n t feachduin, agus gu 'n d' thug iad feoladh ma thimchioll, ni nach deanadh iad gun teagafg m' an chuis o 'n Tighearna.

C. *Ciod am feum a bha air an t Sáboid atharracha' o aon la gu la eile ?*

F. 1. Chum gloir, mordhachd agus ard-uachdranachd Chrioft oif-cionn na h eaglais a thaifbean. 2. B' aill leis an feachdamh la Sáboid a chur as cuimhne, a nochda' le fin, gun roibh é cur air cul an adhraidh, agus nan deafghna' a bha ann cleachduin o fhean air an la fin.

C. *C' ar fon a bha 'n t atharrachadh air a dheanamh gus a cheud la do 'n t feachd-uin ?*

F. Do bhri' gun do ghabh an Tighearna clos air ann la fin o obair na faorfa, ni a bu mhó na obair a chruthachaidh. Oir 'n uair a bha na deich aitheanta air an sgriobhairt, b' e an cruthachadh an obair bu mho a rinn é; ach anois air dh' a obair bu mho a dheanamh, bha é iomchuidh gu 'n d' thigeadh cuimhneachan an dara h aon a fteach ann ait' an aon eile. Uime fin, air bhi do obair iongantach na faorfa air a criochnachadh anois, ann fan do thaifbean Dia, buidhean glórmhor a nadurra air doigh co mhiorbhuileach, bha é feumail gu 'm bithidh an la air ann do ghabh Dia fóis o 'n obair fo, air a chonbhail air chuimhne gu brath. Do laithibh na feachduin uile, b' e cheud la, bu mho onoir do 'n fhear fhaoruidh, agus bu mho gairdeachais do 'n dream a chuaidh fhaoradh leis: oir air an la fo, dh' eirigh Crioft o na mharbhaibh, agus bha é air fhoillfeachadh gu bi na Mhac do Dhia le cumhachd; air an la fo fhuair ar fear urrais ghlórmhor lan fhaoradh d' ar 'n ain fhiach-ne, bha é air

fhuafgladh

fhuaſgladh o phrioſun, agus rinn é buaidh-ghair thar na h uile bu naimhde dh' a ſan agus dhuinne.

C. *Am bheil aithne ſhoilleir aguinn' air an t Sábaid a choimhead air an la ſo?*

F. Cha 'n 'eil, ge 'ta deagh bharrantas o 'n ſgriobtur air ſon ſo a dheanamh, oir, ata 'n ceathramh aithne gu ſoilleir ag cur mar fhiacha oirne aon la ann ſeachd a choimhead mar ſhábaid, agus air bhith do 'n eaglais uile fioſrach air eiſempleir Chrioſt, agus a chuid abſtal, ann an coimhead a cheud la do 'n t ſeachd-uin, bu leoir ſo a thoirt orra a choimhid gu h aon-ſgeulach, agus mar ſo, b' e gnathachadh eaglaiſe Chrioſt gu h uile o linn nan abſtal, bhi ag coimhead a' cheud la do 'n t ſeachd-uin do ghna' mar an t Sáboid Chrioſtaidh.

C. *Creud am barrantas ata aguinn o 'n ſgriobtur air a cheud la do 'n t ſeachd uin a choimhead mar Shábaid?*

F. 1 Ata é air innſeadh dhuinn' gu 'n roibh aiſeirigh Chrioſt air an la ſo. 2. Ata eiſempleir Chrioſt fein aguinn ann an tachairt gu tric air ann la ſo r 'a dheiſciobuil chum gniomhartha a chrabhaidh; air an la ſo thachair é air an dias dheiſciobul a' dol a dh' ionnſuidh Emmaus, agus dh' fhoſgail é na ſgriobtuiribh dhoibh; air an la ſo thaiſbean é é fein do 'n aon-deug, nochd ſe a lamhan agus a choſaibh dhoibh, agus dh' fhoſgail é ſuilibh an anamaibh; air ann la ſo thaining é agus bheannuigh ſe iad, agus thug e 'n Spiorad Naomh dhoibh; air ann la ſo thachair é riu, agus thug ſe dearbhadh graſmhor do Thomas, mar chi ſinn, Luc. 24. 27, 36, 40, 45. Eoin 20. 19, 22 26, 27. 3. Air ann la ſo, do bhi a chuingis, 'n tra dhoirt Dia an Spiorad Naomh a nuas air na h abſtoilibh, agus air na braithre air doidh ro ſhonruighte ann nan coi'-thional, Ghniomh. 2. 1. *&c.* 4. Air ann la ſo, bu ghna' leis na deiſciobuil

ciobuil cruineachadh chum adhraidh Diadhaidh, chum am focal a ſhearmonacha' agus eiſteachd, agus a chonbhail ſuas cuimhneachan ſuipeir an Tighearna, Gniomh 20. 7. 5. Air a cheud la do 'n t ſeachd-uin dh' orduigh na h abſtail bhi togbhail deirc nam bochd, do bhri' gu 'n roibh an coi'-thionalaibh coitcheann air an la ſin, 1 Cor. 16. 1. 2. 6. Mar chuir Crioſt ainm fein air ſacramaint na ſuiper, ag radh ſuipeir an Tighearna ria, do bhri' gu raibh i air a h ordughadh leis ſin; air an amhail cheadna, chuir é ainm fein air a cheud la do 'n t ſeachduin, ag radh la an Tighearna ris, Taiſ. 1. 10.

C. *Am bheil an ceadhramh aithn' ag cur uil' onoir agus urram an t ſeachdamh la Sábaid, air a cheud la do 'n t ſeachd-uin?*

F. Ata, do bhri' gu do ghabh Dia fois air an la ſo, o obair bu mhó gu mhor na obair chruthachaidh, (amhain air am bheil aith ris aguinn ann ſan cheathramh aithne, do bhri gu 'm b' i an obair bu mhó ann ſin,) agus ata tuille adhbhair cliu agus buidheachais aig'.a h uile dhaoin' air an la ſo chuimhneachadh na bha aca air an t ſeachdamh la.

Ceiſt LX. *Cionnas as coir an t Sábaid do naomhachadh?*

F. Is coir an t Sábaid do naomhachadh, le tamh naomh do ghabhail re fad an la ſin gn h iomlan; agus ſin fós o ghnothaiche ſaoghalta, o aigheir agus ſugradh, ata ceaduight air laithibh eile, agus an uil' aimſir ſin do bhuileachadh re oibribh crabhaidh, gu diomhair agus gu follaſach, leith muigh do mheud is ata iomchuidh r' a chaitheamh re oibribh na h eigin agus na trocair.

C. *Creud an feagh ann fan abrar gu 'm bheil Dia ag naomhacha' na Sábaid ?*

F. Le bhi 'g a coifreigeadh, no 'g a cuir air leath chum feumaibh agus gnothaiche naomha.

C. *Creud an feagh ann fan abrar gu 'm bheil finne ag naomhachadh na Sábaid ?*

F. Le bhi 'g a coimhead naomh do Dhia, no le bhi 'g a caitheamh chum nan criocha, agus nan gnothaiche naomh m' an do chuir Dia air leith i.

C. *Creud é an tamh naomh ata air iarruidh air an t Sábaid ?*

F. Bhi ag fgur gu h iomlan o gach gnothach agus fugradh faoghalt.

C. *C' ar fon a's eigin dhuinn iad fin a fheachnadh air an t Sábaid ?*

F. Do bhri gu do thoirmeafg Dia iad, agus gu 'm bithidh iad 'n am bacadh air adhradh, agus air a fheirbhis fein air an la fin.

C. *Cia fhad an uin' as coir dhuinn ar gnothaiche faoghalta agus fugradh a fheachnadh ?*

F. Trid la na Sábaid gu hiomlan.

C. *C' ar fon nach fhead [illegible] cail eigin do fhugradh a ghnathachadh ann diaidh do 'n adhradh choitchinn dol feachad, mar ata bhi fpaifdeorachd air a mhachair, no a leithid fin ?*

F. Do bhri' gu b' uin an la gu h iomlan do Dhia, agus bu choir a choimhead naomh do 'n Tighearna, agus is naomh-ghaoid ni air bith a bhuineas dh' a fan a thoirt uaithe 'g 'ar feum no g' ar toil inntin fein. 2. Ata é gu teann air a thoirmeafg dhuinn, bhi gabhail ar toil inntin fein air la naomh an Tighearna, If. 58. 13.

C. *C' ar fon ata aigheir agus fugradh faoghalt' air an toirmeafg air an la fo ?*

F. Do bhri' gu bheil iad ag grabadh obair fpioradail na Sábaid, agus ag fagail an anama n' as mi iomchuidh air a fon na dheanadh, feadh' fos gnothaiche coit-chinn faoghalta dhaoine.

C. *Am bheil gne air bith d' ar 'n obair, no d' ar gnothaichibh fein laghail air la na Sábaid ?* *F.*

F. Cha 'n 'eil, 'n taobh thall do oibribh eigin agus trocair.

C. *Creud iad na h oibribh eigin ata laghail air la na Sábaid?*

F. Na gniomhartha fin nach b' urradh finn gabhail rompa le 'r curam roi' laimh, na dail a chuir annta gu tearaint gu diaidh laimh; mar ata bhi g' ar dion fein o ar naimhde, no ag teicheidh uatha, ag cur cofg air teine, a cur eadaich umain, agus an leithid fin.

C. *Creud iad na h oibridh trocair ata laghail air la na Sábaid?*

F. Gniomhartha 'ta chum beatha a theafairgin, mar ata bhi gabhail bidhe chorporra agus ag beathacha' ar 'n ainmhidhean, no 'g an toirt a cunntart, bhi aig frithealadh, agus ag feitheamh air daoinibh tinn' ag tional deirc nam bochd, agus an leitidh fin.

C. *Cionnas bu choir dhuinn ar cuifibh a riaghlughadh ann bhi ag deanamh oibridh eigin air an la fo, chum oil-bheum a fheachnadh?*

F. Is coir dhuinn gun lamh a bhi aguinn nan toirt m' an cuairt, na tlachd a ghabhail ann ta 'n tra tharlas iad; 'f eigin dhuinn oirp' a thabhairt air ar croidheachan a chonbhail ann am fonn fpioradail ann uair a bhios finn gan deanadh, agus an cur feachad co-luath as bhios 'n ar comas chum pillidh gu obair fhonruighte na Sáboid.

C. *Ciod é am fonn anama is iomchuidh dhuinn altrom air la na Sábaid?*

F. Fonn naomh, agus fpioradail, mar ata Eoin ag labhairt, Taif. 1. 10. *Bha mi fan fpiorad air la an Tighearna.*

C. *Cicd as feagh do na briathraibh fin, Bha mi fan Spiorad?*

F. Ataid ag cialluchadh ar fmuainteadh bhi air an togbhail oif-cionn nithe talmhaidh, agus ar 'n anamaibh fhofgladh re dortadh an fpioraid agus bhi 'g earbfa r 'a chongnàmh ann an dleafda-

naifibh an la gu h uile, o 'f barr, ataid ag cialluchadh gráfaibh an Spioraid a bhi gniomhach ionnaine, agus criocha fpioradail a bhi aguinn ann an uil' oibribh ra Sábaid cha 'n é chum 'f gu 'm faice daoine finn ach chum Dia a ghloruchadh agus a mhealtain cho'-chomuinn ris.

C. *Creud iad na dleafdanais naomh 'ta iomchuidh mar obair air la na Sábaid?*

F. Gniomhartha follafach, diomhair, agus uaigneach adhraidh Dhe.

C. *Creud iad na gniomhartha follafach ata iomchuidh air?*

F. Co'-pairt a bhi aguinn ann an urnaigh. agus moladh le coi'-thionalaibh luchd muintir Dhe, bhi 'g eifteachd an fhocail 'g a leaghadh, agus 'ga fhearmonachadh, agus a' gabhail nan facramainte.

C. *Creud iad na gniomhartha diomhair ata mar fhiacha oirn' air an la fin?*

F. Ata e feumail do theaghluighibh teachd ann ceann a cheile air an la fo, chum adhradh Dhe, le bhi ag leaghadh fhocail fin, le bhi ag feinn a chliu, agus a' gairm air ainm; agus cuid do 'n uin 'a chaitheamh ann ceafnughadh cloinne, agus fhearbhanta, bhi 'g aithris nan fearmoinibh, no le coluadar Diadhaidh.

C. *Am bheil é mar fhiacha air gach ceannard teaglaich adhradh thoirt do Dhia maille r' an teaghlach?* *F.* Ata.

C. *Cionnas ata thu co'-dughadh fin?*

F. 1. O 'n cheathramh aithe 'ta 'g iarruidh air gach ceannard teaghlaich, leis na h uile 'ta 'n taobh fligh d' a gheataibh, m' as iad a chlann, no fhearbhanta, no choigreach, la na Sábaid a choimhid naomh, agus 'f eigin fo a dheanamh, le bhi toirt adhraidh do Dhia, co mhaith is le tamh a ghabhail o obair, air atharrachadh fo, cha ghleidheadh e, 'n t Sábaid ni a b' fhearr na na h ainmhighean; agus cha 'n 'eil an t adhradh fo

air

air a cheangal tis an ni ata follaſach amhain ; oir ata 'n aithne gna' cheangailt air ceannardaibh teaghluighibh ge nach b' ithidh adhradh coitchinn r 'a fhaghail ; 'ſ eigin dhoibh an t Sábaid a naomhachadh ann an ionadaibh comhnuidh, Lebh. 23. 3. 2. Ata e mar fhiacha air ceannardaibh, teaghluighean a riaghlucha' mar ni miniſteir an eaglais, agus ſin le bhi del air thoiſeach orra, ann an adhradh Dhe, 1 Tim. 3. 4, 5. 3. Ata e mar fhiacha oirn' urnaigh dheanamh ann ſgach aite, leis gach gne urnaigh, agus uaithe ſin le urnaigh teaghlaich, 1 Tim. 2. 8. Eph. 6. 18. 4. Air aith philleadh do 'n Tighearna r 'a phobull, ata é gealltain Spiorad gráis, agus athchuinge a dhorta' 'mach air teaghlachaibh, air achd a's gu 'm bithidh gach teaghlach fa leith re bṕón Sach. 12. 10, 12. 5. Ata corruigh Dhe ann crochadh oiſ-cionn gach teaghlaich nach 'eil a' gairm air ainm ſin, Jer. 10. 25. Fai-dheoidh, ata adhradh teaghluighean gu mór air a chliuachadh le eiſempleir Chrioſt, agus nan naomh, mar bha Abraham, Joſhua, Daibhi, Daniel, agus Cornelius, Mat. 26. 20. Luc. 9. 18. Gin. 12. 8. agus 13. 4. agus 21. 23. Joſh. 24. 15. 2 Sam. 6. 20. Sal. 101. 2. Dán. 6. 10. Gniomh. 10. 2.

C. *Creud iad na dleaſdanais uaigneach ata iomchuidh air la na Sábaid ?*

F. Urnaigh uaigneach, bhi ag leaghadh nan ſgriobtur agus leabhraichean Diadhaidh eile, ſmuainteachadh air nithe ſpioradail, agus fein cheaſnughadh.

C. *Creud iad na nithe bu choir dhuinn iarruidh air maidin la an Tighearna ?*

F. Fónn ſpioradail iomchuidh air ſon obair an la, latharachd ghráſmhor an Tighearna le luchd teagaiſg, agus le luchd eiſteachd, agus gu ſonruighte air ſon congnamh an Spiorad ann 'ſ gach aon dleasdanas a bhuineas do 'n la, gu 'n gleaſadh Dia ar croidheachan chum eiſteachd, gu 'n

d' thugadh e tuigſe dhuinn' chum breathnughadh gu ceart, gliocas chum co'-chuir, mothachadh chum aithne dheanadh, creidimh chum creidſin, meoghair chum a' chonbhail air chuimhne, agus grás chum na nithe a bhios ſinn ag eiſteachd a ghnathachadh chum is mar ſo gu 'm bithidh am focal na bholtrach beatha chum beatha dhuinn, agus cha 'n ann na bholtrach báis chum báis.

C. *Creud iad na nithe bu choir dhuinn iarruidh 'n ar 'n urnuigh air feaſgar na Sábaid.*

F. Air ſon maitheamhnas ann ar teachd gaoirid ann an dleaſdanaiſibh na Sáboid air ſgath fuil diolaidh Chrioſt: agus ann ſan am ſin, bu choir dhuinn' le brón bhi 'g aidmheil ar ſaoghaltachd, ar fuar chrabhadh, ar ſeachranaibh, ar ſgitheas, agus ar leath-chriocha ann 'ſ gach dleaſdanas, dorchadas ar 'n inntine, cruas ar croidhe, fuarachd ar miannaibh, agus cealgoireachd ar meoghair agus mar an ceadna bu choir dhuinn buidhcachas a thoirt do Dhia air ſon na Sábaid, agus an ſhuaim aoibhneach ata ſinn ag ſuinntin air an la ſo, agus bhi guidhe gu mair ſeadh ſonn na Sábaid ann cail-eigin trid na ſeachduin, chum 'ſ gu 'n gluaiſeamaid le Dia, agus gu 'm bithidh Sábaid ſhiorruidh air neamh aguinn do ghna' ann ſan amharc.

C. *Am bheil ſonas rioghachd neamh cofmhuil re Sábaid?*

F. Ata, agus deirir ſo ris, Eabh. 4. 9. Oir 'ſ e ſeagh an ſhocail fois, no ſuaimhneas ann 'ſ a cheud chaint, Sábaid, no bhi ag coimhid Sábaid: agus ata e mar ſo air gach doigh a leanas. 1. Mar 'ta 'n t Sábaid na tamh o obair na ſeachd-uin, mar ſin, ata rioghachd neamh na clos o 'n t ſhaothar ata aig na naoimh le droch croidhe, agus le droch ſhaoghal. 2. Mar 'ta 'n t Sábaid na la chum cuimhneachadh le buidheachas air a chrich a chuir Crioſt air obair na ſaorſa, mar ſin, bithidh iad do ghna' air neamh, a' cuimhneachadh

gniomhartha

gniomhartha cumhachdach Chriosd, agus ag toirt cliu, agus molaidh dh' a air son graidh saoruidh. 3. Mar 'ta 'n t Sábaid na la chum co'-chruinneachadh nan naomh, mar sin air neamh ata co'-chruinneachadh nan naomh gu h uile nan aon bhuidhean ghlormhor. 4. Mar ata an t Sábaid na la chum co'-chomunn re Dia 'na riaghailtibh fein, mar sin ata co'-chomunn siorruidh re Dia air neamh gu neo'-mheadhonach.

C. *Creud iad na nithe ann san toir an t Sábaid air neamh barr air an t Sábaid air thalamh?*

F. 1. Cha bhi croidheachan nan naomh neo'-fhonn-mhor a choimhid na Sábaid neamhaidh mar as trie leo bhi air thalamh. 2. Cha bhi brón air a choi'-measg le 'n laoidhibh molaidh mar ata e air thalamh. 3. Cha d' theid bacadh chuir air obair na Sábaid ann sin, le uir-easbhuidh a chuirp; le codal le eadach, le ith, &c. mar ata air thalamh. 4. Cha 'n 'eil oidhche ag leantainn na Sábaid air neamh, no la seachd-uin na-dhiaidh gidheadh cha 'n abair neach gu brath, "Creud an "sgitheas ata anns" mar a deir mora air thalamh.

Ceist LXI. *Creud ata air a thoirmeasg san cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh aithne ag toirmeasg mio-naomhachadh na Sábaid le diomhaineas, agus neo-churam ann oibribh an la sin, no fos le smuainteadh briathraibh, no gniomhartha neo-fheumail mu thimchioll gnothaicheadh saoghalta, no re aigheir agus sugradh.

C. *Creud iad na h uilc ata air ann toirmeasg san aithne so?*

F. An triuir sin, eadhon, bhi dearmad nan dleasdanais ata air an iarruidh san aithne, bhi 'g an deanamh

deanamh gu neo-churamach, agus gach mio naomhachadh air an la ſo, nithe a dh' fheadar a dheanadh air iomad doigh, mar ata ann ſan fhreagradh.

C. *Creud ata thu cialluchadh le dearmad a dheanamh air na dleaſdanaſaibh ata air an iarruidh?*

F. Dearmad a dheanamh air na nithe ta mar fhiachà oirn air an la ſo. Ie bhi treigſin co'-chruinneachadh follaſach luchd muintir Dhe, no le dearmad a dheanamh air adhradh ann ar teaghlachaibh, no an uaigni'-eas.

C. *Nach 'eil peacaidh dearmaid nan peacaidh mor?*

F. Ata; oir ataid ag deanamh dimeas ar ughdarras Dhe, agus ag lot' na coguis, agus air an adhbhar ſin, bha cuid dhiubh ſan a bha fior Dhiadhaidh a' glaodhach amach air leaba báis, "O "Thighearna, logh mo pheacaidh dearmaid."

C. *Creud ann peacadh 'ta ann dearmad bhi feitheamh air na h ordunnanſaidh follaſach air là na Saboid?*

F. 1. Le ſo, 'ſa daoine ag diultadh do Dhia a gheill agus an t-ſeirbhis fhoilleaſach ata dligheach dh' a o gach uile dhaoinibh, Iſa. 66. 23. "O aon "Sábaid gu Sabaid eile thig gach feoil chum adh-"raidh ann a' m' lathair-ſe, deir an Tighearna." 2. Ata e na dhi meas air na meadhona gnathaichte dh' orduigh Dia chum anamanna iompochadh, chum truaill'-eachd a laguchadh, agus grás a neartuchadh 3. Bithidh iadſan a theid a' mugha', ag caoidh gu fiorruidh an dearmad a rinn iad air gach fáth a bha aca.

C. *Am feghain é mar leith-ſgeul air ſon a leithidſo do dhearmad, daoine bhi ag radh, gu 'n roibh iad a' gabhail cungaidh leighis, no ag ſgaoileadh fola air an la ſin, nach roibh truſcan iomchuidh aca, no gu roibh an la fuar, no * ſtoirmeil, no an leithidibh ſin?*

* doinionnach.

C.

F. Cha ghabhar mar leith-ſgeul air ſon dearmad a dheanamh air riaghailtibh Dhe, aig caithir breitheanais, na nithe ſin nach bacamaid o mhargadh buidhneach ſaoghalta.

C. *Creud ata thu cialluchadh le coimhid neo'-churamach air dleaſdanaſaibh na Sâbaid, ata air ann toirmeaſg ann ſo ?*

F. 'N uair a bhios daoin' ag feitheamh air adhradh Dhe, gun churam, no tlachd ionnta, no gu fuar-chrabhach, air doidh mharbh ſheachranach, ſgith, no chodalach.

C. *Nach 'eil an t Sâbaid air a mio-naomhachadh air achd eile thuilleadh air peacaidh dearmad, no neo'-churam ann an coimhead ar dleaſdanais ?*

F. Ata; le iomad peacadh deanadais, mar aon peacaidh chroidhe agus beatha.

C. *Creud iad peacaidh a' chroidhe leis am bheil an t Sâbaid air a mio-naomhachadh ?*

F. Is iomad fin, mar 'ta Dia ſheanadh, ann creideas a thoirt do 'n ſhirinn a ſhearmonaichear dhuinn air an la ſin, le ain-eolas air an ſhirinn ſin, fuath air obair na Sâbaid, cealgoireachdagus fuar-chrabhadh ann ſan obair ſin, bhi gabhail ſgitheas, no ag codal ann am cifteachd, bhi ſmuainteachadh air nithe ſaoghalta, bhi ag ſeaſamh ann aghaidh firinneadh Chrioſt, agus na dream ata'gan craobh-ſgaoileadh, bhi deanadh tair air ſgeul aobhean an t ſoiſgeul, agus a' diultadh tairgſe 'n ſhir ſhaoruidh phriſoil ataid ag faghail, le dimeas.

C. *Creud iad na peacaidh o 'n leith 'mach leis am bheil daoin' ag mio-naomhacha' na Sâbaid ?*

F. Is ro lionmhor iad ſin, mar ata, 1. Bhi ag labhairt ar briathraibh fein air an la ſo, no re cainnt air nithe ſaoghalta. 2. Bhi ag deanamh ar 'n oibribh fein, eadhon, cuid do ſheirbhis a dh' f headamaid a dheanamh air an la roi'-laimh, no dail a chuir ann gus an ath-la. 3. Bhi ag faghail ar toil inntin fein, le aigheir agus le fugradh ſaoghalta air la an Tighearna, nithe ata gu

foilleir

foilleir air an toirmeasg, Isa. 58. 13. 'Faic a cheist roi'-laimh. 4. Bhi ag deanamh nithe air an la so, ta cronail ann 'ta fein, leis am bheil am peacadh gu mor air ann tromachadh, ann sam bheil daoine ciontach, 'n uair a bhios iad, ann aite bhi feitheamh air adhradh Dhe air la na Sabaid, ag caitheamh an la naomha so, re misg, agus mionnacha', re neó-ghloin, agus re fochaid air nithe naomha, no toirt toi-bheum do fhior luchd adhraidh Dhe.

Ceist LXX. *Cia iad na riasain ata ceangailte ris an ceathramh aithne?*

F. Is iad na riasain ata ceangailte ris an cheathramh aithne, Dia do bhi ag ceadachadh dhuinne sea laithe do 'n t seachd-uin d' ar gnothaichibh fein, ag agradh coir araidh dh' a fein air an t seachdamh la; agus an eisempleir a thug se fein uaidhe, agus gu 'n do bheannuigh se la na Sabaid.

C. *Creud é an cheud riasun leis am bheil an aithne so air a sparragh oirne?*

F. Ata e air a tharruing o mhor mhaitheas agus aontachadh Dhe, ann an sea laithe a cheaduchadh dhuinne chum ar gnothaiche fein, agus gun ach aon la ghleidheadh dh' a fein; 'n uair a dh' f headadh e sea laithe a ghabhail dh' a fein. agus gun ach aon la f hagail aguinne.

C. *Creud iad na briathraibh do 'n aithne ann sam bheil an riasun so aguinn?*

F. Ann 'f na briathraibh sin, ann sea laithibh dean t obair agus t uile shaothair.

C. *Creud e an dara riasun chum an aithne so sparragh?*

F. Ata e air a tharruing o 'n choir agus an t sellbh

t feilbh ata aig Dia air an t feachdamh la ; oir ata é ag agradh coir fhonruight' air.

C. *Co na briathraibh do 'n aithne ann fam bheil an riofun fo aguinn ?*

F. Ann fna na briathraibh fin, ach 'f e an feachdamh la, Sábaid an Tighearna do Dhia fa.

C. *Ach nach leis an Tighearna uile laithe na feach-duin ?*

F. Is leis, ach ata fealbh fhonruight' aige ann fan t feachdamh la thar chach ; mar a naomhaich agus mar chuir é air leith é o fheum coitchinn, chum adhraidh agus a fheirbhis fein.

C. *Nach bu naomh-ghaoid ro mhor, bhi ag toirt a lafein, na aon chuid dheth o Dhia, do bhri' gu 'm bheil é 'g a agradh dh' a fein ?*

F. B' eadh.

C. *Creud an treas riafun leis am bheil an aithne fo air a fparradh ?*

F. Eifempleir De, ann an tamh a ghabhail air an t feachdamh la, ni bu choir buadhach oirne chum eifean a leantainn le tamh naomh a ghabhail gach feachdamh la, ann diaidh fea laithibh oibridh.

C. *Co na briathraibh do 'n aithne ann fam bheil an riafun fo aguinne ?*

F. Ann ta fin, oir ann fea laithibh, rinn an Tighearna neamh agus talamh, an fhairge agus gach ni ata ann 'ta, agus ghabh é comhnuidh air an t feachdamh la.

C. *Cionnas a deirir gu 'n do ghabh Dia tamh ann fin o chruthachadh, do bhri' gu 'm bheil e do ghna' ag cruthachadh anamanna dhaoine, agus gach la a' toirt moran chreatuiridh g u bith ?*

F. Is é as feadh dh' a fin, gu 'n do fguir Dia o ghne air bith do nuadh chreatuir a chruthachadh ann diaidh an cheud fea laithe, ge nach do fguir e o nuadh chreatuiribh eidir-dhealuight a chruthachadh.

C.

C. *Creud e an ceathramh riaſun chum an aithne ſo choimhid?*

F. Gu do bheannuigh Dia an t Sáboid, ann ſna briathraibh ſin, uime ſin, do bheannuigh an Tighearna la na Sábaid, agus do naomhaich ſe é.

C. *Ciod e as feagh do na briathraibh ſin?*

F. Cha 'n é 'mhain gu do naomhaich Dia an la ſo chum a ſheirbheas fein, ach gu 'n d' orduigh é 'n t Sáboid chum bhi na meadhon, agus na h am gu tiodhlacaidh aifig dhoibh ſin ata 'g a coimhid; agus feadaidh ſin duil a bhi aguinn re beannughadh o Dhia, ma bhios ſinn gu dligheach ag feitheamh air ſin na riaghailtibh fein air an la ſin.

Ceiſt LXIII. *Cia i an cuigeadh aithne?*

F. Is i an cuigeadh aithne, *Tabhair onoir do t Athair, agus do d' Mhathair: Chum gu ſinfeadh do laithe air an fhearann do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.*

Ceiſt LXIV. *Creud iarrthar ſan chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh aithne 'g iarruidh, an onoir do choimhead, agus an dleaſdanas do choi'-lionadh, a bhuineas do gach aonneach ann lorg an inbhe, agus an daimhe d' a cheile fai-leith, mar ataid ann airdè, no 'n iſle, no n coi-meas inmhe.

C. *Co ata r' an tuigſin le athair agus mathair ſan chuigeadh aithne?*

F. Cha 'n iad amhain ar parantaibh thaobh nadurra, ach ar 'n uachdranaibh uile; oir ataid ſin mar an ceadna ag faghail ainm aithreacha agus maithreacha ann ſan ſgriobtur, deirir aithreacha agus maithreacha re rioghraidh, agus bain-rioghain, ann an ſeagh riaghluchaidh, Iſa. 49. 23. Ata

'n dream ata aoſmhor ag faghail na h onoir ſo, 1 Tim. 5. 1, 2. Ata miniſteiridh nan aithreacha ſpioradail, 1 Cor. 4. 15. Ata ceannarda teaghlachaidh 'n an aithreacha thaobh ſdiuradh gnothaiche an teaghlaich, 2 Riogh. 5. 13. Agus deirir aithreacha riuſan ata ainmeil ann an gibhte, ann grás, no ann inmhe air thalamh, Gin. 4. 20, 21, 22. 2 Riogh. 2. 12. Gin. 45. 8. Gniomh. 7. 2.

C. *C' ar ſon a deirir athair agus mathair re uachdranaibh ?*

F. A theagaſg dhoibh fin coſmhuil re parantaibh nadurra, buintean r' an iochdarain, le gradh agus macantas, mar gu 'm b' e 'n clann iad, agus gun tair no dimeas a dheanamh orra.

C. *Ciod ata thu cialluchadh leis an onoir ata 'n aithne ſo cur mar fhiacha oirn' a thabhairt d' ar 'n uachdranaibh ?*

F. Ata e gabhail a ſteach ann, gach meas, urram, geill, umhlachd, agus dleaſdanas ata lagh Dhe ag iarruidh oirn' a thabhairt dhoibh.

C. *Creud i ſuim choitchinn na cuigeadh aithne ?*

F. Bhi 'g ar ceangal a choi'-lionadh gach dleaſdanas ata mar fhiacha oirne, d' ar coimhearſnaich, ann ſgach inmhe agus daimh fai-leith, ma' ſ iad ar 'n uachdarain, ar 'n iochdarain, no ar co-choimeaſg ann inmhe.

C. *C' ar ſon a deirir a' cheud aithne le gealladh ris an aithne ſo ?* Eph. 6. 2.

F. Do bhri' gur h i a chead aithne do 'n dara clar, agus gu bheil i na ſteigh umhlachd do 'n chuid eile do aitheantaibh a chloir ſo; agus ata gealladh air a cheangal ria, a nochdadh a h oirdheirecas thar chach.

C. *Co ata r' an tuigſin le uachdranaibh ann ſan fhreagra ?*

F. Cha 'n iad amhain ar parantaibh nadurra, ach mar an ceadna, riaghlui'-f heara, miniſteiridh, maighiſdeiridh, fir-phoſda, an dream ata aoſda,

A a agus

agus iadſan aig am bheil barrachd gibhtean agus gráis.

C. *Co ata r' an tuigſin le iochdaranaibh?*

F. An dream ata ann ſtaid ioſal, mar ata iad ſin ata faoi ughdarras, eadhon, clann ſearbhanta, agus na h uile 'ta lag ann gibhtean, agus ann gras.

C. *Co ata r' an tuigſin le co'-choimeas?*

F. An dream ata ann ſa cheart ſtaid, agus inmhe ruinn ſein ann ſan t ſaoghal.

C. *C' ar ſon ata mhathair air a h ainmeacha' ann ſan aithne co mhaith ris an Athair?*

F. Chum 'ſnach d' tugadh clann di meas d' a mathair air ſon a hanmhuinneachd, agus a bi fuidh ughdarras a fir, oir ata 'n Tighearna ag ainmeachadh na mathair air thoiſeach air an athair, Lebh. 19. 3. " Bithidh eagal ar mathair agus " ar 'n athair air gach duin' aguibh fai leith," agus c' ar ſon? Ach a chur ann aghaidh na droing leis am b' aill a' meas agus an dleaſdanas ata mar ſhiacha orra d' a mathair a chuir ann neo'-brigh.

C. *Creud iad na dleaſdanais ata mar ſhiacha air cloinn d' am parantaibh?*

F. Meas, gradh, onoir, urram, agus umhlachd a thoirt dhoibh; eiſteachd r' an comhairle, agus r' an teagaſg, agus gabhail r' an achdmhaſan, agus r' an ſmachduchadh, poſadh le 'n toil, am faillean-aibh ſholach, agus freaſdal d' an uir-easbhuidh, Mal. 2. 6. 1 Riogh. 19. 29. 1 Riogh. 2. 19. Eph. 6. 1. Eabh. 12. 9. Sean. 23. 22. Breith. 14. 2. Gin. 9. 23. agus 47. 12.

C. *Ciod as coir do chloinn a dheanamh 'n uair a bhios am parantaidh 'g an coimhearleach' ann ni air bith ann aghaidh focail De?*

F. Ata clann amhain gu umhlachd a thoirt d' am parantaibh, ann ſan Tighearna, agus 'ſ eigin dhoibh gradh, agus umhlachd a thoirt do Dhia o's gach ni & neach; oir deir an Tighearna, Mat.

10.

10. 34. " Ge b'e ghradhaicheas athair no mathair " ni as mo na mise, cha 'n airidh orm é."

C. *Creud iad na dleasdanais ata mar fhiacha air parantaibh d' an cloinn?*

F. An gradhachadh le macantas; an oileanach' ann an eolas agus ann eagal De, an cronachadh, an smachduchadh, agus an conbhail fa umhlachd, truas a ghabhail dhiubh, agus urnaigh dheanamh air an son, an teagasg ann slighe an Tighearna, deagh eisempleir a chur rompa, misneach a thoirt dhoibh ann, le briathraibh gradhach; freasdal dhoibh, agus bhi cur suas ionmhus sa 'n comhair, bhi 'g an cuir chum ceardaibh iomchuidh, agus bhi dicheallach chum crannchar a's fearr na nithe saoghalta thional dhoibh, Tit. 2. 4. Sean. 22. 6. 1 Tim. 3. 4. Sean. 29. 15, 17. Eph. 6. 4. Sal. 103. 13. Gin. 17 18. Sean. 31. 2, 3. 1 Tim. 5. 8. 2 Cor. 12. 14. 2 Sam. 12. 16. Exod. 2. 26, 27. Deut. 4. 9, 10. Sal. 101. 2, 3. Gin. 25 ·5, 6. 2 Chron. 21. 5. Luc. 15. 12. Gin. 4. 1, 2. Gin 48. 1., Mat. 19. 13, 14.

C. *Am fead parantaidh clann a chronachadh ann am feirg?*

F. B' fhearr dhoibh sgur do chronacha' gus am bithidh am fearg seachad, chum 'sgun d' thugadh iad achdmhasan le Spiorad macantais, Gin. 3. 8. Gal. 6. 1. Oir, cha tric le maith teachd a' corruigh.

C. *Nach fead sinn gu laghail bhi diom-buidheach d' ar cloinn air son an coirean?*

F. Chum fearg a bhi oirne gun pheacadh, bu choir dhuinn bhi diom-bui' each do 'n pheacadh, uime sin, 'n uair a chuireas ar clann corruigh oirn', bu choir dhuinn cha 'n é bhi diom-bui'-each dhiu fein, ach d' am peacadh sin.

C. *Creud iad na dleasdanais ata mar fhiacha air iochdranaibh d' an riaghuil-fheara?*

F. Urnuigh dheanamh air an son, onoir agus geill a thoirt dhoibh, bhi umhal d' an reachdaibh

co'-thromach, cios a dhligheadh dhoibh, an dion agus an coimhead, bhi giulan le 'n eacoire gu foighidneach, agus bhi dileas tairis dhoibh, 1 Tim. 2. 1, 2. 1 Pheud. 2. 13, 14, 17. Rom. 13. 1, 6, 7. 1 Sam. 26. 9, 10. 15.

C. *Creud iad dleafdanais nan uachdaran d' an iochdrain?*

F. Deagh reachdaibh a dheanamh, agus luchd riaghail fireanach orduchadh g' an cuir ann gniomh, bhi curamach mu fhith agus dion an iochdaran, mifneach a thabhairt do luchd deagh bheus; agus mio-nos a fmachducha, bhi ag riaghluchadh le gliceas, le ceartas, agus le frocair; bhi toirt fuafglaidh do 'n droing ata fuidh f hoir neart, bhi ag freafdal meadhona nan gras do na h uile 'ta fa 'n ughdarras, agus bhi nan aithreacha altrom do 'n eaglais, 2 Chron. 19. 5, 6, 7. agus 17, 8, 9, 12. 1 Phead. 2. 14. 1 Chron. 1. 10. & 2. 1. Ifa. 49. 23. 2 Riogh. 12. 7, agus 18. 4. agus 23. 21. Neh. 13. 10, 11.

C. *Creud iad dleafdanais luchd eifteachd d' an luchd teagafg?*

F. Meas mor agus gradh a thoirt dhoibh air fon an oifig, agus an cibridh: urnaigh dheanamh air an fon, feitheamh air na h orduighean a bhios iad ag frithealadh; aontachadh le 'n achdmhafan, agus r' an cronachadh, eifteachd r' an teagafg; bhi 'ga chur riu fein, agus ag caitheadh am beatha d' a reir, bhi ag druideadh an cluafaibh ann aghaidh gach iomradh mio-runachach a thogbhar orra, agus bhi ag co'-pairteach' d' an fai' bhreas faoghalta riu fan, 1 Theff. 5. 12, 13, 25. Rom. 15. 30. Luc. 10. 16. Eabh. 13. 17, 18. Seam. 1. 21. 1 Tim. 5. 19. Gal 6. 6. 1 Cor. 9. 14.

C. *Creud iad dleafdanais luchd teagafg d' an luchd eifteachd?*

F. Am focal a fhearmonach' gu treibh-dhireach, agus gach riaghailt a f hrithealadh dhoibh, gradh mór agus fpeis a bhi aca d' an anamaibh,

bhi

bhi re urnaigh gu durachdach air an ſon, comhnuidh ghabhail 'n a meaſg, bhi re faire gu curamach orra, bhi 'n an eiſempleire le caitheamh beatha diadhaidh, bhi ullamh ann 'ſ gach aontachadh laghail chum maith agus leas an anama, 2 Tim. 4. 2, 3, 5. 1 Theſſ. 2. 7, 8, 9, 10. Eph 1. 15, 16. 1 Phead. 5. 2, 3. Tit. 2. 7. 1 Cor. 9. 19, 22. 2 Cor. 12. 19.

C. *Creud iad na dleaſdanais ata mar ſ hiacha air ſearbhanta d' a maighiſdeiribh ?*

F. Gradh, onoir, agus umhlachd a thabhairt dhoibh, bhi fireanach ann ſgach ni a dh' earbar riu, bhi dicheallach 'n an obair-ſin, agus curamach chum an toileachadh ann ſgach aon ni, giulan gu foighidneach le 'n achdmhuſan, agus gun bhi cur 'n an aghaidh, Mat. 6. 24. 1 Tim. 6. 1. Col. 3. 22. Tit. 2. 9, 10. 1 Phead. 2. 18, 19. Gin. 24. 12.

C. *Creud iad na dleaſdanais ata mar ſhiacha air maighiſtirbh d' an ſearbhanta ?*

F. Bhi 'g an riaghluchadh le macantas, agus cha 'n ann le cruadhas, teachd ann tir iomchuidh a thoirt dhoibh, agus an tuaraſdal a dhligheadh dhoibh, curam a ghabhail dhiubh 'n an an ſhocair an cronachadh air ſon am peacaidh, bhi 'g an teagaſg agus ag toirt aithne dhoibh gluaſachd ann ſlighe an Tighearna, agus gu ſonruighte bhi coimhead la na Sabaid, Eph. 6. 9. Lebh. 25. 43. Sean. 27. 27. Deut. 24. 14, 15. Mat. 8. 6. Sean. 29. 19. Gin. 18. 19. Exod. 20. 10.

C. *Creud iad na dleaſdanais ata mar ſ hiacha air mnai phoſda d' am fir phoſta ?*

F. An gradhachudh agus bhi fireanach dhoibh ann ſ gach aon ni, meas, urram, agus umhlachd iomchuidh a thoirt dhoibh, bhi curamach 'g an toileachadh, agus an cuideachadh ann an gnothaichibh an teaghlaich, rabhadh a thoirt dhoibh thaobh uilc no cunntart air bith d' am bi iad buailteach, bhi ag cur dreach air an aidmheil le giulan

macanta, beafach geamnuidh, agus gradhach, agus bhi cur impidh air am fir phofda fpeis a 'thoirt do naomhachd, Tit. 2. 4. Sean. 31. 12. 1 Tim. 3. 11. Eabh. 13. 4. Eph. 5. 33. 1 Phead. 3. 1, 2, 3, 4, 5, 6. 1 Cor. 7. 21. Sean. 31. 27. Gin. 2. 18. Mat. 27. 19.

C. *Creud iad na dleafdanais ata mar fhiacha air fir phofda d' a mnai pofda?*

F. Bhi gan gradhachadh, agus comhnuidh a ghabhail gu geamnuidh maille riu, bhi 'g an beathachadh gu fuilbheur, bhi folach am faileana, agus' g an dion o eacoir, bhi 'g an coimhearlacha gu tric, urnaigh dheanamh air an fon, agus maille riu, & bhi 'g an cliuchadh 'n tra ni iad gu maith, Eph. 5. 28, 29. Sean. 5. 18, 19, 20. 1 Phead. 4. 8. 1 Sam. 30. 18. 1 Cor. 7. 33. 1 Phead. 3. 7. Gin. 25 21. Sean. 31. 28, 29.

C. *Creud iad na dleafdanais ata mar fhiacha air an dream a's oige, agus a's lugha tomhais ann an gibhte, agus grais, dhoibh fin ata aofda, agus aig' am bheil barrachd gibhte agus grais?*

F. Eirigh fuas ann lathair a chinn liath, agus gnuis an t fean duin' onoracha, labhairt gu h urramach riu, toifeach labhairt a thoirt dhoibh, aontachadh le 'n comhairlibh, agus an deagh eifempleir a leantainn, Lebh. 19. 32. 1 Tim. 5. 1, 2. Job. 32. 4, 6, 7. 1 Phead. 5. 5. 1 Cor. 11. 1.

C. *Creud iad na dleafdanais ata mar fhiacha air an dream ata aofda, agus as mó inmhe, dhoibh fin as ifleadh agus as lugha inmhe?*

F. Bhi giulan le 'n anmhuinneachd, agus bhi ag faothreachadh chum a' maith, le bhi 'g an teagafg agus re urnaigh air an fon, bhi cur dreach air an fean aois le beatha naomh, agus eifempleir dhiadhaidh, Rom. 15. 1. Gin. 48. 15, 16. Tit. 2. 2, 3, 4.

C. *Creud iad na dleafdanais ata mar fhiacha air na huile ata ann coimeas inmhe d' a cheile?*

F.

F. Bhi umhal an dara h aon do 'n aon eile bhi truacant' agus cairdeil r' a cheile bhi ann fith 'n am measg fein, fonn teo'-chroidheach altrom ; agus bhi toirt urram, agus onoir d' a cheile, bhi ag cur beartas a cheil' air aghaidh, agus bhi deanamh gairdeachas ann an saidhbhreas a cheile, 1 Phead. 5. 5. agus 3. 8. Rom. 12. 10, 15. 1 Cor. 10. 24.

Ceist LXV. *Creud ata air a thoirmeasg san chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh aithn' ag toirmeasg, ni air bith do dheanamh ata ann aghaidh na h onoir, agus an dleasdanais, a bhuineas do gach aon neach ann lorg an inmhe, agus an daimh fai leith d' a cheile.

C. *Cia lion doidh air am feadar an aithne so bhriseadh ?*

F. Air da dhoidh, 1. Le bhi ag dearmad dleasdanais na h inmhe, agus nan daimhe ann san do shuidheich Dia sinn, co dhiu ata sinn 'n ar 'n uachdranaibh 'n ar 'n iochdranaibh, no ann coi'meas inmhe. 2. Le bhi ag deanamh na nithe ata gu soilleir ann aghaidh na h onoir, agus an dleasdanais ata mar f hiacha oirne, d' ar 'n uachdranaibh, d' ar 'n iochdarain, agus d' ar co-choimeas ann inmhe.

C. *Creud iad na peacaidh ann san trie leis na h iochdarain a bhi ciontach ann aghaidh nan uachdaran ?*

F. Is iomad sin, mar ata, bhi ag deanadh tair agus dimeas orra, bhi gabhail formaid r' an staid arduighte ; bhi toirt an chaint dhoibh, agus 'g an mailuchadh, bhi eas-umhal d' an aitheantaibh, agus d' an comhairlibh co'-thromach, bhi deanamh taircuis air an achdmhasan, agus air an smach-

ſmachduchadh, bhi ag taiſbean ſamhlugh urraim, agus umhlachd gu cealgach, gun bhi a' leantainn an deagh eiſempleir, agus an leithidibh ſin.

C. *Creud iad na peacaidh, ann ſan tric leis na h uachdarain bhi ciontach ann aghaidh nan iochdarain ?*

F. Iad ſin, eadhon, bhi ag aithne nithe miolaghail dhoibh, bhi 'g iarruidh orra nithe nach 'eil 'n an comas an deanamh, bhi 'g an comhairleachadh chum uilc, agus ag toirt miſneach dhoibh ann, bhi gan bacadh o 'n mhaith, agus ag toirt mi-mhiſneach dhoibh ann, bhi ag buintean gu h ain-iochmhor riu, agus 'g an broſduchadh gu feirg, giulan uai'-bhreach ardanach d' an taobh bhi 'g an cronachadh le ſearbhus, no 'g an ſmachuchadh le * cruas, bhi re foirneart agus an Tighearnas 'g a maſluchadh fein, agus ag call an ughdarrais, bhi ag toirt droch eiſempleir ſeachad, agus an leithidibh ſin.

C. *Creud iad peacaidh na dream ata 'n coimeas inmhe ann aghaidh cheile ?*

F. Fuath, corruigh, mio-run, droch cainnt, bhi re eacoir, re toibheum, no cul-chainteach air a cheile; aon neach a bhi 'g iarruidh urram air neach eile, bhi ag buaireadh chum peacaidh, agus bhi toirt miſneach d' a cheil' ann, agus an leithidibh ſin.

C. *Nach peacadh do chloinn maoin am parantaibh a ghnathachadh mar an cuid fein ?*

F. 'S eadh, Sean. 28. 24. "Ge b'e ſhladas "athair no mhathair, agus a deir cha pheac' é; "is companach ſtruith-fhir an ti ſin."

C. *Nach 'eil a chlann ſin ag toirt eaſonoir d' am parantaibh ata ag poſadh ann aghaidh an toile ?*

F. Ata; Exod. 22. 17. Air. 30. 5. Deut. 7. 3. Jer. 29. 6. 1 Cor. 7. 38. Col. 3. 20.

C. *Ciod é ma bhios clann ag deanamh taircuis air am parantaibh, agus a ſolleireach' an anmhuinneachd ?*

* di feirg.

F.

F. Ataid ag tarruing malluchadh Dhia orra fein, Deut. 27. 16. " Gu ma malluighte an ti " a ni tarcuis air athair no air a mhathair, agus " deir am pobull uil' *Amen.*"

C. *Am bheil sinn ag leaghadh air neach air bith air an d' thainig am malluchadh air son so a dheanamh ?*

F. Ata; eadhon, Ham mic Naoh, Gin. 9. 22, 25, 26.

C. *Ciod a thig riu san a mhalluicheas am parantaibh ?*

F. " Ge b' e mhalluicheas athair no Mhathair. " cuirfear a lochrann san as ann an dubh-dhorch- " adas," Sean. 20. 20. Os-barr, ata 'm bás air a bhagradh orra.

C. *Ciod é 'ta air a bhagradh orra san nach 'eil amhain ag toirt easumhlachd d' am parantaibh, ach mar an ceadna ag deanamh fochaid orra ?*

F. " An t suil a ni magadh' air Athair agus " leis an tair umhlachd a thoirt d' a mhathair, " spionaidh fiach nan glean amach i, agus ithe na h iolaran og i, Sean. 30. 17.

C. *Ciod a dhlighear do 'n cloinn a bhuaileas am parantaibh ?*

F. An ti a bhuaileas atha r no mhathair cuirear gu bás " é gu deimhin," Exod. 21. 15.

C. *Ciod é ma ni an riaghlui'-fhear dearmad air an leithid sin do chloinn easumhal a smachduchadh ?*

F. Gabhaidh Dia an smachduchadh 'n a laimh fein.

C. *Am bheil sinn ag leaghadh air neach air an d' rinn e so ?*

F. Ata; eadhon, clann Eli, cha d' eist iad re guth an athar, do bhri' gu b' aill leis an Tighearna a marbhadh, agus Absalom, mac ceannairceach Dhiabhi, a bha air a thogbhail suas air crann daraich eidear neamh agus talamh, a chrochadh mar chomhartha air ceartas De, air son briseadh

na

na cuigeadh aithne, 1 Sam. 2. 25. 2 Sam. 18. 19.

C. *Ciod a thachair do chlann bheag Bhethel a rinn magadh air Elisha mar chuaidh é seachad, ag radh eirigh suas a chinn mhaoil,* &c. ?

F. Chuir Dia amach da mhath-ghamhan bhainionn a reub dias is da fhichead dhuibh, 2. Riogh. 2. 24.

C. *Nach 'eil a chlann sin ciontach ann easonoir a thoirt d' am parantaibh, ata ag deanamh di-meas orra 'n uair a bhios iad bochd agus aosmhor, agus a leigeas faoi uireasbhidh iad ?*

F. Ata.

C. *Nach ro mhor a mhio-nadurrachd do chloinn codhail co olc a thoirt d' am parantaibh, air son an graidh, agus an caomhalachd dhoibh sin ?*

F. 'S eadh.

C. *Ciod é dh' fheadas an leithid sin duil a bhi aca ris air a shon so ?*

F. Tachairt ris a cheart ghnathacha' sin o 'n cloinn fein ann san t saoghal so, agus fe dioghaltas ua'-bhasach na dhiaidh so, mar dean iad aithreachas.

Ceist LXVI. *Creud é an riasun ata ceangailt-ris an chuigeadh aithne ?*

F. Is e an riasun ata ceangailt' ris an chuigeadh aithne. gealladh air sonas, agus saoghal fada do uile luchd coimhead na h aithne so, do reir mar thig sin le gloir Dhe, agus a' maith fein.

C. *O 'ta solus nadurra co shoilleir ag teagasg dhuinn onoir a thoirt d' ar parantaibh, c' ar son ata leithid so do ghealladh air a cheangal ria ?*

F. A nochdadh gu bheil soinn mhor aig Dia ann ughdarras parantaibh a chonbhail suas.

C. Cionnas a deirir a cheud aithne le gealladh ris

an

an chuigeadh aithne, Eph. 6. 2. O 'ta Dia ag geall tain trocair do mhilte ann fan dara aithne?

F. Ata an gealladh 'ta ann fan dara aithne mar an ceadna ag righeachd coimhid nan aitheanta eile gu leir, ach ata an gealladh ann fan chuigeadh aithne air a dheanamh d' a coimhead fein amhain.

C, *Ciod é an ni ata Dia a' gealltain ann fan aite fo, do 'n dream a choimhdeas an cuigeadh aithne?*

F. Saoghal fada.

C. *Ciod a 'ta gealladh air faoghal fada ann fo a gabhail a fteach ann?*

F. Ata é gabhail a fteach ann, gealladh air foirbheacha', maille ris gach fochair, agus co'-fhurtachd na beatha fo, oir, as an eagmhuis fin, cha bhithidh faoghal fada na dhuais; do bhri' gur roghnaigheadh am bás, na faoghal fada ann an truaighe, Eph. 6. 3. Taif. 9. 6,

C. *Ciod é ma 'ta bu choir do chloinn a dheanamh chum beatha bhuan agus ftona fhaghail?*

F. Bu choir dhoibh onoir, agus umhlachd a thoirt d' am parantaibh.

C. *Am bheil an gealladh fo air faoghail fada, agus fonas do chloinn umhal r' a thuigfin gu neo'-fhuafgailte, no le laithilt?*

F. Ata é r' a thuigfin mar gheallaibh aimfeireil eile, leis an lathilt fo, co fhada 'f a bhios na nithe fin, chum gloir Dhe agus a' maith fein

C. *Ciod é ma bheir Dia clann umhal air falbh air uriteadh ann am an oige?*

F. Is coir dhuinn a mheas 'n tra tharlas fin, nach facadh Dia gu 'm bithidh faoghal fada air thalamh chum a' maith fin, ach 'n a aite fin, gu 'm fac é iomchuidh faoghal fada thoirt dhoibh air neamh, ni as fearr' gu mor.

C. *Nach fead clann eas-umhal ma 'ta, duil a bhi aca*

aca re beatha ghaoirid, agus ann aoibhneach air thalamh ?

F. Feadaidh.

Ceiſt LXVII. *Creud i an ſeathadh aithne ?*

F. Is i an ſeathadh aithne, *Na dean marbhadh ?*

Ceiſt LXVIII. *Creud iarrar ſan t ſeathadh aithne ?*

F. Ata an ſeathadh aithn' ag iarruidh, gach uile dhicheal dligheach do dheanamh chum ar 'n anam fein, agus anama dhaoin' eile do choimhead.

C. *Nach 'eil aitheanta an dara cloir air an cuir ſios ann an ordu' taitneach ?*

F. Ata; oir 'ta an cuigeadh aithne, no a' cheud aithne do'n dara clar, ag toirt ſeoladh coitchinn, thaobh a mheas bu choir do dhaoin' a nochdadh d' a cheile ann nan daimhibh, agus nan inmhe fai leith. An ſan dara aite, 'ta ſeoladh ſonruighte aguinn' thaobh na nithe a's luachmhora do dhaoinibh; ata cheud aon thaobh ar 'n anamaibh ann ſan t ſeathadh aithne, ata an dara h aon thaobh ar geumnui'eachd ann ſan t ſeachdamh aithne ata 'n treas aon, thaobh ar maoin, ann ſan ochdamh aithne; ata an ceathramh thaobh ar deagh ainm ann ſan naothadh aithne; ata an aon as deireannaich mu thimchioll fonn ar croiklheachan do thaobh ar ſtaid fein, agus ſtaid dhaoin' eile, ann ſan deicheamh aithne.

C. *Co a bheatha no an t anam ata an ſeathamh aithne ag cur mar fhiacha oirn' a choimhead ?*

F. Ar beatha fein, agus beatha dhaoin 'eile mar aon, agus ata ſin r' a thuigſin, cha 'n amhain,

thaobh

thaobh beatha a chuirp, ach mar an ceadna thaobh beatha an anama.

C. *Am bheil an aithne ſe, 'g iarruidh oirne, bhi curamach, agus faothrach leis gach meadhon air bith, chum ar 'n anam fein, agus anamanna dhaoin' eile choimhead?*

F. Cha 'n 'eil; ach amhain, gach meadhona laghail a ghnathacha' le dicheall chum na criche ſin.

C. *Nach fead ſinn ni air bith a ghnathachadh gu mio-laghail, no danadas a ghabhail air peacadh chur ann gniomh, chum ar 'n anam fein, no anamanna dhaoin' eile choimhead?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Nach d' rinn Iſaac breug ann a Phiuthar a radh r' a mhnaoi a theaſairgin anama, Gin.* 26. 7. *agus nach d' aich-ſheun Peadar Crioſt, chum anam a choimhead?*

F. Bha breug Iſaac agus aich-ſheun Pheadair nan peacaidh ann aghaidh Dhe, agus cha 'n 'eil iad air an cur ſios, mar eiſempleir, ach mar rabhadh, agus cha 'n fhead ſinn olc a dheanamh chum 'ſ gu 'n d' thigheadh maith as; Rom. 3. 8. Os barr, 'ſi an t ſlighe chum ar beatha; agus ar 'n anamaibh a chall gu ſiorruidh bhi 'g iarruidh an teaſairgin le meadhonaibh peacach air bith, Mat. 16. 25, 26. agus 10. 33.

C. *Creud iad na nithe laghail a dh' fheadas ſinn a dheanadh chum ar beatha chorporra fein a theaſairgin?*

F. Fein-dhion laghail o fhoirneart, gnathachadh meaſarra air biadh, air deoch, air eadach, air obair, agus air cungaidh leighis ann am feum, mar an ceadna, bu choir dhuinn oirp' thabhairt air fonn inntin fuilbhear, fioth-chail, agus toilighte bhi ionnain, gun bhi 'g altrom feirge, formaid, broin, nan leithide ſin do mhiannaibh ata nan leathtrom air ſlainte, Luc. 22. 36. Eph. 5. 29.

Sean. 25. 16, 27. 1 Tim. 5. 23. Isa. 38. 21. Sean. 17. 22. Col. 3. 12, 13.

C. *Creud iad na nithe bu choir dhuinn a dheanadh chum beatha chorporra dhaoin' eile choimhead?*

F. Bhi tagradh cuis an neo'-chiontaich, agus bhi ag saothrachadh chum am fuasgladh ann cuntart bais; bhi folach na dream ata fuidh ghear-leanmhuin, no toirt rabhadh dhoibh air an cunnart, bhi ag freasdal do 'n dream ata ann uireasbhuidh; bhi giulan le ea-coir gun dioladh agus an leithidh sin, Sean. 31. 8, 9. 1 Sam. 14. 45. Agus 19. 4, 5. 1 Riogh. 18. 4. Gniomh. 23. 16. Rom. 12. 17, 20. Job 31. 19. Matth. 25. 35.

C. *Ciod a bu choir dhuinn a dheanamh chum beatha ar 'n anama a theasairgin?*

F. Bhi ag feitheamh air meadhona na slainte o 'n leith 'nach, bhi cur re creidimh re aithreachas, agus bhi ceasadh a pheacaidh, agus ag oirpeacha' naomhachd, Sean. 8. 34, 35. 36. Marc. 16. 16. Esec. 18. 31, 32. Rom. 8. 13. Eabh. 12. 14.

C. *Ciod a bu choir dhuin a dheanamh chum anamaibh dhaoin' eil' a theasairgin?*

F. 'S eigin dhuinn bhi gnathachadh gach meadhoin a dh' ordùigh Dia chum daoin' a tharruing o pheacadh agus a chuir an iompochaidh air aghaidh, le rabhadh, le achdmhasan, le teagasg, le urnaigh le eisempleir naomh, agus le bhi cliuacha' Chrioft dhoibh, Seam. 5. 20, 1 Cor. 7. 16. 1 Phead. 3. 1. 1 Theff. 5. 14. Lebh. 19. 17. Gniomh. 20. 26, 27. agus 16. 31.

Ceist LXIX. *Creud ata air a thoirmeasg san t seathamh aithne?*

F. Ata an seathamh aithne ag toirmeasg, ar 'n anam a bhuin asain fein, no as ar coimhearsnach gu h ea-corach, agus gach pile nithe a chuideachas sin do dheanadh.

C.

C. *Co a bheatha, no 'n ta anam ata 'n aithne fo toirmeasg a thoirt air faibh ?*

F. Ar 'n anam fein no anam ar coimhearsnaich.

C. *C'uin' a dh' fheadar ar coimhearsnach a chur gu bás le * co'throm ?*

F. 1. Ann cás ceartais choitchinn le riaghlui'-fhear. 2. Ann cás cogaidh laghail. 3. Ann cás fein choimhead feumail.

C. *Am bheil marbhadh ann cás air bith eile r' a mheas mar mhurtadh ?*

F. Ata ; ach amhain 'n tra' tharlas é le * spuirlin gun fhios no run air bith gu cron, agus ann san chás so, do bhi bailte didean aca o shein, chum fgu 'n teicheadh am fear marbhaidh a dh' ionnsuidh a h aon dhiubh, Deut. 19. 5, 6.

C. *Cionnas ata e soilleir gu bheil cemas aig' an riaghlui'-fhear daoin' a chuir gu bás, gun an seathamh aithne a bhriseadh ?*

F. Do bhri' gu'n d' orduigh Dia cuid do lochdaibh, gu sonruighte murtadh a smachduchadh le bás, Gin. 9. 6. " Co air bith a dhoirteas fuil " duine, bithidh fhuil sin air a dortadh le duine." Exod. 21. 12. An " ti a bhuaileas duine gu bás " cuirthear gu bás e' gu deimhin." Agus ata so air a dhaingneach a' ann san tiomna nuadh, Mat. 26. 52. Taisd. 13. 10.

C. *Am fead an riaghlui'-fhear fear murtaidh a chaomhnadh, no maitheamhnas a thoirt dh' a ?*

F. Cha 'n fhead, oir thoirmeasg Dia é, Air. 35. 31, 33. " Cha ghabh sibhse dioladh air bith " air son anam muirt-fhir, ata ciontach am bás; " ach cuirthear gu bás é gu deimhin, oir ata fuil " ag truailleadh an fhearainn, agus cha 'n fhead- " ar am fearann a ghlanadh o 'n fhuil a dhoirtear " ann, ach le fuil na ti a dhoirt i."

C. *Cionnas ata é soilleir gu 'm feadar marbhadh a dheanamh ann an cogadh laghail ?*

* ceartas. † tapoig no tubaist.

F. Do bhi gu 'm bheil é air a dheanamh le ughdarras an ardriaghlui'-fhir, aig am bheil barrantas faio' 'n Tiomna nuadh, an cloidheamh a thogbhail ann aghaidh luchd mi-ghniomh, Rom. 13. 4. Agus ata é air a dhearbhadh dhuinn gu tric, gu bheil oifig faidhid-fhear ag coi-fheafamh gu maith le fior dhiadhachd, Luc. 3. 14. Matth. 8. 9. Gniomh. 10. 1, 2. Agus 13. 12. Agus ata aithris mhór-chliutach againn air na faighd'-fheara " Tri creidimh a bhuadhaich rioghachda, a " dh' fhas trein ann cath, a chuir air theicheach " armailte nan coimheach." Eabh. 11. 15.

C. *Cionnas ata é foilleir gu 'm bheil é laghail marbhadh a dheanamh ann am fein theafairgin, 'n uair a bheir luchd fladaidh agus murtaidh ionnfuidh oirne?*

F. O Exod 22. 2. " Mo gheabhar gadaidh a' " brifeadh tighe, agus gu buailthear gu bás e', cha " doirtear fuil air a fhon fin," agus Luc. 22. 36, 38. Ata Chrioft ag luidheafacha air a dheifciobuil, cloidheamh bhi aca, chum iad fein a choimhid, ge nach feadadh iad feum a dheanadh dhuibh, 'n tra bha uair Chrioft air teachd, agus ann an Sean. 11, 12. Ata gairm aguinn ar coimhearfnach a theafairgin ann cunntart, agus ni 's mo gu mór na fin, finn fein.

C. *Ciod a bharail a dh' fheadas finn a thabhairt ni' an droing ata dortadh fola ann an * comhlannachd?*

F. Gur h iad mairtireach an diabhoil, agus gur murt fheara am fia'-nais De iad: oir ataid a' gabhail orra fein a choir fin air dioghaltas ata Dia gu foilleir ag agairt dh' a fan, Rom. 12. 19.

C. *Ach mu thagras duin'eile gu comhrag me cionnas a dh' fheadas me cul a chur ris gun m' onoir a chall?*

F. Ann fan chás fin, 'feigin dhuinn air 'n ainm agus ar creideas a chuir ann laimh Dhe, agus gun bhi air ar tarruing le barrailidh gaoitheil onoir,

* comhrag aon fhilt, no eidear dias. gu

gu eaſ onoir a thoirt do Dhia le murtadh, no bhi 'g ar cuir fein ſuas oiſ-cionn lagh Dhia agus dhaoine, agus le ſin, bhi tilgeadh ar 'n anamaibh luach mhor a dh' ionnſuidh an Diabhoil mar chobhartach.

C. *Nach do * throid Daibhi re Goliah ann an comhrag aon fhilt ?*

F. Rinn é ſo, le ughdarras coit-chinn, ann an cogadh laghail air ſon leas a dhuthcha, air impidh Spiorad De, agus cha b' ann o ardan, no ainmiann truaillidh air bith ann fein, oir ata Dia ag toirmeaſg do na h uile dhaoine, bhi gabhail dioluaidh a's an laimh fein, Rom. 12. 19.

C. *Nach h é fein-mharbhadh murtadh as meaſa air bith ?*

F. Is é; oir ann am murt' air bith eile, feadaidh duin' uain' aithreachais fhaghail, ach ann am fein mhilleadh mu dh' eugas é air ball, ata é baſachadh 'n a pheacadh, gun uin' aithreachais.

C. *Cruadiad na nithe ata gu coit-chinn og buaireadh dhaoine gu fein-mhilleadh ?*

F. Bu mhio-fhoighidin faoi 'n chrois. no an eaſ-onoir a thainig air, a thug air Ahithophel a dheanamh, 2 Sam. 17. 4. 5. B' uathbhas coguis fuidh chionta, agus ain earbs' a trocair a thug air Judas a dheanamh, Matth. 27. 4, 5. B' eagal claoidh agus bás maſluch o dhaoin' eile thug air Saul a dheanamh, agus air fear coimhid a' phrioſuin an oirp' a thabhairt, 2 Sam. 31. 4. Gniomh. 16. 27.

C. *Nach 'eil gach buaireadh leis am bheil davin' air am broſduchadh gu fein-mhilleadh ann aghaidh gach deagh rioſun ?*

F. Ata, do bhri' gu bheil é ro aimeadach agus mio-rioſunta do dhaoinibh dol gu h an dana, chum doghruinn agus amhghair do labhairt, a mhairtheas gu brath, a ſheachnadh trioploid ſo-fhulang ſan t.ſaoghal ſo, a rachadh ſeachad air ball.

* *chog*

C. *Nach dò chliuaich moran do na cinnich o fhean, fein-mhilleadh ann cuid dò chafaibh mar ghniomh gaifgeil, agus * mór-mheamnuch ?*

F. Am bithidh na daoine fin air an foillficheadh le folus an t foifgeul, mheafa iad mar cheannairc, agus mar thraillealachd do dhuine bhi ag brifeadh phriofuin, no ag fagail an aite a dh' orduigheadh dh' a, gus am bithidh e air fhuafgladh gu faor le ard Thighearna fan; feadh fos mheafa iad duine na ghealtoireadh, aig an roibh croidhe tais, a theicheadh o dh' fheuchain bheag a dh' orduigh Dia, a nochda' a threabhantais.

C. *Nach do mharbh Samfon é fein, ann an leagail fios teampuil Dhagon, Breith.* 16. 30.

F. Cha roibh a run ann aghaidh anama fein, ach ann aghaidh naimhde Ifrael: os barr, rinn e fo, mar bhreitheamh ann Ifrael air impidh Spioraid De, chum luchd muintir Dhe a theafairgin, agus cha b' ann o an earbfa; uime fin cha 'n 'eil é mar eifempleir dhuinne.

F. *Am bheil an feathadh aithn' amhain ag toirmeafg an t anam a bhuin ofain fein, no as ar coimhearfnach gu direach ?*

F. Ata i mar an ceadna ag toirmeafg gach ni a chuideachas fin a dheanamh.

C. *Nach fead duine air an achd fo, bhi ciontach ann am fein-mhilleadh, gun ghrad lamh a chuir ann fein ?*

F. Feadaidh, 1. 'N uair a dhearmaideas, no dhiultas é biadh no cungaidh leigheis, no meadhona feumail chum anam a theafairgin. No. 2. 'N uair a bhithis é ciontach ann craos, no mifg, no ann gne air bith do neo'-mheafarrachd. 3. 'N uair a bhios é 'g altrom do bron ann barrach, ro churam faoghalta, fearg pheacach formad, no mianna cronail a thogbhas ea-flainte chorporra, Luc. 21. 34. Eccl. 2. 23, 24. agus 6. 2. Sean. 14. 30. agus 17. 22.

* *ard-inntincach.*

C.

C. *Cionnas a dh' fheadas duine bhi ciontach ann a anam fein a chur a' magha ?*

F. F. Le bhi ag dearmad meadhona na flainte o 'n leith muigh, le bhi cur cul re Crioft an aon chungaidh leigheis a mhain air fon peacaidh, le bhi ag deanamh dimeas air gach rabhadh, comhairle, agus achdmhufan, agus ag dol air aghaidh gu crofanta ann flighe a pheacaidh, Sean. 8. 36. Efec. 18. 30, 31. Eoin. 5. 40. Sean. 6. 32.

C. *Cionnas a dh' fheadas duine bhi ciontach ann murtadh thaobh dhaoin' eile ?*

F. Feadadh é bhi ciontach ann a' murtadh thaobh an corpaibh & an anamaibh, mar aon, agus fin, ann fmuain, am briathra, agus ann gniomhartha.

C. *Cionnas a dh' fheadas duine bhi 'n a murt-fhear ann fmuainteadh ?*

F. Le bhi 'g altroni fearg pheacach, fuath, formad, togradh gu dioghaltas, le bhi ag dealbh, no ag aontacha le bás dhaoin' eile, 1 Eoin. 3. 15. " Gach uile neach a dh' fhuathaicheas a bhrath-" air is murt-fhear é," Mat. 15. 19. Oir 'f ann as a chroidh thig murtadh ; faic mar an ceadna, Mat. 5. 21, 22. Sach. 8. 17. Eph. 4. 31. Gin. 37. 11, 20. agus 49. 6. Gniomh. 22. 20.

C. *Cionnas a dh' fheadas duine bhi na murt-fhear ann am briathraibh ?*

F. Le cul-chaineadh a choimhearfnaich, no le bhi gnathachadh briathra toi-bheamach 'n a aghaidh a bhios nan adhbhar murtaidh, le bhi 'g a mhallachadh no guidhe uile dh' a ; le bhi a' brath air an neo'-chiontach, no toirt fiadhnais bhreige 'n a aghaidh, no bhi ag mionnachadh a chuir gu bás, Mat. 5. 22. Eph. 4. 31. Sean. 12. 18. agus 15. 1. Sal. 57. 4. agus 64. 3. Jer. 18. 18. 1 Sam. 22. 9, 10. &c. 1 Riogh. 21. 10. 1 Sam. 25. 10, 11. Gniomh. 23. 12.

C. *Cionnas a dh' fheadas daoine bhi na murt-fheara le 'n gniomhartha ?*

F.

F. Air iomad doigh, gu direach, agus gu neo'-dhireach, mar aon, le bhi ag bualadh, a' lotadh, no gortuchadh corpaibh dhaoine, no le bhi ag deanadh ni air bith a chuideachas am beatha a sgrios; le bhi ag sarachadh no sladadh nam bochd, no ag dearmad fuasgladh orra 'n uair a bhios iad ann cunntart bais le gort, le bhi ag cur, nan neo'-chiontach gu bas le samhlagh reachd, agus ceartais, le bhi 'g an cur ann aitibh cunntartach, chum a' marbhadh, gun bhi 'g an teasairgin o 'n bhás 'n tra' bhios é 'n ar comas, le bhi ag dearmad an reachd a chuir ann gniomh ann aghaidh luchd murtaidh, agus le sin; gan caomhnaidh a dhortadh tuilleadh fola, Air, 35. 16, 17, 18, &c. Esec. 22. 7. 2 Sam. 11. 15. agus 12. 9. 1 Riogh. 21. 12. Sean. 24. 11. Isa. 1. 15.

C. *Cionnas ata daoine ciontach ann an anamaibh dhaoin' eil' a mhurtadh?*

F. Le bhi 'g an coimhairleacha', agus ag toirt aithne dhoibh an t olc a chuir ann gniomh; le bhi 'g an buaireadh agus 'g an brosduchadh chum peacaidh, le bhi cur droch eisempleir rompa; le bhi ag dearmad an peacadh a chronuchadh; no rabhadh a thoirt na aghaidh; ata ministeiridh ciontach air an doigh so, le bhi dearmad rabhadh a thoirt do pheacaich air an cuntart, no ag toirt teagasg neo'-fhallain dhoibh, 1 Sam. 22. 18. 2 Sam. 13. 5. Sean. 7. 10. 2 Riogh. 10. 29. Lebh. 19. 17. Esec. 3. 18. 2 Phead. 2. 1.

C. *Nach'eil Dia ag toirt iomad dearbhadh dhuinn' air an fhuath agus a ghrain shonruighte ata aige do 'n pheacadh so, murtadh?*

F. Ata, ann a aitheantaibh, agus 'n a bhagraibh na aghaidh, ann sgach ordugh teann ata é ag tabhairt ma smachduchadh, ann an rannsuchadh air fuil, agus ann sna meadhona iongantach, leis am bheil s e 'n a fhreasdal ag toirt murtaidh diomhair gu soillse, agus ann sgach breitheanas,

ata

ata é toirt 'n a lorg, 'n uair ata daoine 'ga leigeil as gun ſmachduchadh.

C. *C' ar ſon ata Dia ag toirt urraid fuath do mhurtadh?*

F. Do bhri' gu 'm bheil é ag ſgrios creatuir do rinneadh do reir Iomhaidh fein, agus creatuir a dhoirt Mac Dhe f huil air a ſhon mar eiric. 2. Ata daoine le ſo á gabhail cumhachd, agus ughdarras Dhe orra fein, oir, ata é ag radh buineadh dioghaltas dhamhſa. 3. Ata é coſmhuil ris an Diabhol, a bha 'n a mhuirt-f hear o thoiſeach: Agus air gach adhbhar dhiu ſo, ata fuil na dream a theid a mhurtadh a' glaoidheach gu h ard dioghaltas o Dhia air. Agus uime ſin, bu choir do na h uile 'ta ciontach ann ceim air bith dheth, teicheadh gu luath chum fuil Chrioſt, chum ſgu 'm fuigheadh iad tearmun agus glanadh, a' guidhe, ſaor me o chionta ſola o Dhia, Gin. 9. 6. Rom. 12. 19. Eoin. 8. 44. Gin. 4. 10. Sal. 51. 14.

Ceiſt LXX. *Cia i an ſeachdamh aithne?*

F. Is i an ſeachdamh aithne, *Na dean Adhaltranas.*

Ceiſt LXXI. *Creud iarrar ſan t ſeachamh aithne?*

F. Ata an ſeachdamh aithne ag iarruidh, coimhead do bhi aguinn air ar geamnuidheachd fein, agus geamnuidheachd ar coimhearſnaich, ann ar croidhe ann ar cainnt, agus ann ar beaſaibh.

C. *Cicd an ni a's luachmhora 'ta aguinn 'n taobh amach d' ar beatha?*

F. Ar geamnui'-eachd.

C. *Co a' gheamnui'eachd ata 'n ſeachdamh aithn' ag iarruidh oirn' a choimhead?*

F.

F. Ar geamnui'-eachd fein, agus geamnui'-eachd ar coimhearſnaich.

C. *Cia mar 'ſ coir dhuinn' ar geamnu'-eachd fein, agus ar coimhearſnaich a choimhead?*

F. Ann ar croidhe, ann ar cainnt, agus ann ar beaſaibh.

C. *Ciod ata air a chialluchadh le geamnuidheachd ann ſo?*

F. Cha 'n é poſadh a ſheachnadh, ach bhi ag ſeachnadh gach neo'-ghlanas, agus truaill'-eachd, co dhiu a bhios ſinn ann ſtaid phoſda, no neo'-phoſda.

C. *Am fead an dream ata póſda bhi geamnuidh?*

F. Feadaidh; oir, ata 'n t abſtol ag cur mar fhiacha air mnai phoſda, an caithe beatha bhi geamnuidh maille re h eagal, 1 Phead. 3. 2.

C. *Creud ata air a chialluchadh leis an gheamnui'-eachd ann croidhe, ann cainnt, agus am beatha a's eigin dhuinn a choimhead?*

F. 1. Nach bi ſinn ag altrom ſmuain, no tograidh neo' gheamnuidh no ſalach, ciod air bith cuideachd am bi ſinn, 2. Gur eigin d' ar coſuadar r' a cheile bhi ſuidhighte neo'-thruaillidh, agus air nithe bhios chum leas a cheile. 3. Gur eigin d' ar 'n uile cho-luadar, * cruitheachd, agus gniomhartha, bhi geamnuidh, ſtuamadh, agus maiſeach, mar bhuineas do chrioſtui'-ibh.

C. *C' ar ſon bu choir dhuinn bhi co churamach a choimhead ar geamnui'-eachd?*

F. Do bhri' gur creatuire rioſunta, agus nach bruidibh ſinn, gur crioſtuidhean, agus nach an-crioſtuidhean ſinn; agus bu choir do chorpaibh nan crioſtuidhean bhi 'n an buill do Chrioſt, agus nan teampuill do 'n Spiorad naomh, agus uime ſin bu choir dhoibh an coimhead fiorghlan agus naomha. Os barr dh' aithn' Dia gu ſoilleir, gu' ſeachnamaid ſtriopachas, agus gach uile neo'-ghloineas,

* iomchar.

ghloineas, agus gu ſealbheachamaid ar ſoitheach fein ann naomhachd & onoir, 1 Cor. 6. 15, 16, 18, 19. 1 Theſſ. 4. 3, 4, 5. Eph. 4. 17, 18, 19. Eph. 5. 3

C. *Creud iad na meadhona leis an coimhead ſinn ar geamnuí-eachd ?*

F. Le creidimh agus urnaigh : Le faire air ar croidheachan, agus air ar ſuilibh; le meaſarrachd am biadh agus ann deoch, le bhi ſaothrach ann ar gnothaichibh, le bhi tathach cuideachd gheamnuidh, agus le bhi ag ſeachnadh gach buaireadh agus fáth gu neomh-ghlanas, Gniomh. 15. 9. Mat. 6. 13. Sean. 4. 23. Job 31. 1. Jer. 5. 8. Gin. 34. 12. Sean. 2. 16. Gin. 34. 10. 1 Cor. 9. 27. Sean. 5. 8.

Ceiſt LXXII. *Creud ata an ſeachdamh aithn' ag toirmeaſg?*

F. Ata an ſeachdamh aithn' ag toirmeaſg, gach uile ſmuainte, briathra, agus gniomh neimh-gheamnuidh.

C. *Am bheil an aithne ſo ag toirmeaſg gach ſmuainteadh agus togradh mio-noſach ?*

F. Ata, Mat. 5. 28. " Ge b'e neach a dh' amh-" airceas air mnaoi chum a miannachadh, rinn " ſe adhaltranas le cheana 'n a chroidhe."

C. *Nach 'eil adhaltranas ann ſo r' a thuigſin mu gach gne do neo'-ghloin ?*

F. Ata.

C. *Am bheil an aithne ſo, ag toirmeaſg gach comh radh draoſtadh, gach ſugradh, agus oran macnoſ-ach ?*

F. Ata, Eph. 5. 4. " Na draoſtachd, no comh-" radh amaideach, no bao'-ſhugradh, nithe nach " 'eil iomchuidh."

C. *Creud iad na gniomhartha mi gheamnuidh, no neo-ghlan ata air an toirmeaſg ann ſo ?*

F.

F. Adhaltranas, ſtriopochas, tuilleadh is aon bhean a bhi aig fear, no tuilleadh is aon fhear a bhi aig mnaoi ſan aon am, eagnachadh, collnachd, ſodomachd, agus gach ann miann mio-nadurra; bhi ag toirmeaſg poſadh laghail, agus ag ceadughadh poſadh mo-laghail; dealachadh, no treigſin eacorach, bhi ag conbhail, no ag ceadughadh tighean ſtriopachais, agus gach aon ni 'ta cuideachadh, a cur air aghaidh, no ag toirt miſnich do neo'-gheamnuidheachd, agus do neo'-ghloineas, Eabh. 13. 4. 1 Cor. 6. 18. Gal. 5. 19. Mal. 2. 14, 15, 16. Mat. 19. 5. Deut. 22. 25. Lebh. 18. 6, 20, 22, 23. Gin. 38. 9. Rom. 1. 24, 26. 1 Tim. 4, 3. Mar. 6. 18. 1 Cor. 5. 1. 2 Cor. 6. 14. Mat. 5. 32. 1 Cor. 7. 12, 13. Lebh. 19. 29. Jer. 5. 7.

C. *Co an dream ata ag toirmeaſg poſadh laghail?*

F. Na Papanaich, ata ag bacadh do 'n chleir poſadh a dheanamh, agus dhoibhſin (mar a deir iad) aig am bheil daimh ſpioradail r' a cheile, mar ata Dia-aithreacha agus Dia-mhaithearacha, agus a chlann ata iad a' conbhail ſuas ann am baiſteadh.

C. *Am bheil barrantas air bith aca o 'n ſgriobtur air ſon an toirmeaſg ſo?*

F. Cha 'n 'eil, oir ata an ſgriobtur ag nochadh gu 'm bheil am poſadh laghail, agus onorach ann ſna h uile, mar bha é air ordughadh le Dia roimh an leagadh; agus ata eiſean ag diteadh bhi 'g a thoirmeaſg, mar theagaſg mearachdach. Os barr, bha na faidhibh, agus na ſagairtibh a poſadh faoi 'n t ſean tiomnadh, mar bha Peadar agus abſtail eile faoi 'n tiomnadh nuadh. Eabh. 13. 1. Gin. 2. 18, 22, 24. Lebh. 21. 7, 13. 1 Cor. 7. 2, 9. agus 9. 5 Luc. 4. 38. Gniomh. 21. 8, 9. 1 Tim. 3. 2, 4

C. *Co ata ceadughadh poſaidh neo'-laghail?*

F. Ata am Papa, air ſon airgiod ag ceadugha' poſaidh

posaidh collnach, 'se sin do 'n dream ata ann dlu'-dhaimh d' a cheile, agus ann taobh stigh do na ceimibh ata air an toirmeasg le focal De.

C. *C' ait' am bheil na ceimeana daimh sin, ann sam bheil collnachd air a chur ann gniomh air an soilleireachadh ?*

F. Ann, Lebh. 18. 7, 8, 9, &c. agus 20. 11, 14. Deut. 27. 20, 22, 23.

C. *Creud iad na cásaibh ann sam fead an dream ata air an ceangal am posadh, bhi air an dealughadh, no am posadh a sgaoileadh ?*

F. Amhain air son adhaltranais, agus treigeadh direasach toiteil, Mat. 19. 9. 1 Cor. 7. 15.

C. *Co ata ag teagasg atharracha' so ?*

F. Na Papanaich, ata ag cur rompa gu 'm feadar am posadh a sgaoileadh, 'n uair a chi am fear no a bhean iomchuidh dol a steach do * mhainister.

C. *Creud iad na gniomhartha no na nithe eile ata ag cuideachadh, ag meaduchadh, no toirt misneich do neo'-ghloineas, ata air an toirmeasg san aithne so ?*

F. An leithidibh sin, meisg, craos, diomhaineas bhi ag tathach cuideachd aimeadach, bhi 'g eistreachd re comhradh, no re orain dhraostadh, bhi gnathachadh leabhraichean, agus dealbhain macnosach, cluichean & damhsa sgeuduchadh miostuamadh, maille re suilibh agus iomchar braiseannach.

C. *Creud iad na h uilc ata sa pheacadh so, eadhon, neo'-ghloineas ?*

F. Ata se ro fhuathach leis an Dia ata ro naomha, ata e ag iosluiche an duine o oirdheirceas naduara, agus 'g a chuir air an aon bhonn ris na bruidibh ; is peac' é ta mealladh dhaoine, agus 'g an tarruing a thaoibh, ata é ag dalladh na h inntin, ag fagail na coguis gun mhothachadh; ag

 struidheadh

* ionad ann druidear oighibh, &c.

ſtruidheadh na maoin, agus a chuirp; ag cur an deagh ainm fuidh dhroch bholtrach, agus ag cur an anama a' mugha, ata é fós a'cur as do dha anam ſan aon am, 2 Sam. 11. 27. 1 Cor. 6. 15, 18, 19. Hoſ. 4. 11. Sean. 6. 26, 32, 33. Sean. 5. 8, 9, 10, 11. Eph. 5. 3, 4, 5. Taiſ. 13. 4. agus 21. 8. agus 22. 15.

C. *Creud na meadhona leis am fead ſinn bhi air ar coimhead o 'n pheacadh ſo?*

F. 'S eigin dhuinn bhi re urnaigh re Dia air ſgath Chrioſt, air ſon croidh nuadh, chum fuath a thoirt do gach aon pheacadh, agus chum bhi air ar coimhead o bhuaireadh 'g a ionnſuidh, bhi ſeachnadh cuideachd mhio-noſach, agus bhi re faire air ar croidhe, agus ar ſuilibh, bhi cuimhneachadh gu 'm bheil an Dia uile leirſineach do ghna' ag amharc oirne agus bhi gu tric a' ſmuaintеach air an teine laſarrach ata air a dheaſuchadh do 'n dream ata ag laſadh le h ain-miannaibh feol-mhor.

Ceiſt LXXIII. *Cia i an t ochdamh aithne?*

F. Is i an t ochdamh aithne, *Na dean goid.*

Ceiſt LXXIV, *Creud iarrar ſan ochdamh aithne?*

F. Ata an t ochdamh aithne 'g iarruidh gach cuideachadh laghail a dheanamh, chum ar ſaidhbhreas ſaoghalta fein, agus ſaidhbhreas dhaoin' eile chur air aghaidh.

C. *Co an ſaidhbhreas agus a mhacin m' am bheil an aithne ſo ag labhairt?*

F. M' ar ſaidhbhreas fein, agus ſaidhbhreas ar coimhearſnaich mar aon.

C.

C. *Creud ata i 'g iarruidh oirn' d' an taobh fin ?*

F. Bhi gnathachadh meadhona chum righeachd orra, agus an coimhead.

C. *Am fead finn meadhona air bith a ghnathacha' chum na criche fo ?*

F. Cha 'n fhead; 'f eigin dhuinn meadhona laghail amhain a ghnathachadh chum tairbh dhuinn' fein agus do dhaoin' eile.

C. *Am bheil an aithne fo ag teagafg nach 'eil ionmhus coitcheann ann ; ach gu' m bheil coir aig' gach duin' air a chuid fein ?*

F. Ata; oir am bithidh é air arharrach, cha bhitheadh feum air an aithne fo; ni mo a dh' fheadadh neach air bith a radh, is leamfa fo, no 's leatfa fud, agus cha b' urradh é deirc a thoirt do chach, cha 'n fhead ionmhus coitcheann a bhi ann, gun aontachadh nan fealbhadoirean, agus ann am, no 'n cás fonruighte, Gniomh. 4. 44.

C. *Am bheil é laghail bhi 'g iarruidh ar maoin fhaoghalt' a mheaducha' ni as mo na 'ta i?*

F. Ata, Gin. 47. 14. Deut. 8. 18. Sean. 13. 11.

C. *Creud iad na criochaibh m' am bu choir dhuinn bhi 'g iarruidh ar maoin a mheaduchadh ?*

F. 1. Bu chuir dhuinn gloir Dhe a chur romhain gu h airid, chum bhi comafach air onoir a thoirt dh' a fan le 'r maoin, agus chum 'f gu 'm bitheamaid air ar coimhead o pheacachadh 'n a aghaidh fin le mearladh no mionnan eitheich, mar ata é, Sean. 30. 8, 9. 2. Chum cuideachadh le daoin' eile, Eph. 4. 28. 3. Chum finn fein agus ar teaghlaichibh a chonbhail o bhi draghail do chach. Agus faidheoidh chum diomhaineas a fheachnadh.

C. *Creud iad na meadhonadh as eigin dhuinn a, ghnathachadh chum ar faidhbhreas faoghalta fhaghail, agus a mheaduchadh ?*

F. 'S eigin dhuinn bhi dicheallach agus faothrach, ann an ceairdibh ionraic, agus laghail; bhi caithe ar beatha gu measurradh, agus gu geandadh, bhi riaghluchadh ar gnothaiche gu glic, agus gu crionna; bhi 'g carbsa a Dia air son a bheannuiche sin air ar 'n uile shaothair; bhi co'-thromach ann ar 'n uile ghnothaiche, bhi ullamh a leasachadh nam aim-beartach, meadhona iomchuidh a ghnathachadh chum righeachd air ar cuid fein, ach agartas lagha, agus urras neo'-fheumail a sheachnadh, 1 Cor. 7. 20. Gin. 4. 2. Sean. 10. 4. Eph. 4. 28. Tit. 1. 12. Sal. 112. 5. Sean. 19. 22. 1 Phead. 5. 7. Sean. 10. 6. agus 11. 24, 25. 1 Cor. 6. 1, 2, &c. Sean. 6. 1, 2.

C. *Am bheil e mio'-laghail do chriostuidhean feum a dheanamh do 'n lagh chum an cuid fein a dhion, no chosnadh?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Nach 'eil an t abstol 'g an cronachadh chionn bhi dol chum an lagha le cheile, ag radh, "C' ar son "nach b' fearr libh an eacoir f hulang"?* 1 Cor. 6. 7.

F. Ata é san aite sin 'g an cronachadh chionn dol chum dlighe, le nithe beag, agus suarrach ann lathair riaghluidh-fheara nan cinnich, agus ag innseadh dhoibh gu 'm b' f hearr dhoibh cordadh 'n am measg fein; no an eacoir f hulang, na le 'n consachadh oil bheum a tharruing air an creidimh naomha, agus bhi nan ceap-tuisle do na cinnich chum am bacadh o 'n chreidimh chriostuidh.

C. *Nach 'eil Criost ag radh, Mat. 5. 40. "An "ti ler b' aill thusa thagradh san lagh, agus do "chota a bhuin diot, leig leis do chloca fós?"*

F. 'S ean seagh ata aige ann sin, gu 'm b' fhearr dhuinn dealuchadh re cuid do nithe suarrach, mar chota no cloca, no bhi 'g ar cuibhreachadh fein le agartas lagha doilgheasach, ach cha 'n é gu 'm bu choir dhuinn leigeil do dhaoin' eile cuir as dhuinn' 'n uair ata Dia 'g ar beannughadh le deagh reachdaibh chum ar dion.

C.

C. *Am feadſinn bhi 'g iarruidh an t ſaoghail ſo mar ar 'n ionmhas ?*

F. Cha 'n fhead, ach mar chuideachadh fuidh laimh Dhia ann ar 'n aſtar chum ſaoghail a's fearr, 'ſ eigin dhuinn ar 'n ionmhas a thaſgaidh air neamh, agus cuibh-roinn a dheanamh cinnteach dhuinn fein ann ſin gu ſiorruidh.

C. *Nach bu choir dhuinn bhi ullamh chum congnamh a dheanamh le bain-trea'-chaibh, agus le didleachdaibh bochd, le 'r 'n airgiod, agus coinghioll a thoirt dhoibh ſin ata na f heum ?*

F. Bu choir, Seam. 1. 27. Sal. 112. 5.

C. *Ciod as eigin dhuinn' a dheanamh chum ſaidhbhreas dhaoin' eile mheaducha', agus a chur air aghaidh ?*

F. Bu choir dhuinn bhi ſior agus co'-thromach ann ar 'n uile ghnothaiche, re daoin' eile agus an ni ata dligheach a thabhairt do gach neach. Bu choir dhuinn feadail ar coimhearſnaich a choimhead, agus a thoirt dh' a ma bhios i 'n ar laimh ; bhi miannuchadh, is ag iarruidh a ſhoirbheas co maith re ar ſoirbheas fein, agus a dheanamh dhoibh ann 'ſ gach aon ni mar a b' aill leinn iad ſan a dheanamh dhuinne, Sal. 15. 2, 4. Sach. 8. 16, 17. Rom. 13. 7. Lebh. 6. 2, 3, &c. 1 Cor. 10. 24. Mat. 7. 12.

Ceiſt LXXV. *Creud ata air a thoirmeaſg ſan ochdamh aithne ?*

F. Ata an t ochdamh aithne ag toirmeaſg gach ni air bhith a bhacas ar ſaidhbhreas ſaoghalta fein, no ſaidhbhreas ar coimhearſnaich gu h eacorach.

C. *Creud ata air a chialluchadh le gadui'-eachd am peacadh ata air a thoirmeaſg ann ſo ?*

F. Bhi ag deanamh eacoir oirn fein, no air

daoin' eile, ann a' maoin ſhaoghalta, agus bhi gnathachadh meadhona mio-laghail chum an ſaoghal a choſnadh.

C. *Cionnas a dh' fheadas ſinn eacoir a dheanamh air ar maoin ſhaoghalta fein, agus le ſin goid a dheanamh oirn fein, agus air ar teaghluichibh ?*

F. Le diomhaineas, leiſg, agus neo'-churam ann ar gnothaichibh ; le bhi 'g ar ceangal fein gu h obain ann urras, agus le co'-mhalairtibh aimeadach, le ſtruidheachd, agus an caitheamh ann cuideachd mhac-noſach, le ſgeuduchadh luachmhor, le cluichibh, agus an leithidibh ſin, 2 Theſſ. 3. 11. Sean. 18. 9. & 23. 21. & 22. 26, 27. & 28. 19. & 21. 17.

C. *Am peacadh do dhaoinibh bhi gabhail teachd an tir ois ceann an teachd a ſtigh ?*

F. 'S eadh, oir le ſo, ataid ag ſgrios am maoin fein, ag bacadh an carthanachd, agus a' cur as do mhaoin dhaoin' eile mar an ceadna.

C. *Nach 'eil é na pheacadh ann aghaidh an ochdamh aithne, bhi gnathachadh meadhona, no ſlighe mhio-laghail, chum righeachd air ſtoras, no chum ſinn fein agus ar teagluch a chonbhail ſuas ?*

F. Ata ; oir cha 'n fhearr ſo na gadui'-eachd, & eaſ-ionracas am ſiadhnais De, ciod air bith cealtrach a chuirthear air nithe le ſgaile ciatfach ann lathair dhaoine.

C. *Creud iad na doighibh mhio-laghail leis am bheil daoin' ag deanamh ſtorais, agus a' conbhail ſuas an teaghluichibh ?*

F. An leithidibh ſin, eadhon, curam, agus ſaothair an barrach, ſannt, cabhag gu bhi beartach bhi ro theann, cluichean, ocar, ceannach iomlan air airneis, bhi cur re marſantachd mhio-laghail, gun chios a thabhairt, breugan, mionnan eitheich, briſeadh na Sábaid, brib a ghabhail, no thabhairt, Simoneachd, bhi ag reic aifriona, maitheamhnas agus aontachadh le athchuinge, ceardain, agus

eallannadh

eallannadh mhio laghail, no le bhi gnathachadh ſlighe air bith a mhealladh dhaoin' eile chum air-giod a chofnadh.

C. *Cionnas ata ſannt ann aghaidh an ochdamh aithne ?*

F. Do bhri' gu bheil an duine ſanntach ciontach ann goid o mhóran ; 1. O Dhia agus o eaglais ſin, ann an dearmad ni air bith a thoirt chum feuma diadhaidh. 2. O choimhearſnach, ann bhi ag diultadh congnamh dheanamh leis 'n a theanndach. 3. Uaithe ſein, agus o theaghlach, le bhi ag conbhail co'-fhurtachda feumail na beatha uapadh, ata na nithe ſo uile ann aghaidh, Sean. 3. 9. Mal. 3. 8, 10. 1 Cor. 9. 14. Gal. 6. 6. Iſa. 58. 7. Eccl. 4. 8. & 6. 2. Tim. 5. 8.

C. *Nach 'eil daoine dulchannach iargolt aig nach 'eil croidhe dheanadh feum do na nithe ata aca a' peacacha gu mór ?*

F. Ata ; oir ataid 'g am mealladh fein, agus an teaghluichean o fheum agus o cho'-fhurtachd nan nithe maith a dheonuigh Dia dhoibh, agus mar ſin cha 'n fhead iad buidheachas a thoirt dh' a air ſon a thoirbheartais, ataid neo'-ſheirceil do 'n dream ata uir-eaſbhui'-each ; oir an ti nach gabh an ni bhios iomchuidh dh' a fein, cha toir é tuilleadh ſpeis do neach eile na bhios aige dh' a fein, ataid cronail do 'n linn ann ſam bheil iad, agus do 'n phobull ata 'n a meaſg, oir am bithidh na nithe ſin ataid ſin ag carnagh ſuas aig daoin' eile, gheabhadh na bochdan obair, agus dheantadh maith do 'n t ſluagh choitcheann Eccl. 4. 8. agus 6. 2. 1 Tim. 5. 8. Sal. 37. 3, 26, 27. Job 27. 12, 13, 14, 15, 16. Sal. 112. 3, 5, 6.

C. *Am bheil é mio-laghail bhi cofnadh airgiod le ocar ?*

F. Ata ; Sean. 28. 5. Sal. 15. 5.

C. *Ciod é ris an abair thu ócar ?*

F. Bhi gabhail buannachd mhio'-laghail air ſon airgiod coinghiol.

C. *Am bheil é laghail riabh a ghabhail air fon airgiod?*

F. Ata 'n uair a ghabhar é do reir reachd na rioghachd, agus on dream ata toirt buannachd as, le mallairt, no le ceannach fearainn, do bhri' gu bheil é co cho'-thromach do 'n fhear airgiod buannachd iarruidh is ata e do mhaighisdir fearuinn bhi 'g iarruidh mail o'n tuathnach, oir feadar airgiod a mheaduchadh, mar dh' fheadar fearann a leasuchadh.

C. *Creud i an tairbh mhi'-laghail air fon airgiod ris an abrar ocar?*

F. Bhi gabhail buannachd air fon airgiod o na bochdan, ata 'g iarruidh coingheil nam feum an-barrach, no gabhail nithe feumail mar gheall-barrantais uapadh air a shon; no bhi gabhail tuilleadh tairbh, na 'ta lagh na rioghachd a ceud-uchadh, mar 'ta 'n dream ata gabhail deich, cuig deug, no fichead a's a cheud, Exod. 22. 25, 26. Deut. 24. 12, 17. Efec. 18. 7, 8.

C. *Ach do bhi clann Israel air an toirmeasg o Ocar, no tairbh air bith a ghabhail o 'm brathribh air fon airgiod coingheoil?*

F. Is cosmhuil gu roibh an reachd so fonruighte do na h Iudhaich, do bhri' gu roibh am fearann fin air a roinn, air a shuidheachadh, agus air a dhaingneachadh le bliodhna na jubile, agus do bhri' nach roibh iad re malairt, no ceannach fearainn mar bha daoin' eile, cha roibh fath aca air airgiod coinghioll a ghabhail, ach air fon feum an teaghlachaibh sa cheart am, ach mu na coigreich aig an roibh seol eil' air teachd an tir, bha é air a cheudacha do chlann Israel airgiod a thabhair air ocar dhoibhsin, agus co'-pairt fhaghail do 'n bhuanntachd, Deut. 23. 20. Agus ata e ag nochdanach' eil' riobh ghabhail foirneartach ann fein, oir ata iad san gu tric air an toirmeasg o bhi deanamh foir neart air coigreichibh, agus gidheadh

ata

ata e air a cheuduchadh dhoibh ocar a ghabhail uapadh, Exod. 22. 21. agus 23. 9.

C. *Ciod a's fiagh do cheannach iomlan ata air a thoirmeasg ann so?*

F. Bhi ag ceannach suas cuid do airneas gu h iomlan, gu sonruight arbhar, agus lón n am bochd chum luach mór fhaghail air ann diaidh laimh, Sean. 11. 26. "Malluichidh am pobull an ti a ghleidheas arbhar air ais, ach bi beannuchadh air ceann na ti a reiceas é."

C. *Ciod an cron ata ann am marsantachd neo'-laghail?*

F. Ata so ag diultadh cis a thabhairt dhoibhsin d' am bheil i dligheach; o's barr ata iomad peacadh eil gu coitchinn na cho'-chuideachd, mar ata mionnan eitheich, bribeachd, breugan, briseadh Sábaid, dortadh fola, *&c.*

C. *Creud ata air a chialluchadh le bribeachd ata air a thoirmeasg ann so?*

F. Bhi gabhail no ag tabhairt bribe, no gibht a chlaonadh ceartais, Sean. 17. 23. "Gabhaibh "duin' aingidh tiodhlac a's an uchd a chlaonadh "a bhreitheanais."

C. *Creud ata air a theagasg le simonachd ata air a thoirmeasg ann so?*

F. 'S e' sin, bhi ag ceannach, no ag reic oifigibh no ionadaibh luchd teagaisg, no nithe spioradail eile, air son airgiod, gniomhartha maith, no deadh-ghean eile, gnathachadh ro ghraneil; oir is comharth' e' gur e run an luchd ceannaich airgiod a dheanadh dheth. Ata spiorad Dhe 'g a chomharthach' amach mar pheacadh ro uathmhoradh, oir ata e na sgriosadh air gach fior dhiadhachd. Deirir simonachd ris o 'n duin' aingidh sin, Simon Magus, Gniomh 8. 18, 19.—"Thairg se airgiod "dhoibh, ag radh, thugaibh dhamsa mar an "ceadna an cumhachd so, ge b' e neach air an "cuir me mo lamhan gu 'm fuigh se an spiorad "naomh."

C.

C. *Co ata ag reic maitheanais, deagh-ghean agus aifrionna ?*

F. Ata na ſgairtibh Papanach 'g a dheanamh, ſo, air ſon airgiod, coſmhuil ris na Pharaiſiche, bha fuidhe ſgaile urnaighean fhada, ag ſlada tighean bhantracha' Mat. 23. 14. Mar ſo, ata na ſagairte faoi ſgaile urnaighean fhada air ſon na marbh, agus le aifrionna anam, 'g an deanamh fein ſaidhbhear, le bhi ſlada tighean bhantra'-cha agus dhilleachdaibh, Taiſ. 18. 13.

C. *Co an dream ata gnathachadh ceirdibh agus eallannaidh neo'-laghail a choſnadh airgiod ?*

F. Iadſan ata re Reubain air an ród mhór, gadui'-chean, luchd gleideadh tighean ſtriopachais, ſtais-chleaſaichean, laimh-chleaſaichean, fioſaichean o'caraich, marſantachd gun chis a thabhairt, luchd ceannach iomlan a mhargaidh, cluich fheara, agus iadſan ata re coſnadh air cairtibh, agus air diſibh, agus an leithidibh ſin, do chroinnchluichibh. Mar an ceadna iadſan ata toirt oidheachd d' an leithid ſin do dhaoinibh a tha tighean, no ag ſuidheachadh tighe orra, agus gu ſonruighte, na h oiſt-fheara, ata air ghaol airgiod ag toirt oidheachd do mheiſg-fheara, do chuideachd mhac-noſach, do ghaduichibh, do luchd briſeadh Sábaid, agus an leithid ſin do chuideachd chronail,

C. *Cionnais ata daoine ciontach ann am briſeadh na h ochdamh aithne le bhi goid o dhaoin' eile gu ſoilleir, no le eacoir a dheanamh orra ann a maoin ſhaoghalta ?*

F. Oſ-barr air na dh' ainmmeachadh cheanna, ata daoine ciontach ann ſo, le gadui-eachd Reubain, ſlad-dhuine, gabhail re mearlaich, agus re nithe bradach, mealtoireachd, ann am marſantachd, agus mi-dhilleachd ann an coi' cheangail, agus ann an gnothaichibh a dh' earbar re daoinibh, bhi breugach ann gealſaibh, bhi cur ann aghaidh ain-fhiach dligheach, agus ag diultadh a dhiol-

adh,

adh, agartas lagha doilghioſach, agus bhi gabhail iaſachd nach urradh ſinn a dhioladh, bhi conbhail ni air bith a theid ar ſeachran, no bhios air chall, no a ghabh ſinn gu h eacorach, gach foireigneadh agus ſarruchadh, paircean eacorach, agus faſachadh air fonn, atharrachadh air criochaibh fearainn, naomh-ghaoid, bhi deanamh eacoir air a chuinne, bhi ag diultadh na cis coitchinn, bhi ag conbhail an tuaraſdail o luchd oibreadh agus o ſhearbhanta, bhi ag diultadh na cis coitchinn, bhi ag taghach ain-fhiach le ain-iochd, agus le bhi ag druideadh ar cluaſaibh re glaodh nam bochd, Eph. 4. 28. Sal. 62. 10. 1 Tim. 1. 10. Sean. 29. 24. 1 Theſſ. 4. 6. Sal, 37. 21. Luc. 16. 12. Hoſ. 4. 1. Deut. 22. 1, 2, *&c* Sean. 3. 28, 29, 30, 1 Cor. 6. 6. Luc. 19. 8. Eſec. 22. 12, 29. Lebh. 25. 17. Iſa. 5. 8. Mic. 2. 2. Sean. 23. 10. Rom. 2. 22. Mat. 22. 21. Rom. 13. 6, 7. Lebh. 19. 13. Mat. 18. 28. Sean. 21. 13. Deut. 15. 7.

C. *Ciod i a mhealtoireachd ann am marſantachd ata air a toirmeaſg ann ſo?*

F. Bhi ag mealladh agus ag dol m' an cuairt air daoin' eile ann reic agus ann ceannach? bhi tarruing buannachd o 'n ain-eolas, no o 'm feum, bhi 'g an caradh le breugan, bhi le ceilg ag cluachadh an ni a bhios iad ag reic, agus re tair air an ni a bhios iad ag ceannach, bhi reic nithe olc air ſon nithe maith, bhi gnathachadh cud thromadh & tomhaiſin eacorach, bhi ag gabhail prioſaibh mi riaghailteach, bhi gu h uaigneach a deanamh cron air daoin' eile m' um marſontachd, le bhi tarruing an luchd ceannaich uapadh, no ag deanadh ea-coir air an creideas, Lebh. 25. 14. Sean. 20. 14. Lebh. 19. 35, 36. Deut. 25. 13, &c. Sean. 11. 1. Amos 8. 5, 6. Sean. 28. 22. 1 Cor. 13. 4. Phil. 2. 4.

C. *Creud e am peacadh naomh-ghaoid ata air a thoirmeaſg ann ſo?*

F. Reubain, no nithe thoirt air falbh o Dhia, agus o eaglais ſin a bhuineas gu dligheach dhoibh

no

no feum eile dheanamh do ni air bith a choisreigeadh chum feumaibh naomh; ni ata gabhail a fteach ann, a meafg nithe eile luchd teagaifg dearmadach, nach 'eil a' gabhail comhnuidh maille r' an pobull, bhi deanadh fladadh air coi'-thionnailibh crioftaidh, ann fa choir ata aca air an luchd teagaifg fein a ghairm, Mal. 3. 8, 9. Sean. 20. 25. Jofh. 7. 20, 21. 2 Chron. 28. 21. 2 Tim. 4. 2. 1 Phead. 5. 2, 3. Gniomh. 1. 23. agus 6. 3. Jer. 23. 1, 2.

C. *Am bheil gadui'-eachd ag treorachadh gu beartas?*

F. Cha 'n 'eil; ach ag tarruing gu bochduin; oir ata malluchadh Dhe ann aghaidh a ghadui'-che, Sean. 5. 2, 4.

C. *Nach'eil an gadui'-che ann dlu-dhaimh re luchd Dia aich fheun?*

F. Ata; do bhri' gu 'm bheil fe le ghniomhartha ag aich-fheun uile-latharachd, agus uileleirfineachd Dhe, agus gur h e am breitheamh co'-thromach a ghairmeas gu cunntas &c.

C. *Nach eigin do na h uile ata clontach ann eacoir a dheanamh air daoin' eile na maoin, aithreachas, & coi'-leafach a dheanamh, mar a b' aill leo trocair fhaghail o Dhia?*

F. 'S eigin, Lebh. 6. 4. Efec. 33. 15. Luc. 19. 8.

Ceift LXXVI. *Creud i an naothadh aithne?*

F. Is i an naothadh aithne, *Na dean fiadhnais bhreige ann aghaidh do cheimhearfnaich?*

Ceift LXXVII. *Creud iarrar fan naothadh aithne?*

F. Ata naothadh aithn' ag iarruidh an fhirinn eidear duin' agus duine; agus ar deagh ainm fein, agus deagh ainm ar coimhearfnaich

earſnaich do ſheaſamh, agus ſin gu ſonruighte am fiadhnais do dheanamh.

C. *Cia lion dleaſdanas ata nacthadh aithn' ag iarruidh ata air an ainmeachadh ann ſan ſhreagradh?*

F. Ceithir, eadhon, 1. Bhi ag coimhead agus a' cur na firinn air a h aghaidh, eidear dhuin' agus duine, 2. Bhi ag ſeaſamh air deagh ainm fein, agus 'g a chuir air aghaidh. 3. Bhi ag coimhead agus a' cur deagh ainm ar coimhearſnaich air aghaidh. 4. Bhi curamach mu na nithe ſin uile, gu ſonruighte am fiadhnais a dheanamh.

C. *Ach c' ar ſon gu ſonruight' ann am fiadhnais do dheanamh?*

F. Do bhri' gu bheil iartas aguinn' ann ſin air doigh ſhoilleiſeach an ſhirinn innſeadh, mar ata ſinn ann larhair brietheamh air ar mionnan, leis am bheil ſinn a' gabhail Dhia mar ſhiadhnais.

C. *Cionnas bu choir dhuinn an ſhirinn a choimhid & a ſheaſamh a' meaſg dhaoine?*

F. Le ſpeis a thabhairt do 'n ſhirinn, bhi ga labhairt gu neo'-mheangail, agus 'g ar nochdadh fein as leith na firinn, agus le bhi toirt breith agus reite do reir na firinn, Sech. 8. 16, 19. Sean. 31. 8, 9. Exod. 18. 21. Sal. 15. 2.

C. *C' ar ſon ata iartas aguinn an ſhirinn a labhairt gu neo'-mheangail?*

F. Do bhri' gu bheil an Diabhol agus droch dhaoin' air uaireadh ag labhairt na firinn le droch run, Mar. 1. 24. 1 Sam. 22. 9, 10.

C. *C' ar ſon bu choir dhuinn ar deagh ainm fein a choimhead, is a chuir a' mead?*

F. Chum 'ſ gu 'm bitheamaid comaſach air Dia a ghloruchadh, agus air an tuilleadh maith a dheanadh 'n ar la, agus 'n ar linn.

C. *Nach 'eil droch iomradh air daoine ag bacadh a' mhaith a dh' fheadaidh iad a dheanamh?*

F. Ata.

C. *Co gu fonruighte d' am buin an deagh ainm fein a choimhead?*

F. Riaghlui'-fheara, miniſteiridh, agus luchd na h aidmheil.

C. *An i bhi 'g ar cliuchadh fein, no le bhi giulan gu h uaibhreach an t ſlighe chum ar deagh ainm a choimhead agus a ſheaſamh?*

F. Cha 'n i, ach na aite ſin, ſan a thairneas iad eas-onoir orra.

C. *Ciod as coir dhuinn a dheanamh chum deagh ainm f haghail?*

F. 'S eigin dhuinn bhi irioſal, neo'-lochdach, meaſarradh, macanta geamnuidh, agus co'-thromach: ſeaſmhach r' ar focal; bhi co'-ſtach do chach, ann aon fhocal, bhi cur ann gniomh "Ge b' e nithe 'ta fior, ge b' e nithe 'ta onorach, no airidh ghraidh, no ionmholta," Col. 3. 12. Phil. 2. 15. agus 4. 8.

C. *Nach bu choir dhuinn bhi ag ſeaſamh ar deagh ainm fein, 'n uair a mhaſluichear ſinn?*

F. B' eadh, ach ſin a dheanamh le maſantas, agus bhi ullamh a-thoirt maitheamhnais dhoibhſin a mhaſluicheas ſinn.

C. *Ciod e mar fuigh ſinn eiſteachd no creideas?*

F. 'S eigin, dhuinn a chuis earbſa ris an ti ata toirt breitheamhnas ann ceartas.

C. *Ciod a'ta mar fhiacha oirne ann an deagh ainm ar coimhearſnaich a ſheaſamh?*

F. Bu choir dhuinn meas dligheach a bhi aguinn do gach ni maith a chi ſinn m' an timchioll, agus ſo a nochdadh gu toileach ann am iomchuidh chum miſneach a thoirt dhoibh ann an ſlighe an Tighearna; bu choir dhuinn bhi ullamh a thoirt eiſteachd d' an deagh iomradh; bhi ag cleith am faileanaibh, bhi toirt mi-mhiſneich do chogarſnaich, bhi labhairt gu maith air an cul, agus bhi ſeaſamh nan leithſgeul, 'n tra' bhios fios aguinn gu bheil an eacoir ga cuir as an leith, Phil. 2. 3.

Eabh.

Eabh. 6 9. Ro. 1. 8 1 Cor. 13. 6. Sal. 15. 3. Sean. 25. 23 Sean. 7. 9. 1 Sam. 22. 14.

C. *Ach ciod a bu choir dhuinn a dheanamh 'n uair a bhios an droch iomradh a chluinn ſinn air ar coimhearſnaich fior agus cinnteach?*

F. Bu choir dhuinn bhi'fuidh dhoilgh'os m' an fai e naibh, agus le 'r 'n achdmhuſan, le 'r comhairle, agus le 'r 'n urnaigh gach ni a bhios 'n ar comas a dheanamh, chum an leaſachadh, chum 's gu 'm bithidh an deagh ainm air aiſeag dhe ibh air-ais, 2 Cor. 2. 4. Mat. 18, 15. &c.

Ceiſt LXXVIII. *Creud ata air a thoirmeaſg ſan naothadh aithne?*

F. Ata an naothadh aithn' ag toirmeaſg, gach ni ata cur leath trom air an fhirinn, no ni eacoir air ar deagh ainm fein no deagh ainm ar coimhearſnach.

C. *Creud iad na h uilc ata air an toirmeaſg leis an aithne ſo, ata air an ainmeachadh ann ſan fhreagradh?*

F. An triuir ſin, eadhon, 1. Bhi ag radh no deanamh ni air bith ata cur leath-trom air an fhirinn. 2. Bhi ag radh no deanamh ni air bith a ni eacoir air ar deagh ainm fein. 3. Bhi ag radh no deanamh ni air bith chum eacoir do dheagh ainm ar coimhearſnaich.

C. *Creud iad na nithe ata air an ainmeachadh ann ſo, ata mar leath-trom air an fhirinn?*

F. Bhi ag deanamh eacoir air an fhirinn, no air doigh air bith a cur na h aghaidh ann an cuirtibh ceartais; bhi ag labhairt gu neo'-fhireanach, bhi re breugan, no 'g an innſeadh air doidh air bith. bhi gu doilleir da ſheaghach 'n ar labhairt, bhi ag ſiaradh na firinn, a' briſeadh ar geallaibh agus an leithidibh ſin.

C. *Cionnas ata daoin' ag deanadh eacoir air an fhirinn ann cuirtibh ceartais ?*

F. Ata daoin' ag deanamh ſo, le bhi a' brath air daoin' eile, no 'g an caſaid gu h eacorach : mar an ceadna leis an ti a bhitheas air a chaſaid, ann bhi ag aich-ſheun an ni ann ſam bheil é ciontach, bhi ag faſtadh agus a' cur ſuas fiadhnaiſeadh breige ; le fiadhnaiſibh bhi ag cleith, no ag atharrachadh dreach na firinn, no le fiadhnais bhreig a thabhairt, le bhi tagradh ann aghaidh na firinn, no air ſon cuiſibh eacorach, le ſgriobhadh fealtach ; le bhi fiaradh briathraibh dhaoine gu ſeagh mearachdach ; le toſd neo'-iomchuidh ann cuis cheart, no mi-dhiſleachd as a leith ; le breith eacorach a thoirt amach, bhi fireanachadh nan ciontach, agus ag diteadh nan neo' chiontach, Luc. 23. 2. Gniomh. 24. 2, 5. Gin. 4, 9. Gniomh. 6. 13. 1 Riogh. 21. 13. Iſa. 5. 23, Sal. 119. 69. Lebh. 5 1. 2 Tim. 4. 16. Iſa. 10. 1. Sean. 17. 15. agus 31. 8, 9.

C. *Am bhe l gach neach ata labhairt ni nach 'eil fior ciontach am breugan ?*

F. Cha 'n 'eil, ma 'ta é ſmuainteachadh da rireadh gu bheil an ni ata é labhairt fior, ge do ſi a bhreug a bhios ann.

C. *Ciod i ma 'ta ris an abair thu breug ?*

F. Duine bhi ag labhairt an ni nach 'eil fior le fhios agus 'g a h innſeadh le run chum mealladh.

C. *Ciod an eron ata am breugan ?*

F. 1. Is peacadh é 'ta ro fhuathach le Dia, neach is é Dia na firinn. 2. Ata e ag cuideachadh, gach deagh chompanas agus malairt a ſgrioſadh a' meaſg dhaoine, 3. Ata é ag deanamh dhaoine nan cloinn do 'n Diabhol, oir is breugoire é agus 'ſ e Athair nam breug, Sean. 6. 17. Eoin. 8. 44. Deut. 32. 4.

C. *Nach 'eil Dia a' taiſbean a dhiom gu mor ann aghaidh a pheacaidh ſo ?*

F.

F. Ata; agus fin ann fan t faoghal fo fein, oir bhuail Dia Ananias agus Sapphira le builleadh báis, agus a bhreug nam beul.

C. Ciod é as cuibhroinn do na breugairibh fan athbheatha?

F. Gheibh na breugoiribh uile an cuibh-roinn maille re Athair nam breug, ann fan loch ata dearg-lafadh le teine & pronnalg, oir a dubhairt Dia é, Taif. 21. 8

C. Nach h e breugaire ma 'ta aon do na h ainmibh as meafa dh' fheadar a radh re duine?

F. Is é, agus uime fin, bu choir dhuinn a fheachna' gu curamach.

C. Ach ciod e ma thoilleas an neach ris an abrar é an t ainm fo?

F. Ann fin bu choir dhuinn doilghios a bhi oirn air a fhon, agus achdmhufan a thoirt dh' a cha 'n ann am feirg chum a chuis a fhoilleireacha', acn le macantas chum a leafachadh.

C. Nach fead duine breug innfeadh chum anam fein, nó anam a choimhearfnaich a theafairgin?

F. Cha 'n f head; oir cha 'n f head finn olc a dheanamh chum f gu 'n d' thig maith as, os barr, cha 'n f head finn breug a dheanamh, ge do b' ann chum gloir Dhe a chuir air a h' aghaidh, Job 13. 7. Rom. 3. 7, 8. agus ge do f haillnigh cuid do na naoimh air am bheil aithris aguinn fan fgriob tur air an doigh fo, cha choir dhuinn an eifempleir a leanntain, ach gluafachd do reir na h aithne.

*C. Ciod i do bhar'ail mu theagafg agus gnathachadh timchiollach iomad fheaghach nam Papanach, agus gun an gealladh a chonbhail re * eirceachaibh?*

F. Gu 'm bheil iad ro ghraineil.

C. Ciod i do b'arrail m' an dream a ni breugan ann a macnos chum fugraidh do chach?

F. Ata Dia ag radh amadainibh riu, ata ag deanamh maguidh fa 'n pheacadh, Sean. 14. 9.

* *luchd mearachd bar'-ail.*

C. *Creud iad na nithe ata nan eacoir air ar dealbh ainm fein, ata air an toirmeasg leis an naothamh aithne ?*

F An leithidibh fin, eadhon, meas no iomradh ro mhor, no ro thuarrach oirn fein; miodal, boaft, & raiteachas; bhi 'g ar casaid fein ann san ni ann fnach 'eil finn ciontach; bhi ag anntromachadh nan lochdaibh as lugha; bhi gabhail leith-sgeul a pheacaidh, no 'g a lughdachadh 'n uair ata gairm aguinn aidmhicheadh gu fuor, bhi ag aich-sheun nan gibhte agus na grasaibh a thug Dia dhuinn, bhi ag nochdadh ar'n anmhuinneachdaibh gu h obain, ann lathair nan aingidh; bhi ag labhairt no deanamh ni air bith a bhios na mhi'-chliu air ar-deagh ainm, Rom. 12. 16. Luc. 18. 11 Exod. 4. 10. 2 Tim. 3. 2. Sal. 12. 3. 1 Cor. 13. 4, 5. Mat 7. 3. Sean. 28. 13. Gin. 3. 12, 13. Job 27. 5. Col. 2. 18. Sean. 14. 34.

C. *Creud iad na nithe ata air an toirmeasg ann so, ata deanamh eacoir ar deagh [illegible]inbearsnach ?*

F. Gach toi-bheum, cul chaineadh, masluchadh, ar chaint, bhi ag togbhail, agus a' sgaoileadh droch iomradh. bhi ag diteadh le breith obain. Cogairfich, iomchar sgeul; bhi gabhail gniomhartha, briathra, no run dhaoine ann seagh mearachdach; gun bhi ag cleith am * faileanaibh, bhi ag druideadh ar cluasaibh ann aghaidh an coir a sheasamh, gun bhi ag taisbean an neo'-chiont 'n tra' bhios fin fosrach air; bhi ag labhairt na firion le droch run dhoibh; bhi re gairdeachas m' an eas onoir, bhi re sgeig, agus di meas fanoideach; bhi toirt mor-chliu do chuid, chum tair agus michliu a chuir air dhaoin' eile; Sal. 50. 20. Job 19. 3. Sal. 15. 3. Seam. 4. 11. Rom. 1. 29, 30 Lebh. 19. 6. Nch. 6. 6, &c. Rom. 3. 8. Sal. 69. 10. 1 Sam. 1. 13, 14. Gniomh. 7. 57. 1 Sam. 22. 9. Jer. 48. 27. Sal. 35. 15, 16. Gin. 21. 9. Jude 16.

C.

* anmhuinneachd.

C. *Ge nach fead finn fgeul breugach a thogbhail, gidheadh nach fhead finn aithris ann diaidh a chuinntin?*

F. Cha 'n fhead; oir is e fin bhi 'g a fgaoileadh, uime fin, ge do bhitheadh fgeul breagach air a leagail aig ar cofaibh cha bu choir dhuinn bhi toileach a thogbhail, Sal. 15. 3.

C. *Nach bu choir dhuinn mi-mhifneach a thoirt do luchd cul-chaineadh, agus iomchar fgeul?*

F. B' eadh, oir araid ag cur eaf-cordadh eidear bhraithre, agus a' dealuchadh dearbh chairdean: agus feadaidh finn bhi amharafach gu 'm bi an dream a bheir fgeul 'g ar 'n ionnfuidh ullamh a thoirt fgeul uainne, Sean. 6. 19. agus 17. 9. agus 25. 23.

Ceift LXXIX. *Cia i an deichdamh aithne?*

F. Is i an deicheamh aithne, *Da mian-nuigh dhuit fein teach do choimhearfnaich, na miannuigh duit fein bean do choimhearfnaich, no oglach no bhan-oglach, no dhamh, no afal, no aon ni eile bhuineas do d' choimhearfnach.*

Ceift LXXX. *Creud iarrar fan deicheamh aithne?*

F. Ata an deicheamh aithne' ag iarruidh' oirne bhi lan toilighte le'r ftaid fein maille re fonn ceart agus inntin fheirceil do bhi ionnain d' ar coimhearfnach, agus do gach uile ni bhuineas dh' a.

C. *Co an rann do 'n tiomna-ruadh ann fam bheil fuim, agus mineacha na h aithne fo aguinne?*

F. Ann an Eabh. 13. 5. " Biodh bhur caithe'-" beatha as eagmhuis fainnt; agus bithibh toil-" ichte leis na nithe ata agaibh."

C. *'Nuair ata an freagradh ag radh gu 'm bheil an*

an aithne 'g iarruidh bhi lan toilichte le'r ſtaid am bheil ſo a' cialluchadh gu bu choir dhuinn bhi toilleach ar beatha a chaithe ann ſtaid pheacach?

F. Cha 'n 'eil, oir ata Dia ag conſachadh re peacaich chionn bhi tollichte mar ſin, Taiſ. 3. 17.

C. *Am bheil e cialluchadh gu 'm bu choir dhuinn bhi neo' mhothachail, agus coi'-dheas faoi ſtaid amhgharach?*

F. Cha 'n 'eil; oir ta Dia diom-bui'-each dheth ſin cuideachd, Jer. 5. 3. Hoſ. 7. 9.

C. *Ciod é ma' tá is ſeagh dh' a?*

F. Gu 'm bu choir dhuinn bhi lan thoilighte leis a chuibh-roinn ſin do nithe feumail agus ſolaſach na beatha ſo, ata Dia ann a ghliocas a' faicſin iomchuidh a luidheaſach oirne, gun doilghios no gearan air a thoil ſin, ach gu ſaor ag aontachadh le freaſdal De, mar an ni as fearr, agus is iomchuidh air ar ſoinne.

C. *Co iad an dream ata righeachd air bhi toilighte air an doigh ſo?*

F. Iadſan aig am bheil an croidh ag freagra' d' an ſtaid.

C. *Nach iad ſin na daoinibh is mo ſonais air thalamh?*

F. Is iad, oir ata tiodhlac ac' as fearr nan ſaidhbhreas ſaoghalt' is mo.

C. *Nach fead daoine righeachd air an t ſonas ſo; bhi toilichte le 'n ſtaid, le beagan do 'n t ſaoghal co mhaith is le moran dheth?*

F. Feadaidh; oir bha an t abſtol Pol, aig nach roibh ach beag dheth, ſar thoilichte leis a bheagan; agus an t am an d' fhuar é leaſachadh beag a chuir 'g a ionnſuidh a Phllipi, a dubhairt é, "A-"ta me ſealbhachadh nan uile nithe, ata pailteas "agam, agus lionadh me," Phil. 4. 11, 18. Air an laimh eile, bha Ahab aig an roibh rioghachd, lan do mhio-ſhuaimhneas, agus neo'-thoilighte do bhridh gu roibh fion-gharadh Naboth a dh' eaſ-

bhuidh

bhuidh air; agus bha Haman mar ſo cuideachd, ge do bha é air a luchdachadh le beartas, agus le onoir do bhridh nach ſtriochdadh Mordicai dh' a, 1 Riogh. 21. 4, 5, 6. Eſt. 5. 11, 12, 13.

C. *Cionnas ata na ſior chreidmhich ag righeachd air bhi toilichte air an doidh ſo le beag do 'n t ſaoghal?*

F. Ataid 'g a fhoghlum o Dhia, ata ag teagaſg dhoibh a chreidſin, agus a ſmuaintеachadh cia ſuarrach iad fein, le bhi beachdachadh nach roibh aig an Tighearna ſin ait' ann ſan cuireadh é a cheann, gu 'm fuigh iad o Dhia na nithe as fearr dhoibh; agus gu 'm bheil an cuibh-roinn ann an Joſa Crioſt, agus a bheath ſhiorruidh leoir fhairſing air ſon an uir-eaſbhuidh uile.

C. *Cionnas ata é ag tarladh nach 'eil daoin' an t ſaoghail ſo toilighte le 'n ſaidhbhreas?*

F. Do bhri' gur diomhaineas an ſaoghal agus oſ-barr ata malluchadh diomhair ann co'-chuideachd na nithe ataid ag ſealbhachadh, ata ag ſeargadh gach ſólas ata ionnta; uaithe ſo. ata 'n croidhe talmhaidh, coſmhail ris an uaigh nach fheadar a ſhaſachadh, ach a bhios ag iarruidh tuilleadh do ghna', Eccl. 5. 10. Sean. 30, 15. 16.

C. *Am bheil e na ſhannt do dhuine bhi 'g iarruidh tuilleadh do 'n t ſaoghal na 'ta aige?*

F. Cha 'n 'eil, ma bhios e 'g a mhiannuchadh o chrichibh maith, le geill do thoil De, agus mu ghnathaicheas e meadhonadh ionruic chum righeachd air.

C. *Creud é an ſannt ma ſeadh ata air a thoirmeſg ann ſo?*

F. Bhi ag miannuchadh na nithe maith ata daoin' eil' a' ſealbhachadh, agus bhi faoi dhoilghios chionn gu bheil iad aca.

C. *Nach fead duine ſtoras duin' eile mhiannuchadh ma 'ſ e run tuilleadh maith a dheanadh leis na 'ta e fein a' deanamh?*

F. Cha 'n fhead; oir 'ta an croidhe ro cheal-

gach,

gach, agus a runaibh muiteach ; uime sin, deirir amadan ris an neach ata 'g earbsa r'a chroidhe fein, Sean. 28. 26. Jer. 17. 9.

C. *Noch'eil iad nan coigreich d' an croidhe fein ata smuainteachadh gu 'm bithidh iad toilighte le beagan tuille do 'n't saoghal na 'ta aca?*

F. Ata ; oir ata tograidh an chroidhe dol a'm fairsingeachd, mar ata a maoin ag dol a' mead.

C. *Nach iad sin as glice gu mor ata 'g iarruidh an fhior bheartais, eadhon, gras slainteil, agus coir air gealladh an nuadh-chei'-chea gail?*

F. Is iad, oir maireadh na nithe sin aca, 'n uair a ni beartais eile sgiathaibh dhoibh fein, agus a theicheas iad uapadh 'n tra' 's mo am feum orra.

C. *Cionnas a dh' fheadas an dream ata bochd righeachd air bhi toilighte le 'n staid, agus bhi air an coimhead o shannt?*

F. Le bhi ag soerughadh an ard shonas ann Dia a mhealtain, agus le bhi smuaintead adh gur h é Dia a dh' orduigh an chrann char sin air thalamh, agus gu bheil tuilleadh aca na 'ta iad ag toilltinn ; gu 'n roibh moran a b' fhearr na iadsan ann staid bu mheasa, gu bheil moran d' am bheil saibhreas ag deanamh cron, ach gur tearc an dream d' am bheil iad a' deanamh maith ; agus mar nach d' thug iadsan dadam a dh' ionnsuidh 'n t saoghail, mar an ceadna nach toir iad dadum as, Sal. 16. 5, 6. Hab. 3. 17, 18. Gin. 32. 10. Job 1. 21. Eabh. 11. 38. Eccl. 5. 13. 1 Tim. 6. 7, 8.

C. *Nach i 'n fhior dhiadhachd an t sighe ghaoir-id chinnteach gu bhi toilighte le 'r staid?*

F. Is i ; oir 'f an re diadhachd ata sonus agus bhi lan thoilighte air an ceangal, 1 Tim. 6. 6. oir choisin Criost na gras so, do na h uile a chreideas ann.

C. *Nach 'eil cuid do argumainte sonruighte aig na daoine diadhaidh ata aim-beartach chum an deanadh cot'-dheas fuidh gach teanndach?*

F.

F. Ata, le bhi ag ſmuainteachadh gu bheil Dia a' cur nan ceart trioploidibh ſin orra chum a' maith, chum an irioſlachadh, agus chum 'ſ gu 'm bithidh an earbs' as fein, gu bheil Dia ag faicſin gu 'm bithidh beartas mar ribe chum an croidheachan a tharruing uaithe ſin, gur tearc daoinibh ſaidhbhear ata ainmeil ann gràs, gu do nochd Dia moran tuilleadh caoimhneas dhoibh ann an cuibh-roinn a thoirt dhoibh ann a choi'-cheangal ſan, ata air a' dheadh riaghlughadh, oighreachd bhreagh, ata gu neo'-chriochnach n' as oirdheirceadh, agus n' ás mairtheaneachá.

C. *Cionnas a rigeas an dream ata beartach air bhi toilighte le 'n ſtaid ſhaibhear?*

F. Le bhi 'g iarruidh a ghràis ſo o Dhia, agus gun duil a bhi aca re ſonas o ni air bith air thalamh, le bhi ag oirpeachadh feum a dheanadh d' am beartas chum gloir Dhe, agus leas dhaoin' eile; bhi do ghna' ag cuimhneachadh gur é Dia ann Crioſt cuibh-roinn an anama, agus nach fead an faoghal fior molas a thoirt dhoibh, nach fead é am beatha ſhineadh air thalamh, no feum a dheanamh dhoibh ann an báis, Luc. 12. 15. Sal. 62. 10. Sean. 11. 4. 2 Cor. 9. 7, 8.

C. *Cionnas a bhios an dreing ſin toil'ghte agus coi'-dheas ata ag tuiteam o ſtaid ſhaibhear gu ſtaid aimbeartach ioſal?*

F. Le bhi ſmuainteachadh gu bheil uachdranachd neo'-fhuaſgailte aig Dia o's an ceann ſin, gu fead é le ceartas an ni as aill leis a dheanamh riu; nach 'eil e toirt dadum uapadh, ach na thug e dhoibh mar iaſachd car tamail, gu bheil é co'-thromach, glic, agus ro naomha, agus gur h aithne dh a' an ni as fearr dhoibh.

C. *Creud i an tairbh ata ann ſa ghràs ſo, bhi toilichte le 'r ſtaid?*

F. Ata moran ſith o 'n leith ſtigh ag ſrutha uaithe 'ta é cur ſeamhachd ſan ſpiorad ann am trioploid, ata e ag ſuidheachadh an [illegible] a dleaſdanas

dhleafdanas, ata é ag coimhead o iomad buair-eadh, rib', agus peacadh ann fam bheil an dream ata neo'-thoilighte ag tuiteam, mar ata frionas, monuhor, ardan, formad, breugan, gadui'-eachd, eacoir, mionnachadh gu h obain, no gu cealgach, agus moran eile.

C. *Creud ata air a chialluchodh leis an fhónn cheart, agus fheircil anama, d' ar coimhearfnach, agus d'o gach ni a bhuineas dh' a ata air iarruidh fan aithne fo?*

F. Rún gradhach do bhi aguinn do dhaoin' eile bhi ag miannugh an leas, bhi re gairdeachas fa 'n faibhreas, agus fuidh bhrón m' an amhghar, Rom. 12. 10, 15. 3 Eoin 2, 3. Eabh. 13. 3.

Ceift LXXXI. *Creud ata air na thoirmeafg fan deicheamh aithne?*

F. Ata an deicheamh aithn' ag toirmeafg, gach talach air air ftaid fein, gach doilghios agus formad re maith al coimearfnaich, gach togradh agus miann ea-cneaft, chum aon ni a bhuineas dh' a.

C. *Ann diadh do Dhia gadui'-eachd, agus Adhaltranas a thoirmeafg ann fna h aitheantaibh roimhe fo, é ar fon ata é cur riu ann fo, na fanntaich tigh, no bean do choimhearfnaich?*

F. A thoirt dearbha dhuinn air fairfingeachd agus feagh fpioradail an reachd, agus gu 'm bheil é ag toirmeafg ceud fmuainteadh agus togradh chum peacaidh ann fa chroidhe; agus b' e fo an fmuain a dh' fhofgail fuilean an abftail Phoil, & a leig ris dh' a a ghrainealachd fein trid comhnuidh a pheacaidh ann taobh ftigh dheth, ge do bha é faor do mhio-nofaibh foillcafach, Rom. 7. 7. " Cha bhiodh eólas agam air ain mhiann, mar " abradh an lagh na miannuigh."

C.

C. *Creud é a cheud pheacadh ata am freagradh ag ainmeachadh ata air a thoirmeasg ann so?*

F. Talach, no gearan air ar staid fein, peac' ann sam bheil daoine saibhear, agus daoibhear ciontach mar aon.

C. *Cia uaithe 'ta an talach ata aig daoin' air an staid fein a' frutha?*

F. O uaibhreachas, o ghradh do 'n t saoghal, agus o ain-earbs' a freasdal De.

C. *Cionnas ata é teachd o sporsa no uaibhreachas?*

F. Do bhri' gu bheil an dream ata ag talach air freasdal De a taisbean gu bheil meas ann barrach aca dhiu fein, ataid ag smuainteachadh an dara cuid gu bheil iad ag toilltinn n' as fearr aig laimh an Tighearna, no gu b' urradh iad san cuisibh a riaghluchadh na b' fhearr air an son fein, na rinn eisean.

C. *Creud iad na h uilc ata ann bhi talach air ar staidne?*

F. Ordbarr air na dh' ainmeachadh cheanna, ata é ag deanamh dhaoine neo'-thaingeal air son an sochairibh, neo'-iomchuidh air son an dleasdanais, draghail d' an cairdibh agus dan coimhearsnaich; ata é ag altrom stribh, consboid, agartas lagha, ceannairc, agus mortadh, ata é ag sladadh co'-fhurtachda na beatha o dhaoinibh, ag deanamh an triobloidibh ni as do ghiulan, agus a brosduchadh chum am buanachadh agus an cuir a' mead.

C. *Creud é an dara peacadh ata air a thoirmeasg ann so?*

F. Formad; ni ata na ghearan diomhair air staid shaibhear dhaoin' eile, no, na champar, agus na dhoilgheas air son an saibhreas, am buaidhibh, no 'n onoir.

C. *Creud iad na h uilc ata san fhormad so?*

F. Is peac' é 'ta ag mortadh an anama, agus ata ann aghaidh gach deagh riasuin; seadh fos, ata é

coſmhuil ris an Diabhol, a bhi naimhdeil do dhuine gunadhbhar air bith, ach do bhri' gu bheil Dia caoimhneil ris ; ata é cur cunnuil air gliocas agus maitheas De, ata é ag lobhtha nan cnamhan, agus ata gach mi-riaghail agus droch gniomh ag frutha uaithe, Mat. 20. 15. Sean. 14. 30. Seam. 3. 16.

C. *Creud iad na miannaibh agus na tograibh eacneaſt, do nithe ar coimhearſnaich ata air an toirmeaſg ann ſo ?*

F. Gach aon togradh ann diaidh nan nithe air nach fead ſinn righeachd le meadhonaibh laghail, no gun chron a dheanamh d' ar coimhearſnach ; agus gach uile mhiann gu ſannt, Col. 3. 5.

Ceiſt LXXXII. *Am bheil neach air bith comaſach air aitheantaibh Dhe do choimhead gu foirfe ?*

F. Ni fheadar le aon neach nach 'eil ach na Dhuin' amhain, o cheud thuiteam ar ſinſir, aitheanta De a choimhead gu foirfe, ach ata ſiad gach la ga'm briſeadh ann ſmuainteadh, ann focal, agus ann gniomh.

C. *C' ar ſon a deirir ſan fhreagradh, neach nach 'eil ach na Dhuin' amhain ?*

F. A thoirt an DUIN' JOSA CRIOST as, neach a choimhed aitheanta Dhe gu foirfe.

C. *Nach bu duin' AMHAIN CRIOST?*

F. Cha b' each ; oir bha ſé 'n a Dhia agus na dhuine mar aon.

C. *C' ar ſon a deirir o'n leagadh ?*

F. A thoirt ar céud ſinſir as, ann uair a bha iad ann ſtaid neo'-chiontais, a bha ſan am-ſin, comaſach air aitheantaibh Dhe a choimhead gu foirfe.

C. *C' ar ſon a deirir comaſach ſan bheatha ſo ?*

F.

F. A thoirt nan naomh air neamh as, ata comafach air an coimhid gu foirfe fan ionad fin

C. *Nach fead naomh air bith air thalamh righeachd air lagh Dhe a choimhead gu foirfe ?*

F. Cha 'n fhead ; oir ni bheil duin' ionruic air thalamh, ata deanamh maith, agus nach 'eil a' peacacha, Eccl. 7. 20. 1 Eoin 1. 8, 10.

C. *Cionnas ata é ag tarladh mar fin ?*

F. Do bhri' nach 'eil na naoimh a's fearr air thalamh, ach air an ath-nuadhacha' ann cuid, agus ata fuighleach truaill'-eachd ionnta fan, ata ag cathachadh ann aghaidh na cuid ata fpioradail, agus ath-nuadhaighte, Gal. 5. 17. Agus chi finn na naoimh as fearr air am bheil aithris aguinn' fan fgriobtur, ag aidmhicheadh an neo'-iomlanachd, agus re gearan air, Job 9. 2, 3. Sal. 19. 13. agus 130. 3. agus 143. 2. Ifa. 64. 6. Dan. 9. 5. Rom. 7. 18. *&c.*

C. *Nach 'eil é ag radh daoine foirfe re Noah, re Job, agus re Hefeciah, Gin. 6. 9. Job 1. 8. 2 Rio. 20. 3.*

F. Cha 'n 'eil fin air a labhairt mu iomlanachd neo'-fhuafgailte, no foirfi'-eachd ann an tomhas iomlan ; ach amhain mu iomlanachd neo'-mheangail no foirfi'-eachd am buaidhean, mar ata corp naoidhean air a mheas iomlan, ge nach 'eil é air fás gus an iomlanachd is mó, agus ata é foilleir, nach 'eil an fgriobtur a' labhairt mu iomlanachd neo'-fhuafgailte, do bhri' gu 'm bheil aithris aguinn air peacaidh, agus neo'-iomlanachd nan ceart dhaoine fin ris an deirir daoinibh foirfe, Gin. 9. 21. Job. 3. 1, 2, 3. 2 Chron. 32. 25.

C. *Creud as feagh do neo-mheangalachd, no iomlanachd ann am buaidhibh ?*

F. Oirp' threimh-dhireach, neo'-mheangail ait cofamhlachd re toil De ann fgach aon ni, agus bhi dian-ruidh ann diaidh tuilleadh tomhais do naomhachd.

C. *Nach eil Daibhi ag radh toir breith orm O Thighearna, do reir m' fhireantachd? Sal.* 7. 8.

F. Cha 'n 'eil é ann fin, ag labhairt air ceartas nō fireantachd a phearfa, ach fireantachd na cuis a bha e ag feafamh ann aghaidh a naimhde, agus a bha e leigeil faoi raithe.

C. *Nach eil an t abftal ag radh, "ge b' e neach "a ghinear o Dhia, cha-dean é peacadh?" 1 Eoin* 3. 9.

F. 'Se feagh na briathraibh fin, nach' eil an dream ata air an ath-ghineamhuin a' cur peacaidh ann gniomh mar rinn iad roimh fin, le 'n tlachd, no le lan aontachadh an toil, ni bheil iad ag ceaduchadh do 'n pheacadh bhi ann uachdar orra, ach ata e foilleir, o 1 Eoin 1. 8. nach' eil iad as eagmhuis peacaidh.

C. *C'ar fon ata Crioft a' cur mar fhiacha oirne bhi foirfe, Mat.* 5. 48. *mar 'eil é 'n ar comas righeachd air?*

F. 1. A thoirt fios dhuinn gu bheil coir aige fo iarriudh aig ar laimh-ne. 2. Chum ar irioflachadh, agus ar coi'-eigneachadh dh' ionnfuidh Chrioft air fon fireantachd iomlan. 3. Chum ar teagafg a mhiannughadh, a dh' oirpeachadh, agus a dhian ruidh ann diaidh iomlanachd ann naomhachd.

C. *Creud an doidh air an bheil finn ciontach ann fna h aitheantaibh a bhrifeadh?*

F. Ata finn ann fo gach la, ann fmuain, am briathraibh, agus ann gniomh.

C. *Am bheil bhi fmuainteach' air a pheacadh na bhrifeadh an lagha am fiaahnais De?*

F. Ata, Gin. 8. 21. Mat. 5. 28. Agus 15. 19. Jer. 4. 14.

Ceift LXXXIII. *Am bheil gach uile bhrifeadh an lagha coi'-meas ann uath-mhorachd?*

F. Ata cuid do pheacaidh ionnta fein, agus

gus do bhri' moran do nithe ata 'g an ann-tromacha' n' as uath-mhora' na cheile am fiadhnais De.

C. *Am bheil gach aon pheacadh coi'-meas r'a cheile ?*

F. Cha 'n 'eil, ata cuid dhiubh ni as ua'-mhora na cuid eile.

C. *Ciod é fin peacadh bhi ua'-mhóra ?*

F. E bhi n' as graineile agus n' as mo oil-bheum ann lathair an De ata uile naomha, na 'ta cuid eile.

C. *Cionnas ata é foilleir gu 'm bheil cuid do pheacadh, n' as mo oilbheum ann lathair Dhia na cuid eile ?*

F. O na nithe fin, 1. Bha an lochd-iobairt faoi' 'n lagh ni bu mho nan oifreal air fon mear-achd. 2. Ata cuid do pheacaidh n' as truime air am bagradh' agus air an fmachduchadh na cuid eile. 3. Ata é air fhollficheadh mu chuid do pheacaibh nach fheadar an logha, Lebh. 9. 3. Mat. 23. 14. agus 12. 31.

C. *C' ar fon a deirir ann fin fhreagradh gu bheil cuid do pheacaibh n' as ua'-mhora am fia'-nais De, na cuid eile ?*

F. A theagafg dhuinne ciod i an riaghail leis am bu choir dhuinn' breith a thoirt air peacaibh, thaoibh a' mead, do bhri' gu 'm bheil moran ullamh gu beag fuim a ghabhail do 'n ni fin ata ua'-mhora am fiadhnais an Dia fin ata gu fior agus da rireadh 'n a bhreitheamh iomchuidh air a chuis fo.

C. *Ciod 'ata fagail cuid do pheacaibh n' as ua'-mhora na cuid eile ?*

F. Ata cuid do pheacaibh ni as ua'-mhora'n an nadurra fein ; agus cuid eile thaobh nithe eigin ata 'n an co'-chuideachd leis am bheil iad air an ann tromachadh.

C. *Creud iad na peacaidh ata n' as ua'-mhora na an nadurra fein na cuid eile?*

F. Ata na peacaidh ata ann aghaidh a cheud chloir do 'n lagh, no iad fin a chuir'-ear ann gniomh gu neo'-mheadhonach ann aghaidh Dhe, ni as ua'-mhora na peacaidh ann aghaidh an dara clair, no iad fin ata gu neo'-mheadhonach ann aghaidh ar coimhearfnaich; mar eifempleir, ata iodhol-adhra' n' as mo na adhaltranas, ata naomh-ghaoid ni as mo na gadui-eachd, ata Dia-bheum ni as ua'-mhora na mafladh thoirt d' ar coimhearfnach, 1 Sam. 2. 25.

C. *Nach eil cuid do pheacaidh ann aghaidh a cheud chloir ni as uath mhora na cuid eile?*

F. Ata, agus chi fin gu bheil Dia fheunadh agus iodhol-adhradh air an comharthach' amach mar na peacaidh as ro mho, Exod. 5. 2. Jer. 44. 4.

C. *Nach 'eil cuid do pheacaibh ann aghaidh an dara cloir ni as ua'-mhora na cuid eile, na nadurra fein mar an ceadna?*

F. Ata; oir chi finn gu bheil mortadh air a comharthach' mar pheacadh ro ghraineil, ata giaodhach air dioladh; agus foirneart, gu fonruighte a nithear air baintrea'-ch agus air dileachaibh, Gin. 4. 10. Exod. 22. 23.

C. *Am feadar peac' uath mhora bhios ag eigheach a logha?*

F. Feadar, ann lorg fior chreideamh agus aithreachais, Ifa. 1. 18. 1 Cor. 6. 11.

C. *Creud iad na tobair maitheamhnais amhain ris an eigin do pheacaich amhare?*

F. Saor ghras De, agus fuil diolaidh Chrioft, Luc. 7. 49. Eph. 1. 7.-1 Eoin. 1. 7.

C. *Creud e am peacadh as ua'-mhora ata air an t faoghal gu leir?*

F. Am peacadh ann aghaidh an Spiorad naoimh, peacadh ata chum bais, ni nach 'eil a' faghail maitheamhnais.

C.

C. *Creud e am peacadh ann aghaidh an Spioraid naoimh?*

F. Feadar a chomharthach' amach na chul-fleamhnach o Dhia gu tur, no na ath-phillidh o fhlighe na firinn, ann diaidh foillfichead foilleir, agus deadh aidmheil, agus peacachadh gu toileil le fuath, mio-run, agus tailceas air Crioft, agus air a luchd muintir, agus buanachadh gu neo'-aith-righte mar fin gu 'n uig a chrioch, Mat. 12. 31, 32. Eabh. 6. 4, 5, 6. agus 10. 26, 29.

C *Creud iad na nithe ata 'g an tromachadh cuid do pheacaidh, agus 'g an deanamh n' as ua'-mhora na cuid eile?*

F. Is iad fin na nithe fonruighte ata nân co'-chuideachd, ata 'g an deanamh ni as mo na bhith-idh iad air achd eile. Agus chi fin o 'n fgriob-tur, gu 'm bheil peacaidh air an ann tromachadh, 1. Leis an dream ata 'g an cuir ann gniomh. 2. D' an taobhfan air am bheil am peac' ag deanamh ea coir. 3. Thaobh na meadhona ann aghaidh am bheil am peacadh. 4. Thaobh na doidh air am bheil am peacadh ga chuir ann gniomh. 5. O 'n am ann cuir'-ear ann gniomh é. 6. O 'n ait' ann cuir'-ear ann gniomh e.

C. *Cionnas ata am peacadh air ann tromachadh thaoibh an neach ata ciontach ann?*

F. Ata am peacadh air an tromachadh, mu bhios an neach ata ciontach ann, air teachd gu h aois. gu dearbhadh agus eolais, no mu bhios é cliutach ann gibhte, aidmheil no oifig air thalamh, air achd is gu 'm b' i eifempleir ag toirt mifnich do dhaoin' eile chum an tarruing gu peacadh, 2 Sam 12. 14. 1 Riogh. 14. 16. Mic. 3. 5. Rom. 2. 24. Gal. 2. 13.

C. *Nach 'eil peacaidh nan crioftui'-ean n' as ua' mhora na peacaidh nan cinneach?*

F. Ata.

C. *Nach 'eil peacaidh na cloinne fin a fhuair foghlum*

fighlum & eiſempleir dhiadhaidh, ni as ua'-mhora na peacaidh dhaoin' eile ?

F. Ata.

C. *Cionnas ata peacadh air an tromachadh d' an taobh ſan d' am bheil e toirt oil bheum ?*

F. Ata am peacadh air an tromachadh 'n uair a chuirthear ann gniomh e gu neo' mheadhonach ann aghaidh Dhe agus a bhuaidhibh ſin, ann aghaidh Chrioſt agus a ghrais ſin, ann aghaidh an Spiorad agus oibreacha ſin, ann aghaidh dhaoin' ata ard ann an inmhe, ann aghaidh ar 'n uachdranaibh, agus ar cairdibh, d' am bheil ſinn fuidh iomad comain, ann aghaidh anamaibh dhaoine, agus na dream is ionmhuinn le Crioſt, Sal. 51. 4. Rom. 2. 4. Mat. 21. 38. Eabh. 12. 25. Eph. 4. 30. Gniomh. 7. 51. Air. 12. 8. Iſa. 3. 5. Sean. 30. 17. Sal. 41. 9. Eſec. 13. 19. Mat. 18. 6. 1 Cor. 8. 12.

C. *Cionnas ata peacadh air an-tromacha' thaobh na meadhona ann aghaidh an cuir'-ear ann gniomh é ?*

F. Ata peacadh gu mor air an-tromachadh 'n uair a chuirthear ann gniomh é, ann aghaidh' freaſdal beothail agus ſonnen do ghradh agus ſolus an t-ſoiſgeul, ann aghaidh ſoluis nadurra, agus impidh an coguis fein, ann aghaidh ſochairibh, bagraibh, agus breitheamhnais, ann aghaidh comhairlean agus rabhaidh, ann aghaidh foighidin & fad ſhulangas, ann aghaidh deagh eiſempleiribh, agus cronachadh eaglais, ann aghaidh ſmachduchadh laghail, ann aghaidh urnuighean runaibh, moidean, agus coi'-cheangail, Mat. 11. 21, 23. Eoin. 15. 23. Rom. 1. 26. Dan. 5. 22. Deut. 32. 6, 35. Sal. 78. 36, 37. Sean. 29, 5. Amos 4. 9. Jer. 5. 3. Sean. 21. 1. Tit. 3. 10. Sean. 23. 35. Eccl. 5. 4. Lebh. 26, 25.

C. *Cionnas ata peacaidh air an an-tromachadh leis an doidh air an cuir'-ear ann gniomh iad ?*

F.

F. 'N uair a pheacaicheas duine gu toileil agus gun bhuaireadh, gu h an dana agus gun eagal, 'n uair a bhios é 'g a dhealbh gu ſuidh'-ighte, 'n uair a bhios e gu croſanta 'g a chuir roimhe, 'n uair a bhios e deanamh raiteachas is uaill as, 'n uair a chuireas é 'n gniomh é gu toileach agus le tlachd, gu ſpideil agus gu naimhdeil, gu foilliſeach agus gu di meafach, ag gna' bhuanach ann. Mar an ceadna 'ta peacadh gu mor air an-tromachadh 'n tra' bhios duine ciontach ann ſan ni ſin a bhios e diteadh ann daoin' eile, ag ath-thuiteam am peacadh ann diaidh aithreachais, 'n uair a bhios é cur re olc fuidh ſgaile aidmheil, no ag teagaſg agus a' toirt miſnich do dhaoin' eile am peacadh. Jer. 6. 16. Air. 15. 30. Sal. 36 4. Sal. 52. 1. Sean. 2. 14. Iſa. 57. 17. Sech. 7. 11. 2 Phead. 2. 20. Rom. 1. 32. agus 2. 21. Taiſ. 2. 14.

C. *Cionnas ata peacadh air an-tromach thaobh an am ann cuir'-ear ann gniomh é?*

F. Ata peacadh air an-tromachadh, 'n uair a chuir'-ear ann gniomh é air la na Sáboid, no 'n uair bu choir do neach bhi re adhradh crabhach, no ann diaidh modeach do 'n Tighearna ann an rioghailtibh foilliſheach, no ann an am triobloid, 'n uair a bhios Dia a' gairm gu irioſlachadh, Eſec. 23. 38. Iſa. 22. 12, 13. agus 58. 3. Air. 25. 6. 2 Chron. 28. 22. Iſa. 1. 1.

C. *Cionnas a' dh' fheadas peacadh bhi air an-tromacha' thaobh an ait' ann cuir' ear ann gniomh é?*

F. 'N uair a chuir'-ear ann gniomh é ann an tir far am bheil eolas agus ſolus, ann an aite ata air a choiſreagadh gu adhradh Dhe, ann an aite ann d' fhuaras fuaſgladh graſmhor, no ann aite foilleiſeach ann lathair dhaoin' eile bhios ann cunntart bhi air am buaireadh agus air an ribe leis, Iſa. 26. 10. 1 Sam. 2. 22. Sal. 106. 7. 2 Sam. 16. 22.

Ceiſt

Ceist LXXXIV. *Creud ata gach aon pheacadh ag toilltin?*

F. Ata gach aon pheacadh ag toilltin, fearg agus malluchadh Dhe, mar aon ann sa bheatha so, agus ann sa bheatha 'ta re teachd.

C. *Creud ata r' a thuigsin le fearg agus malluchadh Dhe ata dligheach air son peacaidh?*

F. Am peanas uath-bhasach sin, ata ag frutha o cheart dioghaltas De, air son peacaidh, agus binne diteadh a lagha san, a chuaidh bhriseadh, mar aon ann sa bheatha so, agus ann san athbheatha.

C. *Am bheil am peacadh as lugha ag toilltin peanas siorruidh?*

F. Ata.

C. *Cionnas ata sin soilleir?*

F. Do bhri' gu 'm bheil gach aon pheacadh a toirt oil bheum do 'n Dia ata neo'-chriochnach ann ceartas, agus ann naomhachd, agus a' lagh co'-thromach san; air an adhbhar sin, ata ceartas De ag iarruidh dioladh iomlan air a shon, Gal. 3. 10. Rom. 6. 23. Esec. 18. 14.

C. *Cionnas ata é soilleir gu bheil an urrad sin do chron ann sgach peacadh?*

F. Do bhri' gu 'm bheil gach peacadh 'n a nadurra fein na ghluasachd ann aghaidh Dhe, agus na dhi-meas air sin ata neo'-chriochnach ann a' maitheas; ata é deanamh tair air ard uachdranachd, air a chumhachd neo'-chriochnach, air a ghliocas, air a mhaitheas, agus air a naomhachd.

C. *Am bheil barrantas air bith air son an eiderdhealuch' ata 'n a Papanaich a cur eidear peacaidh so lagha, agus peacadh bas mhor?*

F. Cha 'n 'eil, oir 'ta gach aon pheacadh bás-mhor 'n a nadurra fein; agus gé 'ta gach peacadh so

ſo mhaithe trid Chrioſt, gidheadh ata e ann fein ag toilltin dioghaltas fiorruidh.

C. *Nach 'eil tuilleadh lochd ann ſa pheacadh as lugha na dh' fheadas fulangas creatuir criochnach air bith dioladh a thoirt air a ſhon ?*

F. Ata, agus uime ſin, 'ſ eigin gu 'm bi fulangas na dream a theid a' mugha ſiorruidh, do bhri nach toir iad dioladh iomlan gu brath.

C. *Nach fhead am peacadh as lugha bhi air a mhaithe le ni air bhith ach le fuil Chrioſt ?*

F. Cha 'n fhead, Eabh. 9. 22.

Ceiſt LXXXV. *Creud ata Dia ag iarruidh oirne chum 'ſ gu feadamaid tearnadh o fheirg, agus o mhallachdſan a thoill ſinne le 'r peacaidh ?*

F. Chum tearnadh o fheirg agus o mhalluchd Dhe, a thoill ſinne air ſon ar peacaidh, ata Dia ag iarruidh oirne, creidimh ann Joſa Crioſt, aithreachas chum na beatha, maille re gnathachadh dicheallach a dheanamh air na h-aitheantaibh ata ann leith 'muigh, leis am bheil Crioſt ag co'-partughadh ruinne ſochaire na ſaorſa.

C. *Cionnas ata fios agad gu bheilfeirg Dhe dligheach airſon gach aon pheaiadh ?*

F. Do bhri' gu bheil fearg Dhe air a foillſicheadh o neamh ann aghaidh gach neo'-fhireantachd dhaoine, agus ata gach uile pheacadh ag deanamh dimeas air an Dia ata neo'-chriochnach.

C. *An d' fhoilſich Dia ſlighe air bith chum dol as o 'n fheirg a thoill ſinn le 'r peacaidh ?*

F. Dh' fhoillſeich, cadhon ; ſlighe a' chreidimh, & an aithreachais, agus gnathachadh dicheallach air uile meadhona nan gras.

C. *Am bheil Dia ag iarruidh creidimh, aith'r achas,*

as, agus gnathachadh na meadhona, chum dioladh air ſon peacaidh, agus a chaſnadh ſlainte ?

F. Cha 'n 'eil ; oir b' e ſin bhi deanamh ſlanui'-ſhir d' ar dleaſdanais, agus bhi cur bás Chriosd ann neo'-brigh, Gal. 2. 21.

C. *C' ar ſon ma ſeadh ata Dia ag iarruidh nan nithe ſin oirne ?*

F. Ata é 'g an iarruidh amhain chum na nithe a cheannaich Criosd le a bhas a cho'-chur, agus a cho'-pairteachadh a ghrais a chosain eisean dhuinne.

C. *Am bheil creidimh, aithreachas, agus dleaſdanais eile mar chumhnantaibh uir ar ſlainte' ne ?*

F. Feadar an gabhail ſan t ſeagh ſo, ma 'ta ſinn a' tuigſin le cumhnant amhain, gu bheil iad na meadhona feumail chum righeachd air ſlainte, do bhri' gu roibh iad air an ordughadh le Dia chum fireantachd Chriosd a cho'-chuir, an ni 'mhain ata na cumhnant diolaidh air am fead ſinne ar ſlainte agairt.

C. *Nach feadadh Dia ar ſaoradh trid fireantachd Chriosd as eagmhuis, creidimh, aithreachais, no meadhona air bith eile ?*

F. Ciod air bhith a dh' f headadh Dia a dheanamh 'n a uachdranachd ard-Thighearnail, bu choir dh' a ſinne lan thoileachadh, gu 'n d' fhoillſeich Dia a thoil gu ſoilleir m' an chuis ; agus gu d' innis é gur ann trid gnathachadh na meadhona ſin amhain a cho'-pairteachas e ſochaire na ſaorſa ruinne, agus ata ſo 'g an deanamh gu neo'-fhuaſgailte feumail do na h uile aig am bheil duil re ſlainte trid Joſa Criosd ; cha bithidh e chum gloir Dhe, maitheamhnas cionta agus ſlainte, thoirt do neach air bith a bhithidh ag dol air aghaidh am peacadh, agus ag dearmad Chriosd, agus a ſheirbhis ſin.

Ceiſt LXXXVI. *Creud is creidimh ann Joſa Criosd ann ?*

F.

F. Creidimh ann Josa Crioſt, is gras ſlainteil e, leis an bheil ſinne ga ghabhail ſin, agus 'g ar ſocruchadh fein air ſin, 'n a aonar chum ſlainte, mar ata 'ſ e air a thairgſe dhuinne ſan t ſoiſgeul.

C. *Nach 'eil creidimh r' a thuigſin ann an ſeaghaibh eagſamhail ſan ſgriobtur?*

F. Ata; oir air uairibh ata e air a ghabhail air ſon teagaſg a chreidimh, agus air uairibh eile, air ſon grais a chreidimh.

C. *An creidimh ſlainteil do dhuine, bhi ag creidſin gu bheil Dia ann, gur h e Crioſt ſlanuigh-ear nam peacaeh; ma gu bheil am biobuil ſir?*

F. Cha 'n eadh; oir ni bheil ann ſin ach creidimh ſgeulachd, agus ata na deamhain ag teachd an ſhad ſo. Seam. 2. 19.

C. *Creud é creidimh ſgeulachd?*

F. Aontachach na tuigſe leis an ſhirinn, mar ata i air a foillſicheadh ann ſan ſhocal, leis am bheil dùin' a gabhail ria, agus ag toirt creideas dhith, mar ni e do ſhirinn ſeanachais, mar ſo rihn iad ſan air ag bheil airbeis aguinn, Mat. 13. 20. Eoin. 2. 23. Gniomh. 8. 13. agus 26. 17.

C. *Ciod e tuilleadh ata ann creidimh ſlainteil na aontachadh agus creideas a thoirt do theiſteas o neamh?*

F. Ma bhitheas ar 'n aontachadh laidir agus iomlan is cinntich gu 'm b' i gniomhartha eile an chreidimh 'n a cho-chuideachd, 'ſ e ſin r' a radh, cha 'n é 'mhain gun aontaich duine leis na firinnibh mar ata iad air am foillſicheadh ſan t ſoiſgeul, ach mar an ceadna gu creid é gu daingean gu bheil iad luachmhor, agus co oirdheirc is ata iad air an cur amach ann, agus ann ſin, cha 'n fhead é gun ghabhail riu gu failteach. Ach ma 'ta ar 'n aontachadh 'mhain, thaobh firinn nan nithe ata 'n ar tairgſe. gun ſuim a ghabhail dhiubh, mar ataid maith agus iomchuidh, cha 'n eil é fior agus

flainteil: Oir far am bheil am fior chreidimh, ni bheil amhain an inntin ag aontachadh le cinnt agus firinn an t foifgeul, ach mar an ceadna, ta'n croidhe ag aontachadh, agus a' greamachadh ris mar ni as airidh air a ghabhail air gach doigh. 1 Tim. 1. 15.

C. *Creud é creidimh thachh miorbhuile?*

F. Is é fin earbfa fonruighte as cumhachd Dhe chum nithe miorbhuileach a thoirt gu buill, ni a bh' aig' moran 'fna ceud linnibh do 'n t foifgeul, air doigh ghniomhach, agus fhulangach mar aon, bha creidimh aig cuid a dheanamh leighis, agus aig cuid eile a bhi air an leigheis, agus bha iad fin mar aon, air uairibh aig daoinibh a bha as eagmhuis creidimh flainteil, mar bha Judas, agus na lobhair mhio-thaingeil.

C. *C' ar fon a deirir gras re creidimh ann fan fhreagradh?*

F. Do bhri' gur h e tiodhlac faor Dhe e, gun deagh thoilltineas air bith ionnain'-ne, Eph. 2. 8.

C. *C' ar fon a deirir grás flainteil ris?*

F. Do bhri nach 'eil flainte, no teafairgin air bhith as eagmhuis, agus bithidh na h uil air an tearnadh aig' am bheil é, Marc. 16. 16.

C. *Cionnas ata creidimh 'g faoradh 'ne?*

F. Ni h ann tre feart, no buaidh air bith ata ann creidimh, mar is é ar gniomh ne, no ar 'n obair é; ach do bhri' gur h e creidimh an grás ata a' greamachadh re fireantachd Chrioft; an ni amhain leis am bheil finne air ar fireanachadh agus air ar teafairgin.

C. *Cionnas ma feadh a deirir gu 'm bheil finn air ar fireanachadh, agus air ar faoradh tre creidimh?*

F. Do bhri' gu' r h e creidimh amhain meadhoin ar fireanachadh, agus ar flainte ne.

C. *Nach ann do thoradh báis Chrioft ata fior chreidimh?*

F. 'S ann, oir ata e air a thabhairt air fga' Chrioft, creidfin ann; ata é cur amach a fpiorad

a'

a' dh' oibreach creidimh, agus uime sin, deirir ris, ughdair agus fior criochnaich ar creidimh, Phil. 1. 29. Eph. 1. 17, 19. Eabh. 12. 2.

C. *Ciod ata thu cialluchadh le fireantachd Chriosd, ann ni sin is mathair adhbhair d' ar fireanachadh am fia'-nais De?*

F. Gach aon ni a rinn agus a dh'-fhuiling Criosd air ar son ne, mar ar fearr urrais' ne.

C. *An i an aon ni ma 'ta ris an abair sinn air uairibh fireantachd Dhe, agus air uairibh eile fireantachd a chreidimh? Rom.* 10. 3, 6.

F. Is i, oir is ionann dhoibh sin, agus deirir fireantachd Dhe ria, do bhri' gur e Dia a dhealbh agus a chuir ann gniomh i, oir is eisean an Dia a dh' oibrigh amach air ar son' ne i. Agus deirir fireantachd a chreideamh ria, do bhri' gur ann le creidimh, agus d' a thrid ata fireantachd Chriosd air a meas dhuinne; agus uaithe so, chi sinn gun abrar ria air uairibh, an "fhireantachd ata o "Dhia trid creidimh," Phil. 3. 9.

C. *Creud iad fior chuspoirean a chreidimh so?*

F. Is e focal De gu h uile cuspoir coitcheann a chreidimh, oir ata an gras so, ag aontachadh agus a gabhail ris gach firinn, tairgse, aithne, gealladh, agus bagradh ata ann; ach 'f e Criosd agus fhireantachd urrais sin, cuspoir sonruighte a chreidimh, oir 'f ann re so amhain a dh' aimhairceas an t anam aithrighte, mar bhunait a shlainte am fiadhnais De, 2 Cor. 2. 2.

C. *Creud iad guiomhartha sonruighte a chreidimh shlainteil?*

F. Ata dias air an ainmeachadh ann san fhreagra, iadhon, bhi gabhail re Criosd, agus 'g ar socruchadh fein air sin.

C. *Creud a thuigear leis an da ghniomh sin a chreidimh?*

F. 1. Is é bhi gabhail re Criosd, roghain a dheanamh dheth, agus greamachadh ris an tairgse do Chriosd ata againne mar ar fear urrais ne, agus

aontachdh le lan run ar croidhe leis an t ſlighe fhireanach, agus ſhlainteil trid Chriſt ata air a foilliſicheadh ſan t ſoiſgeul 2. Is é bhi 'g ar ſocruchadh fein air Crioſt gach ni ata againn' a chur ann laimh Joſa, a chuaidh cheuſadh, le bhi ag earbſa ris fin amhain, agus ag leagail uile chuidhrom ar 'n anama, agus ar ſlainte gu leir air ſin, mar an ſteigh, agus a phriomh chlach oiſinn a leagadh ann Sion air ſon pheacaich chailte chum ſocruchadh orra, Sal. 2. 12. 1 Phead. 2. 6.

C. *C' ar ſon a deirir ann ſan fhreagradh gu bheil creidimh a' ſocruchadh air Crioſt amhain?*

F. A nochda, nach fead peacaich ſocruchadh air Crioſt ann cuid, agus ann cuid eile air an deanadas fein chum ſlainte, ach air Crioſt amhain.

C. *Nach 'eil bhi ag ſocruchadh an anama air Crioſt ag cialluchadh gu bheil é trom lughdaichte agus fuidh uallach 'n uair a thig é dh' ionnſuidh Chriſt?*

F. Ata; oir ata an t anam faoi uallach, ni h ann amhain le eagal corruigh, ach mar ſa ceadna, le cionta agus ſalachar a pheacaidh, agus le cumhachd truaill'-eachd on t-ſaoghal ſtigh ni, as fada leis gus am bi e ſaor dheth.

C. *Ciod ata ann Crioſt, a bheir fois do 'n anam ata fuidh uallach?*

F. Ata ann Crioſt iomlanachd fearta a chur ciont air cul, a thoirt dioladh do cheartas, agus a choſnadh glanaidh agus naomhachaidh do 'n anam, o's barr ata iomlanachd an Spiorad ann ſan, a dh' athnuadhachadh agus a naomhachadh nadurra na h uile a thig 'g a ionnſuidh.

C. *Nach eigin dhuinn gabhail re Crioſt le creidimh, agus ſocruchadh air ſin 'na uil' oifigeadh, mar Fhaidh, mar Shagairt, agus mar Righ.*

F. 'S eigin dhuin gabhail re Crioſt, agus ſocruchadh air ſin, 1. Mar ar Sagairte, le bhi ag aich-fheun gach earbs' agus dochas as ar deanadas fein, agus bhi toillighte bhi air ar fireanachadh le

iobairt

iobairt agus fireantachd Chriosd amhain. 2. 'Feigin dhuinn gabhail re Criosd mar ar Faidhe, le bhi ag aich-sheun ar 'n uile riasanacha' feolmhor fein, agus aontachadh bhi ag foglum, agus ag creidsin do reir an fhoillsicheadh ata againn 'n a fhocal san. 3. 'S eigin dhuinn' gabhail ris mar ar Righ, le bhi ag aich-sheun ar toil agus ar tograibh fein, bhi cur ar croidheachan, agus ar toil gu h iomlan fa cheannsal sin, bhi air ar riaghluchadh, agus air ar sdiuradh le a spiorad sin, do reir feolannaibh fhocail fein.

C. *Am bheil creidimh slainteil ag taisbean, gniomhartha air bith eile, thuilleadh air bhi gabhail re Criosd, agus bhi socruchadh air sin?*

F. Ata; oir ata creidimh slainteil mar an ceadna ag gabhail re focal De gu h uile, agus 'g a creidsin, do bhri' gu 'm bheil an spiorad ag toirt sia' nais leis, agus ag oibreachadh air doighibh eagsamhail air gach cuid deth fa leith, ag toirt creideis do gach sgeulachd agus faidh-doireachd ata ann, ag toirt umhlachd d' a aitheantaibh ag criost- ghadh roimh bhagraidh, agus a' dlu ghabhail r' a ghealladhaibh, gun teagamh air bith m' an ciunt agus am firinn; ge do 'f iad bhi gabhail re Criosd, agus socruchadh air sin, mar ata se air a thairgs' ann san t soisgeul gniomhartha airid, agus sonruighte an fhior chreidimh, Eoin 4. 22. 1 Eoin 5. 10. Gniomh. 24. 14. Rom. 16. 26. Isa. 66. 2. Eabh. 11. 13. Eoin. 1. 12. Isa, 26. 3.

C. *Ciod a chrioch gus am bheil sinne tr.d creidimh re gabhail re Criosd, agus gu socruchadh air sin?*

F. Chum slainte, eadhon, chum slainte iomlan, cha 'n ann amhain o chorruigh, ach o chumhachd, o shalchar, agus o bhith a' pheacadh, agus gach ni ata ag srutha uaithe, mar so, 'ta e gabhail a steach ann, sireanachadh, naomhachadh, agus gloir shiorruidh.

C. *Creud i steigh no bunait' ar barrantais a gha*

bhail re Crioſt, agus a ſhocruchadh air ſin chum ſlainte ?

F. An ſteigh ſo, eadhon, gu bheil 'ſe air a thairgſe dhuinne ann ſan t ſoiſgeul.

C. *Co iad d' am bheil Crioſt air a thairgſe ann ſan t ſoiſgeul ?*

F. Ni h ann do na creidmhich amhain, ach do na h uile 'ta 'g ciſteachd an t ſoiſgeul, eadhon do na peacaich as mo, Mar. 16. 15. Rom. 10. 18. Iſ. 45. 22. agus 46. 12.

C. *Co leis am bheil Crioſt air a thairgſe dhuinn ann ſan t ſoiſgeul ?*

F. Ata é air a thairgſe le Athair, leis fein, le a Spiorad, agus le a mhiniſteridh, Mat. 22. 2, 3. Iſa. 65. 1. Taiſ. 3. 20, 22. Mar. 16. 15.

C. *Creud iad na cumhnantaibh air am bheil Crioſt air a thairgſe dhuinne ?*

F. Ata e air a thairgſe, 1. Gu ſaor, gun airgiod no luach, no gun ſuim no meas do ni maith air bith ionnaine, ach amhain do ar feum' ne, Iſa. 55. 1. agus 65. 1. 2. Ata Crioſt air a thairgſe dhuinne gu h iomlan, agus gach cinn, 'na uil' oifigeadh, mar Fhaidh, mar Shagairt, agus mar Righ, agus 's eigin dhuinn gabhail ris air gach doigh dhibh ſin, mar dh' ainmeachadh roimh laimh.

C. *Am bheil neach air bith d' am bheil Crioſt air a thairgſe, ag diultadh gabhail ris ?*

F. Ata chuid as mo 'g a dhiultadh ſin, Eoin 1. 11. Iſ. 53. 1.

C. *Co an dream a mheaſar 'nan luchd diultaidh Chriſt ?*

F. Na h uile nach eil ag creidſin aithris an t ſoiſgeul, agus nach 'eil a' gabhail ris an tairgſe ataid ag faghail

C. *Am bheil creidimh ſlainteil na dhearbha cinntich air ar roimh thaghadh chum beatha ſhior-ruidh ?*

F. Ata, agus ata é air a radh, " Chreud a

" mheud

" mheud 'f a bha orduighte chum na beatha
" maireannaich," Tit. 1. 1. Gniomh. 13. 48.

C. *C' ar fon a deirir creidimh prifeil ann fan fgriobtur ris?* 1 *Phead.* 1. 7. 2 *Pead.* 1. 1.

F. Do bhri gu bheil Dia 'g a onorachadh chum bhi 'n a mheadhon air ar fireanachadh, chum bhi mar fhuil an anama, a bheachducha' air Crioft, mar lamh a ghreamacha' ris, agus' na chuing 'g ar ceangal ris fin; 'f e creidimh tobar nan grafaibh eile, agus 's an uaith' ataid ag oibreachadh; is e meadhon ar beatha, agus gach leafachadh fpioradail, agus 's an uithe 'ta ar fith agus ar gairdeachas ag frutha, Rom. 5. 2. 3. &c. Eph. 3. 17. Gal. 2. 20. Rom. 15. 13.

C. *C' ar fon ata Dia a' cur urraid onoir air creidimh o's gach gràfs eile?*

F. Do bhri gu 'm bheil creidimh ag cur na h onoir a's airde air a Mhac gradhach fan, agus gur taitneach leis innleachd Dhe ann ar teafairgin trid fin, ata e ag rufgadh a chreatuir o gach adhbhar maill, agus ag arduchadh faor ghràs, ata e toirt gloir ar flanuicheadh gu leir do Dhia, ni as [illegible] thaitneach dhis. Mat. 17. 5. 1 Phead. 2. 7. Rom. 3. 27, agus 4. 16. Eph. 2. 7, 8.

C. *Creud fad na còmharthaidh leis an aithnigh finn am bheil fior chreidimh aguinn?*

F. Ata mór mheas do Chrioft ag teachd o 'n fhior chreidimh, ata e g oibreachadh trid gràidh; ata e maothacha' agus ag glanadh a chroidhe, is nós leis e fein a chur amach ann an urnaigh, agus ann deagh oibridh, agus fuafglaidh e 'n croidhe o nithe talmhaidh, 1 Phead. 2. 7. Gal. 5. 6. Marc. 9. 24. Gniomh. 15. 9. Eabh. 4. 14, 16. Seam. 2. 18. 2 Cor. 4. 18.

C. *Anrrionnan tomhas ata aig gach creidmhich do 'n chreidimh fhlainteil fo?*

F. Cha 'n ionnan; oir ata cuid anmhunn, 'n uair ata cuid eile neartmhor.

C.

C. *Cionnas ata anmhuinneachd a chreidimh 'g a nochdadh fein ?*

F. Ann am moran amharais agus teagamh mu na geallaibh, ann bhi 'g earbsa ris na meadhona n'as mo na re Crioſt, ann am moran do 'n bheatha chaithe le mothachadh, bhi ain earbſach a Dia, agus ag fannachadh ann la na triobloid.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas ſinn am bheil ar creidimh fier agus ſlainteil, a meaſg coi' lion comharth' air anmhuinneachd, agus neo'-chreidimh ?*

F. Is comharthadh maith air, ma bhios an t anam ſan cheart am re bròn air ſon a neo'-chreidimh ag eigheach air ſon tuilleadh creidimh, agus ag dearcadh gu treimh-dhireach air Crioſt air ſon fireantachd, is neart.

C *Creud iad na comharthaidh leis an aithinghear creidimh laidir ?*

F. Far am bheil creidimh laidir bithidh ſuil aig an anam re gloir an fhir ſhaoruidh 'n a uile ghniomhartha; bithidh gradh Chrioſt a' coi'-eigneachadh n' as cumhachd aicheadh thoirt fuath do 'n pheacadh agus gu caitheamh beatha naidh-aidh, na dh' fheadas eagal ifrinn ſo dochas dh[illegible] a dheanamh ; ni an t anam gairdeachas ann trio-bloid, agus bithidh e 'g a chleachduin fein re cliu agus moladh ; bithidh earbs' a Dia ann ſgach cuntart, agus ann ſgach adhbhar mi-mhiſneich, agus bithidh 'ſ e ag amharc air tairiſneachd Dhe le deagh mhuinghin.

Ceiſt LXXXVII. *Creud is aithreachas chum na beatha ann?*

F. Aithreachas chum na beatha, is gras ſlainteil e, leis am bheil am peacach (air mothachadh dh' a gu ceart d' a pheacadh fein, agus do throcair Dhe ann an Crioſt) le doilghios, agus le fuath do 'n pheacadh, agus

agus iompochadh uaithe gu Dia, le lan run, agus gna'-thairgse nuadh umhlachd a thabhairt dh' a.

C. *C' ar son a deirir gràs slainteil re h aithreachas?*

F. Faic a fhreagra so roimh laimh mu thimchioll creideamh.

C. *C' ar son a deirir ann so, aithreachas chum na beatha ris?*

F. Do bhri' gur meadhoin fheumail é, chum righeachd air beatha fhiorruidh, agus chum eidirdhealuchadh o dhoilghios an t saoghail a dh' oibricheas chum báis, Gniomh. 11. 18. 2 Cor. 7. 10.

C. *Creud e doilghios no brón an t saoghail?*

F. An ni sin ris an abair sinn aithreachas an lagha, o nach 'eil ni maith air bith ag frutha; air bhi dh' a amhain, 'n a dhoilghios air son cuid do pheacaidh mor agus granail, agus air son eagal feirge; ach cha 'n 'eil é 'n a dhoilghios air son gach uile pheacadh, mar 'ta é toirt eas-onoir do Dhia ni ata ann san dream ata re aithreachas do reir an t soisgeul.

C. *Am fead duin' air bith righeachd air aithreachas do reir an t soisgeul, le cumhachd a nadurra fein?*

F. Cha 'n fhead, oir ata 'n croidhe thaobh nadurra cosmhail re cloich, agus cha 'n fhead ni air bith ach Spiorad De atharracha', agus croidhe feola a thabhairt, do reir, Esec. 36. 26.

C. *Creud iad na nithe ata ann an fior aithreachas, mar ata iad air an cuir amach ann san fhreagradh?*

F. An t sea sin, eadhon, 1. Mothucha ceart do 'n pheacadh. 2. Breunachadh do throcair Dhe ann an Criost. 3. Doilghios air son peacaidh. 4. Fuath do 'n pheacadh. 5. Pilleadh o 'n pheacadh. 6. Pillidh re Dia, agus re slighe na nuadh-umhlachd.

C.

C. *Creud é am mothachadh ceart ſin do 'n pheacadh ata ſeumail ann an aithreachas chum na beatha?*

F. Sealladh do chionta, do aingidheachd, agus do uathmhorachd a pheacaidh, a mhaothaicheas an croidhe, agus d' ar ſtaid chailte d' a thaobh, agus nach urradh ſinn ſinn fein a theaſairgin uaithe, ni ata ag lot' agus a' coidh na coguis, agus ag lionabh na h inntin le amladh, agus mi ſhuaimhneas, gus am faic i cail eigin do adhbhar dochais, Sal. 38. 3, 4. Gniomh. 2. 37.

C. *C' ar ſon ata leithid ſo do mhothachadh feumail do 'n dream ata fior aithrighte?*

F. Chum 'ſ gu 'm bithidh am peacadh fuathach, agus Crioſt luachmhor nan ſuilibh; oir 'ſ iad na h anamaibh ea' ſlan ſin amhain d' am bi an leigh priſeil, Mat. 9. 12.

C. *Nach 'eil moran a dh' f headas bhi fuidh dhoilghios le mothachadh peacaidh, nach 'eil ag teachd gu fior aithreachas?*

F. Ata, oir is tric le geur mhothachadh agus triobloid air ſon peacaidh, bhi ag eagmhais fior iompocha'

C. *Creud an t eider-dhealuch ata eidear an geur mhothachadh, agus an triobloid ata ann daoinibh neo'-iompoighte, agus an dream ata re fior aithreachas?*

F. Ata a' mothachadh agus an triobloid ata ann ſan dara h aon, amhain air ſon cuid do pheacaidh graineil ag teachd o choguis nadurra, agus eagail ifrinn, agus cha mhair iad ach tamal, agus ata meadhona nadurra 'g an leighis: Ach ata geur mhothachadh agus doilghios an aon eile, air ſon gach uile pheacadh, ann ſan chroidhe agus ann ſa bheatha diomhair agus foilleiſeach ataid ag ſiutha o Spiorad De, agus o ſhealladh do 'n olc ata ſa pheacadh, agus an ea-coir ata é ag deanamh air Dia, ataid ag buanachadh, agus air an leighis le fuil Chrioſt amhain.

C.

C. *Creud ata thu cialluchadh leis a bhreithneachadh fin do thrócair Dhe, ata feumail ann am fior aithreachas?*

F. Gu 'm bheil é feumail a thoirt peacach cailte gu fior aithreachas, gun toir é fa near gu bheil Dia trocarach; ullamh a thoirt maitheamhnais, agus bhi reidh re feachranaich a philleas le fior aithreachas.

C. *C' ar fon ata fo feumail?*

F. Do bhri' as eagmhuis fo, gu 'm bithidh geur mhothacha do 'n pheacadh ullamh a thilgeadh an anama ann ea' dochas, mar rinn é air Judas.

C. *Creud an doigh air am bheil trocair, Dhia air a taisbeanadh do pheacaich chiontach?*

F. Amhain trid Chriost an t eidir mheadhoncar, neach a thug lan dioladh do cheartas De air fon peacaidh.

C. *Am fead trocair neo'-fhuasgailte no maitheas coit chinn Dhe, m' a feadh fuasgladh a thoirt do 'n pheacach a bhithis air a bhiorodh?*

F. Cha 'n fhead; do bhri' gu 'm bheil Dia mar an ceadna, neo'-chriochnach ann ceartas agus ann n[illegible]chd, agus uime sin, 'feigin gu 'm bi é [illegible]heine dian dilgeach, do pheacaidh nach 'eil ann an Crioft.

C. *Creud é am fior dhoilghios air fon peacaidh ata feumail ann an aithreachas?*

F. Brón agus turfadh croidheil an anama air fon ni co ghraineil ris a pheacadh chuir ann gniomh, agus fin, gu fonruighte do bhri' gu 'n d' rinn am peacadh dimeas air Dia, agus gun d' thug é eas-onoir dh' a fan, gun do cheus é Crioft, gun do chuir f é doilghios air an Spiorad naomh, gun do chuir e mi dhreach air ar 'n anamaibh, agus gu do thruaill f e iad, gun d' fhag e neo'-chomafach finn air gloir a thoirt do Dhia, agus gu do dhruid e 'mach finn o cho'-chomunn a bhi aguinn ris fin.

C.

C. *Ciod am fuath ſin do 'n pheacadh ata feumail ann am fior aithreachas ?*

F. Ata fuath le r 'n uile chroidhe thabhairt dh' a, mar an ni ſin as graineileadh air bith, agus bhi gabhail grain dh' inn fein air a ſhon, Jer. 31. 19.

C. *Am fead neach air bith ata ag toirt fuath do 'n pheacadh fugradh a dheanadh dheth ?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Ciod uime ata luchd fior aithreachais ag toirt fuath do 'n pheacadh ?*

F. Do bhri' gur ro fhuathach le Dia am peacadh, oir is é murt fhear Chrioſt, agus namhaid an anama é.

C. *Ciod an ghne fhuath ata am fior aithrighte a toirt do 'n pheacadh ?*

F. 1. Fuath mor agus naimhdeil, a bheir air dicheall a dheanamh chum a bhuain freamh as bonn as an anam, agus a ſgrios gu tur. 2. Is fuath iomlan é, oir do bhri' gu 'm bheil am fior aithrighte ag toirt fuath do 'n pheacadh mar pheacadh, 'ſeigin gun toir e fuath do gach aon pheacadh, diomhair agus foilleiſeach, gach neach, no buineach, ann fein, no ann daoin' eile, Rom. 7. 24. Sal. 119. 128.

C. *Nach cuid priomh ſhonruighte do 'n ſhior aithreachas bhi ag pilleadh o'n pheacadh ?*

F. 'S eadh.

C. *Ciod an ghne philleadh a's eigin a bhi ann ?*

F. 1. 'S eigin dh' a bhi 'n a philleadh o 'n pheacadh leis an uile chroidhe, agus le fior dhoilghios air a ſhon, agus fuath iomlan dh' a, Sal. 38. 18. Eſec. 36. 31. 2. 'S eigin dh' a bhi na philleadh o gach aon pheacadh thaobh croidhe agus beatha mar aon, gun pheac' air bith a chaomhnadh le fhios, Eſec. 18. 31. 3. 'S eigin dh' a bhi na philleadh re Dia, agus re ſlighe na nuadh umhlachd, Iſa. 1. 16, 17. Iſa. 55. 7.

C.

C. *Am bheil pilleadh o 'n pheacadh do ghna' na comhartha cinnteach air fior aithreachas ?*

F. Cha 'n 'eil do ghna', oir ata finn ag leaghadh air cuid ata pilleadh, ach ni h ann ris an ti as ro airde ; feadaidh iad fgur do 'n olc, gun a' maith fhoghlum ; feadaidh iad pilleadh o aon a pheacadh gu peac' eile, o mhio-naomhachd gu faoibheallachd. no o ann danadas gu ea'-dochas, Hof. 7. 16. Jer. 4. 1.

C. *Nach 'eil é 'na chomhartha cinnteach air fior aithreachas, 'n uair a philleas duine re Dia ann dorg dh' a pilleadh o 'n pheacadh ?*

F. Ata ; oir is iad an dias fin, priomh nadurra an fhior aithreachais.

C. *Creud é bhi ag pilleadh re Dia an ni ann fam bheil nadurra an fhior aithreachais ag co'-fheafamh ?*

F. Ata é gabhail a fteach ann, 1. Sinne bhi ag teachd a dh' ionnfuidh Dhia trid Jofa Crioft, air fon maitheamhnas cionta, agus glanaidh uaithe. 2. Sinne bhi ag deanamh roghain air Dia mar ar Dia ne. 3. Ar croidheachaibh agus miannaibh ar n aitma bhi dol amach 'n a dhiaidh mar ar n-umh-roinn agus ar 'n ard-fhonas. 4. Bhi 'g ar toirt fuas gu h umhal d' a fheirbheas fin, Ifa. 55. 7 Jer. 3. 22. Ifa. 26. 8 Sal. 119. 57, 58, 59.

C. *Cionn s a dh'aithnigheas finn ma bhios ar pilleadh o'n pheacadh re Dia fior agus da rireadh ?*

F. 'N uair, a bhios lan run, agus oirp' threibhdhireach air nuadh-umhlachd na cho-chuideachd, oir cha 'n 'eil run buanacha' fan pheacadh, no bhi dearmadach ann an feirbheas an Tighearna ag cofheafamh re fior aithreachas.

C. *C' ar fon a deirir nuadh-umhlachd re umhlachd a' chreidmhich aithrighte ?*

F. 1. Do bhri' gu 'm bheil i ag frutha o nuadhbhunachar, eadhon, o chreidimh agus o ghradh. 2. Ata criocha nuadh aiche, cha 'n ann chum tairbh fhaoghalta, ach a thoileacha Dhe, agus a

chur a ghloir fin air a h aghaidh. 3. Ata i air a cur ann gniomh air doidh nuadh, leis an uile chroidhe, agus le creidimh ag amharc re Crioft chum neart t haghail uaithe fin, ann a deanamh, agus air fon fireantachd chum 'f gu 'm bithidh i taitneach do Dhia.

C. *Creud a bhar' ail a bhios aguinn air aithreachas na droing a chaitheas am beatha ann dearmad an dleafdanais, nò ann gniomhartha a pheacaidh ann diaidh laimh?*

F. Feadaidh finn a mheas nach roibh an aidmheil aithreachais a rinn iad neo'-mheangail.

C. *Am fead duin' air bith duil a bhi aige re maitheamhnais cionf' agus flainte, as eagmhuis aithreachais?*

F. Cha 'n fhead; oir dh' innis Crioft gu foilleir dhuinn, " mar gabh fibh aithreachas, fgriof- " ar fibh uile mar an ceadna," Luc. 13. 3.

C. *Am fead duine dail a chuir ann aithreachas gus gu an d' thig é gu leabaidh báis?*

F. Cha 'n fhead air doidh air bith; oir ata am bás ag teachd air moran gu hobain, ni mo ata é 'n ar comas dh' inn fein, aithreachas a chur ann gniomh 'n uair is aill leinn, agus ata daoin' air a cruadhachadh fan pheacadh, le bhi buanachadh ann.

C. *Am bheil adhbhar dochais gu h œithreachas aig an dream ata aefda fa pheacadh, agus aca fan a bha aingidh air doigh fhoilleifeach?*

F. Ata; oir 'ta Dia ag radh mu ni iad aithreachas, gun toir e maitheamhnas gu faibhear, Ifa. 55. 7. Agus ata eifempleire aguinn gu d' rinn é fo, 1 Tim. 1. 13, 14, 15.

C. *Ach cionnas a rigeas finn air fior aithreachas?*

F. 'S eigin dhuinn iarruidh gu durachdach o Dhia, agus bhi tagradh air a gheallaibh gu toir é fo do 'n dream a dh' iarras air fin é, Efec. 36. 26,

37. Agus bhi gu tric ag amharc air Crioſt air a cheuſadh, neach a lot ſinne le 'r peacaidh, Sech. 12. 10.

C. *Nach eil é air a radh mu Eſau nach "d' fhu-"air ſe ait' aithreachais, ge do dh' iarr ſe e gu "durachadh le deuraibh ?" Eabh.* 12. 17.

F. Ni bheil e air a radh ann ſin, gu d' iarr Eſau gràs an aithreachais o Dhia air ſon anama fein, ach amhain, gu d' iarr ſe air athair Iſaac aithreachas a ghabhail, ann ſa bheannuchadh thoirt d' a bhrathair Jacob; ni gu deimhein nach feadadh é ſhaghail: Ach bu mhaith dh' a am bithidh é co churamach a dh' iarruidh beannuchadh Dhia as a bha ſe a dh' iarruidh beannuchaidh athar.

C. *Nach 'eil iomad cofamhlachd fealtach air aithreachas a bu choir dhuinn an ſeachnadh ?*

F. Ata; dh' aid' ich Saul a phcacadh, thaiſbein Ahab bròn air a ſhon, bha Judas, agus Felix air am bioradh, agus Ian eagail; ach cha do phill a h aon dh' ibh ſin re Dia trid Chrioſt chùm trocair ſhaghail.

C. *Am bheil feum aguinn air aithreachas amhain ann ar ceud philleadh re Dia ?*

F. Ata feum aig na creidmhich trid am beatha gu h iomlan bhi re aithreachas gach la, agus bhi teachd chum fuil Chrioſt, do bhri gu bheil iad ag peacachadh gach aon la trid anmhuinneachd, agus ag teachd gaoirid ann ſgach dleaſdanas.

Ceiſt LXXXVIII. *Creud iad na meadhona o 'n leith muigh leis am bheil Crioſt a' co-pairteachadh ruinne ſochaire na ſaorſadh?*

F. Is iad na meadhona ſin orduighe Chrioſt, gu h airid am focal ſacramainte, agus urnaigh, ata gu h uile air an deanamh eifeachdach chum ſlainte, do na daoinibh taghta.

C. *Creud ata thu cialluchadh le orduighe Chriosd ann so?*

F. Gach uile mheadhoin grais, agus slainte dh'orduigh se ann a shocal.

C. *Nach shead sinn riaghalta a dh' orduighe le daoinibh a ghnathachadh chum ar leas spioradail?*

F. Cha 'n shead; oir ata Spiorad De ag radh adhradh fein thoile, agus nithe diomhain siu sin, agus uime sin, cha 'n shead sinne duil a bhi aguinn re beannugha Dhia orra, Col. 2. 23. Mat. 15. 9.

C. *Creud iad sochaire na saorsadh ata air an co'-pairteachadh ruinne ann gnathachadh riaghaltaibh Chriosd?*

F. Is iomad sin, eadhon, eolas, geur-mhothachadh, iompochadh, creidimh, aithreachas, logha cionta, sith, beatha spioradail, neart, &c.

C. *Creud iad na h orduighean leis am bheil Criosd a' co' pairteachadh nan sochaire sin ruinne?*

F. Iad sin, eadhon, am focal sacramainte, urnuigh, buidheachas, ministreileachd an t soisgeul, riaghluchadh, & smachducha' eaglais, trolga crabhaich, moide coluadar, agus imuainteadh diadhaidh, fein cheasnughadh, &c.

C. *C' ar son a deirir meadhona gráis agus slainte ris na h orduighean sin?*

F. Do bhri' gur h ann leo sin, agus d' an trid ata an Spiorad naomh a' co'-pairteacha' grais re anamaibh a luchd-muintir, agus le sin a' cur an slainte sin air a h aghaidh.

C. *Co do na h orduighean sin d' am bheil e deanamh feumgu h airid chum na criche so?*

F. Ata é gu h airid ag deanamh feum do 'n shocal, do na sacramainte, agus urnuigh, ach ni bheil so, ag cur na cuid eile dhiubh air cul, oir ataid feumail mar an ceadna chum na criche so.

C.

C. *C' ar ſon a deirir meadhona na ſlainte o'n leigh muigh ris an triuir ſin ?*

F. Chum an eidir dhealuchadh o na meadhona ſan leith ſtigh, eadhon, ſmuainte crabhach, creidimh aithreachas, & an leithide ſin.

C. *C' ar ſon a deirir na meadhona gnathaichte riu ſin ?*

F. Do bhri' gur h ann leo ata Dia gu tric, agus gu coitcheann ag co'-pairteachadh a ghrais ſin.

C. *Nach 'eil Dia air uairibh ag deanamh feum do mheadhonaibh neo'-ghnathaighte a dh' iompochadh pheacach ?*

F. Ata; mar thachair ann ſna ceud linnibh do 'n t ſoiſgeul, rinn e feum gu tric do ghibhte miorbhuileach teanguidh, a ſhlanachadh, a thilgeadh 'mach dheamhain, chuir é 'mach breitheanais, guthan, agus crith, thalmhain o neamh, mar mheadhonaibh a dh' iompochadh dhaoine, mar thachair do Phol, & do fhear coimhid a phrioſinn.

C. *Am bheil nah orduighean nam meadhona ſlainte do na uile'ta'g a mealtain.*

F. Cha 'n eil ach 'n a aite ſin, ataid nam ſtrach báis chum báis do mhoran, aig am bheil iad, agus ata 'g a mio ghnathachadh, 2 Cor. 2. 16. Iſa. 55. 11.

C. *Co d' am bheil iad air an deanamh eifeachdach chum ſlainte ?*

F. Do na daoinibh taght' amhain.

C. *Cia uaithe 'ta an eifeachd ſo ann ſna h orduighean ?*

F. Cha 'n ann uapadh fein, ach o bheunnachadh, agus o Spiorad De, 1 Cor. 3. 7.

Ceiſt LXXXIX. *Cionnas ata am focal air a dheanamh eifeachdach chum ſlainte?*

F. Ata Spiorad De ag deanamh leughadh an fhocail, ach gu h airid a ſhearmonacha', na mheadhoin eifeachdach chum

peaeaich fhagail ris, agus d'an iompochadh, agus d' an togbhail fuas ann an naomhachd, agus an co'-fhurtachd trid creidimh chum flainte.

C. *Cuid ata deanamh an fhocail eifeachdach chum flainte ?*

F. Spiorad De.

F. Cionnas as coir dhuinn am focal a ghnathachadh am b' aill leinn gu 'm bithidh e eifeachdach chum flainte ?

F. 'S eigin dhuinn bhi 'g a leaghadh agus ag eifteachd a fhearmonachadh mar aon.

C. *Creud am feum ata aguinn air dol a' dh, eifteachd fearmoinibh, 'n uair a dh' fheadas finn am bicbul agus fearmoine co maith a leaghadh aig an tigh ?*

F. Do bhri' gu 'm bu taitneach le Dia le aimeadachd an t fearmonachaidh iadfan a theafairgin ata creidfin : agus ata é 'g ar gairm a dh' eifteachd chum 'f gu 'm bithidh ar 'n anamaibh beo, oir (deir fe) is ann o eifteachd a thig creidimh, 1 Cor. 1. 21. Ifa. 55. 3. Rom. 10. 17.

C. *Nach 'eil iadfan ag deanamh tair air orduch De chum anamaibh a theafairgin, ata re tair air fearmonachadh an fhocail ?*

F. Ata.

C. *Nach h e leaghadh an fhocail ordugha' Dhe chum iompochaidh co mhaith r' a fhearmonacha' ?*

F. Is é, mar ata dearbhadh aguinne o, Dheut. 17. 19. Gniomh. 8 28. Col. 4. 16.

C. *C' ar fon a deirir ann fan fhreagradh gu h airid fearmonachadh an fhocail ?*

F. Do bhri' gur h i toil De, fearmonachadh an f hocail onorachadh a chur impidh air dhaoinibh, agus d'an iompochadh, n' as trice agus ni as gnathaichte, mar 'ta é foilleir o 'n fgriobtur, agus o fhidreacha' dhaoine, 1 Cor. 1. 21. Mat. 28. 19. Rom. 1. 16. Rom. 10. 14, 15, 16, 17. Gniomh. 2.

37. agus 4. 2, 4. agus 6. 7 agus 8. 5, 6. agus 10. 44. agus 11. 19, 20. agus 13. 48. agus 17. 3, 4. agus 18. 8, 9, 10. agus 26. 18.

C. *C' ar fon ata fearmonachadh an fhocail comhor air onorachadh ?*

F. Do bhri' gur riaghailt fhuidhighte air ordughadh le Dia é chum am focal a fhoilleireachadh, agus a cho chuir, d' am bheil fe a' deanamh feum, chum anamanna a dhufga', a chur impidh orra, g'an cronachadh, g' an comhairleacha', agus a thoirt co'-thurtachd dhoibh, agus a labhairt gu foilleir fonruighte re coguifibh dhaoinibh. Agus do bhri' gu 'm facadh Dia iomchuidh miniftreileachd fheafmhach ordughadh 'n a eaglais chum na criche fin, feadaidh finn duil a bhi aguinn, gu 'n gabh fe ris, agus gu beannuigh fe e, 2 Tim. 4. 2. Gniomh. 26. 18. 2 Cor. 5. 20. Eph. 4. 12. Mar bha aig Dia faoi 'n laghan dream a bha mineachadh an fhocail, agus a toirt air a phobul a thuigfin, mar fin faoi 'n t foifgeul, ata miniftreileachd aige 'ta toirt mothachadh do dhaoinibh, leis am bheil diomhaireachd an croidheachan air an foilleireachadh, Neh. 8. 8. 1 Cor. 15. 24, 25.

C. *Nach bithidh e na b' fhearr a chur impidh air dhaoinibh, agus d' an iompochadh, aingeal, no aon o na mairbh a chur d' an ionnfuidh ?*

F. Cha bithidh ; oir ata co'-duchadh ni as treife aguinne, air cionn, firinn, agus diadhachd an fhocail, na dh' fheadadh bhi aguinn le 'n leithidibh fin do thaisbean, air achd, is mu fe 's nach eifd daoine ris na faidhean, agus na h abftolaibh, ni mo chuirt impidh orra ge do eir' eadh neach o na marbhaidh, Luc. 16. 31.

C. *Ciod e am feum ata Spiorad De ag deanamh do 'n fhocal chum daoine theafairgin ?*

F. Ata e ag deanamh feum dheth, chum an cionta leigeil ris do pheacaich, agus d' an iompochadh, agus chum na naoimh a thogbhail fuas, mar ata e ann fan fhreagradh.

C.

C. *Cionnas ata 'm focal air a dheanamh na mheadhoin chum an ciont a leigeil ris do pheacaich?*

F. Le bhi ag rannſughadh 'mach peacaidh diomhair, agus a nochdadh ſmuaintibh, agus runaibh a chroidhe, agus le bhi cur 'n ar fia' nais olc agus naimhdeas a pheacaidh, ann an dimeas a dheanamh air Dia, truaill'-eachd a pheacaidh 'ta 'g ar fagail grainteil ann a lathair ſin, agus ciont a pheacaidh, ata ag tarruing fearg agus dóruinn ſhiorruidh oirne, Eab. 4. 12. Gniomh. 2. 37.

C. *Cionnais ata an focal air a dheanamh na mheadhoin iompochaidh?*

F. Ata Spiorad De ag ſgriobhadh bagraibh, aitheantaibh agus geallaibh an ſhocail air a chroidhe: air achd is gu bheil an t anam air a thoirt fuidh ſmuaintibh cud-thromach mu chinnt, agus firinn nithe an t ſaoghail eile, m' an olc ata ſa pheacadh, agus mu oirdheirceachd Chrioſt agus na naomhachd; leis am bheil an duine o cheum gu ceum air atharrachadh gu bhi na nuadh chreatuir.

C. *Nach 'eil eider dhealuch eidear peacach a bhi air a bhioragh leis an fhocal, agus fior iompochaidh?*

F. Ata; oir feadaidh peacach bhi air a bhioradh as eagmhuis iompochaidh, ach cha 'n fhead e bhi air iompochadh gún gheur mhothachadh.

C. *Nach 'eil eifeachd an fhocail ro iongantach ann an iompochadh?*

F. Ata; agus air an adhbhar ſin, ata an ſgriobtur 'g a choſamhlachadh, re uiſge, re ſolus re teine re h ord, agus re cloidheamh, Iſa. 55. 10. Sal. 119. 105. Jer. 23. 29. Eabh. 4. 12.

C. *Cionnas ata fearta iongantach an focail air an taiſteanadh?*

F. Ann ſan ni ſo, eadhon, gúm bheil aon fhocal ſoilleir dheth, 'n as treiſe a bhuadhacha' air an anam, no na rioſunaibh as cumhachdaiche, agus na h argumainte is neartmhora 'ta ann comas dhaoine;

dhaoine; ata é air uairibh a' grad atharracha' feuladh a chroidhe agus fruth nan ciar fadha, gu fruth-chlais eile, ata é cur an adhbhearfoin as aite, agus ag tilgeadh fios a dhaingneachadh laidir; ata e cur impidh air daoinibh a cheufadh an ain miannaibh is ion-mhiannuiche leo, a chuir ann aghaidh a bhuaireadh as treife, bheir e air daoinbh, fealladh fhaicfin do nithe nach roibh aca roimhe fin, agus fuath a thoirt do 'n ni d' an d' thug iad fpeis, agus fpeis do 'n ni d' an d' thug iad fuath roimh fin: feadh fos, ata an t atharrachadh co mhór ata 'm focal ag deanamh ann an iompochadh, is gu bheil an igriobtur ag radh cruthachadh, aithghineamhuin, agus ait-eiridh ris.

C. *Creud é fin iompochadh?*

F. Bhi ag cur agus a' fuidh'-eachadh criocha agus fonn nuadh ann fan anam, leis am bheil atharrachadh iomlan air oibreachadh ann fan inntinann fa chroidhe agus ann fa bheatha; mar fo, 'ta 'n duine a philleadh o 'n chreatuir a dh' ionnfuin Dhe, o fhein fpeis chum Chrioft, agus o 'n pheacadh chum a dhleafdanais: ata an t anam air a dheanamh cofmhuil re iomhaidh Dhe, agus an toil air a ceannfughadh d' a thoil fin; agus ata an duine curamach a toileachadh Dhe, le beatha naomhadh, ann aon fhocal, is ionan do iompochadh is do ath-ghineamhuin agus do ghairm eifeachdach, faic tuilleadh dheth fo roimh laimh air 31. *Ceift.*

C. *Creud am feum ata fan fhocal do 'n dream ata air an iompochadh?*

F. Ata e 'g an togbhail fuas ann naomhachd, agus ann co'-fhurtachd trid creidimh chum flainte, Gniomh 20. 32. 1 Tim. 3. 15. Rom. 15. 4.

C. *Creud ata r'a thuigfin le bhi togbhail fuas na dream ata iompoighte?*

F. Ata é cialluchadh gu bheil deadh bhunachar air a leagail, ann nan creidimh ann Crioft air a cheufadh,

a cheufadh, agus le 'n ſocruchadh air ſin, agus le bhi ag faghail gráis uaithſin. 2. Ata e cialluchadh gu 'm bheil iad a' fás ann grás, agus gu bheil tuilleadh eolais, creidimh, graidh, neart, naomhachd, agus co'-fhurtachd air an luidh'-eafacha orra.

C. *Creud as ſeagh do naomhachd?*

F. Is fonn anama chum beatha nuadh ſo, a bheir air duine fuath a thoirt do gach uile pheacadh, agus gradh a thoirt do gach ni ata fior-ghlan agus taitneach do Dhia, agus bhi ag oirpeachadh a chroidhe, agus a bheatha gu ſeir a bhi coſmhuil re nadurra agus toil De.

C. *Cionnas ata 'm focal ag togbhail dhaoin' iompoighte an naomhachd?*

F. 1. Le bhi ag leigeil ris dhoibh neo'-iomlanachd an gráſaibh agus an dleaſdanaiſibh. 2. Le bhi ag rannſughadh 'mach agus a' cronachadh gach peacadh diomhair agus gach ainminn. 3. Le bhi nochdadh dhoibh olc agus mi-dhreach a pheacaidh ni as mo, agus ni as mo. 4. Le bhi [illegible] an neartuchadh ann aghaidh buaireadh an Diabhuil. 5. Le bhi ag ſeoladh an dleaſdanais dhoibh, agus ag nochdadh tuilleadh agus tuilleadh do mhaiſe na naomhachd dhoibh, agus do 'n fheum ata aca orra. 6. Le bhi cur fa 'n comhair eiſempleibh inn leanmhuin Chrioſt, agus nan naomh air am bheil aithris ann ſna ſgriobtuir. 7. Le bhi 'g an ſdiuradh c' ait' an coir dhoibh dol, chum neart fhaghail ann ſgach dleaſdanas.

C. *Cionnas ata am focal 'g an togbhail ſuas ann an co'-fkurtachd?*

F. 1. Le bhi toirt comharthaidh agus dearbhadh dhoibh air obair nan gras nan anamaibh fein. 2. Le bhi 'g an tabhairt chum geallaibh fuarachaidh maitheamhnais cionta trid fuil Joſa Crioſt. 3. Le bhi nochdadh nan geallaibh dhoibh ata air buan-mhaireachduin ann gras, agus air freaſdal nuadh neart, chum obair, agus cogaidh, dleaſ-

danais,

danais, agus d' fheuchain. 4. Le bhi toirt lan dearbhadh dhoibh air nadurra neo'-chaochlach graidh Chriosd, agus an nuadh-cho'-cheangail ata air a dheagh riaghluchadh. 5. Le bhi toirt feallaidh dhoibh air na nithe mor agus glormhor ata air an taisgidh fan comhair na dhiadh so.

C. *Cionnas ata an Spiorad leis an fhocal ag togbhail suas nan naomh ann naomhachd agus ann co'fhurtachd?*

F. Ata e ag deanamh so tre creidimh, no le iad fein a bhi cur creidimh ann gniomh air firinnibh, agus geallaibh an fhocal; leis am bheil iad gu daingean 'g an dlu' ghabhail, agus ag tarruing beatha an anamaibh uapadh, Gniomh. 15. 9. Rom. 15. 13. 1 Phead. 1. 5. 6.

C. *C' ar son ata co bheag eifeachd aig an fhocal san linn so, a dh' iompochadh agus a thogbhail suas?*

F. Do bhri gu do bhrosduigh sinn spiorad De chum taruing air ais o shearmonachadh an fhocal, agus nach 'eil sinn ag teachd 'g a ionnsuidh le deasachadh agus urnuigh, le creidimh agus tuir air aireadh; no gu bheil an deagh shiol ag tuiteam air a creagaibh, air an roid mhor, no 'measg sroighionn.

Ceist XC. *Cionnas as coir am focal a leaghadh agus eisteachd chum 's gu 'm bithidh se eifeachdach chum slainte?*

F. Chum 's gu deant' am focal eifeachdach chum slainte, is feumail dhuinne aire thabhairt dh' a le ulluchadh, le dicheall, a gabhail chugain le creidimh, agus gradh, a chur ann taisge ann ar croidheachan agus a chuir ann gniomh ann ar beatha.

C. *Am bheil focal De efeachdach do na h uile ata 'g a leaghadh agus 'g a eisteachd?*

F.

F. Cha 'n 'eil ; oir ata moran 'g a leaghadh agus 'g a eiſteachd ſeadh tos, 'g a thuigſin, nach 'eil 'g a chreidſin da ri reeàdh.

C. *Am bheil e laghail do 'n phobul chuit chinn na ſgriobtuire a leaghaan ?*

F. Ata ; oir dh' aithn' Crioſt e, agus ata muintir Bherea air an cluachd' air a thon, Eoin. 5. 39. Gniomh. 17. 11.

C. *Am bheil barrantas ac' am focal a ſhearmonacha mar an ceadna ?*

F. Cha 'n 'eil barrantas aig neach air bhith am focal a ſhearmonachadh acb an dream aig am bheil gibhte iomchuidh air a thon, agus ata gu dligheach air an gairm chuige ſin, Rom. 10. 14, 15.

C. *Nach bu choir do gach ſior Chriſtaidh mor ghradh a thoirt d' fhocal De?*

F. Bu choir ; oir is e ata ag ſtiuradh ar beatha, ar comhairleach ann 's gach tionndach 's e ata 'g ar conbhail ſuas ann la na trioploid, agus an leabhar ann ſam bheil gach dearbhadh aguinne air ar ſonas neamhaidh.

C. *Nach bu choir do ſmuainteachadh air Ifrdar, crioch, agus co'-ſtalh an leabhair ſo, ar brofdachadh chum a leaghadh gu curamach ?*

F. B' eadh ; oir bu choir dhuinn amharc air mar liteir phriſeil air a deachdadh le Spiorad De ; bu choir dhuinn gabhail ris mar litir gráidh o neamh ata foſgladh ſuas ſún Dhe ann an gràdh d' ar 'e anamaibh ; bu choir dhuinn dol ga ionnſuidh mar 'ar 'n aran lathail, agus ar lón, agus bhi gach aon la a' fiofruchadh toil De ann, agus le ſo, bhi gabhail a chomhairle m' ar dleaſdanas ann ſgach cás.

C. *C' uin' a bu choir dhuinn am Biobul a leaghadh ?*

F. Ni h ann amhain air la an Tighearna, ach mar an ceadna air laithibh ſeachd-uin ; mar aon moch, agus anmoch, do bhri' gu 'm bheil feum aguinn

aguinn air do ghna', chum ar beothachadh g' ar dleasdanas, a thoirt misnich dhuinn ann s gach d' fheuchain, fuasgladh ann sgach teagamh, agus neart ann aghaidh gach buaireadh.

C. *Creud an doigh air am bu choir dhuinn am focal a leaghadh?*

F. Air thus, bu choir dhuinn amharc suas re Dia chum a bheannugha' san fhaghail air, agus ann sin, bu choir dhuinn a leaghadh le creidimh, agus le h urram, a bhi 'g a cho'-chuir ruinn fein, mar gu 'm bitheamaid air ar 'n aimneachadh gu sonruighte ann s gach aithne, gealladh, achdmhasan, bagradh, agus co'-fhurtachd ata ann; agus bhi gu curamach ag toirt faidear do na nithe sin a's mo 'ta ag freagradh d' ar staid ne. Agus ann bhi ag leaghadh gach cuid dheth, bu choir dhuinn Crioft a bhi aguinn san amharc do ghna' mar chrioch, suim, agus briogh nan sgriobtuir gu leir.

C. *Creud an doigh air am bu choir dhuinn bhi 'g eisteachd re leaghadh agus re searmonachadh an fhocail?*

F. Ata cuid do nithe r' an deanamh roi' laimh, cuid do nithe r' an deanamh san am, agus cuid do nithe ann diaidh laimh.

C. *Creud iad na nithe ata feumail roimh eisteachd an fhocail chum s gu 'm bithidh e eifeadhcach chum slainte?*

F. An dias sin, eadhon, ull'-uchadh, agus urnaigh.

C. *Creud an t ull-uchadh ata feumail roimh eisteachd an fhocal?*

F. 'S eigin dhuinn gach smuaintidh agus curam saoghalt' a chur air cul, agus bhi 'g altrom smuainteadh urramach air morachd Dhe d' am buin am focal ata sinn r' a eisteachd; agus bhi toileach gu h iriosal bhi air ar teagasg leis sin. Bu choir dhuinn bhi ag fiosrachadh ar staid, ar 'n uir-easbhuidh agus ar peacaibh, agus bhi deonach cul a

chur ris gach peacadh 'ta 'm focal ag dìteadh, agus aontachadh leis gach dleasdanas ata am focal ag sparragh oirn'.

C. *Creud am feum ata air a leithid so do ull'-uchadh, fa chomhair dleasdanasaibh follasach?*

F. Ata mordhachd, agus eud mhorachd an De sin, d' am bheil sinn ag teachd am fogus ag iarruidh so aig ar laimh ne, agus as comharthadh maith gu soirbhich sinn 'n ar dleasdanas, mu bhitheas ar chroidhe air a ghleusadh air a shon, Sal. 10. 17. "Ull'-uichidh tu 'n croidhe, agus bheir "thu air do chluas gu 'n eisd i."

C. *Am bheil am focal ag soirbhicheadh uair air bith air anamaibh nach 'eil air an ull'-uchadh?*

F. Ge nach 'eil adhbhar dochais aca d' a thaobh so, gidheadh ata Dia 'n a throcair ard Thighearnail, air uairibh 'g a thaisbeanadh fein do'n dream nach 'eil 'g a iarruidh.

C. *Am fead duin air bith dol a dh' innsuidh an fhocail ann earbsa r 'a dheasuchadh fein?*

F. Cha 'n fhead; ach amhain, ann earbsa re feartaibh Chrioft, agus congnamh an Spiorad naoimh.

C. *Ciod an ghne urnaigh ata feumail roimh eisteachd an fhocail?*

F. Urnaigh irioſal agus dhurachdach, mar aon gu h uaigneach, agus ann ar teaghlachaibh.

C. *Creud iad na nithe bu choir dhuinn iarruidh ann ar 'n urnuigh am b' aill leinn gu 'm bithidh am focal eifeachdach?*

F. Bu choir dhuinn bhi guidhe gun ſdiuradh Dia am fear teagaiſg chum focal na firinn a roinn gu ceart, agus a labhairt focail ann am iomchuidh ris na h uile, gun doirteadh Dia amach a Spiorad oirn fein, agus air a chol' thional gu leir; gu 'n deonaiche eiſean a bheannughadh air fhocal fein, chum anamaibh a dhuſgadh, iompochadh, agus an togbhail ſuas.

C. *Creud ata mar fhiachadh oirne ann am eis-*

teachd

teachd chum 's gu 'm bithidh am focal eifeachdach chum flainte?

F. 'Seigin dhuinn eifteachd le geur-aire creidimh, gradh, macantas, agus tim chroidhe, Luc. 19. 48. Eabh. 4. 2. Luc. 24. 32. Seam. 1. 21. 2 Chron. 34. 27.

C. *Ciod a gheur aire ata feumail ann eifteachd an fhocail?*

F. Aire dhicheallach le 'r 'n inntinn a fhuidheach' air an fhocal, agus bhi re faire ann aghaidh gach fmuainteadh talmhaidh ann am eifteachd.

C. *Cia uaithe 'ta fmuaintidh feachranach ann am eifteachd ag frutha?*

F. O chroidhe talmhaidh, o inntin neo'-churamach, o fhuilibh luaidhneach, agus o dhroch cleachduin.

C. *Creud an t olc ata ann an fmuainteadh feachranach ann am eifteachd?*

F. Ataid a cur corruigh air Dia, ataid nan dimeas air uile leirfineachd fin, ataid 'g ar conbhail o chuimhneachadh an fhocail, ataid 'g a bhacadh dhratha air ar croidhe, agus o thoradh a thabhairt.

C. *Cionnas a bhios finne air ar coimhid o fmuainteadh feachranach?*

F. Bu choir dhuinn bhi re faire, agus re urnaigh 'n an aghaidh; fmuainteadh urramach, altrom air latharachd agus uile leirfineachd Dhe, agus bhi curamach tuilleadh graidh a bhi aguinn do 'n fhocal: oir an ni fin d' an toir finn fpais focruighe finne ar 'n inntin air.

C. *Cionnas a fheachnas fin marbhantas, * naimhleifge, no trom chodal ann am eifteachd?*

F Le bhi fmuainteachadh gu bheil an Dia mor ag labhairt ruinn, gu bheil beatha agus bás air an cur far comhair, agus gu bheil gairm aguinne eifteachd air fon leas ar 'n anama, 2 Cor. 5. 20. Deut. 30. 19. Agus 32. 46, 47.

* clo-codail.

C. *Ciod e an creidimh ata feumail ann leaghadh, agus ann eiſteachd an ſhocail, chum 's gu 'm bithidh e eifeachdach chum ar ſlaint ne?*

F. Is é an creidimh ſin, an t anam a bhi a' toirt creideas do 'n fhocal mar dhearbh fhirinn, do bhri' gu bheil é air a dhainigneachadh, agus air a chonbhail ſuas le fia' nais De. Mu bhithis ar creidimh an eiſteachd do 'n ghne cheart, 'ſ eigin dhuinn a chreidſin gur h e focal De ata ann, agus gu bheil ann ni ata e ag radh ſior agus neo'-mhearachdach, agus 'ſ eigin dhuinn gabhail ris mar ſin ; gu ſonruighte ris an fhiadhnais a thug Dia dhuinn, a chreidſin gu bheil Dia ag labhairt ruinne mar gu b' ann air ar 'n ainm, ann ſgach gealladh, bagradh, agus achdmhaſan ata 'n a fhocal ſin, agus uime ſin, is coir dhuinn an cuir ruinn fein, agus cha 'n e bhi 'g an cuir uaithne.

C. *C' ar ſon nach roibh ſearmonachadh an fhocail tarbhach do phobull Iſrael?*

F. Do bhri nach roibh é air a chuir' meaſg le creidimh ann ſan droing a chual é, Eabh. 4. 2.

C. *Am bheil an' droing ata 'g eiſteachd an fhocail ann creidimh, a' gabhail ris mar an ceadna le mor mheas agus le gradh ?*

F. Ata.

C. *Cionnas ata ſin ſoilleir ?*

F. Le iad a bhi ag feitheamh gu curamach air, agus le bhi 'g a chuir am pries ni as mo na nithe as luach mhora air thalamh, mar 'ta or, airgiod, agus an lon ſaoghalta, Sal. 19. 10. agus 119. 72. 127. Job 23. 12.

C. *Creud ata mar fhiacha oirne ann diaidh bhi 'g eiſteachd an fhocail, chum 'ſ gum bithidh é eifeachdach chum ſlainte ?*

F. 'S eigin dhuinn a thaiſgidh ſuas ann ar croidheacha', agus a chuir ann gniomh ann ar beatha.

C.

C. *Creud ata thu cialluchadh le bhi taisgidh fuas ann fhocail ann ar croidheachan?*

F. Urrad air' a thoirt do 'n fhocal ann ar tuigse, ann ar meoghair, agus 'n ar ciat fadha, is nach bi e ann comas ni talmhaidh air bith fhogradh amach, ach gu 'm bi finn 'g a chuimhneachadh 'g a chnuasachd, agus ag smuainteach air, fad ann diaidh laimh.

C. *Creud an tairbh ata ann bhi taisgidh fuas an fhocail air an doidh so?*

F. Bhithidh é co'-sta'-ch mar shrian d' ar conbhail air ar 'n ais o pheacadh, Sal. 119. 11. "Dh' fholuigh me t fhocal a' m' chroidhe, "chum 's nach peacaichin a' t aghaidh."

C. *Creud a nithear re droch mheoghair, nach 'eil ag chobhail an fhocail ann diaidh dhuinn bhi 'g a eisteachd?*

F. 'S eigin dhuinn saothrachadh chum righeachd air mothachadh do chumhachd an fhocail, agus meas mor a bhi aguinn dheth, oir an ni a bhios luachmhor 'n ar suilibh cha dio-chuimhnich sinn e, mar nach dio'-chuimhneich bean bainse a seudan, Sal. 119. 16, 93 Jer. 2. 32.

C. *Ciod is cial do bhi cur an fhocail ann gniomh ann ar beatha ann diaidh e isteachd?*

F. Bhi ag toirt umhlachd do gach ni ta Dia ann a fhocal a nochdadh dhuinne mar ar dleasdanas, agus bhi ullamh chum a chuir ann gniomh.

C. *Creud a bharail a bhios aguinn m' an droing ata 'g eisteachd an fhocail, ach ata gnuasachd 'n a aghaidh, agus a' buanachadh nam peacaidh?*

F. Feadar a' meas mar neo'-chreidmhich, agus mar naimhde do Chriost, agus d' a shoisgeul sin.

Ceist XCI. *Cionnas ata na sacramainte air*

an deanamh na meadhona eifeachdach chum flainte?

F. Ata na facramainte air an deanamh eifeachdach chum flainte, ni h ann o bhriogh air bith ata ionnta fein, no fan ti do ni am fritheala, ach trid beannacha' Chrioft amhain, agus oibreachadh a Spioraid fin fan droing a ghabhas chuc' iad le creidimh.

C. *C' ar fon a dh' orduigh Dia na facramainte?*

F. Chum bhi na meadhona flainte, agus gu fonruighte, a mheuducha' grais agus co'-fhurtachd a luchd muintir fin, ann an ftaid an * oilthirea-ir thalamh.

C. *Nach 'eil am focal leoir fhaghainteach chum na criche fa, a's eagmhuis nan facramainte?*

F. Bu choir dh' a finne thoileacha, gu 'm faca an Dia ata iomlan ann gliocas, an ordughadh le cheile, mar mheadhona iomchuidh r' an gnathachadh chum flainte.

C. *Creud an t-oider dhealuch ata eadar am focal agus na facramainte mar mheadhonaibh flainte?*

F. Ata cheud aon chum creidimh a ghineamhuin, agus an dara aon eile chum a dhaingneachadh; ata 'm focal a' labhairt ris a' chluais, agus na facramainte ris an t-fuil.

C. *C' ar fon a chuir Crioft facramainte ris an fhocal?*

F. Chum bhi 'n an comharthaidh fo fhaicfin air a ghradh, do 'n chinnidh dhaon' a' leigheas ar neo'-chreidimh, a neartughadh ar creidimh, a dh' aith-bheo'-achadh ar gráfaibh, agus ar deagh thograibh. Is aithne dh' a ar fonn, gu bheil na nithe a chi finn le 'r fuilibh, ag drutha oirne ni as mo na nithe a chluin finn le 'r cluafaibh amhain.

C. *Am bheil na facramainte na meadhona grais agus flainte do na h-uile ata 'g an gabhail?*

F.

* an cuairt.

F. Cha 'n 'eil, ach do na daóinibh taghd' amhain.

C. *C' ar ſon nach 'eil iad air an deanamh cifeachdach do na h uile?*

F. Do bhri' nach 'eil am fearta, agus an eifeachd uapadh fein, ach o Dhia an ughdar ſan, neach air bhi dh' a na dheanadach ſaor, ata e ag co'-pairteach' am fearta r' a phobull, do reir a dheadh thoile fein.

C. *Nach 'eil feart air bith ann 'ſ na ſacramainte dhiu fein, no leis an gniomh o 'n leith muigh a cho'-pairteachadh grais r' an luchd gabhail?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Am bheil fearta nan ſacramainte ag teachd o rún, deaſachadh, foghlum, naomhachd, no eud na ti ata 'g an frithealadh?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Cia uaithe ma ſeadh, ata eifeachd agus feartaibh nan ſacramainte?*

F. O bheannughadh Chrioſt, agus o oibreachadh a Spioraid ſin amhain.

C. *'M bu choir do dhuin' air bith earbſa re lóm fheitheamh air na riaghailtibh ſin?*

F. Cha bu choir.

C. *Cied a bu choir dhuinn iarruidh do ghna' & bhi 'g amharc air a ſhon ann an gnathachadh nan riaghailtibh ſo?*

F. Beannughadh Chrioſt, agus oibreachadh a Spioraid ſin.

C. *Creud ata 'n Spiorad a' deanamh le oibreachadh ſin, chum na ſacramainte dheanamh eifeachdach?*

F. Ata e cur beatha agus fearta ann ſna h ordnighin, agus le ſin ag aifig agus a co'-chuir Chrioſt, agus a ſhochairibh ſin re anamaibh dhaoine.

C. *Nach 'eil an Spiorad le oibreachadh ſin, a cur beatha ſpioradail ann an uile chumhachda agus buaidhibh an anama?*

F. Ata.

C.

C. *Ciod a bhar' ail a bhios aguinn air an droing ata ag aich fheun, no re fanoid air oibreachadh an Spiorad air anamaibh dhaoine ann gnathachadh nan orduighean ?*

F. Gu 'm bheil iad feolmhor, as eagmhuis an Spioraid; agus 'n an coigreichibh do ghráfa De.

C. *Nach 'eil ftaid na muintir fin ro bhrónach ?*

F. Ata; " oir neach air bith aig nach 'eil " Spiorad Chriofl, cha bhuinn fe dh' a," Rom. 8. 9.

C. *Co d' am bheil an Spiorad ag deanamh nan Sacramainte eifeachdach ?*

F. Ni h ann do na h uile ata 'g an gabhail, ach dhoibhfin amhain ata 'g an gabhail tre creidimh.

C. *Nach 'eil an creidimh fo, mar an ceadna leis am bheil gach fochair eile, air an co'-pairteachas air an oibreachadh ann fan anam leis an Spiorad ?*

F. Ata.

Ceift XCII. *Creud is facramaint ann ?*

F. An t facramaint, is ordugh naomh le Crioft e ann am bheil Crioft, agus coi'-cheangail' nan gras, air an taisbeanadh, air an feulachadh, agus air an cur ris na creidmhich le comharthaidh corporra fo fhaicfin.

C. *Am bheil am focal fo, facramaint r' a fhaghail ann fan fgriobtur ?*

F. Cha 'n 'eil, ach ata an ni ata é ciallachadh ann fin, agus ata 'm focal ro fheaghail & * fean.

C. *Ciod am focal ata aguinn fna fgriobtur 'n a cite ?*

F Ata comharthaidh agus feulaibh aguinn, Rom. 4. 11. Gin. 17. 11. Exod. 12. 13.

C.

* air a ghnathach' o fhein,

C. *Cia uaithe 'ta 'm focal so sacramaint air a ghabhail?*

F. O na Romanaich, a bha 'g a ghnathachadh mar mhionnan faighd'-fhearachd, leis an roibh saighd-fhearа 'g an ceangal fein gu bhi fior agus dilies d' an cinn-fheana. Acb a chuid a chuid, thainig e gu bhi air a cho' chur re baiste, agus suipeir an Tighearna, do bhri' gu 'm bheil sinn leo sin, 'g ar ceangal fein, gu bhi 'n ar saighd'-fheara tairis dilies do Josa Criost ceannard ar slainte-ne.

C. *C' ar son a deirir ordugh, no riaghailt naomh re sacramaint ann san fhreagradh?*

F. A deirir riaghailt ria, do bhri' gur h e Dia a dh' orduigh i; deirir riaghailt, no ordugh naomh ria, do bhri' gu roibh i air a h ordugha leis an Dia naomha, air son daoine naomh, agus chum criocha naomh.

C. *C' ar son a deirir gu bheil i air a h ordugha' le Criost?*

F. A thoirt fios dhuinn gur h e Criost, neach ata na cheann do 'n eaglais, aig am bheil cumhachd amhain, a dh' ordugha sacramainte innte, agus nach 'eil iad na m fior shacramainte nach roibh air an ordugha' leis sin.

C. *Creud am seum na 'm foghnadh ata ann sacramainte?*

F. Is e as foghnadh dhoibh, bhi nan comharthaidh, agus nan soilaibh, so fhaicsin do 'n eaglais, air na sochairibh a chosain Criost, agus mu am bheil eider-mheadhoin-earachd sin.

C. *Creud an da ni ata ann an sacramainte?*

F. Ata 1. Na comharthaidh corporra so fhaicsin, 2. Na nithe neo'-fhaicsineach ata air an ciallachadh agus air an taisbeanadh leo sin.

C. *Cia'd ata thu ciallachadh le comharthaidh so mhothacha' no so fhaicsin?*

F. Elemeinte agus gniomhartha air an gnathachadh ann sna sacramainte, ris an abrar comh-

arthaidh

arthaidh ſo mhothuighe, do bhri' gu bheil iad air am faicſin le 'r ciat fadha corporra.

C. *Creud iad na comharthaidh ſo fhaicſin ata air an gnathachadh annſna ſacramainte ?*

F. Ann ſa bhaiſteadh, ata uiſge air a chrathadh air a' chorp: Ann an ſuipeir an Tighearna 'ta aran air a bhriſeadh agus air ithe, & fion air a thaoſgadh amach agus air ól.

C. *Nach 'eil na h elemeinte agus na gniomhartha ſo, nan ſeulaibh co mhaith as nan comharthaibh ?*

F. Ata.

C. *Creud an t eider dhealuch' ata eatorra mar comharthaibh agus mar ſheulaibh ?*

F. Mar ataid nan comharthaidh, ataid a' cialluchadh no taiſbean ſochairean no tiodhlacadh dhuinne; mar ataid nan ſeulaibh, ataid ag naſgadh agus ag daingneachadh na coir ata aguinn' orra ſin.

C. *Creud iad na tiodhlacaidh agus na ſochairean, ata air an taiſbeandh, air an ſeula, agus air an co'-chuir ruinne, leis na comharthaibh agus na ſeulaibh ſin ?*

F. Is iad ſin Crioſt, agus ſochairibh an nuadh choi'-cheangal, eadhon, gach tiodhlac a choſain Crioſt, ata air an cuir amach, agus air an tairgſe dhuinne ann an coi'-cheangal nan gràs.

C. *Am bheil na ſacramainte ag naſgadh, agus ag daingneacha' nan ſochaire ſo do na h uile 'ta 'g an gabhail ?*

F. Cha 'n 'eil, ach do na creidmhich amhain; ata ann taobh ſtigh do 'n choi'-cheangal, oir an dróing ata 'n taobh 'mach dh' e, ataid a' cur ſeul Dhe re ni gun bhriogh.

C. *C' ar ſon a deirir an nuadh choi'-cheangal re coi'-cheangal nan gràs ?*

F. 1. Deirir an nuadh-choi'-cheangal ris, d' a eidir dhealuchadh o ſhean choi'-cheangal nan oibriidh, a rinneadh r' ar ceud ſinnſire, noch a bhris iad.

iad. 2. Deirir air uairibh an nuadh choi' cheangal, no an tiomnadh nuadh ris, chum eidirdhealuch' o 'n doigh air an roibh coi'-cheangal nan gràs air a fhrithealadh o shean le samhluighean agus le Iobairtibh m' an d' thainig Crioſt ann san fheoil.

C. *An roibh sacramainte air bith ceangailte re coi'-cheangal nan oibridh ?*

F. Bha dias ann mar an ceadna, eadhon a' chraobh eolais, agus craobh na beatha.

Ceiſt XCIII. *Cia iad sacramainte an tiomna-nuaidh ?*

F. Is iad sacramainte an tiomna-nuaidh, baiſteadh, agus ſuipeir an Tighearna.

C. *Creud iad na sacramainte a' bha ann an coi'-cheangal nan gràs fuigh 'n t sean tiomnadh ?*

F. Bha dias ann, eadhon, timchill ghearradh, agus uan caiſg; agus ata baiſteadh, agus ſuipeir an Tighearna aguinne 'n an aite ſin anois.

C. *Ann ionnan ſuim agus briogh do shacramainte an t sean tiomnuidh, agus an tiomna nuaidh ?*

F. 'S ionann, oir ataid 'n an ſeula air an aon choi'-cheangal, agus ataid mar aon ag taitbean' Chrioſt & a ſhochaire ſin.

C. *Creud an t eidir dhealuch' ata eatorrra ma 'ta ?*

F. Bha sacramainte an t sean tiomnuidh ag taisbeanadh Chrioſt a bha re teachd air doigh ni bu doirche, ach ata sacramainte an tiomna-nuaidh ag taisbeana' Chrioſt a thainig cheana air doidh is ſoilleireadh, agus ni as ſo thuigſin.

C. *Creud an t eidir dhealuch' ata eidear baiſte agus ſuipeir an Tighearna ?*

F. Ata am baiſteadh mar dhorus a ghabhail a ſteach, agus ni bheil ſinn r' a fhaghail ach aon uair, mar bha an timchill ghearra. Ata ſuipeir

an

an Tighearna chum beathaichaidh agus altrom, agus r' a gabhail gu tric, mar bha an t uan caisg.

C. *Ciod an ni a bh' ann san uan chaisg?*

F. Bha, uan air a mharbhadh, air a rosdadh le teine, agus air ithe gu h iomlan, le luidheanaibh searbh, agus le aran gun laibhin, leis an roibh Crioft agus t hulangas air an taisbeana' agus bhi 'g a ghabhail sin le creidimh, agus fior aithreachas.

C. *Cionnas ata é soilleir nach 'eil ach da shacramaint faoi 'n tionna nvadh?*

F. Do bhri' nach d' orduigh Crioft ceann na h eaglais tuilleadh mar shacramainte, ach baiste, agus suipeir an Tighearna; ni mo ta tuilleadh feumail, do bhri gu 'm bheil an dara h aon 'n a chomharth' agus 'n a sheul air ar gineamhuin spioradail, agus an aon eile air ar beathachadh spioradail.

C. *Nach 'eil na Papanaich a cur tuilleadh sacramainte ris an dias sin?*

F. Ataid ag cur cuig eile riu, eadhon, co'-dhaingneacha', peanas t hulang, ordughadh, posadh, agus ola bais.

C. *C' ar son nach sheadar gabhail riu sin mar shacramainte?*

F. Do bhri' nach 'eil a h aon dhiubh sin air an ordughadh le Crioft mar shacramainte; agus ge 'ta ordughadh agus posadh air an aithne le Dia, gidheadh ni bheil ionnta sin, no aon do chach, cuid air bhith do f hior shacramainte, ni mo ataid nan seula air coi'-cheangal nan gras.

Ceist XCIV. *Creud is baisteadh ann?*

F. Am baisteadh is sacramaint e ann am bheil ionnlad le h uisge ann an ainm an Athar, a Mhic, agus an Spiorad naoimh, ag ciallucha'

ciallucha' agus ag feulachadh, gu bheil finne air ar fuidheachadh ann Crioft, agus 'n ar luchd co'-pairt do fhochairibh choi'-cheangal nan gras, agus ag feulachadh fos ar moide gur leis an Tighearna finn.

C. *Ciod ata 'm focal baifteadh a' ciallucha' ?*

F. Is focal greugach é, agus ata e cialluchadh ionnlad : Mar fo ata e air a ghabhail, Marc. 7. 8. Luc 11. 38.

C. *Creud iad an da phairt ata ann fan t facramaint fo ?*

F. Ata. 1. An comhartha' corporra fo fhaicfin ata air a ghnathachadh ann fan leith muigh. 2. An ni fpioradail neo'-fhaicfineach ata air a chialluchadh leis.

C. *Creud é an comhartha' corporra ata ann fo ?*

F. Ionnlad a' chuirp le h uifge, agus bhi gnathachadh briathra an ordughaidh.

C. *Creud é an ni fpioradail ata ionnlad an uifge ag ciallucha dh ?*

F. Ata e cialluchadh, 1. Bhi ag ionnlad air falbh cionta' a' pheacaidh le fuil Chrioft, ann ar fireanachadh. 2. Bhi ag ionnlad air falbh falachar a pheacaidh, le Spiorad Chrioft ann ar 'n aithghineamhuin, agus ann ar naomhachadh, Taif. 1. 5. Eoin. 3. 5.

C. *Ciod iad na nithe ann fan bheil an chofamhlachd ata eidear uifge agus fuil Chrioft, leis na fochairean a chofain eifean ag co-fhocafamh ?*

F. Ann fna nithe fin, eadhon, 1. Ata uifge a' glanadh air falbh falachar a chuirp mar an ceadna ata fuil Chrioft a' glanadh ar 'n anama o pheacadh. 2. Ata uifge ag cur as do theine, mur finata fuil Chrioft a' cur cofg air feirg Dhe. 3. Ata uifge ag maothacha' na talmhain, mar fin ata fuil Chrioft ag maothachadh ar croidheachan cruaidh ne. 4. Cha 'n fhead ar corpuibh teachd beo as eagmhuis

an uiſge, ni mo a dh' f headas ar 'n anamaibh as eagmhuis fuil Chrioſt. 5. Ata uiſge ſo f haghail, agus ſaor do na h uile, agus ata Crioſt le uile ſhochairibh ſaor mar an ceadna. 6. Ni bheil feum air bith ann ſan uiſge mar gnathaichear é, ni mo ata eifeachd ann am fuil Chrioſt mar bi iair a tó'-chuir le creidimh.

C. *Am bheil e laghail ni air bith a chuir ris an uiſge ann ſa bhaiſteadh?*

F. Cha 'n 'eil; oir ge 'ta na Papanaich ag meaſgadh ola, ſalain, uachdair, agus ſile leis an uiſge, agus mar an ceadna a' gnathachadh comhartha a' chroinn-cheuſaidh, ann ſa bhaiſte, gidheadh ni bheil ann ſna nithe ſin uile ataid ag cur ris an uiſge, ach diomhaineas, mio laghail, gun bharrantas air bith o f hocal De.

C. *C' ar ſon nach feadar comhartha a' chroinn-cheuſaidh a chonbhail ſuas ann ſa bhaiſte, do bhri' gu 'm b' e rún-dhaoine leſo, a theagaſg do 'n dream a bhaiſtear gun naire a ghabhail ann bhi ag aidmheil Chrioſt air a cheuſadh?*

F. Ata na Papanaich ag toirt rioſana coſlach air ſon na nithe eile ataid a toirt a ſteach ann ſan bhaiſte co mhaith re ſo, ach do bhri' gu roibh comhartha' a' chroinn-cheuſaidh air a thoirt a ſteach do 'n eaglais leis na Papanaich co mhaith ris an uachdar, agus ris an t ſalann; bu choir a chuir a thaoibh leo ſin mar innlichdibh ana-crioſtaidh ata ann aghaidh nan ſgriobtur.

C. *Am bheil é feumail an corp a thumadh, no chuir faoi 'n uiſge ann am baiſte, do reir gnathachadh nan ceud linnibh, mar 'ta cuid ag radh?*

F. Ciod air bith a dh' f headadh a dheanamh re cuid ann an duthchanadh bu teoghaidh, bithidh e ro chunntartach, gu ſonruighte do naoidheana ann ſna duthana ſuar ſo an tumadh ſan uiſge, & uime ſin, ata ſinn 'g ar toileacha fein leis an uiſge a chrathadh orra: agus ata barrantas gu leoir aguinn o 'n ſgriobtur air ſon a ghnathachaidh ſo.

C.

C. *Creud am barrantas ata ann san sgriobtur air baiste le crathadh an uisge?*

F. 1. Chi sinn gun abrar baiste re nighe bhordaibh, Marc. 7. 4. agus is fiosrach sinn gu deanthar so le dortadh, agus cha 'n ann le tumadh. 2. Bha clann Israel air am baisteadh do mhaois ann san neul, 1 Cor. 10. 2. agus rinneadh so le bhi ag crathadh ann uisge orra. 3. 'N uair a deirir gu roibh gach uile uithe air an glanadh le fuil a reir an lagh: ata é air innseadh dhuinn gun d' rinneadh so le fuil na h iobairt a chrathadh orra, agus cha b' ann le bhi 'g an tumadh innte, Eabh. 9. 21, 22. 4. Ata é ro chosmhail, o 'n staid ann san roibh moran a chuaidh bhaisteadh air am bheil aithris aguinn' san sgriobtur, gun d' rinneadh é le crathadh, no dortadh an uisg' orra.

C. *Creud iad na heisempleiribh ata agad san amharc?*

F. 1. Ata sinn ag leaghadh air tri mile a bhaiste leis na h abstolaibh re cuid do aon la, Gniomh. 2. 41. Ni nach f'headadh a bhi air a dheanamh ann uine co ghaoirid an d' thugadh iad a dh' ionnsuidh aimhne iad, agus gu tumadh iad gach aon fa leith dhiubh innte. 2. 'N uair a bhaist' Philip an caillteanach o Ethiopia, Gniomh. 8. 30. Cha 'n 'eil e cosmhail gu n do ruisg agus gu do thum se san aimhuinn é, 'n uair a bha se air astar, agus gun bhi air doidh air bith deas air a shon sin, ach 'n a aite sin, gun deach' iad ann san uisge gu n uig an abruin, air bhi cos ruisgte dhoibh, do reir gnathachadh nan linnibh sin, agus gu do dhoirt se an t uisg' air, do reir na faidh-doirachd a bha an caillteanach ag leaghadh, Isa. 52. 15. " Mar sin " crathaidh se moran rioghachda." 3. 'N uair a bhaist Ananias Pol, chi sinn gu roibh e steach ann san tigh, Gniomh. 9. 17, 18, 19. Agus ni bheil e cosmhail gu rachadh se 'mach gu bhi air a thumadh ann an amhuin ann san staid lag agus an-

mhunn ann ſan roibh é ſan am ſin, 4. 'N uair a chuaidh Corneliús, agus a chairdibh a bhaiſte, bha iad ſan tigh, agus chuaidh uiſge ghairm chum a dheanamh ſan aite ſin, Gniomh. 10. 47, 48. 5. Mar an ceadna, bha ſear coimhead a phriofuin ann Phillippi, agus a theaghlach a ſteach 'n tra' bhaiſt Pol agus Silas iad, Gniomh. 16. 32, 33. oir cha 'n fheadar a mheas gu 'm fagadh an dorſoir aite, agus gu rachadh ſe 'mach ann ſan oidhche le theaghlach uile, agus gu ceaduiche e do Phol, agus do Shilas a bha nan priofuineach, dola mach cuideachd a dh' ionnſuidh aimhne chum an tumadh innte. 6. B' e gnathachadh na h eaglais o ſhean, daoine tinn a bhaiſteadh air an leabuidh; agus is cinnteach nach fheadadh iad ſin a bhi air an tumadh ann ſan uiſge, ach gur h ann a bha an t uiſge air a chrathadh orra.

C. *Nach 'eil ſinn ag leaghadh gun roibh Eoin ag baiſteadh aig Jordan, agus aig Enon, do bhri' gu roibh pailteas do 'n uiſg' ann ſna h aitibh ſin; agus mu chuid a bha dol ſios ann ſan uiſge chum am baiſte, agus a' teachd anois as an uiſge, Gniomh. 8. 38. ?*

F. Rinn Eoin roghain do na h aitibh ſin, do bhri' gu roibh na h uiſgibh coitcheann ionnta, ni nach roibh air an doidh ſin ann ionadaibh eile do 'n duthaigh thartmhor ſin, agus mo dhol ſios do 'n uiſge, agus teachd anois as, ata ſo air a radh m' an dream a bha ag baiſteadh co mhaith ris an dream a bha air am baiſteadh, agus cha 'n fheadar tumadh a tharruing uaithe. Os barr, feadar na briathra a ghabhail mar ſo, chuaidh iad ſios chum an uiſge, agus thainig iad anios as an uiſge.

C. *Creud ata crathadh an uiſge ann am baiſteadh ag ciallugadh dhuinne ?*

F. Ata e cialluchadh dhuinn gu 'm bheil ſinn ſalach agus truailleadh thaobh nadurra, thaobh ar peacadh gin, agus gu bheil feum mor againn a bhi air ar 'n ionnlad uaithe.

C.

C. *Am fead an t uiſg' ann ſa bhaiſteadh ar glanadh o 'n truaill-eachd ſo ?*

F. Cha 'n fhead; is i fuil Chrioſt amhain ata air a cialluchadh leis an uiſge a dh' fheadas ſo a dheanamh.

C. *Cionnas ata fuil Chrioſt 'g ar glanadh o 'n pheacadh ?*

F. Leis an Spiorad naomh a bhi a' co' chuir buidheadh agus fearta fuil Chrioſt r' ar 'n anamaibh.

C. *Co an t ainm ann ſam bheil daoin' air am baiſte ?*

F. Ann an ainm an Athar, a Mhic, agus an Spiorad naoimh.

C. *Creud ata gnathachadh nam briathra ſin ann am baiſteadh ag cialluchadh ?*

F. Ata iomad ni, eadhon, gu bheil an riaghailt ſo air a frithealadh le barrantas o neamh; agus gu bheil an neach ata air a bhaiſte a' mionnachadh umhlachd do ughdarras Dhe, agus gu bheil ſe leis a ghniomh ſo, air a choiſreagadh, agus air a cheangal, gu creidimh, aidmheil, adhradh, agus umhlachd do 'n Trionaid naomha; agus gu 'm bithidh earbſa do ghna' re deagh ghean, gràs agus teaſairgin o 'n Athair, o 'n Mhac, agus o 'n Spiorad naomh.

C. *Nach 'eil baiſteadh ag ſeulacha coi' cheangal eidear Dia agus ſinne ?*

F. Ata.

C. *Cid iad na nithe ata air an ſeulachadh agus air an gealladh air taobh Dhe ann ſo ?*

F. Gu bi e na Dhia dhuinne, gu ſuidh'-eich e ann Crioſt ſinn, gu n toir e coir dhuinn air uile ſhochaire an nuadh-choi' cheangail, a chofain Crioſt le fhuil phriſeil fein.

C. *Creud iad na ceangail, agus an naſgadh fuidh am bheil ſinne a teachd ann ſo ?*

F. Gur leis an Tighearna ſinn ann annam, agus ann corp, ann gnathachadh co mhaith as ann aid-

mheil a thoirt feirbheis dh' a, agus a cathachadh air a chrann fad uile laithe ar beatha.

C. *Creud ata an t ſhochair ſo, ſinne bhi air ar ſuidheachadh ann Crioſt a' cialluchadh?*

F. Gu bheil ſinn air ar briſeadh o 'n t ſean f hreamh, nadurra, agus air ar ſuidheachadh ann Crioſt am freamh beannuighte o 'm bheil ſinn ag tarruing briogh chum fás agus toraidh, Eoin. 15. 5. Rom. 11. 17.

C. *Am bheil an t ſhochair ſo air a ſealachadh dhuinne le baſteadh?*

F. Ata.

C. *Creud iad ſochaire chi'-cheangail nan grás ata air an ſeuluchadh dhuinne le baiſteadh?*

F. Gach uile thiolac a choſain Crioſt le f huil fin, eadhon, bhi air ar gabhail a ſteach do 'n eaglais f haicfineich agus coir f haghail air gach ſochair a bhuineas dhi, mar ata foillſicheadh ſpioradail, maitheamhnas peacaidh faorſadh o f heirg Dhe, agus cairdeas ris, ath-ghineamhuin agus naomhachadh, ſdiuradh an Spioraid, coimhid agus freaſdal athaireil, fás ann gras, agus buan-mhaireachdainann, bhi air ar deanamh iomchuidh fa comhairſonais neamhaidh, buaidh air a bhás, agus ais-eirigh chum beatha ſhiorruidh.

C. *Am bheil baiſteadh ag ſeuluchadh agus ag curgach ſochair dhiubh ſin air an aon doidh ris na h uile ata air am baiſte?*

F. Cha 'n 'eil; oir do 'n droing ata air an tagha, agus nam fior chreidmhich, ata é 'g an ſeulucha' gu neo'-f huaſgailte, ach dhoibh ſin ata mar ſin tridaidmheil amhain, ni bheil é 'g an ſeulucha' ach air chumhnant' gu bheil iad da rireadh do reir an aidmheil.

C. *Am bheil na creidmhich ag faghail co'-pairt air ball do na ſochairibh ata air an ſeulacha' dhoibh ann am baiſteadh?*

F. Ge 'ta an coir air a ſeulachadh ſan am ſin, gidheadh ata Dia na dheanadach faor, agus cha

'n

'n 'eil e ceangailte ris a mhionaid fin, ach ata e ag co' pairteach' a ghrais, agus a deanamh ordugh fein eifeachdach 'n uair is aill leis, agus mar is aill leis.

C. *Am bheil fochair air bith aig na neo'-chreidmhich tre baiſte?*

F. Ata; oir le 'm baiſteadh ataid air an ſcarrachduin ſan leith muigh o 'n chuid eile do 'n t ſaoghail, agus o 'n Diobhail, agus o 'n fheoil, agus gu ro fhoilleaſach air an coiſreagadh do 'n eaglais fhaicſineich, agus coir air a naſgadh dhoibh a thagradh air orduighibh, tairgſe, agus geallaibh an t ſoiſgeul, mar caill iad fin le 'n droch ghiulan ann diaidh laimh.

C. *Am bheil baiſteadh a' toirt peacadh gin air falbh, agus ag ath-ghineamhuin, mar ata na Papanaich, agus cuid eil' ag radh.*

F. Cha 'n 'eil; oir mhair Simon Magus ann ſtaid neo'-iompoighte ann diaidh a bhaiſteadh; agus ata na daoin' as fearr a' caoidh an gin-chionta, fad uile laithe am beatha.

C. *Am bheil am baiſteadh feumail chum ſlainte air doidh neo' fhuaſgailte?*

F. Cha 'n 'eil; oir bha an gadaidh neo'-iompoighte air a theaſairgin as eagmhuis: Cha 'n e easbhuidh a' bhaiſte, ach bhi re dimeas air, ata cur ann cunntart doruinn ſhiorruidh.

C. *Creud am feum ata am baiſteadh ma ſeadh?*

F. Ata aithne Chrioſt 'g a dheanamh feumail do bhri' gu 'm fac' eiſean iomchuidh orduchadh, 1. A dh' eidir-dhealucha' nan crioſtuidhean o dhaoin' eile. 2. Mar ſhruth chlaiſh a ghrais fin. 3. Mar chomhartha a theagaſg ar truaill eachd trid peacaidh, agus ar cungaidh leigheis ann an Crioſt dhuinne. 4. Mar ſheul a dhaingneachadh coir nan creidmhich air ſochairibh an nuadh cho'-cheangail. 5. Mar chuing 'g ar ceangal r' a ſheirbheis fin.

Ceiſt

Ceist XCV. *Cia d' an coir am baisteadh a fhrithealadh?*

F. Ni an coir am baisteadh a fhrithealadh do aon neach ata ann taobh muigh do 'n eaglais fhaicsineach, gus an aidmhich iad an creidimh ann an Crioft, agus an umhlachd dh' a, ach is coir naoidheana na droing ata 'n am buill do 'n eaglais fhaicsineich a bhaisteadh.

C. *Am bheil am baiste r' a fhrithealadh do na h uile dhaoine?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Co do nach coir am baisteadh a fhritheala?*

F. Cha choir a fhrithealadh do chinneich & do neo'-chreidmhich, no do 'n droing ata ag aidmheil bhi nan crioftuidhean, ma bhios iad ain-eolach, no mio-nosach agus scannaileach.

C. *C' ar son nach seadar iad sin a bhaisteadh?*

F. Do bhri' nach sheadar amharca orr mar bhuill do 'n eaglais fhaicsineach, no ann taobh stigh do 'n choi'-cheangal, agus mar sin, ni bheil coir aca air a sheulaibh, Eph. 2. 12.

C. *Creud na cumhnantaibh air am seadar an droing sin a gabhail ann am baisteadh?*

F. Le 'n aontachadh leis an t soisgeul, agus le bhi 'g aidmheil an aithreachais agus an creidimh ann Crioft, agus an rún umhlachd a thoirt dh' a san amhain, Gniomh. 2. 38. Mat. 3. 6. Gniomh. 8. 13.

C. *Co an dream aig' am bheil fior choir air a bhaisteadh?*

F. Iadsan ata 'n am buill do 'n eaglais fhaicsineach agus an naoidheana sin, Gniomh. 2. 39.

C. *Co ris an abair thu an eaglais fhaicsineach?*

F. Luchd aidmheil Chrioft gu h uile seadh an t saosghail gu leir, ata gu soilleasach a' gabhail ris an fhior chreidimh, maille r' an sliochd san,

1 Cor. 7. 14. Gniomh. 2. 39. Rom. 11. 16. Gin. 17. 7.

C. *Creud iad na fochairean ata aig an eaglais fhaicfineich cis-cionn a chuid eile do 'n t saoghal ?*

F. Ata coir aig an eaglais fhaicfineich air coimhead curamach Dhe am builfgean gach cuntart agus namhad, bhi ag mealtain ordhighean agus miniſtreileachd an t foifgeul, agus co'-chomunn ris na naoimh, 1 Tim. 4. 10. Ifa. 31. 5. Eph. 4. 11, 12. Mar. 16. 15, 16. Gniomh. 2. 39. 42.

C. *Co ris an abair thu an eaglais neo'-fhaicfineach ?*

F. Ris na fior chreidmhich ann Crioft gu h uile, eadhon, iadfan nach 'eil amhain ag aidmheil Chriofi o 'n leith muigh, ach mar an ceadna, ata 'n am beo' bhloideadh do Chriofi mar an ceann, leis am bheil an anamaibh air an ath nuadhachadh, ni ata Dia amhain ag faicfin : agus uime fin, deirir an eaglais neo'-fhaicfineach riu fan.

C. *Creud na fochairibh ata aca fan thar chach ?*

F. Ata co'-chomunn aca re Crioft mar aon ann gras, agus ann gloir.

C. *Am bheil coir aig naoidheana air baifteadh ?*

F. Ata coir aig naoidheana nan creidmhich, no na droing ata 'n am buill do 'n eaglais fhaicfineich air baifteadh, ach cha 'n 'eil coir aig each eil' air.

C. *Cionnas ata thu co' duchadh an coir fin air baifte ?*

F. Do bhri' gu bheil naoidheana nan creidmhich ann taobh ftigh do 'n choi'-cheangal, amhail is mar ata na parantaibh fein, mar fo, dhineis Dia do Abraham, ann fa choi'-cheangal a rinn fe ris, agus le fin, dhaingnich agus thaifbean e choir a bh' aig a fhliochd nan naoidheana air an t feul fo, leis am bheil iad air an gabhail a fteach do 'n choi-cheangal, Gin. 17. 7. 10. " Daingnichidh mi mo choi'-cheangal eidear mife " agus thu, agus do fhliochd a' d' dhiaidh, ann

" fgach

" ſgach linn, mar choi'-cheangal ſiorruidh;
" gu 'm bi miſe a' m' Dhia dhuit, agus do
" d' ſhliochd a' d' dhiadh. Agus bithidh gach
" uile ghin mhic 'n ar meaſgſa air an timchill-
" ghearradh." Anois', is e coi'-cheangal nan gràs ann ſam bheil Crioſt na eidir mheadhoinear, a rinneadh re Abraham, agus ata gach creidmhich do ſhiol Abraham trę creidimh, agus nan oighreachan air a choi'-cheangal maille ris, agus ata an coi'-cheangal ſo ſiorruidh, agus ata na geallaibh agus na ſochairibh ata ann, mar bha iad o ſhean, ge 'ta na ſeulaibh air an atharracha: uime ſin, ata ceart choir aig naoidheana nan creidmhich air baiſteadh anois a bh' aig ſiol Abraham air timchill ghearradh o ſhean, oir is ionann ſuim agus briogh dhoibh. Agus chi ſin gu bheil an tabſtol Peadar gu ſoilleir ag taiſbean na coir leanmhuinn ſo, Gniomh 2. 38, 39. " Gabhaibh aith-
" reachas. agus bithibh air bhur baiſteadh gach
" aon agaibh, oir ata 'n gealladh dhuibhſe, agus
" d' ar cloinn. Agus uaithe ſo, ata 'n t'abſtol Pol ag radh gu bheil clann nan creidmhich naomh, 1 Cor. 7. 14. 'Se ſin r' a radh, naomh ann an daimh coi'-cheangail mar bha na h Judhaigh nan rioghachd naomh, Do bhri gu roibh iad air an ſuidheachadh ann ſa choi'-cheangal tre timchill ghearradh, agus gu foilleaſach air an coiſreagadh do 'n Tighearna, agus air an deanamh 'n am buill do 'n eaglais ſhaicſineich, mar ata ar naoidheanaibh ne le baiſteadh.

C. *Cionnas ata e foilleir gu 'n d' thainig am baiſteadh ann ait' an timchill ghearradh?*

F. Ata ſo air a dhearbhadh, Col. 2. 11, 12. Os barr, ata e foilleir gu bheil iad mar aon ag. tiaſbean truaill'-eachd ar naduirne, agus ſlighe ar glanaidh trid dortadh fola Chrioſt.

C. *Creud an tuilleadh barrantas ata agad o 'n ſgriobtur air ſon naoidheana a bhaiſteadh?*

F. 1. O Mhat. 28. 19. Far an d' thug Crioſt aithne

aithne d' a chuid abstol gach cinneach a dheirscoibladh, agus am baisteadh, agus is naoidheana cuid mhor dhiubh sin. Agus cha roibh feum air lith air an ainmeachadh gu sonruighte, do bhri' gu roibh an coir air a socruchadh iomad linn roimhe so, le timchill ghearradh; ge 'ta e air innseadh dhuinn air ball gu roibh an coir air a buanachadh dhoibh mar bha i roimh, Gniomh. 2. 38, 39. Agus gu deimhin, bu mhi riosunta bhi ag smuainteachadh, gu 'm bithidh an staid na bu mheasa le taisbean Chriost ann san sheoil, na bha i roimhe. 2. Ata dearbhadh aguinn gu bheil sochairean nan cinnich anois co sharsaing is a bha sochairean nan Judhaigh, thaobh gur aon ann Criost iad uile, Rom. 3. 29. Agus 10. 12. Gal. 3. 14, 28. 3. Ata e air innseadh dhuinn Rom. 11. Gu 'm bithidh na h Judhaigh airis air an suidheachadh nan crann ola fein, mar a bha iad air an gearradh dheth. Agus uaithe so, is shuras a tharruing gu bi an sliochd san a bha air am briseadh dheth maille riu fein, air an suidheachadh ann mar bha iad roimhe. 4. Ata na sgriobtuiribh ag nochdadh gu bheil naoidheana comasach air co' pairt do na sochairibh luachmhor sin, eadhon, maitheamhnas cionta, congnadh an Spiorad, creidimh, gras, agus gloir, agus uime sin, ata Criost 'g an cuireadh gu cairdeil, agus 'g an gabhail ann glacaibh a ghraidh. Isa. 44. 3. Agus 65. 23. Jer. 1. 5. Mat. 18. 6. Marc. 10. 14, 16. Luc. 1. 15. Air an adhbhar sin, buinidh comharth' agus seul nan sochairibh sin dhoibh mar an ceadna. 5. Ata sinn ag leaghadh gu 'n do bhaist na h abstolaibh teaghlaichean gu h iomlan gun bhacadh air an naoidheana, Gniomh. 16. 15, 33. 1 Cor. 1. 16. Agus ann so lean iad eisempleir nan Judhaich a bha timchill ghearradh nan Gintelèach a bha 'g aontachad le 'n creidimh sin, agus an clann mar an ceadna. Agus do reir eisempleir na abstol, ata e soilleir gu roibh an eaglais

ann

ann 'ſna ceud linnibh a baiſteadh naoidheana parantaibh crioſtuidh.

C. *Nach 'eil ſinn ag leaghadh gu roibh na h abſtoil ag teagaſg agus daoin' ag aidmheil an creidimh m' an roibh iad air am baiſteadh?*

F. Ata, ach b' iad ſin amhain an droing a thainig gu h aois ann taobh 'mach do 'n eaglais fhaicſineich, a bha r' an coſnadh chum a chreidimh Chrioſtaidh m' an roibh iad fein nan clann gu bhi air am baiſteadh. Ach ata naoidheana nach 'eil comaſach air foghlum a ghabhail, no air an creidimh aidmheil r 'a meas mar chuid d' am parantaibh, ata re ſeaſamh nan aite, agus re freagradh air an ſon, gus an d' thig iad gu tuigs' agus rioſuin; air achd as ma bhios na parantaibh naomh, agus a' meaſg na dream ata air am beannuchadh le Dia; gur coir an naoidheanaibh a mheas mar ſin maille riu ſan, do reir Rom. 11. 16. Iſa. 65. 23. Ann ſa cho'-cheangal a rinneadh re Abraham agus r' a ſhliochd, ann ſan roibh an timchill-ghearradh mar ſheul, agus ann ſan roibh co'-pairt aig na naoidheana. cho dubhairt e riuſan, ach re h Abraham, "Gluas thuſa a' m' lath-"air ſe, agus biodh foirfe," Gin. 17. 1.

C. *Ma 'ta clann óg r 'an gabhail chum baiſteadh, c' ar ſon nach fheadar ſuipeir an Tighearna a thoirt dhoibh mar an ceadna?*

F. Do bhri gu bheil e mar fhiacha air na h uile a ghabhas Suipeir an Tighearna iad fein a cheaſnuchadh, agus aithne a dheanada air corp an Tighearna, ni nach 'eil ann comas naoidheana, do bhri' nach 'eil iad air teachd gu tuigſe. Agus air an adhbhar ſin, ge do bha clann nan Judhaichd air an timchill ghearradh, cha roibh iad ag faghail co'-pairt do 'n uan chaiſg, thaobh nach roibh iad comaſach air fioſrachadh a ghabhail, no eolas fhaghail air na bha e cialluchadh, do reir Exod. 12. 26. Ata an t ſeul, leis am bheil iad air

an

an gabhail a fteach, ag toirt coir dhoibh air fochairibh, ach ata an aon eile chum cuimhneachan a chonbhail fuas air na fochairibh fin, ni nach fheadar a dheanamh gun eolas.

C. *Co d'am buin naoidheana na h eaglais fhaicfineich a thaifbeanadh am baifteadh, no feafamh mar urras air an fon?*

F. Buinidh e gu fonruighte do pharantaibh an clann a thaifbeanadh do Dhia ann am baifteadh, do bhri' gu bheil iad air a meas mar chuid dhiubh fein, agus gur ann air an fon ata coir ac' air baifte, agus le fo, air aontachadh ann ainm an cloinne re coi'cheangal nan grás, agus cha bhuin fo do 'n dream ris an abrar Dia aithreacha, agus Dia mhaithreacha, 'f ann aig na parantaibh ata ughdarras air am foghlum, agus air freagairt air an fon do Dhia, agus gus an d' thig iad gu h aois roghain a dheanamh air an fon fein, ata toil nam parantibh amhain r' a ghabhail air fon an toile fin.

C. *Nach'eil parantaibh Crioftuidh faoi na ceangail es treife, ann clann a thoirt a dh' ionnftuidh Dhia ann am baifteadh?*

F. Ata; 1. Do bhri' gu do choifreig iad iad fein, agus gach ni ata aca do 'n Tighearna. 2. Do bhri' gur ann d' an trid fin ata am peacadh gin a' frutha air an cloinn; ata e mar fhiacha orra co fhad' a's ata e 'n an comas, an eacoir a leafachadh, le bhi 'g an tabhairt chum tobar fola Chrioft d' an glanadh, agus a dh' ionnfuidh a choi'-thionail, chum congnamh an urnaigh fhaghail.

C. *Am bheil iad fin uile ann an coi'-cheangal re Dia, agus ag faghail coir air fonas biothbhuan, ata ag faghail na feula fo dheth, gu fonruighte a chlann fin a ghinthear le parantaibh ata da rireadh Diadhaidh, is ata 'g an toirt fein fuas gu treimh-dhireach do Dhia ann am baifteadh?*

F. 1. Ma dh' eugas a chlann fin ann am an oige, m' an dean iad fein ni air bhith chum an choir a chall, ata barrantas aguinn a chridfin gu bheil iad air an teafairgin. 2. Ata coir aig a' chloinn trid am breith agus am baifte, air iomad fochair, agus tiodhlac o'n leith muigh, ois cionn dhaoin' eile ; uaithe fo, ata am baifteadh air a chofamhluchadh re airc Noah, leis an roibh a theaghluch air an teafairgin o'n tuill co mhaith ris fein, 1 Phead. 3. 21. 3. Ata adhbhair tagraidh as treife aig clann parantaibh Diadhaidh air fochairibh a choi'-cheangail na 'ta aig cach eile, do bhri' cha 'n e 'mhain, gu 'm fead iad agradh gu bheil iad air an coifreagadh do Dhia le baifte, agus gur h e Dia, Dia an aithreacha, ach gur iad f[illegible]fiochd na muintir fin, ris an do dhaingnich [illegible]unradh, agus d' am bheil na geallaibh air [illegible]. Ach, 4. Bu choir dhoibh a chuimh[illegible]mar dean iad feum d' an coir 'n tra' th[illegible]h aois, le bhi gabhail ris a choi'-cheangail [illegible]n fein, agus gniomh am parantaibh a dhaingn[illegible]headh, gu 'm bheil iad ag call an coir air fochairibh flainteil a' choi'-cheangail.

C. *Ciod am fónn anama, agus na fmuainteadh bu choir do pharantaibh altrom, 'n uair ataid ag taifbean an naoidheana do Dhia ann am baifteadh ?*

F. Bu choir dhoibh amharc air ais air am boide baifteadh fein, an chumnant a dheanamh re Dia ann uaignuidheas, air an fon fein, agus air fon an fliochd ; agus an uile dhicheall a ghnathachadh chum a dheanamh cinnteach gu bheil iad do rein an coi'-cheangail re Dia, do bhri' gur ni ro fhonruighte fo dhoibh fein agus d' an fliochd ; oir ata an gealladh mar fo, " Bithidh mife a' m' Dhia " dhuibhfe, agus d' ar fliochd." Bu choir dhoibh bhi guidhe gu durachdach air fon grais d' an neartuchadh chum deagh fhoghlum, agus deagh eifempleir a thoirt dhoibh fin, chum bhi cofmhuil re Abraham athair nan creidmhich, ann

aithne

aithne thoirt d' an cloinn, agus d' an teaghlach 'n an diaidh, bhi ag coimhead fhighe an Tighearna, Gin. 18. 19.

C. *Ciod am feum bu choir do chloinn a dheanamh d' am baiſte 'n uair a thig iad gu haois ?*

F. 1. Bu choir do chloinn a ghinthear le parantaibh Diadhaidh, mor bhuidheachas a thoirt do Dhia cheann gu roibh an leithid ſin do pharantaibh aca, leis a n bheil an coir air ſochairibh coi'cheangail nan gràs co mhor air a daingneachadh. 2. Co luadh as a thig iad gu h aois, bu choir dhoibh am boide baiſte, agus a ni a rinn am parantaibh air an ſon a nuadhachadh, le bhi 'g an ceangal fein gu pearſonta re Dia, agus le bhi 'g an toirt fein ſuas do 'n Tighearna: agus bu choir dhoibh ſo a dheanamh air doidh fhoillſichadh ann an ſacramaint ſuipeir an Tighearna, chum 's gu 'm bithidh iad 'n an Crioſtuí eadar-tachadh fein, co mhaith is le coiſreagadh an parantaibh. 3. Bu choir dhoibh bhi tagradh air am baiſte, mar fheul, agus geall-barantas Dhe dhoibh ſin air maitheamhnas cionta trid fuil Chrioſt, a bha ſan am ſin air a co chuir leis an t ſacramaint. 4. Bu choir dhoibh feum a dheanamh d' am baiſte mar ſpor chum caithe bea tha Diadhaidh, mar ſgiath ann aghaidh gach buaireadh, agus mar chulladh-bhroſduicheadh chum Chrioſt agus ſlighe na firinn aid' icheadh gu miſneachail ann lathair an t ſaoghail, gun naire ghabhail air a ſgath ſan.

Ceiſt XCVI. *Creud i ſuipeir an Tighearna ?*

F. Suipeir an Tighearna is ſacramaint i, ann am bheil bás Chrioſt air fhoillſicheadh, le aran agus fion a thabhairt, agus a ghabhail do reir ordugh fein, agus an droing a ghabhas chuca gu h iomchuidh iad, ataid

(ni air mhodh feolmhor,) ach trid creidimh, air an deanamh nan luchd co'-pairt d' a chorp agus d' a fhuilfin, le uile fhochairibh, chum an altrom, agus am fas ann grás.

C. *Creud iad na h ainmibh coitcheann ata 'n riaghail fo ag faghail?*

F. Deirir fuipeir an Tighearna ria, 1 Cor. 11. 20. agus bord an Tighearna, 1 Cor. 10. 26. An Comunn, no comunnacha; 1 Cor. 10. 16. brifeadh arain, Gniomh. 2. 42. Cupan a bheannuchaidh, 1 Cor. 10. 16 Tiomnadh Chrioft, Luc. 22. 20. An fheifd, 1 Cor. 5. 8. Bu ghna' leis na ceud limnibh am buidheachas a radh ria, agus a deir finne gu coitcheann an t facramaint.

C. *C' ar fon a deirir fuipeir an Tighearna ria?*

F. O 'n am ann fan d' orduigh Crioft a h ughdar i, eadhon fan oidhche fin fein ann do bhrathadh e'.

C. *C' ar fon a dh' orduighe é fan oidhche i?*

F. Do bhri' gu roibh an t uain caifg gu bhi air ithe aig oidhche, agus b' i an t fuipeir ann fan am fin * biadh fonruighte an teaghluigh: agus feadaidh finn fo fhoghlum uaithe, gu bh eil an fheifd fo amhain air fon luchd muintir Chrioft, ata 'n a fhochair fan la agus fan oidhche, mar aon.

C. *Am bheil é mar fhiacha oirne an t facramaint fo choimhid an fan oidhche, mar rinneadh 'n tra dh' orduighe air thus i?*

F. Cha 'n eil; oir fguir an riofun a bha air fon fo a dheanamh aig oidhche, agus ann teaghluch diomhair: Bha fo air a dheanamh air thus air fon fuipeir na caifg' a bha r 'a h ith mar fo, agus bha fuiper an Tighearna re teachd na h aite fin;

* longadh.

ach

acfi ann an coi'-thionala. Sluagh-mhor, bhithidh an oidhche ro mhi iomchuidh air a fhon.

C. *C' ar fon a dh' orduigh Crioft an t-facramaint fo air ball ann diaidh an uain chaifg?*

F. A nochdadh gu 'n d' thainig aa d' ara h aon ann aite an aon eile, agus gur ionann feadh agus brigh dhoibh.

C. *Cionnas ata e foilleir gur ionann briogh dhoibh?*

F. Do bhri' gu roibh clann Ifrael ag ceangal an uain re ceithear laithe re poftaibh an leabaicheean m' an marbhadh iad é, chum is le ghna' mheiligh, gu conbhadh iad cuimhne air an traillealachd ghoirt ann fan Eiphte o'n d' fhuafgail Dia iad air doidh iongantach, agus mar an ceadna, a thoirt fealladh dhoibh air an do bron fpairneil, a bha a' Meffiah r'a fhulang, chum an faoradh o pheacadh, agus o ifrinn; mar fo, air an amhail cheadna, ata fuipeir an Tighearna na cuimhneachan feafmhach, air ar teafairgin trid bás agus fulangas Chrioft, ar fear faoruidh ghlormhor o pheaca agus o chorruigh Dhe,

C. *C' ar fon a dh' orduigh Crioft an riaghail fo, ann fan oidhche fin fein ann do bhrathadh é?*

F. 1. Chum dearbhadh laidir a thabhairt air a ghradh d' a luchd muintir, ann deafachadh ni bu mho air fon co'-fhurtachd dhoibhfin, no air fon teafairgin dh' a fein, 'n uair a chunnairc e cumhachdaibh neamh, na talmhain, agus ifrinn gu leir ann ordu' cathadh 'n a aghaidh. 2. Chum 'f gun d' thugamaid fainear gu ceart do 'n aithn' a thug e dhuinn m' an riaghail naomh fo, mar bhriathraibh deireannach ar flanuidh-fhear, a bha dol a dheanamh tuilleadh mor air ar fon' ne, na bha ann comas an t fhoghail gu leir a dheanamh.

C. *Am bheil fuipeir an Tighearna na h iobairt co mhaith as na facramaint?*

F. Cha 'n 'eil; oir ge 'ta na Papanaich gu h oiltejll ag truailleadh na riaghail fo, agus 'g a

tionndadh gu iobairt na h aifrionn, leis am bheil iad ag diultadh gu 'm bheil iobairt Chrioſt dheth fein a'r a chrann cheuſaidh leor fhoghainteach a thoirt peacaidh air falbh, agus le ſo, ata iad ciontach ann an crabhadh thar tomhas, agus ann ſan iodhol adhradh as graineile: gidheadh ni bheil ann ſuipeir an Tighearna ach ſacramaint amhain, ni nach 'eil air doigh air bhith coſmhuil re iobairt: oir ata ſacramaint na cuimhneachan air ſochair a fhuair ſin o Dhia; ach le iobairt ata ni eigin air a tairgſe, no air a tabhairt do Dhia chum a thoilleachadh air ſon peacaidh, ni a rinneadh le Chrioſt aon uair air a chrann cheaſuidh, agus nach fhead tachairt uille am feaſd.

C. *Ciod am modh air an coir dhuinn an t ſacramaint a ghabhail?*

F. Ann an ſuidhe mu bhord, mar is gnath le daoine ann am biadh, agus chi ſinn gur ann mar ſo a rinn Chrioſt agus a dheiſciobuil, Mat. 26. 25, 26. Luc. 22. 14. far am bheil e air a radh, "Shuidh iad ſios aig a bhord."

C. *Nach 'eil e ni as ciat faiche, agus ni as curramaiche dol air ar glunaibh ſan am ſo?*

F. Cha bu choir dhuinn a ſmuainteachadh gur glice ſinne na Crioſt, no bhi ag cuir mio-thlachd no eas-urram as leith nan abſtol, agus nan ceud chrioſtuidhean, a bha gnathachadh ſuidhe ann gabhail na ſacramaint

C. *Co ma 'ta a dh' orduigh lubadh, agus c' uin a thainig an gnathacha ſo ſteach?*

F. Dh' orduigh Honorius, an dara Papa do 'n ainm ſin, ann an toiſeach na treas linn deug.

C. *Ciod uime a dh' orduigh é glun-lubadh?*

F. Mar ni a bha leannmhuin air teagaſg na * nuadh-bhrioghach, a bha air orduchadh le Innocent an treaſa, gaoirid roimhe ſin. Agus chunnairc iad iomchuidh ann ſin, dol air an glunaibh chum adhradh a dheanamh do 'n aran ann ſan

* briogh atharacha.

ſan t ſacramaint, ni a bha iad ag creidſin a bha air atharacha' gu fior chorp Chriosd.

C. *An coir do dhream air bith do luchd aidmheil a chreidimh aith-leaſaighte, aontacha le Papanaich, agus le luchd lodhol adhraidh ann nam mearachdaibh agus nan crabhadh-thar tomhas?*

F. Cha choir.

C. *Creud iad na h eilemeinte no na comharthaidh ſo fhaicſinn ata air an orduchadh ann ſuipeir an Tighearna?*

F. Aran agus fion.

C. *Cionnas ata iad re nan gnathachadh?*

F. Ann diaidh dhoibh bhi air am beannachadh ata an t-aran re bhi air a bhriſeadh, air a thabhairt, agus gu bhi air ithe; agus air bhi do 'n fhion air a thaoſgadh amach, ata e re a thabhairt, agus re na ól.

C. *C' ar ſon ata na comharthaidh ſo mar aon air an gnathachadh?*

F. A dhaingneachadh ar creidimh ne ni as mo, agus a thoirt taiſbean ni as ſoilleireadh dhuinn air bas agus fulangas Chriosd, agus a nochdadh ſaidhbhreas agus pailteas na ſaorſa, agus gach leaſachadh ata ann Criosd air a cheuſadh air ſon anamaibh cailte.

C. *Am fead ſinn abhlan a ghnathachadh ann ait an arain mar 'ta na Papanaich ag deanamh?*

F. Cha 'n fhead; oir cha bhithidh ſin na comharth' iomchuidh air beathachadh ſpioradail, ni mo a bhitheadh e na bhriſeadh arain a reir ordugh Chriosd.

C. *Ciod ata an t aran ag cialluchadh ann ſo?*

F. Joſa Criosd, aran na beatha a chuaidh thabhairt air ſon loin d' ar 'n anamaibh.

C. *Ciod ata am fion ag cialluchadh?*

F. Fuil luachmhor Chriosd, agus gach ſochair ſhaibhear, agus co' fhurtachd fuarachaidh 'ta ag ſrutha uaithe ſin d' ar 'n ionnſuidh ne, mar 'ta

fuaſgladh

fuasgladh o fheirg, maitheamhnas cionta, fith re Dia, agus fith coguis, comas teachd am fogas do Dhia ann 'f gach dleasdanas, neart agus fas ann gras, fios fhaghail air gradh Dhe, agus fealladh blasta air sonas neamhaidh.

C. *Ciod ata briseadh an arain, agus taosgadh 'mach an fhiona ag cialluchadh?*

F. Bron agus fulangas Chrioft gu h uile air ar son ne, gu sonruighte briseadh agus reubadh a chuirp sin air a chrann cheusaidh, agus dortadh fhola air son ar peacaidh ne.

C. *Creud ata air a chialluchadh le bhi ag tabhairt an arain agus an fhiona do 'n luchd comunnachaidh?*

F. Ata e ag cialluchadh gu 'm bheil Dia ag tabhairt Chrioft air a cheusadh, le uil' oifigibh, agus uile shochairibh do 'n droing ata 'g an gabhail tre creidimh.

C. *Ciod e ata air a chealluchadh leis an luchd comunnachaibh a bhi gabhail an arain agus an fhiona?*

F. Ata e ciallúchadh, lamh a chreideamh a shineadh amach, a ghabhail re Crioft gu h iomlan, do reir tairgse an t soisgeil; le bhi 'g a cho' chuir gu dlu; agus gu sonruighte re feumaibh an anama.

C. *Am bheil coir aig a phobul air a chupan comhaith ris an aran?*

F. Ata, agus cha 'n fhead neach air bhith a chonbhail uatha, do bhri' gun d' orduigh Crioft feisd agus lón iomlan d' a luchd muintir, oir a dubhairt se ris a chead luchd comunnachaidh, "Oluibh uile dheth."

C. *Cia d am fodn anama; agus an giulan leis an coir dhuinn bhi ag amharc air an aran air a bhriseadh, agus air an fhion air a thaosgadh amach, agus leis an coir dhuinn an gabhail?*

F. Bu choir dhuinn bhi cuimhneachadh air Crioft air a bhriseadh agus air a lot' le croidheachan

an brifteadh, agus le fpioradaibh bruite, air fon ar peacaidh ne leis an do lot' finn eifean; bu choir d' ar 'n anamaibh bhi air an lionadh le teas ghradh agus le buidheachas do Chrioft a ghradhaich finne air an doigh fin as gun d' thug e fuas e fein mar dhioladh air fon ar peacaidh' ne; bu choir d' ar 'n anamaibh comhnuidh a ghabhail 'n a lotaibh fin, mar ar tearmain amhain, o 'n fhear agartais, fola, agus bhi ag tagradh le fuil agus feartaibh Chrioft, air fon gach aon ni 'ta dh' eas bhuidh oirne o Dhia.

C. *Creud i crioch airid na facramaint fo 'ta air thus air a h ainmeacha' ann fan fhreagra?*

F. Bhi ag foillfeachadh bas Chrioft do reir, 1 Cor. 11. 24, 25, 26.

C. *Cionnas ata fian gu bás Chrioft fhoillfeachadh ann fan riaghail fo?*

F. Le bhi 'g a ath-thabhairt g' ar cuimhne le mor-iongantas, agus buidheachas do Dhia air fon a leithid fo do fobairt, agus bhi ga tagradh na lathair fin amhain mar bharrant ar dochais' ne. Agus mar an ceadna, le bhi ag taisbeann ann lathair an t faoghail, gradh iongantach Chrioft, ann am báfachadh air ar fon-ne, agus ar 'n-earbs' is ar muinghin ann am feartaibh a bhais fin, bhi gu follafach ag aidmheil, gur ann d' a luchd muintir finn, agus ag nochdadh leis an ghniomh fo, nach 'eil finn ag gabhail naire do chrann ceufaidh Chrioft, ach ag deanamh uaill as.

C. *C'ar fon is aill le Crioft gu foillfich finn a bhás air an doidh fo?*

F. Mar fhiadhnais air ar buidheachas air a fhon, agus gu 'm bheil finn ag creidfin gur h e bás Chrioft amhain fteigh ar flaint ne, agus mar an ceadna gu bheil an cuimhneachan fo air, na meadhon ro fhonruighte, a cheannfuchadh a pheacaidh, a dh' ath bheathacha gráis, a mhaothacha' ar croidheachan, agus a fhrithealadh co'-fhurtachd dhuinn fuidh gach adhbhar mi mhifnich.

C.

C. *Ciod ata r' a thuigſin le luchd gabhail iomchuidh ann ſan ſhreagradh ?*

F. Gach fior chreidmhich, is iad ſinn amhain ata iomchuidh, agus ata cur creideamh agus gradh ann gniomh ann gabhail na ſacramaint ; cha 'n é gu 'm bheil neach air bith iomchuidh ann ſeagh lagha, no gur airidh iad air trocair, ach deirir gu 'm bheil iad iomchuidh, do bhri' gu bheil iad a gabhail air doidh iomchuidh & thaitneach, mar aon thaobh an ſtaid agus ſonn an anama ; agus ata ſo 'g an deanamh iomchuidh do reir an t ſoiſgeil.

C. *Am feadar co' pairt ſan t ſacramaint ſo, a thabhairt do 'n droing ata lag ann creidimh agus fuidh mhoran eagail, maille re luchd gabhail iomchuidh ?*

F. Feadar, oir 'ta creidmhich anmhunn a meaſg cairdibh Chrioſt, d' am bheil e a tabhairt cuireadh, agus ſan aca 'ta coir air aran na cloinne ; os barr, chuaidh an riaghail ſo orduchadh mar mheadhon, chum neart ſpioradail, agus gràs a thabhairt dhuinne.

C. *Ach neach ſead na creidmhich annmhunn agus amharaſach ſin, fuireachd air an ais, gus an rig iad air neart agus co'-ſhurtachd ?*

F. Cha 'n fhead ; oir ata neart agus co' fhurtachd r' am faghail ann an ſlighea chreidimh agus ann gnathachadh na meadhona a dh' orduigh Dia, chum na criche ſin ; agus cha 'n 'eil abhar aguinn duil air bith altrom, gu 'm fuigh ſinn iad, am feadh an ni ſinn dearmad air an riaghail naomh ſo, ata na h aon do na meadhona ſin.

C. *Creud an tairbh ata luchd gabhail iomchuidh ag faghail ann ſan riaghail ſo ?*

F. Ata iad air an deanamh 'n an luchd co' pairt do chorp agus do fhuil Chrioſt, le uile ſhochaire ſin.

C. *Cionnas ata luchd gabhail iomchuidh air an deanamh*

deanamh 'n an luchd co' pairt do chorp agus do fhuil Chriosd ?

F. Ni h ann ar mhodh feolmhor, ach air mhodh spioradoil.

C. *Cionnas ata iad ag faghail co' pairt dhiubh sin air doidh spioradail ann san t sacramainte ?*

F. 'N uair a gheabh iad an coir air sochairean, agus toraidh bais Chriosd a dhaingneachadh, le bhi air an cuir an sealbh ionnta ; no 'n uair ata an anamaibh da rireadh, ag faghail co' pairt do na sochairibh sin ann cail eigin ann san t saoghal so fein.

C. *Creud iad na sochairean agus an toradh do chorp agus do fhuil Chriosd, d' am bheil luchd gabhail iomchuidh ag faghail co' pairt ?*

F. Maitheamhnas cionta, saorsadh o fheirg Dhe, lamh an uachdar air a pheacadh, neartuchadh gráfaibh, leighis air plaighean an anama, fuatgladh air gach teagamh, sgaoileadh o gach cuibhreach, sealladh blasta air gradh Dhe, agus air gloir fhiorruidh, agus an leithid sin.

C. *Nach 'eil sinn air ar deanamh 'n ar luchd co'pairt do chorp agus do fhuil Chriosd air mhodh corporra agus feolmhor ann san t sacramaint ?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Ciod an seagh ata aig na briathraibh sin ann san fhreagra ?*

F. A theagasg dhuinn, nach 'eil * nuadh bhrioghachadh idir ann, no atharachadh, air an aran no air an fhion ann san t sacramaint gu fior chorp agus fuil Chriosd, mar 'ta na Papanaich ag cur rompa.

C. *Nach 'eil Criosd gu fior agus da rireadh a lathair ann san t sacramaint ?*

F. Ata e lathair air doigh spioradail, le a Spiorad, agus le a' ghras, ach ni bheil e lathair air mhodh corporra.

C.

* briogh atharrach.

C. *Am bheil na h eilemeinte ag fanntain nan aran agus nam fion ann diaidh an cciſreagadh?*

F. Ata; oir 'ta ar tuigs' agus ar rioſun gu ſoilleir mar fhia' na's air a ſo, agus ata Crioſt, agus a chuid abſtol gu direach' 'g na ainmeacha' mar ſo. Ata an t abſtol Pol ann labhairt air an aran, tri uaireabh ag radh aran ris, ann diaidh a choiſreagadh, agus ata Crioſt ag radh toradh na fineamhain ris a chupan, ann am a fhrithealaidh, 1 Cor. 11. 26, 27, 28. Mat. 26. 29.

C. *Ciod e ma 'ta, is feagh do bhriathraibh ſin Chrioſt, "Gabhaibh, ithibh; is é ſo mo chorpſa, a "'ta air a bhriſeadh air bhur ſon-ſa?"*

F. Is é feagh foilleir agus direach nam briathraibh ſin, gu 'm bheil an t aran briſteadh a' cialluchadh agus ag taisbean corp Chrioſt, a bha gu bhi air a bhriſeadh agus air a lota air ar ſoin' ne. Air an amhail cheadna, a dubhairt Crioſt, "Is é "an cupan ſo an tiomnadh nuadh ann a m' fhuil'-"ſe;" cha 'n é gun roibh é ag cialluchadh gun d' atharraiche an cupan ſin gus an tiomnadh nuadh, ach amhain gu roibh é mar chumharth' agus mar ſheul air an tiomnadh nuadh agus air a ſhochairibh.

C. *Nach eigin do chorp Chrioſt fantain air neamh gu aimſiribh aiſig nan uile nithe, aig a theachd an dara h uair?*

F. Is eigin; ata an t abſtol Peadar ag labhairt ſo, Gniomh. 3. 21. Os barr; ata Joſa Crioſt é fein ag radh, anois cha 'n 'eil miſe ni 'ſ mo ann ſan t ſaoghai, Eoin. 17. 11

C. *Am fead ſior chorp duine bhi air neamh, agus air thalamh, ſeadh ann iomad mile uite do 'n talamh ann ſan aon am?*

F Cha 'n 'eil head.

C. *Am bheil é ag co' ſi eaſamh re ſtaid ghlormhor corp Chrioſt air neamh, gu 'm bithidh e tuille buailteach do fhulangas, agus do dhi-meas?*

F. Cha 'n 'eil.

C.

C. *Nach bithidh e buailteach dhoibh ſin am bitheagh teagaſg na nuadh bhrioghadh fior ?*

F. Bhitheagh ; oir le ſo dh' fheadadh e do ghna' bhi air a lot', ſeadh, air a thoirt as a cheile, no air a loſgadh : fheadadh e bhi air ithe le droch dhaoine, no le beiſtibh, agus air a thilgeadh a mach air an otrach ; nithe 'ta ro ſgreitidh r' a ſmuainteach mu chorp glormhor mhic De.

C. *Nach bu choir dhuinn briathra Chrioſt, is e ſo mo chorpſa, a thuigſin ann ſeagh coſamhlachd, thaobh gu 'm bithidh na nithe a leanadh ſeagh eile co mhi rioſunta ?*

F. B' eadh ; gu h airid, do bhri' gu 'm bheil Crioſt gu tric a labhairt r' a dheiſciobuil air an mhodh ſo, ag radh ris fein, aran, an dorus, an fhineamhuin, &c. Agus gu ſonruighte mu na ſacramainte, ag radh mu thimchill ghearradh, is é ſo dol thairis an Tighearna, Gin. 17. 10. Exod. 12. 11. Agus chi ſinn gu ſoilleir, gu 'm bheil an Spiorad naomh ag radh re creidmhich, is ſibhſe corp Chrioſt, 1 Cor. 12. 27. gidheadh ata na h uile ag cordadh mu na briathraibh ſin a ghabhail ann an ſeagh coſamhlachd : agus c' ar ſon nach gabhar briathraibh Chrioſt, is é ſo mo chorpſa, ann ſan t ſeagh ſin-mar an ceadna.

C. *O nach 'eil creidmhich ag faghail co' pairt do chorp agus do fhuil Chrioſt air mhodh corporra ann ſan t ſacramaint, cionnas ata iad ag faghail co'pairt dh' e ?*

F. Ata iad ag faghail co' pairt ann Crioſt leis an t ſacramaint trid creidimh, 'n uair ata toraidh agus ſochairibh bais Chrioſt air an co' chuir r' an anamaibh le creidimh, leis am bheil iad ag faghail beathacha ſpioradail, agus fás ann grás, Eabh. 3. 14. 1 Cor. 10. 16. Eoin 6. 35, 47, 58, 63.

C. *Cionnas ata creidimh r' a chuir ann gniomh ann gabhail a chomonnuiche ?*

F. Air iomad doidh, 1. Ann aithne a dheanamh air Crioſt air a cheuſadh, le uile ſhochairean

faoi na h eilemeinte, agus bhi ag amharc air fin air fon faorfadh agus flannuchaidh. 2. Le bhi ag teicheadh dh' ionnfaidh lotaibh Chrioft, chum dion o f heirg Dhe. 3. Le bhi ag dlu' ghabhail Chrioft, le uil' oifigibh, agus le uile fhochaire, mar ata e air a thairgfe dhuinne ann tabhairt an arain agus an fhiona. 4. Le cinnt agus lan dearbhadh a bhi aguinn, gu bheil foillfeachadh an t foifgeil, agus geallanna flainte trid fuil agus feartaibh Chrioft, fior agus da rireadh. 5. Ann bhi ag co' chuir feartaibh agus eifeachd fuil diolaidh Chrioft rinn fein, chum ar coguis a chuir na tofd, ar 'n anamaibh ath nuadhacha, ar peacaidh' ne a chuir fuidh chois, agus chum ar 'n ath bheothachadh, agus ar neartachadh ann grás. 6. Ann bhi ag tagradh na fola fo re Dia, chum logha cionta, chum 'f gun gabhadh é rinne gu taitneach, agus chum naomhachadh, agus glorachadh. 7. Le bhi 'g ar toirt fein fuas do Chrioft, eidear anam agus chorp, chum bhi air ar teagafg le a Spiorad, chum bhi air ar riaghluchadh le a reachd, & bhi air ar teafairgin le f huil fin.

C. *Am bheil na creidmhich ag faghail beathachadh, agus fás ann grás, le bhi ag cuir creidimh ann gniomh ann gabhail na facramaint air an doidh fo?*

F. Ata.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas finn ma 'ta finn ag faghail beathachaidh agus fás ann grás, leis an t facramaint fo?*

F. Feadaidh finn aithnich leis na comharthaidh fin, 1. Ma 'ta tuille tlachd agus fpeis aguinn do nithe fpioradail na bha aguinn roimhe. 2. Ma 'ta finn ag tarruing feartaibh o bhás Chrioft chum am peacadh a bha bacadh ar neart agus ar fás ann grás a cheufadh. 3. Ma bhios finn ni 'f mo air ar freamhachadh, agus air ar focruchadh ann grás, air ar daingneacha' ann an creidimh, agus ag fás

ann

ann an iriosluchd, agus ann Spioradalachd inntin. 4. Ma 'ta sinn ag buannachadh ni 'sm o ann urnaidh, agus ann toradh na naomhachd, agus ann sgach dleasdanas ata mar shiacha oirne do Dhia & do dhuine.

Ceist XCVII. *Creud is feumail do 'n droing sin a dheanamh leis am b' aill suipeir an Tighearna a ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Is feumail dhoibh iad fein a cheasnucha ann nan eolas chum aithne do dheanamh air corp an Tighearna, ann nan creidimh, chum beatha an anama a tharruing as, ann an aithreachas, nan gradh, agus 'n an nuadh umhlachd: d' eagal air teachd dhoibh gu neimh-iomchuidh, gu 'n ithfid no gu 'n olfuid breitheamhnais dhoibh fein.

C. *Am fead neo' chreidmhich, shad sa bhuanaicheas iad mar sin suipeir on Tighearna a ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Cha 'n shead; oir mar nach 'eil iad san ann coi' cheangal re Dia trid Josa Criost, ni bheil coir ac' air seul daingneachadh a choi'-cheangal so.

C. *Am bheil an t sacramaint so air a h orduchadh air son iompochaidh?*

F. Cha 'n 'eil.

C. *Nach 'eil e ro chunntartach teachd gu neo'-iomchuidh?*

F. Ata.

C. *Cionnas a sheachnas sinn an cunntart so?*

F. Le bhi ag oirpeachadh deasachadh thaobh ar staidne, agus sonn ar 'n anama mar aon, eadhon, le bhi ag saothrachadh bhi ann staid nan gras,

agus an grás finn, a bhi air a tharruing amach gu bhi gniomhach.

C. *Cionnas a rigeas finn air an deafacha fo?*

F. Le bhi 'g ar ceafnucha' fein, 1 Cor. 11. 28.

C. *Ciod is cial do fhein-cheafnuchadh ann fa chuis fo?*

F. Duine bhi ag dol air uaignuidheas o lathair an t faoghail, agus a chroidhe fein a fgrudadh le ceiftibh airid thaobh a ftaid, am bheil, no nach 'eil e iomchuidh air bord an Tighearna, agus anam a chuir chuige chum freagradh foilleir a thabhairt.

C. *Creud iad na nithe m' am bu choir dhuinn finn fein a cheafnuchadh chum fuipeir an Tighearn' a ghabhail?*

F. Ata am freagradh ag ainmeachadh cuig nithe fonruighte, m' am bu choir dhuinn finn fein a cheafnachadh, eadhon, ar 'n eolas, ar creidimh, ar 'n aithreachas, ar gradh, agus ar nuadh umhlachd.

C. *Ciod a' chrioch m' an eigin dhuinn eolas a bhi aguinn?*

F. Chum bhi comafach air aithne dheanamh air corp an Tighearna ann fan t facramaint.

C. *Creud e fin, aithne a dheanamh air corp an Tighearna ann fan t facramaint?*

F. Is e fin eider dhealuch ceart a chuir eidear na comharthaidh o 'n leath muigh, agus na nithe fpioradail ata air an cialluchadh leo; agus tuigs' iomchuidh a bhi aguinn, air mor luach agus oirdheirceachd cuirp agus fola Chrioft, agus air na fochairibh a chofnadh leis, agus mar an ceadna, aithne bhi aguinn air ro mhead fulangais ar Tighearna, chum 'f gu 'm bithidh an gradh a thaifbean é le fin ag drutha gu domhain air ar 'n anamaibh, agus lan doilghios oirn' air fon ar peacaidh' ne a tharruing air fin fad.

C. *Creud ata finn r' a cheafnachn thaobh ar 'n eolais?*

F.

F. Da ni, 1. Am bheil e iomchuidh ann a thomhas. 2. Am bheil e flainteil ann a nadurra.

C. *Ciod an tomhas eoluis ata feumail chum fuipeir an Tighearna a ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Is eigin dhuinn, eolas a bhi aguinn. 1. Air Dia ann an aonachd a nadurra, agus trionaid a phearfaidh. 2. Air an duine ann a ftaid roimh an leagadh, agus na dhiaidh mar aon. 3. Air Crioft an t eider-mheadhoin-f hear, ann a dha nadurra, agus na three oifigibh. 4. Air coi' cheangal nan gras, agus flighe na faorfa trid fireantachd urrais Chrioft. 5. Air feulaibh a choi'-cheagail gu fonruighte air fuipeir an Tighearna, & air a chrich gus an d' orduighe i.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas finn ma 'ta ar 'n eolas flainteil ann a nadurra?*

F. Feadaidh finn a mheas gu 'm bheil e mar fo, 1. Ma bhios e 'g ar 'n irioflachadh, agus 'g ar lionadh le doilghios air fon ar peacaidh' ne. Sech. 12. 10. 2. Ma bhios e ag cuir fein-fpeis air cul, agus 'g ar treoruchadh a dh' ionnfuidh Chrioft, agus f hireantachd fan amhain, mar bhunait' ar dochais, Phil. 3. 8, 9. 3. Ma bhios e ag oibreachadh air ar croidhe agus air ar beatha mar aon, chum ar 'n uile dhicheall a ghnathachadh gu bhi cofmhail ré Crioft ar ceann' ne, 2 Cor. 3. 18.

C. *Creud am feum ata ann creidimh ann an fuipeir an Tighearna?*

F. Chum beatha a tharruing o Chrioft air a cheufaidh, no bhi ag co'-chuir fochairibh agus toraidh a bhais fin r' ar 'n anamaibh.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le bhi ag tarruing beatha o Chrioft tre creidimh ann fan t facramaint?*

F. Ata fo ag cialluchadh, ocras agus iotadh an anama ann diaidh Chrioft, agus bhi 'g a dhlu-ghabhail trid creidimh: tuigear le fo mar an ceadna, gu 'm bheil an t anam ceangailte re Crioft, agus ag faghail co'-pairt ann an fochairean a bhais fin; gu 'm bheil mor thlachd aig an anam ann fan,

agus gu bheil se ag tarruing beatha, neart, agus fás uaithe sin.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas sinn am bheil ar creidimh fior agus slanteil?*

F. Feadaidh sinn a mheas gu bheil e mar so, ma 'ta se ag maothachadh, agus a glanadh a choidhe, ma 'ta é ag deanamh Chrioft luachmhor ann ar suilibh, ma 'ta e 'g oibreachadh trid graidh ma 'ta e 'g ar togbhail ois' cionn an t saoghail, agus 'g ar deanamh tarbhach ann deagh oibribh.

C. *Creud am feum ata ann aithreackas ann an gabhail suipear an Tighearna?*

F. Is feumail dhuinn ann ar cumhnant a nuadhachadh re Dia, bhi tuirseach air son gach briseadh agus cul-sleumhnachadh, san aimsir a chuaidh seuchad; chum ann amharc air an t slanui'-fhear ag dortadh fhola, gu bitheamaid re brón air son ar peacaidh' ne, a tharruing an do'-ruinn sin uil' air sin; chum sugun gabhamaid re Crioft air a bhriseadh, le croidheachan bristeadh, agus gu cuireamaid romhain gu daingion ann a neart san, nach lot' sinne e le 'r peacaidh ni as mo.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas sinn am bheil ar 'n aithreachás fior, agus neo'-mheasgail?*

F. Ata e mar so, ma 'ta am mothachadh ata aguinn do 'n pheacadh 'g ar cuir a dh' ionnsuidh Chrioft amhain, mar leigh d' ar 'n anamaibh; ma 'ta ar doilghios air son peacaidh iomlan, air son truailleachd ar nadurra, co mhaith re ar dioch ghniomhartha; ma 'ta sinn gu treimh dhireach ag iarraidh fuasgladh o gach peacadh, agus truailleachd, ag oirpeachadh naomhachd iomlan, agus curamach a sheachnadh gach peacaidh, agus a dheanamh gach dleasdanais is aithne dhuinn, a thaobh Dhe agus dhaoine.

C. *C' ar son ata gradh co sheumail aig bord an Tighearna?*

F. Do bhri' gur feisd ghraidh so, ann sam bheil an taisbean a's mo a fhuair an saoghal riamh

aguinne

aguinne air gradh Dhia do pheacaich, agus bu choir dhuinn an gradh is mo a nochda' na lorg fo, eadhon, gradh do Dhia, agus do 'n fhear fhaoraidh, da luchd muintir fin, feadh fos, d' ar naimhde.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas finn, ma 'ta fior ghradh aguinn do Dhia, agus do Josa Crioft?*

F. Feadaidh finn a mheas gu 'm bheil e mar fo, m' as ionmhuinn leinn Dia o's gach aon ni, ma 'ta finn ag coimhead aitheanta, ma 'ta eagal a dhiom oirne, ma 'ta fiun faiceallach ma ghloir fin, ma 'ta fiun re gairdeachas mu fhoirbheas an t foifgeil, ma 'ta fiun fuidh bhrôn 'n tra' dh' fholaicheas e a ghnuis, agus ag ploscairteach na dhiaidh, le dian thogradh chum bhi cofmhuil ris fin.

C. *Nach e run fuidheighte gach neach, a ghabhas fuipeir an Tighearna gu h iomchuidh, nuadh umhluchd a chuir an gniomh ann neart Chriost, le bhi cur cul ris gach aon pheacadh, agus a leantuinn an uain ge b' e aite an d' theid e?*

F. Is é.

C. *Nach 'eil fein-cheafnuchadh thaobh gach ni dhiubh fin, ro fheumail m' an gabh finn an t facramaint fo?*

F. Ata; oir le fo, ata finn ag faghail fios air ar ftaid, ata e'g ar 'n irioflachadh air fon ar failleanaibh, agus 'g ar brofnuchadh a dhol a dh' ionnfuidh an iomlanachd ata ann Crioft, chum leafachadh f haghail d' ar 'n uir eafbhuidh uile.

C. *Nach 'eil é ro chunntartach dearmad a dheanamh air fein cheafnuchadh roimh ghabhail fuipeir an Tighearna?*

F. Ata; oir 'ta am freagradh ag radh gur eigin do na h uilé iad fein a cheafnuchadh, air eagal teachd gu neo'-iomchuidh dhoibh, gu n ithe, no gun olfaid breitheamhnas dhoibh fein

C. *Nach coir dhuinn urnaigh dhurachdach a chur re fein cheafnachadh?*

F. Is coir.

C.

C. *Creud iad na nithe bu choir dhuinn iarruidh 'n ar 'n urnaigh m' an d' thig ſinn gu bord an Tighearna?*

F. Gu 'n ull'-uichibh Dia ar 'n anamaibh chum teachd co dlu' dh' a fein; gun ath bheothaichcadh é gach gràs feumail ionnaine gun d' thugadh é gu gniomh beothail iad, & gu teaſairgidh é ſinne o theachd gu neo'-iomchuidh chum a bhuird naomtha ſan.

C. *Co iad an droing ata ag teachd gu neo'-iomchuidh gu bord an Tighearna?*

F. Na h uile ata ain-colach, agus mi Dhiadhaidh, agus iadſan ata ag caithe am beatha ann aon pheacadh le 'm fios, iad ſan nach 'eil ann ſith re Dia, agus r' an coimhearſnach; na h uile 'tà ag dearmad iad fein a dheaſachadh le geur chnuaſachd, agus urnaigh chum an gràſaibh a dhuſgadh ſuas gu beothalachd m' an d' thig iad air ann aghaidh.

C. *Creud e peacadh na droing ata ag teachd gu neo'-iomchuidh?*

F. Ata iad ciontach ann an corp agus fuil an Tighearna, oir is luchd pairt leis na h Judhaich a cheus Crioſt iad, le bhi a' toirt oidheachd do 'n pheacadh an ni a chuir gu bás e, 1 Cor. 11. 27.

C. *Ciod an cunntart ann ſam bheil an droing ata ag teachd gu neo' iomchuidh?*

F. Ata iad ag ith agus ag ól breitheamhnas dhoibh fein, 1 Cor. 11. 29, 30.

C. *Ciod am breitheamhnas a chuir Dhia air an luchd gabhail neo'-iomchuidh ann an Corinth?*

F. Tinneas agus bás, 1 Cor. 11. 30.

C. *Am fuighear maitheamhnas ann ſan pheacadh ſo ann lorg aithreachais?*

F. Gheabhar; oir ata fuil Chrioſt a' glanadh o gach peaca'.

C. *Am fead iadſan aig nach 'eil lan dearbhbheachd teachd gu bord an Tighearna?*

F. Feadaidh ma bhios mothach' aca d' am feum

air

air Crioſt, agus dian thogradh chum 'ſ gu 'm fuighear ann ſan iad; oir ata an t ſacramaint ſo, na meadhoin chum grás lag a neartucha, agus a righeachd air dearbha air a gradh Dhe do anamaibh * teagmhach.

C. *Ciod a ni an dream ſin, nach'eil ag righeachd air fónn iomchuidh anama a theachd ám fogus do Dhia ann ſan riaghail ſo, ann diaidh gach oirp' ata 'n an comas?*

F. Bu choir dhoibh an ſtaid a chaoidh ann lathair an Tighearna, gidheadh ann an umhlachd do aithne ſin, bu choir dhoibh teachd air ann aghaidh, a thoirt onoir d' an ſlanuidh-fhear a dh' orduigh an t ſacramaint ſo, chum an leithid ſin a a thoirt gu fónn iomchuidh anama. Oir is i an doidh as fearr ann ſan ſtaid is meaſa am fead ſinn a bhi, teachd a dh' ionnſaidh Dhe, a gheall comhdhail dhoibh ſin ata 'g a chuimhneachadh 'na ſhlighibh, oir is tric a fhreaſdail e luchd muintir le ſpiorad beothalachd, 'n uair nach roibh iad ag amharc air a ſhon; air dh' a bhi 'g an faicſin ag cathachadh ann aghaidh am marbhantais ann an gnathachadh na meadhonadh.

Ceiſt XCVIII. *Creud is urnaigh ann?*

F. Is i is urnaigh ann, tabhairt ſuas ar 'n athchuinge do Dhia, ag iarruidh nitheanna do reir a thoil ann ainm Chrioſt, ag aidmheil ar peacaidh, agus ag toirt buidheachais dh' a air ſon a thiolacaibh.

C. *Creud iad cotchaibh urnuidh ata ainmighte ann ſan fhreagradh?*

F. An triur ſin, eadhon, iartas, aidmheil, agus buidheachas.

C. *Ciod an tainm ata ar 'n athchuinge re Dia ag ſaghail ann ſan fhreagradh?*

* amharſach.

F.

F. A deirir tairgſe ar 'n iartais, no air tograidh' re Dia riu.

C. *Am bheil Dia ag meas ofrail ar beoil amhain, mar athchuinge no urnaigh ris ?*

F Cha 'n 'eil ; a's eagmhuis tograidh a chriodh ; ge do ghabhas e re tograidh a chroidhe, ma bhios iad treibh-dhireach as eagmhuis briathraibh a bheil, mar rinn e re Maois agus re Hannah, Exod. 14. 15. 1 Sam. 1. 13.

C. *Nach coir dhuinn feum a dheanamh d' ar guth agus d' ar briathraibh ann togradh ar croidhe a thairgſe do Dhia ?*

F. Is coir, 'n uair a bhios am, agus air' iomchuidh aguinn air a fhon ; oir ata fo feumail a chuir grabadh air fmuainteadh feachranach, a mheadachadh durachd, agus a thoirt gloir do Dhia leis an Duine o'n leath 'mach, Sal. 5. 3. & 55 17. & 69. 3.

C. *Am feadar urnuidh a dhearmad ma bhios e mar leath ſgeul aig daoine, nach eil e nan comas briathraibh a ghnathacha' co iomchuidh re dabin' eile ?*

F. Cha 'n fheadar ; oir is iad tograidh a chroidhe 'ta Dia gu h airid ag iarruidh, agus ma bhios iad treibh-dhireach, gabhaidh e riu, ge nach bi na briathraibh co iomchuidh. Agus uaithe ſo 'ta an Salmoidear ag gabhail miſnich ann a thriobluid, Sal. 38. 9. O Thighearna 'ta m' uile mhiann ann 'do lathair, agus ni bheil m' oſnuigh am follach ort fa.

C. *Cia dh' a is coir dhuinn ar tograidh a thairgſe ann ar 'n urnaigh ?*

F. Do Dhia amhain, Sal. 50. 15. agus 62. 8. Mat. 4. 10. agus 6. 9.

C. *Am fead ſinn urnuidh a dheanamh re h aon air bith do three pearſaidh na Diadhachd ?*

F. Feadaidh, oir chi ſinn ann ſan ſgriobtur, 'n bheil urnuidh air uaireadh 'g a cur

ſuas

fuas re Dia an t Athair. Eoin 16. 23. Eph. 3. 14. Air uaireadh ris an Mhac, Mat. 8 2. Gniomh. 7. 59. 1 Cor. 1. 2. Agus air uaireadh ris an Spiorad Naomh, 2 Cor. 13. 14. Ach air achd, is 'n tra' bhios aon air ainmeachadh, gu bheil an dias eile air an gabhail a fteach, do bhridh gur A O N an 'Tri, agus gur A O N Dia iad.

C. *C' ar fon as eigin urnuidh dheanamh rè Dia amhain?*

F. Do bhri' gu 'm bheil e air aithne dhuinn fo a dheanamh, agus is e Dia amhain ata ag rannfuchadh ar croideachan, ata fiofrach air ar ftaid ne, agus a dh' fheadas congnadh leinn ann f gach cás, Mat. 4. 10. Sal. 34. 15, 17. 2 Righ. 6 26; 27. agus uaithe fo, ta e a gabhail an aimn fin dh' a fein an Dia a dh' eifdeas urnuidh, Sal. 65. 2.

C. *Nach fead fin urnuidh dheanamh re Naoimh, no re ainglibh, no ris an oighe Muire?*

F. Cha 'n fhead; oir cha 'n 'eil aithne, no gealladh, no eifeimpleir aguinn air a fhon ann fna fgriobtuiribh uile, ach 'na aite fin, ata e air a thoirmeafg dhuinn fo a dheanamh, oir is iodholadhraidh e; cha 'n aithne do na naoimh ar ftaid ne, agus ata iad air am malluchadh ata 'g earbfa, a duine, Mat. 4. 10. Ifa. 42. 8. Exod. 20 3. Col. 2. 18. Taif. 19. 10. Ifa. 63. 16. Jer. 17. 5.

C. *Nach fead finn urnuidh dheanamh ris na Naoimh air neamh, co maith a's a dh' iarras finn congnadh urnuidh nan naomh air thalamh?*

F. Cha 'n 'eil finn ag deanamh urnuidh ris na naoimh air thalamh le urram crabhach a thoirt dhoibh, ach amhain, ag iarruidh an congnadh feirceil am feadh 'ta fath aguinn air bhi 'n an to' chuideachd fan t faoghal fo, ni ata barrantas aguinn air a fhon, 2 Theff. 3. 1. Seum. 5. 14, 16.

16. Ach ata na naoimh air neamh ain eolach oirne, If. 63. 16.

C. *Am fead ſinne 'n ar urnuidh ni air bith a nochdadh do Dhia nach b' aithne dh' a roimh laimh ?*

F. Cha 'n fhead, oir 's aithne dh' a ar ſmuainteadh fad o laimh, Sal. 139. 2. Ach gidheadh, 's aill leis a chur mar fhiacha oirn' ar 'n athchuinge a nochdadh dh' a, mar na meadhona trid am fuigh ſinn na nithe maith a ghealladh dhuinn, Phil. 4. 6. Sal. 50. 15. Joel 2. 32. Rom. 10. 12.

C. *Am fead ſinn ni maith air bith a thoiltean o Dhia le 'r 'n urnuidh ?*

F. Cha 'n fhead : oir ann urnuidh, ata ſinn ag teachd mar dheircich thruagh, ag iarruidh air Dia d' a dheagh ghean fein amhain.

C *Mu reimh orduigh Dhia nithe feumail a thoirt dhuinne, ciod am feum ata air an iarruidh le urnuidh ?*

F. Do bhri' gu d' aithn' Dia ſo dhuinn, agus dh' orduigh ſe tiodhlacaidh a thabhairt ann an ſlighe urnuidh.

C. *Nach 'eil urnuidh na ſochair dhuinn, amhail mar ata i na dleaſdanas ?*

F. Ata ; agus ſochair ro mhór ſo, gu bheil e air a cheuduchadh do chreatuiribh co ſluarrach ruinne teachd am fogus do 'n ard Righ, air doigh chairdeil, chum ar ſtaid a nochdadh 'na lathair ſin far am bheil na h ainglibh ag folach an gnuis

C. *Creud iad na nithe m' an coir dhuinn ar tograidh chur ſuas re Dia ann ar 'n urnuidh ?*

F. Ni h ann air ſon nithe mio laghail, ach air ſon nithe do reir toil De, 1 Eoin 5. 14.

C. *Ciod ata thu cialluchadh le toil De, ata mar riaghail dhuinn ann ar 'n urnuidh ?*

F. Cha 'n i a thoil dhiomhair, air nach 'eil fios aguinn, ach a thoil fhoillſichte 'ta air a cur fios ann a fhocal.

C.

C. *Creud iad na nithe ſin do reir toil fhollſighte Dhe is coir dhuinn iarruidh ann ar 'n urnuidh?*

F. Coir agus ſealbh ann an Crioſt, maitheamhnas cionta, leaſachahh gràis, ſaorſadh o pheacadh agus o fheirg Dhe, beatha ſhiorruidh, agus an leithid ſin.

C. *Am feud ſinn urnuidh a dheanamh air ſon nithe maith na beatha ſo?*

F. Feadaidh; ach ni h ann gu h airid, no ſan cheud aite;

C. *Ciod iad na nithe as coir dhuinn iarruidh air thus?*

F. Nithe ſpioradail, gu ſonruight Joſa Crioſt, agus a gràs ſin.

C. *Nach bu chuir nithe ſpioradail agus aimſeireil, iarruidh air doidh eider dhealuighte?*

F. B' eadh; oir bu choir dhuinn nithe ſpioradail iarruidh gu neo' fhuaſgailte; ach nithe aimſeireil air cumhnant mar fhreagras ſin do thoil De.

C. *Ciod e an cumhnant air am bu choir dhuinn nithe maith aimſeireil iarruidh?*

F. Air cumhnant gu bheil Dia 'g a fhaicſin iomchuidh chum a ghloir fein, agus ar maith ne an luidheaſach oirne, 2 Sam. 10. 12, agus 15. 25, 26. Mat. 8. 2.

C. *'M bu choir dhuinn bhi co durachdach a dh' iarruidh ſochairibh aimſeireil, agus a bhios ſinn mu nithe ſpioradail?*

F. Cha b' eadh.

C. *'M bu choir dhuinn gach gne do ſhochairibh ſpioradail iarruidh air an aon doidh?*

F. Cha b' eadh; oir bu choir dhuinn na nithe ata priemh-fheumail iarruidh gu neo' fhuaſgailte, eadhon, Crioſt, creidimh, maitheamhnas, buanmhaireachduin ann ſtaid nan gràs, agus an leithid ſin. Ach mu na nithe nach 'eil preimh fheumail chum ſlainte, eadhon. an tomhas as mo do ghràſaibh, do ghifte agus co'.fhurtachd ſpioradail, fuaſgladh o bhuaireadh agus an leithid ſin, bu

choir dhuinn an iarruidh air chumhnant, agus an geill do thoil De ?

C. *C' ar ſon a dh' fheadas ſinn Crioſt agus a ghráſaibh iarruidh air doidh neo'-fhuaſgailte ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil iad gu neo'-fhuaſgaille air an gealltain, agus ata cinnt aguinn gu 'm bheil iad chum gloir Dhe, agus ar fior ſhonas fein, oir cha 'n fhead ſinn gloir a thoirt do Dhia ann ſa bheatha ſo, na mhealtain ſan ath bheatha as an eagmhuis.

C. *Nach bu choir dhuinn urnuidh dheanamh air ſon gach inmhe dhaoinibh ?*

F. B' eadh ; mar 'ta righribh, riaghluidh-fheara, miniſteiribh, na naoimh gu h uile, air ſon na dream ata fuidh thriobluid, air ſon na dream a-ta neo'-iompoichte, air ſon ar daimh agus ar cairde, ſeadh fos air ar naimhde, 1 Tim. 2. 1, 2. Eph. 6. 18, 19. Mat. 5. 44. Sal. 72. 19. agus 67. 2, 3, 4.

C. *Nach 'eil-e air a thoirmeaſg dhuinn urnuidh a dheanamh air ſon cuid eigin ?*

F. Ata ; cha 'n fhead ſinn urnuidh dheanamh air ſon nan Daoine 'ta ciontach ann ſa pheacadh ann aghaidh an Spiorad Naoimh, no air ſon na mairbh, no air ſon na droing ata an ifrinn, 1 Eoin 5. 16.

C. *Ciod e ma dh' iarras ſinn ni air bith nach 'eil do reir toil De ?*

F. 'N tra' bhios e mar ſin, cha 'n fheud ſinn bhi earbhſach gu 'm fuigh ſinn e, Seam. 4. 3.

C. *An leoir dhuinn gu bi an ni a dh' iarras ſinn an ar 'n urnuidh ceart, eadhon, gu 'm bi e do reir toil De ?*

F. Cha 'n eadh ; 's eigin d' ar 'n urnuidh bhi air modh ceart mar an ceadna.

C. *Am fead ſinn dol a dh' ionnſuidh Dhia as eagmhuis eider mheadhoin-fhear ?*

F. Cha 'n fhead ; oir 'ta ſinne ciontach, agus buailteach do cheartas, agus cha 'n fheadar

leinn

leinn teachd am fogas do Dhia, ni 's mo na dh' fheadas comhlach do theine lasarrach.

C. *Co an t eidir mheadhoin-fhear ata eidear Dia agus duine?*

F. An duin' Josa Crioft, agus a thu'lle air sin ni bheil neach eile idir ann, 1 Tim. 2. 5.

C. *Co an t ainm ann Jan eigin dhuinn ar tograidh a thabhairt suas do Dhia?*

F. Ann ainm Chrioft amhain, an t aon eidermheadhoin-fhear so, Eoin 14. 13, 14. agus 16. 23.

C. *Ciod ata thu cialluchadhadh le bhi ag deanamh urnuidh ann ainm Chrift? An é sin amhain, bhi gnathachadh ainm sin ann ar 'n urnuidh?*

F. Ata tuilleadh sin ann; oir ata e cialluchadh bhi ag tagradh air feartaibh Chrioft, a chosain gach ni 'ta dh' eas bhuidh oirne, agus bhi ag earbsa' as sin amhain, mar an ti trid an gabh Dia ruinne, agus trid am fuigh sinn eisteachd 'n ar 'n urnuidh, Eph. 3. 12.

C. *Nach e Crioft an t aingeal leis an túiseir óir ata air ainmeachadh, Taif.* 8. 3, 4. "*Ta ag toirt "suas ar 'n urnuighean an lathair righ-chaithir "Dhe?*" *F.* Is e.

C. *Creud an túis leis am bheil e ag measgadh urnuighin nan Naomh?*

F. Feartaibh umhlachd agus fhulangais, eadhon, fhireantachd iomlan san.

C. *Ciod am feum ata air an túis so a mheasga' le 'r 'n urnuighin?*

F. A chur deagh bholtrach dhiubh, agus a thoirt air falbh droch bholtrach an neo'-iomlanachd, agus an t salchair ata an co' chuideachd an dleasdanais as fearr ata sinn ag cur an gniomh.

C. *Nach fhead sinn feum a dheanamh do naomh no aingeal, mar luchd eidear-ghuidhe re Dia ann an urnuigh?*

F. Cha 'n fhead; oir le so dheanamaid an eacoir bu mho air Josa Crioft an Tighearna, neach

ata 'mhain na fhear eidearghuidhe, agus na fhear tagraidh ann lathair an Athar. 1 Tim. 2. 5. Eabh. 7. 25. 1 Eoin 2. 1.

C. *Am bheil tuilleadh feumail, chum ar 'n urnuidh a dheanamh taitneach do Dhia, ach gu 'm bi iad air an cur fuas ann ainm Chriosd?*

F. Ata; is eigin an cur fuas le irioflachd, creidimh, neo'-mheangalachd, durachd, agus gna' bhuanachd, Sal. 10. 17. Jer. 29. 13, Eabh. 10. 22. Seum. 1. 6. agus 5. 16. Luc. 18. 1.

C. *O 'ta iartas aguinn 1 Theff. 5. 17. urnuigh a dheanamh gun fgur am fead fin obair air bith eile ach urnuigh a dheanamh?*

F. Is e feagh nam briathraibh fin, gu 'm bu choir dhuinn buanachadh ann an urnuidh gun fgios, bhi ag coimhid trathaibh fuidhighte, agus a' gabhail gach fath iomchuidh air fon urnuidh, agus bhi dicheallach do ghna' a chonbhail ar croidhe ann am fonn urnuidh.

C. *Am fead finn urnuidh a dhearmad 'n uair nach mothaich finn ar croidhe ann am fonn iomchuidh air a fhon?*

F. Cha 'n fhead; 's eigin dhuinn dol le 'r gearann a dh' ionnfuidh Dhia ata comafach air congnadh leinn, agus gun fgur d' ar 'n urnuidh gus am mothaich finn ar croidhe ann am fonn a's fearr.

C. *Mar fuigh finn an tiodhlac a bhitheas finn ag iarruidh air ball, am fead finn fgur do urnuidh?*

F. Cha 'n fhead; 's eigin dhuinn buannchadh le durachd ann urnuigh, agus gun * fhaillneacha', Rom. 12. 12.

C. *Am fead finn dh' inn fein urnuigh a dheanamh re Dia air an doidh thaitneach fo?*

F. Cha 'n fhead; agus uime fin, 'f eigin dhuinn Spiorad De a bhi aguinn a dheanamh congnamh le 'r n anmhuinneachd, Rom. 8. 26, 27. Agus

* fgitheacha'

uaithe

uaithe fo deirir fpiorad na h athchuinge ris, Sech. 12. 10.

C. *Cionnas ata Spiorad De 'g ar cuideachadh ann ar 'n urnuigh ?*

F. Ata e mar aon ag dufgadh fonn iomchuidh urnuidh ionnain 'e, agus 'g ar ftiuradh gu nithe agus briathraibh iomchuidh ann an urnuidh, do bhri' nach aithne dhuinn ciod a dh' iarramaid ann urnuidh mar bu choir dhuinn, Rom. 8. 26.

C. *Nach ann mar fo 'ta an Spiorad ag deanamh eidear-ghuidh' air ar fon ne ?*

F. Is ann.

C. *Am bheil gach urnuiah a nithear re Dia taitneach dh' a agus air am freagradh leis ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir ata urnuidh nan aingidh graineil do 'n Tighearna, Sean. 15 8.

C. *Cionnas ata e tachairt nach 'eil fpeis aig Dia, do urnuighean moran ?*

F. Do bhri' gu bheil iad ag toirt fpeis do aingidheachd ann nan croidheachan, eadhon, do mhi chreidimh, do uaibhreachas, do fhannt, do mhio-run, agus ain-iochd ris na bochdan ; agus ata Dia ag bagradh urnuigh a dhruideadh amach air fon gach aon dhuibh fin, Sal. 66. 18. Seum. 1. 7. Sal. 138. 6. Ifa. 57. 17. Mat. 5. 24. agus 6. 15. Sean. 21. 13.

C. *Nach 'eil Dia air uairibdh ag cur dail car feall ann am freagradh a thoirt d' a luchd muintir fein ann an urnuighibh ?*

F. Ata e 'g a dheanamh fo, d' an cronachadh, agus d' an irioflachadh air fon an peacaidh ne, a dh' fheuchain an creidimh agus am foighidin, d' an ath-bheothachadh gu tuilleadh durachd ann urnuigh, agus a dheanamh tiodhlacaidh ni as blafta 'n tra' gheibh fiad iad, Ifa. 59. 2. Mat. 15. 26. 28. If. 64. 7. 2 Cor. 12. 8, 9.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas finn am bheil ar 'n urnuigh taitneach do Dhia, 'nuair nach 'eil finn ag faghail freagraidh dhoibh ?*

F. Is comhartha maith gu 'm bheil iad taitneach 'n uair ata finn ag faghail cuidicheadh gu feitheamh air Dia ann flighe ar dleafdanais, agus ar croidheachan air an cuir am farfingeachd ann urnuidh ; no 'n uair as toilleach leinn a ghloir a thoirt do Dhia, agus coire di eifteachd a ghabhail d' ar 'n ionnfuidh fein, Ifa. 8. 17. Sal. 138. 3. Caoi. 3. 39, 40, 41.

C. *Nach 'eil Dia ag freagradh a luchd muintir air uaireadh ann nan urnuigh, ge nach 'eil iad ag faghail nan ceart nithe ata iad ag iarruidh ?*

F. Ata, 'n uair a gheabh iad nithe co mhaith 'n an aite, no nithe as mo am feum orra ; 'n uair ata iad ag faghail fochaidibh fpioradail ann aite fochairean aimfeireil, earbfadh ni as treife a Crioft an aite lan dearbhadh, no tuilleadh irioflachadh agus dortadh 'mach a chroidhe air fon peacaidh, ann ait' aoibhneas agus gairdeachais.

C. *Ciod an dara ni 'ta ann urnuigh ata air ainmeachadh ann fan fhreagradh ?*

F. Aidmheil peacaidh.

C. *Nach bu choir dhuinn ar 'n athchuinge air fon maitheamhnas agus trocair, a chur fuas le aidmheil iriofal air ar peacaidh ne ?*

F. B' eadh, am b' aill leinn gu 'm bithidh iad taitneach do Dhia, agus buineach dhuinn fein, Luc. 18. 13, 14.

C. *Ciod iad na peacaidh bu choir dhuinn aidmheil do Dhia ?*

F. Ar 'n uile pheacaidh gin, agus gniomh, mar aon, thaobh dhanadais, agus dearmaid, peacaidh croidhe agus beatha, peacaidh briathraibh agus gniombartha, leis gach ann tromachadh, agus an droch thoiltanas air laimh Dhe,

C. *Ciod an doidh air am bu choir dhuinn ar peacaidh aidmheil ann lathair an Tighearna ?*

F Bu choir dhuinn ar peacaidh aidmheil gu h iriofal, gu faor, agus gu h iomlan, agus le moran broin,

broin, agus doilghios air an ſon, ſuath dhoibh, agus le rún daingion agus ſuidhighte 'n an aghaidh ann an neart Chrioſt.

C. *Nach eigin dhuinn am peacadh a threigſin co mhaith is aidmhicheadh ?*

F. Is eigin, oir is iad an dream a ni ſin amhain a gheabh trocair, Sean. 28. 13.

C. *Creud e an treas ni ata ann urnuigh air ainmeachadh ann ſan fhreagradh ?*

F. Bhi ag tabhairt buidheachais do Dhia air ſon a thiodhlacaidh dhuinne.

C. *Nach coir do ghna' bhuidheachas bhi ann co'chuideachd ar 'n athchuinge re Dia ?*

F. Is coir, oir ata Dia ag iarruidh ſo, agus ag amharc air a ſhon ; agus is ro thlachdmhor leis e, Phil. 5. 6. Luc. 17. 77. Sal. 69. 31.

C. *Creud iad na tiodhlacaidh bu choir dhuinn aidmhicheadh le buidheachas ?*

F. Gach ſochair ſpioradail agus aimſeireil ata ſinn ag mealtain ſan am ; & na tiodhlacaidh ſiorruidh ris am bheil ar dùil, agus air am bheil geall-adh aguinn.

C. *Creud e an tiodhlac' a's mo 'ta aguinn r' a aidmhicheadh ?*

F. Is é Joſa Crioſt an t ſochair as ro mho, agus tiodhlac' do labhairt Dhe do 'n t ſaoghal chailte, oir is airidh Dia air mor bhuidheachas air a ſhon ſo, trid ſaoghal nan ſaoghal, Luc. 1. 72. 2 Cor. 9. 15.

C. *Nach 'eil buidheachas air ſon tiodhlacaibh na dhoidh roſhonruighte air Dia a ghloruchadh ?*

F. Ata ; oir dubhairt Dia, Sal. 50. 23. " An ti 'ta tabhairt Iobairt buidheachais, bheir e gloir dhamhſa"

C. *Cionnas bu choir dhuinn tiodhlacaibh Dhe aidmhicheadh, chum 'ſ gun d' thugamaid gloir dh' a ?*

F. Bu choir dhuinn an aid' icheadh le buidheachas agus le iongantas, le teas ghradh do 'n ti ata 'g an tabhairt, agus le mor thlachd ann, gu h ir-

ioſal,

ioſal, agus le grain dh' inn fein, le umhlachd agus le beatha tharbhach, le creidimh agus le miſneach a dh' iarruidh tuilleadh, Sal. 103. 1, 2. &c. Sal. 116. 1, 2, 9, 12. Gin. 32. 10, 11. Sal. 4. 2, 3. 2 Cor. 1. 10. Sal. 67. 5, 6.

C. *Nach bu choir dhuinn aid' icheadh le tuirſe gu bheil ſinn co dearmadach, agus co mor ann diaidh laimh ann am buidheachas a thoirt do Dhia, air ſon gach tiodhlac' a fhuair ſinn uaithe ſin ?*

F. B' eadh.

Ceiſt XCIX. *Creud i an riaghail a thug Dia dhuinne d' ar ſeoladh ann an urnuigh do dheanamh?*

F. Ata focal De gu h uile 'g ar ſeoladh ann an urnuigh do dheanamh, ach is i an riaghail ſhonrnight' a ſheolas ſinn, an fhoirm urnuigh ſin do theagaiſg Crioſt d' a dheiſcioblaibh, d' an goirthear gu choitcheann urnuigh an Tighearna.

C. *Ciod am feum ata aig daoinibh air riaghail & ſeollanna ann urnuigh ?*

F. Do bhri' nach aithne dhuinn dh' inn fein ciod e an ni bu choir dhuinn iarruidh, no cionnas a dh' iarras ſinn e 'n uair a gheabh ſinn eolas air, ach ata ſinn ullamh a dhol a' mearachd thaobh briathraibh ar 'n urnuigh, no thaobh na doidh air an cuir ſinn an ceil iad.

C. *C' uin ata daoin' a' dol a' mearachd thaobh briathraibh ann an urnuigh ?*

F. 'N uair a dh' iarras iad nithe nach 'eil maith ann 'ta fein, no iomchuidh air an ſon ſin : Marſo, chuaidh na deiſciobuil a' mearachd, 'n uair a b' aill leo teine a ghairm o neamh air muintir Shamaria, Luc. 9. 54.

C. *C' uin ata daoin' a' dol a' mearachd ann ſan mhodh air am bheil iad ag deanamh an urnuigh ?*

F.

F. 'N uair a bhios iad ag iarruidh tiodhlacaibh gu leath chrabhach, no chum criochibh feoimhor, a fhasachadh an ain miannaibh, Isa. 64. 7. Seam. 4. 3.

C. *Ciod a fhreasdail Dia dhuinne mar chuideachadh ann ar 'n urnuidh?*

F. Thug e dhuinn riaghail stiuraidh choitcheann, agus shonraighte mar aon.

C. *Creud i an riaghail choitcheann a thug Dia dhuinn ann urnuigh?*

F. Fhocal fein gu h iomlan, ni 'ta ro fheumail d' ar stiuradh thaobh briathraibh, agus modh ar 'n urnuigh.

C. *Cionnas ata focal De feumail 'g ar stiuradh ann am briathraibh ar 'n urnuigh?*

F. Ata am focal ag freasdal briathraibh iomchuidh air son reamhradh, aidmheil, athchuinge, agus buidheachas ann ar 'n urnuigh.

C. *Creud iad na nithe ata 'm focal ag freasdal dhuinn mar reambradh ann ar 'n urnuigh?*

F. Ata focal De 'g ar freasdal leis an chuntas as airde agus is oirdheirce air tiodolaibh agus buaidhibh Dhe, agus ata so iomchuidh chum teachd am fogas dh' a, mar 'ta iad sin, Exod. 15. 11. & 34. 6, 7. Neh. 9. 6. Job 9. 4. & 11. 7. & 40. 9. Sal. 83. 18. & 86. 10. & 89. 6, 8. & 90. 2. & 102. 25, 26, 27. & 104. 1, 2, 24. & 139. 7, 8, 9, 10. & 145. 3, 8, 9, 13, 17. Isa. 28. 29. & 40. 12, 14, 17, 22, 28. & 55. 9. Jer. 17. 10. & 31. 35. Mal. 3. 6. Dan. 2. 34, 35. 1 Tim. 1. 17. Taif. 4. 6. 11.

C. *Creud iad na nithe leis am bheil focal De 'g ar freasdal chum aidmheil ann ar 'n urnuidh?*

F. Ata e ag cur eisempleir moran do dhaoinibh diadhaidh far comhair, a bha 'g an irioslachadh fein ann lathair Dhe, air son am peacaidh, agus ag aidmheil an gin chionta is an truailleachd, doille an inntin, agus drochmhuinteachd an toile, feolmhorachd am miannaibh, am peacadh dearmaid,

agus

agus am peacadh deanadais, le lionmhorachd nan nithe bha 'g an an tromachadh ; a reir, Efra 9. 6, 13, 15. Neh. 9. 32, 33, 34, &c. Job. 7. 20. & 9. 3, 20, & 15. 14, 15, &c. & 40. 4. & 42. 5, 6. Sal. 14. 3. & 19. 12. & 38. 4, 18. & 40. 12. & 51. 3, 4, 5, &c. & 73. 22. Sal. 119. 176. & 130. 3, 4, &c. Ifa. 1. 6. & 6. 5. Jer. 5. 3. & 9. 1. & 17. 9. & 31. 18. Caoi. 3. 39, 40, &c. Dan. 4. 5, 6, &c. Luc. 15. 18, 19, 21. Rom. 7. 14, 15, &c. & 8. 7. Eph. 2. 1, 2, 3, &c. & 4. 18.

C. *Creud iad na nithe thaobh buidheachais leis am bheil am focal 'g ar freafdal ann ar 'n urnuidh ?*

F. Ata e cur eifempleiribh luchd muitir Dhe far comhair, a bha ag toirt cliu agus buidheachais do Dhia, air fon a mhaitheas dhoibh ann an oibribh chruthaich agus freafdail, ann an co'-fhurtachdaibh na beatha fo, fith agus fuaimhneas, foirbheacha' nan gnothaichibh a luidheafacha dhoibh, ann nan triobluidibh a naomhachadh, agus an flanuchadh o eaflaint, agus ann geallaibh a choi'-lionadh, ach gu fonruighte airfon Jofa Crioft, agus tiodhlacaibh fpioradail ann fan, Sal. 8. 3, 4. & 65. 9, 10. & 139. 14. & 104. 27, 28, &c. & 3. 5. & 68. 19. Deut. 8. 10. Gin. 32. 10. Ifa. 38. 10, 17. Sal. 119. 67. 1 Righ. 8. 56. Luc. 1. 68, 69, &c. Eph. 1. 3. 2 Cor. 9. 15. Ifa. 63, 7. Sal. 103. 1, 2, 3, &c. Taif. 1. 5, 6. 1 Eoin 4. 10.

C. *Creud iad na nithe ata fan fhocal d' ar ftiuradh ann ar 'n iartais agus ar 'n athchuingibh ?*

F. Ata moran aitheanta luachmhor agus geallaibh priseil ann fna fgriobtuiribh, agus feadar gach aon dhiubh fin a thiondadh gu urnuigh agus athchuinge, le bhi guidhe air Dia gun d' thugadh e grás dhuinn a thoirt umhlachd d' a aitheanta, agus d' ar neartachadh a thagradh air a gheallaibh, agus chum feitheamh air an coi'-lionadh. Os barr ata eifempleir moran do na naoimh aguinn, leis am bu ghnath bhi guidhe maitheamh-

nais

nais peacaidh, fith reite re Dia, tiodhlacaibh fpioradail, lan dearbhadh air gradh Dhe, & fith coguis; air fon croidhe nuadh, foillfeachadh flainteil, eagal naomh, creidimh, fás ann grás; teafairgin o 'n pheacadh agus o mhearachd, gliocas a bhuilleachadh ar 'n aimfir air thalamh, agus d' ar deafachadh air fon báis, Sal. 51. 1, 2, 3, 7, 9. & 143. 2. Hof. 14. 2. Luc. 18. 13. Jer. 17. 14. Sal. 67. 1, 2. & 106. 4, 5. & 35. 3. Sal. 51. 8, 10, 11, 12. Rom. 15. 13. Sal. 119. 18, 29, 33, 37, 80, 132, 133. Job 34. 32. 1 Theff. 5. 23, 24. Sal. 27. 11, & 86. 11. Luc. 17. 5. Sal. 19. 12, 13. & 39. 4, 5. & 90. 12. Agus ata gach aon dhuibh feumail chum ar ftiuradh ann urnuigh.

C. *Nach 'eil finn ag faicfin nan naomh air am bheil aithris aguinn fan fgriobtur, a' gnathachadh argumainte re Dia ann an urnuidh chum an iartais fhaghail?*

F. Ata, gu tric, agus air an tarruing o throcair nadurra Dhe, o ghloir ainme fein, o fhireantachd, o chúmhachd, o gheallaibh, agus o fheartaibh agus fireantachd a mhic Jofa Crioft, Sal. 86. 5, 15. & 79. 8, 9. Jofh. 7. 9. Air. 14. 17, 18, 19. Sal. 119 49. & 74. 20. Neh. 1. 5. Mat. 8. 2. Ifa. 64. 6. Jer. 23. 6. Dan. 9. 17, 18, 19. Agus ata iad fin uile air an cur fios d' ar teagafg, agus mar eifempleir dhuinn.

C. *Ma 'ta na fgriobtuire co choi' lionta 'g ar teagafg ann 'f na nithe as coir dhúinn iarruidh 'n ar 'n urnuigh, ciod am feum ata air Spiorad a ghráis & na h ath chuinge a gheall Dia a dhortadh amach air a luchd muintir?*

F. Is i oifig an Spioraid nithe Chrioft a ghabhail agus an nochdadh dhuinne, Eoin 16. 15. Teagaifgidh-eifean na h uile nithe dhuinn, agus cuiridh fe 'n cuimhne dhuinn na h uilg nithe, Eoin 14. 26.

C. *Am bheil na fgriobtuir mar an ceadna 'g ar feoladh*

ſeoladh m' an mhodh air an coir dhuinn urnuigh a dheanamh ?

F. Ata iad 'g ar ſtiuradh a theachd am fogas do Dhia le neo' mheangallachd, le irioſlachd, le durachd, le buanachadh, agus le creidimh am ſeartaibh Joſa Crioſt, Eabh. 10. 22. Sal. 10. 17. Seam. 5. 16. & 1. 6. Eoin 16 23. Luc. 18. 1.

C. *Creud i an riaghail ſhonruighte d' ar ſeoladh ann urnuigh ata air ainmeachadh ann ſan fhreagradh ?*

F. An fhoirm urnuigh ſin a theagaiſg Chrioſt d' a dheiſciobuil, d' an goirthear gu choit cheann urnuigh an Tighearna, agus ata i air a cur ſios ann a', Mat. 6. 9, 10, 11, 12, 13. " Air an adh-" bhar ſin deanaibh'e urnuigh air a' mhodh ſo; " ar 'n Athar ata air neamh, gu naomhaichear " t ainm," &c.

C. *C' ar ſon a deirir urnuigh an Tighearna ris an urnuidh ſo an ann do bhri' gu roibh e fein 'g a gnathachadh ?*

F. Cha 'n ann; oir cha 'n fhedadh an Tighearn' Joſa a gnathachadh air a ſhon fein, do bhri' nach roibh peacadh air bith ann ſan gu maitheanas iarruidh ann, mar 'ta ann ſan chuige iartas; ach deirir urnuigh an Tighearna ria, thaobh gu do theagaiſg e da dheiſciobuil i, chum 'ſ gu gnathaicheadh iadſan i.

C. *Ciod i an chricch m' an do theagaiſg Criſt an urnuidh ſo d' a dheiſciobuil ?*

F. Chum an teagaſg air doigh a bhitheagh iomchuidh air an ſtaid dhiomhair agus anmhunn ann ſan roibh iad, 'n uair nach roibh ach beag do 'n Spiorad aca, agus beag eolais air iún diomhair an t ſoiſgeil; oir cho roibh e 'g a fhoillſeachadh fein, ach a chuid a chuid dhoibh; agus uime ſin, thug e dhoidh ſan am ſin, foirm aithghear ſhoilleir furras a chuimhneachadh, a bhitheadh na ſuim iomlan air na nithe ſonruighte a dh' iarruidh iad o Dhia, agus o am feadadh iad tuilleadh briath-

raibh

raibh iomchuidh ann urnuigh a tharruing ; theagaisg e dhoibh le so mar an ceadna, na nithe a bhuineadh do ghloir Dhe iarruidh, air thoiseach air na nithe a bhuineadh dhoibh fein, agust iodhlacaidh spioradail a roghnachadh air thoiseach air sochairibh aimseireil.

C. *C' ar son ata thu ag smuainteachadh gu roibh an urnuigh so air a dealbh sa chomhair na staid ann san roibh na deisciobuil ann san am sin ?*

F. Do bhri' nach fac an Tighearn' iomchuidh san am sin, seoladh e thoirt dhoibh urnuigh a dheanamh na ainm sin, no luadh air bith a dheanamh air Crioft ann nan urnuighean ; ach na dhiaidh sin, 'n uair bu toil leis e fein a nochdadh dhoibh ni bu shoilleireadh mar an t ard shagairt, agus mar Iobairt air son peacaich chailte, theagaisg e gu soilleir dhoibh urnuigh a dheanamh na ainm fein, Eoin 16. 23, 24.

C. *Am b'e run an Tighearna a dheisciobuil a cheangal ris na ceart bhriathraibh a thug e dhoibh, chum gnathsheum a dheanamh dhiubh ann nan urnuigh ?*

F. Cha b'e ; oir thug e an urnuigh so dhoibh, gu h airid mar riaghail chum an cuideachadh ann an urnuigh, air achd a's gu roibh iad air am fagail gus na ceart bhriathraibh ro bhlasta agus phreiseil so a ghnathacha', no briathraibh eile iomchuidh air an staid fein, no air staid dhaoin' eile a chuir riu, a bhitheagh re urnuigh maille riu.

C. *Cionnas ata thu ag co' duchadh nach roibh iad air an ceangal ris an fhoirm urnuigh so ?*

F. 1. Do bhri' gu dubhairt Crioft r' a dheisciobuil, Deanamh urnuigh air a mhodh so, Mat. 6. 9. 12. Ata eider-dhealuch mor eidear Matthew, agus Lucas ann sna briathraibh leis am bheil iad aig deanamh aithris air an urnuigh so. 3. Ata cuid do urnuighean nan abstol aguinn air an cuir sios, mar 'ta ann, Gniomh. 1. 24. & 4. 24, &c.

Eph. 3. 24. 1 Theſſ. 3. 11. 2 Theſſ. 2. 16. Eabh. 13. 20. Ach gidheadh, ni bheil a h aon dhiubh ag gnathachadh ceart bhriathraibh na h urnuigh ſo. 4. Ata an Tighearna Dia ag toirt ſeoladh dhuinn ann an urnuigh ann aiibh eile do 'n ſgriobtur, le foirm co ſhonruighte is ata Crioſt aig deanamh ann, Mat. 6. Mar 'ta iad air an cur ſios ann an, Hoſ. 14. 2. Joel 2. 17. Gidheadh, ni bheil neach air bhith ag tagradh gu 'm bheil ſinn air ar ceangal ris na ceart bhriathraibh, ge 'ta urrad rioſoin air a dheanamh ſan dara h aite, is ata ſan ait' eile.

C. *Nach 'eil urnuidh an Tighearna ro cirdheirc agus gnath cho' ſtach dhuinne?*

F. Ata, agus bu choir dhuinn meas, agus ſpeis mhor a bhi aguinn dhi, mar f hoirm a dhealbhadh le Dia, agus mar ſhuim fior iomlan air cinn airid na nithe a's coir dhuinn iarruidh o Dhia, ni bu choir dhuinn a thoirt fai' near gu curamach thaobh briathraibh, agus modh, o 'n tigeadh dhuinn ſuim ar 'n urnuigh a thabhairt.

C. *O thug Crioſt an urnuigh ſo dhuinn, am bheil barrantas aig daoinibh uaith ſo, foirm urnuigh a dhealbh air ſon dhaoin' eile, chum an ceangal r' an gnathachadh, agus bhi ag toirt orra an leaghadh 'n uair a ni iad urnuigh?*

F. Cha 'n 'eil air doidh air bith; oir ge 'ta foirm urnuigh feumail do chloinn og, agus do 'n droing ata anmhunn, aig am bheil feum air an leithid ſin do chuideachadh; gidheadh is ni gun bharrantas air bith, bhi 'g an foirne air an dream aig nach 'eil feum orra, agus bhi ag cur mar f hiacha air daoine an leaghadh mar chumhnant co' chomuinn.

C. *C' ar ſon ata 'n gnathachadh ſo mio laghail?*

F. 1. Do bhri' nach 'eil aithn' no eiſempleir aguinn o 'n ſgriobtur air a ſhon: ata iartas aguinn bhi ag leaghadh focail De, agus bhi ſmuainteach'

teach' air, ach ni bheil iartas aguinn leabhar urnuigh a leaghadh. Am bithidh a leithid so do leabhar aig na naomh fa 'n sgriobtur, cha 'n fheumadh iad a radh, mar 'ta e ann, Rom. 8. 26. Ni h aithne dhuinn ciod a dh' iarramaid ann urnuigh mar bu choir dhuinn as eagmhuis congnadh an Spioraid; oir cha 'n fhead adhbhar gearrain air an doidh so bhi aig an dream aig am bheil leabhraichean urnuigh. 2. Ata iomradh aguinn air iomad urnuigh a dhealbh na naoimh re linn nan sgriobtur, iomchuidh air an staid, agus am feum an roibh iad san am, gun leabhar, no foirm shuidhight' air bith; oir is co-fhada a bha iad o shean o bhi ag leaghadh an urnuigh a' leabhar, is gu bu ghnath leo an urnuidh a dheanamh le 'n suilibh druideadh, no bhi ag dearcadh suas air neamh, mar 'ta dearbhadh aguinn man timchioll. 3. Ata fonn anama d' fheuchainibh, agus staid nan criostui'-ean co mhuiteach, agus ag atharrachadh co tric, as nach fheadar foirm air bith a dhealbh a rigeas orra. 4. Bhaeadh e daoinibh o bhi ag rannsughadh nan sgriobtuir, agus an croidheachan fein, am bithidh iad air an ceangal re leithid sin do fhoirm, do bhridh gu 'm b' eigin dhoibh feum a dheanamh do iartais air an deusachadh fa 'n comhair co dhiu a bhitheagh, no nach bitheagh iad treagrach d' an staid. 5. Ata an gnathachadh so 'n a eacoir air oifig an Spioraid naoimh, agus air a chrioch m' an deachadh Criost suas air neamh.

C. *Nach 'eil bhi ag leaghadh foirm urnuigh na shean gnathachadh san eaglais?*

F. Ge 'ta e na shean gnathachadh, ata dearbhadh aguinn nach roibh dadum dheth 'g a ghnathachadh car cheither cheud bliadhna ann diaidh Chrioft; ni mo a thainig e steach do 'n eaglais, gus an d' fhag Spiorad a ghrais ann an tomhas mor i; agus an uair a dhoirtear amach air an

eaglais airis e, bithidh an gnathachadh fin air a chuir air cul.

C. *Cionnas ata an gnathachadh fo na eaccir air eifig an Spioraid, agus air dol fuas Crioft?*

F. Do bhri' gur i oifig an Spioraid naoimh cuideachadh le anmhuinneachd a luchd muintir, 'n uair nach aithne dhoibh mar bu chòir dhoibh, ciod ardh iarras iad; agus chuaidh Crioft fuas air ionad ard, chum an Spiorad a chur amach, a thoirt gibhte urnuigh do dhaoinibh, co mhaith re gibhte fearmonachadh; ach ma ghnathaicheir urnuidh a leaghadh, cha bhi feum air na gibhte fin, do bhri' gu fead neach a leaghas gu maith urnuidh a dheanamh co mhaith ris an neach as mo gibhte; agus le fo ata uaigh air a tochalladh chum na gibhte as luachmhora a thug Dia do dhaoine adhlac innte; ni ata ag deanamh eacoir air Crioft agus air a Spiorad fin, agus gu foilleir ann aghaidh n. h earrail ata e ag toirt do mhiniftei'ridh, bhi ag ath-bheothachadh tiodhlac Dhe ata ann ta, 2 Tim. 1. 6.

C. *Cia lion pairt ata ann an urnuigh an Tighearna?*

F. Tri, eadhon, reamh-radh, fea iartais, agus co' dhunadh.

Ceift C. *Creud ata reamh-radh urnuigh an Tighearna ag teagafg dhuinne?*

F. Ata reamh-radh urnuighe an Tighearna, (eadhon *Ar 'n Athair ne ata air neamh)* ag teagafg dhuinne, teachd am fogafg do Dhia, le gach uil' urram naomha, agus muinghin, mar chloinn chum an Athar; ata comafach agus ullamh d' ar cuideachadh: agus gu 'r coir guidhe a dheanamh maille re daoin' eile, agus air an fon.

C.

C. *C' ar ſon ata Crioſt ag teagaſg dhuinne ar 'n urnuigh a theiſeachadh le reamh-radh ſan-ruighte?*

F. A thoirt fios dhuinn nach fhead ſinn teachd ann lathair Dhe gu h obain, gun ſmuainteachadh; ach gu 'r eigin dhuinn oirp a thabhairt air mothach urramach a bhi aguinn, air mordhachd an De ris am bheil ar gnothach.

C. *Creud e an reamh-radh ata ann an urnuigh an Tighearna?*

F. Ata e ann ſna briathraibh ſin, ar 'n Athairne 'ta air neamh.

C. *Ciod e am beachd ata Crioſt ag toirt dhuinn air cuſbeir ar 'n adhraidh ann ſan reamh radh ſo?*

F. Ata e ag toirt beachd dhuinn air da ni, mu Dhia, 1. An dlu' dhaimh ann ſam bheil e d' a luchd muintir ann ſna briathraibh ſin, ar 'n Athair' ne, 2. Air a mhordhachd glormhoir, agus ionad a chomhnuidh, ann ſna briathraibh ſin, ATA AIR NEAMH.

C. *Cionnas ata am focal ſin Athair r' thuigſin ſan aite ſo?*

F. Tuigear e air uaireadh gu pearſonta air ſon a cheud phearſa do 'n trionaid bheannuighte ris an coir urnuidh a dheanamh; mar ata e, Eph. 3. 4. Agus tuigear e air, uaireadh air doidh nadurra air ſon na diadhachd, mar 'ta e gabhail a ſteach tri pearſaidh na diadhachd a reir, 1 Chron. 29. 10. 1 Cor. 6. 18. Agus ſan ſin t ſeagh ſo ata ſinne 'g a ghabhail ann an urnuigh an Tighearna.

C. *Creud an doidh ann ſan abrar ar 'n Athair'ne re Dia?*

F. 1. A deirir ar 'n Athair re Dia, thaobh cruthaiche, a reir, Iſa. 64. 8. Mal. 2. 10. 2. Thaobh ar 'n uchdmhacachd chum teaghlaich Dhe trid Joſa Crioſt, Rom. 8. 14, 15. Gal. 4. 5, 6.

C. *Ciod ata Criſt ag teagaſg dhuinn le bhi ag radh ar 'n Athair re Dia ann an urnuigh?*

F. Ata e ag teagaſg dhuinne le ſo teachd am fogus do Dhia, 1. Le urram naomh, agus eagal roimh an Dia a chruthaich ſinn. 2. Le meas macail, & caoimhail do 'n Dia ata 'g ar beathachadh agus 'g ar freaſdal. 3. Le muinghin irioſal, agus dochas gu 'm fuigh ſinn na nithe ata eas-bhuidh oirn o Athair gradhach. 4. Gu toileach togarach mar chlann ata gabhail tlachd ann an co' chaint an Athar dhaimheil.

C. *Nach gradh agus maitheas do labhairt ann Dia a cheuduchadh do chnuimhibh diblidh peacach mar ſinne ar 'n Athair a radh ris ſin?*

F. Is eadh; agus ghabh an t abſtol Eoin mor iongantas re ſo, 1 Eoin 3. 1.

C. *Am fead daoine neo'-iompoighte an Athair a radh re Dia?*

F. Cha 'n fhead air doidh ſhonruighte, no ann leagh an t ſoiſgeil; agus uime ſin, cha cheaduicheadh Crioſt do na pharriſich an Athair a radh ris Eoin 8. 42, 44.

C. *Co iad a dh' fheadas an Athair a radh re Dia le deadh bharrantas?*

F. Feadaidh an dream ata ag faghail Spiorad na h uchdmhacachd ann nan croidheachan gladhach amach Abba Athair, Rom. 8. 15.

C. *Creud e Spiorad na h uchd mhacachd?*

F. Is e Spiorad De e, 'ta cur nadurra, fonn, agus rún cloinne ann an anamaibh a luchd muintir, ata 'g an nochdadh ann an gradh macail do Dhia, ann an eagal corruigh a chuir air ſin, ann an earbs' as, ann an umhlachd dh' a, agus ann dian thogradh bhi cofmhail ris.

C. *Cionnas a ghlaodhas an droing ſin, ABBA ATHAIR, nach 'eil aig mothachadh dearbhadh air Spiorad na h uchd mhacachd ann 'ta fein?*

F. Ma ghabh iad re Crioſt le beo chreidimh, feadaidh iad an Athair a radh re Dia; oir is ann tre creidimh ann ſan amhain, ata peacaich air

an

an deanamh 'n an cloinn do Dhia, Eoin 1. 12. Gal. 3. 26.

C. *Ciod a ni an dream ſin ata ſan teagamh am bheil ſior chreidimh aca ?*

F. Ma 'ta iad ſgith d' am peacaidh, agus gu durachdach ag iarruidh ſith reite re Dia trid Joſa Crioſt, feadaidh iad coſmhuil ris a mhac ſtruidheil dol a dh' ionnſuidh Dhia, agus a radh ris, "ATHAIR pheacaich me," &c. Luc. 15. 18.

C. *Creud an doidh air am bheil Dia coſmhail re Athair talmhaidh d' a luchd muintir ?*

F. Do bhri' gu 'm bheil ſe a' gabhail truais dhiubh, ag freaſdal gach ni feumail dhoibh, 'g an ſgeuduchadh, a' gabhail ſpeis d' an coluadar, ullamh a thoirt eiſteachd d' an glaodh, ag toirt deagh theagaſg, agus deagh eiſempleir dhoibh, 'g an cronachadh le tiom-chroidhe, ag deaſuchadh cuibh rionn, agus oighreachd fa 'n comhair, Sean. 3. 13. 1 Phead. 2. 2. Iſa. 61. 10. Sean. 15. 8. Sal. 34. 15. Mat. 5. 48. Jer. 30. 11. Sal. 31. 19. Luc. 12. 32. 1 Phead. 1. 4.

C. *Creud iad na nithe ann ſam bheil Dia ag toirt barr air aithreacha talmhaidh ?*

F. Do bhri' gur Athair Dia ata neo' chriochnach ann ſaidhbhreas, ann gliocas, ann gradh, neo'-bhaſmhor, agus bioth bhuan' bheir e d' a chloinn gach aon ni ta maith dhoibh ſan am iomchuidh, cha toir e ni air bith dhoibh a bhios dochunnach dhoibh; ata e ag deanamh oighreachan do gach aon d' a chloinn, ſeadh, oighreachan air rioghachd, eidear ſhean & óg.

C. *C' ar ſon a deirir ann ſan reamh-radh gu bheil Dia air neamh am bheil e ann ait' air bith eile ?*

F. Cha 'n e ſeagh nam briathrabh ſin, gu bheil lathaireachd Dhe air neamh amhain; oir cha 'n fhead neamh nan neamh a choimhid, oir ata e

ag

ag lionamh neamh agus na talmhain, agus ata e uilea lathaireach, 1 Righ. 8. 17. Jer. 23. 24. Ach deirir gu 'm bheil e air neamh, do bhri' gu 'm bheil a chaithir rioghail ann fin, far am bheil e 'g a fhoillfeachadh fein air an doidh as roghlormhora, Sal. 11. 4. agus 103. 19. Isa. 66. 1.

C. *Ciod ata Crioft ag teagafg dhuinn, le bhi teachd am fogus do Dhia mar ar 'n Athair ata air neamh?*

F. Ata fo ag teagafg dhuinn, 1. Ge 'ta e air a cheuduchadh dhuinn teachd am fogus do Dhia le danadas, gidheadh gu bu choir dhuinn fios a bhi aguinn air an eidir dhealuch ata eidear eifean agus finne, agus fmuainteadh ard, agus urramach altrom m' a mhordhachd neamhaidh, agus m' a ghloir fin. 2. Gu bheil Dia ag amharc air gach aon ni, agus gu bheil e comafach agus ullamh d'ar cuideachadh ann fgach cas. 3. Gu bu choir dhuinn ar 'n inntin a bhi air neamh, agus ois cionn an t faoghail ann fgach dleafdanas; gu bu choir d' ar fuilibh a bhi air neamh, mar ar duthaich agus ar da thigh, agus gu fonruighte air Jofa Crioft ar fear eidear ghuidhe fan ionad fin, chum eifteachd thaitneach f haghail ann fgach dleafdanas.

C. *Ciod 'ta am focal fin AR an fan reamh radh ag teagafg dhuinne?*

F. Gu bu choir dhuinn, cha 'n e amhain urnuigh a dheanamh air ar fon fein ann uaignidheas, ach mar an ceadna maille re daoin' eile agus air an fon: agus gu fonruighte gu bheil urnuidh teaghlaich na dhleafdanas fiachaicht, air na h uile aig am bheil teaghlaichean, Jer. 10. 25.

Ceift CI. *Creud ata finn a' guidhe fan chead iartas?*

F. Ann fan chead iartas, *(eadhon, Gu naomhaichear t ainmfe)* ata finn a' guidhe, gu

gu ma toil le Dia finne, agus daoin' eile a dheanamh comafach air e fein a ghloruchadh, ann s gach aon ni leis am bheil fe 'g a fhoillfeachadh fein dhuinn, agus gu ma toil leis gach ni a fhuidheacha, agus orduchadh chum a ghloire fein.

C. *Ciod a fin iartas ?*

F. A thchuinge, no ni eigin iarruidh.

C. *Cia lion iartas ata ann an urnuighe an Tigh-earna ?* *F.* Sea.

C. *Cionnas ata na fea iarrtais fin air an roinn ?*

F. Ata a chead tri gu h airid mu thimchioll gloir Dhe, agus an tri eile mu nithe a bhuineas d' ar maith, agus d' ar tairbh fein.

C. *Creud e a cheud iartas dhiubh fin ?*

F. Is e an ceud iartas gu naomhaichear t ainm.

C. *C' ar fon ata an t iartas fo air a chur air thoifeach ?*

F. A theagafg dhuinn, gur coir dhuinn ainm Dhe a naomhachadh o's gach aon ni eile. Is e fo a cheud iartas, agus an t iartas a's mo, agus bithidh fe air marthain 'n uair a theid na h iartais eile feachad ; oir bithidh na naoimh air neamh ag naomhachadh ainm Dhe gu fiorruidh.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le ainm Dhe ann fo ?*

F' Dia e fein, an ti naomh ata air ainmeachadh ; agus gu fonruighte, gach ni leis am bheil fe 'g a fhoillfeachadh fein, mar 'ta a thiodolaibh, a bhuaidhean, fhocal, &c.

C. *Creud e fin, ainm Dhe a naomhachadh ?*

F. Is e fin, bhi ag naomhachadh, a' toirt onoir, agus gloir do Dhia amhain, agus fo a dheanamh ann fgach aon ni leis am bheil fe 'g a fhoillfeacha fein, Ifa. 8. 13. & 29. 23. 1 Phead. 3. 15.

C. *C' ar fon is e am focal NAOMHACHADH*

A D H agus nach e am focal G L O R U C H A D H ata air a ghnathachadh?

F. Do bhri' gu 'm bheil an dealradh is foillearadh do ghloir De ann a naomhachd, agus ata a naomhachd ag cur mor mhaiſe air uile bhuaidheabh na Diadhachd, Iſa. 6. 3. agus 12. 6. Exod. 15. 11.

C. *Nach 'eil eidir dhealuch' mor eidear an doidh air am bheil Dia 'g ar naomhach' ne, agus an an doidh air am bheil ſinne ag naomhachadh Dhe?*

F. Ata; oir 'ta Dia 'g ar naomhach' ne, le bhi ag dortadh naomhachd ionnaine, ni nach roibh againn roimh laimh; ach an uair ata ſinne a naomhachadh Dhe, ata ſinn amhain ag taiſbean, agus ag aidmheil na naomhachd iomlan ata aig' o bhioth bhuantachd gu bioth bhuantachd.

C. *C' ar ſon ata 'n tiartas air a chur ſios ann ſan treas pearſadh N A O M H A I C H E R t ainmſe, no B I T H E A G H e air a naomhachadh?*

F. A ghabhail a ſteach gach ni, agus neach ata comaſach air a ſo dheanamh, mar gun abramaid, 1. Dean ſinne 'ta re urnuigh comaſach air t ainmſe a naomhacha'. 2. Bitheagh ar co' chreatuire uile ag ſaothrachadh ann a' t ainm 's e a naomhachadh, agus dean iomchuidh air a ſhon iad. 3. Do bhri' gu bheil gach creatuir neo'-chomaſach air tainm a naomhachadh, naoimhaich fein e o Thighearna, ata comaſach amhain air ſo a dheanamh.

C. *Nach 'eil an t iartas ſo ag teagaſg dhuinn a'dh' icheadh gu bheil ſinn neo' chomaſach dh' inn fein air ni air bith a dheanamh chum gloir Dhe?*

F. Ata; agus uime ſin, b' aill le Crioſt gun iarramaid gráſ o Dhia d' ar neartucha' chum ſo a dheanamh, agus gun cuireadh e ſinne an ſan ſtaid as iomchuidheadh air ainm fein a ghloruchadh.

C.

C. *Cionnas a dh' fheadas finne tre grais ainm Dhe a naomhachadh agus a ghloruchadh ?*

F. Le bhi ag cliuachadh a bhuaidhibh glórmhor, le bhi ag aidmheil ar 'n earbfa as, agus ar muinghin, agus ar creidimh ann, le bhi ag toirt ard urram d' a ainm, d' a fhocal, agus d' a riaghailtibh ; ag toirt buidheachais dh' a, agus a' gairm air fin ; le bhi ag aidmheil ar peacaidh 'ne, agus 'g an treigfin ; le bhi ag arduchadh Dhia ann a oibribh ; 'g a fhireanacha' ann a bhreitheamhnais ; le bhi tarbhach ann deagh oibribh ; le bhi ag toirt gloir gach ni do ni finn do Dhia ; le bhi ag feafamh fuas air fon onoir fin, ag tagairt le cuis na firinn agus na naomhachd ; agus a' fulang air an fon ; ag toirt fiadhnais ann aghaidh gach mearachd, peacadh, agus gach ni ata toirt eaf-onoir do Dhia ; agus le bhi ag cliuachadh a fhlighibh, agus a fheirbheas fin do dhaoin' 'eile, mar aon le 'r billibh agus le'r caithe beatha.

C. *Nach 'eil Crioft mar an ceadna, ag teagafg dhuinn leis an iartas fo, gu bu choir dhuinn ar 'n uile dhicheall a ghnathachadh chum 'gu 'm bithidh daoin' eile 'ga naomhachadh agus gu bithidh fo mar adhbhar gairdeachas againn ?*

F. Ata.

C. *Ciod iad na nithe as coir dhuinn iarraidh air Dia, chum 's gu 'm bithidh daoin' eile feadh an t faoghail mar an ceadna ag toirt gloir d' a ainm fin ?*

F. Gu 'm bitheagh na cinnich, agus iadfan do nach aithne Dia, air an iompochadh ris fein ; chum 's gu 'n d' thugadh iad gloir d' a ainm fin amhail is mar 'ta finne ag oirpeachadh a dheanamh ; agus gun d' thigeadh iad, agus gun taifbeanadh iad a cheartas do ghineil a bhitheas air am breith, Sal. 67. 2, 3. agus 22. 27, 31.

C. *Nach bu choir dhuinn ar 'n uile dhichioll a chur r' ar 'n urnuigh chum impidh a chuir air daoin' eile a thoirt gloir do Dhia ?*

F.

F. B' eadh, a reir ar 'n inmhe ann fan t faoghal.

C. *Creud an riaghail a thug Crioſt do gach aon neach do reir an inmhe chum na criche ſo?*

F. Ata i aguinn, Math. 5. 16 " Gu ma h ann " mar ſin a dhealruicheas bhur ſolus ann lathair " dhaoine, chum as gu faic iad bhur deadh oib- " ridh, agus gu toir iad gloir do bhuir 'n Athair " ata air neamh."

C. *Do bhri' gu bheil ſinn teachd co fhada ann diaidh laimh ann ar dleaſdanas air an doidh ſo, nach bu choir dhuinn bhi a' guidhe air Dia gu gabhadh ſe a ghloir d'a ainm fein?*

F. B' eadh, agus ata eiſempleir Chrioſt 'gar teagaſg ann ſo, Eoin 12. 28. " Athair gloraich " t ainm," agus ata gealladh Dhe aguinn gun dean eiſean ſo, Eſec 38. 23. & 36. 23.

C. *Cionnas ata Dia a' gabhail gloir d' a ionnſuidh fein?*

F. Le bhi ag dortadh 'mach a Spiorad air an eaglais, agus ag riaghluchadh gach aon ni air thalamh chum a ghloir fein?

C. *Cionnas ata Dia ag riaghluchadh gnothaiche an t ſaoghail chum a ghloir fein?*

F. Le bhi ag ard riaghluchadh gach aon ni a tharlas ann, chum nan criochaibh as fearr a fhreagras a mheaduchadh, agus a chuir gloir ainm fein air aghaidh: 'n uair a bhios e cuir grabadh air a naimhde, no' g an ſmachducha', agus ag coimhid ainme fein o thoi-bheum nan aingidh; le bhi ag teaſairgin eaglais fein o fhoirneart, ag cur gach ni ata doilghioſach dhi air cul, agus a ſuidheachadh adhraidh, agus riaghalta fiorghlan, ag foſgladh doruis gu aith leaſachadh, agus ag toirt breitheamhain agus luchd comhairleach dh' i mar bha iad ann toiſeach, Eſec. 28 24, 25, 26. agus 36. 23, 24, 37, 38. agus 20. 40, 41. Iſa. 1. 26. Sal. 76. 9, 10.

C. *Nach 'eil Crioſt leis an iartas ſo, ag teagaſg*

dhuinne

dhuinne bhi re guidhe ann aghaidh gach ni leis am bheil eaſ-onoir 'g a thoirt do ainm Dhe?

F. Ata.

C. *Creud iad na h uilc ſin leis am bheil ainm Dhe air a mhaſluchadh?*

F. Is iomad ſin, mar 'ta Dia ſheanadh, iodholadhraidh, neo' chreidimh, dimeas air Dia, agus air adhradh ſin, mionnachadh, briſeadh Sábaid, neo'-ghlanas, &c.

C. *Ma bhios neach air bith do 'n droing mhinaomha ſin, ag luadh urnuidh 'n Tighearna, nach 'eil an gnathachadh ag toirt na breige d' an urnuigh?* *F.* Ata.

C. *Nach 'eil e na adhbhar do bròn do dhaoine diadhaidh bhi ag faicſin, no ag cluintinn ainm Dhe 'g a mhaſluchadh?*

F. Ata, Sal. 42. 10.

C. *Nach doirt Dia tarcuis air an dream ata toirt eaſonoir d' a aimn ſin?*

F. Dortuidh, bithidh droch bholtrach d' an ainm agus d' an cuimhneachan air thalamh, agus eirigh iad gu naire agus tarcuis ſhiorruidh na dhiaidh ſo. Sean. 10. 7. Dan. 12. 5.

C. *Creud a nithear ris an droing a bhios ag toirt onoir agus gloir do ainm an Tighearna?*

F. Cha chail iad dadum air a ſin, oir a deir e, 1 Sam. 2. 3. "An droing a bheir onoir dhamh-"ſa, onoruighe miſe iad."

C. *Cionnás ata Dia a cur onoir orra ſan a bheir onoir dh' a?*

F. Cuiridh e onoir air am pearſaidh, air an ainmibh, air an anamaibh, agus air an corpaibh; cuiridh e onoir orra ann am báis, le ainglibh a chuir 'g an iarruidh, agus ann diaidh báis la truſcain neo'-bhâſmhorachd agus coruin fireantachd a chur orra ſan.

Ceist CII. *Creud ata sinn ag guidhe san dara iartas?*

F. San dara iartas, eadhon *(Gu 'n tigeadh do rioghachd sa)*, ata sinne ag guidhe Dhe, rioghachd an aidbhhirseoir a sgrios, agus rioghachd nan gras do mheaducha; sinne agus daoin' eile do tharruing d' a h ionnsuidh, agus a choimhid innte, agus rioghachd na gloire do luathachadh.

C. *C' ar son ata an t iartas so ag leanntain air an iartas roimhe so?*

F. Do bhri' nach fead sinn ainm Dhe a naomhachadh, no ghloruchadh gu ceart, gus an d' thig a rioghachd san 'n ar 'n anama' ne.

C. *Cid ata air a chialluchadh le rioghachd Dhe ann so?*

F. Ata tri nithe; 1. Deirir rioghachd Dhe re searmonachadh an fhocail, Mat. 13. 47. 2. Deirir rioghachd Dhe re obair grais shlainteil ann croidheacha' dhaoine, Luc. 17. 21. 3. Deirir rioghachd Dhe mar an ceadna re staid na gloire air neamh, 1 Cor. 15. 50. Agus deirir rioghachd nan grais ris a' chead dias dhiubh ann sin san fhreagradh, agus rioghachd na gloire ris an treas con dhiubh.

C. *C' ar son a deirir rioghachd nan gras riu sin?*

F. Do bhri' gur h ann le frithealamh an t soisgeil ata obair grais ag toiseachadh, agus air a toirt air a h aghaidh ann an anamanna na daoine taghta.

C. *Co is righ air an rioghachd so?*

F. Dia fein; ach ata e 'g a riaghluchadh le Josa Criost fear ionad sin, an neach a dh' orduigh e a rioghach innte, agus uime sin, deirir Righ Dhia ris, Sal. 2. 6.

C. *C' ar son a deirir rioghachd re obair ghrasmhor Chriosd air anamaibh a luchd muinntir?* F.

F. Do bhri' gu 'm bheil grás ann 's gach anam ann fan gabh fe freamh, ag ceannfuchadh ainmiannaibh ceannairceach, ag riaghluchadh na toile, agus nan ciat fadha, agus ag cur an duine gu h iomlan fuidh cheannfal Chrioft, agus a fhlait rioghail cho' thromaich fin, 2 Cor. 10. 5.

C. *Co dhiu' is i rioghachd nan grás no na gloir ata fin a' guidhe a theachd ann fan dara h iartas ?*

F. Ata finn a' guidhe air fon an teachd mar aon, do bhri' nach 'eil ann an rioghachd na gloire, ach rioghachd nan grás air a toirt gu foirfeachd, agus gu 'm bheil gloir Dhe ag dealradh ni as foilfeire innte.

C. *Cia'd as fcagh do theachd no mea'achu' rioghachd nan grás mar 'ta é air a theagafg dhuinn iar ruidh ann fo ?*

F. Ata e ag ciallughadh craobh fgaoileadh agus foirbheachadh an t foifgeil feadh an t faoghail, agus gach ni a bhacas fo a thoirt air falbh. Ata finn ag guidhe mar anceadna, ann fo, gu m bithidh luchd teagaifg treibhdhireach ann eaglais Chrioft gu h uile, agus teagafg, riaghalta, agus fmachducha fiorghlan, le moran do l.thearachd agus do chumhachd fpiorāid De 'n an co' chuideachd ; gu 'm bithidh rioghachd Dhe air a cur fuas ann ar 'n anamaibh fein, agus ann anamaibh dhaoin' eile, agus gu 'm bithidh obair nan grás air a toirt air a h aghaidh ann 'ta gu foirfeachd.

C. *Creud iad na nithe fin, ata ag bacadh teachd agus meaduchadh na rioghachd fo, is coir dhuinn a guidhe air Dia a thoirt as an t flighe ?*

F. Is coir dhuinne urnuigh a dheanamh ann aghaidh rioghachd an aidbheirfeir gu coitcheann, ni 'ta gabhail a fteach ann, uachdranachd agus aintighearnas a pheacaidh ; ann aghaidh an anacrioft, agus naimhde na h eaglais gu h uile, ann aghaidh craobh fgaoileadh creidimh breugadh ; mearachd, iodhol adhraidh, faoibheallachd fcanaillibh, coi' ftribh, luchd teagaifg mi dhileas, agus

truailleadh ann fan eaglais.

C. *Cionnas ata e foilleir gu bheil rioghachd aig an aidhbheirfeir fan t faoghal ?*

F. Do bhri' gu deirir Dia agus prionnfadh an t faoghail ris, agus 's iad na haingidh a chlann, agus a chuid iochdran, agus ata e ag riagluchadh an ta agus o's an ceann, 2 Cor. 4. 4. Eoin 14. 30. agus 8. 44. Eph. 2. 2. 2 Tim. 2. 26.

C. *Nach 'eil rioghachd an aidhbheirfeir ro fhairfing ?*

F. Ata; maran ni as fairfingeadh na rioghachd Chriofl.

C. *Cionnas ata e ag tarladh gu bheil rioghachd an aidhbheirfeir co fhairfing ?*

F. Do bhri' gu 'n d' rinn ar ceud finnfir ceannairc ann aghaidh an ard uachdarain dhligheach.

C. *C' ar fon ata Dia ag ceaduchadh do 'n aidhbheirfeir riogluchadh air an t faoghal air an doidh fo ?*

F. Ata Dia 'g a cheaduchadh fo mar gniomh ceart dioghailteas ann aghaidh an duine, air fon a cheannairc ann aghaidh ughdarrais agus reachd ro bhlafta an Tighearna fan, agus an cruthai' fhear, agus mar an ceadna, chum gloir ainme fein, le bhi ag teafairgin nan daoine taghta o uachdranachd an aidhbheirfeoir.

C. *Am bheil coir air bith aig ann aidhbheirfeoir' air na h aingidh a riaghluchadh ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir is an Tighearn' e, ge ta iad fan ag fás 'n an trailleadh toilleach dh' a.

C. *Nach bu choir dhuinn bhi ag guidhe gu bithidh rioghachd an aidhbheirfeoir air a fgrios ?*

F Bu choir ; oir am feadh a fheafas i ata i ag conbhail rioghachd Chriofl o bhi fás ; agus ata na h anamaibh luach mhor, air am bheil e ag riaghluchadh fuidh riaghailt ro ain-iochd mhor.

C. *Ciod as fcagh do 'n fhocal fin aidhbheirfeoir ?*

F. Is e namhaid as fcagh dh' a agus 's maith a dh' fheadar

dh' fheadar fo a radh ris, oir is namhaid e, ata mar leomhan beuchdach, ag im' eachd mu 'n cuairt ag iarruidh anamaibh prieseil a fhlugadh fuas, 1 Phead. 5. 8.

C. *Creud as seagh do bhi re guidhe gu 'm bithidh rioghachd an aidhbheirseoir air a sgrios ?*

F. Ata sinne a' cialluchadh le so, gu 'm bruthadh Crioft ceann na sean nathrach, gun teasairgidh e anamaibh truagh o' n ain tighearna sin, gu 'm bithidh Judhaich, Turcaigh, na Cinnich, agus daoin' aingidh air an tarruing chum eolais agus umhlachd Chrioft.

C. *Cionnas a dh' aithnigheas sinne, am bheil sinn air ar teasairgin o rioghachd an aidhbheirseoir, agus air ar tabhairt chum rioghachd Chrioft ?*

F. Feadaidh sinn aithnich le so; ma 'ta sinn a' toirt eifteachd do ghairm an t soisgeil, ma ta sinn ag gabhail re Crioft 'na uil' oifigibh, ma 'ta sinn ag toirt suas ar croideachan chum bhi nan righ chaithir dh' a, ma ta sinn ag toirt speis d' a reachd, agus ma 'ta sinn re cogadh ann aghaidh a naimhdean sin.

C. *An coir do 'n droing sin ann sam bheil rioghachd nan gras air tionsgnadh cheanna ann nan anamaibh bhi re guidhe, gu 'n tigeadh do rioghachd ?*

F. Is coir: do bhri' gu 'm bheil gras ann an staid lag ionnta, 's eigin dhoibh bhi a' guidhe, gu 'n tigeadh i le tuille cumhachd d' an anamaibh, gu 'm bithidh am peacadh ni as mo air anmhunnacha, agus gras air a mheadachadh agus air a neartuchadh; agus gu buanaicheadh iad ann staid nan gras gu nuig a chrich.

C. *'Nan tigeadh rioghachd nan gras air doidh shonruighte, nach d' thugadh i nithe beannuighte gu crich ann san t saoghal ?*

F. Bheireadh; oir le sin bhithidh mor mheas do Dhiadhachd, gheabhadh firinn buaidh air mearachd, dhruideadh aingidheachd a beul, bhithidh Jerusalem na h adhbhar molaidh, a ballaibh air

an togbhail fuas, gach adhbhar gearain air a leasachadh, gach briseadh air a shianuchadh; ann sin bhitheagh a fagairtibh air an sgeuduchadh le sireantachd. agus a naoimh re urghairdeachas, ann sin bhitheagh peacaich ag teicheadh le cheile mar neul agus mar cholman chum an fhuineoig, ann sin luidheadh an leomhan fios maille ris an uan; bhitheagh an lag cofmhail re Daibhi, agus Daibhi mar aingeal De.

C. *Creud ata sinn ag guidhe san iartas so thaobh rioghachd na gloire?*

F. Gu 'n bithidh i air a luadhachadh.

C. *Cia ata air a cialluchadh le rioghachd na gloire?*

F. Staid ghlormhor agus ard aoibhneach na h eaglais air neamh, 'n uair a bhitheas i saor do gach olc, agus ag mealtain gach aon ni maith, agus ag riaghach' maille re Crioft gu siorruidh.

C. *C' ar son a deirir rioghachd Dhe re sonas nan neamhaidh?*

F. Do bhri' gu bheil Dia ag rioghach' gu glormhor ois cionn a luchd muintir ann sin, oir ni bheil smuainteadh no ain-miann ceannaireach r' an faghail 'n am measg san. Agus bithidh iadsan air an deanamh nan rioghraidh, agus suidhidh iad maille re Crioft air a righ chaithir, agus rioghaichidh iad gu saoghal nan saoghal, Taisb. 3. 21. agus 22. 5.

C. *Cia iad an dream aig am bheil coir air rioghachd so na gloire?*

F. Iadsan ata gabhail re Crioft mar an righ san ann so, ata ag oirpeachadh an ain mannaibh a cheusadh, ata ag caitheamh am beatha mar choigrich air thalamh, ata ag conbhail suas co'-chomunn san rioghachd sin, agus ag saothaireacha chum bhi iomchuidh air a son.

C. *Nach 'eil am suidhighte air son teachd na rioghachd so? Cionnas ma 'ta as coir 'dhuinne bhi a' guidhe' gu 'm bithidh i air a luadhachadh?*

F.

F. Ge 'ta an t am fuidhighte, gidheadh ata Dia ag cur mar fhiacha oirne, bhi ag nochdadh miann ciocrach, agus dian thogradh chum 's gun d' thigidh i, do reir gealladh Chrioft, Laoidh. 8. 14. Rev. 22. 20.

C. *Cionnas ata na naoimh ag taifbean an dian thogradh fo ann diaidh rioghachd na gloire ?*

F. Le fuil a bhi aca ris ; agus deithfir a dheanamh chum teachd la Dhe 2 Phead. 3. 12.

C. *C' ar fon ata an dian thogradh fo ann fna naoimh ?*

F. Do bhri' gu bheil an nadurra nuadh 'g an tarruing chum tograidh anama a bhi aca ann diaidh faorfadh iomlan o 'n pheacadh, agus lan cho'-chomunn re Dia.

Ceift CIII. *Creud ata finn ag guidhe fa treas iartas ?*

F. San treas iartas, (eadhon *Deanthar do thoilfe air thalamh, mar nithear air neamh)*, ata maid a' guidhe Dhe, finne do dheanamh comafach, agus deonach le a ghras, chum eolas a ghabhail air a thoil fein, a bhi freagrach, agus umhal dhith ann 's gach aon ni, amhuil mar ata na h aingeal air neamh.

C. *C' ar fon ata an t iartas fo ag leanntainn air an iartas roimh fo ?*

F. A theagafg dhuinne, gur ann le toil De a dheanamh as fearr a dh' fheadar teachd a riogh achd fan a chuir air a ahghaidh.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le toil De ann fo ?*

F, Ata toil aitheantaibh agus a fhreafdail mar aon, Mat. 7. 21. 1 Phead 3. 17.

C. *Creud ata finn a' guidhe, 'n uair ata finn*

ag

ag iarruidh gu 'm bithidh toil aitheanta De air a dheanamh ?

F. Ata finn ag guidhe, gu 'm bitheamaid fein, & daoin' eile air ar foillfichcadh le focal agus Spiorad De, chum eolas a ghabhail air a thoil ata air a foillfeachadh dhuinne, agus air ar deanamh deonach, agus comafach le a ghrás a thoirt umhlachd dhi.

C. *Nach tuigear uaithe fo, gum bheil finn thaobh nadurra dall, agus ain eolach air toil De ?*

F. Tuigear; agus ata focal De 'g a innfeadh dhuinne, Eph. 4. 18. & 5. 8.

C. *Nach 'eil finn mar an ceadna thaobh nadurra neo' thoileach air eolas a ghabhail air toil De ?*

F. Ata; Job. 21. 14. A deir f iad re Dia, im'-ich uaith' ne, oir cha 'n 'eil finn ag iarruidh eolas air do fhlighe, Rom. 8. 7.

C. *Ciod as eigin dhuinn a dheanamh, chum eolas fhaghail air toil De ?*

F. Is eigin dhuinn bhi ag rannfuchadh nan fgriobtur far am bheil i air a foillfeachadh dhuinn, agus bhi ag guidhe gun teagaifgeadh Spiorad De gu h eifeachdach finn, ata comafach amhain air ar doille agus ar naimhdheas a thoirt air falbh, agus air eolas flainteil air toil De a thabhairt dhuinne, Eoin 5. 39. Sal. 119. 18, 33. 36.

C. *Am leor do dhuine eolas cinn a bhi aige air toil De ?*

F. Cha 'n eadh; is eigin dhuinn mar an ceadna bhi air ar deanamh deonach agus comafach air umhlachd a thabhairt dhith; uime fin deir ar Tighearn' e, ma 'f aithne dhuibh na nithe fo 'fbeannuighte fibh ma ni fibh iad, Eoin 13. 17.

C. *Nach 'eil eolas as eagmhuis deadh ghniomhartha ag fagail flaid duine na 's meafa ?*

F. Ata; oir ni e a dhoruin na 'f do fhulang do reir, Luc 12. 47.

C. *Nach 'eil finn a thaobh nadur' fo acmadh gu*

ceannairc

ceannairc ann aghaidh toil De, agus a dheanamh toil an diobhail agus na feola?

F. Ata; Rom. 8. 7. 1 Phead. 4. 3. Eph. 2. 3. Eoin 8. 44.

C. *Co iad an droing aig am bheil deagh thogradh chum toil De a dheanamh?*

F. Iadſan aig am bheil lagh an Tighcarna air a ſgriobhadh air an croidheachan, ni a gheall Dia a dheanamh, do na h uile ata e ag ath nuadhachadh le a Spiorad, Jer. 31. 33.

C. *Ciod e ſin lagh an Tighearna a ſgriobhadh air croidheacha dhacinibh?*

F. Is e ſin, ſar eolas a thoirt dhoibh air; gradh o 'n croidhe a bhi aca dh' a, agus coſamhlachd ris o 'n leath ſtigh, maille re fónn agus rún eallamh a thoirt umhlachd dh' a.

C. *Nach e Spiorad De as eigin an toil agus an gniomh mar aon oibreachadh, ionnaine ata e ag iarruidh ann a lagh?*

F. Is e, Phil. 2. 13. Eſec. 36. 27.

C. *Ciod ata ſinn a' guidhe ſan iartas ſo, 'n uair ata ſinn ag iarruidh gu 'm bithidh toil freaſdail De air a deanamh?*

F. Gu 'n d' thugadh Dia dhuinn fein, agus do dhaoin' eile, grás a thoirt geill d' a fhreaſdal ann ſgach triobloid as toil leis a chuir oirne, Gniomh. 21. 14.

C. *Ciod i a' gheill, agus an umhlachd naomh ſin do thoil De, is coir do gach fior chriofuidh a bhi aige 'n uair a tharlas dha bhi ann triobloid?*

F. Fónn graſail anama, ata cur impidh air a chriofuidh chum freaſdal glic an Tighearna a thoirt fanear, ann ſgach aon ni ata ag tachairt dh' a, agus gu bhi toilighte bhi fuidh riaghail De gu h iomlan, gun ghearan air bhith air a fhreaſdal ſin. 1 Sam. 3. 18. 2 Sam. 15. 26.

C. *C' ar ſon nach fhead ſinn bhi re monmhor no gearan fa thriobluid?*

F.

F. Do bhri' gu bheil Dia co' thromach na uile fhlighe, agus 'g ar fmachduchadh na 's lugha na 'ta ar peacaidh ne aig toiltin; agus ma bheir e co' f hurtachd air bith uaith ne, cha 'n 'eil e ag toirt ni air bhith leis ach a chuid fein, Sal. 145. 17. Efra 9. 13. 1 Chron. 29. 14.

C. *Cia d e an t am as mo cunntart a chriofluidh air monmhor a dheanamh?*

F. 'N uair a tharlas bochduin, mafladh, no call caomh chairde 'na chrann char, no 'n uair bhios crádh corporra air.

C. *Ciod a dh' fheadas fois a thoirt dhuinn am fan ftaid fin?*

F. Bhi ag beachdachadh gu fuidhighte, gun do chofain finn na nithe fo uile, dhuinn fein, gur e an Dia ata ro naomhtha 'ta ag buintin ruinn agus gu 'm bheil fe ag faicfin gu bheil na nithe fin feumail dhuinn.

C. *Creud ata na briathraibh fin fan iartas fo (AIR THALAMH) ag teagafg dhuinne?*

F. Gu 'm bu choir d' ar foin do ghloir Dhe, agus do leas anamaibh dhaoine righeachd air luchd aiteachaidh na talmhain gu h iomlan; chum 'f gu 'm bithidh iad uil' air an tarruing a thoirt umhlachd do thoil ar 'n Athar neamhaidh.

C. *Ciod ata na briathraibh fin, (MAR ATA I AIR NEAMH) ag teagafg dhuinn?*

F. Ata na briathraibh fin ag nochdadh ciod i a ghne umhlachd bu choir dhuinn bhi a' guidhe, agus ag oirpeachadh, chum f gu 'm bithidh i cofmhuil re umhlachd nan ainglibh, agus nan naoimh ann gloir air neamh.

C. *C' ait' am bheil finn ag leaghadh gu bheil na h ainglibh agdeanamh toil De?*

F. Ann an, Sal. 103. 21. " O ainglibh 'ta ag " toirt buaidh ann neart, ata ag toirt umhlachd " d' a aitheanta, agus ag eifteachd r' a f hocal."

C. *C' ait' am bheil finn ag leaghadh air na naoimh ann gloir a' deanamh toil De?*

F.

F. Ann an, Taif. 22. 3. " Ann fin ni a fhear-
" bhanta feirbhis d' a."

C. *Ciod ata r' a tharruing o na fgriobtuir fin?*

F. Nach adhbhar eas-onoir, no naire air doibh air bith, feirbhis a thoirt do Dhia, air thalamh, do bhri' gu bheil ainglibh, agus naoimh mar aon ag toirt feirbhis dh' a air neamh.

C. *Nach 'eil eidir dhealuch mor eidear an umhlachd fan, agus ar 'n umhlachd' ne?*

F. Ata; oir ata iad fin ag deanamh toil De air doidh iomlan, ach finne gu neo' iomlan.

C. *Cionnas ma 'ta a leanas finne eifempleir luchd aiteachaidh na neamhaidh?*

F. Ann bhi ag deanamh toil De do reir ar ftaid agus ar comais ne, mar ata iadfan do reir an ftaid agus an comais fein.

C. *Cionnas ata ainglibh agus naoimh a' deanamh toil De air neamh?*

F. Ata iad 'g a deanamh air ball, gu neo'-mheangail, gu h irioſal, gu fuilbhear, gu h iomlan, gu dicheallach, durachdach, gna' bhuanach, agus gun fgios; agus bu choir dhuinne trid gráis bhi ag oirpeachadh an leantainn ann fna nithe fin, gu h irioſal ag caoidh gun d' thainig finn co fhada ann diaidh laimh, & gu dian ag iarruidh tuille neart o Dhia ann ainm Chrioft.

C. *Nach fead na h anamaibh treibh dhireach fin uile, dochas daingean altrom gu bheil an t am gu luath ag teachd, ann fan teir iad umhlachd do Dhia cofmhail ris na h aingeal?*

F. Feadaidh, do reir, Luc. 20. 36.

C. *Nach 'eil a chuid mhor do luchd aiteachaidh na talmhain, dio' chuimhneach air na h eifempleiribh oirdheirc fin a leantainn?*

F. Ata; gu fonruighte an droing ata ag deanamh riaghail an giulain do nós an t faoghail, agus iad fan ata cur dail ann toil De a dheanamh, mar an ceadna, an dream nach 'eil 'g a deanamh ach

air

air uaireadh, agus na h uile ata 'g a deanamh gu mi-fheaghail.

C. *Nach e bhi ag feinn laoidhibh molaidh do Dhia cuid mhor do fheirbhis nan aingeal & nan naomh air neamh?*

F. Is e.

C. *Creud na nithe ma am bheil iad a toirt molaidh do Dhia?*

F. Ata iad ag toirt molaidh dh' a air fon oibridh a chruthaich, agus a fhreasdail, ach gu fonruighte air fon obair na faorfa trid Josa Crioft, agus uaith' fo a deirir gu bheil iad a cantuinn órain Mhaois, agus órain an Uain, Taif. 15. 3.

C. *C' ar fon ata an laoidhibh air neamh ag faghail an ainm fo?*

F. A deirir laoidh, no óran Mhaois riu, do bhri' gur b' e Maois a thug cunntas dhuinn air oibribh iongantach a chruthaiche, agus mar an ceadna air oibridh iongantach freasdail De ann an teafairgin na h eaglais agus ann fmachduchadh a naimhde, leis an tuil; ann fan Eipht; agus aig an mhuir ruadh, far an do fheinn Maois le buaidh ghair, mar ata aithris aguinn, Exod. 15. Ai is 'f maith a dh' f headar laoidh an Uain a radh r' an óran, do bhri' gur h e Crioft Uan De ard chufboir, agus fuim fhonruighte ann laoidhibh, thaoibh a ghraidh roi-iongantach ann obair na faorfa a ghabhail o's laimh, ann na tabhairt air a h aghaidh, agus ann na criochnachadh. Agus gheabh na naoimh, agus na h aingeal adhbhar cliu agus molaidh gu leor ann an oibribh cruthaich, freasail, agus faorfa trid faoghal nan faoghal.

Ceift CIV. *Creud ata finn ag guidhe fan cheathramh iartas?*

F. San cheathramh iartas, (eadhon, *Tabhair dhuinn an diu ar 'n aran laitheil*), ata finn ag iarruidh gu fuighmid do fhaor thoirbh-

eartas

eart as Dhe, roinn chuimſeach do nithe maith na beatha ſo, agus gu meslamaid a bheannacha fein maille reu.

C. *Creud ata air a chiallachadh le aran ann ſo?*

F. Lón iomchuidh d' ar corpaibh, far am bheil cuid air a ghabhail air ſon an iomlain, mar ata e, Eoin 6. 8, &c.

C. *Nach 'eil ſinn gu nithe eile iarruidh air ſon ar corpaibh os barr air lón?*

F. Ata; agus ata aran air uaireadh air a ghabhail ann ſeagh farſaing, air ſon gach aon ni 'ta feumail chum ar corpaibh a chonbhail ſuas ann am beatha, mar ata e, Gin. 4. 19. mar ſo, ata ionadaibh comhnuidh, ſlainte, codal, eadach, cungaidh leighis, agus nithe eile feumail na beatha ſo, air an gabhail a ſteach ann, agus as coir dhuinn an iarruidh ann ar 'n urnuigh ne; agus mar an ceadna, air ſon teaſairgin o gach, ni milteach a chuireadh ar corpaibh a' mughadh, agus ann aghaidh gach ni eile 'ta cuideachadh chuige ſin, mar ata do aimſir, gaine, foirneart, loſgadh, plaighean, &c.

C. *C' ar ſon ata Crioſt ag ainmeach arain amhain ann ſan urnuigh ſo?*

F. A theagaſg dhuinn gun do chail ſinn ar coir air nithe maith na beatha ſo, agus gu do thoill ſinn gum bithidh iad uil' air an toirt uaith ne; gur h e an ſbruileach as lugha do 'n aran ſaor thiodhlac Dhe, agus nach airidh ſinn orra air doidh air bhith aig a laimh ſin. Mar an ceadna a theagaſg dhuinn gun bhi 'g iarruidh nithe rimheach, ach nithe feumail amhain, agus a bhi toilichte le teachd an tir iomchuidh, 1 Tim. 6. 8.

C. *Nach leis an Tighearna an t aran ata ſinn ag iarruidh, c' ar ſon ma 'ta a deir ſinn ar 'n aran ne ris, mar gu 'm bithidh coir againn air?*

F. A deir ſinn ar 'n aran fein ris, cha 'n e gur airidh ſinn air o Dhia, oir cha 'n 'eil dadum mar

fhiacha aig duin' air bith air fin ; ach do bhri gur i toil De orduchadh, o fhaor thoirbheartas do 'n duine chum ar teafairgin, agus mar an ceadna, a theagafg dhuinn bhi toirt fainear, cioda choir ata aguinn air an aran ata finne ag ithe, eadhon, gur h e ar 'n aran fein, agus nach aran duin' eile bhios ann ?

C. *Co iad an droing nach fhead an aran fein a radh ris an aran a bhios iad ag ith ?*

F. Iadfan ata 'g ithe aran an diomhainies, ni 'ta air ainmeachadh, Sean. 31. 27. eadhon, nach 'eil iad ag faotharacha' air a fhon, ach ag teachd an tir air teagradh dhaoine eile ; mar an ceadn, iadfan ata 'g ith arain foirneart agus mealtaireachd, ni ata air aimneachadh, Sean. 4. 17. & 20. 17. eadhon, aran a gheabhar le flada, agus ea' coir ; agus cha 'n fheadar a radh gu 'm bheil iad fin, ag ith an arain fein.

C. *Creud ata mar fhiacha oirne, chum 'f gu 'm feadear ar 'n aran fein a radh ris an ni a bhios finn ag ith' ?*

F; 'S eigin dhuinn fheuchain gu 'm bi coir laghail aguinn air, gu 'n teagair finn e le meadhona ionraic agus laghail, 2 Theff. 3. 12. 2. 'S eigin dhuinn fheachain mar an ceadna, gu 'm bi coir coi'-cheangail aguinn air ar 'n aran, le fealbh fhaghail ann Crioft, oighre gach aon ni, oir choifean eifean coir do na creidmhich air nithe maith na beatha fo, air doidh coi'-cheangail, Rom. 8. 32. 1 Cor. 32. 23. Ifa. 33. 16.

C. *Am fead na neo'-chreidmhich an aran fein a-radh ris an ni ata aca, ann lathair Dhe co mhath ris na creidmhich ?*

F. Cha 'n fhead ; oir ciod air bhith coir lagha ata aca air na bheil iad ag fealbhachadh, ni bheil coir aca air dadum tre coi'-cheangal : ciod air bhith ata aca le freafdal, agus luidheafacha Dhe, cha 'n 'eil ni air bhith aca le gealladh, no le gradh

Dhe,

Dhe, is iad na creidmhich amhain, fior oighreachan agus fealbhaidearan an t faoghail, le fo, ata adhbhar aig na mi-chreidmhich ata lan faidhbhreas, bhi air an irioflachadh gu mor an lathair Dhe, agus a radh " mo thruaidh," ni bheil annaine ach ain Tighearna air deagh thiodhlacaibh Dhe, oir cha 'n 'eil coir air bith aguinn orra na lathair fin, Sal. 37. 9, 11. Mat. 5. 5. 1 Tim. 4. 8.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le aran laitheil fan iartas fo?*

F. Uirid do nithe maith na beatha fo, as ata feumail chum ar beathacha' o aon la, gu la eile.

C. *C' ar fon nach e aran bliadhnail, ach aran laitheil ata Criofl ag teagafg dhuinn iarruidh?*

F. A theagafg na nithe fo dhuinne; 1. Gun duil a bhi aguinn re moran laith, no re nithe mor fan t faoghal fo, ach gach la a chaithe mar gu b'e ar la deirneanach e; uime fin ata e air a radh fan iartas, tabhair dhuinn A N. D I U G H, Sean. 27. 1. 2. Bhi teachd beo ann earbfa re Dia do ghna', gun ro churam m' an am re teachd, Mat. 6. 34. Phil. 4. 6. 3. Bhi 'g ar cleachduin fein gach la re urnuigh, agus tiodhlacaidh Dhe aid'iche le buidheachas, agus a bheannuchadh iarruidh orra, Sal. 55. 17. 1 Theff. 5. 17.

C. *Amfead finn faidhbhreas, no nithe mor iarruidh dhuinn fein?*

F. Cha 'n f head; oir ata Dia ag toirmeafg fo dhuinn, agus ag innfeadh dhuinn gu tuit an dream a bhios beartach ann iomad buaireadh agus ribe, Jer. 45. 1 Tim. 6. 9.

C. *Giod e ma chi Dia iomchuidh beartas a luidheafach oirne?*

F. Ann fin bu choir dhuinn a ghabhail a laimh Dhe le buidheachas, agus gras iarruidh d' a ghnathachadh chum a ghloir fin, agus d' ar coimhead o gach buaireadh, agus ribe ata gu tric 'n an co' chuideachd, Gin. 32. 10.

C. *Creud iad na buairibh ſin ?*

F. 'N uair a bhios ſaidhbhreas ag do la mead, ata daoin' air am buaireadh chum an croidheachan a ſhocruchadh orra, earbs' agus bun a dheanamh aſta, fas uaibhreach, bhi deanamh dearmad air Dia, agus foirneart air daoinibh, Sal. 62. 10. 1 Tim. 6. 17. Deut. 8. 13, 14. Seum. 2. 6.

C. *Nach 'eil iomadh buaireadh mar an ceadna an co' chuideachd bochduin ?*

F. Ata.

C. *Creud iad na buairibh ſin ?*

F. Ata na bochdan air am buaireadh gu bhi neo' thoilighte le 'n ſtaid, agus a ghnathachadh meadhona mio' laghail chum a leaſachadh, Sean. 30. 9.

C. *Creud an ſtaid as lugha cunntart air buaireadh, agus as inn mhiannuiche ?*

F. Staid mheadhonach, le cuimh-rionn cuimſeach do nithe maith na beatha ſo; agus air an adhbhar ſin, chuir Agur ſuas an urnuigh ſo re Dia, Sean. 30. 8. " Na toir dhamhſa beartas, no " bochduin, beathaich me le lón iomchuidh air- " ſhon."

C. *Cia ata r' a thuicſin le cuibh-rionn cuimſeach ?*

F. Uiread do nithe maith na beatha ſo, is ata freagrach d' ar ſtaid agus d' ar feumaibh, & a chi Dia iomchuidh air ar lon.

C. *Nach h e Dia breitheamh as fearr air ar feum ?*

F. Is e; oir ata ar n Athair neamhaidh d' an aithne ar 'n uil' fheum, neo' chriochnach ann am maitheas, agus ann gliocas, Mat. 6. 32.

C. *Do bhri' gu 'r aithne d' ar 'n Athair neamhaidh ar 'n uir eaſbhuidh uile, cia am feum ata aguinn air an iarruidh air ſin ?*

F. Thaobh gur miann leis bhi 'g eiſteachd re guth a luchd muintir, agus gu 'r aill leis gun

aid'

aid'-ich iad gu bheil gach aon ni ag teachd uaithe fin.

C. *Am bheil ni air bith eile aguinn r' a dheanamh m' ar 'n aran laitheil, ach bhi re urnuigh air a fhon?*

F. Dh' orduigh Dia dhuinn bhi re faothair air a fhon mar an ceadna, Gin. 3. 19. " Ann an fol- " as do ghnuis itheadh thu aran uile laithe do " bheatha, gus am pill thu ris an dus."

C, *Nach'eil Dia diom-buidheach do 'n dream ata 'g iarruidh arain le famhludh urnuigh, is nach dean faothair air a fhon?*

F. Ata, 2 Theff. 3. 10.

C. *Ma 'f eigin do dhaoine bhi re faothair air fon an arain, c' ar fon as eigin dhoibh iarruidh air Dia ann urnuigh?*

F. Do bhri' gur e Dia a bheir gliocas agus neart dhuinn 'g a fhaotharachadh, a fhoirbheicheas le 'r faothair, agus a ni nithe maith na beatha fo tarbhach chum ar beathachaidh, agus ar conbhail fuas, Deut. 8. 18. Sal. 127. 2. Lebh. 26. 26. Deut. 8. 3.

C. *'M bu choir do na daoine faidhbhear, aig am bheil gu leor, an aran laitheil iarruidh ann urnuigh?*

F. B' eadh; bu choir dhoibh bhi ag urnuigh re Dia, gu 'm bithidh na gheabh iad air a bheannuchadh dhoibh, air a bhuanachadh aca, agus gu 'm fuighidh iad e, mar gu b' ann a laimh an Tighearna.

C. *C' ar fon as eigin dhuinn beannuchadh Dhia iarruidh air nithe aimfeireil?*

F. Do bhri' gu 'm bithidh iad malluichte agus cronail as eagmhuis a bheannuicheadh fin, Hag. 6. Mat. 2. 2.

C. *Nach fearr beagan le beannuchadh Dhia, na faidhbhreas nan aingidh?*

F. Is fearr, Sal. 37. 16.

C. *Ciod as coir dhuinn a dheanamh chum 'ſ gu m bithidh ar cuibh-rionn do nithe aimſireil air a bheannuchadh agus ſolaſach dhuinn ?*

F. 'S eigin dhuinn ar coir air Crioſt a choiſean iad a dheanamh cinnteach, bhi re faire ann aghaidh ro churam ſaoghalta, bhi ag earbſa re freaſdal ar n Athar neamhaidh, bhi toilichte le luidheaſachd' ſin, agus taingeil air a ſhon, co' throm a dheanamh ris gach duine, agus tiodhlacaidh Dhe a ghnathachadh chum a ghloire fein.

C. *Am bheil an t iartas ſo ag toirmeaſg gach gne do churam mu nithe a thaiſgeadh ſuas fa chomhair an am re teachd ?*

F. Cha 'n 'eil; oir ata cuid do churam air doidh roimh ſhealladh criondachd feumail chum freaſdal a dheanamh air ſon cloinne, agus teaghlaichean, agus ata ſo air gach achd ag co' ſheaſamh re bhi 'g earbſa' a Dia air ſon ar 'n arain laitheil. 2 Cor. 12. 14. 1 Tim. 5. 8. Chi ſinn gu n dothaiſg Joſeph fa chomhair na gaine bha ag teachd, agus ata Solamh a' cliuacha' bhi re cruinneachadh ſan t ſamh raidh, os barr, ata Crioſt fein ag iarruidh an ſbruileach a chuaidh ſhagail a thogbhail ſuas, agus bha fear ſporaſn aige chum 'ſ gu 'm bithidh taiſgeadh aca roimh laimh fa chomhair am feum, Gin. 41. 48. Sean. 6 6, 7, 8, &c. Eoin 6. 12 agus 13. 29. Sean. 31. 16.

C. *Ciod e an ro churam nach 'eil ag co' ſheaſamhris an iartas ſo ?*

F. An curam ſin ata ag ſrutha o an barr graidh do nithe ſaoghalta, ni 'ta ag tarruing dhaoine gu meadhona mio laghail a ghnathachadh chum righeachd orra, no 'ta 'g an lionadh le ſmuaintеadh mio-ſhuaimhneach, agus ain earbſach.

Ceiſt CV. *Creud ata ſinn a guidhe ſan chuigeadh iartas ?*

F.

F. San chuigeadh iartas, eadhon, (*Agus maith dhuinn ar fiacha, amhuil mar mhaithmid d' ar feicheanaibh*) atamaid ag guidhe Dhe, maitheamhnas a thabhairt dhuinn gu faor ann ar 'n uile pheacaidh air fon Chrioft; agus is moid ar mifneach fo iarruidh, gu bheil mid air ar neartucha trid a ghrafan, ann a' maitheamhnas a thabhairt do dhaoin' eile o ar croidhe.

C. *Cionnas nach 'eil aguinn ann an urnuigh 'n Tighearna ach aon iartas air fon nithe aimfireil, agus na h uiread air fan nithe fpioradail?*

F. A theagafg dhuinne bhi' moran ni as curamaiche mu ar 'n anamaibh luachmhor neo'-bhafmhor, na bhitheas finn m' an chorp bhochd bhafmhor.

C. *C' ar fon ata an t iartas fo air a cheangal ris an iartas ata air thoifeach air leis an fhocal cheangailfin, AGUS?*

F. A theagafg dhuinn nach fhead na nithe aimfireil a bhios finn ag mealtain, co' ' fhurtachd no folas a thabhairt as eagmhuis maitheamhnais cionta; agus uime fin, 'n uair a bhios finn ag iarruidh an dara h aon, bu choir dhuinn an aon eile iarruidh fan cheart am; oir ge do roibh an faidhbhreas faoghalt as mo aig duine, is creatuir truadh e ma 'ta e gun mhaitheamhnas f haghail.

C. *Cied 'ta air a chialluchadh le fiacha ann fo?*

F. Ar peacaidh' ne ann aghaidh Dhe.

C. *Do thaobh gu r i ar 'n umhlachd am fiacha ta dligheach do Dhia, ann an feagh direach, cionnas a deirir fiacha re peacadh?*

F, Deirir fiacha re peacadh mar an ceadna. do bhri' gu bheil finn a' gabhail fiacha as úr oi n fein, do cheartas De, 'n uair ata finn ag teachd gaoirid ann umhlachd a dhligheadh dh' a; le peacadh 'ta

finn

ſinn ag teachd ſa cheangal do cheart dioghaltas Dhe, air ſon gach ea coir ata ſinn ag deanamh air, chum ſmachdachadh ſiorruidh f huſang ; agus ata coir aig Dia mar am *fear-fiacha dioladh iarruidh 'n uair as aill leis.

C. *Nach 'eil comharthaidh droch fheicheanna eirne ?*

F. Ata ; oir ata ſinn neo'-chomaſach air an dioladh as lugha, ata ſinn ag fas coi dheas m' ar 'n ain f hiach a dhligheadh, cha 'n aill leinn na fiachaibh aidmheil, ata ſinn ag ſeachna cunntas a dheanamh, ata ſinn ag ſeachnadh an roid air an f hear fiachaidh, agus cha mhaith lein tachairt air.

C. *Nach 'eil ain fhiach a pheacaidh 'g air fagail buailteach do thruaigh as mo na ain-fhiach air bith eile ?*

F. Ata ; oir cha 'n 'eil ain-f hiach eile, ach ag fagail corpaibh dhaoine bualtaich do thruaigh ſan bheatha ſo, ni a chuireas am bas crioch air ; ach ata ain-f hiach a pheacaidh ag fagail ar 'n anamaibh agus ar corpaibh mar aon buailteach do thruaigh ſhiorruidh ann ifrinn a ghaintir as meaſadh air bith, as nach fead daoine duil a bhi aca re fuaſgladh.

C. *Am bheil e ann comas duin' air bhith na fiacha ſo iocadh ?*

F. Cha 'n 'eil uirread as an fhoirling as lugha.

C. *Cionnas ma 'ta a bhios ſinn air ar teoſairginn o uallach ar fiachaibh ?*

F. Is eigin dhuinn maitheamhnas faor iarruidh air Dia, mar ata ſinn air ar ſeoladh ſan iartas ſo,

MAITH DHUINN AR FIACHA.

C. *An toir Dia logha dhuinn ann 'ſ na fiachaibh gun dioladh fhaghail d' a cheartas ?*

F. Cha tabhair ; ach ſhoilair e fein urras dhuinn a thug lan dioladh, eadhon, an Tighearn' Joſa

*agartais.

Josa Crioſt, agus 'ſ an sir a ſgath ſin as eigin dhuinn maitheanas iarruidh.

C. *Ma thug Crioſt dun dioladh ſan ain-fhiach cionnas ata am maitheanas ſaor ?*

F. Ata e ſaor dhuinne, do bhri' nach 'eil Dia ag iarruidh dioladh air bith uaith ne, agus gur h e fein a ſholiair an t urras gu ſaor dhuinne o 'm bheil e 'g iarruidh diolaidh, gun toilteanas, no togradh air bith ann aine, mar ſo, ata a mhaitheanas ſaor d' ar taoibh ne, do reir, Rom. 3. 24. " Air " dhoibh bhi air am fireanachadh gu ſaor le a " ghras, trid an t ſaorſa ata ann Josa Crioſt."

C. *Creud iad na meadhona is eigin a ghnathacha' chum 'ſ gu 'm fuigh mid an ſaor mhaitheanas ſo ?*

F. 'S eigin dhuinn dol a dh' ionnſuidh trocair Dhe ann Crioſt, le creidimh agus aithreachas, agus bhi ag tagradh maitheanais air a ſgath ſan ; agus rún a thoirt maitheanais d' ar luchd fiacha a thaisbean, mar 'ta Crioſt ag teagaſg dhuinn.

C. *Co ata r' a thuicſin le 'r luchd fiachaibh ann ſo ?*

F. Na h uile a rinn cron no eacoir oirn, ann ar pearſaidh, ann ar maoin, ann ar 'n ainm, ann ar daimh, no ann ni air bhithe eile.

C. *Cionnas ata ſinne ag logha cionta ar luchd fiachaibh ?*

F. Le bhi 'g an leigeil ſeachad, gun fhuadh, no togradh dioghaltais nan aghaidh, ach a bhi ullamh a dheanamh maith orra 'n tra' bhios e 'n ar comas.

C. *Am bheil an droing ſin ag teirt maitheanais o 'n croidhe, ag am bheil rún chum cron do dhaoin' eile, no 'ta re gairdeachas diomhair 'n uair a tharlas olc dhoibh ?* *F.* Cha 'n 'eil.

C. *Ciod i an ſtaid ann ſam bheil an dream ſin nach maith an cionta do dhaoin' eile?*

F. Ata Crioſt ag radh, " ni mo a mhaitheas " Dia dhoibhſin an cionta," Math. 6. 15.

C. *Am bheil ſinn air didh air bith ag toiltin*

-maitheamhnas

maitheamhnas o Dhia, le bhi ag toirt maitheamhnas do dhaoin' eile ?

F. Cha 'n 'eil ; ata ſo amhain na adhbhar miſnich a bhi 'g earbſa a maitheanas o Dhia, 'n uair a mhothaicheas ſinn an fhia'-nais ſo air grás Dhe ann ar croidheachan, ata cur impidh oirne chum maitheanas a thoirt ſeachad.

C. *Am bheil ſinn comaſach dh' inn fein air maitheanas a thoirt do dhaoin' eile ?*

F. Cha 'n 'eil, 'ſ eigin dhuinn grás fhaghail o Dhia g' ar neartuchadh chum ſo a dheanamh, Luc. 17. 3. &c.

C. *Am bheil é r' a thuicſin o 'n iartas gur ionann an dóidh air am bheil ſinne ag toirt maitheanais do chach eile, ris an dóidh air am bheil Dia ag toirt maitheanais dhuinne ?*

F. Cha 'n 'eil ; oir cha 'n urra ſinne maitheanas a thabhairt, co ſhaor, co iomlan, agus co-chriochnaichte as a bheir Dia : ach is briathar coſamhlachd ſo, ata ag taiſbean ar togradh chum Dia a leantain ann ſan doidh air am bheil e ag maithe dhuinne, agus gur coir dhuinn ſo a dheanamh gu croidheil agus gu neo'-mheangail.

C. *Nach 'eil e ro chunntartach bhi gnathachadh urnuigh an Tighearna le croidhe mi runach ?*

F. Ata ; oir ata an droing ſin a' gnathachadh malluch oilteil 'nan aghaidh fein, a' guidhe gu 'm buineadh Dia riuſan mar ata iadſan ag buinteann re daoin' eile, eadhon, nach d' thugadh e maitheanas idir dhoibh.

C. *Cionnas a rigeas ſinn air an fhónn anama ſo bhi ag toirt maitheanas ſeachad ?*

F. Le bhi 'g a iarruidh air Dia, agus le bhi ag beachduchadh air aitheantaibh agus eſempleir ar ſlanui'-fhir, agus air a ghealladh maitheanais ata coi'-cheangailt riu, Mat. 6. 14. agus mar an ceadna, le bhi ag cuimhneach gu bheil ſinne, ag deanamh moran tuilleadh ea coir air Dia na 'ta duin' air bhi ag deanamh oirne, agus ma 'ta Dia ag

logha

logha deich mile talanna dhuinne, 's maithe a dh' fheadas sinne ceud peghinn a mhaithe d' ar coimhearsnach, Mat. 17. 32. 33.

C. *An coir dhuinn' maitheanas a thoirt do 'n droing nach eil 'g a iarruidh oirn, no re aithreachas air a shon ?*

F. 'S eadh ; oir chi sinn gu 'n d' rinn Crioſd agus Stephen ſo.

C. *Nach 'eil iad ag fantuin fuigh fhiacha do Dhia air ſon am peacaidh mar dean iad aithreachas, ge do bheir ſinne maitheamhnas dhoibh ?*

F. Ata ; agus uime ſin, cha bu choir dhoibh ſin ata ag deanamh ea' coir air an coimhearſnach, iad, fein a thoileachadh le maitheamhnas o dhaoinibh, ach 's eigin dhobh glaodhaich re Dia, chum 's gu 'n d' thugadh eiſean maitheanas dhoibh mar an ceadna, ag radh le Daibhi, Sal. 51. 4. A 'taghaidh 's a' t aghais e amhain do pheacaich me, mur gun abradh e, is beag an cron a rinn miſe air cach eile, ann coimeas ris an ea coir a rinn me ortſa o Thighearna.

Ceiſt CVI. *Creud ata ſinn a' guidhe ſan t ſeathadh iartas ?*

F. San t ſeathadh iartas, eadhon, *(Agus na leig am buaireadh ſinn ach ſaor ſinn o olc)* ata ſinn ag guidhe Dhe ar coimhid o bhi air ar buaireadh chum peacaidh : no ar conbhail ſuas agus ar ſaoradh an t am a bhuairear ſinn.

C. *C' ar ſon ata an t iartas ſo air a cheangal ris an iartas air thoiſeach air leis an fhocal ſin, AGUS ?*

F. A theagaſg an da ni ſin dhuinn, 1. Gur iad an dream a gheibh maitheanas cuſboirean mioruin an aidbheirſeoir. 2. 'N uair a bhios na peacaidh a chuaidh ſeachad air an logha gu 'm bu

bu choir dhuinn bhi ro churamach re faire ann aghaidh a pheacaidh ſan am re teachd, Sal. 85. 8.

C. *Creud iad na buairibh ſin d' am bheil ſin buailteach?*

F. Ata d' a ghne dhiubh ann, cuid chum ar dearbhadh agus cuid eile d 'ar mealladh

C. *Cia uaithe 'ta na buaireabh ſin ata chum ar dearbhadh ag teachd?*

F. Ata o Dhia, mar ſo bhuair e Abraham, Gin. 22. 1.

C. *C' ar ſon ata Dia ag buaireadh a luchd muintir?*

F. Chum an creidimh agus an graſan eile a dhearbhadh, 1 Phead 1. 6, 7.

C. *Do bhri' gur aithne do Dhia gu h iomlan ciod ata ann ſgach duine, c' ar ſon ata e 'g an dearbhadh?*

F. Ni bheil e ag dearbhadh no ag feuchain a luchd muintir air a ſhon ſin, ach air an ſon fein, chum 's gum b' fhearr a b' aithne dhoibh iad fein; agus mar an ceadna air ſon dhaoin' eile, chum le bhi ag dearcadh air an graſan, gu 'm bithidh iad air am brofduchadh chum an eiſempleir a leantainn agus le bhi ag toirt fai dear d' an anmhuinneachd, gu foghluimibh iad gluaſachd irioſal an lathair Dhe.

C. *Cionnas ata an t abſtol Seamas ag radh nach 'eil Dia ag buaireadh neach air bith?*

F. 'S e ſeagh an aite ſin, nach 'eil Dia ag buaireadh duin' air bhith chum a mhealladh, no a tharruing chum peacaidh.

C. *Cia uaithe ma 'ta-a thig am buaireadh ata ag mealladh dhaoine?*

F. O 'n diabhol, o 'n t ſaoghal, agus o 'n fheoil.

C. *C' ar ſon a deirir am buaireadoir ris an diabhol?*

F. Do' bhri' gu bheil lamh ſhonruight aige ann

ar

ann ar buaireadh gu peacach, agus is gnath obair dh' a bhi ag mealladh agus ag brosduchadh dhaoine chum uilc.

C. *Nach buaireadoir ro cheilg-sheoltadh an diabhol?*

F. Is eadh, mar ata e soilleir le e bhi gabhail beachd eolais air staid dhaoine, agus ag roghnacha' na h amaibh, agus na meadhona as iomchuidhe, agus na buairibh as fearr a fhreagras chum buadhach orra, le bhi 'g a chuir fein air uaireadh ann cruth aingeil soillse, agus uaithe so, 'ta na sgriobtuir ag radh an tsean naithir ris, agus ag labhairt air innleachdaibh, air a chuil bheartachd agus, air a liontaibh, Job 1. 8. Taif. 12. 9. 2 Cor. 2. 11. Eph. 6. 11. 2 Tim. 2. 26. 2 Cor. 11. 14.

C. *Nach eil am buaireadoir so ro ain iochd-mhor amhail as mar ata e cealgaich?*

F. Ata; agus uime sin, deirir leomhan beuchdach ris, 1 Phead. 5 8. oir 'ta e ag slugadh suas a chabhartachd gun truacantas air bith, 'n uair a gheibh e lamh an uachdar orra. Ge do bhios e air thus gu seolta' ag buaireadh, agus a tarruing dhaoine a chur a pheacaidh ann gniomh, gidheadh diteadh e le h ainiochd iad, ann diaidh laimh, agus pianaidh e air a shon iad.

C. *Nach mor is usadh do 'n diabhol buadhacha' oirne, gu 'm bheil cairdibh laidir aige ann taobh stigh dh' inn?*

F. 'S eadh; oir 'ta ain-miannaibh na feola do ghna' ullamh, cosmhail re Dellilah, chum ar toirt suas ann a lamhan, Breith. 16.

C. *Creud ata r' a thuicsin leis na briathraibh sin, NA LEIG AM BUAIREADH SINN?*

F. Ann 's na briathraibh sin, ata sinn ag guidhe, nach fagadh Dia buailteach gu buaireadh sinn, agus nach d' thugadh e suas gu toil a bhuaireadoir sinn; chum, as an uair a bhitheas sinn buailteach dhoibh, nach conbhadh Dia congnadh a ghrais

uaithn' ach gu neartuicheadh e finn chum cathachadh 'n an aghaidh.

C. *Nach 'eil Dia air uaireadh mar bhreitheamh ag fagail dhaoinibh gu cumhachd an aidhbheirfeoir?*

F. Ata; agus fin gu ceart bhreitheach. do bhridh gu bheil iad le 'm peacaidh 'g a bhrofduchadh chuige fin, 1 Sam. 16. 14. Job 1. 12. Sal. 109. 6. Rom. 1. 24. 2 Theff. 2. 11.

C. *Nach bu choir dhuinn bhi ag guidhe gu cumadh Dia finn o bhi air ar buaireadh?*

F. B' eadh; do bhri' gu bheil finn dh' inn fein, lag agus anmhunn a chur n an aghaidh, agus ullamh a dh' aontachadh leo.

C. *Cionnas ata Dia 'g ar coimhid o bhi air ar buaireadh?*

F. Ata é 'g a dheanamh fo, le bhi ag naomhacha ar naduir-ne, no le bhi ag ceangal fuas a bhuaireadoir, no le bhi 'g ar coimhid o theachd an ród a bhuaireadh. Ata an Tighearn' air uaireadh ag cur fal mu thimchioll a luchd muintir le droighinn na triobluid d' an conbhail o dhol air feachran ann an flighe chlaon agus chunntartach, Hof. 2. 6.

C. *Nach bu choir dhuinn ar 'n uile dhicheall a chur re ar 'n urnigh le bhi ag faire oirn' fein, chum 'fnach bitheamaid air ar buaireadh gu peacadh?*

F. B' eadh, oir 'fi fo toil an Tighearna gu 'm bithidh faire agus urnuigh ag dol laimh air laimh, Mat. 26. 41. " Deanaibh faire agus urnuigh " chum as nach tuit fibh am buaireadh."

C. *Nach 'eil Dia air uaireadh ag ceaduchadh do 'n Diabhol a chaomh luchd muintir a bhuaireadh?*

F. Ata; oir ata e ag faicfin fo iomchuidh chum a' maith, a dhearbhadh an grafan, a laghduchadh an uaibhreachais, d' am brofduchadh chum urnuigh, a nochda' dhoibh am feum ata aca air beatha a chreidimh ann an Jofa Crioft, d' an deanamh far thoileach chum an faoghal fo fhagail, far am bheil an namhaid fin ag dol m' an

cuairt

cuairt, agus d' an dea mh deigheil air trial chum 'n am flaitheas far am bi iad gu fiorruidh faor d' a bhuaireadh.

C. *C' ar fon ata an Diabhol ag buanachadh ann bhi ag buaireadh luchd muintir Dhe, & nach 'eil e 'n a chomas a' milleadh?*

F. Ata a mhi-run co mhor dhoibh, is mar 'eil e na chomas an conbhail o neamh, gu n dean e an t flighe g' a ionnfuidh co docrach as a dh' fhead-as e.

C. *Creud iad na h adhbhair co' fhurtachd ata Dia ag luidheafachadh air a luchd muintir 'n tra' bhios iad fuidh bhuaireadh?*

F. Ata e na adhbhar mifnich dhoibh, gu bheil fios aca gu bheil an t aidhbhirfeoir fuidh chuibhreach aig' am fear faoruidh, air achd is nach 'eil e na chomas am buaireadh ni as faide na cheaduicheas Crioft dh' a, gu 'n d' thug eifean a ghealladh for agus milis dhoibh, gu cum e fuas iad; gu 'n d' aontaich e fein a bhi air a bhuaireadh leis an Diabhol, chum 'f gu 'm bithidh co' mhothach aige r' a phobul, agus gu 'm bithidh e ullamh gu cabhair a dheanamh orra fan ann am am buaireadh, Eabh. 2. 18.

C. *Creud iad na geallaibh a thug Crioft d' a luchd muintir d' a conbhail fuas fuidh bhuaireadh?*

F. Gheall e a latharach ghrafmhor dhoibh faoi, an chruaidh fheuchain as goirteadh, agus nach leig e dhoibh bhi air am buaireadh thar an comas ach mailie ris a' bhuaireadh gu 'lean e flighe dol as dhoibh, Ifa. 43. 2. Eabh. 13. 5. 1 Cor. 10. 13.

C. *Cionnas ata Crioft ag deanamh cabhair air a luchd muintir 'n tra' bhios iad air am buaireadh?*

F. Ata e ag cur a Spioraid a neartuchadh obair nan gras ann taobh ftigh dhiu, ag toirt orra bhi cuimhneachadh air a ghealladh; ata e re eidear ghuidh air an fon, nach diobradh an creid-

imh iad, agus ata e ann am iomchuidh ag toirt a bhuaireadoir uatha.

C. *Am bheil neach air bhith comafach air e fein a choimhead ann am a' bhuaireadh ?*

F. Cha 'n 'eil; oir 'f e Dia amhain ata comafach chum an gleidheadh o thuifleadh, Jude 24.

C. *Nach'eilan t aidh bheirfeoir air uaireadh ag cur fmuainteadh ain earbfach, agus dia mhafach an croidheachan luchd muintir Dhe ?*

F. Ata.

C. *An agair Dia na fmuainteadh fin mar chionta air a phobull fein ?*

F. Cha 'n agair ma 'f e 'f gur fuathach leo iad gu bheil doilgheas orr' air an fon, agus nach 'eil iad ag aontachadh leo.

C. *Ciod ata air a chialluchadh leis an olc, ann fan iartas fo o am bheil finn ag guidhe bhi air ar faoradh ?*

F. Ata finn a' guidhe ann fo, bhi air ar faoradh o 'n aon olc, eadhon, o 'n Diabhol; o olc nan olc, am peacadh, o olc a' bhuaireadh fan t faoghal fo, agus o olc a pheanais fan t faoghal ata re teachd.

C. *Am bheil ni air bith eile mar fhiacha oirn, ach bhi ag guidhe teafairgin o 'n olc ?*

F. Ata; 'feigin dhuinn mar an ceadna, bhi re faire, agus gu curamach ag feachna gach fath chum peacaidh, mar 'ta diomhanas, droch cuideachd, agus an leithid fin, oir gach neach nach 'eil ag deanamh fo, ata urnuigh na fochaid air Dia.

Ceift CVII. *Creud ata co' dhunadh urnuighe an Tighearna ag teagafg dhuinne?*

F. Ata co' dhunadh urnuighe an Tighearna, eadhon, *(Oir is leatfa an Rioghachd, agus an cumhachd, agus a' gloir, gu fiorruidh, AMEN)* ag teagafg dhuinne mifneach ann urnuigh

urnuigh a ghabhail o Dhia ambain, agus ann ar 'n urnuigh eifean a mholadh, le rioghachd, cumhachd, agus gloir do thabhairt dh' a. agus mar fhia' nais air ar miann, agus air dearbhbeachd ann eifteachd fhaghail, deirmid AMEN.

C. *Creud ata finn ag foghlum leis an fhocal fin OIR, ata air a chur re co'dhunadh na h urnuigh fo?*

F. Ata e ag teagafg dhuinn bhi ag fparragh ar 'n urnuigh le argumainte, mar bu ghna' leis na neomh a dheanamh, mar chi finn, Air. 13, 14. &c, Joth. 7. 9. 2 Chron. 14. 11. & 20. 6, &c.

C. *C' ar fon is eigin dhuinn argumainte a gnathachadh ann urnuigh re Dia?*

F. Cha 'n ann a chur impidh air Dia le fin, a thoirt an ni fin dhuinn nach bu toileach leis; ach bu choir dhuinn a dheanamh chum ar creidimh a neartuchadh, agus a bhrofduchadh ar dian dhurachd ann an tagradh re Dia.

C. *Am fea l finn ar 'n argumainte agus adhbhar ar mifneach an urnuigh a tharruing o fhuigheantas no maitheas air bith ann ain fein?*

F. Cha 'n fhead.

C. *Cia uaithe ma 'ta is eigin dhuinn an tarruing?*

F. O bhuaidhibh neo' chriochnach Dhe, agus o fheartaibh Jofa Crioft a Mhic.

C. *Creud iad na h argumainte, na na h adhbhair mifneich ata air an ainmeachadh ann an co-dhunadh urnuigh an Tighearna?*

F. Iad fin, eadhon, rioghachd, cumhachd, agus gloir Dhe, noch a mhairtheas gu fiorruidh.

C. *Ciod as crioch agus feagh do 'n cho'-dhunadh fo?*

F. A nochda' dhuinne nan riofunn ata againn ann urnuigh a dheanamh re Dia, agus mar an ceadna a theagafg dhuinn gu 'm bi a chrioch

fhonruighte

fhonruighte a bu choir dhuinn a chuir romhain ann ar 'n urnuigh gu bithidh rioghachd, cumhachd, agus gloir Dhe, air am foillfeachdh, agus air an arduchadh ni as mo, agus ni as mo.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le rioghachd Dhe ann fo?*

F. An t ard uachdranachd rioghail, agus an t ughdarras iomlan ata aig Dia air an t faoghal, agus air gach aon ni ata air neamh agus air thalamh.

C. *Am bheil rioghluchadh gach rioghachd agus uachdaraln an t faoghail gu leir aig Dia?*

F. Ata, agus uime fin, ata e ag riaghluchadh rioghachdaibh, agus ftataibh an t faoghail gu leir, agus ata coir neo'-f huafgailt aige air a fo dheanamh, ann an rioghachdibh nadurra, an fhreafdail, nan gras, agus na gloire, mar chiotfar leis maith.

C. *Creud an t adhbhar mifneich a dh' fheadas finn a tharruig o rioghachd Dhe ann ar 'n urnuigh?*

F. Do bhri' gur h e Dia ar Righ ne, agus ar Riogh lui'-f hear d' am buin gach aon ni a ftiuradh agus a rioghluchadh mar is aill leis, ata adhbhar dochais aguinn gu 'm bi é ullamh a thoirt an ni a bhios maith dhuinn do reir ar feum; oir bithidh run maith aig deagh Righ d' a iochdarain. Agus uime fin, is tric le luchd muintir Dhe bhi ag tagradh ris air an doimh fo, Sal. 2. & 20. 9. &. 74. 12.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le cumhachd Dhe ann fo?*

F. A neart agus a chomas neo'-chriochnach, leis am bheil e ag deanamh gach aon ni as aill leis.

C. *Ciod e an t adhbhar mifneich a dh' fheadas finn a ghabhail o chumhachd Dhe ann ar 'n urnuigh?*

F. Do bhri' gu bheil e uilea chumhachdach, ata e leor-f hoghainteach, a thoirt gach ni maith a dh' iarras finn dhuinne; agus ata an argumainte

fo,

fo air a gnathachadh gu tric ann urnuigh, 1 Chron. 29. 12. 2 Chron. 20. 6. Mat. 8. 2. Marc. 14. 36. Eph. 3. 20.

C. *Ach cionnas ata e foilleir gu bheil Dia toileach amhail is mar ata e comafach ?*

F. Do bhri' gu bheil e ag gabhail dh' a fein iomradh Righ ro ghrafmhor a' iochdarain, agus Athar gradhach d' a chloinn gu h uile.

C. *Ciod ata r' a thuigfin le gloir Dhe ann fo ?*

F. An onoir, an inmhe, agus a' moladh a dhlighear do Dhia, a thaobh oirdheirceachd neo'-chriochnach.

C. *Ciod i an argumainte ata finne ag tarruing o ghloir Dhe ann ar 'n urnuighin ?*

F. Gu bheil e gu mor chum gloir ainm fein ar 'n iartais a dheonachadh dhuinn, & gur i fo a chrioch fhonruighte 'ta finne a' cur romhain ann 'f gach aon ni ata finn ag iarruidh, Sal. 79. 9. & 86. 11, 12. & 115. 1, 2. Jer. 14. 21. Eoin 14. 18.

C. *Ciod e an t adhbhar mifnich a dh' fheadas finn a ghabhail o na briathraidh fin gu SIORRUIDH ?*

F. Ata e ag neartuchadh ar creidimh' ne a bhi ag fmuainteachadh, gu bheil uachdranachd agus buaidhean Dhe bioth bhuan ; agus nach d' thig crioch air a chumhachd d' ar cuideachadh gu brath, mar tharlas do rioghraibh talmhaidh.

C. *Am bheil Crioft leis a cho'-dhunadh fo 'g ar teagafg, bhi ag arduchadh, agus ag toirt cliu do 'n Tighearn' ann ar 'n urnuigh, agus bhi ag cur molaidh d' a ainmfin do ghna' re ar 'n urnuigh in ?*

F. Ata ; oir ata fonn buidheachais fior thaitneach do Dhia, Sal. 69. 30. agus ata e ag cur impidh air ar 'n iartas a thoirt dhuinn, Sal. 67. 5, 6.

C. *Ciod as feagh do 'n focal fo, AMEN ?*

F. Is focal Eabhrach e, ata ag cialluchadh cinnt agus firinn ; mar gum bithidh e air a radh, a

Tighearna,

Thighearna, ata e mar sin, no bitheagh e mar sin; agus ata sinn le so, ag taisbean ar tograidh durachdach chum eisteachd fhaghail, agus ar 'n earbsa umhal gu 'm fuigh sinn an ni a dh' iarras sinn ann an ainm JOSA CRIOST, neach is e maille ris an ATHAIR, agus an SPIORAD NAOMH, an aon ard DHIA, co dh' a gu roibh gloir gu siorruidh AMEN.

CRIOCH.

Mearachd a Chlo'-bhualaidh.

Taobh.	line.	leagh.	Taobh.	line.	leagh
23.	8.	tric	85.	16.	sdiuradh
	25.	*chreidimh*	90.	19.	tairgse,
25.	22.	do 'n Mhac	105.	23.	*sin*
27.	13.	*Dhia*	126.	29.	*da*
28.	30.	*inmhe*	146	7.	taobh
30.	17.	*chriostuidh*	167.	1.	*aghaidh*
33.	7.	*thaobh*	198.	8.	*buaidhean*
35.	30.	saoghal	207.	28.	le
40.	7.	iomchuidh	212.	26.	*lei*
44.	5.	d' a	216.	2.	*aitheantaibh*
45.	14.	luchd	240.	2.	*na*
50.	10.	*lagh*	287.	31.	*uaireadh*
53.	9.	Le	301	33.	a
59.	30.	roiob	319.	17.	*Na*
70.	38.	*sinchd*	326.	28.	b' eadh
74.	38.	*t clc*	346.	8.	claoidh
81.	8.	agus	429.	36.	*NAOMHACHADH.*

As page 197. was accidentally spoiled in several copies in the working, the bookbinder is desired to cancel that leaf where-faulty, and to substitute another in place of it.



sorders before-mentioned; but, above all, as a FAMILY NE, it is earnestly recommended *to the Weak and Irritable, d and Infirm*, who so frequently labour under *habitual Costive-*Evils of which are almost universally aggravated by the Use *mmon* Purgatives. This Medicine, on the contrary, at the ne that it affords, *in the gentlest Manner*, present Relief, also, ving the Source of the Malady, prevents its Recurrence in romoting that Degree of Tone and Vigour in the Stomach els, which is so essential to *Health*, and conducive to *long Life*.

THE FOLLOWING

table Persons (who have derived great Benefit from the Use BB's Elixir and Pills, in some of those Complaints, for which confidently recommended) have generously consented *(nay, even solicited)* their Names should be published, for the neces-rmation of others.

eneral PECHE, - -	Weymouth-Street, Portland-Place.
. Mr. LINDSEY, - -	No. 24, Margaret-St. Cavendish-Square.
RD BIRD, Esq. - -	Cockhill.
EDWARDS, - -	of the Hawke East Indiaman.
WARDS, - -	
SMEDLEY, - - -	of the Raymond East Indiaman.
HANNAY, - - -	of the Woodcott East Indiaman.
CKINGHAM, - -	No. 22, Bread-Street, Cheapside.
N SMITH, - - -	No. 31, Friday-Street, Cheapside.
AM HARRISON, Esq. -	Bartholomew-Close.
RRISON, - -	Ditto.
LLIAM HENNELL, -	Noble-Street, Falcon-Square.
OFIELD, - - -	Builder, Jewin-Street.
HOFIELD, - - -	Ditto.
N RHODES, - -	Stock-Broker, Castle-St. Falcon-Square
ODES, Sen. - - -	Ditto.
RNWELL, - - -	Warren-Place, Hampstead-Road.
RNARD, - - -	Hoxton, at
QUHOUN, - - -	Magistrate, Charles's-Square.

mediate Efficacy of these Medicines, in the Relief of Bilious ts, and Disorders incident to hot Climates, is so well known men in the East India Company's Service, that few of them without a proper Supply for the Voyage.—It may not be wise to remark, that General ABERCROMBIE, and many dis-Officers in the *West Indies*, (where the Yellow Fever is so) have been heard to declare, they have frequently witnessed ficial Effects.